§374 (ii) <i>timcheall air</i>	358
<b>§375 tre<sup>s</sup></b>	358
§375 (i) Gun an t-alt	358
§375 (ii) Ron alt	358
§375 (iii) Ro <i>gach</i> ; <i>na</i> <sup>dh</sup>	358

§375 (iv) Le riochdair seilbheach	358
§375 (v) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)	358
§375 (vi) Brìgh	358
<b>§376 trid</b>	358
§376 (i) Gun an t-alt	358
§376 (ii) Ron alt	358
§376 (iii) Ro <i>gach; na</i> <sup>dh</sup>	359
§376 (iv) Le riochdair seilbheach	359
§376 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail	359
§376 (vi) Mar cho-ghnìomhair	359
§376 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)	359
§376 (viii) Brìgh	359
§376 (ix) Mar ro-leasachan	359
<b>§377 tro<sup>s</sup></b>	359
§377 (i) Gun an t-alt	359
§377 (ii) Ron alt	360
§377 (iii) Ro <i>gach; na</i> <sup>dh</sup>	360
§377 (iv) Le riochdair seilbheach	360
§377 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail	360
§377 (vi) Mar cho-ghnìomhair	360
§377 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)	360
§377 (viii) Brìgh	360
§377 (ix) Abairtean co-ghnìomhaireach	360
§377 (x) Mar ro-leasachan	360
<b>20 Ro-leasachain</b>	<b>361</b>
<b>§378 Ro-ràdh</b>	<b>361</b>
§378 (i) Cleachdadh is brìgh	361
§378 (ii) Cruth	361
§378 (iii) Seòrsa	361
§378 (iv) Filltich	362
<b>§379 ais<sup>s</sup></b>	<b>362</b>
<b>§380 an<sup>(s)</sup> 7c</b>	<b>362</b>
§380 (i) <i>an</i> <sup>(s)</sup> 7c	362
§380 (ii) <i>ana</i> <sup>(s)</sup> 7c	363
<b>§381 ao- 7c</b>	<b>363</b>
§381 (i) <i>ao-</i>	363
§381 (ii) <i>ao~/aoi~</i>	363
<b>§382 às<sup>s</sup> 7c</b>	<b>363</b>
§382 (i) <i>às</i> <sup>s</sup>	364

§382 (ii) <i>as</i> <sup>~(S)</sup> / <i>ais</i> <sup>~(S)</sup>	364
§383 <i>ath</i> <sup>-S</sup> 7c	364
§383 (i) <i>ath</i> <sup>-S</sup>	364
§383 (ii) <i>ath</i> <sup>~S</sup> / <i>aith</i> <sup>~S</sup>	364
§383 (iii) An t-alt + <i>ath</i> (-) <sup>S</sup>	364
§384 <i>ban</i> <sup>-S</sup>	364
§384 (i) <i>ban</i> <sup>-S</sup>	365
§384 (ii) <i>ban</i> <sup>~S</sup> / <i>bain</i> <sup>~S</sup>	365
§384 (iii) <i>bana</i> <sup>-S</sup>	365
§384 (iv) <i>bana</i> <sup>~S</sup>	365
§385 <i>bith</i> <sup>-S</sup> 7c	365
§385 (i) <i>bith</i> <sup>-S</sup>	365
§385 (ii) <i>bith</i> <sup>~S</sup> / <i>bioth</i> <sup>~S</sup>	365
§386 <i>cath</i> <sup>-S</sup>	366
§386 (i) <i>cath</i> <sup>-S</sup>	366
§386 (ii) <i>caith</i> <sup>~S</sup>	366
§387 <i>co</i> <sup>-S</sup> 7c	366
§387 (i) <i>co</i> <sup>-S</sup>	366
§387 (ii) <i>co</i> <sup>~S</sup> / <i>coi</i> <sup>~S</sup>	366
§387 (iii) <i>comh</i> <sup>~S</sup> / <i>coimh</i> <sup>~S</sup>	367
§388 <i>dì</i> <sup>~(S)</sup> 7c	367
§388 (i) <i>dì</i> <sup>-S</sup> , <i>dì</i> <sup>~(S)</sup> / <i>dìo</i> <sup>~(S)</sup>	367
§388 (ii) <i>dio</i> ( <i>m</i> ) <sup>~</sup>	367
§389 <i>do</i> <sup>-S</sup> 7c	367
§389 (i) <i>do</i> <sup>-S</sup>	368
§389 (ii) <i>do</i> <sup>~S</sup>	368
§390 <i>eadar</i> <sup>-S</sup> 7c	368
§391 <i>eàrr</i> <sup>-S</sup>	368
§392 <i>eas</i> <sup>~(S)</sup>	369
§392 (i) <i>eas</i> <sup>~(S)</sup>	369
§392 (ii) <i>eas</i> <sup>~(S)</sup>	369
§393 <i>eu</i> - 7c	369
§393 (i) <i>eu</i> -	369
§393 (ii) <i>eu</i> <sup>~</sup>	369
§394 <i>fèin</i> <sup>-S</sup> 7c	369
§395 <i>fo</i> <sup>-S</sup>	369
§395 (i) <i>fo</i> <sup>-S</sup>	369
§395 (ii) <i>fo</i> <sup>~S</sup>	369
§396 <i>for</i> <sup>-S</sup> 7c	370
§396 (i) <i>for</i> <sup>-S</sup> / <i>far</i> <sup>-S</sup>	370

§396 (ii) <i>far</i> - <sup>s</sup>	370
§397 <i>frith</i> - <sup>s</sup> 7c	370
§397 (i) <i>frith</i> - <sup>s</sup> 7c ‘an aghaidh; air ais’	370
§397 (ii) <i>frith</i> - <sup>s</sup> 7c ‘beag, meanbh; ionadail’	370
§398 <i>iar</i> - <sup>s</sup>	370
§399 <i>im</i> - <sup>s</sup> 7c	371
§399 (i) <i>im</i> - <sup>s</sup> 7c ‘mu, timcheall; a thaobh’	371
§399 (ii) <i>im</i> - <sup>s</sup> 7c ‘glè’	371
§400 <i>in</i> - <sup>s</sup> 7c	371
§401 <i>iol</i> - <sup>s</sup> 7c	371
§401 (i) <i>iol</i> - <sup>s</sup>	371
§401 (ii) <i>iol</i> - <sup>s</sup>	371
§402 <i>ioma</i> - <sup>s</sup> 7c	371
§402 (i) <i>ioma</i> - <sup>s</sup>	371
§402 (ii) <i>iomadh</i> - <sup>s</sup>	372
§403 <i>ion</i> - <sup>s</sup> 7c	372
§403 (i) <i>ion</i> - <sup>s</sup>	372
§403 (ii) <i>ion</i> - <sup>s</sup>	372
§404 <i>leas</i> - <sup>s</sup> 7c	372
§405 <i>leth</i> - <sup>s</sup> 7c	372
§405 (i) <i>leth</i> - <sup>s</sup>	372
§405 (ii) <i>leth</i> - <sup>s</sup>	372
§406 <i>mì</i> - <sup>s</sup>	372
§406 (i) <i>mì</i> - <sup>s</sup>	373
§406 (ii) <i>mì</i> - <sup>s</sup> / <i>mìo</i> - <sup>s</sup>	373
§407 <i>neo</i> - <sup>s</sup>	373
§407 (i) <i>neo</i> - <sup>s</sup>	373
§407 (ii) <i>neo</i> - <sup>s</sup> / <i>neoi</i> - <sup>s</sup>	373
§408 <i>oll</i> - <sup>s</sup> 7c	373
§408 (i) <i>oil</i> - <sup>s</sup>	373
§408 (ii) <i>uile</i> - <sup>s</sup>	373
§409 <i>os</i> - <sup>s</sup> 7c	373
§410 <i>ro</i> - <sup>s</sup> 7c	373
§410 (i) <i>ro</i> - ‘toisich; air thoiseach’	373
§410 (ii) <i>ro</i> - ‘glè’	374
§411 <i>seac</i> - <sup>s</sup> 7c	374
§411 (i) <i>seac</i> - <sup>s</sup>	374
§411 (ii) <i>seachd</i> - <sup>s</sup>	374
§412 <i>seach</i> - <sup>s</sup>	374
§413 <i>sìor</i> - <sup>s</sup>	374

§414 <i>sith</i> - <sup>s</sup>	374
§415 <i>so</i> - <sup>s</sup> 7c	375
§415 (i) <i>so</i> - <sup>s</sup>	375
§415 (ii) <i>so</i> - <sup>s</sup> / <i>soi</i> - <sup>s</sup>	375
§416 <i>tar</i> - <sup>s</sup> 7c	375
§416 (i) <i>tar</i> - <sup>s</sup>	375
§416 (ii) <i>tras</i> - <sup>s</sup>	375
§417 <i>trid</i> - <sup>s</sup>	375
§418 <i>tro</i> - <sup>s</sup>	375
§419 <i>uile</i> - <sup>s</sup>	375
§420 <i>ur</i> - <sup>s</sup> 7c	376
§420 (i) <i>ur</i> - <sup>s</sup>	376
§420 (ii) <i>ur</i> - <sup>s</sup> / <i>uir</i> - <sup>s</sup>	376
<b>21 Co-ghnìomhairean</b>	<b>377</b>
§421 <b>Ro-ràdh</b>	377
§421 (i) Mìneachadh	377
§421 (ii) Dreuchd	377
§422 <b>Cruth agus co-rèir</b>	377
§422 (i) Structar	377
§422 (ii) Suidheachadh	377
§422 (iii) <i>gu leòr</i>	378
§422 (iv) Còmhla ri gnìomhair	378
§423 <b>Co-ghnìomhairean ama</b>	378
§423 (i) San àm a dh'fhalbh	378
§423 (ii) San àm seo	379
§423 (iii) San àm ri teachd	379
§423 (iv) Tricealachd	380
§423 (v) Measgaichte no neo-dheimhinnte	381
§424 <b>Co-ghnìomhairean àite</b>	381
§424 (i) Le gluasad	381
§424 (ii) Gun gluasad	383
§424 (iii) Neo-dheimhinnte	384
§425 <b>Na h-àirdean</b>	384
§425 (i) Na prìomh àirdean	384
§425 (ii) Ann an àite, aig fois	384
§425 (iii) An coimeas ri àite eile	384
§425 (iv) A' dol gu no do dh'àite	384
§425 (v) A' tighinn bho àite	384
§425 (vi) A' tighinn à àite	385

§425 (vii) Le dreuchd bhuadhaireach	385
§425 (viii) Aig tuilleadh astair	385
§425 (ix) Buadhairean bunachail	385
§425 (x) A' gabhail ris a' chombaist	386
<b>§426 Co-ghnìomhairean modha</b>	<b>386</b>
<b>§427 Co-ghnìomhairean ìre</b>	<b>387</b>
§427 (i) Ìrean feabhais, buaidh no suidheachaidh	387
§427 (ii) A' leasachadh bhuadhairean	387
§427 (iii) A' leasachadh abairtean roimhearail no co-ghnìomhaireach	388
<b>22 Clisgearan</b>	<b>389</b>
§428 Mìneachadh agus seòrsa	389
§429 Facal no abairt na clisgear	389
§430 An tuiséal gairmeach	389
§430 (i) Leis a' mhìr ghairmeach	389
§430 (ii) Leis an riochdair sheilbheach <i>mo</i> <sup>s</sup>	390
§431 Mallachd air a cur air cuideigin no rudeigin	390
§432 Sònrachadh	390
§433 Mionnan <i>air</i> <sup>s</sup> , <i>an</i> <sup>m</sup> no <i>dar</i> <sup>s</sup> cuideigin no rudeigin	390
§433 (i) Leis an roimhear <i>air</i> <sup>s</sup>	390
§433 (ii) Leis an roimhear <i>an</i> <sup>m</sup>	390
§433 (iii) Leis an roimhear <i>dar</i> <sup>s</sup>	390
§434 Abairtean guidheach	390
§434 (i) Leis an naisgear <i>gun</i> <sup>m</sup>	390
§434 (ii) Leis a' mhìr ro-ghnìomhaireach <i>nar(a)</i> <sup>(s)</sup>	390
§434 (iii) Le clàs tarbhach	391
§435 Àithntean	391
§436 Èighean	391
§437 Am modh	391
§437 (i) Fàilteachadh	391
§437 (ii) Guidhe	391
§437 (iii) Buidheachas	392
§437 (iv) Dealachadh	392
§437 (v) Measgachadh	392
Clàr nan Leabhraichean	393
Clàr nam Facal	409

## Sanas Bhriathar

- abairt* b.: phrase  
*abairt ainmearach* b.: nominal phrase  
*abairt cho-ghnìomhaireach* b.: adverbial phrase  
*abairt mhodha* b.: modal phrase  
*abairt naisgeil* b.: conjunctive phrase  
*abairt riochdaireil* b.: pronominal phrase  
*abairt roimhearail* b.: prepositional phrase  
*à cleachdadh* buadh.: obsolete  
*adhartach* buadh.: fronted, advanced  
*adhartachadh* f.: fronting  
*adhbharach* buadh.: causal  
*aibidealach* buadh.: alphabetical  
*aibidil* b.: alphabet  
*àicheadh* f.: negative; negation  
*àicheil* buadh.: negative  
*aideachail* buadh.: concessive  
*aindeasach* buadh.: adversative  
*ainm* f.: name  
*ainm-àite* f.: place-name  
*ainm cinnidh* f.: clan name  
*ainm pearsanta* f.: personal name  
*ainm sinnsir* f.: patronymic  
*ainmear* f.: noun  
*ainmear buadhaireach* f.: adjectival noun  
*ainmear cruthach* f.: concrete noun  
*ainmear cumanta* f.: common noun  
*ainmear deimhinnte* f.: definite noun  
*ainmear eas-cruthach* f.: abstract noun  
*ainmear fillte* f.: compound noun  
*ainmear fillte dùinte* f.: closed compound noun  
*ainmear fillte fosgailte* f.: open compound noun  
*ainmear gnìomhaireach* f.: verbal noun  
*ainmear meanbhach* f.: diminutive noun  
*ainmear meud* f.: noun of quantity  
*ainmear neo-dheimhinnte* f.: indefinite noun  
*ainmear seòrsach* f.: generic noun  
*ainmear sònraichte* f.: proper noun  
*ainmear trusaidh* f.: collective noun  
*ainmearach* buadh.: nominal  
*ainmneach* f.+ buadh.: nominative  
*àirdeil* buadh.: directional  
*àireamh* b.: numeral  
*àireamh àrdail* b.: cardinal numeral  
*àireamh àrdail eisimeileach* b.: dependent cardinal numeral  
*àireamh àrdail neo-eisimeileach* b.: independent cardinal numeral  
*àireamh fhille* b.: compound numeral  
*àireamh iomchuir* b.: periphrastic numeral  
*àireamh òrdail* b.: ordinal numeral  
*àireamh phearsanta* b.: personal numeral  
*àireamhail* buadh.: numerical  
*ais-thilleadh* f.: analepsis  
*ais-thillidh* buadh.: analeptic  
*àiteil* buadh.: spatial  
*àithne* b.: command  
*àithneach* f.+ buadh.: imperative  
*aithris* b.: statement  
*alt* f.: article  
*altachadh* f.: articulation  
*àm* f.: time  
*an t-àm a dh'fhalbh* f.: the past  
*an t-àm ri teachd* f.: the future  
*an t-àm seo* f.: the present  
*amail* buadh.: temporal  
*anabarra* buadh.: redundant, pleonastic  
*analachadh* f.: aspiration: prefixes *h-* to vowels  
*anardach* f.+ buadh.: superlative

- an-astalach* buadh.: intransitive  
*aogas* f.: aspect  
*aogas coileanta* f.: perfect aspect  
*aogas dearbhach* f.: absolute aspect  
*aogas gnàthach* f.: habitual aspect  
*aogas leantainneach* f.: continuous aspect  
*aogas neo-choileanta* f.: imperfect aspect  
*aonad* f.: unit  
*aon-àireamhail* buadh.: singulative  
*aon-chruthach* buadh.: with a single form  
*aon-eileamaideach* buadh.: with a single element  
*aon-fhoghar* f.: monophthong  
*aon-fhogharach* buadh.: monophthongal  
*aon-lìdeach* buadh.: monosyllabic  
*aonta* f.: agreement  
*àrdachadh* f.: raising  
*àrdail* buadh.: cardinal  
*argamaid chùisearail* b.: subject argument  
*às a seo; às a sin*: hence; thence  
*asgair* f.: apostrophe  
*às-aimsireil* buadh.: anachronistic  
*às-iomradh* f.: citation  
*astalach* buadh.: transitive  
*astalachd* b.: transitivity  
*ath-aithris* b.: repetition, tautology  
*ath-dhùblaich* gn., *ath-dhùblachadh* f.: reduplicate  
*ath-fhillteach* f.+ buadh.: reflexive  
*ath-mhìneachadh* f.: reinterpretation  
*ath-shònrachadh* f.: reassignment  
*balbh* buadh.: silent  
*bàrr (na teanga)* f.: tip (of the tongue)  
*bàthadh* f.: faic *teasgadh*  
*beachdail* buadh.: conceptual  
*beàrn* f.: space  
*beàrnas* f.: hiatus  
*beum* f.: stress  
*beumte* buadh.: stressed  
*bil (uachdrach/iochdrach)* b.: (upper/lower) lip  
*bil-dheudach* f.+ buadh.: labio-dental  
*boireann* buadh.: feminine  
*bràigh (a' chàirein)* b.: alveolar ridge  
*bràigheach* f.+ buadh.: alveolar  
*briathar* f.: term  
*b. spèise* f.: term of endearment  
*briathrachas* f.: terminology  
*brìgh* b.: meaning, sense  
*briosg* buadh.: faic *comharra briosg*  
*briseadh* f.: pausa  
*buadh* b.: attribute, property, feature  
*buadhach* buadh.: of attribute, property, feature  
*buadhair* f.: adjective  
*buadhair àireamhail* f.: numeric adjective  
*buadhair càileach* f.: attributive adjective  
*buadhair coimeasach* f.: comparative adjective  
*buadhair fàisneach* f.: predicative adjective  
*buadhair fillte* f.: compound adjective  
*buadhair leasachaidh* f.: modifying adjective  
*buadhair riochdaireil* f.: pronominal adjective  
*buadhair tuairisgeulach* f.: descriptive adjective  
*buadhaireach* buadh.: adjectival  
*buan* buadh.: permanent  
*buile* buadh.: of result  
*bun* f.: stem  
*bun-ā* f. 7c: ā-stem etc.  
*bun deudach* f.: dental stem  
*bun-chàraid* b.: minimal pair  
*bun-riochd* f.: stem-form  
*bun sgòrnach* f.: guttural stem

- bun srònach* f.: nasal stem  
*bunachail* buadh.: derivative  
*bunachas* f.: derivation  
*bunasach* (a thaobh tuiseil) f.+ buadh.: radical (of case)  
*bunasach* (a thaobh bhuadhairean) buadh.: positive (of adjectives)  
*bunasach* (a thaobh riochdairean is chlàsan dàimheach) buadh.: radical  
*bun-chàraid* b.: minimal pair  
*bun-chiall* b.: primary meaning  
*bun-nota* f.: footnote  
*bun-tomhas* f.: standard  
*bun-tomhasach* buadh.: standard  
*càileach* f.: attributive  
*cainnt* b.: speech  
*càirean (cruaidh)* f.: (hard) palate  
*càirean bog* f.: soft palate  
*càireanach* f.+ buadh.: palatal  
*càireanachadh* f.: palatalisation  
*camag* b.: bracket  
*camag cheàrnach* b.: square bracket  
*camag chruinn* b.: round bracket  
*camag uilneach* b.: angle bracket  
*cànan* f.: language  
*caol* buadh.: palatal  
*caolachadh* f.: faic, *càireanachadh*  
*caractar* f.: character  
*casgach* f.: obstruent  
*ceann-ainmear* f.: head-noun  
*ceann-fhacal* f.: head-word  
*ceart-sgrìobhadh* f.: orthography  
*ceart-sgrìobhaidh* buadh.: orthographic  
*ceist* b.: question  
*ceist dhìreach* b.: direct question  
*ceist neo-dhìreach* b.: indirect question  
*ceisteach* buadh.: interrogative  
*ceum* f.: degree  
*ceum anardach* f.: superlative degree  
*ceum buadhach* f.: qualitative degree  
*ceum coimeasach* f.: comparative degree  
*ceum co-ionannach* f.: equative degree  
*ceum fàthach* f.: resultative degree  
*cinntè* buadh.: of certainty  
*cìoch (an sgòrnain)* b.: uvula  
*claon* (a thaobh tuiseil) buadh.: oblique, not nominative (of case)  
*claon* (a thaobh riochdairean is chlàsan dàimheach) buadh.: oblique, not radical (of relative pronouns and clauses)  
*claon gn., claonadh* f.: decline  
*claonadh* f.: declension  
*clàr-amais* f.: index  
*clàs* f.: clause  
*clàs adhbharach* f.: causal clause  
*clàs àicheil* f.: negative clause  
*clàs aideachail* f.: concessive clause  
*clàs aindeasach* f.: adversative clause  
*clàs ainmeir ghnìomhairich* f.: verbal-noun clause  
*clàs àiteil* f.: clause of place  
*clàs amail* f.: temporal clause  
*clàs buadhaireach* f.: adjectival clause  
*clàs buile* f.: clause of result  
*clàs ceisteach* f.: interrogative clause  
*clàs cinntè* f.: clause of certainty  
*clàs co-ionannais* f.: clause of equivalents  
*clàs coimeis* f.: clause of comparison  
*clàs cumhach* f.: conditional clause  
*clàs dàimheach* f.: relative clause  
*clàs dàimheach buadhaireach* f.: adjectival relative clause  
*clàs dàimheach bunasach* f. (le *a<sup>dh</sup>* no *na<sup>dh</sup>*): radical relative clause  
*clàs dàimheach claon* f. (le *an<sup>m</sup>*): oblique relative clause  
*clàs dàimheach ginideach* f. (*dìreach/neo-dhìreach*): genitive relative clause (direct/indirect)

- clàs dàimheach mìneachaidh* f.: defining relative clause
- clàs dàimheach tabhartach* f. (*bunasach/claon*): prepositional relative clause (radical/oblique)
- clàs dì-naisgeil* f.: disjunctive clause
- clàs eisimeileach* f.: dependent clause
- clàs fo-òrdanachaidh* f.: subordinate clause
- clàs naisgeil* f.: conjunctive clause
- clàs neo-eisimeileach* f.: independent clause
- clàs roghainn* f.: clause of alternatives
- clàs rùin* f.: clause of purpose
- clàs tarbhach* f.: nonfinite clause
- clisgear* f.: exclamation
- clisgreach* buadh.: exclamatory
- co-altaichte* buadh.: homorganic
- cobhrach* buadh.: auxiliary
- an co-bhuinn ri*: in conjunction with
- co-bhunachas* f. (*ri*): being cognate (with)
- co-bhunachail* buadh. (*ri*): cognate (with)
- co-choslachadh srònach* f.: nasal assimilation
- co-choslaich* gn., *co-choslachadh* f. (*ri*): assimilate
- co-dhàimheach* buadh.: correlative
- co-ghnìomhair* f.: adverb
- co-ghnìomhair faisneach* f.: predicative adverb
- co-ghnìomhair ìre* f.: adverb of degree
- co-ghnìomhair naisgeil* f.: conjunctive adverb
- co-ghnìomhaireach* buadh.: adverbial
- còilean* f.: colon
- coileanadh* f.: complement
- coileanadh cuspaireil* f.: object complement
- coileanta* f.+ buadh.: perfect; perfective
- coimeas* f.: comparison
- coimeas* gn., *coimeas* f.: compare
- coimeasach* f.+ buadh.: comparative
- coimeis* buadh.: of comparison
- co-ionannach* f.+ buadh.: equative
- comharra briosg* f.: breve (˘)
- comharra ceiste* f.: question mark
- comharra clisgidh* f.: exclamation mark
- comharra dearmaid* f.: elipsis
- comharra sgaraidh* f.: diacritic
- comharraich* gn., *comharradh* f.: govern
- comharraichte* buadh.: marked
- co-mheasgaich* gn., *co-mheasgachadh* f. (*ri*): amalgamate
- an còmhghar ri*: in apposition to
- còmhgharachd* b.: approximation
- còmhlán* f.: cluster
- còmhnadh* f.: epenthesis (svarabhakti)
- còmhradh* f.: conversation
- còmhradh dìreach* f.: direct speech
- còmhradh neo-dhìreach* f.: indirect speech
- connrag* b.: consonant
- connrag cho-altaichte* b.: homorganic consonant
- connrag dhùbailte* b.: double consonant
- connrag throm* b.: heavy consonant
- connragach* buadh.: consonantal
- connragachadh* f.: consonantisation
- co-òrdanachaidh* buadh.: co-ordinating
- copail* f.+ buadh.: copula
- còrdadh* f.: agreement
- co-rèir* f.: syntax
- co-rèiteachadh* f. (*ri*): analogical levelling
- còs (na sròine)* b.: (nasal) cavity
- co-sheirm fhuaimreagach* b.: vowel harmony
- co-thàthadh* f.: synthesis
- co-thàthte* buadh.: synthetic
- co-theags* f.: context

- cromag* b.: comma  
*cromag thurrach* b.: inverted comma  
*cruith-eòlach* b.: morphological  
*cruith-eòlas* f.: morphology  
*cruth* f.: form  
*cruthach* buadh.: concrete  
*cruthan* f.: morpheme  
*cruth-fhuinn-eòlas* f.: morpho-phonemics  
*cuidhteachaidh* buadh.: compensatory  
*cùil* buadh.: back  
*cùisear* f.: subject (of sentence etc.)  
*cùisearail* buadh.: relating to the subject  
*cùl (na teanga)* f.: back (of the tongue)  
*cùl-chinntinn* f.: back-formation  
*cùl-lùbach* f.+buadh.: retroflex  
*cumadh* f.: formation  
*cumhach* f.+buadh.: conditional  
*cunntaidh* buadh.: counting; countable  
*cuspair* f.: object (of sentence); subject (of discussion)  
*cuspair dìreach* f.: direct object  
*cuspair neo-dhìreach* f.: indirect object  
*cuspaireach* f.+buadh.: accusative  
*cuspaireil* buadh.: relating to the object  
*dà-bhileach* f.+buadh.: bilabial  
*dà-chànanach* buadh.: bilingual  
*dà-fhoghar* f.: diphthong  
*dà-fhogharach* buadh.: diphthongal  
*dàimh* f.: relation(ship)  
*dàimheach* buadh.: relative; of relation  
*dà-litir* b.: digraph  
*dàrna beum* f.: secondary stress  
*dàrna cruth* f.: secondary form  
*dearbhadh* buadh.: absolute  
*dearbhadh* buadh.: of confirmation  
*dearbhte* buadh.: positive  
*deimhinneachd* b.: definiteness  
*deimhinnte* buadh.: definite  
*deiridh* buadh.: final  
*deise* b.+buadh.: dual  
*deudach* f.+buadh.: dental  
*dì-choslachadh* f.: dissimilation  
*dì-ghuthachadh* f.: devoicing  
*dì-naisgeil* buadh.: disjunctive  
*dì-shèimhich* gn., *dì-shèimheachadh* f.: delenite  
*dlùthach* f.+buadh.: approximant  
*do-chlaonaidh* buadh.: indeclinable  
*do-chunntaidh* buadh.: uncountable  
*do-mhùthaidh* buadh.: petrified  
*do-sgaraidh* buadh.: inalienable  
*dreuchd* b.: function  
*d-shèimheachadh* f.: initial mutation that lenites + prefixes *dh'* to vowels and *f* + vowel.  
*dualchainnt* b.: dialect  
*dualchainnteach* buadh.: dialectal  
*dùbailte* buadh.: double  
*dùbhradh* f.: eclipsis  
*dùblachadh* f.: doubling  
*dùblag* b.: doublet  
*dùinte* buadh.: closed  
*dùnadh* f.: ending  
*dùnaidh* buadh.: closing  
*eadar-chàradh* f.: metathesis  
*eadar-chur* f.: interjection  
*eadar-ràdh* f.: parenthesis  
*eamhnadh* f.: gemination  
*eàrr-choileanadh* f.: adjunct  
*eàrr-iris* b.: supplement  
*easbhaidh* b.: caret (^)  
*eas-cruthach* buadh.: abstract  
*èigh* b.: ejaculation  
*eil-chruth* f.: allomorph  
*eil-fhuinn* f.: allophone  
*eileamaid* b.: element  
*eileamaid leasachaidh* b.: modifying

element	<i>fuaimreag</i> b.: vowel
<i>eileamaid shònrachaidh</i> b.: specific element	<i>fuaimreag còmhnaidh</i> b.: epenthetic (svarabhakti) vowel
<i>eisimeileach</i> buadh.: dependent	<i>fuaimreag dhùinte</i> b.: closed vowel
<i>eugsamhail</i> f. + buadh.: variant	<i>fuaimreag fhosgailte</i> b.: open vowel
<i>eugsamhlachadh</i> f.: variation	<i>fuaimreagach</i> buadh.: vocalic
<i>fa leth</i> co-ghn.: respectively; individually	<i>fuinneam</i> f.: phoneme
<i>facal</i> f.: word	<i>fuinn-eòlach</i> buadh.: phonemic
<i>facal-iasaid</i> f.: loan-word	<i>fuinn-eòlas</i> f.: phonology
<i>fada</i> buadh.: long	<i>fulangach</i> f. + buadh.: passive
<i>fadachadh</i> f.: lengthening	<i>gaileisean</i> b.iol.: braces
<i>fadachadh cuidhteachaidh</i> f.: compensatory lengthening	<i>gairmeach</i> f. + buadh.: vocative
<i>fàisneach</i> f. + buadh.: predicate, predicative	<i>gearraidhean</i> f.iol.: slashes
<i>fàthach</i> buadh.: resultative	<i>geur</i> buadh.: acute, faic <i>stràc</i>
<i>feart</i> f.: (palatal/non-palatal) quality	<i>ginideach</i> f. + buadh.: genitive
<i>fèin-stiùiridh</i> f.: autonomous	<i>giorraich</i> gn.; <i>giorrachadh</i> ( <i>gu; air</i> ) f.: abbreviate; abbreviation (to; for)
<i>fiacail</i> b.: tooth	<i>glòrach</i> f. + buadh.: resonant
<i>figear</i> f.: digit (numerical)	<i>glotach</i> f.: glotal
<i>fillte</i> buadh.: compound (= compounded)	<i>glotas</i> f.: glottis
<i>fillteach</i> f. + buadh.: compound; used in compounds (adj.)	<i>gnàthach</i> f. + buadh.: habitual
<i>fireann</i> buadh.: masculine	<i>gnàth-cainnt</i> f.: idiom
<i>fo-leantach</i> buadh.: subjunctive	<i>gnàth-fhacal</i> f.: saying
<i>fo-òrdanachaidh</i> buadh.: subordinating	<i>gnè</i> b.: gender (grammatical + biological)
<i>fosgailte</i> buadh.: open	<i>gnìomhair</i> f.: verb
<i>fosglaidh</i> f.: opening	<i>gnìomhair cobhrach</i> f.: auxiliary verb
<i>fo-sgrìobhte</i> buadh.: subscript	<i>gnìomhair neo-tharbhach</i> f.: finite verb
<i>freagairtean aonta/àicheil</i> iol.: yes/no answers	<i>gnìomhair tarbhach</i> f.: infinite verb
<i>freumh</i> f.: root	<i>gnìomhair uireasbhach</i> f.: defective verb
<i>freumhachd</i> b.: etymology	<i>gnog</i> f.: tap
<i>frith-riochd</i> f.: by-form	<i>goirid</i> buadh.: short
<i>f-shèimheachadh</i> f.: an initial mutation that lenites <i>f</i> .	<i>gràmar</i> f.: grammar
<i>fuaim</i> f.: sound	<i>greasadair</i> ( <i>gnìomha</i> ) f.: agent (of action)
<i>fuaim-eòlach</i> b.: phonetic	<i>guidheach</i> f. + buadh.: optative
<i>fuaim-eòlas</i> f.: phonetics	<i>gun teist</i> buadh.: unattested
<i>fuaimneachadh</i> f.: pronunciation	<i>guth</i> f.: voice
	<i>guth fèin-stiùiridh</i> f.: autonomous voice
	<i>guth fulangach</i> f.: passive voice
	<i>guth fulangach comais</i> f.: passive voice of

- possibility
- guth spreigeach* f.: active voice
- guthach*: voiced
- guthachadh* f.: voicing
- iar-analachadh* f.: post-aspiration
- iar-bheuma* buadh.: post-stressed
- iar-bhràigheach* f.+buadh.: post-aveolar
- iar-cheist* b.: tag question
- iar-fhreagairt* b.: yes-no answer
- iar-leasachan* f.: suffix
- iar-leasaichte* buadh.: suffixed
- iar-shuidhich* gn., *iar-shuidheachadh* f.:  
postposit
- iar-shuidhichte* buadh.: postposited
- in-shàthadh* f.: intrusion
- in-shàthte* buadh.: intrusive
- in-shuidhichte* buadh.: infixed
- iolra* f.+buadh.: plural
- iolras* f.: plurality
- iomadachadh* f.: multiplication
- iomadaiche* f.: multiplicative
- ioma-lideach* buadh.: polysyllabic
- iomchuir* buadh.: periphrastic
- iomchuirte* buadh.: in periphrasis
- iomchur* f.: periphrasis
- iom-sgarach* buadh.: contrasting
- iom-sgaraich* gn., *iom-sgaradh* f.: contrast
- ionaid* buadh.: of agency
- ion-chlaonaidh* buadh.: declinable
- ion-chunntaidh* buadh.: countable
- ion-sgaraidh* buadh.: alienable
- ion-teasgaidh* buadh.: liable to apocope
- isleachadh* f.: lowering
- lag-bheumte* buadh.: weakly stressed
- làmh-sgrìobhainn* b.: manuscript
- làn-bheum* f.: full stress
- lann (na teanga)* b.: blade (of the tongue)
- leabhar-teags* f.: textbook
- leantainneach* f.+buadh.: continuous
- leasachadh* f.: qualifying; development
- leathann* buadh.: broad, non-palatal
- leathannachadh* f., faic *sgannachadh*
- leth-bheum* f.: half-stress
- leth-chòilean* f.: semi-colon
- leth-dhùinte* buadh.: half-closed
- leth-fhada* buadh.: half-long
- leth-fhosgailte* buadh.: half-open
- leudachadh* f.: extension; increase
- lide* b.: syllable
- lide throm* b.: heavy syllable
- lideach* buadh.: syllabic
- lìontach* buadh.: suppletive
- lìontas* f.: suppletion
- litir* b.: letter
- litir feirt* b.: letter showing quality (of  
juxtaposed consonant)
- litreachadh* f.: spelling
- litrìch* gn., *litreachadh* f.: spell
- mall* buadh.: faic *stràc*
- mallachd* b.: curse
- meadhain* buadh.: medial
- meanbhach* f.+buadh.: diminutive
- meud* f.: volume
- mìr* f.: particle
- mìr àicheil* f.: negative particle
- mìr àireamhail* f.: numerical particle
- mìr ceisteach* f.: interrogative particle
- mìr co-ghnìomhaireach* f.: adverbial  
particle
- mìr eisimeileach* f.: dependent particle
- mìr gairmeach* f.: vocative particle
- mìr fàisneach* f.: predicative particle
- mìr ro-ghnìomhaireach* f.: pre-verbal  
particle
- mìr sinidh* f.: emphatic particle
- mìr sinidh seilbheach* f.: possessive em-  
phatic particle
- mìr teannachaidh* f.: intensive particle
- mì-rian* f.: confusion

- modh* f.: means; mood (of verbs); manners  
*modh àithneach* f.: imperative mood  
*modh altachaidh* f.: means of articulation  
*modh cumhach* f.: conditional mood  
*modh guidheach* f.: optative mood  
*modh taisbeanach* f.: indicative mood  
*modh-litreachaidh* f.: spelling system  
*mòr-litir* b.: capital letter  
*mura-bhith* b.: exception  
*m-rùil* f.: *em*-rule  
*mùthadh* f.: inflection; mutation  
*mùthadh toisich* f.: initial mutation  
*naisg* gn., *nasgadh* f.: conjoin  
*naisgear* f.: conjunction  
*naisgear co-dhàimheach* f.: correlative conjunction  
*naisgear co-òrdanachaidh* f.: co-ordinating conjunction  
*naisgear dàimheach bunasach* f.: radical relative conjunction  
*naisgear dàimheach claon* f.: oblique relative conjunction  
*naisgear fo-òrdanachaidh* f.: sub-ordinating conjunction  
*naisgeil* buadh.: conjunctive  
*naisgte* buadh.: bound  
*nasg-bhriathar* f.: syntagm  
*neo-àiteil* buadh.: non-spatial  
*neo-bheò* buadh.: inanimate  
*neo-bheumte* buadh.: unstressed  
*neo-chomharraichte* buadh.: unmarked  
*neo-dheimhinnte* buadh.: indefinite; indeterminate  
*neo-eisimeileach* buadh.: independent  
*neo-ghuthach*: voiceless  
*neo-ghuthachas*: voicelessness  
*neo-iomchuir* buadh.: not periphrastic  
*neo-iomchuirte* buadh.: not in periphrasis  
*neo-phearsanta* f. + buadh.: impersonal  
*neo-riaghailteach* buadh.: irregular  
*neo-shèimhichte* buadh.: unlenited  
*neo-tharbhach* buadh.: finite  
*neo-thàthadh* f.: analysis  
*neo-thàthte* buadh.: analytic  
*neo-thoisich* buadh.: non-initial  
*neodrach* buadh.: neuter  
*n-rùil* f.: *en*-rule  
*ogham* f.: ogam  
*òrdail* buadh.: ordinal  
*os-cheartachadh* f.: hypercorrection  
*os-sgrìobhte* buadh.: superscript  
*pàirteil* buadh.: partitive  
*pearsa* f.: person  
*pearsanta* buadh.: personal  
*prìomh bheum* f.: primary stress  
*puingeachadh* f.: punctuation  
*rang* f.: class (classification)  
*raon* f.: range  
*reim* b.: (word) register  
*riaghailt* b.: system; rule  
*riaghailt a' ghnìomhair*: the verbal system  
*riaghailt àireamhail*: numerical system  
*riaghailt cunntaidh*: counting system  
*riaghailteach* buadh.: regular  
*riochd* f.: reflex  
*riochd dàimheach* f.: relative reflex  
*riochd eisimeileach* f.: dependent reflex  
*riochd neo-eisimeileach* f.: independent reflex  
*riochdair* f.: pronoun  
*riochdair ceisteach* f.: interrogative pronoun  
*riochdair dàimheach* f.: relative pronoun  
*riochdair dàimheach bunasach* f. (*a<sup>dh</sup>*): radical relative pronoun  
*riochdair dàimheach claon* f. (*an<sup>m</sup>*): oblique relative pronoun  
*riochdair dàimheach àicheil* f. (*nach<sup>f</sup>*):

- negative relative pronoun
- riochdair dàimheach ro-theachdail* f.  
(*na<sup>dh</sup>*): antecedential relative pronoun
- riochdair fàisneach* f.: predicative pronoun
- riochdair pearsanta* f.: personal pronoun
- riochdair roimhearail* f.: prepositional pronoun
- riochdair seilbheach* f.: possessive pronoun
- riochdair sònrachaidh* f.: demonstrative pronoun
- ro-analachadh* f.: pre-aspiration
- roghainneil* buadh.: optional
- roimhear* f.: preposition
- roimhear fillte* f.: compound preposition
- roimhear simplidh* f.: simple preposition
- ro-leasachadh* f.: prefixation
- ro-leasachan* f.: prefix
- ro-leasachan fàisneach* f.: predicative prefix
- ro-leasaichte* buadh.: prefixed
- rosgrann* f.: sentence
- rosgrann gnìomhaireach* f.: verbal sentence
- rosgrann iomchuir* f.: periphrastic sentence
- ro-sheallaidh* buadh.: anaphoric
- ro-shuidheachadh* f.: prosthesis
- ro-shuidhich* gn., *ro-shuidheachadh* f.: preposit
- ro-shuidhichte* buadh.: preposited; prosthetic
- ro-theachdail* buadh.: antecedential
- ro-theachdaire* f.: antecedent
- ro-thilleadh* f.: prolepsis
- ro-thillidh* buadh.: proleptic
- samhla* f.: symbol
- sanas* f.: glossary
- schwa* b.: schwa [ə]
- seach* roimh.: rather than
- seagh* f.: sense (meaning)
- seanfhalac* f.: proverb
- seilbh* b.: possession
- seilbheach* buadh.: possessive
- sèimheachadh* f.: lenition
- sèimhichte* buadh.: lenited
- seòrsach* buadh.: generic
- sgann* f.: soft palate, velum
- sgannach* f.+ buadh.: velar
- sgannachadh* f.: velarisation
- sgoilearach* buadh.: scholastic
- sgòrnach* f.+ buadh.: guttural
- sgòrnach* f.: pharynx
- sgriobag* b.: dash
- sgriobhainn* b.: document
- sgriobt* b.: (typographical) script
- siabach* f.+ buadh.: sibilant
- sineadh* f.: emphasis
- singilte* f.+ buadh.: singular
- sìnte* buadh.: emphatic; extended
- siol* f.: derivatives
- sloinneadh* f.: surname
- sònraich* gn., *sònrachadh* f.: indicate
- sònrachaidh* buadh.: demonstrative
- sònraichte* buadh.: proper (of nouns)
- spreigeach* f.+ buadh.: active
- srònach* f.+ buadh.: nasal
- srònachadh* f.: nasalisation: an initial mutation that prefixes *n-* to vowels
- stadach* f.+ buadh.: stop, plosive
- stad-phuing* b.: full stop
- stràc* f.: accent; lengthmark
- stràc geur* f.: acute accent; lengthmark (´)
- stràc mall* f.: grave accent; lengthmark (`)
- structar* f.: structure
- suathach* f.+ buadh.: fricative
- suidheachadh* f.: position

*tabhartach* f. + buadh.: dative  
*taisbeanach* f. + buadh.: indicative  
*taobhach* f. + buadh.: lateral  
*tarbhach* buadh.: non-finite  
*tarbhachd* b.: finiteness  
*tarraing* b.: reference  
*tàthan* f.: hyphen  
*tàthanachadh* f.: hyphenation  
*teasgadh* f.: elision  
*teasgadh deiridh* f.: apocope  
*teasgadh meadhain* f.: syncope  
*teasgadh toisich* f.: aphæresis  
*teòrig* b.: theory  
*tiotal* f.: title  
*toiseach* f.: front; initial (sound)  
*toisich* buadh.: front; initial  
*tras-sgrìobhadh* b.: transcription  
*tras-tarraing* b.: cross-reference  
*tràth* f.: tense  
*tràth caithte* f.: past tense  
*tràth coileanta cumhach* f.: conditional perfect tense  
*tràth coileanta* f.: perfect tense  
*tràth coileanta teachdail* f.: future perfect tense  
*tràth cumhach* f.: conditional tense  
*tràth làthaireach* f.: present tense

*tràth measgaichte* f.: mixed tense (imperfect/conditional)  
*tràth neo-choileanta* f.: imperfect tense  
*tràth teachdail* f.: future tense  
*tricealachd* b.: frequency  
*trìlean* f.: trill  
*t-ro-leasachadh* f.: an initial mutation that prefixes *t-* to *sl/sn sr* and *s* + vowel.  
*trom* buadh.: heavy (of consonants); bold (of typeface)  
*tuairisgeulach* buadh.: descriptive  
*tuiseal* f.: case  
*tuiseal ainmneach* f.: nominative case  
*tuiseal bunasach* (ainmneach/cuspair-each) f.: radical case (nominative/accusative)  
*tuiseal claon* f.: oblique case  
*tuiseal cuspaireach* f.: accusative case  
*tuiseal gairmeach* f.: vocative case  
*tuiseal ginideach* f.: genitive case  
*tuiseal tabhartach* f.: dative case  
*tuiteamas* f.: incidence  
*uimhir* b.: grammatical number  
*uimhir dheise* b.: dual  
*uimhir iolra* b.: plural  
*uimhir shingilte* b.: singular  
*uireasbhach* buadh.: defective

## Samhlaidhean is Giorrachaidhean


— lide (an tras-sgrìobhaidhean fuaim-eòlach)	<i>b d f g m s</i>	samhlaidhean a chleachdar san leabhar seo gus litrichean sèimhichte àraidh san t-Sean Ghàidhlig agus sa Ghàidhlig Thràth a riochdachadh §22 (i), bun-nota 61
' beumte		
, leth-bheumte		
* facal no abairt gun teist	b-n(n)	bun-nota(ichean)
.i. eadhon	bn	billean
~ samhla ceangailte ri litir a dh'innseas nach seas i leatha fhèin, m.e. <i>-n</i> ann an <i>don bhaile</i>	buadh.	buadhair
	bun.	bunasach
	c.	<i>circa</i> , .i. mu
≈ samhla a dh'innseas gun deach an t-às-iomradh atharrachadh, mar as trice a rèir bun-tomhas ceart-sgrìobhadh an latha an-diugh	caib.	caibideil
	ceist.	ceisteach
	co-ghn.	co-ghnìomhair
∅ balbh	coim.	coimeas; coimeasach
1d a' chiad (phearsa)	cusp.	cuspaireach
2ra an dara/dàrna (pearsa)	dàimh.	dàimheach
3s an treas (pearsa)	deas.	deasaiche(an); deasaichte le; deasachadh
7 agus	deimh.	deimhinnte
7c <i>et cetera</i> , .i. mar sin air adhart	deis.	deise
à cl. à cleachdadh	<sup>dh</sup>	<i>d</i> -shèimheachadh
ainm. ainmear	<sup>E</sup>	eamhnadh
ainm. gn. ainmear gnìomhaireach	earr.	earrann
ainmn. ainmneach	eis.	eisimeileach
àir. àireamh(an)	<sup>f</sup>	<i>f</i> -shèimheachadh
B a' Bheurla	F	an Fhraingis
b./boir. boireann	F	fuaimreagachadh
BG a' Bheurla Ghallta	f./fir.	fireann

foills. foillseachadh	NB	<i>nota bene</i> , .i. thoir fa-near
GA Gàidhlig na h-Albann	neo-	neo-dheimhinnte
gairm. gairmeach	dh(eimh).	
GE Gàidhlig na h-Èireann	neo-dhìr.	neo-dhìreach
Gearm. a' Ghearmailtis	neo-eis.	neo-eisimeileach
gin. ginideach	<i>pace</i>	le a c(h)ead
GM Gàidhlig Mhanainn	q.v.	<i>quod vide</i> , .i. thoir sùil air
Gn./gn. gnìomhair	RC	Richard Cox
GT a' Ghàidhlig Thràth	R.F.	riochdair faisneach
GTA Gàidhlig Thràth na h-Albann	roimh.	roimhear
<sup>h</sup> - analachadh	ro-theachd.	ro-theachdail
ibid. <i>ibidem</i> , .i. anns an aon tobar	<sup>s</sup>	sèimheachadh
IE an Ind-Eòrpais	<sub>s</sub>	air a shèimheachadh
iol. iolra	s.v.	<i>sub verbum</i> , .i. fon fhacal
IS, BI 7c bun-riochd a' ghnìomhair	SB	an t-Sean Bheurla
L an Laideann	SG	an t-Sean Ghàidhlig
LC san Linn Chumanta	sg./sing.	singilte
leabh. leabhar/leabhraichean	sic	<i>sic erat scriptum</i> , .i. 's ann mar sin a chaidh a sgrìobhadh
loc. cit. <i>loco citato</i> , .i. às an aon àite	SL	an t-Seann Lochlannais
m millean	sr.	sreath
<sup>m</sup> co-choslachadh srònach	tabh.	tabhartach
m.e. mar eisimpleir	tn	trillean
MB a' Mheadhan-Bheurla	x	neo-bheumte
<sup>N</sup> srònachadh san t-Sean Ghàidhlig (Thurneysen 1975, 147)	α β γ δ ε	litrichean Greugais: <i>alpha</i> ,
<sup>n</sup> - srònachadh	ζ η θ ι κ	<i>beta, gamma, delta, epsilon</i> ,
n./neod. neodrach	λ μ ν ξ ο	<i>zeta, eta, theta, iota, kappa</i> ,
	π ρ σ τ υ	<i>lambda, mu, nu, xi, omikron</i> ,
	φ χ ψ ω	<i>pi, rho, sigma, tau, upsilon, phi, chi, psi, omega</i>

## Samhlaidhean Fuaim-eòlach

### Connragan: roinnean a' bheòil

- 1 A' chòs, no còs na sròine
- 2 A' bhil: a' bhil uachdrach/iochdrach
- 3 Na fiaclan: na fiaclan uachdrach/iochdrach
- 4 Am bràigh, no bràigh a' chàirein
- 5 An càirean, no an càirean cruaidh
- 6 An sgann, no an càirean bog
- 7 A' chioch, no cioch an sgòrnain
- 8 Am bàrr, no bàrr na teanga
- 9 An lann, no lann na teanga
- 10 An cùl, no cùl na teanga
- 11 An sgòrnan
- 12 An glotas



### Connragan: àite altachaidh

- |   |              |   |            |
|---|--------------|---|------------|
| a | Dà-bhileach  | e | Cùl-lùbach |
| b | Bil-dheudach | f | Càireanach |
| c | Deudach      | g | Sgannach   |
| d | Bràigheach   | h | Glotaich   |

### Connragan: samhlaidhean

	Dà-bhileach		Bil-dheudach		Deudach		Bràigheach		Cùl-lùbach		Càireanach		Sgannach		Glotaich	
Stadach	p	b			t̪	ɖ			t̪	ɖ			k	g		ʔ
Srònach		m				ɱ		n		ɳ		ɲ		ŋ		
Trilean								r								
Gnog								ɾ		ɽ						
Suathach	ɸ	β	f	v	θ̪	ð̪	ʃ†		ɣ		ç	j	x	ɣ	h	
Dlùthach												j				
Taobhach							l		ɭ		ʎ					

†Tha [ʃ] iar-bhràigheach.


### Connragan: modh altachaidh

Stadach	Slighe a' bheòil dùinte mus teich an anail.
Srònach	Thig an anail a-mach às an t-sròin.
Trilean	A dhà no a trì bhreaban air bràigh a' bheòil.
Gnog	An t-aon bhreab air bràigh a' bheòil.
Suathach	An anail air chrith is slighe a' bheòil ro chaol.
Dlùthach	An anail gun fhuaim is slighe a' bheòil caol.
Taobhach	An anail a-mach bho gach taobh den teanga.

### Comharraidhean sgaraidh

h	k <sup>h</sup> p <sup>h</sup> t <sup>h</sup>	Iar-analachadh
h	h <sup>k</sup> h <sup>p</sup> h <sup>t</sup>	Ro-analachadh
j	t̪ <sup>j</sup> d̪ <sup>j</sup> k̪ <sup>j</sup> g̪ <sup>j</sup>	Càireanachadh
v	ð <sup>v</sup>	Sgannachadh
~	ʎ <sup>~</sup> ɳ <sup>~</sup> ɽ <sup>~</sup>	Sgannachadh
°	b̪ <sup>°</sup> d̪ <sup>°</sup> ɡ̪ <sup>°</sup>	Gun ghuth
ˠ	t̪ <sup>ˠ</sup> d̪ <sup>ˠ</sup> ʎ <sup>ˠ</sup>	Deudach

## Fuaimreagan: samhhlaidhean



## Comharraidhean sgaraidh

'	'b̥ũn̥skɔɭj	Prìomh bheum
,	'b̥ũn̥skɔɭj	Dàrna beum
:	a:	Fada
·	a·	Leth-fhada
~	ã	Srònachadh
-	'a-ə	Beàrnas
*	ʉ ʉ	Adhartachadh


## Buadhan altachaidh eile

## 1. Guthachadh

Bidh fuaimen aon chuid GUTHACH, m.e. [v m], no NEO-GHUTHACH, m.e. [k p t], a rèir am bi an glotas air chrith no nach bi. Tha fuaimen mar [g̊ b̊ d̊] air an DÌ-GHUTHACHADH, ach gun a bhith cho neo-ghuthach ri [k p t]. Nuair a thig connrag air toiseach air connraig eile a bhios air a ro-analachadh, thèid a' chiad connrag a dhì-ghuthachadh, m.e. tha a' chonnrag *n* ann an *slàinte* air a dì-ghuthachadh: ['sl̥ã:nt̥iə]; mar a tha a' chonnrag *l* ann am *fàilte* ['fa:lt̥iə].

## 2. Analachadh

Tha fuaimen mar [k<sup>h</sup> p<sup>h</sup> t<sup>h</sup>, k<sup>h</sup> p<sup>h</sup> t<sup>h</sup>] air an IAR- no RO-ANALACHADH; sgrìobhar [h] os-sgrìobhte an dèidh no air toiseach air a' chonnraig ach, gu deimhinn, 's e an fhuaimreag fhèin ri taobh na connraig a bhios neo-ghuthach, .i. *cat* [kʰaət̥], ged a sgrìobhar [k<sup>h</sup>a<sup>h</sup>t̥]. Cleachdar am briathar ANALACHADH airson seòrsa de mhùthadh toisich mar an ceudna §46 (i).



## 3. Srònachadh

Bidh fuaimreagan aon chuid SRÒNACH, m.e. [ẽ ã ɜ], no NEO-SHRÒNACH, m.e. [e a ɔ], a rèir am bi an sgann fosgailte no dùinte.

## 4. Sgannachadh no leathannachadh

Bidh connragan air an SGANNACHADH no air an LEATHANNACHADH ma chuirear cùl na teanga ris no faisg air an sgann, m.e. *l* ann an *cùl* [k<sup>h</sup>u:l̥].

## 5. Càireanachadh no caolachadh

Bidh connragan air an CÀIREANACHADH no air an CAOLACHADH ma chuirear lann na teanga ris no faisg air a' chàirean, m.e. *t* ann an *cait* [k<sup>h</sup>e<sup>h</sup>t̥j].

# 1 Ceart-sgrìobhadh agus Fuaimneachadh

## §1 An aibidil

### §1 (i) Litrichean dualchasach

Tha 18 litrichean ann an aibidil dhualchasaich na Gàidhlig, a thèid a thaisbeanadh anns an òrdugh a leanas: *abcdefghijklmnopstu*.

### §1 (ii) Litrichean neo-dhualchasach

Gheibhear litrichean a bharrachd ann am facail-iasaid, m.e. *x-gath*; *gay*; nochdadh iad seo san aibidil a rèir òrdugh na Beurla.

### §1 (iii) Litrichean dùbailte

Chan fhaighear ach trì connragan dùbailte ann an ceart-sgrìobhadh na Gàidhlig: *ll nn rr*, m.e. *call*; *ceann*; *ceàrr*<sup>1</sup>.

### §1 (iv) Fuaimneachadh nan litrichean

A chionn buaidh an fhoghlaim tro mheadhan na Beurla, thèid na litrichean fhuaimneachadh mar as trice a rèir an luachan Beurla, ach gabhaidh iad fuaimneachadh sa Ghàidhlig mar a leanas<sup>2</sup>:

<i>a</i>	à	[a:]	<i>l</i>	el	[ɛlʲ]
<i>b</i>	bè	[bɛ:]	<i>m</i>	em	[ɛm]
<i>c</i>	cè	[kʲɛ:]	<i>n</i>	en	[ɛn]
<i>d</i>	dè	[dʲɛ:]	<i>o</i>	ò	[o:]
<i>e</i>	è	[ɛ:]	<i>p</i>	pè	[pʰɛ:]
<i>f</i>	ef	[ɛf]	<i>r</i>	ear	[ɛr]
<i>g</i>	gè	[gʲɛ:]	<i>s</i>	eas	[ɛs̩]
<i>h</i>	hèis	[hɛ:f]	<i>t</i>	tè	[tʲɛ:]
<i>i</i>	ì	[i:]	<i>u</i>	ù	[u:]

1. Chaidh *m* dhùbailte (*mm*) na *m* shingilte tràth ann an eachdraidh ceart-sgrìobhadh a' chànain, m.e. SG *tromm* > GT *trom* 'trom', ach buinidh *m* à *mm* dhan bhuidhinn de chonnragan dùbailte (+ *ng*) aig am faod buaidh a bhith air fuaimneachadh ann an lidean troma §10.

2. Chanadh Bàrd Thùrnaig, Alasdair Camshron à Inbhir Àsdail (1848–1928+), 'àh, bèh, cèh, dèh, èh, èf, jay, each, ēē, el, em, en, òh, pèh, ere (air), es, tèh, òō' (MacLeod 1911, 28).

## §2 Seann ainmean nan litrichean

B' e ogham (SG *ogum*) an t-ainm a bh' air an sgrìobt a bu shine sa Ghàidhlig mar ainm. B' e riaghailt sgrìobhaidh a bh' innte a chleachdadh sreathan de chomharraidhean, air an sònrachadh le an àireimh agus le an carachadh air loidhne meadhain, ann no às. Ghabhadh an sgrìobt seo snaigheadh air stuth freagarrach sam bith, ach 's e na sgrìobhaidhean a chaidh a dhèanamh air cloich a bu trice a mhair chun an latha an-diugh.

Bha ceithir rangannan (SG *aicme*) ann an ogham gnàthach, agus bha cuid de na caractaran air an ainmeachadh an dèidh chraobhan no phreas. Tha ciall cuid de na h-ainmean seo doilleir agus luach cuid de na samhloidhean neo-chinnteach (McManus 1997, 36–41).

Thathas a' creidsinn gun deach an riaghailt oghaim a chruthachadh ann an Èirinn sa cheathramh linn aig a' char a b' anmoiche, agus gun deach a bonntachadh air riaghailt aibidealaich – 's dòcha air an Laidinn – ach gun deach a leasachadh a rèir riaghailt fuaimneachaidh na Gàidhlig aig an àm.

Tha sgrìobhaidhean rin lorg ann an Èirinn, sa Chuimrigh, ann an Devon, sa Chòrn agus ann am Manainn; tha teagamh mu chorra eisimpleir ann an Albainn agus ann an Sasainn. Chleachdte an riaghailt ghnàthach seo air cloich ann an Èirinn gu ruige mu 700, ach chùimte beò i ann an dualchas nan làmh-sgrìobhainn agus mar phàirt de thrèanadh bhàrd mar a lorgar ann an *Auraicept na nÉces* 'leabhar-teags nam bàrd' (Calder 1917) gu ruige an t-seachdamh linn deug.

An dèidh na seachdamh linne, thar ùine, chaidh an còigeamh rang le caractaran tuillidh (SG *forfeda*) a chur ris an riaghailt, agus canar ogham sgoilearach ris an t-seòrsa seo; tha barrachd air 35 in-sgrìobhainnean ann an Albainn a bhuineas dhan bhuidhinn seo, mòran dhiubh air clachan snaighte Cruithneach.<sup>3</sup>

### Ogham gnàthach†

𐌒	N	<i>Nin</i> 'uinnseann'	𐌒	Q	<i>Cert</i> 'ubhal'
𐌒	S	<i>Sail</i> 'seileach'	𐌒	C	<i>Coll</i> 'calltainn'
𐌒	V/F	<i>Fern</i> 'feàrna'	𐌒	T	<i>Tinne</i> 'cuileann'
𐌒	L	<i>Luis</i> 'caorann'	𐌒	D	<i>Dair</i> 'darach'
𐌒	B	<i>Beithe</i> 'beithe'	𐌒	H	<i>hÚath</i> 'sgitheach'
		<i>Aicme Beithe</i>			<i>Aicme hÚatha</i>

3. Gheibhear cunntas mionaideach air na h-in-sgrìobhainnean ann an Albainn ann am Forsyth 1997. Gheibhear geàrr-chunntas air caochladh theòirig mu bhrìgh nan in-sgrìobhainnean seo, a thuilleadh air na tha ann am Forsyth, ann an Cox 1999.

###	R	<i>Ruis</i> ‘droman’	###	I	<i>Ídad</i> ‘iubhar’
###	Z	<i>Straif</i> ‘sgitheach dubh’	###	E	<i>Édad</i> ‘criteann’
##	NG	( <i>n</i> ) <i>Gétal</i> ‘bealaidh/raineach’	##	U	<i>Úr</i> ‘fraoch’
#	G	<i>Gort</i> ‘eidheann’	+	O	<i>Onn</i> ‘conasg’
+	M	<i>Muin</i> ‘fionan’	+	A	<i>Ailm</i> ‘giuthas’
		<i>Aicme Muine</i>			<i>Aicme Ailme</i>

†Tha brìghean nan ainmean Sean Ghàidhlig a tha seo a rèir Chalder 1917, 91–93. Bheir *Auraicept na nÉces* an còigeamh *aicme* (ibid., 234): *Ébad, Ór, Uilean, Pín/Iphín, Emàncholl*. Chaidh *Beithe Bog* a thoirt air an litir *p* mar ainm (McManus 1997, 39 agus 184, b-n 49).

### §3 Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC<sup>4</sup>)

#### §3 (i) Bunait ceart-sgrìobhadh na Gàidhlig

Tha riaghailt ceart-sgrìobhadh aig a’ Ghàidhlig a tha stèidhichte air freumhachd a’ chànain, a’ dol air ais bhon Nua-Ghàidhlig chun na Sean Ghàidhlig (c. 700–c. 900)<sup>5</sup>. Gu ìre mhòir, chaidh modh-litreachaidh Gàidhlig an latha an-diugh a stèidheachadh ro thoiseach na naoidheamh linne deug. Bha an Tiomnadh Nuadh an Gàidhlig na h-Albann air a chlà-bhualadh ann an 1767 ach chaidh a ath-dheasachadh ann an 1796, mun àm a nochd leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh ann an clò sa Ghàidhlig airson na ciad uarach (1783–1801), agus bha buaidh mhòr aige seo air litreachadh na Gàidhlig am bitheantas. Tha an riaghailt litreachaidh air a bhith ga sgioblachadh beag air bheag bhon uair sin, ach gabhaidh na chaidh a sgrìobhadh air feadh na dà cheud bliadhna a chaidh seachad leughadh an-diugh gun chus duilgheadais<sup>6</sup>.

#### §3 (ii) GOC 1<sup>7</sup>

Ann an 1976, a chionn dragh mun droch litreachadh aig sgoilearan ann an deuchainnean sgoile aig an àm, chaidh fo-chomataidh den Scottish Certificate of Education Examination Board a stèidheachadh gus riaghailtean soilleir ùghdarrasail a sholaradh gus inbhe litreachadh nan sgoilearan

4. Bha an t-ainm Gaelic Orthographic Conventions – air an robh an giorrachadh GOC – ga chleachdadh ann an aithisgean oifigeil mus tàinig an t-ainm Gàidhlig, Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig, gu bith, agus cleachdar an giorrachadh GOC san leabhar seo air adhbharan pragtaigeach.

5. Airson geàrr-chunntais air eachdraidh ceart-sgrìobhadh na Gàidhlig, faic Thomson 1983a. Airson sùil nas fharsainghe, faic Black 2010a.

6. Mar eisimpleir, faic Cox agus Ó Baoill 2005.

7. GOC 1 1981: <<http://www.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/goc/conventions.html>> – 14/2/17.

san fharsaingeachd a leasachadh. Mar a thuirteadh ann an aithisg na fo-chomataidh, 'It is hoped that the principles set out in this document will go some way towards removing the inconsistencies, indecisions and minor irritations that arise from the absence of a firmly defined standard, and that in doing so they will help teachers and learners (and indeed all writers of Gaelic) to write the language more confidently' (*GOC 1*, 3). Chaidh an aithisg *GOC 1* fhoillseachadh ann an 1981, an dùil gun deigheadh a molaidhean a chleachdadh ann am pàipearan ceiste bho 1985 air adhart agus a chleachdadh le tagraichean sna freagairtean aca bho 1988.

### §3 (iii) *GOC 2*

Ged a b' iad sgoilearan na h-àrd-sgoile an fheadhainn air an robh *GOC 1* ag amas sa chiad àite, bha buaidh anabarrach aig an aithisg air na meadhanan, sgoiltean, sgrìobhadairean, foillsichearan agus buidhnean Gàidhlig ann an Albainn san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh a' bhuaidh a bhith na bu mhotha, ge-tà, nan robh an aithisg na b' fhasa a tuigsinn do dhaoine nach robh cleachdte ri cùisean gràmair agus nan robh liosta na b' fhaide de dh'èisimpleirean innte. Air sgàth nan duilgheadasan seo, chaidh *GOC 2*<sup>8</sup> fhoillseachadh ann an 2005 agus, ann an cruth dà-chànanach (le corra cheartachadh), ann an 2009, fo stiùir an Scottish Qualifications Authority. 'S e eagan air a shìmplachadh de *GhOC 1* a th' ann an *GOC 2*, agus cha dèiligear ris gach cùis a nochdas an *GOC 1* ann an *GOC 2*<sup>9</sup>. Tha *GOC 2* nas fhasa a leughadh na *GOC 1* agus tha barrachd cuideim ann an earrannan na h-aithisge air eisimpleirean seach prionnsabalan<sup>10</sup>.

Tha e ri mhothachadh nach eil *GOC* ga leantainn gu buileach anns a h-uile h-àite. Mar eisimpleir, chan eil buaidh air a bhith aig *GOC* air Albainn Nuaidh idir; ann an Albainn, is dual do dhaoine (luchd-teagaisg nam measg) cuid de nòsan a dh'ionnsaich iad fhèin nan òige a leantainn fhathast agus, gun mhòran Gàidhlig ri faicinn ann am beatha phoblaich na dùthcha, chan iongnadh ged nach deach riaghailt *GhOC* a dhaingneachadh gu buileach am measg luchd-cleachdaidh a' chànan. Gidheadh, bidh dùil aig a leithid Bhòrd na Gàidhlig, Chomhairle nan Leabhraichean, Stòrlann Nàiseanta na

8. *GOC 2* 2009 (Gàidhlig agus Beurla): <[http://www.sqa.org.uk/files\\_ccc/SQA-Gaelic\\_Orthographic\\_Conventions-En-e.pdf](http://www.sqa.org.uk/files_ccc/SQA-Gaelic_Orthographic_Conventions-En-e.pdf)>; <[http://www.sqa.org.uk/files\\_ccc/SQA-Gaelic\\_Orthographic\\_Conventions-G-e.pdf](http://www.sqa.org.uk/files_ccc/SQA-Gaelic_Orthographic_Conventions-G-e.pdf)> – 14/2/17.

9. Mar eisimpleir, ann an *GOC 2*, Earr. 3, cha tèid an dealachadh *mac ~ machd*, *sloc ~ slochd* a thogail (*GOC 1* Earr. 2.6). 'S e adhbhar breislich a tha seo, is daoine dualtach ri bhith a' faighneachd a bheil moladh a chaidh a dhèanamh ann an *GOC 1* a-mhàin ceart no ceàrr.

10. Ach tha tras-tarraingean gu liosta nam facal a dhìth agus tha corra mhearachd susbaint ann (Cox 2010a).

Gàidhlig agus bhuidhnean maoinachaidh san fharsaingeachd gun tèid stuth sgrìobhte ùr fhoillseachadh a' leantainn GhOC<sup>11</sup>.

## §4 Beum

### §4 (i) Mineachadh

Canar BEUM ris a' chuideam no buille shònraichte a chuirear air lide àraidh ann a bhith a' fuaimneachadh facal, m.e. 'mise, far a bheil am beum air *mi-*, chan ann air *-se*.

### §4 (ii) Tuiteamas

§4 (ii) (a) Tuitidh am beum – am prìomh bheum (') – ann am facal air a' chiad lide mar as trice, m.e. 'cathair; 'mullach; 'tìotan.

§4 (ii) (b) Corra uair gheibhear facail far an tuit am beum air lide neo-thoisich:

§4 (ii) (b) (α) Làithean na seachdain ann an *di*-<sup>12</sup>, .i. *Di 'luain; Di 'màirt; Di 'ciadain; Diar 'daoin; Di 'haoine; Di 'sathairne; Di 'dòmhaich*.

§4 (ii) (b) (β) Filltich air an sgrìobhadh mar-aon, agus fuaimreag fhada neo-thoisich annta, m.e. *teig'neòlas*.

§4 (ii) (b) (γ) Facail-iasaid far an deach pàtran beuma a' chiad chànain a ghleidheadh, m.e. *bun'tàta* < B *potato*; *A'meireaga(idh)* < B *America*; *to'mbaca* < B *tobacco*; *stra'bhàigireachd* 'sràidimeachd, spaidsearachd' < BG *stravaig*.

### §4 (iii) Fuaimreagan còmhnaidh

Far an nochd fuaimreag còmhnaidh §14, thèid beum na ciad lide ath-aithris san lide còmhnaidh, m.e. *gorm* ['g̊ɔ'ɾɔm]; *dealbh* ['d̊ɔ'ɫav].

11. Airson lèirmheasan air GOC 2, faic Cox 2010a agus Black 2010b. A thaobh gnàths an leabhair seo, cleachdar *greim, reim, rum* (seach *grèim* 7c) agus an litreachadh a' sònrachadh aon chuid fuaimreag fhada aon-fhogharach no fuaimreag fhada dhà-fhogharach, a rèir dualchainnt, mar a bhios *cinnteach* 7c §11 (i); nithear sgaradh eadar an co-ghnìomhair modha *co-dhiù* §426 agus an co-ghnìomhair ceisteach *cò dhiubh* §236 (i); sgrìobhar *ge be* (seach *ge b'e*) §228 air adhbharan freumhachd; cha chleachdar tàthan an dèidh an uilt ann an co-ghnìomhairean le *ath-* (*tha e a' fuireach an ath-dhoras*); cleachdar stràc air *dinnear* 7c, a' leantainn prionnsabalan litreachaidh na Gàidhlig §11 (i) + b-n 29.

12. SG *día* 'latha', co-bhunachail ri L *dies*. Tha na h-eileamaidean buadhaireach san tuiseal ghinideach: SG \**día Lúain* 'latha (na) Gealaich'; SG \**día Máirt* 'latha Mhàrs' (< L *Martis* gin.); SG \**día cét-aíne* 'latha (na) ciad traisg'; SG \**día eter dá ain* 'latha eadar (an) dà thrasg'; SG *día aíne dídine* 'latha (na) traisg deireannaich'; SG *día Sathairn* 'latha Shatairn'; SG *Domnach* no *día Domniú* 'latha (an) Tighearna' (< L *Dominicus*, Mc Manus 1983, 29 b-n 13, 50, 63 b-n 127, 66).

## §4 (iv) Ìre beuma

Faodaidh lidean a bhith beumte, leth-bheumte no neo-bheumte.

§4 (iv) (a) 'S i an lide bheumte an lide ann am facal air a bheil am prìomh bheum no an làn-bheum (').

§4 (iv) (b) Gheibhear leth-bheum no dàrna beum (,):

§4 (iv) (b) (α) Air facail ann am filltich, far an tèid prìomh bheum a chur air an eileamaid bhua-dhairich, agus far an tèid am beum<sup>13</sup> a bhios gu nàdarra air an eileamaid sheòrsaich a lùghdachadh, m.e. ann an ainmearan fillte dùinte §87: 'ban-, diùc; 'bith-, eòlas; 'clò-, bhualadh; 'craobh-, sgaoileadh; 'fior-, uisge; 'leth-, uair; ann an ainmearan fillte fosgailte §88: 'àite-, suidhe; 'luchd-, èisteachd; 'slat-, tomhais; 'brù-, dhearg; 'taigh-, beag; ann am buadhairean fillte §122, m.e. 'bàn-, d(h)earg §45 (i) (l) (α); 'dubh-, ghorm; 'fad-, fhulangach; 'ioma-, dhathach; 'uile-, chumhachdach; ach, ann am facail aig a bheil ro-leasachan §378 (ii), beiridh gach eileamaid làn-bheum mar as trice, m.e. 'ain-, deònach; 'an-, abaich; 'ath-, leasachadh; 'in-, imrich; 'neo-, chumanta; ach far an deach am beum gu lèir a chur air a' chiad lide, m.e. 'mìshealbh 'càineadh, cronachadh<sup>14</sup> < 'mì-, shealbh 'mì-fhortan'.

§4 (iv) (b) (β) Ann an ainmean dhaoine, m.e. ann an dàrna h-ainmean, m.e. 'Mac a' 'Ghobhainn; 'Mac 'Amhlaigh; 'Mac 'Leòid; 'Mac 'Neacail; 'Nic an 'Tòisich; 'Nic 'Gill 'Ìosa; 'Nic 'Ìomhair; 'Nic 'Artair; agus ann an ainmean nam fineachan §102 (i), m.e. 'Clann 'Dòmhnail; 'Clann 'Raghnaill<sup>15</sup>.

§4 (iv) (b) (γ) Ann an ainmean-àite, m.e. 'Dùn 'Èideann; 'Obar 'Dheathain; 'An 'Cnoc 'Dubh<sup>16</sup>; ann an ainmean-iasaid às an t-Seann Lochlannais, m.e. 'Càrla, bhagh (Leòdhas) ['kʰɑ:|ə ,vay]<sup>17</sup>.

§4 (iv) (c)

§4 (iv) (c) (α) 'S e th' ann an lidean neo-bheumte (x) ach lidean air nach bi prìomh no dàrna beum, m.e. 'ca<sub>x</sub>raid; 'do<sub>x</sub>ras; 'Dùn 'Èi<sub>x</sub>deann; 'x<sub>bun</sub>'tata.

§4 (iv) (c) (β) Cha ghabh an t-alt §48, riochdairean seilbheach §190, no

13. Agus, gu tric, fad na fuaimreig.

14. M.e. *gheibh thu do mhishealbh*, i. gheibh thu do dhonas.

15. Ann an ainmean sinnsir, gheibhear corra bheum, m.e. b' e 'Somhairle mac 'Chaluim, mhic 'Chaluim, 'ic 'Iain, 'ic 'Thormoid 'Mhòir, 'ic 'Iain, 'ic 'Thormoid ainm sinnsir a' bhàird Somhairle MacGill-Eain.

16. Gheibhear corra bheum ann an ainmean-àite nas toinnte, m.e. *Beinn Leathainn 'Bheag Amar na 'h-Èit* (Leòdhas), i. 'A' *Bheinn Leathainn* as motha, ri taobh *Amar na h-Èit* "creag na ?sprèidhe" (Cox 2002, 180).

17. À SL *Karlavág* cusp. 'bàgh Kharli', leis an ainm fireannaich (Ofteidal 1954, 378).

mìrean ro-ghnìomhaireach §241, co-ghnìomhaireach §422 (i) no gairmeach §69 beum; cha mhotha a ghabhas naisgearan §332 no roimhearan sìmplidh §340 beum mar as trice.

## §5 Na litrichean fuaimreagach

§5 (i) Na litrichean fuaimreagach bunasach

Tha còig litrichean fuaimreagach ann: aon chuid gun stràc orra: *a e i o u*; no le stràc orra: *à è ì ò ù*.

§5 (ii) Aon-fhogharan

Tha aon-fhogharan, far nach tèid ach aon fhuaim fuaimreagach a ràdh, aon chuid goirid, m.e. [a] *gath*, [e] *dheth*, [i] *dhith*, [o] *both*, [u] *guth*; no fada, m.e. [ɑ:] *là*; [e:] *dè*; [i:] *chì*; [o:] *cò*; [u:] *cù*. Airson nan aon-fhogharan fada *ao* agus *eu*, faic §5 (iv).

§5 (iii) Dà-fhogharan

Tha dà-fhogharan, far an tèid dà fhuaim fhuaimreagach a ràdh còmhla, fada nan nàdar, m.e. *èa* [ia] *mèaran* (*mèanan*)<sup>18</sup>; *brèagha*<sup>19</sup>; *eu*<sup>20</sup> [ia] *feur*; *meur*; *ia* [iə] *fiar*; *mias*<sup>21</sup>; *ìo* [iə] *fiòr*; *mìos*<sup>22</sup>; *ua* [uə] *fuachd*; [ua] *uan*<sup>23, 24</sup>

18. Air a sgrìobhadh *mèaran* ann an Gàidhlig na h-Albann gus a dhealachadh ri *meuran* (< *meur* 'corrag'); coim. GT *ménfadach* 'mèaranaich' < GT *mén* 'fosgladh'.

19. SG *bregda* > \**bréga*, le fadachadh san fhuaimreig air call dàrna leth a' chòmhla shuathaich *gd*, > GA *brèagha*, le [e:] a' dol na dà-fhoghar [ia] (faic b-n 20, shìos).

20. Chaidh SG *é* /e:/ (à e + connrag na bu tràithe, Gleasure 1983) ro chonrraig leathainn na [ia] mar bu trice ann an Gàidhlig na h-Albann – glè ainneamh [iə], m.e. *ceud* '100' – air feadh na Gàidhealtachd ach ann an Earra-Ghàidheal far an cumar an t-aon-fhoghar [e:] sa mhòr-chuid de dh'fhacail (Jackson 1968). Sgrìobhar [iə] *ciad* 'prìomh' an-diugh ann an Gàidhlig na h-Albann gus a dhealachadh ri *ceud* '100' §148 (ii) (c) (α). Am measg a' bheagain fhacal anns nach deach [e:] na [ia] ann an Gàidhlig na h-Albann, tha *deud* 'fìaclan'; *feudar* ('s *fheudar* 'feumaidh'); *treun* 'làidir'. Chan e litreachadh eachdraidheil a gheibhear ann an GA *ceum* (GT *céimm*), *leum* (SG *léimm*), *beum* (GT *béimm*), *feum* (SG *feídm*, le fadachadh san fhuaimreig an dèidh call an t-suathaich *d*) – iom-sgaraich GA *greim* < SG *greimm* §11 (ii) – ach thuit *m(m)* chaol còmhla ri *m(m)* leathainn, às a sin an litreachadh ceàr *ceum* 7c; a thaobh *braim*, faic §13 (ii) (c) (α), b-n 37. Tha eisimpleir far an deach an leasachadh seo a chleachdadh ann an dòigh chruith-eòlach ann an *carson nach do thagh thu* (bun.) *tè de chànanan ceart an t-saoghail an àite* (gin.) *na tia sin nach do bhruidhneadh bho nach eil fhios cò mheud ginealach* (MacLeòid 2008, 192).

21. GA *mias* 'seòrsa bobhla; truinnsair' < GT *mías* < \**més* 'bòrd no leac a chumas biadh; bòrd' < L *mensa* 'bòrd'.

22. Coim. SG *fír*; *mís*; agus gheibhear aon-fhoghar fada fhathast ann an corra fhacal ann an Gàidhlig na h-Albann, a rèir dualchainnt, m.e. *fiòr* [fi:rʲ], seach [fiər].

23. An dà chuid [uə] agus [ua] à SG *úa* /uə/.

24. Cha lean na facail Ghàidhlig (1) *seun* 'ortha, geas', (2) *sian* 'droch shìde' agus (3) *sìon*

## §5 (iv) Dà-litrichean

Tha an dà-litir *ao* na h-aon-fhoghar fada §5 (ii), m.e. [u:] *gaol*; tha an dà-litir *eu* aon chuid na h-aon-fhoghar fada, m.e. [e:] *feum*, no na dà-fhoghar, m.e. [ia] *feur* §5 (iii).

## §6 Feart nan litrichean fuaimreagach

## §6 (i) Feart caol

Canar CAOL ris na litrichean fuaimreagach *e i*, .i. thèid an ràdh aig mullach agus/ no aig toiseach a' bheòil: [i:] *tì*; [e:] *tè*.

## §6 (ii) Feart leathann

Canar LEATHANN ris na litrichean fuaimreagach *a o u*, .i. thèid an ràdh aig bonn agus/no aig cùl a' bheòil: [ɑ:] *là*; [o:] *cò*; [u:] *cù*.

## §6 (iii) Buaidh feart nam fuaimreagan

Bidh feart nam fuaimreagan a' sònrachadh feart na connraig no nan connragan rin taobh §7, §21, m.e. (leathann) *là*; (caol) *lì*; (leathann) *càs*; (caol) *cis*.

## §7 Litrichean feirt

Nuair nach ionann feart na fuaimreige ann an lide agus feart na connraige ri a taobh, cleachdar na litrichean *e i* no *a o u* (a thuilleadh air an fhìor fhuaimreig fhèin) mar litrichean feirt gus feart na connraige a shònrachadh §21, m.e. *fìr* [fìrʲ] (le *r* chaol shèimhichte, far an ionann feart fuaimreag na lide agus feart na connraig *r* na dèidh) ~ *bìor* [bìr] (le *r* leathann shèimhichte, far nach ionann feart fuaimreag na lide agus feart na connraig na dèidh, agus far an cleachdar an litir feirt *o* gus feart leathann na connraige *r* a shònrachadh); *leig* [l̥e̞gʲ] (le *g* chaol; le *i* na litir feirt, ged as ionann feart fuaimreag na lide agus feart na connraig na dèidh)<sup>25</sup> ~ *leag* [l̥e̞g̊] (le *a* na litir feirt, a' sònrachadh feart leathann na connraig *g*).

## §8 Fuaimneachadh nan litrichean fuaimreagach beumte

Anns na leanas, tha (i) *a e i o u* nan aon-fhogharan goirid; tha (ii) *à è ì ò ù* nan aon-fhogharan fada §5 (ii), mar a tha (iii) na dà-litrichean *ao eu*; tha (iv) *èa eu ia*

---

'càil, dad' uile an riaghailt litreachaidh: (1) tha [ia] *seun* < SG *sén* air a litreachadh gu h-eachdraidheil; (2) 's ann à SG *sín* a tha GA [iə] *sian*, ach bhite an dùil ris an litreachadh \**sion* gu h-eachdraidheil; agus (3) is coltach gur h-ann à SG *sén* 'seun' (1) a tha [ia] *sion*, le sineadh sa bhrìgh, .i. 'ortha' > 'comharra' > 'nì' > 'nì sam bith', agus far am biodh an litreachadh [ia] \**sian* na bu chiallaiche, ga dhealachadh ann an sgrìobhadh bho [ia] *seun* 'ortha'. Far an tèid an cleachdadh, tha fuaimneachadh nan trì facal seo air tuiteam còmhla sa mhòr-chuid: [ia].

25. Mar as trice, tachraidh seo far an nochd an litir *e* ro chonnràig chaoil co-dhiù, m.e. *creid*; *brèid*.

ìo *ua* nan dà-fhogharan §5 (iii). Comharraichear fuaimreagan feirt le camagan cruinne.

## §8 (i) Aon-fhogharan goirid

a	a	{	[a]	<i>bad; cat; dath; anail</i>
			[ɑ]	<i>glas; balla</i>
			[ə]	<i>lagh; cladh</i>
	a (i)	{	[a]	<i>baile; aimsir</i>
			[ɛ][æ]	<i>cait; aiteamh</i>
			[e][ɛ]	<i>air</i>
			[ə]	<i>gairm; taigh</i>
e	e	{	[e][ɛ]	<i>e; esan; leth</i>
			[ɛ]	<i>tebhisean</i>
	e (i)	{	[e]	<i>eich; deich; eilean; (bh)eil</i>
			[e][i]	<i>leig</i>
			[ɛ]	<i>bleith</i>
			[ɛ][æ]	<i>teine</i>
	e (a)	{	[e][ɛ][æ]	<i>each; leag; deas; leabaidh</i>
			[ɛ]	<i>bean; peansail; feasgar</i>
			[ɛ][a][ɑ]	<i>seachd; ceart; beart; neart</i>
			[ɑ]	<i>geal; ceannach; earrach</i>
			[ə]	<i>leaghadh; seadh; feadh</i>
e (ai)			[ɛ][ɑ]†	<i>Peairt</i>

†Gu dualchasach, b' e [ɛ] *Peart*, gin. *Peirt*, a bh' anns an ainm seo, ach riochdaichidh [ɑ] *Peart*, gin. *Peairt*, am fuaimneachadh as cumanta mu thuath nas fheàrr, ged as e *Peairt* a chleachdar an dà chuid san tuiseal bhunasach agus san tuiseal ghinideach an-diugh. Chithear *beairt* seach *beart*; *beairteach* seach *beartach*, cuideachd.

i	{	i (o)	{	[i]	<i>i; fir; mise; sinne; litir</i>
				[i]	<i>bior; smior; tioram; fios; biorach</i>
				[u]	<i>iolaire; rionnag; sionnach</i>
				[u][ə]	<i>fiodh</i>

o	}	(e)	o	{	[ɔ]	<i>dona; loch; sop; bodach; bochd</i>	
			o	{	[o]	<i>bog; gob; obair; nota; tog; ochd</i>	
			o	{	[ɔ]	<i>seo; Seonag</i>	
			o	{	[ɔ]	<i>oir; coin; toiseach; boireannach</i>	
						[ə]	<i>goirid; goid; coille; soirbh</i>
u	}	(i)	u	{	[u][ʊ]	<i>thu; bun; dubh</i>	
			u	{	[u]	<i>rud; gunna; ubhal; mullach</i>	
			u	{	[u][ʊ]	<i>giuthas; siubhal; siuthad</i>	
			u	{	[u]	<i>fliuch; iuchair; piuthar</i>	
			u	{	[i][ɪ]	<i>siud</i>	
			u	{	[ʊ]	<i>buin; fuil; cuir; duilleag</i>	
			u	{	[u]	<i>luideag; a-muigh</i>	
			u	{	[ʊ]	<i>suidh; duine; tuig; uisge</i>	

## §8 (ii) Aon-fhogharan fada

à	}	à	{	[a:]	<i>càr; cnàmhan</i>
			{	[ɑ:]	<i>là (latha); làmh; bàrr</i>
			{	[a:]	<i>thàinig; sgàin</i>
			{	[ɑ:]	<i>àird</i>
				[ɛ:]	<i>cnàimh</i>
è	}	è	{	[e:]	<i>dè; glè</i>
			{	[ɛ:]	<i>gnè; 's e</i>
			{	[e:]	<i>thèid; fhèin; èirich</i>
			{	[ɛ:]	<i>rèidh; bèicear</i>
			{	[ɛ:]	<i>nèamh</i>
			{	[ɛ:] ([ia])	<i>dèanamh</i>
			{	[ɛ:] †	<i>cèarr; fèarr</i>
			{	[ɑ:] †	<i>ceàrr; feàrr</i>
(e)	}	à	{	[ɑ:] †	<i>ceàrr; feàrr</i>
			{	[ɛ:] †	<i>fèairde</i>
(e)	}	à(i)	{	[ɛ:] †	<i>fèairde</i>
			{	[ɑ:] † ‡	<i>feàrrde</i>

†Buinidh an litricheadh *cearr* 7c airson na mòr-chuid do Ghàidhlig Earra-Ghàidheal agus *cearr* 7c do dhualchainntean nas fhaide a tuath.

‡Sgrìobhar *Eàirdsidh, teàirids, geàird* (gin.) an-diugh cuideachd. Tha an dà chèill aig SG *cerd* air an dealachadh ri chèile an Gàidhlig na h-Albann an-diugh: air an dàrna làimh, le *ceàrd* f. 'gobha' (gin. *ceàird* – .i. *cèird* – no *ciùird*) agus, air an làimh eile, le *ceàird* b. (nas sine *cèird*) 'sgil' (gin. *ceàirde*, nas sine *cèirde*).

ì	{	ì	[i:]	<i>bid; sgith; fhìn; trì</i>
		ì (o)	[i:]	<i>sioda; pìos; sgrìobh; fìor †</i>

†Air neo [fiər].

ò	{	ò	{	[ɔ:]	<i>bròg; òl; tòrr</i>
			{	[o:]	<i>mòr; cò</i>
		(e) ò	{	[ɔ:]	<i>deònach; ceòl; eòlas; ceò</i>
		(e) ò (i)	{	[ɔ:]	<i>eòin; meòir</i>
ù	{	ò (i)	{	[ɔ:]	<i>dòigh; òige; tòisich</i>
			{	[o:]	<i>còig; mòine</i>
		ù	{	[u:] [ɥ:]	<i>cù; ùr</i>
			{	[u:]	<i>cùl</i>
(i) ù	{	[u:] [ɥ:]	<i>biùgan</i>		
	{	[u:]	<i>diùlt</i>		
(i) ù (i)	{	[ɥ:]	<i>ciùin; ciùil</i>		
	{	[ɥ:]	<i>dùin; sùil; mùin; ùir; cùil</i>		

### §8 (iii) Dà-litrichean (fada)

ao	{	ao	[u:] [ɥ:]	<i>daor; gaol; saor; gaoth; aon</i>
		ao (i)	[u:] [ɥ:]	<i>aois; taois</i>

eu	{	eu	{	[e:]	<i>feum; ceum; beum; leum; Seumas</i>
			{	[e:] ([ia])	<i>beul; seud</i>
			{	[ɛ:] ([iə])	<i>meud</i>

## §8 (iv) Dà-fhogharan (fada)

èa	{	èa	{	[[e:]]ia]	<i>dèan</i>
				ia]	<i>brèagha</i>
eu	{	eu	{	[[e:]]ia]	<i>beul; seud</i>
				[[e:]]iə]	<i>meud</i>
				iə]	<i>ceud</i>
ia	{	ia	{	iə]	<i>biadh; fiar; ciar; cian; ciad; iasad</i>
				ia]	<i>iad; sia; Siadar</i>
		ia (i)		ia]	<i>Iain</i>
ìo		ìo		iə]	<i>crioch; fìon; dìon; fìor †</i>

†Air neo [fi:rʲ].

ùa	{	ua	{	[uə]	<i>uasal; fuar</i>
				[ua]	<i>uamh</i>
		ua (i)	{	[uə]	<i>buain</i>
				[ua]	<i>uaine</i>

## §9 Fadachadh cuidhteachaidh

## §9 (i) Aon-fhogharach

Gheibhear fadachadh aon-fhogharach san fhuaimreig an dèidh do chonnraig a leanas a dhol balbh ro chonnraig eile: (le stràc) [ɔ:] *còmhradh; còmhlán; Dòmhnall*; [u:][ʏ:] *ùghdar*; [u:] *ùbhlan; Dùghlas* (< *Dubhghlas*); (gun stràc) le *a/o* ro *dh/gh* + connrag: [ə:] *adhbhar; teaghlach; foghlam*.

## §9 (ii) Dà-fhogharach

Gheibhear fadachadh dà-fhogharach san fhuaimreig ro *bh dh gh mh ng* (a thèid fhuaimreagachadh) + connrag: [ai] *aibhne; aimhreit; snaidhm*; [ɛu][au] *geamhradh*; [au] *samhradh*<sup>26</sup>; *slabhraidh*; [əi] *doimhne; oidhche; cuibhle*; [iə] *tiodhlac; iongnadh*.

26. Cha deach *mh* fhuaimreagachadh an Ìle agus an ceann a deas Earra-Ghàidheal, m.e. *samhradh* /sɛvərəʝ/ (Grannd 2000, 56–57). Ann an litir air a sgrìobhadh le Arainneach agus air a cur à Canada gu a theaghlach aig an taigh an 1834, chithear *mh* thùsail air a dì-shèimheachadh ann an *toisach en tamaridh* 'toiseach an t-samhraidh' agus *en gheameradh* 'an geamhradh' (Black 1993, 61–87, gu h-àraidh b-nn 7, 32, far an tèid an litir a dheasachadh 's a mhìneachadh; Cox agus Ó Baoill 2005, 53–55, far an tèid an litir a ath-chlò-bhualadh an dèidh Bhlack agus a thras-sgrìobhadh gu Gàidhlig an latha an-diugh).

## §10 Lidean troma

Canar LIDE THROM ri lide bheumte ma chrìochnaicheas i leis na connragan dùbailte *ll nn rr*, a' chonnrag *m* no an còmhlan *ng*, m.e. *call*; *ceann*; *ceàrr*; *cam*; *cuing*; no le *ll nn rr m ng* + connrag, m.e. *allt*; *alltan*; *sunnd*; *sunndach*; *feàirrde*; *campa*; *lampa*; *iongnadh*. Mar an ceudna, 's iad lidean troma a th' ann an lidean beumte a bhios a' crìochnachadh leis na *r*-chòmhlain *rd rl rn*: *bàrd*; *mèirle*; *bùrn*. Bidh buaidh aige seo air fuaimneachadh na lide §11.

## §11 Fadachadh ann an lidean troma

Gheibhear fadachadh san fhuaimreig ann an lidean troma §10<sup>27</sup>:

§11 (i) Ro *ll nn rr*

Ro *ll nn rr* aig deireadh facail no ro chonnraig<sup>28</sup>: (dà-fhoghar) [ɛu][au] *seall*; *sealltainn*; *beanntan*; [ei] *beinn*; [ei] (no [i:]) *cinnteach*<sup>29</sup>; (aon-fhoghar) le stràc: [ɑ:] *beàrr*; *feàirrde*; [ɔ:] *còrr*<sup>30</sup>.

§11 (ii) Ro *m*

Ro *m* aig deireadh facail no ro chonnraig<sup>31</sup>: (dà-fhoghar) [au] *cam*; [əi] *druim*; [ɔu] *lom*; [au] *lampa*<sup>32</sup>. Sgrìobhar [au] *àm* 'tìde' le stràc gus am facal a dhealachadh ris an alt ([əm] *am* §50) agus facail cho-ionann. Is àbhaist, mar an ceudna, aon-fhogharan a chomharradh le stràc: [i:] *im*<sup>33</sup>; *impire* (ach [jɔu] *iompaire*); *impidh* (ach [jɔu] *iompaidh*); *tim*; [u:] *rùm* (ach [ɔu] *rum*); [e:] *grèim* (ach [ei] *greim*)<sup>34</sup>.

27. Faic, mar eisimpleir, O'Rahilly 1976, 49–52; Ó Baoill 1990, 131; Cox 2000.

28. Ach le *ll nn* mar as trice an Ìle agus an ceann a deas Earra-Ghàidheal (Grannd 2000, 53–54, 138), far am faighear fuaimreag ghoirid agus a' chonnraig air a fadachadh gu h-àraidh aig deireadh facail.

29. Ach goirid, mar eisimpleir, ann an *sealladh*; *Sealtainn*; *cinneadh*; *gintinn*; *beannan*; *beantainn*; *leannan*; *leantainn*. (Molaidh GOC 2 *dilleachdan*, *dinnear* agus *trilleachan* a sgrìobhadh, seach *dilleachdan*, *dinnear* agus *trilleachan*, ach chan fhaighear [i:] às na facail seo às aonais stràc orra.) A rèir na riaghailte seo, bhite an dùil ri fuaimreig neo-bheumte ghoirid ann an *ceannard*, mar an ceudna, ach 's e [ãũ] a gheibhear gu riaghailteach agus am facal a' tàrmachadh ann an *ceannphort* (Ó Baoill 1990, 141–42; Watson 1978, xxix).

30. Ach goirid ann am *bearradh*; *corran*.

31. Ach, mar as trice, an Ìle agus am meadhan agus an ceann a deas Earra-Ghàidheal (Grannd 2000, 53, 137), far am faighear fuaimreag ghoirid ach connrag fhada.

32. Ach goirid ann an *caman*; *droma*; *luime*.

33. Tha fuaimreag an fhacail seo fhathast goirid an Ìle agus am meadhan agus an ceann a deas Earra-Ghàidheal (SGDS IV, Ceann-fhacal 515), le fadachadh sa chonnraig ann an corra àite.

34. §3 (iii), b-n 11; goirid ann an *ime* (gin.), *rumannan* (iol.), *grama* (gin.) agus *greimeachadh*; mar fhacal-iasaid às a' Bheurla, bha an fhuaimreag bheumte ann an *tìm* fada bho thùs, às a seo *tìmeannan* (iol.).

§11 (iii) Ro *ng*

Ro *ng* chaoil aig deireadh facail: (dà-fhoghar) [ai] *taing; faing; an Fhraing*; [ei] *being*; [ui] *puing*; cuideachd ro *ng* chaoil mheadhain: [ai] *taingeil; faingean; Fraingeach*; [ei] *beingean*; [ui] *puingean*. Ro *ng* leathainn aig deireadh facail no ro chonraig, ge-tà, cumar am fad tùsail mar as trice, m.e. (goirid) [a] *trang*; [ɔ] *pong*; ach (goirid) [ɔ] no (dà-fhoghar) [ɔu] *long*; (dà-fhoghar) [iə] *iongnadh*; agus ro *ng* meadhain, m.e. [ɔ] *pongail*. A thaobh (goirid) [ɛ] *teanga*, bidh an fhuaimreag bheumte goirid ged a thèid *ng* na suathach [tʰɛ̃ɣə] (coim. *langa* [tʰɛ̃ɣə]<sup>35</sup>), ach gheibhear fadachadh ann an *sreang*: (goirid) [strɛ̃ŋk], (fada) [strɛ̃ɣ] [strɛ̃ɣ̃] §23 (v) (c).

§11 (iv) Ro *rd rrd rl rn*

Ro *rd rrd rl rn*: (aon-fhoghar) le stràc: [ɑ:] *bàrd*; [ɔ:] *bòrd*; [ɛ:][ɑ:] *feàrrde*; [ɛ:][ɑ:] *mèirleach*; [ɛ:][ɑ:] *Teàrlach*; [u:] *bùrn*; *ùrnaigh*; ach gun stràc, mar as trice: [i:] *birlinn*.

## §12 A' comharradh fad ann am fuaimreagan

Cleachdar an stràc mall (˘) air fuaimreagan beumte ann an corra shuidheachadh gus a shealltainn gu bheil an fhuaimreag fada:<sup>36</sup>

## §12 (i) Aon-fhogharan

§12 (i) (a) Cleachdar an stràc air aon-fhogharan, m.e. [ɑ:] *ceàrr*; [ɛ:] *dè*; [i:] *rìgh*; [ɔ:] *feòil*; [u:] *ùil*;

§12 (i) (b) Ach cha chleachdar an stràc air na dà-litrichean *ao* [u:] *caomh*; agus *eu* [e:] *beum*.

## §12 (ii) Dà-fhogharan

§12 (ii) (a) Cleachdar an stràc air na dà-fhogharan *io* [iə] *sìor*; agus *èa* [ia] *brèagha*;

§12 (ii) (b) Ach cha chleachdar an stràc air na dà-fhogharan *ia* [iə] *cian*; [ia] *sia*; *eu* [ia] *beul*; agus *ua* [ua] *uan*; [uə] *buan*.

35. SL *langa*; iom-sgaraich am fàs a gheibhear ann an ainmean-àite nach do ghabh a leithid de cho-choslachadh, m.e. *Tunga*, an Leòdhas, [tʰũŋkə], à SL *Tunga* b. ‘[an] teanga; [an] oitir’ (coim. Cox 2007d, 18–19).

36. Gus an dàrna leth den 20mh linn, chleachdte an stràc mall (˘) agus an stràc geur (˘) air na litrichean *e* agus *o*, a rèir fuaimneachaidh: chleachdte an stràc mall air *è* agus *ò* fhosgailte, m.e. [ɛ:] *gnè*; [ɔ:] *feòil*, ach an stràc geur air *é* agus *ó* dhùinte, m.e. [e:] *féill*; [o:] *mór*; ach molar an stràc mall a-mhàin a chleachdadh an-diugh, gun sùil ri fuaimneachadh, .i. *gnè*; *féill*; *feòil*; *mòr*. An-dràsta is a-rithist ann an sgrìobhaidhean na 19mh linn, gheibhear an comharra briosg (˘) air fuaimreagan goirid, gus an dealachadh ri fuaimreagan fada, m.e. *bàta* ‘bata, maide’, seach *bàta* ‘eathar’: *dhèirich e air càch le bhàta daraich* (*An Teachdaire Gaelach* I, 132).

§12 (ii) (c) Cleachdar an stràc gus dà-fhoghar a shònrachadh ann an corra fhacal aig a bheil *bh mh* chaol: (meadhain) [ai] *dràibhear; dàibhear; dàimheach; làimhe;* (deiridh) *dràibh; dàibh; dàimh; làimh;* ach gun stràc ann an *dhaibh; dhuibh.*

### §13 A' combarradh dàrna fadachadh

#### §13 (i) Fadachadh cuidhteachaidh

Fuaimreagan fada mar thoradh air fadachadh cuidhteachaidh §9:

§13 (i) (a) Cleachdar an stràc air aon-fhogharan: [i:] ìghne (< *nighean*); [o:] *fòghnaidh* (< *foghain*); [o:] *còmhradh*; [u:] [ʉ:] *ùghdar*; [u:] *ùbhlán* (< *ubhal*); *Dùghlas* (< *Dubhghlas*);

§13 (i) (b) Ach cha chleachdar an stràc air *a/o* fhada ro *dh/gh* + connrag: [ə:] *adhbar; adhbrann; adhradh; teaghlach; foghlam;*

§13 (i) (c) Agus cha chleachdar an stràc air dà-fhogharan: [ai] *aibhne* (*abhainn*); *aimhreit; snaidhm; baidhsagal; naidhlean*; [ai][əi] *faighneachd*; [ei] *eighre*; [əi] *doimhne; oidhche; cuibhle; slaightear*; [ɛu][au] *geamhradh*; [au] *samhradh; slabhraidh*; [iə] *tiodhlac; iongnadh.*

#### §13 (ii) Lidean troma

Fuaimreagan fada ann an lidean troma §10:

§13 (ii) (a) Cleachdar an stràc air aon-fhogharan ro *rr* aig deireadh facail no ro chonnraig: [ɑ:] *beàrr; feàirre.*

§13 (ii) (b) Cha chleachdar an stràc air dà-fhogharan ro *ll nn* aig deireadh facail no ro chonnraig: [ai] *bainnse; cail*; [au] *ball; ceann; seall; sealltainn*; [ei] *beinn*; [ei] (no [i:]) *cinnteach; innte*; no air an aon-fhoghar ann an [i:] *innse; na h-Innseachan.*

#### §13 (ii) (c)

§13 (ii) (c) (α) Cha chleachdar an stràc air dà-fhogharan ro *m* aig deireadh facail no ro chonnraig: [ai] *braim*<sup>37</sup>; [əi] *druim; suim*; [ɔu] *lom; com*; [au] *cam; lampa.*

§13 (ii) (c) (β) Ach sgrìobhar [au] *àm* 'tìde' leis an stràc gus a dhealachadh ris an alt ([əm] *am*) 7c, agus sgrìobhar [ɔu][u:] *cùm* 'glèidh' leis an stràc gus a dhealachadh ri [ɔu][u:] *cum* 'cruthaich'.

§13 (ii) (c) (γ) Air uairean, bidh cleachdadh an stràc an urra ri dualchainnt: (aon-fhoghar, le stràc) [i:] *impìre; impìdh*; [e:] *grèim*; [u:] *rùm*; (dà-fhoghar,

37. Molaidh GOC 2 *braidhm*, ach chan e cruth eachdraidheil a tha sin, coim. SG *broimm*, i. (dà-fhoghar) (bun.) *braim*, (goirid) (gin.) *brama*, (iol.) *bramannan*; coim. *greim* (*grèim*) ~ *grama* ~ *greimean*(*nan*); *suim* ~ *suime* ~ *suimeannan*.

gun stràc) [jɔu] *iompaire; iompaidh*; [ɔu] *rum*; [ei] *greim*. Is àbhaist *im* a sgrìobhadh leis an stràc, ged a tha corra dhualchainnt ann far nach fhaighear aon-fhoghar fada ann §11 (ii), b-n 33.

§13 (ii) (d) Cha chleachdar an stràc air dà-fhogharan ro *ng*, aig deireadh facail no ro chonnraig: [ai] *taing; faing*; [iə] *iongnadh*; [ɔu] ([ɔ]) *long*.

§13 (ii) (e) Cleachdar an stràc air aon-fhogharan ro *rdrlrn*: [ɑ:] *bàrd; Teàrlach*; [ɑ:][ɛ:] *mèirleach*; [ɔ:] *bòrd; òrd*; [u:] *bùrn; ùrnaigh*; ach gun stràc mar as trice air *birlinn*, a dh'aindeoin [i:] fada.

### §13 (iii) à(s)

Cleachdar an stràc air an roimhear [a(ɣ)] *à(s)* – ged nach e fuaimreag fhada a th' aig an fhacal – gus a dhealachadh ri facail eile air an sgrìobhadh [ə] *a* no *as*.

### §13 (iv) Mòr-litrichean

Cleachdar an stràc an dà chuid air beag- agus mòr-litrichean, m.e. 's e *àird mhòr a th' ann an Àird nam Murchan*<sup>38</sup>.

### §13 (v) *banrigh; bantrach*

Cha chleachdar an stràc air [au] *banrigh; bantrach*.

### §13 (vi) Riochdairean pearsanta

Gheibhear cruthan beumte (a ghabhas cleachdadh leis a' ghniomhair *IS* §304) aig a' mhòr-chuid de na riochdairean pearsanta §185 ach cha chomharraichear am fadachadh ann an sgrìobhadh: *mi* [mi] > [mĩ:]; *thu* [u][ʉ] > *tu* [tu:][tʉ:]; *e* [e] > [e:]; *i* [i] > [i:]; *sibh* [siv][ʃu] > [ʃəiv][ʃi:v].

## §14 Còmhnadh

### §14 (i) Mìneachadh

Tha corra chòmhlaidh de chonnragan ann nach tèid a ràdh còmhlaidh an dèidh fuaimreig goirid, agus far an tèid fuaimreag còmhnaidh a ràdh eatarra, m.e. *gorm* [g̊ɔ'ɾɔm].

### §14 (ii) Feart

Mar as trice, is ionann an fhuaimreag còmhnaidh agus a' phrìomh fhuaimreag, agus tuitidh an aon bheum air an fhuaimreig còmhnaidh 's a thuiteas air a' phrìomh fhuaimreig, m.e. *Alba* [ˈɑ̃ʎɑpə].

### §14 (iii) Tuiteamas

Lorgar fuaimreagan còmhnaidh eadar na connragan *l n r m* agus connragan àraidh (an dà chuid neo-shèimhichte agus sèimhichte §23 (iii)), mar a leanas<sup>39</sup>:

38. Cha b' e sin an cleachdadh ro *GhOC* 2 (2005) §3 (iii).

39. Chithear an litreachadh eachdraidheil – mas fhìor – *ealdhain* an àite *ealain* b. ann

<i>l</i>	+	<i>b</i>	<i>bh</i>	<i>ch</i>	<i>fh</i>	<i>g</i>	<i>gh</i>	<i>m</i>	<i>mh</i>	<i>p</i>	<i>r</i>
<i>n</i>	+	<i>b</i>	<i>bh</i>	<i>ch</i>	<i>fh</i>		<i>gh</i>	<i>m</i>	<i>mh</i>		<i>r</i>
<i>r</i>	+	<i>b</i>	<i>bh</i>	<i>ch</i>	<i>dh</i>	<i>fh</i>	<i>g</i>	<i>gh</i>	<i>m</i>	<i>mh</i>	
<i>m</i>	+		<i>ch</i>					<i>l</i>		<i>n</i>	<i>r</i> <i>s</i>

<i>l</i> +	}	<i>b</i>	<i>Alba</i>
		<i>bh</i>	<i>dealbh; suilbhir; falbh; tarbh</i>
		<i>ch</i>	<i>salchar; seilcheag</i>
		<i>fh</i>	<i>ulfhartaich</i>
		<i>g</i>	<i>tilg; balgam; builgean; meirgeach</i>
		<i>gh</i>	<i>duilgheadas; doilgheas</i>
		<i>m</i>	<i>calma; falmadair</i>
		<i>mh</i>	<i>talmhainn (gin.); allmharach</i>
<i>n</i> +	}	<i>p</i>	<i>calpa; fulpannach</i>
		<i>r</i>	<i>iolra</i>
		<i>b</i>	<i>cainb</i>
		<i>bh</i>	<i>banbh; inbhe</i>
		<i>ch</i>	<i>eanchainn; Donnchadh</i>
		<i>fh</i>	<i>onfhadh</i>
		<i>gh</i>	<i>eanghlas; coingheall</i>
		<i>m</i>	<i>ainm; anmoch</i>
	<i>mh</i>	<i>seanmhair; ionmhas</i>	
	<i>r</i>	<i>ionracas</i>	

an Dwelly agus ann an sgrìobhainnean nas sine. B' e bun-*n* a bh' ann an SG *elada* b., gin. *eladan*, tabh. *eladain*; b' e an riochd tabhartach a thug GT *ealadhain* agus GA *ealain*, far am bi [a] fhosgailte san lide dheiridh a' riochdachadh GT *-adha* > [a:] > [a]. Buinidh GA *ealain* do Rang II (b.) §77 an-diugh, gin. *ealaine*, iol. *ealainean*. 'S e os-cheartachadh a th' anns a' chruth ghinideach iolra \**ealan* a chithear air uairean (m.e. *Pròiseact nan Ealan*), seach *ealain* (*ean*), mar gum b' e ainmear meanbhach fireann §93 (i) a bh' ann a bhuineadh do Rang I; iom-sgaraich *Comhairle nan Eilean*.

r +	}	<i>b</i>	<i>Barbara; borb</i>
		<i>bh</i>	<i>garbh; tarbh</i>
		<i>ch</i>	<i>dorch; Murchadh</i>
		<i>dh</i>	<i>urrdhag †</i>
		<i>fh</i>	<i>tarfhsgeir ‡; forfhais</i>
		<i>g</i>	<i>dearg; lorg</i>
		<i>gh</i>	<i>suirghe; dorgh</i>
		<i>m</i>	<i>orm; dearmad; gorm</i>
m +	}	<i>mh</i>	<i>A' Mhormhoich</i>
		<i>ch</i>	<i>timcheall; iomchaidh</i>
		<i>l</i>	<i>imlich; seamlach</i>
		<i>n</i>	<i>lomnochd; innidh</i>
		<i>r</i>	<i>iomradh; imrich</i>
		<i>s</i>	<i>aimsir; dreamsgal</i>

†*urrdhag* 'tòrr chlachan mòra no ulbhagan' (< GA \**urrdh* < SL *urð* b. + ~*ag* §93 (ii)).

‡*tarfhsgeir* 'gearradair mònach' (< SL *torf-skeri* f. 'sgrath-sgian').

#### §14 (iv) Facail fhillte

Gheibhear fuaimreagan còmhnaidh cuideachd far an tig connragan co-ionann còmhla ann am facail fhillte: buadhair + ainmear §87 (ii) (a), m.e. *sean bhean*; ainmear + ainmear §87 (ii) (b), m.e. *ceann-bhaile*; *bancharaid* (ri taobh [ə] *ceanna-bhaile*; *banacharaid*); ro-leasachan + ainmear §378, m.e. *anfmann* (< *an* 'glè' + *fann*); giorrachaidhean mar thoradh air teasgadh, m.e. *curracag* (< *currac* 'seòrsa aide' + ~*ag* §93 (ii) (b), ri taobh *curracag*); *chunncas* (< *chunncas*<sup>40</sup>); ainmean-àite, m.e. *Fionnphort* (Muile); *Glaschu*.

#### §15 Srònachadh ann am fuaimreagan beumte

Mar as trice, gheibhear srònachadh air fuaimreagan beumte agus litir shrònach (*m mh n nn no ng*) rin taobh, m.e. *màthair* [ã:]; *coin* [ǔ]; mairidh lorg den t-srònachadh seo fiù 's ma thèid a' bhun-litir a shèimheachadh, m.e. *a mhàthair!* [ã:]. Gheibhear corra fhacal far am faighear srònachadh neo-eachdraidheil, m.e. *abhainn* [ã]; *oidhche* [ǔĩ]; air uairean *ùth* [ũ:].<sup>41</sup>

40. SG *co n-accas*.

41. San riochdair *mi*, gheibhear (neo-bheumte) [mi], beumte [mĩ:], m.e. *cha bu mhi* [vĩ:].

## §16 Beàrnas

Gheibhear beàrnas<sup>42</sup> air uairean an àite suathaich mheadhain air dà adhbhar:

## §16 (i) Eachdraidheil

Far am bi connrag bhalbh a' riochdachadh beàrnas eachdraidheil: *adha* < SG *áe*; *bidhe* (*bìdh*) < SG *büid*; *fodha* < SG *fou*; *ogha* < SG *aue*; *dithis* < SG *düis* cusp.; *fitheach* < SG *fiach*; *giuthas* < GT *gúus*; *latha* < SG *lae*; *leatha* < SG *lee*; *motha* < SG *móo*; *piuthar* < SG *süur*; *rathad* < GT *rout*; *reothadh* < SG *réud*; *Crothair* (ainm baile ann an Leòdhas) < SL *Króar* '[na] cròthan'; *drathair* < B *drawer*.

## §16 (ii) Deireannach

Far an deach connrag eachdraidheil balbh ach a chaidh a h-àite a chomharradh le beàrnas: *gabhail* < SG *gabáil*; *cobhar* < SG *cobir*; *marbhadh* (glè ainneamh le [v]) < GT *marbád*; *crìdhe* < SG *críde*; *meadhan* < SG *medón*; *lugh* < SG *lugu*; *saighead* < SG *saiġet*; *brèagha* < SG *bregġda*; *leathad* < SG *lethet* 'leud'; *mothachadh* < coim. GT *mothaiġim* 'mothaichidh mi'; *domhainn* < SG *dorġuin*; *coimhead* < SG *comġét* 'cumail'; *cumhang* < GT *cunġung*; ann an corra dhualchainnt, *ceangal* < GT *cengal*. Cuideachd, *bodha* 'sgeir fo thuinn' < SL [ð] *boða* claon; *clobha* < SL [β] *klofa* claon; *bogha* < SL [ɣ] *boga* claon.<sup>43</sup>

## §17 Fuaimreagan neo-bheumte

Ann an lidean neo-bheumte, airson na mòr-chuid,

## §17 (i) [ə]

Gheibhear [ə] bho fhuaimreagan a bha goirid bho thùs, m.e. [ə] *doras*; *agam*; *boireann*; *mise*; *ithe*; *cothrom*; *Calum*.

## §17 (ii) [a] 7c

Gheibhear [a] (no a eugsamhail) bho fhuaimreagan a bha fada bho thùs<sup>44</sup>, m.e. [a] *aran* §93 (i); *caileag* §93 (ii); *saighdear* §91 (iv) – caol [ɛ][æ] *arain*; *caileig*;

42. i. crìoch eadar dà fhuaimreig: *fitheach* ['fi-əx], ged a gheibhear stad glotach an Earra-Ghàidheal: ['fiʔəx] (Holmer 1938, 34–37); fonn tuiteim an Leòdhas: ['fiðx] (Oftedal 1956, 25–31).

43. Iom-sgaraich eisimpleirean far an deach an suathach tùsail a ghleidheadh, m.e. [ɣ] *laghail* (*lagh* < SL *log*; + iar-leasachan §127); [j] *laighe* §252 (ii) (f) (coim. GT *laiġid* 'laighidh e', ainm. gn. *liġe*); [j] *bòidheach* (< GT *búaid* 'buaidh' + iar-leasachan §125, MacBain 1982, s.v.); [v] *freumhach* (*freumh* < SG *frém* + iar-leasachan §125); [h] *feitheamh* §252 (ii) (c) (< GT *fethem*); [ŋk] *pongail* §11 (iii) (*pong* < GT *ponc* + iar-leasachan §127); [ŋkʲ] *taingeil* (*taing* < B *thank*, + iar-leasachan §127). Air uairean, gheibhear eugsamhlachadh, m.e. [-] no [ɣ] *feadhainn* §225 (GT *fedan*); [-] no [v] *sámhach* (GT *sámach*); airson [-] no [v] ann an *saoghal* agus *foghar*, faic §23 (ii) (f) (ð), b-n 74.

44. No a dh'fhàs fada tro fhadachadh cuidhteachaidh.

*saighdeir* – [a] *feumail*; *nimheil* §127; *làmhagh*<sup>45</sup>; *cunnart*<sup>46</sup>; [a][ɔ] *càilear* §128; *seachdain*<sup>47</sup>; cuideachd bho dhiofar fhuaimreagan ann am facail-iasaid, m.e. [a] [æ][ɛ] *basgaid* < B *basket*.

§17 (iii) Ro *ch* (leathann) *chd*

Gheibhear [ə][a][ɔ], a rèir dualchainnt, ro *ch* (leathann) agus *chd*, m.e. *cailleach*; *bàrdachd*<sup>48</sup>.

§17 (iv) [i]

Gheibhear [i] ro chonnragan caola, bho fhuaimreagan a bha goirid bho thùs, m.e. [i] *dithis*; *balaich*; *sliasaid*; agus [i] dheiridh agus na suathaich *dh gh* chaol air am fuaimreagachadh, m.e. [i] *dùinidh*<sup>49</sup>; *dachaigh* §83 (iii) (a) (θ) + b-n 27; *àirigh*<sup>50</sup>; cuideachd bho dhiofar fhuaimreagan ann am facail-iasaid, m.e. *cofaidh* < B *coffee*; *brìogais* < BG *breaks*, le fuaimreig in-shàthte.

§17 (v) [u]

Gheibhear [u] dheiridh agus na suathaich *bh mh* air am fuaimreagachadh ann an corra dhualchainnt, m.e. [ʰbʲaᵛu] *beulaibh*, seach [ʰbʲaᵛəv]; *dèanamh* [dʲiãnu], seach [dʲiãnəv]. Cuideachd bho [u:] fhada air a giorrachadh ann am *mòrchuiseach* < *mòr* + *cùiseach*.

§17 (vi) Co-sheirm fhuaimreagach

Gheibhear co-sheirm fhuaimreagach ann an corra dhualchainnt, far am freagair fuaimreag dheiridh neo-bheumte ris an fhuaimreig bheumte agus beàrnas na dèidh, m.e. *leatha* [ʰjɛ-ɛ], seach [ʰjɛ-ə], *ogha* [ʰo-o], seach [ʰo-ə]. Air uairean, gheibhear co-sheirm ann an lidean dùinte, m.e. *rathad* [ʰrɑ-ɑt̪], seach [ʰrɑ-ət̪].

## §18 Teasgadh

Canar TEASGADH no bàthadh nuair a thèid fuaim no lide ann an cainnt fhàgail às, agus gabhadh seo aithneachadh ann an sgrìobhadh.

§18 (i) Teasgadh toisich

.i. teasgadh aig toiseach facail, m.e. *'am* §26 (i) (b), b-n 2 (< *agam* §345 (v)); *san taigh* (< *anns an* §349 (ii)); *'s mi* (< *is mi*).

45. ? < \**làmh-thuagh* (Ofteal 1956, 151).

46. SG *cuntabart* 'teagamh, neo-chinnt, imcheist' (*DIL*, s.v.)

47. SG *sechtmain*, na bu tràithe *sechtmon* < L *septi-mān* (*DIL*, s.v.).

48. O'Rahilly 1976, 109–12.

49. GT *dúnaid* > *dúinid*.

50. GT *áirge* b. 'áite am bleoghainear bà' > GA *àirigh*; coim. GA *geàrraidh* < SL *gerði* (Cox 2007b, 61–62).

## §18 (ii) Teasgadh meadhain

i. teasgadh ann am meadhan facail: *curracag* (le fuaimreig còmhnaidh; < *curracag* §14 (iv)); *col'ach* (< *coltach*); gin. *aibhne* (bun. *abhainn* §77 (iii)); gin. *cathrach* (bun. *cathair* §81 (i)); gin. sg. boir. *bòidhche* (bun. *bòidheach* §118 (i)); *gaothar* (< *gaothmhor* §128); *suidhichean* (< *suidheachaidhean* §83 (iii) (a) (ζ)); thèid lidean meadhain nan gnìomhairean *èirich*; *fuirich*; *dirich* a theasgadh agus dùnadh riutha: *dh'èirinn na bu tràithe nam b' urrainn dhomh*; *diridh sinn an Cuiltheann Disathairne*; *chan fhuirinn na b' fhaide*; cuideachd, *fosgail*; *fuasgail*; *fògair*; *freagair*; *tagair*; *togair*: *fosglamaid na preusantan!*; *ma thogras tu*; agus far an dèan barrachd air aon fhacal aonad fuaimneachadh: *cà'il* (< *càit a bheil*); *h-abair g'eil meud ann!* (< *gu bheil*; A. Caimbeul 1992, 25); *tè'ile* (< *tè eile* §26 (i) (b) + b-n 1). Gheibhear cruthan fada (beumte) agus cruthan goirid (neo-bheumte), m.e. (*ABAIR*) *thubhairt ~ thuirt* §268 (i); (*THOIR*) *tabhairream ~ thoirream* §268 (x); (*BI*) *bithidh ~ bidh*; *bhithreas ~ bhios*; *bhithreadh ~ bhiodh*; *bhithreamaid ~ bhioimaid* §268 (xi). Gheibhear dùblagan mar thoradh air eugsamhlachadh eadar cruthan dà-lideach agus cruthan aon-lideach, m.e. *latha ~ là* §8 (ii); *motha ~ mò* §137 (ii) §16 (i); *riutha ~ riù* §368 (v) + b-n 95; *leotha ~ leò* §362 (v), + b-n 75.

## §18 (iii) Teasgadh deiridh

i. teasgadh aig deireadh facail: *am bàt'-aiseig* (< *bàta-aiseig*); *an duin' ud* (< *duine*); *air cùl an taigh-bhig* (< *taighe-bhig*)<sup>51</sup>; *m' athair* (< *mo* §190); *briste-cridhe* (< *bristeadh-cridhe*); *cinne-daonna* (< *cinneadh-daonna*). Gheibhear teasgadh deiridh san alt ro shèimheachadh an dà chuid ann an cainnt agus ann an sgrìobhadh, m.e. *a' mhadainn* (iom-sgaraich GE *an mhaidin*); a thaobh fuaimneachadh an uilt ro chonnragan, gheibhear teasgadh ann an cainnt gu tric, m.e. [ə 'rɑ-ə̃], ach chan fhaicear sin ann an sgrìobhadh (*an rathad*) §24.

§18 (iv) *a*; *an*

Thèid facail no mìrean slàna a bhios nan *a* no nan *an* a theasgadh gu tric, m.e. (an riochdair dàimheach bunasach *a*<sup>dh</sup> §199) *mo chreach-sa (a) thàinig*; *an t-seachdain sa (a) chaidh*; (an riochdair seilbheach treas-pearsa sing. fir. *a*<sup>s</sup> §190) *(a) athair*; *chaidh (a) atharrachadh*; *air (a) ais* §194 (i) (b) (β) + b-n 12; (an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii)) *gus do bhiadh (a) ithe*; (an roimhear *de*<sup>dh</sup> §355 (viii) (g)) *a dhà no a trì (a) sheachdainean*; (an co-ghnìomhair *an seo* 7C §210 (ii)) *'s e droch rud a tha (an) seo*.

A thaobh cleachdadh an sgair, faic §26, agus cleachdadh a' bheàim, §27.

## §19 Co-mheasgachadh

Tha CO-MHEASGACHADH eadar facail bheaga a thèid a nasgadh ri chèile cumanta, m.e. (roimhear an t-alt §50) *dhan bhaile* (< *do*<sup>dh</sup> + *an*<sup>s</sup> §356 (ii)); (roimhear an

51. Ach, ann an Uibhist, chante *muinntir an Taighe Bhig* ri coitheanal nan Saor-Chlèireach (Iain MacDhòmhnaill, conaltradh pearsanta).

+ riochdairean seilbheach) *lem mhàthair* (*le* + *mo*<sup>s</sup> §190 (ii)); (mìrean ro-ghnìomhaireach) *na rinn thu e?* (< *an*<sup>m</sup> + *do*<sup>dh</sup> §246 (i) (a)); (naisgearan + an gnìomhair *IS*) *mas fheàrr leat* (< *ma*<sup>dh</sup> + *as*<sup>f</sup> §304 (iv)).<sup>52</sup>

## §20 Na litrichean connragach

§20 (i) Na litrichean dualchasach

Tha 13 litrichean connragach ann: *b c d f g l m n r p s t* agus *h*.

§20 (ii) Feart agus sèimheachadh

Faodaidh na litrichean connragach *b c d f g l m n r p s t* a bhith leathann no caol §21, sèimhichte no neo-shèimhichte §22.

§20 (iii) Dreuchdan na litreach *h*

Tha an litir *h* na comharra air

§20 (iii) (a) Sèimheachadh §45 (i), m.e. *crosta* > *clann chrosta*.

§20 (iii) (b) Analachadh §46 (i), m.e. *a h-athair*.

§20 (iii) (c) Litir air a ceann fhèin aig toiseach caochladh fhacal-iasaid, m.e. (às an t-Seann Lochlannais) *Hìort*<sup>53</sup>; *na Hearadh*<sup>54</sup>; (às a' Bheurla) *hama*; *hamstair*.

## §21 Feart nan litrichean connragach

§21 (i) Raon

Faodaidh a' mhòr-chuid de chonnragan a bhith caol no leathann §6, agus thèid am feart àraidh a shònrachadh le feart nam fuaimreagan §7 a bhios rin taobh, m.e. (caol) [l<sup>j</sup>] *baile*; [ʎ<sup>ʎ</sup>] *cailleach*; (leathann) [ʎ<sup>ʎ</sup>] *cala*; *balla*; (caol) [d<sup>j</sup>] *aid*; [h<sup>tʃ</sup>] *àite*; (leathann) [d<sup>j</sup>] *ad*; [h<sup>tʃ</sup>] *at*.

§21 (ii) Tuiteamas

Cleachdar litrichean fuaimreagach den aon fheart air dà thaobh na connraig, gus am bi litir chaol ri litir chaoil no litir leathann ri litir leathainn, m.e. *le d* chaoil: [d<sup>j</sup>] *lide*; *maide*; le *d* leathainn: [d<sup>j</sup>] *radan*; *madainn*; le *g* chaoil: [g<sup>j</sup>] *leigidh*; *àigeach*; le *g* leathainn: [g<sup>j</sup>] *baga*; *fàgaidh*.

52. Ach sgrìobhar *gu 'n*<sup>m</sup> (an naisgear + an riochdair dàimheach claon §200) an seo – leis an asgair a' riochdachadh teasgadh toisich – gus a sgaradh bhon naisgear *gun*<sup>m</sup> §336 (iv): *fuiridh sinn gu 'n till iad* (= *fuiridh sinn gus an till iad*); mar an ceudna, *na 's* (an riochdair dàimheach ro-theachdail *na*<sup>dh</sup> + *as*<sup>f</sup>, riochd dàimheach làthaireach a' ghnìomhair *IS*; §304 (vi)) gus a sgaradh bhon riochdair dhàimheach fhàisneach *nas* §138 (i) (b) + b-n 3: *dèan na 's urrainn dhut!*

53. SL *Hirtir* 'na] daimh' (Cox 2009, 23).

54. *Na Hearadh*, na bu tràithe air a sgrìobhadh *Na h-Ear(r)a(dh)* gu tric (m.e. Henderson 1910, 185), < SL *Herað* 'a'] cheàrn' (Cox 2008, 52).

## §21 (iii) Mura-bhithean

Thèid an riaghailt ‘caol ri caol is leathann ri leathann’ a bhriseadh:

§21 (iii) (a) Ann an corra fhacal aig a bheil ceart-sgrìobhadh eachdraidheil: le *s* leathainn ann an [ʃ] *esan* §188 (i); *is* ‘agus’ §333 (i); *is*, i. an gnìomhair *IS* §304; le *d* agus *g* leathainn: [ʒat̪]<sup>55</sup> *ged* §334 (vi).

§21 (iii) (b) Ann an cuid de roimhearan riochdaireil §239, agus mìr sìnidh aca: (3s sg. fir.) *aigesan*; *airsan*; (*bh*)*uaithean*; *dhethsan*; *thuigesan*; *uimesan*; *roimhesan*; *troimhesan*;<sup>56</sup> (3s sg. boir.) *leathase*; (3s iol.) *dhaibhsan*.<sup>57</sup>

§21 (iii) (c) Anns an roimhear fhille *airson* (< *air* + *son*) §346 (ix).

§21 (iii) (d) Ann am buadhairean gnìomhaireach, agus connrag no còmhlan leathann aig deireadh bun-riochd a’ ghnìomhair §249 ach *t* chaol aig an dùnadh bhuadhaireach *-te* §250, m.e. *crochte*; *leagte*; *dèante* (ri taobh *dèanta*).

§21 (iii) (e) Ann an corra fhilleach a sgrìobhar mar-aon, agus am beum air a’ chiad lide §4 (ii), m.e. le *~eigin* §223 (*rudeigin*; *air choreigin*; *am badeigin*); *banrigh* (*ban* + *righ*); *mocheirigh* (*moch* + *èirigh*).

§21 (iii) (f) Anns an fhacal *sgìths* (le *s* leathainn; < *sgìth* + *~as* §90 (ii)).

§21 (iii) (g) Ann an corra fhacal-iasaid, m.e. *Ameireaga(idh)*; *baidhsagal*; *telefòn*.

§21 (iii) (h) Gheibhear litrichean aig am bi am feart ceàrr, a rèir fuaimneachadh na dualchainnt, m.e. [r] leathann shèimhichte seach [r̥] chaol shèimhichte ann an *a-màireach*; *an-uiridh*. Le facail-iasaid, mar an ceudna, gheibhear litrichean toisich aig am bi am feart ceàrr a rèir an litreachaidh, m.e. (litreachadh caol; fuaimneachadh leathann) [t̪<sup>h</sup>] *teatha*, *tì*; [ʃ̪] *siostam*; (litreachadh leathann; fuaimneachadh caol, a rèir dualchainnt) [l̪] *làraidh*; [l̪] *clas* (teagaisg).<sup>58</sup>

§21 (iii) (i) Ann an corra ainm-àite, m.e. *Ormacleit*<sup>59</sup>.

55. No, ann an Gàidhlig fhoirmeil, [ʒet̪].

56. Cuideachd anns na leanas, far an cleachdar tàthan: *leis-san*; *ris-san*; *thairis-san*.

57. Cuideachd, (3s sg. f.) *foidhe(san)*, ri taobh *fodha(san)* §359 (iv), b-n 58; (2ra sg.) *dhuitsa*, ri taobh *dhuitse* §356 (v), b-n 45.

58. Nochdaidh dòighean litreachaidh ann am facail-iasaid, air uairean, nach aontaich ri dòighean fuaimneachaidh, m.e. *calaraidh* (B *calorie*) > *cailearaidh*; *pannal* (B *panel*) > *panail*, coim. *seanail* (B *channel*); *poilitigeach* (B *political*) > *poileataigeach*; *traidisean(ta)* (B *tradition(al)*); coim. GE *traidisiún(ta)* > *tradaisean(ta)*; *pròiseas* (B *process*; coim. GE *pròiseas*) > *pròsas*.

59. M.e. *Buaile Ormacleit*, an Uibhist a Deas, agus an t-ainm-iasaid à SL *Orm-kletti* tabh. ‘nathair-bheinn’.

## §22 Connragan sèimhichte

Canar sèimheachadh ris an atharrachadh fuaimneachaidh a gheibhear aig toiseach fhacal anns a' chuid as motha de chonnragan air adhbharan àraidh §45<sup>60</sup>.

§22 (i) An litir *h*

Cleachdar an litir chonnragach *h* §20 (iii) (a) mar chomharra air sèimheachadh<sup>61</sup>, m.e. *Màiri* > (tuiseal gairmeach §69) *a Mhàiri!*

## §22 (ii) Tuiteamas

§22 (ii) (a) Gabhaidh na litrichean toisich a leanas sèimheachadh: *bràthair* > *mo bhràthair*; *Dòmhnall* > *a Dhòmhnail*; *grian* > *a' ghrian*; *pian* > *a' phian*; *teagamh* > *a theagamh*; *cèile* > *ri chèile*; *fuil* > *san fhuil*; *suidhe* > *nad shuidhe*; *màthair* > *do mhàthair*.

§22 (ii) (b) Ged a ghabhas *l n r* sèimheachadh, cha nochd sin ann an sgrìobhadh: *li* > *mo li*; *nighean* > *a nighean!*; *ruadh* > *glè ruadh*<sup>62</sup>.

60. Thàrmaich sèimheachadh nuair a chaidh altachadh nan connragan singilte eadar fuaimreagan a lagachadh, m.e. GA *màthair* < SG *máthair* < Bun-Cheiltis *mātūr*, coim. L *māter* (faic, mar eisimpleir, Thurneysen 1975, 74–76; Oftedal 1985, 24–31 + tarraingean). Thachair an t-aon rud do chonnragan aig toiseach fhacal, agus 's i a' bhuil a th' air seo gun tèid aig ciad litir facail a cruth atharrachadh an-diugh a rèir shuidhichean àraidh §45, m.e. (ainmear san tuiseal bhunasach bhoireann an dèidh an uilt) GA *a' mhàthair* < SG *in máthair* < Bun-Cheiltis *\*sindā mātūr*. (Thig còmhla de dh'fhacail, mar a tha alt + ainmear no naisgear + gnìomhair 7c còmhla gu nàdarra sa chainnt, rud a rinn e na b' fhasa an t-atharrachadh seo a dhèanamh; gu deimhinn, bhite a' sgrìobhadh nasg-bhriathran mar seo (ibid., 24) mar-aon mar bu trice, gun bheàran, san t-Sean Ghàidhlig, m.e. (à LS Leabhar Dhèir) *essé rothidháig doib ingathraig saín insaere gobraíth ómormáer 7óthósec* (Ó Maolalaigh 2008, 121), .i. is e a thiodhlaic dhaibh a' chathair sin [i. manachainn Dhèir] an saorsa gu bràth o mhorair is o thòiseach.)

61. Chleachdte na samhlaidhean *ch ph th* san t-Sean Ghàidhlig; chaidh am *punctum delens* a chleachdadh air *f* agus *s* shèimhichte bho mu 850 LC agus, thar ùine, chaidh an riaghailt a sgaoileadh gu na litrichean sèimhichte *b d g m*. Fhad 's a chaidh an riaghailt sin a chleachdadh anns an sgrìobt Ghàidhlig (a' Chorra-litir) ann an Èirinn, bha an riaghailt a bha a' cleachdadh na litreach *h* mar shamhla air sèimheachadh air tighinn a-steach a dh'Albainn mus deach a' chiad leabhar Gàidhlig a chur an clò an sin, i. *Foirm na n-urnuidheadh* 1567, far nach fhaighear ach trì eisimpleirean den *punctum delens* (Thomson 1970, xviii).

62. B' e nòs Beurla a bh' ann a bhith a' litreachadh *r* toisich mar *rh* air uairean ann an ainmean a thàrmaich às a' Ghàidhlig, m.e. B *Rhu* (Earra-Ghàidheal) < GA *An Rubha*.

SÈIMHEACHADH ANN AN CONNRAGAN AGUS CÒMHLAIN CHONNRAGACH TOISICH							
LEATHANN				CAOL			
NEO-SHÈIMHICHTE		SÈIMHICHTE		NEO-SHÈIMHICHTE		SÈIMHICHTE	
<i>b</i>	[b]	<i>bh</i>	[v]	<i>b</i>	[b][b <sup>j</sup> ] †	<i>bh</i>	[v][v <sup>j</sup> ] †
<i>bl</i>	[bl̥]	<i>bhl</i>	[vl̥]	<i>bl</i>	[bl̥ <sup>j</sup> ]	<i>bhl</i>	[vl̥ <sup>j</sup> ]
<i>br</i>	[br̥]	<i>bhr</i>	[vr̥]	<i>br</i>	[br̥ <sup>j</sup> ]	<i>bhr</i>	[vr̥ <sup>j</sup> ]
<i>c</i>	[k <sup>h</sup> ]	<i>ch</i>	[x]	<i>c</i>	[k <sup>h</sup> <sup>j</sup> ]	<i>ch</i>	[ç]
<i>cl</i>	[k <sup>h</sup> l̥]	<i>chl</i>	[xl̥]	<i>cl</i>	[k <sup>h</sup> l̥ <sup>j</sup> ]	<i>chl</i>	[xl̥ <sup>j</sup> ]
<i>cn</i>	[k <sup>h</sup> r̥] ‡	<i>chn</i>	[xr̥] ‡	<i>cn</i>	[k <sup>h</sup> r̥ <sup>j</sup> ] ‡	<i>chn</i>	[xr̥ <sup>j</sup> ] ‡
<i>cr</i>	[k <sup>h</sup> r̥]	<i>chr</i>	[xr̥]	<i>cr</i>	[k <sup>h</sup> r̥ <sup>j</sup> ]	<i>chr</i>	[xr̥ <sup>j</sup> ]
<i>d</i>	[d̥]	<i>dh</i>	[ɣ]	<i>d</i>	[d̥ <sup>j</sup> ]	<i>dh</i>	[ɰ]
<i>dl</i>	[d̥l̥]	<i>dhl</i>	[ɣl̥]	<i>dl</i>	[d̥l̥ <sup>j</sup> ]	<i>dhl</i>	[ɣl̥ <sup>j</sup> ]
<i>dr</i>	[d̥r̥]	<i>dhr</i>	[ɣr̥]	<i>dr</i>	[d̥r̥ <sup>j</sup> ]	<i>dhr</i>	[ɣr̥ <sup>j</sup> ]
<i>f</i>	[f]	<i>fh</i>	∅	<i>f</i>	[f][f <sup>j</sup> ] †	<i>fh</i>	∅
<i>fl</i>	[fl̥]	<i>fhl</i>	[l̥]	<i>fl</i>	[fl̥ <sup>j</sup> ]	<i>fhl</i>	[l̥ <sup>j</sup> ]
<i>fr</i>	[fr̥]	<i>fhr</i>	[r̥]	<i>fr</i>	[fr̥ <sup>j</sup> ]	<i>fhr</i>	[r̥ <sup>j</sup> ]
<i>g</i>	[g̥]	<i>gh</i>	[ɣ]	<i>g</i>	[g̥ <sup>j</sup> ]	<i>gh</i>	[ɰ]
<i>gl</i>	[g̥l̥]	<i>ghl</i>	[ɣl̥]	<i>gl</i>	[g̥l̥ <sup>j</sup> ]	<i>ghl</i>	[ɣl̥ <sup>j</sup> ]
<i>gn</i>	[g̥r̥] ‡	<i>ghn</i>	[ɣr̥] ‡	<i>gn</i>	[g̥r̥ <sup>j</sup> ] ‡	<i>ghn</i>	[ɣr̥ <sup>j</sup> ] ‡
<i>gr</i>	[g̥r̥]	<i>ghr</i>	[ɣr̥]	<i>gr</i>	[g̥r̥ <sup>j</sup> ]	<i>ghr</i>	[ɣr̥ <sup>j</sup> ]
<i>l</i>	[l̥]	–	–	<i>l</i>	[l̥ <sup>j</sup> ]	<i>l</i>	[l̥ <sup>j</sup> ]
<i>m</i>	[m]	<i>mh</i>	[v]	<i>m</i>	[m][m <sup>j</sup> ] †	<i>mh</i>	[v][v <sup>j</sup> ] †
<i>mn</i>	[mr̥] ‡	<i>mhn</i>	[vr̥] ‡	<i>mn</i>	*	<i>mhn</i>	*
<i>n</i>	[n̥]	–	–	<i>n</i>	[n̥ <sup>j</sup> ]	<i>n</i>	[n̥ <sup>j</sup> ]
<i>p</i>	[p <sup>h</sup> ]	<i>ph</i>	[f]	<i>p</i>	[p <sup>h</sup> ][p <sup>h</sup> <sup>j</sup> ] †	<i>ph</i>	[f][f <sup>j</sup> ] †
<i>pl</i>	[p <sup>h</sup> l̥]	<i>p<sup>h</sup>l</i>	[fl̥]	<i>pl</i>	[p <sup>h</sup> l̥ <sup>j</sup> ]	<i>p<sup>h</sup>l</i>	[fl̥ <sup>j</sup> ]
<i>pr</i>	[p <sup>h</sup> r̥]	<i>p<sup>h</sup>r</i>	[fr̥]	<i>pr</i>	[p <sup>h</sup> r̥ <sup>j</sup> ]	<i>p<sup>h</sup>r</i>	[fr̥ <sup>j</sup> ]

NEO-SHÈIMHICHTE		SÈIMHICHTE		NEO-SHÈIMHICHTE		SÈIMHICHTE	
<i>r</i>	[ʀ]	<i>r</i>	[r]	<i>r</i>	[ʀ]	<i>r</i>	[r]
<i>s</i>	[s̥]	<i>sh</i>	[h]	<i>s</i>	[ʃ]	<i>sh</i>	[h][hj] †
<i>sg</i>	[s̥k]	–	–	<i>sg</i>	[s̥kʲ] ([ʃkʲ])	–	–
<i>sgl</i>	[s̥k̥]	–	–	<i>sgl</i>	[s̥k̥lʲ]	–	–
<i>sgr</i>	[s̥kr]	–	–	<i>sgr</i>	[s̥krʲ]	–	–
<i>sl</i>	[s̥l̥]	<i>shl</i>	[l̥]	<i>sl</i>	[ʃl̥] ([s̥l̥])	<i>shl</i>	[lj]
<i>sm</i>	[s̥m]	–	–	<i>sm</i>	[s̥m][s̥mj] †	–	–
<i>sn</i>	[s̥n̥]	<i>shn</i>	[n]	<i>sn</i>	[ʃn̥] ([s̥n̥])	<i>shn</i>	[n]
<i>sp</i>	[s̥p]	–	–	<i>sp</i>	[s̥p][s̥pj] †	–	–
<i>spr</i>	[s̥pr]	–	–	<i>spr</i>	[s̥prʲ]	–	–
<i>sr</i>	[s̥tr̥] ([s̥r̥])	<i>shr</i>	[r]	<i>sr</i>	[s̥tr̥] ([s̥r̥])	<i>shr</i>	[r]
<i>st</i>	[s̥t̥]	–	–	<i>st</i>	[ʃt̥ʲ] ([s̥t̥ʲ])	–	–
<i>str</i>	[s̥tr̥]	–	–	<i>str</i>	[s̥tr̥]	–	–
<i>t</i>	[t̥ʰ]	<i>th</i>	[h]	<i>t</i>	[t̥ʰʰ]	<i>th</i>	[h][hj] †
<i>tr</i>	[t̥ʰr]	<i>thr</i>	[hr]	<i>tr</i>	[t̥ʰr]	<i>thr</i>	[hr]
<i>tl</i>	[t̥ʰl̥]	<i>thl</i>	[hl̥]	<i>tl</i>	[t̥ʰl̥ʲ]	<i>thl</i>	[hl̥ʲ]
<i>tn</i>	[t̥ʰr] ‡	<i>thn</i>	[hr] ‡	<i>tn</i>	*	<i>thn</i>	*

∅ = balbh

() = chan fhaighear riochdan ann an camagan cho tric

– = cha ghabh a' chonnrag (no an còmhlan connragach) sèimheachadh

\* = gun teist

† Airson riochdan caola nan litrichean *b bh f m mh p ph sh sp sm th* air an leantainn leis an leth-fhuaimreig [j], faic §23 (iv) (b).

‡ Thèid fuaimreag an dèidh *cn gn mn tn* 7c a shrònachadh gu làidir, m.e. *cnoc* [kʰr̥ʰk̥].

## §23 Fuaimneachadh nan litrichean connragach

	TOISICH		IAR-BHEUMA		NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>b</i>	[b̥]	[b̥][b̥j]	[p]	[p]	[p]	[p]
<i>bh</i>	[v]	[v][vj]	[v][h]ø[-]	[v](F)[-]	[v] <sub>F</sub>	[v] <sub>F</sub>
<i>c</i>	[k <sup>h</sup> ]	[k <sup>h</sup> ]	[ <sup>h</sup> k]	[ <sup>h</sup> kj]	[k]	[kj]
<i>ch</i>	[x]	[ç]	[x]	[ç]	[x]	[ç]
<i>d</i>	[d̥]	[d̥ <sup>j</sup> ]	[t̥]	[t̥ <sup>j</sup> ]	[t̥]	[t̥ <sup>j</sup> ]
<i>dh</i>	[ɣ]	[j]	[ɣ][h]ø[-]	[j]ø <sub>F</sub> [-]	[ɣ]	<sub>F</sub>
<i>f</i>	[f]	[f][fj]	[f]	[f]	*[f]	*[f]
<i>fh</i>	ø [h]	ø [h] *[hj]	[-]	*[-]		
<i>g</i>	[g̊]	[g̊ <sup>j</sup> ]	[k]	[kj]	[k]	[kj]
<i>gh</i>	[ɣ]	[j]	[ɣ][h]ø[-]	[j][h]ø <sub>F</sub> [-]		[j] <sub>F</sub>
<i>l</i>	[l̥] ([l <sup>j</sup> ])	[l̥ <sup>Δ</sup> ]	[l̥]	[l̥ <sup>j</sup> ]	[l̥]	[l̥ <sup>j</sup> ][l̥ <sup>Δ</sup> ]
<i>l<sub>s</sub></i>		[l̥ <sup>j</sup> ]				
<i>ll</i>			[l̥]	[l̥ <sup>Δ</sup> ]	[l̥]	[l̥ <sup>Δ</sup> ]
<i>m</i>	[m]	[m][mj]	[m]	[m]	[m]	[m]
<i>mh</i>	[v]	[v][vj]	[v][-]	[v][j][-]	[v] <sub>F</sub>	[v] <sub>F</sub>
<i>n</i>	[n̥]	[n̥ <sup>j</sup> ]	[n]	[n̥ <sup>j</sup> ]	[n]	[n][n̥ <sup>j</sup> ]
<i>n<sub>s</sub></i>		[n̥ <sup>j</sup> ]				
<i>nn</i>			[n̥]	[n̥ <sup>j</sup> ]	[n̥]	[n̥ <sup>j</sup> ]
<i>p</i>	[p <sup>h</sup> ]	[p <sup>h</sup> ][p <sup>h</sup> j]	[ <sup>h</sup> p]	[ <sup>h</sup> p]	*[p]	*[p]
<i>ph</i>	[f]	[f][fj]				
<i>r</i>	[r̥]	[r̥]	[r]	[r̥ <sup>j</sup> ]	[r]	[r̥ <sup>j</sup> ]
<i>r<sub>s</sub></i>	[r]	[r]				
<i>rr</i>			[r̥]	[r̥]	[r̥]	[r̥]
<i>s</i>	[s̥]	[ʃ]	[s̥]	[ʃ]	[s̥]	[ʃ]
<i>sh</i>	[h]	[h][hj]				
<i>t</i>	[t̥ <sup>h</sup> ]	[t̥ <sup>h</sup> ]	[ <sup>h</sup> t̥]	[ <sup>h</sup> t̥ <sup>j</sup> ]	[t̥]	[t̥ <sup>j</sup> ]
<i>th</i>	[h] (ø)	[h][hj]	[h]ø[-]	[h][j]ø([ç])	ø	*ø

ø = balbh

s<sub>s</sub> = air a shèimheachadh

F = fuaimreagachadh

\* = gun teist

§23 (i) Na stadaich: *c p t, b d g*

§23 (i) (a) Le *c p t*, gheibhear iar-analachadh ann an suidheachadh toisich ach ro-analachadh ann an suidheachadh iar-bheuma<sup>63</sup>, m.e. *cat* [k<sup>h</sup>a<sup>h</sup>t̪]; *taca* [t̪<sup>h</sup>a<sup>h</sup>kə]; 's ann ainneamh a gheibhear *c p t* (ach sna còmhlain *sp st* §23 (v) (e) (β)) ann an suidheachadh neo-bheumte, far nach fhaighear analachadh.

	TOISICH		IAR-BHEUMTE		NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>c</i>	[k <sup>h</sup> ]	[k <sup>h</sup> ]	[ <sup>h</sup> k]	[ <sup>h</sup> k <sup>j</sup> ]	[k]	[k <sup>j</sup> ]
<i>p</i>	[p <sup>h</sup> ]	[p <sup>h</sup> ][p <sup>h</sup> <sup>j</sup> ]	[ <sup>h</sup> p]	[ <sup>h</sup> p]	*[p]	*[p]
<i>t</i>	[t̪ <sup>h</sup> ]	[t̪ <sup>h</sup> ]	[ <sup>h</sup> t̪]	[ <sup>h</sup> t̪]	[t̪]	[t̪ <sup>j</sup> ]

Eisimpleirean: [k<sup>h</sup>] *call*; [k<sup>h</sup>] *cead*; [<sup>h</sup>k] *seacaid*<sup>64</sup>; [<sup>h</sup>k<sup>j</sup>] *aice*; [k] *tiodhlac* f.; *tiodhlacadh* f.; [k<sup>j</sup>] *tiodhlaic* gn.; *thiodhlaiceadh*; [p<sup>h</sup>] *pòg*; *pinn*; [p<sup>h</sup><sup>j</sup>] *peann*; [<sup>h</sup>p] *sop*; *cuip*; [t̪<sup>h</sup>] *tonn*; [t̪<sup>h</sup><sup>j</sup>] *teann*; [t̪<sup>h</sup>] *bata*; [t̪<sup>h</sup><sup>j</sup>] *lite*; [t̪] *buidseat*; *buidseatan*; [t̪<sup>j</sup>] *bunait*<sup>65</sup>; *bunaiteach* §125. Airson [p<sup>h</sup><sup>j</sup>], faic §23 (iv) (b).

§23 (i) (b) Le *b d g*, gheibhear barrachd neo-ghuthachais ann an suidhichean neo-toisich, m.e. *gob* [g̊op]; *bog* [b̊ok]; *caileag* ['k<sup>h</sup>aljak]; *baga* ['b̊akə]; *gob* [g̊op]; *dileab* [d̊ji:l̊əp]; *daga* ['d̊akə]; *gad* [g̊at̪]; *màileid* [m̊a:l̊at̪<sup>j</sup>].

	TOISICH		IAR-BHEUMTE AGUS NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>g</i>	[g̊]	[g̊ <sup>j</sup> ]	[k]	[k <sup>j</sup> ]
<i>b</i>	[b̊]	[b̊][b̊ <sup>j</sup> ]	[p]	[p]
<i>d</i>	[d̊]	[d̊ <sup>j</sup> ]	[t̪]	[t̪ <sup>j</sup> ]

Eisimpleirean: [g̊] *gob*; [g̊<sup>j</sup>] *geal*; [k] *bog*; *caileag*; [k<sup>j</sup>] *thig*; *caileig*; [b̊] *baga*; *beul*; [b̊<sup>j</sup>] *beò*; [p] *gob*; *dileab*; *guib*; *dileib*; [d̊] *daga*; [d̊<sup>j</sup>] *dearg*; [t̪] *gad*; *sailead*; [t̪<sup>j</sup>] *nid*; *màileid*. Airson [b̊<sup>j</sup>], faic §23 (iv) (b).

63. Chan fhaighear ro-analachadh ann an corra dhualchainnt, gu h-àraidh ann an Arainn agus ann an Cataibh.

64. Gheibhear [xk] seach [h<sup>h</sup>k] ann an corra dhualchainnt, agus chithear litreachadh air uairean dha rèir, m.e. *slochd* seach *sloc*.

65. À *bun* + *àite* §86 (i).

§23 (ii) Na suathaich: *s sh ch f fh ph dh gh bh mh*§23 (ii) (a) *s sh*

Tha *s* leathann na [s̥] anns gach àite; agus *s* chaol na [ʃ] anns gach àite, m.e. [s̥] *sad; casan; amaideas*; [ʃ] *seall; deiseil; seirbheis*.

Chan fhaighear *sh* shèimhichte ach aig toiseach facail: tha *sh* leathann na [h], m.e. *mo shùilean*; agus *sh* chaol na [h], m.e. *a Sheumais*, no na [hj] §23 (iv) (b), m.e. *a Sheòrais; ann an sheo* §210 (ii).

§23 (ii) (b) *ch*

Tha *ch* leathann na [x] anns gach àite, m.e. *a' chathair; cachaileith* 'geata'; *balach*; agus *ch* chaol na [ç] anns gach àite, m.e. *mo cheann; crìch* (tabh.); *balaich*.

§23 (ii) (c) *f fh*

Tha *f* leathann na [f] anns gach àite, m.e. *fiar; diofar; lof; sio'raf*; tha *f* thoisich chaol na [f], no na [fj] §23 (iv) (b), m.e. [f] *feur*; [fj] *feòir*; an àite sam bith eile, tha *f* chaol na [f], m.e. *ifinn*<sup>66</sup>; *sio'raif* (gin.).

Tha *fh* thoisich balbh,<sup>67</sup> m.e. *an fhuil; aig an fheansa; dh'fhalbh; fhreagair*; ach anns na facail [h] *fhèin* §226; *fhathast* §423 (v); *fhuaire* §268 (vi); *fhalbh!* §279 – airson *a fhiacais!*, faic §430 (i), b-n 3. 'S i *fh* iar-bheumte bhalbh a dh'adhbharaicheas fuaimreag còmhnaidh ann an *tarfhsgeir* ['tʰa'raʃkʲəɹʲ] §14 (iii); *Orfhasaigh* ['ɔ'rɔ-ə\_ɹʲaj]<sup>68</sup>.

TOISICH		IAR-BHEUMTE		NEO-BHEUMTE
LEATHANN	CAOL	LEATHANN AGUS CAOL		
<i>f</i>	[f]	[f][fj]	[f]	*[f]
<i>fh</i>	ø [h]	ø [h] *[hj]	ø [-]	–

66. À SG *ifern, ifrenn* (< L *infernus*, tro chruth Breatannais (Mc Manus 1983, 61–62 + b-n 121)), a thug a thuiseal tabhartach *ifurnn* an cruth Nua-Ghàidhlig *iutharn(a)* ['juhən(ə)] a gheibhear ann an corra dhualchainnt. Chailleadh an suathach *f* gun lorg ann am Barraigh, mar eisimpleir, far am faighear [ir'ən] (Borgstrøm 1937, 133); iom-sgaraich buil an t-suathaich – pace Borgstrøm, ibid. – ann an *aifreann* [øir'ən] (< L *offerendum*) sam faighear dà-fhoghar.

67. Dh'adhbharaich seo corra dhùblag, tro chùl-chinntinn (faic Calder 1972, 36–38), m.e. *eagal* > *feagal*; *àradh* > *fàradh*; *arspag* §93 (ii) (b), b-n 19, > *farspag*; an rathad eile, gheibhear, mar eisimpleir, SG *frith* > *ri* §368; GT *frém* > (iol.) *freumhaichean, reumhaichean*; a thaobh GT *fuindeóc* > *uinneag*, faic Cox 2000.

68. Ainm-iasaid à SL *Orfirisoy* '[an t-]eilean tràghaidh'.

§23 (ii) (d) *ph*

Tha *ph* leathann na [f] agus *ph* chaol na [f], no [fj] §23 (iv) (b). Chan fhaighear *ph* ach mar chomharra air *p* shèimhichte aig toiseach facail, m.e. [f] *a' phòg*; *ceann a' phinn*; [fj] *mo phiuthar*.

§23 (ii) (e) *dh*

§23 (ii) (e) (α) Aig toiseach facail, 's e *dh* an cruth sèimhichte aig *d*, agus tha i na comharra air *d*-shèimheachadh §45 (iii): tha *dh* leathann na [ɣ], m.e. *dhùin*; *dha* §356 (v); *mo dhruim*; *dh'fhalbh*; a *dh'Albainn* §81 (ii); agus *dh* chaol na [j], m.e. *dhi* §356 (v); *dhith*; *dheth* §355 (v); a *dhith*; *dh'ith*; *dh'ionnsaich*.

§23 (ii) (e) (β) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan goirid, bidh *dh* leathann na [ɣ], m.e. *seadh* §244 (iv); *bhiodh*; *fiodh*; *modh*; agus *crodh*, ach ann an corra dhualchainnt far am faighear [h]; fhad 's a bhios *dh* chaol na [j], m.e. *paidh*; *cruidh* (*crodh*); *guidh*; *suidh*; *uidh* 'ìre'; *meidh*.

AN DÈIDH FHUAIMREAGAN GOIRID				AN DÈIDH FHUAIMREAGAN FADA				
LEATHANN		CAOLA		LEATHANN			CAOLA	
<i>dh</i> LEATHANN		<i>dh</i> CHAOL		<i>dh</i> LEATHANN		<i>dh</i> CHAOL		
[ɣ]	[ɣ] †	[j]	[j]	[ɣ]	∅	[j]/fuaimreagachadh		∅
<i>seadh</i>	<i>crodh</i>	<i>paidh</i>	<i>meidh</i>	<i>cràdh</i>	<i>ràdh</i>	<i>bàidh</i>	<i>maoidh</i>	<i>bidh</i>
<i>bhiodh</i>		<i>cruidh</i>		<i>gràdh</i>		<i>cràdh</i>	<i>naoidh</i> ‡	<i>rèidh</i>
<i>fiodh</i>	[h] ††	<i>guidh</i>		<i>gèadh</i>		<i>fàidh</i>	<i>saoi(dh)</i>	<i>stèidh</i>
<i>modh</i>	<i>crodh</i>	<i>suidh</i>		<i>biadh</i>		<i>gràidh</i>	<i>geòidh</i>	
		<i>uidh</i>				<i>caoidh</i>	<i>crùidh</i>	
						<i>laoidh</i>	<i>drùidh</i>	
							<i>ùidh</i>	

†Le [ɣ] ion-teasgaidh, mar a tha an ainm an òrain 'Crodh Chailein'.

††Thèid [h] dheiridh a theasgadh mar as trice, m.e. *crodh-bainne* [kʰro 'bʰaɲə] §88 (ii) (b), ach ro bhriseadh no ro fhuaimreig, m.e. *aig a' chrodh* [ɛgʲə 'xroh].

‡A sgrìobhar *naoi* an-diugh §147 (i).

§23 (ii) (e) (γ) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan fada, bidh *dh* leathann na [ɣ], m.e. ann an *cràdh*; *gràdh*; *gèadh*; *biadh*; ach balbh ann an *ràdh*. Bidh *dh* chaol na [j] an dèidh fhuaimreagan fada leathann, m.e. ann am *bàidh*; *cràidh* (*cràdh*); *fàidh*; *gràidh* (*gràdh*); *caoidh*; *laoidh*; *maoidh*; *naoidh* (*naoi*); *saoi(dh)*<sup>69</sup>; *geòidh* (*gèadh*); *crùidh*; *drùidh*; *ùidh*; air neo thèid a fuaimreagachadh, m.e. [əi] *caoidh*; [ɔi] *geòidh*; [əi] *crùidh*; ach

69. GT *suí*, (gin.) *súac*, (tabh.) *súid*.

bidh **dh** chaol balbh an dèidh fhuaimreagan fada caola, m.e. *bìdh* (*biadh*); *rèidh*; *stèidh*.<sup>70</sup>

§23 (ii) (e) (δ) Bidh **dh** mheadhain leathann na [ɣ], m.e. *Àdhamh*; agus **dh** mheadhain chaol na [j], m.e. *buidhe*; air neo gheibhear beàrnas na h-àite §16 (ii).

§23 (ii) (e) (ε) Aig deireadh fhacal ioma-lideach, bidh **dh** leathann na [ɣ], m.e. *dùnadh*; agus thèid **dh** chaol fhuaimreagachadh, m.e. [i] *dùinidh*; *Baile Chloichridh*<sup>71</sup>.

### §23 (ii) (f) *gh*

§23 (ii) (f) (α) Aig toiseach facail, 's e **gh** an cruth sèimhichte aig *g*; tha **gh** leathann na [ɣ], m.e. *Baile a' Ghobhainn*; *do ghuth*; agus **gh** chaol na [j], m.e. *ghùlain*; *a ghia!* §436, b-n 9.

§23 (ii) (f) (β) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan goirid, bidh **gh** leathann na [ɣ], m.e. ann an *agh*; *dorgh*; *lagh*; *seagh*; no balbh, m.e. ann an *tiugh*; *ugh*, ach ann an corra dhualchainnt far am faighear [h] no [ɣ]; fhad 's a bhios **gh** chaol na [j], m.e. ann am *faigh*; *laigh*; *a-staigh*; *taigh*; *bloigh*; *a-muigh*; *deigh*; ach na [h], m.e. ann am *figh*; *nigh*.

AN DÈIDH FHUAIMREAGAN GOIRID				AN DÈIDH FHUAIMREAGAN FADA				
LEATHANN		CAOLA		LEATHANN			CAOLA	
<i>gh</i> LEATHANN		<i>gh</i> CHAOL		<i>gh</i> LEATHANN		<i>gh</i> CHAOL		
[ɣ]	∅	[j]	[j]	[ɣ]	∅	[j]/fhuaimreagachadh		∅
<i>agh</i>	<i>tiugh</i>	<i>faigh</i>	<i>deigh</i>	<i>àgh</i>	<i>liùgh</i>	<i>bàigh</i>	<i>aoigh</i>	<i>brìgh</i>
<i>dorgh</i>	<i>ugh</i>	<i>laigh</i>		<i>bàgh</i>	<i>sùgh</i>	<i>bràigh</i>	<i>laoigh</i>	<i>rìgh</i>
<i>lagh</i>	([h]) †	<i>a-staigh</i>	[h]	<i>laogh</i>		<i>pàigh</i>	<i>dòigh</i>	<i>lèigh</i>
<i>seagh</i>	<i>tiugh</i>	<i>taigh</i>	<i>figh</i>			<i>tràigh</i>	<i>òigh</i>	
	<i>ugh</i>	<i>bloigh</i>	<i>nigh</i>					
	([ɣ])	<i>a-muigh</i>						
	<i>tiugh</i>							
	<i>ugh</i>							

†Thèid [h] dheiridh a theasgadh mar as trice ach ro bhriseadh no ro fhuaimreig, m.e. [uh][uh] *ugh*, ach [u][u] *tha ugh sa phana*.

70. Tha *dh* dheiridh balbh cuideachd anns a' chruth ghniomhaireach *bìdh* [b̥i:], *bithidh* [ˈb̥i-i] §18 (ii).

71. Tha an nua-litreachadh *Baile Chloichridh* neo-eachdraidheil a rèir na freumhachd gur e *Cloichridh* an cruth ginideach aig \**Cloichreach*, i. \**Cloichrigh*, i. 'àite clachach' < *clach* + na h-iar-leasachain ~*ar* + ~*ach* (Watson 1926, 413; coim. Watson 1904, xxxviii: *Ruaroch* < *ruadh* + ~*ar* + ~*ach*).

§23 (ii) (f) (γ) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan fada, bidh *gh* leathann na [ɣ], m.e. ann an *àgh*; *bàgh*; *laogh*; ach balbh, mar eisimpleir, ann an *lùigh*; *sùigh*.<sup>72</sup> Bidh *gh* chaol na [j] an dèidh fhuaimreagan fada leathann, m.e. ann am *bàigh*; *bràigh*; *pàigh*; *tràigh*; *aoigh*; *laoigh* (*laogh*); *dòigh*; *òigh*; air neo thèid a fhuaimreagachadh, m.e. ann an [əi] *aoigh*; [ɔi] *òigh*; ach bidh *gh* chaol balbh an dèidh fhuaimreagan fada caola, m.e. ann am *brìgh*; *rìgh*; *lèigh*.<sup>73</sup>

§23 (ii) (f) (δ) Bidh *gh* mheadhain leathann na [ɣ], m.e. *taghan*, agus *gh* mheadhain chaol na [j], m.e. *duilgheas*; air neo gheibhear beàrnas na h-àite §16 (ii)<sup>74</sup>.

§23 (ii) (f) (ε) Aig deireadh fhacal ioma-lideach, tha *gh* leathann gun teist ach thèid *gh* chaol fhuaimreagachadh, m.e. [i] *àrigh* §17 (iv), b-n 50; fhad 's a tha i na leth-fhuaimreig [j] ann an ainmean-àite às an t-Seann Lochlannais air am bonntachadh air SL *øy* 'eilean', m.e. *Tamhnaraigh* (Ulapul) [ˈtʰãũ̯n̩əːˌraɪ̯]<sup>75</sup>.

### §23 (ii) (g) *th*

§23 (ii) (g) (α) Aig toiseach facail, 's e *th* an cruth sèimhichte aig *t*, ged a lorgar facail far am bi *th* na litir thoisich bhunasaich<sup>76</sup>. Bidh *th* leathann na [h] m.e. *thall*; agus *th* chaol na [h], m.e. *thilg*, no na [hj] §23 (iv) (b), m.e. a *Theàrlaich*; ach bidh *th* thoisich balbh anns an riochdair phearsanta *thu* §186.

§23 (ii) (g) (β) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan goirid, bidh *th* balbh no na [h], m.e. *brath*; *dath*; *gath*; *math*; *guth*; *reoth*; *maith*; *bith*; a *bhith*; *leth*; *breith*; *feith*; na [j], m.e. *ruith*; no na [ç] ann an *ith*.

§23 (ii) (g) (γ) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan fada, bidh *th* leathann balbh, m.e. *blàth*; *teòth*; *dlùth*; *ùth* §15; *gaoth*; *liath*; *luath*. Bidh *th* chaol na [j] an dèidh fhuaimreagan fada leathann, m.e. *baoith*

72. Gheibhear [v] ann an *leugh* §23 (ii) (f) (δ), b-n 74.

73. Gheibhear [v] ann an *èigh* §23 (ii) (f) (δ), b-n 74.

74. Gheibhear [v] ann an corra fhacal, m.e. [-] no [v] *èigheachd*, GT *éigmed*; *leughadh* < GT *légád*; *saoghal* < SG *saígul*; *foghar* (no *fomhar*) no [ɣ] ann an corra àite, m.e. ann an Tamhnaraigh (Borgstrøm 1941, 145) agus Cataibh (*LASID* IV, App. I (g), B-905), < SG *fógm̩ar*.

75. À SL *Hafnarøy* 'eilean a' chala' (Cox 2008). Tha *Ameireagaidh* [aj] (ri taobh *Ameireaga*) na mhura-bhith.

76. Mar eisimpleir, ann an corra cho-ghnìomhair (m.e. *thall* §424 (ii)), corra ghnìomhair (m.e. *THIG* §268 (ix)) agus san riochdair phearsanta *thu* §186.

(*baoth*); *gaoith* (*gaoth*); *blàith* (*blàth*); *ràith*; agus na [j] no [ç] ann an *sùith*; ach bidh **th** chaol balbh an dèidh fhuaimreagan fada caola, m.e. *dith*; *sìth*; *fèith*.

AN DÈIDH FHUAIMREAGAN GOIRID			AN DÈIDH FHUAIMREAGAN FADA			
LEATHANN		CAOLA	LEATHANN			CAOLA
<i>th</i> LEATHANN	<i>th</i> CHAOL		<i>th</i> LEATHANN	<i>th</i> CHAOL		
∅/[h] † <i>brath</i> <i>dath</i> <i>gath</i> <i>math</i> <i>guth</i> <i>reoth</i>	∅/[h] † <i>maith</i>	[h] † <i>bith</i> <i>a bhith</i> <i>leth</i> <i>breith</i> <i>feith</i>	∅ <i>blàth</i> <i>teòth</i> <i>dliùth</i> <i>ùth</i> <i>gaoth</i>	[j] <i>baoth</i> <i>gaoith</i>	<i>blàith</i> <i>ràith</i>	∅ <i>dìth</i> <i>sìth</i> <i>fèith</i>
	[j] <i>ruith</i>	[ç] <i>ith</i>	<i>liath</i> <i>luath</i>	[j]/[ç] <i>sùith</i>		

†Thèid [h] dheiridh a theasgadh mar as trice ach ro bhriseadh, m.e. *tha e math* [mäh], no ro fhuaimreig, m.e. *Bliadhna Mhath Ùr* [ˈbl̪iːə̃n̪ə v̪ä ˈhʉːr].

§23 (ii) (g) (δ) Bidh **th** mheadhain na [h], m.e. *athair*; *leithid* §230; air neo gheibhear beàrnas na h-àite §16.

§23 (ii) (g) (ε) Aig deireadh fhacal ioma-lideach, bidh **th** leathann balbh ann an *ciadfath* §87 (ii) (h), b-n 3, agus tha **th** chaol gun teist.

### §23 (ii) (h) **bh**

§23 (ii) (h) (α) Aig toiseach facail, bidh **bh** leathann na [v], m.e. *a bhalaich!*; agus **bh** chaol na [v], m.e. *bhìd*, no na [vj] §23 (iv) (b), m.e. *a' bhealaich* (gin.).

§23 (ii) (h) (β) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan goirid, bidh **bh** na [v], m.e. ann am *balbh*; *dealbh*; *sìbh* (no le **bh** air a fuaimreagachadh: [fʉ]); ach balbh (no na [h] ann an corra dhualchainnt), m.e. ann an *fhalbh!* §279, b-n 21; *dhiubh* §355 (v); *lobh*; *robh* §268 (xi).

§23 (ii) (h) (γ) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan fada, bidh **bh** na [v], m.e. ann an *dròbh*; *leibh*.

§23 (ii) (h) (δ) Bidh **bh** mheadhain na [v], m.e. *abhainn*; *tabhartas*<sup>77</sup>; air neo gheibhear beàrnas na h-àite §16.

77. Ann an corra dhualchainnt, gheibhear dì-ghuthachadh, .i. [y][f], m.e. *cabhadh*; *cabhag*; *ribheid*.

§23 (ii) (h) (ε) Aig deireadh fhacal ioma-lideach, bidh **bh** na [v] ach ann an corra dhualchainnt far an tèid a fuaimreagachadh air uairean, m.e. *leanabh* [u]; *air beulaibh* [u] §83 (iii) (c) (β), b-n 29.

### §23 (ii) (i) **mh**

§23 (ii) (i) (α) Aig toiseach facail, bidh **mh** leathann na [v], m.e. *a' mhàthair*; agus **mh** chaol na [v], m.e. *mhìnich*, no na [vj] §23 (iv) (b), m.e. *mheòraich*; *air a' mheall*.

§23 (ii) (i) (β) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan goirid, bidh **mh** leathann na [v] §23 (vi) (b), m.e. *amh*; *damh*; air uairean na [ʏ] ann an *uamh*; agus **mh** chaol na [v] §23 (vi) (b), m.e. *daimh*, no na [j], m.e. *cruimh* §23 (iv) (a).

§23 (ii) (i) (γ) Ann am facail aon-lideach, an dèidh fhuaimreagan fada, bidh **mh** na [v], m.e. *làmh*; *a-riamh*; *dàimh*; *làimh*; *sèimh*; ach balbh, mar as trice, san abairt *is caomh leam* 7c.

§23 (ii) (i) (δ) Bidh **mh** mheadhain na [v], m.e. *làmhnan*; *dàimheach*; air neo gheibhear beàrnas na h-àite §16.

§23 (ii) (i) (ε) Aig deireadh fhacal ioma-lideach, bidh **mh** na [v] ach ann an corra dhualchainnt far an tèid a fuaimreagachadh, m.e. *dèanamh* [u]; *mu choinneimh* [u].

### §23 (iii) Na sruthaich: **m l ll n nn r rr**

#### §23 (iii) (a) **m**

Bidh **m** thoisich leathann na [m], m.e. *màthair*. Bidh **m** thoisich chaol na [m], no na [mj] §23 (iv) (b), m.e. [m] *meur*; [mj] *medir*. An àite sam bith eile, bidh **m** na [m], m.e. *ime*; *faram*. Gidheadh, ann an suidhichean neo-thoisich is ionann **m** agus litir throm §10; .i. ma nochdas **m** an dèidh fuaimreig beumte aig deireadh facail no ro chonnraig eile, gheibhear fadachadh aon chuid san fhuaimreig bheumte, m.e. [ɔu] *lom*; [au] *lampa*, air neo anns a' chonnraig fhèin §11 (ii), b-n 31.

	TOISICH		IAR-BHEUMTE	NEO-BHEUMTE
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN AGUS CAOL	
<i>m</i>	[m]	[m][mj]	[m]	[m]

#### §23 (iii) (b) **l ll**

Tha trì fuaimean **l** san Nua-Ghàidhlig<sup>78</sup>:

78. Ann an 1961 ann an Ùig, an Leòdhas, chlàraich Magne Oftedal gach tè de na ceithir *l*-ichean fuinn-eòlach a gheibhte sa Ghàidhlig dhualchasaich mus do thuit [l̥] leathann

§23 (iii) (b) (α) *l* leathann neo-shèimhichte: thèid [ɫ] a ràdh le bàrr na teanga air cùl nam fìaclan uachdrach agus le cùl na teanga a dh'ionnsaigh a' chàirein bhuig: *là* [ɫa:]; *balach* [ˈbɑɫəx]; *balla* [ˈbɑɫə]; *balt* [bɑɫt]<sup>79</sup>; *facal* [ˈfɑːkəɫ]; *peirceall* [ˈpʰeɪkəɫ].

§23 (iii) (b) (β) *l* chaol neo-shèimhichte: thèid [ɬ] a ràdh le bàrr na teanga air cùl nam fìaclan uachdrach agus le lann na teanga ris a' chàirean chruaidh: *Leòd* [ˈlɔːd]; *bailleag* [ˈbɑɬak] ‘gas, bioran; buinneag’; *bailtean* [ˈbɑɬtʰən]<sup>80</sup>; *facail* [ˈfɑːkɪɬ]; *peircill* [ˈpʰeɪkɪɬ].

§23 (iii) (b) (γ) *l* chaol shèimhichte: thèid [l] a ràdh le bàrr na teanga air bràigh a' chàirein agus le lann na teanga a dh'ionnsaigh a' chàirein chruaidh: *baile* [ˈbɑɪə]; *anail* [ˈɑnəl].

	TOISICH		IAR-BHEUMTE		NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>l</i>	[ɫ] †	[ɬ]	[ɫ]	[l]	[ɫ]	[l][ɬ]
<i>ll</i>	–	–	[ɫ]	[ɬ]	[ɫ]	[ɬ]

†Airson [l] thoisich, faic §21 (iii) (h).

### §23 (iii) (c) *n nn*

Tha trì fuaimean *n* san Nua-Ghàidhlig<sup>81</sup>:

§23 (iii) (c) (α) *n* leathann neo-shèimhichte: thèid [n̥] a ràdh le bàrr na teanga air cùl nam fìaclan uachdrach is le cùl na teanga a dh'ionnsaigh cùl a' bheòil: *nuadh* [n̥ũãɣ]; *ann* [ˈãũn̥]; *annam* [ˈãũn̥əm] §349 (vi); *fireann* [ˈfɪr̥ɛn̥].

§23 (iii) (c) (β) *n* leathann shèimhichte: thèid [n] a ràdh le bàrr na teanga air bràigh a' chàirein: *anam* [ˈãnəm]; *lèine* [ˈl̥ɛːnə]; *aran* [ˈaran].

§23 (iii) (c) (γ) *n* chaol neo-shèimhichte: thèid [ɲ] a ràdh le bàrr na teanga air cùl nam fìaclan uachdrach, is lann na teanga ris a' chàirean chruaidh:

neo-shèimhichte agus [ɲ] leathann shèimhichte còmhla cha mhòr anns gach àite: rinneadh dealachadh eadar *maille* [ɬ]; *baile* [l]; *balla* [ɫ]; agus *balach* [ɫ], ach far am faighear [ɲ] an-diugh (Cox 2007a, 11–12). Airson Ghearrloch, tha cunntas aig Wentworth (2005, 495–519) air barrachd air seachd *l*-chruthan fuinn-eòlach san dualchainnt.

79. Leis an *l* air a dì-ghuthachadh ann am *balt* §23 (vi) (a).

80. Leis an *l* air a dì-ghuthachadh ann am *bailtean* §23 (vi) (a).

81. Bha ceithir *n*-ichean fuinn-eòlach sa Ghàidhlig mus do thuit *n* leathann shèimhichte \*[n̥] agus *n* chaol shèimhichte \*[nʲ] còmhla; dhèante diofar eadar *Anna* [n̥]; *anam* \*[n̥]; *ainneamh* [n̥]; agus *ainm* \*[nʲ]. Bhuaithe sin, tha *anam* \*[n̥] agus *ainm* \*[nʲ] air a dhol nan [n], i. [ãnəm] agus [ãˈnam], fa leth.

*Niall* [ˈnʲiə̃ɫ̪]; *ainneamh* [ˈäɲəv]; *duine* [ˈd̪u̯iɲə]; (gin.) *arain* [ˈaraj̪]; *Sealtainn* [ˈʃäɫt̪iɲ̪].

	TOISICH		IAR-BHEUMTE		NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>n</i>	[ɲ̪]	[ɲ̪]	[n]	[ɲ̪]	[n]	[n][ɲ̪]
<i>nn</i>	–	–	[ɲ̪]	[ɲ̪]	[ɲ̪]	[ɲ̪]

### §23 (iii) (d) *r rr*

Tha trì fuaimean *r* san Nua-Ghàidhlig<sup>82</sup>:

§23 (iii) (d) (α) *r* leathann agus chaol neo-shèimhichte: thèid [ɾ] a ràdh agus bàrr na teanga a' dèanamh trilean (a dhà no a trì de bhreaban) air bràigh a' chàirein; aig an aon àm, thèid cùl na teanga a thogail a dh'ionnsaigh a' chàirein bhuig aig cùl a' bheòil: *ruadh* [ɾuəɟ]; *rìgh* [ɾiː]; *bàrr* [b̪aːɾ]; *oirre* [ˈɔ̃ɾə]; *orra* [ˈɔ̃ɾə]; *nàdarra* [ˈn̪äːd̪əɾə].

§23 (iii) (d) (β) *r* leathann shèimhichte: thèid [r] a ràdh agus bàrr na teanga a' dèanamh gnog air bràigh a' chàirein: *bàrr* [b̪aːr]; *nàdar* [ˈn̪äːd̪ər].

§23 (iii) (d) (γ) *r* chaol shèimhichte: thèid [r̪]<sup>83</sup> a ràdh agus bàrr na teanga a' dèanamh gnog air bràigh a' chàirein, agus lann na teanga ris a' chàirean chruaidh: *bàir* [b̪aːr̪]; *cathair* [ˈk̪ʰahar̪].

	TOISICH		IAR-BHEUMTE		NEO-BHEUMTE	
	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL	LEATHANN	CAOL
<i>r</i>	[ɾ]	[ɾ]	[r]	[r̪]	[r]	[r̪]
<i>rr</i>	–	–	[ɾ]	[ɾ]	[ɾ]	*

### §23 (iv) An leth-fhuaimreag [j]

§23 (iv) (a) Am meadhan no aig deireadh facail, gabhaidh an leth-fhuaimreag [j] na leanas a riochdachadh: *bh* chaol, m.e. *duibhe* (gin. sg. boir.); *dh* chaol, m.e. *buidhe* §23 (ii) (e) (δ); *gh* chaol, m.e. *taigh* §23 (ii) (f) (β); *mh* chaol, m.e. *cruimh* §23 (ii) (i) (β); *th* chaol, m.e. *ruith* §23 (ii) (g) (β); agus *ng* mheadhain chaol, m.e. *aingeal* §23 (v) (c) (β).

82. Bha ceithir *r*-ichean fuinn-eòlach sa Ghàidhlig mus do thuit *rr* leathann [ɾ] agus *rr* chaol \*[ɾ] ri chèile, .i. is ionann *oirre* agus *orra* §346 (v) ann am fuaimneachadh an latha an-diugh.

83. Gu tric ann an Leòdhas, cuirear bàrr na teanga air adhart gu cùl nam fiacnan uachdrach: [b̪aːd̪j]; [ˈm̪äːd̪ji]; ann an Tìriodh is Cola, cleachdar leth-fhuaimreag: [b̪aːj]; [ˈm̪äːji].

§23 (iv) (b) Thèid riochdan caola nan litrichean *b bh f m mh p ph sh sp sm th* a leantainn leis an leth-fhuaimreig [j]: (a) ro fhuaimreagan leathann fada, m.e. [bj] *beàrr*<sup>84</sup>; [fj] *feàrna; feàrrde; feòil*; [mj] *mèirleach*; [hj] a *Sheòrais*; a *Theàrlaich*; agus (b) ro fhuaimreagan leathann goirid ro *l* (*bealach; shealg*); *ll* (*fealla-dhà; Bealltainn; meallta; sheall; speall*); *m* (*feamainn*); *nn* (*beann; beannan; beanntan; sheann; theann*); *rr* (*bearradh; shearrach*); *r*-chòmhlain (*beartas; feart; shearbh*); beàrnas (*piuthar; beothaich*); agus ro dhùnadh fosgailte (*ann an sheo*); (c) thèid an cleachdadh seo a shìneadh ann an corra dhualchainnt gu na leanas: ro *chd* (*beachd; feachd*); agus ro [ə] (*feagal; meadhg; feadhainn*).

### §23 (v) Còmhlain chonnrach

#### §23 (v) (a) *chd*

Bidh an còmhlain *chd* na [xk]<sup>85</sup>, m.e. *seachd; ochd*.

#### §23 (v) (b) *nd*

Bidh *nd* leathann na [n̥t̪] *daonda* no > [n̥] *daonna* §126 (iii); [n̥t̪] no > [n̥] *ceunda* (< *ceudna* §220); agus bidh *nd* chaol na [ɲ] ann an *a dh'aindeoin* §356 (ix) (a), §380 (i) (a), + b-n 4.

#### §23 (v) (c) *ng*

§23 (v) (c) (α) Bidh *ng* leathann iar-bheumte na [ŋk], m.e. *long; trang; teanga; pongail; cunggaidhean; sreang; Frangach* (ri taobh *Fraingeach*); *Langabhat*<sup>86</sup>; *Tunga* §11 (iii), b-n 35. Air uairean, gheibhear an t-eugsamhail [ɣ], m.e. *teanga; sreang* §11 (iii). A thaobh fadachaidh san fhuaimreig, faic §11 (iii).

§23 (v) (c) (β) Bidh *ng* chaol iar-bheumte na [ŋ<sup>h</sup>k<sup>h</sup>], le fadachadh san fhuaimreig §11 (iii), m.e. *puing; an Fhraing; Fraingeach* (ri taobh *Frangach*); *faing*; ach gheibhear [j] mheadhain ann an *aingeal* §23 (iv) (a).

§23 (v) (c) (γ) Ann an suidhichean neo-bheumte, bidh *ng* leathann agus chaol na [ŋk] no [ŋ<sup>h</sup>k<sup>h</sup>], fa leth, ach gheibhear [k] no [kj], air neo [n̥] no [ɲ] ann an corra dhualchainnt, m.e. *cumhang; farsaing; feòrling; tarraing*.

#### §23 (v) (d) *r*-chòmhlain

§23 (v) (d) (α) Gheibhear na *r*-chòmhlain *rd rl rn rs rt*. Lorgar eugsamhlachadh mòr air mar a thèid am fuaimneachadh. Ann am prionnsabal, gheibhear (leathann) [r̥t̪ r̥l̥ r̥n̥ r̥s̥ r̥t̪/r̥st̪], (caol) [r̥t̪<sup>h</sup> r̥l̥<sup>h</sup> r̥n̥<sup>h</sup> r̥s̥<sup>h</sup> r̥t̪<sup>h</sup>], no an leithid,

84. Agus *Beurla* ann an Leòdhas agus Ros an Iar.

85. Chan fhaighear ach *chd* leathann.

86. Ainm locha cumanta: [ˈħŋkə ˈva<sup>h</sup>t], à SL *Langavatn* '[am] fada-loch'.

ach, gu tric, bidh a uimhir de bhuidh aig an *r* air fuaimneachadh nan connragan na dèidh 's gum bi dath *r* orra agus altachadh cùl-lùbach aig cuid dhiubh, m.e. *arsa* ['aʀsə] no ['aʀsə] no ['aʀsə], no an leithid.

§23 (v) (d) (β) *rd*, m.e. (leathann) *bàrd* [ʀt]; (caol) *bàird* [ʀtʲ], no [ʀt] gun chaolachadh ann an corra dhualchainnt. Tha *rd* air tuiteam còmhla ri *rt* ann an corra dhualchainnt: (leathann) *bàrd* [ʀtʲ]; (caol) *bàird* [ʀtʲʲ];

§23 (v) (d) (γ) *rt*, m.e. (leathann) *ort* [ʀtʲ]; (caol) *goirt* [ʀtʲʲ], no [ʀtʲ] gun chaolachadh ann an corra dhualchainnt<sup>87</sup>;

§23 (v) (d) (δ) *rl*, m.e. (leathann) *a' Bheurla* [ʀl]; (caol) *mèirle* [ʀlʲ]; no (leathann) [ʀl] agus (caol) [ʀlʲ] no [lʲ], fa leth, ann an corra dhualchainnt.

§23 (v) (d) (ε) *rn*, m.e. (leathann) *bùrn* [ʀn]; (caol) *bùirn* [ʀnʲ], no [ʀn] gun chaolachadh ann an corra dhualchainnt;

§23 (v) (d) (ζ) *rs*, m.e. (leathann agus caol) *arsa* agus *stairseach* [ʀs] (ri taobh *stairsneach*).

### §23 (v) (e) Na còmhlain *sc sg*, *sd st*, *sb sp*

#### §23 (v) (e) (α) *sc sg*

Cha ghabh dealachadh dèanamh eadar *sc* agus *sg* a thaobh fuaimneachaidh: (leathann) [sk], (caol) [skʲ] (ann an corra dhualchainnt [ʃkʲ]), agus molar *sg* a chleachdadh ann an sgrìobhadh, m.e. *Sgalpaigh*; *Sgarba*; *sgian*; *sgona*; *basgaid*; *losgann*; *pasgan*; *Tarsgabhaig*; *conasg*; *cosg*; *loisg*; *seasg*; ach *sc* ann an *deisciobal*; mar an ceudna, ainmean-àite às an t-Seann Lochlannais far am bi facal ann an SL *k-* aig a' bhun, m.e. *Britheascleit*<sup>88</sup>.

#### §23 (v) (e) (β) *sb sp*

Cha ghabh dealachadh dèanamh eadar *sb* agus *sp* a thaobh fuaimneachaidh: leathann [sp], caol [sp] no [spj] §23 (iv) (b). Aig toiseach facail, molar *sp* a chleachdadh ann an sgrìobhadh, m.e. *spèis*; *spèur*; *spiorad*. Ann an suidheachadh iar-bheumte, gheibhear *sp* ann an corra eisimpleir, m.e. *cuspair*; *cuspann*; *uspag*; ach tha *sb* nas bitheanta, m.e.

87. Tha *rt* air tuiteam còmhla ri *rd* ann an lidean lag- no neo-bheumte ann an corra dhualchainnt, m.e. *Sgiobort* (Uibhist a Deas) ['skʲipɑʃtʲ] (Magne Oftedal, faic Cox 2007b, 78, b-n 81) < SL *Skip-fjǫrð* cusp. 'long-loch', ach *Sniorsort* (an t-Eilean Sgitheanach) [ʃnʲiːsɔʀtʲ], no *Sniòthasort* [ʃnʲiː-ə sɔʀtʲ] [ʃnʲiː(·)-ə sɔʀtʲ] (ibid., 87) < SL *Sneis-fjǫrð* cusp. 'snathad-loch', leis an fhacal Ghàidhlig *phort* – air a shèimheachadh – air cùl nan cruthan Gàidhlig (ibid., 74–79).

88. Is math dh'fhaodte à SL *Breiðásklettr* 'druim-leathann-bheinn' (Oftedal 1954, 381–82).

*deasbad; easbaig*<sup>89</sup>; *isbean; Gilleasbaig; leasbach; prosbaig; susbaint; taisbean*. Gheibhear *sp* aig deireadh facail, m.e. *asp; Canasp*.

### §23 (v) (e) (γ) *sd st*

Cha ghabh dealachadh dèanamh eadar *sd* agus *st* a thaobh fuaimneachaidh: leathann [st̪], caol [st̪ʲ] (ann an corra dhualchainnt [st̪ʲ]) no a leithid), agus molar *st* a chleachdadh ann an sgrìobhadh, m.e. *stad; stiùir; an-dràsta; aosta; astar; castaich* (ach *casadaich*); *cneasta; furasta; gasta; pòsta; taigh-òsta; miste; cost; fhathast; tost; èist; a-rithist; Uibhist; uist!* §289. Gidheadh, aithnichear *sd* ann an corra ainmear sònraichte fhathast, m.e. *Alasdair; Moireasdan; Ùisdean; Crìosda* (agus mar sin *Crìosdaidh; Crìosdachd; Crìosdalachd*); *an Gearasdan; Colaisde a' Chaisteil*; mar an ceudna, ainmean-àite às an t-Seann Lochlannais agus facal ann an SL *d* thoisich aig a' bhun, m.e. *Lacasdal* < SL *Laxdalr*<sup>90</sup>.

### §23 (vi) Dì-ghuthachadh ann an connragan

§23 (vi) (a) Thèid connragan guthach ro chonnragan a bhiodh ro-analaichte mura robh iad a' leantainn connrag eile a dhì-ghuthachadh, m.e. *olc* [ɔk]; *banca* [ɲk]; *cearc* [ɕk]; *campa* [mp]; *corp* [ɕp]; *falt* [ɬt]; *fantainn* [ɬt]; airson *rt*, faic §23 (v) (d) (γ).

§23 (vi) (b) Thèid suathaich is sruthaich ghuthach a dhì-ghuthachadh ro bhriseadh ann an corra dhualchainnt: *tha i a-muigh* [ha i 'muɣ]; *damh* [d̪ãɣ]; *chan eil càil air* [xa ɲɛlʲ 'kʰa:lʲ 'ɛɕʲ].

## §24 Fuaimneachadh an uilt

### §24 (i) *n-* agus *m-*chruthan

Thèid *n-* agus *m-*chruthan an uilt §50 fhuaimneachadh<sup>91</sup> (a) a rèir an litreachaidh; (b) a rèir ceann a deas Innse Gall; (c) a rèir ceann a tuath Innse Gall.

89. A dh'aindeoin a fhreumhachd: L *episcopus* > SG *epscoþ* > *escop* > *espoc* (le eadar-chàradh) > GA *easbaig* (1576 *easbug*, Thomson 1970, 1, sr. 14; c. 1710 *easbaguibh* tabh. iol. §83 (iii) (c) (β), *Reliquiae Celtica* II, 176; 1767 *easbuigibh*, Phil. 1:1), ged a chleachdte *easpaig* agus a leithid cuideachd.

90. Giorrachadh air SL *Laxárdalr* 'gleann na bradan-aibhne' (Ofteidal 1954, 392; coim. Jakobsen 1936, 34).

91. Air uairean, chithear lorg air an fhuaimneachadh ann an sgrìobhadh, m.e. (gin. iol.) 1741 Lochnegell, 1775 Loch na Kaul, 1798 Loch na Gaul (Muile; B *Loch na Keal*; Maclean 1997, 78, 149), a thèid a chruthan air ais gu GA *Loch na(n) gCeall* 'loch nan eaglais' no *Loch na(n) gCaol*. 'S e dùbhradh fuaim-eòlach a tha seo §47 (i), chan e dùbhradh fuinn-eòlach, agus dh'fhaodte an aon bhuadh fhaighinn leis an roimhear *an<sup>m</sup>* §349, leis an riochdair sheilbheach treas-pearsa iolra *an<sup>m</sup>* §190, is leis an naisgear *gun<sup>m</sup>* 7c §336 (iv); coim. Ó Maolalaidh 1998, 23–30.

	(a)	(b)	(c)		(a)	(b)	(c)
<i>am ball</i>	[əm 'b̥au̯]	[ə 'ʰ(m)b̥au̯]	[ə 'mʰau̯]	<i>am poll</i>	[əm 'pʰɔu̯]	[ə 'ʰ(m)pʰɔu̯]	[ə 'mʰɔu̯]
<i>an dall</i>	[əɲ 'd̥au̯]	[ə 'ʰ(ɲ)d̥au̯]	[ə 'ɲʰau̯]	<i>an toll</i>	[əɲ 'tʰɔu̯]	[ə 'ʰ(ɲ)tʰɔu̯]	[ə 'ɲʰɔu̯]
<i>an Gall</i>	[əɲ 'g̥au̯]	[ə 'ʰ(ɲ)g̥au̯]	[ə 'ɲʰau̯]	<i>an call</i>	[əɲ 'kʰau̯]	[ə 'ʰ(ɲ)g̊ʰau̯]	[ə 'ɲʰau̯]
<i>an leann</i>	[ə 'l̥ɛ̃ũɲ]	[ə 'l̥ɛ̃ũɲ]	[ə 'l̥ɛ̃ũɲ]				
<i>an neamhnaid</i>	[ə 'n̥ɛ̃ũnaɲ]	[ə 'n̥ɛ̃ũnaɲ]	[ə 'n̥ɛ̃ũnaɲ]				
<i>an rann</i>	[ə 'r̥ãũɲ]	[ə 'r̥ãũɲ]	[ə 'r̥ãũɲ]				
<i>am meann</i>	[ə 'm̥ɛ̃ũɲ]	[ə 'm̥ɛ̃ũɲ]	[ə 'm̥ɛ̃ũɲ]				
				<i>am fann</i>	[ə 'f̥ãũɲ]	[ə 'f̥ãũɲ]	[ə 'f̥ãũɲ]
				<i>an sannt</i>	[ə 's̥ãũɲ]	[ə 's̥ãũɲ]	[ə 's̥ãũɲ]
<i>an allt</i> (tabh.)	[ə 'h̥au̯t]	[ə 'h̥au̯t]	[ə 'h̥au̯t]				

### §24 (ii) An dèidh roimhearán

An dèidh roimhearán agus fuaimreag aig an deireadh aca, gabhaidh  $\sim n^s$  an uilt thabhartaich fadachadh ro *dt slnr* agus *f* thoisich, m.e. *dhan taigh* [ɣaɲ 'tʰəj] > [ɣaɲ: 'tʰəj], agus faodaidh schwa lag nochdadh ro *bcgmp* thoisich, m.e. *dhan bhaile* [ɣaɲ 'valʲə] > [ɣaɲə 'valʲə]. Mar thoradh air seo, sgrìobhar *dhan an taigh*, *dhan a' bhaile* 7c air uairean, ged a thogas an litreachadh fuaimneachaidh seo ceist a thaobh an uilt a bhith a' nochdadh na dhà fhacal.

### §24 (iii) Dìth mùthaidh

Air uairean, cha ghabh an t-alt mùthadh ro fhacail-iasaid Bheurla aig a bheil *f* thoisich, m.e. *fòn*<sup>92</sup>: cluinnear agus sgrìobhar (bun.) *a' fòn*; (gin.) *ri taobh a' fòn*<sup>93</sup>; (tabh.) *air a' fòn*.

92. A tha fireann no boireann a rèir nam faclairan.

93. Ged a chithear (gin.) *na fòn* ann an sgrìobhadh, cuideachd.

## 2 Puingeachadh

### §25 Mineachadh

'S e a th' ann am puingeachadh na samhlaidhean no na comharraidhean, a leithid chromagan, stad-phuingean 7c, a chleachdar gus rosgrannan no cuibhreannan de rosgrannan a sgaradh ri chèile, ach am bi am brìgh nas soilleire. Mar as trice, cleachdar am puingeachadh as lugha a dh'fheumas a thaobh brìghe, ach gheibhear diofar stoidhlichean am measg sgrìobhadairean. Cuirear luach air cunbhalachd.

### §26 An t-asgair (')

#### §26 (i) Teasgadh

Cleachdar an t-asgair mar chomharra teasgaidh §18, .i. gun deach litir no litrichean fhàgail às, gu tric nuair a thig dà fhuaimreig ri chèile:

§26 (i) (a) Teasgadh toisich, m.e. an roimhear *an*<sup>m</sup> §349: *tha mi 'n dòchas; tha i 'm beachd tilleadh a-màireach*; am mìr ceisteach §242 (i) + *bheil* (riochd làthaireach eisimeileach a' ghnìomhair *BI* §268 (xi)): *'eil thu cinnteach?*; tràth làthaireach neo-eisimeileach a' ghnìomhair *IS* §304: *is > 's e sin na bha mi ag iarraidh; 's tu a rinn math*; an naisgear *is* (*agus*) §333 (i): *cho fad' 's as aithne dhomh; cho fad' 's a bhios tu ann*. (Chan e an samhla ' a tha seo, ach an samhla '.)

§26 (i) (b) Teasgadh meadhain, m.e. an co-ghnìomhair ceisteach *càit(e) a* §236 (ii) (b) + *bheil* (riochd làthaireach eisimeileach a' ghnìomhair *BI* §268 (xi)): *cà'il am бага agam?*; an t-ainmear *tè* + am buadhair *eile* §224: *tè'ùle*<sup>1</sup>; an riochdair roimhearail *agam*: *chan eil fhios 'am*<sup>2</sup>.

§26 (i) (c) Teasgadh deiridh, m.e. an t-alt §50: *an > air a' chathair*; an roimhear *aig* ro ainmearan gnìomhaireach §253 (iv) (a): *ag > tha mi a' dèanamh gu leòr*; riochdairean seilbheach §190: *mo, do > m' athair; d' oighreachd*; tràth caithte a' ghnìomhair *IS* §304: *bu > b' e sin e*; fuaimreag aig deireadh bhuaidhairean agus ainmearan, m.e. *briste > tha e brist'*; *duine > an duin' ud*.<sup>3</sup> Tha corra fhacal aig a bheil dà chruth, agus teasgadh san dàrna fear, ged nach cleachdar asgair, m.e. *càit, càite* §236 (ii) (b); *cuin, cuine* §238; *ars, arsa* §273.

#### §26 (ii) *d*-shèimheachadh

Cleachdar an t-asgair ann an *d*-shèimheachadh (gun bheàrn na dhèidh): *do dh'Alb-ainn; chaidh e a dh'àiteigin; a dh'oidhche is a latha; slat de dh'àirde; tha e air sgar a dh'òl; nuair a dh'fhalbhas sinn; 's e sin na dh'itheas mi a-nochd; an do dh'fhalbh iad an-dè?*; *cha do dh'fheuch mi sin fhathast; dh'òl e cus*.

---

1. Ged a chithear *tèile* sgrìobhte, cuideachd.

2. Cleachdar *'am* ged as e [am] a chluinnear mar as trice, .i. *a'm*.

3. Airson *a' bhòn-dè* 7c, faic §423 (i), b-n 4.

## §26 (iii) Gun chleachdadh

Cha chleachdar an t-asgair mar as trice ma thèid facal no mìr fhàgail às gu buileach §18 (iv), m.e. *dè rud a bha sin?* < *dè an rud a bha sin?*; *bha i seinn* < *bha i a' seinn*; *nuair bha mi òg* < *nuair a bha mi òg*; *mar bu dual dha* < *mar a bu dual dha*; *tha athair gu math* < *tha a athair gu math*<sup>4</sup>.

## §26 (iv) Sean chleachdadh

Cha chleachdar an t-asgair tuilleadh anns na leanas: (an naisgear *nuair a*<sup>th</sup> §334 (iv)) *'nuair a bha e an seo* > *nuair a bha e an seo*; (an naisgear *gun*<sup>m</sup> §336 (iv)) *saoilidh mi gu'm bi* > *saoilidh mi gum bi*; *thathas ag ràdh gu'n robh* > *thathas ag ràdh gun robh*; *sin as coireach gu'r feàrr leam sin* > *sin as coireach gur feàrr leam sin*; *sin as coireach gu'n fheàrr leam sin* > *sin as coireach gun fheàrr leam sin*; (buadhairean coimeasach §138 (i) (b), §138 (ii) (b), §138 (iii) (a)–(c)) *na's fheàrr* > *nas fheàrr*; (riochdairean seilbheach air an co-mheasgachadh ris an roimhear *an*<sup>m</sup> §349 (v)) *'nam phòcaid* > *nam phòcaid*; (riochdairean seilbheach air an co-mheasgachadh ris an roimhear *aig* §345 (iv) (b)) *bha e 'ga ghlanadh* > *bha e ga ghlanadh*; (riochdairean seilbheach air an co-mheasgachadh ris an roimhear *a*<sup>th</sup> §356 (xiii)) *tha mi a' dol 'ga cheannach* > *tha mi a' dol ga cheannach*; riochdairean seilbheach air an co-mheasgachadh ri roimhearan eile, mar eisimpleir *ri* §368 (iv): *ri'm chur* > *rim chur*/*ri mo chur*; *ri'd chur* > *rid chur*/*ri do chur*; *ri' chur*/*r'a chur* > *ri chur*; *ri' cur*/*r'a cur* > *ri cur*; *ri'r cur* > *rir cur*/*ri ar cur*; *ri'r* > *rir cur*/*ri ur cur*; *ri'n cur*/*ri'm faighinn* > *rin cur*/*rim faighinn*; roimhearan air an co-mheasgachadh ris an alt §50: *do'n bhaile/dha'n bhaile* > *don bhaile/dhan bhaile*; *fo'n bhòrd* > *fon bhòrd*; *bho'n duine* > *bhon duine*; *'sa bhogsa* > *sa bhogsa*; *tro'n toll* > *tron toll*.

## §27 Am beàrn

## §27 (i) Teasgadh toisich

Cumar beàrn a dh'aindeoin teasgaidh aig toiseach facail, m.e. leis an roimhear *an*<sup>m</sup> §349: *tha mi 'n dòchas*; *tha i 'm beachd tilleadh*; leis an naisgear *agus* §333 (i): *cho fad' 's as aithne dhomh*. Sgrìobhar cruth làthaireach eisimeileach a' ghnìomhair *IS* §304 fa leth, le beàrn às a dhèidh: *is e /'s e*; *'s i*; *'s iad*; *'s ann 7c*.

## §27 (ii) Teasgadh deiridh

Cumar beàrn a dh'aindeoin teasgaidh aig deireadh facail: (leis an alt §50) *air a' chathair*; (leis an roimhear *aig* ro ainmearan gnìomhaireach §345 (ix)) *tha mi a' dèanamh gu leòr*; (le riochdair seilbheach §190) *m' athair*; *d' oighreachd*; (le tràth caithte a' ghnìomhair *IS* §304) *b' e sin e*.

## §27 (iii) Gun chleachdadh

Cha chleachdar beàrn ann am facail no abairtean air an giorrachadh tro theasgadh

4. Air adhbharan soilleireachaidh, sgrìobhar a leithid *air a ainmeachadh* san leabhar seo.

meadhain: *col'ach* < *coltach*; no far an dèan dà fhacal aonad fuaimhe, m.e. *cà'il* < *càite a bheil*; *tè'ile* < *tè eile*.

### §27 (iv) *d*-shèimheachadh

Cha chleachdar beàrn an dèidh a' chomharra *d*-shèimheachadh §45 (iii), .i. *dh'*: (an roimhear *do*<sup>dh</sup> §356) *chaidh e do dh'àiteigin*; *a dh'oidhche is a latha*; *a dh'Albainn*; *thàinig i a dh'fhuireach a dh'Inbhir Nis*; (an roimhear *de*<sup>dh</sup> §355) *tha e air sgur a dh'òl*; (na riochdairean dàimheach *a*<sup>dh</sup> §199 agus *na*<sup>dh</sup> §202) *nuair a dh'itheas sinn*; 's e sin na *dh'itheas mi a-nochd*; (comharra an tràtha chaithte §246 (ii)) *dh'fhalbh iad an-dè*; *dh'òl e cus*; *dh'fhàg gainn an sin e*; *dh'fhàgadh aig an taigh e*.

### §27 (v) Am mìr caithte *do*<sup>dh</sup>

Sgrìobhar am mìr caithte *do*<sup>dh</sup> §246 (i) fa leth, .i. bidh bèarn na dhèidh: *an do chuir thu lèine ghlan ort? cha do chuir*; sgrìobhar an cruth goirid *d'*<sup>s</sup> (< *do*<sup>dh</sup>) fa leth mar an ceudna: *cha d'fhuair mi idir e*; *an fheadhainn nach d'ràinig fhathast*; ach sgrìobhar am mùthadh *d*-shèimheachadh a' leantainn *do*<sup>dh</sup> gun bheàrn na dhèidh §27 (iv): *an do dh'ith thu do bhiadh?*

## §28 A' chromag (,)

Cleachdar a' chromag

### §28 (i) Eadar-ràdh

Gus facal 7c a tha ann an eadar-ràdh a shònrachadh: *nochd a' chiad leabhar aige, Ath-Aithne, cruinneachadh de sgeulachdan goirid, ann an 2003* (.i. Mac an t-Saoir 2003; *Gath* 5, 11); *agus nigh sinn sinn fhìn gu math, sa chuan, gu dearbha nigh* (Mac an t-Saoir 2006, 13).

### §28 (ii) Iar-cheistean

Gus iar-cheistean a thoirt a-steach: *tha e sgìth, nach eil?*; 's i Mòr a rinn sin, nach i?

### §28 (iii) An tuiseal gairmeach

Gus abairt san tuiseal ghairmeach a chumail fa leth: 'Dè do chor, a Dhòmhnail?'

### §28 (iv) Còmhradh dìreach

An dèidh còmhradh dhìreach, gus abairt ag aithris cò bhios a' bruidhinn a thoirt a-steach: 'Latha math,' *ars esan*. 'Ciamar a tha thu?'; 'A-màireach,' *ars ise*, 'feumaidh sinn mocheirigh a dhèanamh.'

### §28 (v) Àireamhan

Ann an àireamhan mòra gus mìltean agus milleanan a sgaradh ris a' chòrr: *1,760m*; *£1,000,000*; ach cha chleachdar i ann an cinn-latha: *ann an 2016*.

### §28 (vi) Co-ghnìomhairean

Gu tric gus facal no abairt a tha na co-ghnìomhair aig toiseach no aig deireadh

rosgrainn a chumail fa leth: (toiseach) *sa chùl, thèid mo bhean is a' chlann fodha ann an tuinn de leathair shoilleir* (ibid., 11); *an-diugh, chì thu an fheadhainn òg a' strabhàigireachd air a' phàirc ann an staid sam bith a thogras iad* (ibid.); *na lathasan agus gèam air a dhaingeachadh airson na h-ath mhaidne, bha Antonio san leabaidh aig deich uairean* (ibid.); (deireadh) *suidhidh mise san toiseach, cha mhòr san t-suidheachan bhlàth aige fhèin* (ibid.); *cha robh e gu math, ge-tà.*

### §28 (vii) Liostaichean

Gus diofar fhacal no abairtean ann an liosta a sgaradh ri chèile: *sgian, forc, spàin*. Cha chleachdar cromag ma nochdas naisgear co-òrdanachaidh<sup>5</sup> §333 ron nì mu dheireadh: *faigh sgian, forc agus spàin dhomh!; tha bainne, cofaidh, teatha agus siùcar a dhìth oirnn*; ach cleachdar cromag uair sam bith a dh'fhaodas a' bhrìgh a bhith fo theagamh às a h-aonais, m.e. *dearg agus buidhe, dearg agus gorm, agus buidhe agus gorm*.

### §28 (viii) Buadhairean

Tha e na chleachdadh air uairean a bhith a' sgaradh bhuaidhairean anns an aon sreath ri chèile le cromagan, m.e. *bha piseag bheag, dhubh sa bhasgaid*, ach, mura cuir na cromagan ri brìgh no tuigse na h-abairte, 's fheàrr am fàgail às: *bha piseag bheag dhubh sa bhasgaid*.

### §28 (ix) Clàsan eisimeileach

Gu tric gus clàs eisimeileach a chumail fa leth: *nan robh mi air mo shùilean fhosgladh is turista fhaicinn, bhithinn air tuiteam a-mach às a' chairt* (ibid., 13); *air Tràigh Mhondragó, air an robh thusa an t-seachdain sa chaidh còmhla ri na mìltean, chan fhaca m' athair no mi fhìn aon duine beò fad finn-fuan an latha* (ibid.); *ach, nuair a thog mise an dealbh ud bhon ùrlar, mhothaich mi gun robh rudan a dhìth* (Moireach 2003, 17).

### §28 (x) Naisgearan co-òrdanachaidh

Gu tric gus dà rosgrann no dà chlàs neo-eisimeileach a bhios gan ceangal le naisgear co-òrdanachaidh §333 a chumail fa leth: *tha Màrtainn a' fuireach ann an Dùn Èideann, ach buinidh e do dh'Uibhist a Deas air taobh athar* (Gath 5, 11). Cha chleachdar cromag mar as trice agus an t-aon chùisear aig an dà chlàs, m.e. *sheas e agus chaidh e a-mach*.

## §29 An leth-chòilean (;)

Cleachdar an leth-chòilean

### §29 (i) Clàsan ceangailte

Gus clàsan a dh'fhaodadh a bhith a' seasamh nan rosgrannan fa leth ach aig a bheil

5. An samhla 7c, .i. agus mar sin air adhart, mar an ceudna. Cleachdar a' chromag sreatha seo gu h-àraidh ann an Ameireagaidh.

dàimh dlùth ri chèile a cheangal: 's e dà dhùthaich a tha annainn gu dearbha; chan eil sinn an eisimeil a chèile idir (Ó Baoill 2006, 77); *bha m' athair 's mo mhàthair innt'*; is a piuthar is Dòmhnall an duine aicese; 's esan bu shine, an duine aig piuthar mo mhàthar (MacLeòid 2006, 20).

### §29 (ii) Liostaichean

An àite na cromaig ann an liostaichean toinnte: *Peter Ustinov agus Tormod MacGill-Eain a dh'innse sgeulachdan; Norman MacCaig agus Seamus Heaney a leughadh bàrdachd; Dòmhnall Iòsaiph MacFhionghain agus Dolly Parton a ghabhail òrain; Rona Lightfoot a sheinn agus a chluich na pìoba, a dh'innse sgeulachdan agus a dhèanamh duff; agus Tony Benn a bhith glic* (NicGillÌosa 2007, 55).

### §30 An còilean (:)

Cleachdar an còilean

#### §30 (i) Tuilleadh fiosrachaidh

An dèidh aithris gus tuilleadh fiosrachaidh a mhinicheas na chaidh aithris marthà a thoirt a-steach: *cha bu bheag na searmoin iad: tha timcheall air 7,000 facal anns gach fear, agus is cinnteach gu bheil 1,000 facal, no faisg air sin, anns gach ùrnaigh* (Meek 2006, 14); *bha mi glè mhath dar a bha mo mhàthair beò ach bha mi air mo mhurt dar a chaochail i: bhiodh a h-uile nì a' feitheamh rium dar a thiginn dhachaigh* (≈Watson 2007, 2).

#### §30 (ii) Liostaichean

Gus eisimpleirean no liosta de rudan a thoirt a-steach: *tha corra rud a dh'ith oirn: aran, hama, im.*

### §31 An stad-phuing (.)

Cleachdar an stad-phuing

#### §31 (i) Rosgrannan

Gus rosgrannan fa leth a sgaradh ri chèile: *Bha Tabed Achmed 24 bliadhna a dh'aois. Bha e air a bhith a' fuireach ann an Rafa, campa Palastinianach, fad a bheatha. B' e seo an latha mu dheireadh dhith. Bha, mu dheireadh thall, cumhachd aige.* (MacIlleathain 2006, 20).

#### §31 (ii) Eileamaidean

Uaireannan, gus eileamaid no eileamaidean àraidh a chumail fa leth, ged nach e rosgrann a bhios annta: *Phut e putan an inneil na phòcaid. Teine mòr. Lasraichean. Fuaimean. Sgreuchail. Bha e anns an t-siorraidheachd.* (ibid., 21).

#### §31 (iii) Ann a bhith a' cleachdadh chamagan

Ma bhios rosgrann slàn ann an camagan, cuirear an stad-phuing am broinn nan camagan fhèin:

- (a) *Bhreab e am ball. (Bha e air leth math air spòrs.)* ach  
 (b) *Bhreab e am ball (bha e air leth math air spòrs.)* no, le sgrìobaig §35 (i),  
 (c) *Bhreab e am ball – bha e air leth math air spòrs.*

### §32 An comharra ceiste (?)

#### §32 (i) Ceistean

Cleachdar an comharra ceiste aig deireadh rosgrainn no clàs far am bi ceist dhìreach ga cur: *càit a bheil thu a' dol?; cha bhi thu fada, am bi?;* agus gabhaidh e cleachdadh, ged nach cuirear ceist fhoirmeil, gus fonn ceisteach a nochdadh: *'Gu sealladh sealbh orm. Tha fhios nach eil thu ag iarraidh fear dhen fheadhainn mhòra ghrànda sin a tha a' lìonadh an taighe?'* (≈Dick 2006, 11).

#### §32 (ii) Teagamh

Cleachdar an comharra ceiste cuideachd gus teagamh a nochdadh ann am fiosrachadh air choreigin, ach an seo thèid an comharra ceiste a chur ron fhacal no ron abairt a tha fo theagamh: *Uilleam Ros (1762–?1791); Brudei mac Maelchon, Rìgh nan Cruithneach (?555–?584).*

### §33 An comharra clisgidh (!)

Cleachdar an comharra clisgidh

#### §33 (i) Clisgearan

Aig deireadh abairte no rosgrainn a bhios na chlisgear no anns am bi clisgear §428: *abair e!; nach math sin!; gun sealladh sealbh orm!; a ghia!; nach ann air an eilean sin a thàinig an dà latha!* (Meek 2006, 18).

#### §33 (ii) Àithneach

Leis a' mhodh àithneach §258 (ii): *fhalbh!; thigibh a-steach!*

### §34 Camagan

Cleachdar camagan nan càraidean.

#### §34 (i) Camagan cruinne ( )

Cleachdar camagan cruinne coltach ri cromagan no sgrìobagan gus eadar-ràdh a nochdadh:

§34 (i) (a) Gus tuilleadh fiosrachaidh a shònrachadh: *ris an canar Seasaidh NicAoidh (1864–1938)* (NicCoinnich 2006, 26);

§34 (i) (b) Gus iomradh a leth-taobh a thoirt, gu h-àraidh air sgàth an leughadair: *sgrìobh Pòl MacAonghais nach maireann pìos glè thùrail mu dhràma ann an leabhran*, Facal air an Fhacal, *a sgaoil An Comann Leabhraichean (a-nise Comhairle nan Leabhraichean) ann an 1982* (Moireach 2006, 7).

## §34 (ii) Camagan ceàrnach [ ]

§34 (ii) (a) Cleachdar camagan ceàrnach gus litir 7c a bhios a dhìth a sholaradh: *tha barrachd actairean tàileantail [ann] 's a shaoileas tu* (ibid.); *nuair thèid an osag seo seachad, [agus] a philleas subhailc gu dùthaich fèin* (Dùghall Crauford: Meek 2006, 16).

§34 (ii) (b) Cleachdar camagan ceàrnach ann an tras-sgrìobhaidhean fuaim-eòlach: *canar* [ˈmɛ̃dʲiɲ] (*seach madainn ann an Ìle*).

## §34 (iii) Camagan uilneach &lt; &gt;

Cleachdar camagan uilneach gus seòlaidhean làraichean-lìn a nochdadh: <<http://www.dasg.ac.uk/gd>>.

## §34 (iv) Gearraidhean / /

Cleachdar gearraidhean ann an tras-sgrìobhaidhean fuinn-eòlach (a' sealltainn aonadan iom-sgarach ann an cànan 7c): *gheibhear ainmean mar Stainneabhal agus Staoineabrig agus /st/ aca, seach /s't/ mar a gheibhear ann an Stèinis*.

## §35 Sgrìobagan

§35 (i) An *n*-rùil ( - )

Thèid an *n*-rùil (le beàrnair air gach taobh) a chleachdadh

§35 (i) (a) Gus a shealltainn gun deach facal no abairt a thoirt a-steach no a sgaradh ris a' chòrr – tha e nas làidire na a' chromag §28 (i) a ghabhas cleachdadh air an aon dòigh: *Dè rud?' ars Iain – Iain cho geur is cho luath a bharrachd ormsa* (≈MacLeòid 2007a, 10); *cha bhithinn-s' air smaoineachadh air a seo gu bràth – Dè rud,' ars Iain, 'an e gun robh Gàidheil an ugannan a chèile?'* (≈ibid.).

§35 (i) (b) Gus earrann dheireannach an rosgrainn a sgaradh ris a' chòrr, far am bi fonn no brìgh eadar-dhealaichte ga cur an cèill: *aig toiseach a' Chèitein am-bliadhna, fhuair mi an cothrom a dhol gu Sealain Nuadh còmhla ri sgioba bho BhBC ALBA airson prògram Gàidhlig a dhèanamh air tè ris an canar Seasaidh NicAoidh (1864–1938) a bha na boireannach ainmeil ann an Sealain Nuadh ach air nach eil mòran iomraidh anns an dùthaich seo – 's i a' chiad bhana-bhàrd de chudrom sam bith a rugadh ann an Sealain Nuadh* (NicCoinnich 2006, 26); *sgolag orm fhìn gus smùr na mònach 's an riasg fhaighinn bhom aodann is mo làmhan – 's a-mach à seo* (≈MacLeòid 2006, 21).

§35 (ii) An *m*-rùil ( — )

Cleachdar an *m*-rùil (gun bheàrnair) gus nochdadh gun deach facal no abairt a bhriseadh dheth mus tàinig e gu crìch: *'Chan eil dad ceàrr air sin. Cha bu chòir na—' Chuir an rèidio stad air Rhodri* (Scholes 2007, 24); *'Fhalbh gu taigh Natalie agus thig air ais aig—' Bha Rhona ro luath dhomh* (Caimbeul 2006, 67).

**§36 An comharra dearmaid ( ... )**

Cleachdar an comharra dearmaid (agus beàrn air gach taobh – ach far am bi puingeachadh eile ann), i. trì stad-phuingean le chèile, gus a nochdadh gum bi an teags a' leantainn air, ach gun deach facal no facail fhàgail às no a chall: *a' coimhead às dèidh nan ostraitsean ... is rudan mar sin, a bheil thu tuigsinn?* (MacGill-Eain 2005, 27); *MacIntyre's great work on nature ... 'bha e ag ràdh* (MacLeòid 2006, 24).

**§37 Cromagan turrach (‘ ’) (“ ”)**

Cleachdar cromagan turrach nan càraidean. Tha an fheadhainn shingilte (‘ ’) nas cumanta an-diugh ann an clò na an fheadhainn dhùbailte (“ ”). Cleachdar cromagan turrach

**§37 (i) Còmhradh**

Gus còmhradh dìreach a thoirt a-steach agus a chrìochnachadh: *'Halò,' ars esan. 'Ciamar a tha thu an-diugh?'* Ann an sreath de dh'èarrannan-roisg, agus an t-aon duine a' bruidhinn, cleachdar cromag fhosglaidh aig toiseach gach earrainn ach cromag dhùnaidh aig deireadh na h-earrainn mu dheireadh a-mhàin.

**§37 (ii) Ainmean nan sgeulachdan**

Le ainmean nan sgeulachdan, nan dàn no nan òran: *tha sgeulachd air a bheil 'Bùrn' mar ainm anns an leabhar Bùrn is Aran le Iain Mac a' Ghobhainn; an dàn 'Hallaig' le Somhairle MacGill-Eain.*

**§37 (iii) Ainmean nan alt**

Le ainmean nan alt ann an leabhar no iris: *'Plana Cànan nan Eilean Siar' le Magaidh NicAoidh anns an leabhar Coimhearsnachd na Gàidhlig an-Diugh.*

**§37 (iv) Sònrachadh**

Air uairean, an àite clò chlaoin, gus facal no abairt no mìneachadh a shònrachadh, ga thoirt a-mach às a cho-theags àbhaisteach: *am bi stràc air an ainm 'Dòmhnall?'*

**§37 (v) Le dà shreath**

Ma bhios cromagan turrach gan cleachdadh mar-thà is ma bhios feum air sreath eile, cleachdar an dàrna seòrsa a-staigh agus an seòrsa eile a-muigh: *an do leugh thu an t-alt " 'Smuaintean an Eilthirich": Leòdhas agus Fànas ann am Bàrdachd Ruaraidh MhicThòmais' le Michelle NicLeòid?*

**§38 An tàthan (-)**

Thèid an tàthan (gun bheàrn) a chleachdadh

**§38 (i) Ro-leasachain**

Ann am facail a' tòiseachadh le ro-leasachan §378 (ii) agus beum §4 (iv) fhathast air an dàrna h-eileamaid: *ain-deònach; an-abaich; ana-ceartas; ao-coltach; ath-leasachadh; iar-leasachan; in-imrich; mì-chiatach; mì-shealbhach; neo-chumanta;*

ach cha chleachdar tàthan agus am beum air tuiteam gu buileach air a' chiad lide: *aocoltach; michiatach*.

### §38 (ii) Ainmearan fillte

§38 (ii) (a) Ann an ainmearan fillte dùinte §87 agus am prìomh bheum air a' chiad eileamaid: (ainmear + ainmear) *ban-diùc; bith-eòlas; cas-cheum; cis-mhaor; clò-bhualadh; craobh-sgaoileadh* §86 (i); *fior-uisge; leth-uair; muic-fheòil*; (buadhair + ainmear) *an dà-shealladh*<sup>6</sup>; *dubh-cheist; dubh-fhacal; trom-chadal*; ach cha chleachdar tàthan agus am prìomh bheum air an ainmear fhille air gluasad chun na ciad lide agus am beum a bh' air an dàrna h-eileamaid air a lùghdachadh, m.e. *lethuair* (< *leth-uair*); *muicfheoil* (< *muic-fheòil*); *banabaidh* (< *\*ban-nàbaidh*); *banaltram* (< *\*ban-altram*). Cha chleachdar tàthan an dèidh bhuaidheirean nach nochd ach ann an suidheachadh ro-shuidhichte §121, m.e. *deagh latha; droch dhuine; fìor thoiseach; prìomh mhinistear; sàr bhàrd; sean bhaile*. Cleachdar tàthan, ge-tà, far an dèan an t-ainmear fillte aonad brìghe, m.e. *an droch-shùil*.

§38 (ii) (b) Ann an ainmearan fillte fosgailte §88 agus am prìomh bheum air an dàrna lide: (ainmear + ainmear gin.) *àite-suidhe; craobh-dharaich; luchd-èisteachd; rum-cadail; slat-tomhais*; (ainmear + buadhair) *cas-chrom; brùdhearg; taigh-dubh; taigh-beag*.

### §38 (iii) Buadhairean fillte

Ann am buadhairean fillte §122 agus am prìomh bheum air a' chiad eileamaid: *bàn-d(h)earg; dubh-ghorm; fad-fhulangach; ioma-dhathach; iomadh-fhillte; uile-chumhachdach*.

### §38 (iv) Àireamhan fillte

Ann an àireamhan fillte sna deugan §147 (ii): *aon-deug; naoi-deug*.

### §38 (v) Mìrean sìnidh seilbheach

Ro mhìrean sìnidh seilbheach §191: *mo cheann-sa; bhithinn-sa; do cheann-sa; a mhac-san; a taigh-se; ar màthair-ne; dèanamaid-ne; bhur mac-se; am bràthair-san; an athair-san*. Cha chleachdar tàthan le riochdairean roimhearail sìnte §239 (ii) (b), m.e. *agamsa; agadsa*; ach gus nach nochd dà s le chèile ann an cruthan treas-pearsa singilte fireann, i. *às-san; leis-san; ris-san; thairis-san*. Cha chleachdar tàthan ron riochdair shònrachaidh sa 'seo' §208 (ii): *an leabhar sa 'an leabhar seo'; an t-seachdain sa chaidh 'an t-seachdain seo a chaidh'*.

### §38 (vi) Co-ghnìomhairean

Ann an co-ghnìomhairean §421 sam bi a' chiad eileamaid na roimhear no na mìr neo-bheumte eile, m.e. *an-àirde; an-ceartuair; an-còmhnaidh; an-diugh; an-earar*;

6. Gus a sgaradh ri *an dà shealladh*, i. an dà fhradharc.

*a-nuas; a-raoir; a-rithist*; ach cha chleachd ann an *an seo, ann an seo, ann an sheo* 7c §210 (ii).

§38 (vii) Mùthadh toisich

An dèidh nam mùthaidhean toisich le *h-* §46 (i), *n-* §46 (iii) agus *t-* §46 (ii): (analachadh) *gu h-àrd*; (srònachadh) *ar n-athair*; (*t-ro-leasachadh*) *an t-sròn*.

§38 (viii) Le *ath-*

Le *ath-* ann an co-ghnìomhairean §383 (iii): *chì mi an ath-bhliadhna thu*; ach cha chleachd ann an abairtean ainmearach, m.e. *bidh an ath bhliadhna nas fheàrr*.

§38 (ix) Mura-bhithean

Tha làithean na seachdaine §106 (i) (a) agus sloinnidhean ann am *mac/nic* §97 nam mura-bhithean, agus sgrìobhar mar aon fhacal iad: *Diluain; Dimàirt; MacLeòid; MacAsgaill; NicDhòmhnaill*. (Bhiodh *mac Leòid*, le beàrn, a' ciallachadh *mac le Leòd*.)

§39 Tàthanachadh aig deireadh loidhne

Chan eil riaghailtean stèidhichte ann mu bhith a' briseadh fhacal le tàthan §38 aig deireadh loidhne. Gidheadh, gabhaidh corra rud a ràdh:

§39 (i) Riaghailtean tàthanachaidh

Brisear facail (|) mar as trice

§39 (i) (a) Far am bi tàthan a' nochdadh co-dhiù: *beachd- | smuain; bun- | bheachd; mì- | riarichte*.

§39 (i) (b) Eadar eileamaidean so-aithneachaidh ann am facail a sgrìobhar mar-aon: *moch | eirigh (mocheirigh)*.

§39 (i) (c) Far an nochd beum no leth-bheum ann am meadhan facail: *Di | luain; Mac | Leòid; Orma | cleit*.

§39 (ii) Gun tàthanachadh

Cha bhrisear na leanas: *bh ch dh fh gh mh ph sh th; ll nn ng rr*; (aig toiseach facail) *h- t- n- dh'*.

§39 (iii) Còmhnaidh

'S fheàrr gun a bhith a' briseadh chòmhlann connragach far an nochd fuaimreag còmhnaidh §14: *thilg | eadh; talmh | ainn; ainmh | idh; aims | ir; marbh | adh; searm | on*.

### 3 Fuinn-eòlas

#### §40 Mineachadh

Fhad 's a bhios FUAIM-EÒLAS a' clàradh cànan aig ìre an fhìor fhuaimneachaidh, bidh FUINN-EÒLAS a' clàradh fuaimean cànan aig ìre brìghe. Mar eisimpleir, gabhaidh an diofar eadar am fuaim [ɑ:] (mar a gheibhear ann an *àl* (bun.) [ɑ:ɫ] 'na h-iseanan aig beathach') agus am fuaim [a:] (mar a gheibhear ann an *àil* (gin.) [a:lʲ]) cur an dàrna taobh seach gur h-e buil buadhan nan *l*-ichean a tha rin taobh a dh'adhbharaicheas an diofar sheòrsaichean riochdachaidh den litir *a*, chan i ceist brìghe, .i. is ionann na fuaimean [ɑ:] agus [a:] aig ìre brìghe.

Air an dòigh seo, faodar a ràdh gu bheil na fuaimean [ɑ:] agus [a:] nan eugsamhlaidhean (ris an canar EIL-FHUINNEAN) air an aon fhuaim no FUINNEAM /ɑ:/. 'S e bun-bheachd eas-cruthach a th' anns an fhuinneam, ma-thà, aig a bheil aon no barrachd air aon eil-fhuinn ann am fìorachas.

Cleachdar fuinn-eòlas gus tuairisgeul bunaiteach a thoirt air mar a dh'obraicheas fuaimean brìoghmhor ann an cànan no ann an dualchainnt.

Gheibhear corra chunntas air dualchainntean Gàidhlig na h-Albann, cuid dhiubh fuinn-eòlach ach cuid dhiubh fuaim-eòlach: (fuinn-eòlach) Leòdhas (Liùrbost) (Ofteal 1956); Cataibh an Ear (Eurabol; Goillspidh; Brùra) (Dorian 1978); Ros an Iar (a' Chomraich) (Ternes 1973); Ros an Ear-thuath (Baile a' Chnuic; Seannduaig) (Watson 1974); Geàrrloch (Wentworth 2005); corra bhuaidh gu h-àraidh ann am Barraigh (Bosch 2010<sup>2</sup>); gheibhear cunntasan bitheanta ann am MacAulay 1992 agus ann an Gillies 1993 agus gheibhear corra bhuaidh fuinn-eòlach ann an Grannd 2000 (Earra-Ghàidheal, gu h-àraidh Ìle); (fuaim-eòlach) Barraigh (Borgstrøm 1937); Leòdhas (Beàrnaraigh; Nis; Suaineabost is Eòrapaidh) agus ceann a deas Innse Gall (na Hearadh; Uibhist a Tuath; Beinn na Fadhla; Uibhist a Deas; Barraigh) (Borgstrøm 1940); an t-Eilean Sgitheanach agus Ros an Iar (Borgstrøm 1941); Cinn Tìre (Holmer 1962); Arainn (Holmer 1957); Siorrachd Pheairt an Ear (Srath Teimhil) (Ó Murchú 1989); Uibhist a Deas (Gordon Mac Gill-Fhinnein 1966, 2009); Earra-Ghàidheal (gu h-àraidh Ìle, Giogha, an Srath) (Holmer 1938); agus gheibhear liostaichean de dh'fhacail agus de dh'abairtean agus an tras-sgrìobhaidhean fuaim-eòlach ann an *LASID IV* (Arainn; Cinn Tìre; Meadhan-Earra-Ghàidheal; Beinn na Fadhla; Leòdhas; Ros an Iar agus Cataibh) agus ann an *SDGS* (Alba air fad).<sup>3</sup>

1. Gu ìre, chan eil e gu diofar cò an samhla a chleachdar air an fhuinneam fhèin, cho fad 's a thèid a mhineachadh. Tha an t-aon rud fìor a thaobh shamhlaidhean eile a chleachdar ann an tras-sgrìobhaidhean fuinn-eòlach.

2. Agus faic na tarraingean ann am Bosch *ibid.* airson caochladh bhuaidh ann an Gàidhlig na h-Albann.

3. Gheibhear tras-sgrìobhaidhean fuaim-eòlach ann an corra fhaclair: Wentworth 2003

Tha an riaghailt fuaime air a bheil cunntas shìos stèidhichte gu ìre air Oftedal 1956. Faic cuideachd: beum §4; feart nan litrichean fuaimreagach §6; fadachadh §9, §11; còmhnadh §14; srònachadh §15; beàrnas §16; feart nan litrichean connragach §21; mùthadh toisich §44.

### §41 Riaghailt nam fuaimreagan beumte

#### §41 (i) Aon-fhogharan

Gheibhear na prìomh fhuinneaman aon-fhogharach am broinn ghearraidhean (//) shìos, agus am prìomh riochdan fuaim-eòlach ann an camagan ceàrnach ([ ]) fòdhpà:

	TOISICH NEO-CHRUINN	CÙIL NEO-CHRUINN	CÙIL CRUINN
UACHDRACH	/i(:)/ [i(:) ɪ]	/u(:)/ [u(:) ʊ(:)]	/u(:)/ [u(:) ʊ(:)]
MEADHAIN	/e(:)/ [e(:)]	/ə(:)/ [ə(:) ɤ(:)]	/o(:)/ [o(:)]
ÌOCHDRACH	/ɛ(:)/ [ɛ(:) æ(:)]	/ɑ(:)/ [ɑ(:) ɑ(:)]	/ɔ(:)/ [ɔ(:) ʌ]

Faodaidh a' chuid as motha de na fuinneaman seo uile a bhith goirid no fada; neo-shrònaichte no srònaichte. Gu tric, thèid fuaimreag còmhnaidh §14 a riochdachadh ann an tras-sgrìobhaidhean fuinn-eòlach le stràc mall (·). Cha ghabh fìor bhun-chàraidean a lorg an-còmhnaidh agus feart nan connragan ag aontachadh ri feart nam fuaimreagan:

i ~ u	{	<i>thig</i>	hig'	<i>cìr</i>	k'ir'
		<i>thuig</i>	huig'	<i>caoir</i>	ku:ir'
u ~ u	{	<i>tuille</i>	tuul'ə	<i>caol</i>	ku:l
		<i>duille</i>	duul'ə	<i>cùl</i>	ku:l
e ~ ə	{	<i>geir</i>	g'er'	<i>èighear</i>	'e:vər
		<i>goir</i>	gər'	<i>adhbhar</i>	'ə:vər

(Geàrrloch) agus, gu neo-chunbhalach, *Am Faclair Beag*; le riaghailtean fuaim-eòlach a tha seann-fhasanta agus/air neo gun an seise, m.e. MacLennan 1925; Dieckhoff 1932 (Gleann Garadh).

ə ~ o	{	<i>magh</i>	māy	<i>taois</i>	tə:ʃ
		<i>modh</i>	mōy	<i>nòis</i> (gin.)	nō:ʃ
ɛ ~ a	{	<i>daimh</i>	dēv	<i>sàibh</i>	sɛ:v
		<i>damh</i>	dāv	<i>sàbh</i>	sɑ:v
ɑ ~ ɔ	{	<i>ach</i>	ɑx	<i>bàrd</i>	bɑ:rd
		<i>och</i>	ɔx	<i>bòrd</i>	bɔ:rd
i ~ e	{	<i>ith</i>	ix'	<i>rìgh</i>	ri:
		<i>eich</i>	ex'	<i>rè</i>	re:
e ~ ε	{	<i>deis</i>	d'ej	<i>rè</i>	re:
		<i>deas</i>	d'ɛs	<i>rèidh</i>	re:
u ~ ə	{	<i>shuidh</i>	huɟ	<i>faobhar</i>	'fui:vəɾ
		<i>thaigh</i>	həɟ	<i>adhbhar</i>	'ə:vəɾ
ə ~ ɑ	{	<i>coire 'poit'</i>	'kər'ə	<i>adhradh</i>	'ə:rəy
		<i>coire 'lochd'</i>	'kɑr'ə	<i>àradh</i>	'ɑ:rəy
u ~ o	{	<i>thug</i>	hug	<i>bùth</i>	bu:
		<i>thog</i>	hɔg	<i>bò</i>	bɔ:
o ~ ɔ	{	<i>bog</i>	bog	<i>mòr</i>	mɔ:r
		<i>boc</i>	bɔk	<i>Mòr</i>	mɔ:r

## §41 (ii) Dà-fhogharan

Gheibhear na prìomh fhuinneaman dà-fhogharach am broinn ghearraidhean (/ /) agus am prìomh riochdan fuaim-eòlach ann an camagan ceàrnach ([ ]):

DÙNAIDH			FOSGLAIDH	
DÀ-FHOGHARAN <i>i</i>		DÀ-FHOGHARAN <i>u</i>		
/ei/	/ui/	/ɔu/	/iə/	/uə/
[ei]	[ui ɸi]	[ɔu]	[iə]	[uə]
/əi/	/ɑi/	/au/	/iɑ/	/uɑ/
[əi ɪi]	[ɑi ai]	[au au]	[iɑ iɑ]	[uɑ uɑ]

Thèid beum a sgaoidhadh eadar dà eileamaid an dà-fhoghair.

Cha ghabh fìor bhun-chàraidean a lorg an-còmhnaidh agus feart nan connragan ag aontachadh ri feart nam fuaimreagan:

ei ~ əi	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{being} \\ \textit{cuing} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{bēīN'g' } \\ \text{kēīN'g' } \end{array} \right.$	əi ~ ui	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{cuing} \\ \textit{puing} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{kēīN'g' } \\ \text{pūīN'g' } \end{array} \right.$
əi ~ ai	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{rinn (roimh.)} \\ \textit{rinn (gn.)} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{rēīN' } \\ \text{rūīN' } \end{array} \right.$	ɔu ~ au	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{a-null} \\ \textit{a-nall} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{ə 'NɔUL} \\ \text{ə 'NauL} \end{array} \right.$
iə ~ ia	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{fiach} \\ \textit{feuch} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{fiəx} \\ \text{fiəx} \end{array} \right.$	uə ~ ua	$\left\{ \begin{array}{l} \textit{cuan} \\ \textit{duan} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{kūān} \\ \text{dūān} \end{array} \right.$

### §42 Riaghailt nam fuaimreagan neo-bheumte

Gheibhear na prìomh fhuinneaman fuaimreagach neo-bheumte am broinn ghearraidhean (/ /):

FUAIMREAGAN	TOISICH NEO-CHRUINN	CÙIL NEO-CHRUINN	CÙIL CRUINN
UACHDRACH	/i/		/u/
MEADHAIN		/ə/	
ÌOCHDRACH		/a/	/ɔ/

### §43 Riaghailt nan connragan

#### §43 (i) Na casgaich

Am measg fhuaimnean casgach, gheibhear bilich, deudaich agus iar-dheudaich:

#### §43 (i) (a) Bilich

/p	p(j)	b	b(j)	f	f(j)	v	v(j)	w† /
[p <sup>h</sup> h <sub>p</sub>	p <sup>h</sup> (j) h <sub>p</sub>	b̥ p	b̥(j) p	f	f(j)	v β <sup>‡</sup> v̥	v(j)	w ]

†A nochdas ann am facail Bheurla a-mhàin; ‡'S ann ainneamh a chluinnear [β] an-diugh, m.e. (gairm.) *a bhalaich* [ə 'βa<sub>h</sub>iç], seach [ə 'va<sub>h</sub>iç].

#### §43 (i) (b) Deudaich

/t	t'	d	d'	s	s' /
[t <sup>h</sup> h <sub>t</sub>	t <sup>h</sup> h <sub>t</sub>	d̥ t̥	d̥' t̥'	s̥	ʃ ]

## §43 (i) (c) Iar-dheudaich

/k	k'	g	g'	x	x'	ɣ	ɣ'	j	h	h(j) /
[k <sup>h</sup> k]	[k <sup>h</sup> k]	g̃ k	g̃ <sup>j</sup> k <sup>j</sup>	x	ç	ɣ ɣ̃	ɟ	j j̃	h	h(j) ]

## §43 (ii) Na glòraich

Am measg fhuaimean glòrach, gheibhear srònaich (*m*- agus *n*-ichean) agus sruthaich (*l*- agus *r*-ichean):

## §43 (ii) (a) Srònaich

/m	m(j)	N	N'	ŋ	ŋ'	n	/
[m m̃]	m(j)	ɲ ɲ̃	ɲ̃ <sup>†</sup>	ɲ̃ <sup>‡</sup>	ɲ̃ <sup>‡</sup>	n ɲ	]

†[ŋ/\_k], m.e. *trang* [t<sup>h</sup>rãŋk] = /trãŋg/; [ŋ/\_<sup>h</sup>k], m.e. *banca* [bãŋkə] = /bãŋkə/;

‡[ŋ<sup>j</sup>/\_k<sup>j</sup>], m.e. *faing* [fãĩŋ<sup>j</sup>k<sup>j</sup>] = /fãĩŋ<sup>j</sup>g<sup>j</sup>/ §23 (v) (c).

## §43 (ii) (b) Sruthaich

/L	L'	l		R	r	r'	/
[l̃ l̃̃]	l̃̃ l̃̃̃	l̃ l̃̃		r̃ r̃̃	r̃ r̃̃	r̃ <sup>j</sup> r̃̃ <sup>j</sup>	]

Airson *r*-chòmhlán, faic §23 (v) (d). Cha ghabh fìor bhun-chàraidean a lorg an-còmhnaidh agus feart nam fuaimreagan ag aontachadh ri feart nan connragan:

b ~ d	{ <i>ball</i> <i>dall</i>	bauL dauL	d ~ d'	{ <i>deud</i> <i>tèid</i> (eis.)	d'e:d d'e:d'
d' ~ g'	{ <i>brèid</i> <i>brèig</i> (tabh.)	br'e:d' br'e:g'	g' ~ g	{ <i>geall</i> <i>Gall</i>	g'auL gauL
p ~ t	{ <i>poll</i> <i>toll</i>	pouL toul	t ~ t'	{ <i>tana</i> <i>teine</i>	'tãnə 't'ãnə ('t'ẽnə)
t' ~ k'	{ <i>teann</i> <i>ceann</i>	t'ãũN k'ãũN	k' ~ k	{ <i>ceart</i> <i>cart</i>	k'arsd karsd
ɟ ~ ɣ	{ <i>gheibh</i> <i>ghabh</i>	jo ɣo	x' ~ x	{ <i>fraoich</i> (gin.) <i>fraoch</i>	fru:x' fru:x
x ~ h	{ <i>mach</i> <i>math</i>	mãx mãh	s ~ s'	{ <i>mhiosa</i> <i>mhise</i>	'vĩsə 'vĩ'sə
s' ~ x'	{ <i>sìth</i> <i>chì</i>	s'i: x'i:	m ~ N	{ <i>àm</i> <i>ann</i>	ãũm ãũN

N ~ n	{ <i>annam</i> <i>anam</i>	{ 'āNəm 'ānəm	n ~ N'	{ <i>aran</i> <i>arain</i> (gin.)	{ 'aran 'aran'
N ~ N'	{ <i>Anna</i> <i>aithne</i>	{ 'āNə 'āN'ə	L ~ l	{ <i>balla</i> <i>baile</i>	{ 'balə 'balə
l ~ L	{ <i>càil</i> <i>càl</i>	{ ka:l ka:L	L ~ L'	{ <i>lann</i> <i>leann</i>	{ LāũN L'āũN
R ~ r	{ <i>Ruairidh</i> <i>Ruairidh</i> (gin.)	{ 'ruə'ri 'ruə'ri	r ~ r'	{ <i>làr</i> <i>làir</i>	{ Lɑ:r Lɑ:r'
R ~ r'	{ <i>carrach</i> <i>coireach</i>	{ 'kərəx 'kar'əx	L ~ R	{ <i>làmh</i> <i>ràmh</i>	{ Lā:v Rā:v
l ~ r	{ <i>Ailean</i> <i>aran</i>	{ 'alan 'aran	b ~ p	{ <i>balla</i> <i>palla</i>	{ 'balə 'palə
d ~ t	{ <i>dùr</i> <i>tùr</i>	{ dur tur	d' ~ t'	{ <i>deas</i> <i>teas</i>	{ d'es t'es
g' ~ k'	{ <i>gead</i> <i>cead</i>	{ g'ed k'ed	g ~ k	{ <i>Gall</i> <i>call</i>	{ gaUL kaUL
v ~ f	{ <i>bhalach</i> <i>falach</i>	{ 'valəx 'faləx	ǰ ~ x'	{ <i>gheàrr</i> <i>cheàrr</i>	{ ǰɑ:R x'ɑ:R
ǰ ~ x	{ <i>dh'fhaighnich</i> <i>chuidhnich</i>	{ 'ǰəĩnix' 'xəĩnix'	b ~ v	{ <i>bà</i> (iol.) <i>bha</i>	{ ba: va:
p ~ f	{ <i>pian</i> <i>fion</i>	{ pĩən fĩən	g' ~ ǰ	{ <i>ag innseadh</i> <i>a dh'innseadh</i>	{ ə 'g'ĩ:ǰəǰ ə 'ǰi:ǰəǰ
k' ~ x'	{ <i>ceannaich</i> <i>cheannaich</i>	{ 'k'ānix' 'x'ānix'	g ~ ǰ	{ <i>goid</i> <i>ghoid</i>	{ gəd' ǰəd'
k ~ x	{ <i>cuir</i> <i>chuir</i>	{ kur' xur'	m ~ v	{ <i>marbh</i> <i>mharbh</i>	{ 'marəv 'varəv
ǰ ~ ǰ	{ <i>dh'ionnsaich</i> <i>ionnsaich</i>	{ 'ǰũsix' 'ǰũsix'	v ~ w	{ <i>bheil</i> <i>uill</i>	{ vel wel

## 4 Mùthadh Toisich

### §44 Ro-ràdh

#### §44 (i) Mineachadh

'S e MÙTHADH TOISICH an t-atharrachadh a thachras do chuid de dh'fhuaimean (m.e. *m* [m] > *mh* [v]) aig toiseach fhacal ann an suidhichean gràmair àraidh.

#### §44 (ii) Seòrsa

Gheibhear trì prìomh sheòrsaichean mùthaidh toisich ann an Gàidhlig na h-Albann: SÈIMHEACHADH §45, RO-LEASACHADH §46 agus GUTHACHADH §47.

#### §44 (iii) Inbhe

Buinidh am mùthadh fhèin dhan mhìr no dhan fhacal a bhios an urra ris, .i. cha bhi buaidh aig a' mhùthadh air cèill an fhacail a thèid a thoiseach atharrachadh. Gidheadh, tha trì àitichean ann far an e CRUITHEAM no eileamaid brìghe a bhios anns a' mhùthadh fhèin:

§44 (iii) (a) Ann an riochd eisimeileach a' ghnìomhair san tràth chaithte: *chuir mi orm e* §246 (ii);

§44 (iii) (b) Anns an tràth mheasgaichte, mar an ceudna: *chuirinn orm e* §246 (ii); agus

§44 (iii) (c) Ann an ainmearan ginideach iolra neo-dheimhinnte: *bidh i a' togail dhealbhan* §45 (i) (a) (α).

### §45 Sèimheachadh

#### §45 (i) Sèimheachadh

.i. mùthadh far an tèid fuaimneachadh connraig aig toiseach facail a lagachadh (faic §22 + b-n 6o), m.e. *cuir ort e!* > *chuir mi orm e*.

§45 (i) (a) Ann an ainmearan

Thèid ainmear a shèimheachadh

§45 (i) (a) (α) Ma bhios e na ainmear ginideach iolra neo-dheimhinnte: *tòrr dhaoine*; a' *glanadh thaighean*; *air beulaibh dhaoine*; *taigh-chearc*. Thèid sèimheachadh an seo a bhacadh agus an t-ainmear deimhinnte: a' *glanadh taighean a' bhaile*; ach gheibhear sèimheachadh ann an seòrsaichean (iol.) mar as trice, ged a leanas ainmear eile e: *diofar sheòrsaichean thaighean*. A thaobh ainmean sinnsir, faic §101.

§45 (i) (a) (β) Ma bhios e na ainmear pearsanta fireann san tuiséal ghinideach: *càr Sheumais*; cha bhi ainmearan pearsanta boireann a' sèimheachadh mar as trice san tuiséal ghinideach.

§45 (i) (a) (γ) Mar as trice, ma bhios e na ainmear sònraichte neo-bheò san tuiseal ghinideach §104 (i) (a), + b-n 21: *oifis Chomunn na Gàidhlig; aithisg Bhòrd na Gàidhlig; toglaichean Cholaisde a' Chaisteil; muinntir Ghlaschu; rathaidean Dhùn Èideann.*

§45 (i) (a) (δ) Ma leanas e an t-alt: (bun. sg. boir.) *a's* ro *b c g m p*; *an's* ro *f*: *a' bhasgaid; an fhuil*; (gin. sg. fir.) *a's* ro *b c g m p* agus *an's* ro *f*: *taigh a' bhalaich; a' gearradh an fhuilt*; (tabh. sg. fir./boir.) *a's* ro *b c g m p* agus *an's* ro *f* (no *~n's* ro *b c g m p* agus *f*) aig *a' chat*; *leis an fhìrinn; dhan bhaile.*

§45 (i) (a) (ε) An dèidh riochdairean seilbheach §190: (1d sg.) *m' athair is mo mhàthair*; (2ra sg.) *ag obair air do cheann fhèin*; (3s sg. fir.) *a bhràthair; tha e na dhotair ann am Barraigh; tha (a) fhios agam gur h-e* §192 (xiii).

§45 (i) (a) (ζ) Ma leanas e na h-àireamhan àrdail *aon* (ach ro *d t l n r s* §149 (i)): *aon bhonn*; agus *dà*: *leis an dà shùil*; cuideachd, thèid *ceud* (agus, gu tric, ainmearan eile ann an *c* thoisich) a shèimheachadh an dèidh *trì, ceithir* agus *còig*: *còig cheud saighdear*<sup>1</sup>.

§45 (i) (a) (η) Ma leanas e eileamaid bhuaidhaireach ann an ainmear fillte dùinte §87: *deagh dhuine; droch thide; cis-mhaor; bas-bhualadh; eadar-dhealachadh.*

§45 (i) (a) (θ) Ma bhios e na ainmear ginideach deiridh ann an ainmear fillte fosgailte §88 agus e air a làimhseachadh mar bhuaidhair: (bun. boir.) *muc-mhara*, ach (gin. boir.) *muice-mara*<sup>2</sup>.

1. A thuilleadh air *aon cheud* agus *dà cheud*, far am bite an dùil ri sèimheachadh co-dhiù an dèidh *aon* agus *dà*, gheibhear *trì cheud, ceithir cheud* agus fiù 's *còig cheud* ann an corra dhualchainnt, le sèimheachadh ann an *ceud*, far nach bite an dùil idir ris. 'S e fuidheall àrsaidh a tha seo. Nuair a bha trì gnèithean fhathast aig a' Ghàidhlig (fireann, boireann agus neodrach §62 (ii)), bha *ceud* na fhacal neodrach. An dèidh fhacal neodrach a ghabhadh claonadh san t-Sean Ghàidhlig, bhite an dùil ri sèimheachadh anns na tuisealan ainmneach agus cuspaireach – le chèile an tuiseal bunasach an-diugh – agus san tuiseal ghairmeach. Bha seo a' toirt a-steach SG *trì* 'trì' agus *cethair* 'ceithir' sna suidhichean sin. Bha na h-àireamhan 5–10 eadar-dhealaichte. 'S e srònachadh a bhiodh a' leantainn nan àireamhan 6–10 san t-Sean Ghàidhlig, mùthadh nach aithnichear tuilleadh san t-suidheachadh sin an-diugh. Ach bhiodh sèimheachadh a' leantainn SG *còic* 'còig', ged nach e a h-uile dualchainnt a chanas *còig cheud*. Air uairean, sgaoilidh an sèimheachadh seo gu facail eile le *c* thoisich, gu h-àraidh le ainmearan cumanta a leithid *trì choin, còig chaoraich* 7c, ach chan eil pàtran cunbhalach ann.

2. Ged a gheibhear gin. *muic-mhara*, tro cho-rèiteachadh, cuideachd.

§45 (i) (a) (i) Ma leanas e na roimhearan *air*<sup>s</sup> §347<sup>3</sup>; (*bh*)*o*<sup>s</sup> §351; *de*<sup>dh</sup> §355; *do*<sup>dh</sup> §356; *eadar*<sup>(s)</sup> §357; *fo*<sup>s</sup> §359; *gun*<sup>s</sup> §361; *mu*<sup>s</sup> §364; *ro*<sup>s</sup> §369; *thar*<sup>s</sup> §373; *tre*<sup>s</sup> §375; *tro*<sup>s</sup> §377: *air chall*; *trì air fhichead*; *bho Dhòmhnall*; *de chèic*; *do Mhàiri*; *eadar bheag agus mhòr*; *fo bhòrd*; *gun bhainne*; *mu chaileig*; *ro Bhealltainn*; *thar chuain*; *tro tholl*.

§45 (i) (a) (x) Ma leanas e fear de chaochladh ro-leasachan §378, m.e. *mì-bhuidheachas*; *neo-chinnt*; *ath-leughadh*; *do-bhròn* §389, b-n 36; *fo-bhaile*; *ioma-ghaoth*; *os-cheartachadh*.

§45 (i) (b) Ann an riochdairean pearsanta  
Cha tèid a' chiad phearsa singilte *mi* a shèimheachadh ach an dèidh cruth làthaireach àicheil (*cha*<sup>s</sup>) agus cruth caithte dearbhte (*bu*<sup>s</sup>) a' ghnìomhair *IS* §304.

§45 (i) (c) Ann am buadhairean càileach ro-shuidhichte  
Thèid buadhairean càileach ro-shuidhichte a shèimheachadh a rèir nan riaghailtean fo §45 (i) (a), shuas, m.e. (air beulaibh ainmeir ghinidich iolra neo-dheimhinnte) *a' cuideachadh sheann daoine*; (an dèidh an uilt: bun. sg. boir.) *a' Ghlas-Bheinn*; (gin. sg. fir.) *air mullach a' mheanbh chnuic*; (tabh. sg. fir./boir.) *aig a' mhòr-chuid*; (an dèidh àireamhan àrdail) *an t-aon fhìor-eun*; *anns an dà shean bhaile*.

§45 (i) (d) Ann am buadhairean càileach iar-shuidhichte  
Thèid buadhair càileach iar-shuidhichte a shèimheachadh

§45 (i) (d) (α) Ma bhios a ainmear singilte: (gin./gairm. fir.; tabh. fir. deimh.) *both an tairbh dhuibh*; *a dhuine bhochd*; *leis a' pheann dhearg*; (bun./tabh./gairm. boir.): *a' chaileag bheag*; *aig a' chaileig bhig*; *a chaileag bheag!*

§45 (i) (d) (β) Ma bhios a ainmear deise: (bun./gin./tabh./gairm. fir.) *dà thaigh-dhubh*; *ri taobh an dà thaigh(e)-dhuibh*; *timcheall air an dà thaigh-dhubh*; *a dhà thaigh-dhuibh!*; (bun./tabh./gairm. boir.) *an dà phiseig ghil*; *aig an dà phiseig ghil*; *a dhà phiseig ghil!*

§45 (i) (d) (γ) Ma bhios a ainmear iolra: (an dèidh ainmeir agus connrag chaol air an deireadh aige) *balaich bheaga*; *na Fir Bhrèige* (.i. Tursachan Chalanais); *na Fir Chlis* (aurora borealis); *caoraich mhaola*<sup>4</sup>.

3. Ach chan fhaighear sèimheachadh an dèidh *air* §346 no an dèidh *air*<sup>(n-)</sup> §348.

4. Thèid gach fear ann an sreath de bhudhairean càileach iar-shuidhichte a mhùthadh air an aon dòigh, a rèir nan riaghailtean a tha shuas: (deise tabh. boir.) *le do dhà làimh dhilis ghil*. Chithear *fichead* air a shèimheachadh mar an ceudna agus e a' nochdadh dìreach an dèidh ainmeir: *trì choin fhichead* §150 (ii).

§45 (i) (d) (δ) Ma bhios e na eileamaid bhuadhairich ann an ainmear fillte dùinte §87, a rèir nan riaghailtean fo §45 (i) (a), shuas: *a' moladh shàr bhàrd; ag ionnsachadh mhion-chànan; aig a' chis-mhaor.*

§45 (i) (d) (ε) Ma bhios e na eileamaid bhuadhairich ann an ainmear fillte fosgailte §88, a rèir nan riaghailtean fo §45 (i) (d), shuas: (tabh. fir.) *anns an taigh-dhubh.*

§45 (i) (d) (ζ) Mas i a' chiad eileamaid ann am buadhair fillte §122, a rèir nan riaghailtean fo §45 (i) (d), shuas: *eich cheithir-chasach.*

§45 (i) (d) (η) Mas i an dàrna h-eileamaid ann am buadhair fillte dùinte §122 (i): *dubh-ghlas; blàth-chridheach.*

§45 (i) (d) (θ) Ma leanas e na co-ghnìomhairean ìre *ro*<sup>s</sup> agus *glè*<sup>s</sup> §427 (ii) (a): *ro dhona; glè ghoirid.*

§45 (i) (d) (ι) Ma leanas e fear de chaochladh ro-leasachan §378, m.e. *so-chreidsinn; do-fhaicsinn; ion-chuimhneachaidh; mì-thoilichte; neo-thruacanta; anfhann; ath-bheothachail; eadar-dhealaichte; iol-chridheach; iomadh-fhillte.*

§45 (i) (e) Ann an gnìomhairean

Gheibhear sèimheachadh ann an gnìomhairean

§45 (i) (e) (α) An dèidh nan riochdairean dàimheach *a*<sup>dh</sup> §199: *na daoine a cheannaicheas taighean ann an seo; ma bhuaileas tu ann an sin e; nuair a sheinn thu a-raoir; agus na*<sup>dh</sup> §202: *dè na bhios tu ag iarraidh de dh'airgead?*

§45 (i) (e) (β) An dèidh a' mhìr chaithe *do*<sup>dh</sup> §246 (i): *an do chuir thu an cat a-mach?; an d'fhuir thu e?*

§45 (i) (e) (γ) An dèidh a' mhìr àicheil *cha*<sup>s</sup>(*n*<sup>f</sup>), thèid *b c g m p* agus *l n r* §22 (ii) (b) a shèimheachadh: *cha chluinn mi thu; cha leig* (§192 (xiii), b-n 10) *thu a leas sin a dhèanamh; a thaobh d t s* thoisich, faic §45 (i) (l) (δ).

§45 (i) (e) (δ) Thèid riochd neo-eisimeileach teachdail nan gnìomhairean *ABAIR; FAIC; FAIGH; RACH; THIG; THOIR;* agus *BI* a shèimheachadh gu buan, .i. *their; chi; gheibh; thèid; thig; bheir; tha*<sup>s</sup>; agus cruthan àithneach neo-eisimeileach a' ghnìomhair *THOIR*, .i. *thoiream/bheiream* 7c.

5. GA *tha* < SG *at-tá, -tá* (coim. GE *tá*); mairidh cruth neo-shèimhichte a' ghnìomhair anns na cruthan co-ghnìomhaireach *ma-tà* (ri taobh *ma-thà*); *ge-tà* §426.

§45 (i) (e) (ε) Gheibhear sèimheachadh buan anns na cruthan gnìomhair-each *theab* §284; *theirig* (ach eisimeileach na *teirig!*) §285; *thugad* §286; agus *thugainn* (ri taobh *tugainn*) §287.

Airson *bheil* §47 (i) (c); airson *nar(a)*<sup>(s)</sup> §245 (iii) agus *nior*<sup>s</sup> §245 (i) (c); agus airson sèimheachaidh sna tràthan caithte is measgaichte §246 (ii).

§45 (i) (f) Ann am mìrean ro-ghnìomhaireach  
Gheibhear sèimheachadh buan ann an *cha*<sup>s</sup> §245 (i) (a).

§45 (i) (g) Ann an naisgearan  
Gheibhear sèimheachadh buan anns na leanas: (§334) *fhad* 's *a*<sup>dh</sup>; *cho fad* 's *a*<sup>dh</sup>; *cho luath* 's *a*<sup>dh</sup>; (§337) *theagamh* 's *gun*<sup>m</sup>.

§45 (i) (h) Ann an ainmearan gnìomhaireach  
Thèid ainmearan gnìomhaireach a shèimheachadh

§45 (i) (h) (α) An dèidh an roimheir *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *feumaidh mi sin a dhèanamh*; *thathas airson taigh a thogail an sin*.

§45 (i) (h) (β) An dèidh riochdairean seilbheach §193: (1d sg.) *a beil thu gam chluinntinn?*; (2ra sg.) *bu chaomh leam d'fhaicinn a-rithist*; (3s sg. fir.) *a beil e na dhùisg fhathast?*; *a beil thu air a dhèanamh mar-thà?*; *chaidh a bhualadh le càr a-raoir*; *dè na rudan a bha thu an dùil a dhèanamh?*

§45 (i) (h) (γ) Gheibhear *a dhol* (seach *dol*) gu tric (ach nuair a thèid a chomharradh leis an roimheir *a'* (*aig*) §345 (ix)), m.e. *a beil thu airson a dhol dhachaigh?*, .i. *a beil thu airson dol dhachaigh?* Chithear an t-aon leasachadh le *tighinn* bho àm gu àm, m.e. *anns na làithean ri thighinn* (seach *ri tighinn*), .i. anns na làithean ri teachd.

§45 (i) (h) (δ) Ma leanas e an eileamaid bhuadhaireach ann an ainmear fillte dùinte §87: *geur-leanmhainn*; *dlùth-cheangal*; *ùr-ghnàthachadh*.

§45 (i) (h) (ε) Ma leanas e fear de chaochladh ro-leasachan §378, m.e. *mì-ghnàthachadh*; *dì-cheannachadh*; *ath-leughadh*.

§45 (i) (h) (ζ) Ma thèid ainmear gnìomhaireach a chleachdadh mar ainmear, leanaidh e riaghailtean sèimheachaidh an ainmeir fhèin §45 (i) (a).

§45 (i) (i) Ann an co-ghnìomhairean

§45 (i) (i) (α) Gheibhear sèimheachadh buan ann an corra cho-ghnìomhair, m.e. *shios*; *shuas*; *thall* §424 (ii); agus, mar as trice, *dhachaigh* §424 (i) agus *dha-rìribh* §427 (ii) (b); anns na co-ghnìomhairean *cho* §426 agus *ro*<sup>s</sup> §427 (ii) (a); agus ann an co-ghnìomhairean bho chruthan

treas-pearsa singilte fireann aig roimhearan: **(bh)uaithe** §351 (vi); **dheth** §355 (vi); **leis** §362 (vi); **ris** §368 (vi); **roimhe** §369 (vi); **thairis** §373 (vi); agus, air uairean, ann an **thrid** (*trid*) §376 (vi).

§45 (i) (i) (β) Gheibhear sèimheachadh buan anns na co-ghnìomhairean ceisteach cò **mhued** §236 (ii) (a); **cia fhad**; agus **cia lìon** §236 (ii) (a), b-n 32.

§45 (i) (i) (γ) Gheibhear sèimheachadh neo-chunbhalach anns na co-ghnìomhairean **ann an s(h)eo**; **ann an s(h)in**; **ann an s(h)iud** §210 (ii).

§45 (i) (j) Ann an roimhearan

Gheibhear sèimheachadh buan ann an corra roimhear: **(bh)o<sup>s</sup>** §351; **(bh)os** §352; **chun/thun** §360 (i), b-n 64, §360 (ii) (b); **dha** (ri taobh **do<sup>dh</sup>**) §356; **dhe<sup>dh</sup>** (ri taobh **de<sup>dh</sup>**) §355; **thar<sup>s</sup>** §373; **thro<sup>s</sup>** (dualchainnteach airson **tro<sup>s</sup>** §377).

§45 (i) (k) Dì-shèimheachadh

Thèid an riochdair pearsanta **thu<sup>6</sup>** (sinte **thusa**) a dhì-shèimheachadh agus a dhùbhradh ann an suidhichean àraidh §47 (i) (b), §187 (ii) (a).

§45 (i) (l) Bacadh

§45 (i) (l) (α) Thèid sèimheachadh a bhacadh gu tric nuair a thig dà chonraig cho-altaichte ri chèile, m.e. **bh + f**: **dearbh feasgar**; **sibh fèin** §226, b-n 27; **c + c**: **MacCoinnich**; **c + g**: **MacGriogair**; **MacGillÌosa** §98 (ii); **ch + c**: **droch cù**; **l + d**: **sgoil-dubh**; **sùil dubh<sup>7</sup>**; **l + t**: **cùl-taic**; **siol Tormoid**; **m + b**: **Caimbeul**; **n + d**: (gin.) **chun an Eilein Duibh**, (tabh.) **san Eilean Dubh**; **Clann Dòmhnail**; **Fearann Dòmhnail** (an t-Eilean Sgitheanach); **madainn Diluain** §106 (i) (b); **nighean donn**; **sgian-dubh**; **gun duine beò**; **luchainn dalla**; **mòran daoine**; **Deòrsa Mac Iain Deòrsa**; **n + s**: **gun siùcar**; **aon saighdear**; **r + d**: **aon uair deug** §149 (iv) (a), b-n 18<sup>8</sup>; **th + t**: **a leth-taobh<sup>9</sup>**.

§45 (i) (l) (β) An dèidh an uilt §50, cha tèid **d t l n r** a shèimheachadh, m.e. (bun. boir.) **an deoch**; **an lèine**; **an nighean**; **an rìoghachd**; (tabh.) **san taigh**.

§45 (i) (l) (γ) An dèidh na h-àireimh òrdail **ciad**, cha tèid **d t s** a shèimheachadh, m.e. **a' chiad duine**; **a' chiad taigh**; **a' chiad seachdain**.

6. GA *thu* < SG *tú*.

7. Coim. *Sùil Dubh Chuidhbbhig* (na Dailean, an Leòdhas).

8. Airson *aon bhliadhna deug*, faic an t-aon àite.

9. Gu h-eachdraidheil, [θ] + [t̪].

§45 (i) (l) (δ) Mar as trice, an dèidh a' mhìr àicheil *cha*<sup>s10</sup> §245 (i) (a), cha tèid *d t s* a shèimheachadh, m.e. *cha dùin mi e* (ri taobh *cha dhùin mi e*); *cha toigh leam i*; *cha seasainn ris*.<sup>11</sup>

§45 (i) (l) (ε) An dèidh tràth caithte a' ghnìomhair *IS* §304, cha tèid *d t* a shèimheachadh: *bu dual dha a bhith ag èirigh tràth*; *bu toigh leam an sgeulachd ud*.

§45 (i) (l) (ζ) Cha tèid na riochdairean sònrachaidh *seo*; *sin*; *siud* §207 (ach faic §45 (i) (i) (γ), shuas) no an riochdair *gach* §227 a shèimheachadh. Gu dualchasach, cha sèimhichear *sìar* agus *sear*, m.e. *muinntir an Taoibh Sìar*; no *tuath* agus *deas* ach an dèidh roimhearan iomchaidh: *mu thuath*; ach *a' ghaoth (a) tuath*, agus eileamaid roimhearail ann.

§45 (ii) *f*-shèimheachadh

i. mùthadh far nach tèid ach *f* a shèimheachadh aig toiseach facail. Gu tric, thèid *f* thoisich a shèimheachadh an dèidh na leanas:

§45 (ii) (a) Am mìr ceisteach *an*<sup>m</sup> §242 (i): *an fhàs e nas miosa?*, seach *am fàs e nas miosa?*

§45 (ii) (b) Am mìr ceisteach àicheil *nach*<sup>f</sup> §242 (ii): *nach fhoghain siud?*

§45 (ii) (c) Am mìr àicheil *chan*<sup>f</sup> §245 (i) (a): *chan fhuirich e mionaid*.

§45 (ii) (d) An naisgear fo-òrdanachaidh àicheil *nach*<sup>f</sup> §336 (iv) (c): *thuirt iad nach fhaigheamaid e*.

§45 (ii) (e) An naisgear *mus*<sup>f</sup> §336 (ii): *gabh do bhraicist mus fhalbh thu!*

§45 (ii) (f) A' mhòr-chuid de chruthan làthaireach a' ghnìomhair *IS* §304: *'s fheàrr dhut a ghabhail*; *nuair as fhasa a dhèanamh*; *tha fhios agam nach fhada gu 'm bi iad ann*; *nach fheudar dhuinn falbh?*; *tha e nas fhallaine*.

§45 (ii) (g) An riochdair dàimheach àicheil *nach*<sup>f</sup> §201: *duine nach fhaca mi a-riamh*; *balach nach fhàs ach gu slaodach*; *an duine aig nach fhàg thu soraidh slàn*; *carson nach fhuirich sinn an seo a-nochd?*

§45 (iii) *d*-shèimheachadh

i. mùthadh far an tèid *dh*<sup>s</sup> a chur ri fuaimreig no ri *f*+ fuaimreag aig toiseach facail. Cleachdar *d*-shèimheachadh an dèidh na leanas:

10. SG *nícon* > (tro ghiorrachadh) *noco n-* > *nocho n-* > GA *cha*<sup>s</sup>(*n*<sup>f</sup>).

11. GA *nì* < GT *do-gní* 3s sg. làthaireach; *cha dèan* < GT *nocho ndén(a)* 3s sg. làthaireach. Airson ghnìomhairean neo-riaghailteach eile aig a bheil deudach toisich, faic §47 (i) (a).

§45 (iii) (a) Na riochdairean dàimheach **a**<sup>dh</sup> §199 agus **na**<sup>dh</sup> §202: *am fear a dh'itheas a sheanmhair; faodaidh e a h-eanraich òl* (≈Nicolson 1881, 13); *cuin a dh'fhalbhas tu?; an duine a dh'fhàg an t-airgead ud; fòghnaidh na dh'fhòghnas; agus naisgearan dàimheach bunasach §334, m.e. nas motha na dh'itheas mise.*

§45 (iii) (b) Am mìr caithte **do**<sup>dh</sup> §246 (i): *an do dh'òl thu cus a-raoir?; nach do dh'fhan e na b'fhaide na sin?*

§45 (iii) (c) Comharra nan riochdan neo-eisimeileach aig tràthan caithte agus measgaichte §246 (ii): *dh'atharraich an t-side; dh'fhosgail an doras gu slaodach; dh'èirinn na bu tràithe nam b'urrainn dhomh.*

§45 (iii) (d) Gu tric, an roimhear **do**<sup>dh</sup> agus a gheàrr-chruth **a**<sup>dh</sup> §356 (i) (a): *do dh'Fhionnlagh; a dh'Eilginn.*

§45 (iii) (e) Gu tric, an roimhear **de**<sup>dh</sup> agus a gheàrr-chruth **a**<sup>dh</sup> §355 (i): *de dh'uisge; a dh'èoin.*

§45 (iii) (f) An roimhear **a**<sup>dh</sup> §356 (xiii): *tha mi a' dol a dh'fhosgladh na h-uinneige; b'fheàrr leam sinn a dh'ithe an toiseach.*

## §46 Ro-leasachadh

### §46 (i) Analachadh

i. mùthadh a chuireas **h-** ri fuaimreig aig toiseach facail. Thèid **h-** a chur ri fuaimreig aig toiseach facail an dèidh na leanas:

#### §46 (i) (a) An t-ainmear

§46 (i) (a) (α) Leis an alt §50: (gin. sg. boir.) *a' dùnadh na h-uinneige; (bun. iol.) na h-aibhnichean; (tabh. iol.) anns na h-Innseachan.*

§46 (i) (a) (β) Leis an riochdair sheilbheach treas-pearsa singilte boireann **a**<sup>h</sup> §190: *a h-athair; air uairean an dèidh ar agus (bh)ur §46 (iii) (a)–(b), + b-mn.*

§46 (i) (a) (γ) Air uairean, leis an àireimh òrdail **dàrna**<sup>(h-)</sup> 7c §156: *san dàrna h-àite.*

§46 (i) (a) (δ) An dèidh an riochdair **uile** §233: *a h-uile h-oidhche.*

#### §46 (i) (b) Am buadhair

§46 (i) (b) (α) Le buadhairan càileach ro-shuidhichte §121, mar a bhitheas fo §46 (i) (a) (α), shuas: *na h-àrd-sgoiltean; Àirigh na h-Aon Oidhche.*

§46 (i) (b) (β) Leis a' mhìr cho-ghnìomhaireach **gu**<sup>h-</sup> §422 (i): *gu h-àrd; gu h-obann.*

§46 (i) (b) (γ) Leis a' mhìr àireamhail **a**<sup>h-</sup> §146 (i): *a h-aon; a h-ochd.*

§46 (i) (c) An riochdair

An dèidh a' mhìr *a*<sup>h</sup> a chleachdar ron riochdair *uile*, m.e. *a h-uile duine*.

§46 (i) (d) An dèidh mhìrean ro-ghnìomhaireach àicheil, thèid caochladh sheòrsaichean facail a mhùthadh a rèir cleachdaidh:

§46 (i) (d) (α) Air uairean, gnìomhairean an dèidh a' mhìr àicheil *na*<sup>(h-)</sup>  
§245 (ii): *na h-abraibh sin!*

§46 (i) (d) (β) Riochdairean agus buadhairean an dèidh a' mhìr àicheil  
*ni*<sup>h</sup> §245 (i) (b) + an gnìomhair *IS: ni h-eadh* 'chan eadh'; *ni h-eagal leis*.

§46 (i) (e) An dèidh naisgearan, thèid caochladh sheòrsaichean facail a mhùthadh a rèir cleachdaidh:

§46 (i) (e) (α) Gnìomhairean an dèidh an naisgeir *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h</sup>, *mana*<sup>h</sup>  
§336 (iii) (b): *nì sinn an-dràsta e, mura h-eil thu ro sgìth*; agus riochdairean pearsanta, mar an ceudna: *mura h-i a bhios a' seinn, cha tèid mi ann*.

§46 (i) (e) (β) Air uairean, riochdairean, ainmearan, buadhairean agus an co-ghnìomhair *ann* an dèidh an naisgeir *gur*<sup>(h-)</sup> §336 (iv) (b) (δ): *thuir i gur h-iad an fheadhainn a bha i a' sireadh; saoilidh mi gur h-ann Diardaoin a thig iad*.

§46 (i) (e) (γ) Buadhairean an dèidh an naisgeir *guma*<sup>h</sup> (*gur(a)*<sup>h</sup>)  
§336 (iv) (b) (δ): *guma h-amhlaidh a bhitheas e*.

§46 (i) (e) (δ) Buadhairean an dèidh an naisgeir *ge*<sup>h</sup> §334 (vi) (b), + b-n 8,  
+ an gnìomhair *IS: ge h-olc iad*.

§46 (i) (e) (ε) Air uairean, gheibhear analachadh ron chruth àithneach  
*abair* 7c §270, m.e. *h-abair sin!* (ri taobh *abair sin!*)

§46 (i) (f) Gheibhear analachadh buan ann an *Dihaoine*; *oidhche h-Aoine*  
§106 (i) (b)<sup>12</sup>.

Air uairean, ann an sgrìobhainnean nas sine, gheibhear analachadh an dèidh nan roimhearan *gu(s)* §360<sup>13</sup>; *le* §362; *ri* §368.

12. Ged nach deigheadh a sgrìobhadh san t-Sean Ghàidhlig, chaidh am mùthadh an dèidh SG *día* ann an SG *día* [*h*] *aíne dídine* §4 (ii) (b) (α), b-n 12, a sgaoileadh na b' annoiche gu GA *oidhche h-Aoine*.

13. Maireadh an t-analachadh seo san abairt *gu h-aon 's gu dhà* §360 (i), b-n 64.

§46 (ii) *t*-ro-leasachadh

i. mùthadh a chuireas *t*- ri toiseach facail.

§46 (ii) (a) Gheibhear *t*-ro-leasachadh an dèidh an uilt §50:

§46 (ii) (a) (α) Ro fhuaimreig: (bun. sg. fir) *an t-uisge*.

§46 (ii) (a) (β) Ro *sl sn sr s* + fuaimreag: (bun. sg. boir.) *an t-slàinte*; (gin. sg. fir.) *tha i a' cur an t-sneachda*; (tabh. sg. fir./boir.) *dhan t-saighdear*; *air an t-sròin*; *anns an t-sean bhaile*.

§46 (ii) (b) Gheibhear *t*- ro-leasaichte anns na leanas: *as t-earrach*; *as t-fhoghar* §106 (v) (b).

§46 (ii) (c) Ann an corra dhualchainnt, m.e. ann an Uibhist, gheibhear *t*-ro-leasaichte ro *fiach* an dèidh cruthan neo-eisimeileach agus dàimheach a' ghnìomhair *IS* §304, m.e. 's *t-fhiach a dhèanamh gu ceart*; *obair as t-fhiach a dèanamh*.

§46 (iii) Srònachadh (*n*-)

i. mùthadh a chuireas *n*- ri fuaimreig aig toiseach facail. Tachraidh srònachadh an dèidh na leanas:

§46 (iii) (a) An riochdair seilbheach ciad-phearsa iolra *ar<sup>n</sup>* §190<sup>14</sup>: *ar n-athraichean*; 's *e dotair a tha nar n-ogha*.

§46 (iii) (b) An riochdair seilbheach dàrna-phearsa iolra (*bh*)*ur<sup>n</sup>* §190<sup>15</sup>: *ur n-eachdraidh*; *na daoine a bhios nur n-aghaidh*.

§46 (iii) (c) Ann an corra abairt stèidhichte an dèidh an roimheir *air<sup>(n-)</sup>* §348: *àill air n-àill/iochd air n-iochd* 'a dheòin no a dh'aindeoin'; *uidh air n-uidh* 'ceum air cheum'; *làrna-mhàireach*; air uairean, an dèidh an roimheir (*bh*)*os* §352: *os n-ìosal*, ri taobh *os ìosal*.

§46 (iv) Co-choslachadh srònach (*n > m*)

i. mùthadh far an tèid *n* dheiridh na *m* ro *b f m p* thoisich. Tachraidh co-choslachadh srònach an dèidh na leanas:

§46 (iv) (a) An t-alt §50: (bun. sg. fir.) *am fear*; (gin. iol.) *Bealach nam Ban*.

§46 (iv) (b) An riochdair seilbheach treas-phearsa iolra *an<sup>m</sup>* §190: *am bràithrean*.

§46 (iv) (c) An roimhear *an<sup>m</sup>* §349 (i): *am measg nan daoine*; *ann am bogsa*.

§46 (iv) (d) Am mìr ceisteach *an<sup>m</sup>* §242 (i): *am biodh sin na b' fheàrr dhut?*

14. Air uairean *ar<sup>h</sup>*.

15. Air uairean *ar<sup>h</sup>*.

§46 (iv) (e) An riochdair dàimheach claon **an**<sup>m</sup> §200: *'s e siud an club dham buin mi; fuirich gus am faic mi!*

§46 (iv) (f) An naisgear **gun**<sup>m</sup> §336 (iv): *saoilidh mi gum bi turadh annfeasgar.*

§46 (iv) (g) An naisgear **mum**<sup>m</sup> §336 (ii): *feumaidh mi rudeigin a dh'itheas mi mum bàsaich mi leis an acras.*

§46 (iv) (h) An naisgear **nan**<sup>m</sup> §336 (iii) (a): *cha bhithinn na bu toilichte, nam biodh barrachd airgid agam.*

## §47 Guthachadh

### §47 (i) Dùbhradh

.i. mùthadh far an tèid connrag neo-ghuthach aig toiseach facail na connraig ghuthaich<sup>16</sup>, ged nach tèid an t-atharrachadh aithneachadh ann an sgrìobhadh.

§47 (i) (a) Thèid *t* thoisich a ghuthachadh na [d̥] ann an cruthan eisimeil-each nan gnìomhairean neo-riaghailteach *ABAIR; RACH; THIG; THOIR* §268; m.e. *an tig thu a-màireach?; na daoine dhan toir thu an t-airgead; cha tug mi dad dhaibh; nach tuirt thu halò ris? cha tubhairt; mura tèid thusa ann, càit an tèid mise?*

§47 (i) (b) Thèid *t* thoisich a dhì-analachadh (.i. [tʰ] > [t]) no a ghuthachadh (.i. > [d̥]) ann an cruthan an riochdair phearsanta *tu* (neo-bheumte agus beumte) agus *tusa* (sìnte) §186, nuair a leanas iad corra chruth gnìomhaireach: an dèidh nan dùnaidhean *~idh; ~adh; ~as*; an dèidh *chuala; cuala; chunna; faca*; an dèidh a' ghnìomhair *IS*; an dèidh *arsa*; agus gu tric an dèidh an naisgeir *agus*, m.e. *cuiridh tu ort an dreas ud, nach cuir?; chuireadh tu cuideam ort, nan itheadh tu cus; thèid agad air a leughadh, ma chuireas tu speuclairean ort; am faca tu a leithid a-riamh roimhe?; nach tu a bha math!; an tusa Iain? §187 (ii) (a).*

§47 (i) (c) 'S ann mar thoradh air dùbhradh a gheibhear GA *bheil*, cruth eisimeileach làthaireach a' ghnìomhair *BI* §268 (xi), .i. < SG *bfil* (tro dhùbhradh) < SG *fil* a thug GA *eil*, tro shèimheachadh.

Faic, cuideachd, *an-dràsta* §423 (ii), b-n 6; *a-màireach* §348 (iii), b-n 19; *sam bith* §231.

16. Airson eachdraidh a' mhùthaidh thoisich seo ann an Gàidhlig na h-Albann, faic Ó Maolalaign 1996.

## §47 (ii) Dì-ghuthachadh

i. mùthadh far an tèid connrag ghuthach aig toiseach facail na connraig neo-ghuthaich.

§47 (ii) (a) Ann an corra dhualchainnt, m.e. ann an Uibhist agus ann am Barraigh, thèid cruth goirid an riochdair sheilbhich dàrna-pearsa singilte *do*<sup>s</sup> §190 (i) a dhì-ghuthachadh, .i. *d'* > *t'*, m.e. *t' athair*.

§47 (ii) (b) Ann an Leòdhas<sup>17</sup>, gu tric, gheibhear [*p<sup>h</sup>(r<sup>j</sup>)*] thoisich, seach [*b<sup>h</sup>(r<sup>j</sup>)*], ro fhuaimreig ghoirid àird, m.e. *bucaid*; *briosgaid*; *briogais*; *bris*.

---

17. Air uairean, gheibhear an leasachadh seo nas fharsainghe, m.e. *putan* < B *button*; *piseach* < SG *bisech* 'fàs, meudachadh; leasachadh' (< L *bis(s)extus (dies)* 'an latha a bharrachd ann am bliadhna-leum' (Vendryes 1974–96, B-53); gheibhear dì-ghuthachadh ann am *bucaid* mar eisimpleir an Uibhist a Tuath (Iain MacDhòmhnaill, conaltradh pearsanta).

## 5 An t-Alt

### §48 Mineachadh

Chan eil ann ach an t-aon ALT (aig a bheil am bun-chruth *an*) anns a' Ghàidhlig agus thèid a chleachdadh gus ainmear neo-dheimhinnte (m.e. *cat*) a dhèanamh deimhinnte (.i. *an cat*): *'s e sin an cat a chuala mi fad na h-oidhche; leis an fhìrinn innse; dè cho fada 's a bhios tu aig an taigh?*

### §49 Aonta

Aontaichidh an t-alt ri a ainmear aig ceithir ìrean: bidh cruth an uilt an urra ri UIMHIR (singilte, deise no iolra) §57, TUISEAL (bunasach, ginideach no tabhartach<sup>1</sup>) §64, GNÈ (fireann no boireann) §61, agus ri ciad litir a ainmeir<sup>2</sup>; agus bidh an t-alt ag atharrachadh a chruth dhan rèir.

### §50 Cruth

		SINGILTE	
	FIREANN	BOIREANN	
BUN.	{	<p><i>an</i> sa h-uile h-àite † ach</p> <p><i>am</i> ro <i>b f m p</i></p> <p><i>an t-</i> ro fhuaimreig</p>	<p><i>an</i> sa h-uile h-àite ach</p> <p><i>a's</i> ro <i>b c g m p</i></p> <p><i>an's</i> ro <i>f</i></p> <p><i>an t-</i> ro <i>sl sn sr s</i> + fuaimreag</p>
GIN.	{	<p><i>an</i> sa h-uile h-àite ach</p> <p><i>a's</i> ro <i>b c g m p</i></p> <p><i>an's</i> ro <i>f</i></p> <p><i>an t-</i> ro <i>sl sn sr s</i> + fuaimreag</p>	<p><i>na</i> sa h-uile h-àite ach</p> <p><i>na h-</i> ro fhuaimreig</p>
		FIREANN AGUS BOIREANN	
TABH.	{	<p><i>an</i> sa h-uile h-àite ach</p> <p><i>a's</i> ro <i>b c g m p</i></p> <p><i>an's</i> ro <i>f</i></p> <p><i>an t-</i> ro <i>sl sn sr s</i> + fuaimreag</p> <p>An dèidh roimheir agus fuaimreag aig an deireadh aige:</p> <p>~<i>n</i> sa h-uile h-àite ach</p> <p>~<i>n's</i> ro <i>b c g m p</i> agus <i>f</i></p> <p>~<i>n t-</i> ro <i>sl sn sr s</i> + fuaimreag</p>	

†Tha an riochd *a's* cumanta an-diugh san tuiseal bhunasach fhìreann ro *ciad*: *a' chiad fhear* (ri taobh *an ciad fhear*) §155.

1. Anns an tuiseal ghairmeach, 's e am mìr gairmeach *a's* a chleachdar ron ainmear §69.

2. No ciad litir buadhair a thèid a shuidheachadh ron ainmear §121.

## DEISE

	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>an</i>	
GIN.	<i>an</i>	<i>na</i> sa h-uile h-àite ach <i>na h-</i> ro fhuaimreig †
TABH.	<i>an</i>	

†Tha *an* cumanta an-diugh, gu h-àraidh ann an cainnt.<sup>3</sup>

## IOLRA

	FIREANN	BOIREANN
BUN.	{	<i>na</i> sa h-uile h-àite ach <i>na h-</i> ro fhuaimreig
GIN.		<i>nan</i> sa h-uile h-àite ach <i>nam</i> ro <i>b f m p</i>
TABH.		<i>na</i> sa h-uile h-àite ach <i>na h-</i> ro fhuaimreig

3. Bheir Somhairle MacGill-Eain iomradh air *Sgùrr Dubh an Dà Bheinn* na dhàn 'An Cuilithionn' (Whyte 2011, 49; Earr. II, sr. 51; coim. Forbes 1923, 325; SGURR DUBH AN DA-BHEINN). B' e *in* a chleachdte anns gach gnè is anns gach tuiseal san uimhir dheise san t-Sean Ghàidhlig, agus molaidh Calder (1972, 121) gur h-e sean chruth deise an uilt a chithear na leithid *clann an dà mhnà*, seach *clann na dà mhnà*. A' leantainn riaghailt fhoirmeil an latha an-diugh airson ainmearan boireann, chithear *Sgùrr Dubh na Dà Bheinn* gu tric a-nis, m.e. Drummond 2007, 86.

## §51 Eisimpleirean le ainmear

	FIREANN	SINGILTE
BUN.	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>an</i></li> <li><i>am</i></li> <li><i>an t-</i></li> </ul>	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>an cat; an gàrradh; an doras; an taigh; an leabhar; an neach; an rathad; an sluagh; an sneachd; an sruthan; an solas; an sgealb; an smal; an spòrs; an stùr</i></li> <li><i>am balach; am fear; am mac; am peann</i></li> <li><i>an t-aran; an t-each; an t-ìm; an t-òran; an t-uisge</i></li> </ul>
	BOIREANN	
BUN.	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>an</i></li> <li><i>a's</i></li> <li><i>an<sup>s</sup></i></li> <li><i>an t-</i></li> </ul>	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>an ad; an eaglais; an inntinn; an oifis; an uair; an deoch; an tìr; an làmh; an naidheachd; an rìoghachd; an sgait; an smùid; an spaid; an stàit</i></li> <li><i>a' bhròg; a' chathair; a' ghrian; a' mhadainn; a' phiuthar</i></li> <li><i>an fhuil; an fhreagairt</i></li> <li><i>an t-slàinte; an t-sròn; an t-sràid; an t-sùil</i></li> </ul>
	FIREANN	
GIN.	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>an</i></li> <li><i>a's</i></li> <li><i>an<sup>s</sup></i></li> <li><i>an t-</i></li> </ul>	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>cùl an arain; ceann an eich; ag ithe an ime; deireadh an òrain; teas an uisge; cùl an dorais; a' glanadh an taighe; toiseach an leabhair; obair an neach; ceann an rathaid; ceann an sgeilb; dath an smail; mòran spòrsa; cus stùir</i></li> <li><i>càr a' bhalaich; spòg a' chait; feans a' ghàrraidh; athair a' mhic; bàrr a' phinn</i></li> <li><i>taigh an fhir; airson an fhradhairc</i></li> <li><i>beachd an t-shuaigh; a' cur an t-sneachda; a' leum an t-sruthain; sgàil an t-solais</i></li> </ul>
	BOIREANN	
GIN.	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>na</i></li> <li><i>na h-</i></li> </ul>	{ <ul style="list-style-type: none"> <li><i>bonn na bròige; cùl na cathrach; ag òl na dighe; dath na fala; ciall na freagairt; blàths na grèine; cùl na làimhe; aithris na maidne; a' gabhail na naidheachd; caraid na peathar; beartas na rìoghachd; ceann na sgaite; math na slàinte; cus smùide; cas na spaide; bonn na sràide; tuill na sròine; ceannard na stàite; clach na sùla; dreach na tìre</i></li> <li><i>crùn na h-aide; tìr na h-eaglaise; cor na h-inntinne; bòrd na h-oifise; an dèidh na h-uarach</i></li> </ul>

## FIREANN AGUS BOIREANN

TABH.	}	<i>an</i>	{ (f.) <i>anns an aran; leis an each; leis an ìm; anns an òran; anns an uisge; aig an doras; aig an taigh; anns an leabhar; ris an neach; air an rathad; leis an sgealb; leis an smal; anns an spòrs; anns an stùr; (b.) anns an aid; anns an eaglais; leis an inntinn; anns an oifis; air an uair; leis an deoch; air an tìr; anns an làimh; leis an naidheachd; anns an rìoghachd; air an sgait; leis an smùid; leis an spaid; aig an stàit</i>
		<i>a's</i>	{ (f.) <i>aig a' bhalach; air a' chat; anns a' ghàrradh; aig a' mhac; leis a' pheann; (b.) air a' bhròig; anns a' chathair; anns a' ghrèin; anns a' mhadainn; aig a' phiuthar</i>
		<i>an<sup>s</sup></i>	{ (f.) <i>ris an fhear; leis an fhradhar; (b.) anns an fhuil; leis an fhreagairt</i>
		<i>an t-</i>	{ (f.) <i>ris an t-sluagh; anns an t-sneachd; anns an t-sruthan; leis an t-solas; (b.) air an t-slàinte; anns an t-sròin; air an t-sràid; leis an t-sùil</i>

An dèidh roimhearan agus fuaimreag aig an deireadh aca:

TABH.	}	<i>~n †</i>	{ (f.) <i>fon adhar; tron eabar; mun inneal; dhan ogha; bhon uan, mun doras; ron tarbh; fon làr; mun nàmhaid; bhon rìgh; bhon sgàthan; fon smal; dhan speur; bhon stùr; (b.) fon aid; tron eaglais; mun iolaire; dhan oifis; bhon uaimh; mun deoch; ron tìde; fon làimh; mun nathair; bhon rìoghachd; mun sgait; fon smùid; fon spaid; ron strì</i>
		<i>~n<sup>s</sup> †</i>	{ (f.) <i>fon bhonn; bhon chothrom; fon gheata; dhan mhaighstir; mun phasgan; den fhalt; (b.) fon bhròig; bhon chaillich; fon ghrèin; dhan mhadainn; mun phiuthar; den fhuil</i>
		<i>~n t- †</i>	{ (f.) <i>don t-slugan; mun t-sneachd; don t-sruth; bhon t-saighdear; (b.) don t-slàinte; mun t-snathaid; don t-srùbaig; bhon t-sabaid</i>

†No leis an alt air a ath-dhùblachadh: *fon an adhar; fon a' bhonn; don an t-slugan* 7c §24 (ii).

## DEISE

## FIREANN

BUN.	}	<b>an</b>	}	<i>an dà each; an dà thaigh 7c</i>
GIN.				<i>air muin an dà eich; aig ceann an dà thaighe 7c</i>
TABH.				<i>ris an dà each; anns an dà thaigh 7c</i>

## BOIREANN

BUN.	<b>an</b>	<i>an dà bhròig; an dà làimh 7c</i>
GIN.	<b>na</b>	<i>bonn na dà bhròige; cùl na dà làimhe 7c</i>
TABH.	<b>an</b>	<i>anns an dà bhròig; air an dà làimh 7c</i>

## IOLRA

## FIREANN AGUS BOIREANN

BUN.	}	<b>na</b>	<i>na balaich; na cait; na brògan; na làmhan 7c</i>
		<b>na h-</b>	<i>na h-eich; anns na h-oifisean 7c</i>
GIN.	}	<b>nan</b>	<i>a' ruith nan each; beachd nan daoine; comhairle nan eaglaisean 7c</i>
		<b>nam</b>	<i>obair nam bàrd; a' glanadh nam brògan; cnoc nam faoileagan 7c</i>
TABH.	}	<b>na</b>	<i>aig na balaich; ris na cait; anns na brògan; air na làmhan 7c</i>
		<b>na h-</b>	<i>ris na h-eich; anns na h-oifisean 7c</i>

§52 Eisimpleirean le *alt*<sup>4</sup> + *ainmear* + *buadhair*<sup>5</sup>

## SINGILTE

FIREANN		BOIREANN	
AN TUISEAL BUNASACH			
<i>am balach</i>	<i>beag</i>	<i>a' bhiast</i>	<i>dhubh</i>
<i>am fear</i>	<i>beag</i>	<i>a' chathair</i>	<i>chofhurtail</i>
<i>am mac</i>	<i>sona</i>	<i>a' ghualann</i>	<i>ghoirt</i>
<i>am peann</i>	<i>dearg</i>	<i>a' mhaighdeann</i>	<i>bhrèagha</i>
<i>an t-aran</i>	<i>cruaidh</i>	<i>a' phòg</i>	<i>mhilis</i>
<i>an t-each</i>	<i>glas</i>	<i>an fheusag</i>	<i>fhada</i>
<i>an t-ìm</i>	<i>buidhe</i>	<i>an t-Sàbaid</i>	<i>shàmhach</i>
<i>an t-ogha</i>	<i>breugach</i>	<i>an t-slàinte</i>	<i>mhath</i>
<i>an t-uan</i>	<i>beag</i>	<i>an t-sròn</i>	<i>cham</i>
<i>an cat</i>	<i>dubh</i>	<i>an t-sràid</i>	<i>fhada</i>
<i>an doras</i>	<i>dùinte</i>	<i>an ad</i>	<i>mhòr</i>
<i>an gàrradh</i>	<i>brèagha</i>	<i>an deoch</i>	<i>bheag</i>
<i>an latha</i>	<i>fada</i>	<i>an eaglais</i>	<i>bhreac</i>
<i>an naomh</i>	<i>caol</i>	<i>an iolaire</i>	<i>fhiadhaich</i>
<i>an radan</i>	<i>carach</i>	<i>an làmh</i>	<i>dhearg</i>
<i>an sionnach</i>	<i>seòlta</i>	<i>an nathair</i>	<i>gheal</i>
<i>an taigh</i>	<i>dorch</i>	<i>an oidhche</i>	<i>fhada</i>
<i>an saighdear</i>	<i>claidhte</i>	<i>an rioghachd</i>	<i>bheartach</i>
<i>an sneachd</i>	<i>geal</i>	<i>an tè</i>	<i>bheag</i>
<i>an sruth</i>	<i>mall</i>	<i>an ulaidh</i>	<i>phriseil</i>

## AN TUISEAL GINIDEACH

<i>thar a' bhalaich</i>	<i>bhig</i>	<i>thar na h-aide</i>	<i>mòire</i>
<i>thar a' chait</i>	<i>dhuibh</i>	<i>thar na h-eaglaise</i>	<i>brice</i>
<i>thar a' ghàrraidh</i>	<i>bhrèagha</i>	<i>thar na h-iolaire</i>	<i>fadhaich</i>
<i>thar a' mhic</i>	<i>shona</i>	<i>thar na h-oidhche</i>	<i>faide</i>
<i>thar a' phinn</i>	<i>dheirg</i>	<i>thar na h-ulaidhe</i>	<i>priseil</i>
<i>thar an fhir</i>	<i>bhig</i>	<i>thar na bèiste</i>	<i>duibhe</i>
<i>thar an t-sionnaich</i>	<i>sheòlta</i>	<i>thar na cathrach</i>	<i>cofhurtail</i>

4. Le riochd cumanta an uilt anns gach liosta (*an, na* no *nan*) aig bonn na liosta. Sgaraidh clò trom clàon/clò clàon cruthan eadar-dhealaichte an uilt ri chèile.

5. i. am buadhair càileach iar-shuidhichte §110.

<i>thar an t-saighdeir</i>	<i>chlaoidhte</i>	<i>thar na dighe</i>	<i>bige</i>
<i>thar an t-sneachda</i>	<i>ghil</i>	<i>thar na feusaige</i>	<i>faide</i>
<i>thar an t-srutha</i>	<i>mhaill</i>	<i>thar na guailne</i>	<i>goirte</i>
<i>thar an arain</i>	<i>chruaidh</i>	<i>thar na làimhe</i>	<i>deirge</i>
<i>thar an dorais</i>	<i>dhùinte</i>	<i>thar na maighdinn</i>	<i>brèagha</i>
<i>thar an eich</i>	<i>ghlais</i>	<i>thar na nathrach</i>	<i>gile</i>
<i>thar an ime</i>	<i>bhuidhe</i>	<i>thar na pòige</i>	<i>milse</i>
<i>thar an latha</i>	<i>fhada</i>	<i>thar na rìoghachd</i>	<i>beartaiche</i>
<i>thar an naoimh</i>	<i>chaoil</i>	<i>thar na Sàbaide</i>	<i>sàmhaiche</i>
<i>thar an ogha</i>	<i>bhreugaich</i>	<i>thar na tè</i>	<i>bige</i>
<i>thar an radain</i>	<i>charaich</i>	<i>thar na slàinte</i>	<i>maithè</i>
<i>thar an taighe</i>	<i>dhuirch</i>	<i>thar na sròine</i>	<i>caime</i>
<i>thar an uain</i>	<i>bhig</i>	<i>thar na sràide</i>	<i>faide</i>

## AN TUISEAL TABHARTACH

<i>air a' bhalach</i>	<i>bheag</i>	<i>air a' bhèist</i>	<i>dhuibh</i>
<i>air a' chat</i>	<i>dhubh</i>	<i>air a' chathair</i>	<i>chofhurtail</i>
<i>air a' ghàrradh</i>	<i>bhrèagha</i>	<i>air a' ghualainn</i>	<i>ghoirt</i>
<i>air a' mhac</i>	<i>shona</i>	<i>air a' mhaighdinn</i>	<i>bhrèagha</i>
<i>air a' pheann</i>	<i>dhearg</i>	<i>air a' phòig</i>	<i>mhilis</i>
<i>air an fhear</i>	<i>bheag</i>	<i>air an fheusaig</i>	<i>fhada</i>
<i>air an t-sionnach</i>	<i>sheòlta</i>	<i>air an t-Sàbaid</i>	<i>shàmhaich</i>
<i>air an t-saighdear</i>	<i>chlaoidhte</i>	<i>air an t-slàinte</i>	<i>mhaith</i>
<i>air an t-sneachd</i>	<i>gheal</i>	<i>air an t-sròin</i>	<i>chaim</i>
<i>air an t-sruth</i>	<i>mhall</i>	<i>air an t-sràid</i>	<i>fhada</i>
<i>air an aran</i>	<i>chruaidh</i>	<i>air an aid</i>	<i>mhòir</i>
<i>air an doras</i>	<i>dhùinte</i>	<i>air an deoch</i>	<i>bhig</i>
<i>air an each</i>	<i>ghlas</i>	<i>air an eaglais</i>	<i>bhric</i>
<i>air an ìm</i>	<i>bhuidhe</i>	<i>air an iolaire</i>	<i>fhiadhaich</i>
<i>air an latha</i>	<i>fhada</i>	<i>air an làimh</i>	<i>dheirg</i>
<i>air an naomh</i>	<i>chaol</i>	<i>air an nathair</i>	<i>ghil</i>
<i>air an ogha</i>	<i>bhreugach</i>	<i>air an oidhche</i>	<i>fhada</i>
<i>air an radan</i>	<i>charach</i>	<i>air an rìoghachd</i>	<i>bheartaich</i>
<i>air an taigh</i>	<i>dhorch</i>	<i>air an tè</i>	<i>bhig</i>
<i>air an uan</i>	<i>bheag</i>	<i>air an ulaidh</i>	<i>phrìseil</i>

## DEISE

## AN TUISEAL BUNASACH

*an dà bhalach bheag an dà chaileig bhig*

## AN TUISEAL GINIDEACH

*thar an dà bhalaich bhig thar na dà chaileige bige*

## AN TUISEAL TABHARTACH

*air an dà bhalach bheag air an dà chaileig bhig*

## IOLRA

## AN TUISEAL BUNASACH

<i>na h- arain</i>	<i>chruaidhe</i>	<i>na h- adan</i>	<i>mòra</i>
<i>na h- eich</i>	<i>ghlasa</i>	<i>na h- eaglaisean</i>	<i>breaca</i>
<i>na h- imeannan</i>	<i>buidhe</i>	<i>na h- iolairean</i>	<i>fiadhaich</i>
<i>na h- oghaichean</i>	<i>breugach</i>	<i>na h- oidhcheannan</i>	<i>fada</i>
<i>na h- uain</i>	<i>bheaga</i>	<i>na h- ulaidhean</i>	<i>priseil</i>
<i>na balaich</i>	<i>bheaga</i>	<i>na biastan</i>	<i>dubha</i>
<i>na cait</i>	<i>dhubha</i>	<i>na cathraichean</i>	<i>cofhurtail</i>
<i>na dorsan</i>	<i>dùinte</i>	<i>na deochannan</i>	<i>beaga</i>
<i>na fir</i>	<i>bheaga</i>	<i>na feusagan</i>	<i>fada</i>
<i>na gàrraidhean</i>	<i>brèagha</i>	<i>na guailnean</i>	<i>goirte</i>
<i>na làithean</i>	<i>fada</i>	<i>na làmhan</i>	<i>dearga</i>
<i>na mic</i>	<i>shona</i>	<i>na maighdinnean</i>	<i>brèagha</i>
<i>na naoimh</i>	<i>chaola</i>	<i>na nathraichean</i>	<i>geala</i>
<i>na pinn</i>	<i>dhearga</i>	<i>na pògan</i>	<i>milis</i>
<i>na radain</i>	<i>charach</i>	<i>na rìoghachdan</i>	<i>beartach</i>
<i>na sionnaich</i>	<i>sheòlta</i>	<i>na Sàbaidean</i>	<i>sàmhach</i>
<i>na taighean</i>	<i>dorcha</i>	<i>na tràighean</i>	<i>beaga</i>
<i>na saighdearan</i>	<i>claidhte</i>	<i>na slàinte</i>	<i>matha</i>
<i>na sneachdan</i>	<i>geala</i>	<i>na sròin(t)ean</i>	<i>cama</i>
<i>na sruthan</i>	<i>malla</i>	<i>na sràidean</i>	<i>fada</i>

## AN TUISEAL GINIDEACH

<i>thar nam balach</i>	<i>beaga</i>	<i>thar nam biastan</i>	<i>dubha</i>
<i>thar nam fear</i>	<i>beaga</i>	<i>thar nam feusagan</i>	<i>fada</i>
<i>thar nam mac</i>	<i>sona</i>	<i>thar nam maighdinnean</i>	<i>brèagha</i>
<i>thar nam peann</i>	<i>dearga</i>	<i>thar nam pògan</i>	<i>milis</i>
<i>thar nan aran</i>	<i>cruaidhe</i>	<i>thar nan adan</i>	<i>mòra</i>

<i>thar</i>	<i>nan each</i>	<i>glasa</i>	<i>thar</i>	<i>nan eaglaisean</i>	<i>breaca</i>
<i>thar</i>	<i>nan imeannan</i>	<i>buidhe</i>	<i>thar</i>	<i>nan iolairean</i>	<i>fiadhaich</i>
<i>thar</i>	<i>nan oghaichean</i>	<i>breugach</i>	<i>thar</i>	<i>nan oidhcheannan</i>	<i>fada</i>
<i>thar</i>	<i>nan uan</i>	<i>beaga</i>	<i>thar</i>	<i>nan ulaidhean</i>	<i>prìseil</i>
<i>thar</i>	<i>nan cat</i>	<i>dubha</i>	<i>thar</i>	<i>nan cathraichean</i>	<i>cofhurtail</i>
<i>thar</i>	<i>nan dorsan</i>	<i>dùinte</i>	<i>thar</i>	<i>nan deochannan</i>	<i>beaga</i>
<i>thar</i>	<i>nan gàrraidhean</i>	<i>brèagha</i>	<i>thar</i>	<i>nan guailnean</i>	<i>goirte</i>
<i>thar</i>	<i>nan làithean</i>	<i>fada</i>	<i>thar</i>	<i>nan làmhan</i>	<i>dearga</i>
<i>thar</i>	<i>nan naomh</i>	<i>caola</i>	<i>thar</i>	<i>nan nathraichean</i>	<i>geala</i>
<i>thar</i>	<i>nan radan</i>	<i>carach</i>	<i>thar</i>	<i>nan rìoghachdan</i>	<i>beartach</i>
<i>thar</i>	<i>nan sionnach</i>	<i>seòlta</i>	<i>thar</i>	<i>nan Sàbaidean</i>	<i>sàmhach</i>
<i>thar</i>	<i>nan taighean</i>	<i>dorcha</i>	<i>thar</i>	<i>nan tràighean</i>	<i>beaga</i>
<i>thar</i>	<i>nan saighdearan</i>	<i>claidhte</i>	<i>thar</i>	<i>nan slàintean</i>	<i>matha</i>
<i>thar</i>	<i>nan sneachdan</i>	<i>geala</i>	<i>thar</i>	<i>nan sròin(t)ean</i>	<i>cama</i>
<i>thar</i>	<i>nan sruthan</i>	<i>malla</i>	<i>thar</i>	<i>nan sràidean</i>	<i>fada</i>

## AN TUISEAL TABHARTACH

<i>air</i>	<i>na h-arain</i>	<i>chruaidhe</i>	<i>air</i>	<i>na h-adan</i>	<i>mòra</i>
<i>air</i>	<i>na h-eich</i>	<i>ghlasa</i>	<i>air</i>	<i>na h-eaglaisean</i>	<i>breaca</i>
<i>air</i>	<i>na h-imeannan</i>	<i>buidhe</i>	<i>air</i>	<i>na h-iolairean</i>	<i>fiadhaich</i>
<i>air</i>	<i>na h-oghaichean</i>	<i>breugach</i>	<i>air</i>	<i>na h-oidhcheannan</i>	<i>fada</i>
<i>air</i>	<i>na h-uain</i>	<i>bheaga</i>	<i>air</i>	<i>na h-ulaidhean</i>	<i>prìseil</i>
<i>air</i>	<i>na balaich</i>	<i>bheaga</i>	<i>air</i>	<i>na biastan</i>	<i>dubha</i>
<i>air</i>	<i>na cait</i>	<i>dhubha</i>	<i>air</i>	<i>na cathraichean</i>	<i>cofhurtail</i>
<i>air</i>	<i>na dorsan</i>	<i>dùinte</i>	<i>air</i>	<i>na deochannan</i>	<i>beaga</i>
<i>air</i>	<i>na fir</i>	<i>bheaga</i>	<i>air</i>	<i>na feusagan</i>	<i>fada</i>
<i>air</i>	<i>na gàrraidhean</i>	<i>brèagha</i>	<i>air</i>	<i>na guailnean</i>	<i>goirte</i>
<i>air</i>	<i>na làithean</i>	<i>fada</i>	<i>air</i>	<i>na làmhan</i>	<i>dearga</i>
<i>air</i>	<i>na mic</i>	<i>shona</i>	<i>air</i>	<i>na maighdinnean</i>	<i>brèagha</i>
<i>air</i>	<i>na naoimh</i>	<i>chaola</i>	<i>air</i>	<i>na nathraichean</i>	<i>geala</i>
<i>air</i>	<i>na pinn</i>	<i>dhearga</i>	<i>air</i>	<i>na pògan</i>	<i>milis</i>
<i>air</i>	<i>na radain</i>	<i>charach</i>	<i>air</i>	<i>na rìoghachdan</i>	<i>beartach</i>
<i>air</i>	<i>na sionnaich</i>	<i>sheòlta</i>	<i>air</i>	<i>na Sàbaidean</i>	<i>sàmhach</i>
<i>air</i>	<i>na taighean</i>	<i>dorcha</i>	<i>air</i>	<i>na tràighean</i>	<i>beaga</i>
<i>air</i>	<i>na saighdearan</i>	<i>claidhte</i>	<i>air</i>	<i>na slàintean</i>	<i>matha</i>
<i>air</i>	<i>na sneachdan</i>	<i>geala</i>	<i>air</i>	<i>na sròin(t)ean</i>	<i>cama</i>
<i>air</i>	<i>na sruthan</i>	<i>malla</i>	<i>air</i>	<i>na sràidean</i>	<i>fada</i>

## §53 Co-rèir an uilt

## §53 (i) Suidheachadh

Thig an t-alt air beulaibh a ainmeir no ro bhuidheachadh §121 ron ainmeir: *an cat*; *an treas latha*; *an còigeamh Rìgh Seumas*; *anns an t-sean bhaile*.

## §53 (ii) Ainmearan sònraichte no air an comharradh le riochdairean

Cha chleachdar an t-alt ro na leanas:

§53 (ii) (a) Ainmeir sònraichte aig nach eil alt mar-thà §56 (ii): *Mòrag*; *Fionnlagh*; *Glaschu*; *Nì Math*.

§53 (ii) (b) Ainmeir air a chomharradh le riochdair seilbheach §190: *le mo dhà làimh*; *chan fhaca mi a leithid*.

§53 (ii) (c) Ainmeir sònraichte air a chomharradh le riochdair sònrachaidh: *Calum seo*; *Màiri ud* – ach *an t-Urramach MacLeòid ud* §211 (i) (b).

§53 (iii) *càch*; *gach*; *uile*

Cha chleachdar an t-alt leis an riochdair *càch* §217, ged a bhios e deimhinnte a thaobh brìghe: *bha esan a-muigh ach bha càch aig an taigh*; *an dèidh chàich*; no ron bhuidheachadh *gach* §227: *bha fear anns gach àite*; agus, mar as trice, cha chleachdar an t-alt ro *uile* (m.e. *a h-uile duine*) ach nuair a bhios dreuchd ainmeir iolra aig an fhacal §233 (i): *bha na h-uile an sàs anns a' phròiseact*.

§53 (iv) *tìr-mòr* agus abairtean co-cheangailte

Cha chleachdar an t-alt leis an ainmeir *tìr-mòr* §62 (vi), no leis na h-abairtean roimhearail *thar chuain*; *aig muir*; *air tìr*; *air fàire*.

## §53 (v) Dreuchdan

Cha chleachdar an t-alt le ainmearan nan dreuchdan an còmhghar ri ainmean pearsanta aon-eileamaideach §100 (ii) + b-n 11: *Alasdair Tàilleir*; *Dòmhnall Gobha*; gin. *croit Alasdair Thàilleir*; *taigh Dhòmhnail Ghobha*.

## §53 (vi) Ainmearan ro ainmearan ginideach

§53 (vi) (a) Ged a bhios ainmeir deimhinnte – anns na leanas, *ceann* – agus e a' comharradh ainmeir eile san tuiséal ghinideach (*bùird*), cha chleachdar an t-alt leis: *ceann bùird*; *ceann a' bhùird*<sup>6</sup>.

§53 (vi) (b) Ann an sreath de dh'ainmearan, gach fear a' comharradh an fhìr na dhèidh ann an suidheachadh ginideach, cha nochd alt ach ron ainmeir mu dheireadh (coim. §72 (i) (a)): *doras talla na h-eaglaise*; *madainn Latha na Bliadhna Ùire*; agus cha nochd idir ma bhios an t-ainmeir mu dheireadh

6. Cleachdar an t-aon structar ri seo le *brod* 'an nì as fheàrr': *tha brod na croite aige*; *rinn i òraid mholaidd ann am brod na Gàidhlig*.

sònraichte mar-thà: *earball* cù *Seonaig*; *oghaichean* teaghlach *Sheumais*; *taobh tuath* *Stèisean Pheairt*; *muinntir Dhùn Èideann*; *Àirigh Ceann Loch an Tairbeirt*.

§53 (vi) (c) Tha mura-bhithean rin lorg ann an ainmean-àite far an tèid riaghailtean co-rèir a bhriseadh §104 (v). Airson ainmean dhaoine, faic §101 (iii).

#### §54 Cleachdadh an uilt

Thèid an t-alt a chleachdadh mar a leanas:

##### §54 (i) Deimhinneachd

Gus ainmear a dhèanamh deimhinnte, m.e. 's e seo *an rud as fheàrr leam*.

##### §54 (ii) Riochdairean sònrachaidh

Le riochdairean sònrachaidh §211, m.e. *air an latha seo*; *an leabhar sa*; *an rathad sin*; *am film ud*.

##### §54 (iii) Structaran seilbheach le *aig*

Leis an structar sheilbheach le *aig* §345 (viii) (b), m.e. 's e seo *an càr agam*; *an duine aice*; *a' bhean agam*; *a' chlann againn*.

##### §54 (iv) Riochdairean ceisteach

Leis na riochdairean ceisteach *cò* agus *dè* §235, m.e. *cò am fear a tha sin? dè an seòrsa as fheàrr leat?*; ach *cò eile?* §224.

##### §54 (v) Ainmearan eas-cruthach

Le ainmearan eas-cruthach §56 (v), m.e. *an fhìrinn*; *an gaol*; *a' bheatha*; *am bàs*; *ghabh e an cùram*; *an cinne-daonna*; *an t-slàinte*; *an donas*.

##### §54 (vi) *òigridh*; *uabhas*

Leis na h-ainmearan *òigridh* §56 (iii): *bidh an òigridh math air sin*; agus *uabhas* san t-seagh 'meud': *tha an t-uabhas stuth ann*.

##### §54 (vii) Buadhairean ro-shuidhichte

Le ainmearan agus buadhairean ro-shuidhichte àraidh aca: 's e sin *an dearbh rud a tha a dhìth orm*; *an ceart dhuine*; *an t-aon duine*; *can halò ris an ath dhuine a thig a-steach!*; *bha an dearg chuthach air*.

##### §54 (viii) Ainmearan seòrsach

Le ainmear a tha air fear de sheòrsa àraidh: *mac-an-duine*; *air an deoch*; *cho sona ris an rìgh*; *ag ithe mar na beathaichean*; *chan eil càil innte ach na cnàmhan*; *a' chiad uair a chaidh mi dhan sgoil*; *dhan oilthigh*; *choisich iad chun na h-eaglaise*; *chaith i seachdain san ospadal*; *tha am biadh deiseil*; *brìgh nam faical*.

##### §54 (ix) Prìsean, meudan 7c

Le ìrean prìsean, mheudan 7c: £1 *an duine*; 50sg *am mìle*; làn *na spàine teatha*.

## §54 (x) Sloinnidhean

Le sloinnidhean ann an ~*ach* §91 (i) (b), §99, far a bheil iad deimhinnte: *an Caimbeulach* (*Caimbeul*); *an Dòmhnallach* (*MacDhòmhnail*); *am Brusach* (*Brus*). Tha seo stèidhichte air an aon chleachdadh 's a gheibhear ann an *an t-Albannach*; *an t-Ìleach*; *am Bacach* (.i. duine bhon Bhac) 7c; ach neo-dheimhinnte: *b' e Caimbeulach a bh' ann*.

## §54 (xi) Dùthchannan

Le ainmean na cuid a motha de dhùthchannan 7c: *a' Chuimrigh*; *an Fhraing*; *a' Ghearmailt*; *an Roinn Eòrpa*<sup>7</sup>. Anns na leanas, nochdaidh an t-alt san tuiseal ghinideach a-mhàin:

BUN.	<i>Alba b.</i>	<i>Èirinn b.</i>
GIN.	<i>na h-Albann</i>	<i>na h-Èireann</i>
TABH.	<i>Albainn</i>	<i>Èirinn</i>

## §54 (xii) Cànan

Le ainmean nan cànan: *a' Ghàidhlig*; *a' Bheurla*; *a' Bheurla Ghallta* no *an Albais*; *an Fhraingis*; *a' Ghearmailtis*.

## §54 (xiii) Galaran

Le ainmean nan galaran: *a' bhreac*; *a' phlàigh*; *an cnatan*; *a' ghriùthlach*; *an dèideadh*.

## §54 (xiv) Ainmean nam bailtean

Le corra ainm baile §104 (iii): *an Gearasdan*; *an Ròimh*.

## §54 (xv) Amannan na bliadhna

Le mìosan, ràithean agus fèillean na bliadhna §106 (iv)–(v): *am Faoilleach*; *an Gearran*; *an t-earrach*; *an samhradh*; *an Nollaig*; *a' Chàisg*.

## §54 (xvi) Tiotalan

Le tiotalan §103 (ii): *an t-Urramach MacLeòid*; *an t-Ollamh Robasdan*; *an t-Athair Ailean MacDhòmhnail*; *an Dr MacAmhlaigh* (ri taobh *Dr MacAmhlaigh*).

## §54 (xvii) Àireamhan òrdail

Ro na h-àireamhan òrdail §154: *b' e siud a' chiad uair a dh'fheuch mi e*; *an dàrna latha den Chèitean*.

---

7. Eisimpleirean gun an t-alt: *Ameireaga*; *Sasainn*; *Nirribhidh*.

## 6 An t-Ainmear

### §55 Mineachadh

Tha AINMEAR na ainm air duine no air nì, m.e. *boireannach; balach; bòrd; doras*. Faodaidh ainmearan a bhith aon chuid FIREANN no BOIREANN §61; aon chuid SINGILTE, DEISE no IOLRA §57; agus aon chuid BUNASACH, GINIDEACH, TABHARTACH no GAIRMEACH §64.

### §56 Seòrsa

Tha diofar sheòrsaichean ainmearan ann:

#### §56 (i) Cumanta

Ainmear cumanta, a tha na ainm air rudeigin bitheanta, m.e. *boireannach; cat; bròg; sùil; aran; taigh*.

#### §56 (ii) Sònraichte

Ainmear sònraichte, a tha na ainm air duine, air àite no air rudeigin àraidh, m.e. *Mòrag; Seumas; Glaschu; BBC ALBA; an Gearasdan* §54 (xiv).

#### §56 (iii) Trusaidh

Ainmear trusaidh, a tha na ainm air còmhlan de rudan a ghabhas cunntadh, m.e. *clann; muinntir; òigridh; crodh; dream; eunlaith; gràisg* §59 (i) (a), b-n 2.

#### §56 (iv) Meud

Ainmear meud, a tha na ainm air meud de rudeigin nach gabh cunntadh, m.e. *falt; feur; bainne; uisge; gainmheach*.

#### §56 (v) Eas-cruthach

Ainmear eas-cruthach, a tha na ainm air rudeigin nach cluinn, nach fhaic agus ris nach bean duine, m.e. *an fhirinn; an t-slàinte; am bàs; a' bheatha; a' chogais* 7c – seach *bòrd; doras* 7c a tha nan ainmearan cruthach.

#### §56 (vi) Fillte

Ainmear fillte, air a dhèanamh à barrachd air aon fhacal, m.e. *taigh-beag; cailleach-dhubh; trom-laighe* §86.

#### §56 (vii) Gnìomhaireach

Ainmear gnìomhaireach §251, m.e. *dèanamh; iarraidh; ithe; tuigsinn; bruidhinn*.

### §57 Uimhir

#### §57 (i) Mìneachadh

'S e UIMHIR an àireamh a bhios ann de rudeigin. Gu tric, gheibhear cruthan eadar-dhealaichte aig ainmearan a tha SINGILTE (far nach bi ann ach aonan), DEISE (far am bi a dhà ann) agus IOLRA (far am bi barrachd air a dhà ann).

## §57 (ii) Aonta

Bidh an t-alt §48 agus am buadhair càileach iar-shuidhichte §110 ag aontachadh ri uimhir an ainmeir: (sg.) *am balach beag*; (iol.) *na balaich bheaga*.

§57 (iii) *beatha*

Le riochdair seilbheach §190 iolra, cleachdar am facal *beatha* san uimhir shingilte: *chaill iad uile am beatha*.

## §58 An dèidh àireamhan agus iomadaichean

§58 (i) *fichead* 7c; *ceud*; *mìle*; *mìlleann*; *bìlleann* 7c; *leth-cheud* 7c

Bidh ainmearan san uimhir shingilte an dèidh nan àireamhan *fichead*; *trithead* 7c §145 (ii) + b-n 11, §147 (iii) (b); *ceud*; *mìle*; *mìlleann*; *bìlleann* 7c; *leth-cheud* 7c: *fichead duine*.

## §58 (ii) Àireamhan iomchuir

Bidh corra ainmear san uimhir shingilte nuair a thèid an cleachdadh le àireamhan iomchuir, m.e. *trì duine deug*; *ceithir nota deug*; *seachd caora fichead*.

§58 (iii) *latha*; *bliadhna*

Mar as trice, bidh na h-ainmearan a leanas singilte an dèidh àireamhan: *latha*; *bliadhna*: *tha seachd latha<sup>1</sup> san t-seachdain*; *ochd bliadhna a dh'aois*.

§58 (iv) *dusan*; *iomadh*; *liuthad*

Gheibhear an uimhir shingilte an dèidh nan ainmearan a leanas: *dusan* f.: *dusan ugh*; *iomadh* f.: 's *iomadh rud a chunnaic mi* §173; *liuthad*: *chan fhaca mi a liuthad duine a-riamh* §175.

## §59 Ainmearan trusaidh

## §59 (i) Ainmearan trusaidh

§59 (i) (a) Tha ainmearan trusaidh singilte ann an gràmar, ged a tha iad iolra ann am brìgh: *tha an crodh gam bleoghan*; *bha a' chlann bheag sa phàirc*; *am b' fheàrr leat an fheadhainn mhòr seo?*; *òigridh an latha an-diugh*; *tha an luchd-amhairc a' dol am meud*; *dè an seòrsa aodaich a th' ort an-diugh?*<sup>2</sup>

§59 (i) (b) Air uairean, gus a bhith a' sònrachadh aonan dhiubh seo shuas, cleachdar ainmear aon-àireamhail còmhla riutha, m.e. *beathach cruidh*; *duine cloinne*; *pìos aodaich*; no

1. No là §18 (ii).

2. Air uairean, thèid corra ainmear trusaidh, m.e. *clann* agus *feadhainn*, a làimhseachadh san tuiseal bhunasach mar ainmearan iolra: *a' chlann bheaga* (seach *a' chlann bheag*); *an fheadhainn òga* (seach *an fheadhainn òg*); cuideachd, mar as trice gabhaidh *clann* cruth iolra san tuiseal ghinideach neo-dheimhinnte, *dithis chloinne* (seach *dithis cloinne*); *leabhraichean chloinne*; ach *duine cloinne* 'pàiste'.

§59 (i) (c) Cleachdar cruth lìontach: *luchd-amhairc* > (aonan) *neach-amhairc*<sup>3</sup>; *an fheadhainn seo* > (aonan) *am fear seo* f.; *an tè seo* b.

§59 (ii) Àireamhan pearsanta

Tha na h-àireamhan pearsanta uile singilte ann an gràmar: *dithis*; *triùir* 7c §144.

§59 (iii) *briogais*; *triubhas*; *siosar*

Tha na h-ainmearan *briogais* b., *triubhas* f.<sup>4</sup> agus *siosar* f./b. uile singilte ann an gràmar (ged a tha iad iolra anns a' Bheurla).

§59 (iv) *buntàta*

Tha an t-ainmear *buntàta* f. singilte ann an gràmar, ach aon chuid singilte no iolra ann am brìgh, a rèir co-theags.<sup>5</sup>

## §60 Ainmearan meud

§60 (i) Iar-leasachain

Air uairean, cleachdar iar-leasachain §89 le ainmearan meud gus cruthan aon-àireamhail a dhèanamh: *falt* > *fuiltean*; *feur* > *feòirmean*; *gràin* > *gràinne*<sup>6</sup>, *gràinneag*; *boinne* > *boinneag*;

§60 (ii) Ainmearan aon-àireamhail

No cleachdar ainmearan aon-àireamhail ginideach còmhla riutha (coim. §59 (i) (b)): *gràinne salainn* (*salann*); *boinne uisge* (*uisge*)<sup>7</sup>.

## §61 Gnè: mìneachadh is seòrsa

Tha dà ghnè ann an gràmar na Gàidhlig: FIREANN agus BOIREANN. Tha GNÈ a' beantainn ri cruith-eòlas an ainmeir agus ris a' bhuaidh a bhios aig ainmear air faicil mu thimcheall air, chan ann gu h-àraidh ri ciall an ainmeir fhèin, m.e. tha an t-ainmear *boireannach* fireann ann an gràmar ach boireann ann am brìgh §62 (vii). Bidh buaidh aig gnè air ainmear sna h-uimhreachan singilte agus deise a-mhàin.

3. Ghabhadh *fear* no *tè* cleachdadh an seo cuideachd – *fear-amhairc*; *tè-amhairc* – gus gnè an duine a chomharradh.

4. GA *briogais* < BG *breeks*; GA *triubhas* < GT *triubus*, *triús* (> BG *trews*) (Bergin 1943, 238–39).

5. Ged a chunnacas a leithid *plocan-bhuntàta* f. (le sèimheachadh, mar gum b' e ainmear iolra a bh' ann am *buntàta*, seach *plocan-buntàta* §88 (ii) (b)).

6. *Gràinne*, le iar-leasachan nach eil ann an cleachdadh tuilleadh.

7. Far am bi *uisge* a' ciallachadh 'farsaingeachd de dh'uisge, mar a tha ann an loch', gheibhear an cruth iolra, *uisgeachan*: *is èiginn dha a dhol sìos air ball do dh'uisgeachan Iòrdain agus e fhèin a nighe annta a chum a bhith air a leigheas* (≈ *Fear-tathaich Mìosail I*, 119).

## §62 Gnè: eachdraidh is tuiteamas

## §62 (i) An dà ghnè

Mar as trice, tha ainmearan aon chuid fireann no boireann, ach tha caochladh eisimpleir ann far a bheil iad fireann no boireann a rèir dualchainnt.

## §62 (ii) A' ghnè neodrach

San t-Sean Ghàidhlig, bha an treas gnè ann: NEODRACH. Aon uair is gun do thòisich seo air teireachdainn tron naoidheamh linn agus tron deicheamh linn LC, thàinig air ainmearan na gnè seo a bhith aon chuid fireann no boireann, ach cha deach seo a dhèanamh air an aon dòigh anns a h-uile suidheachadh. Mar thoradh air seo, tha eisimpleirean anns a' Ghàidhlig far am bi ainmear aon chuid fireann no boireann, m.e. *doire* (SG *dair* b., ach ?neodrach na bu tràithe, *DIL*); *dìth* (SG *dìth* neod.); *cumhachd* (SG *cumachtae* neod., na b' anmoiche fireann/boireann).<sup>8</sup>

## §62 (iii) Ag atharrachadh gnè

Air uairean, chaidh gnè facail atharrachadh bho bhoireann gu fireann, no a chaochladh, gun fhios dhuinn an-diugh carson, m.e. *nead* (GT *net* f., na b' anmoiche fireann/boireann), *dealbh* f./b. (SG *delb* b., na b' anmoiche fireann/boireann), agus iad an dà chuid fireann agus boireann an-diugh.

## §62 (iv) Ath-mhìneachadh

Ann an corra eisimpleir, is iongantach mura h-ann air ath-mhìneachadh a chaidh gnè ainmeir atharrachadh, m.e. chaidh GT *canamain* b. (coim. GE *canamhain* b.) na *cànain* b. gu riaghailteach ann an Gàidhlig na h-Albann, ach feumaidh e bhith gun deach an dùnadh ~*ain* [a<sub>ɪ</sub>] na ~*an* [an] (.i. *cànan*) le cùl-chinntinn ann am beul cuid den t-sluagh, agus na ainmear fireann an dèidh ainmearan eile aig a bheil an dùnadh meanbhach ~*an* §93 (i).

## §62 (v) Eugsamhlachadh ann am facail-iasaid

Tha gu leòr fhacal-iasaid às a' Bheurla do nach deach gnè àraidh a shònrachadh agus leis am faighear an-diugh gnè seach gnè a rèir dualchainnt agus, is dòcha, ginealach, m.e. *consairt*; *pròiseact*; *pàirt*; *eaconamaidh*; *factaraidh*.

## §62 (vi) Gnè a rèir tuiseil

Ann an cuid de dhualchainntean, atharraichidh gnè anns na h-ainmearan a leanas a rèir tuiseil: (bun. fir.) *am muir glas* ~ (gin. boir.) *na mara glaise*; (bun. fir.) *an talamh cruaidh* ~ (gin. boir.) *na talmhainn cruaidhe*.<sup>9</sup> Tha am facal *tìr*

8. Airson luìrg eile air a' ghnè neodrach sa Ghàidhlig an-diugh, faic §187 (iv).

9. Bha SG *muir* neodrach no fireann, na b' anmoiche boireann; tha am facal *muir* uile-gu-lèir fireann ann an corra dhualchainnt ann an Gàidhlig na h-Albann an-diugh. Bha SG *talam* neodrach, na b' anmoiche fireann no boireann.

boireann ann an Gàidhlig na h-Albann (*tìr mhòr*), ach tha am facal fireann sna h-abairtean *tìr-mòr* ‘mòr-roinn’ agus *teachd-an-tìr* ‘beòshlaint’.<sup>10</sup>

§62 (vii) Gnè nam facal a rèir gnè an nì a shònraichear  
 ‘S ann fireann ann an gràmar a tha a’ chuid as motha de dh’fhacail a bhuineas ri daoine agus ri beathaichean a tha de ghnè fhìreann, agus boireann ann an gràmar a’ chuid as motha de dh’fhacail a bhuineas ri daoine agus ri beathaichean a tha de ghnè bhoireann, m.e. *amadan* f. ~ *òinseach* b.; *reithe* f. ~ *caora* b.; ach tha corra mhura-bhith ann: *am boireannach* f.; *an t-agh* f.; *am mart* f.; *an sgalach*<sup>11</sup> b.<sup>12</sup> An dèidh sin a ràdh, bheirear luaidh air daoine is beathaichean a rèir an gnè corporra: *am boireannach* (f.) a *bha a* (b.) *balach tinn*. Bheirear luaidh air soithichean-mara (*soitheach* f./b.; *bàta* f.) mar gur h-ann boireann a bha iad: *am bàta ud* (f.), *chaidh i* (b.) *fodha san stoirm*.

### §63 A’ sònrachadh gnè nan ainmearan

Aithnichear gnè ainmeir air chaochladh dhòigh:

#### §63 (i) Cruth

##### §63 (i) (a) Fireann

§63 (i) (a) (α) Ainmearan a bhuineas do Rang I §76: *cat*; *tarbh*; *bodach*; *doras*; agus do Rang II (f.) §78: *taigh*; *ugh*.

§63 (i) (a) (β) Ainmearan aig a bheil an dùnadh ~*an* [an] §93 (i): *aran*; *beagan*; *cuilean*; *Cailean*.

§63 (i) (a) (γ) Ainmearan eas-cruthach aig a bheil na dùnaidhean ~*as* §90 (ii): *toileachas*; *binneas*; *dorchadas*; *dànadas*; cuideachd ~*s*: *sgìths*; *blàths*; *lùths*; agus ~*ad* §90 (iii), agus cruth ceum buadhach a’ bhuadhair air a stèidheachadh air a’ bhuadhair choimeasach §142: *lughad*; *dorrada*; *giorrada* (ach *bòidhchead* b.).

§63 (i) (a) (δ) Ainmearan ionaid aig a bheil na dùnaidhean ~*ach* §91 (i): *clèireach*; *marcach*; ~*iche* §91 (ii): *stùiriche*; *maraiche*; ~*air* §91 (iv): *dorsair*; *bràmair* §81 (iv); ~*amh* §91 (vi): *flaitheamh*; *britheamh*; ~*adair* §91 (v): *seòladair*; *fuaradair*; ~*aire* §91 (iii): *teachdaire*; *breugaire*.

10. Bha SG *tìr* neodrach (coim. Watson 1932, 382, s.v. *teachd-an-tìr*), na b’ anmoiche fireann no boireann. Tha na h-abairtean *tìr-mòr* agus *teachd-an-tìr* do-chlaonaidh.

11. *Sgalag* ‘fear-obrach no searbhant (gu h-àraidh air an talamh)’ < SG *scolóc* b. (< *scol* ‘sgoil’ + ~*óc* ‘-ag’ §93 (ii)) ‘sgoilear (gu h-àraidh ann am manachainn); gille naoimh; fear-gabhail (aig an eaglais)’ (*DIL*).

12. ‘S iongantach mura h-ann fo bhuidh ciall an ainmeir fhèin a chaidh GA *cailin* ‘maighdeann, nighean’ na ainmear boireann; ‘s ann fireann a bha SG *cailín* §93 (iv).

§63 (i) (a) (ε) Ainmearan gnìomhaireach aig a bheil na dùnaidhean ~*adh*  
 §252 (ii) (a): *bualadh*; *dùnadh*; *ciallachadh*; ~*amh* §252 (ii) (c): *dèanamh*;  
*caitheamh*; *feitheamh*.

§63 (i) (b) Boireann

§63 (i) (b) (α) Ainmearan a bhuineas do Rang II (b.) §77: *làmh*; *ciall*;  
*banais*; *madainn*.

§63 (i) (b) (β) Ainmearan aig a bheil an dùnadh ~*ag* [ak] §93 (ii): *cluasag*;  
*nighneag*; *duilleag*; *Mòrag*<sup>13</sup>.

§63 (i) (b) (γ) Ainmearan eas-cruthach ioma-lideach aig a bheil an dùnadh  
 ~*achd*<sup>14</sup> §90 (i): *beannachd*; *bàrdachd*; *teachdaireachd*.

§63 (i) (b) (δ) Ainmearan eas-cruthach aig a bheil dùnadh ann an ~*e*  
 dheiridh chaoil, air an stèidheachadh air buadhairean §90 (iv): *doille* (<  
*dall*); *deirge* (< *dearg*).

§63 (i) (b) (ε) Ainmearan gnìomhaireach aig a bheil na dùnaidhean ~*t*  
 §252 (ii) (n), m.e. *tachairt*; *iomairt*; *freagairt*<sup>15</sup>; ~*ich* §252 (ii) (g): *gàireachd-  
 aich*; *cagarsaich*; *gleadhraich*; ~*ail* [alʲ] §252 (ii) (b): *togail*; *leagail*; *rànail*;  
 ~*achd* §252 (ii) (d): *èisteachd*.

§63 (ii) Ciall

§63 (ii) (a) Fireann

§63 (ii) (a) (α) A rèir gnè an duine no a' bheathaich a tha ga shònrachadh:  
*balach*; *tarbh*; ach faic §62 (vii), shuas.

§63 (ii) (a) (β) Buadhairean datha a chleachdar mar ainmearan, m.e. *gorm*;  
*buidhe*; *dubh*: *na leugh thu* An Dubh is an Gorm *le Iain Mac a' Ghobhainn?*

§63 (ii) (a) (γ) Buadhairean a chleachdar mar ainmearan trusaidh §56 (iii),  
 m.e. *dall*; *bochd*; *marbh*: *èiridh na mairbh*.

§63 (ii) (a) (δ) Buidhnean àraidh de dh'ainmearan a rèir am brìghe: na  
 dùilean: *teine*; *adhar*; *uisge*; *talamh* §62 (vi); ach *ùir* b.; na ràitheachan:  
*earrach*; *geamhradh*; *samhradh*; *foghar* §106 (v); làithean na seachdaine:  
*Dimàirt* 7c §106 (i); gràinean: *eòrna*; *coirc*; *arbhar*; *innseanach*; ach  
*cruithneachd* b.; glasraichean: *curran*; *buntàta*; *càl*; deochannan: *uisge-  
 beatha*; *leann*; fiodh craoibhe: *giuthas*; *beith*; *darach*.

13. Ach *aiseag* fireann, ged a thèid a chleachdadh air uairean mar ainmear boireann tro cho-rèiteachadh.

14. Tha *cumhachd* fireann no boireann.

15. Ach *diobhairt* fireann.

## §63 (ii) (b) Boireann

§63 (ii) (b) (α) A rèir gnè an duine no a' bheathaich a tha ga shònrachadh: *nighean; bò*; ach faic §62 (vii), shuas.

§63 (ii) (b) (β) Ainmearan fillte ann am *ban-* 7c (*bean* b.; §85 (i)): *bana-bhuidseach; banaltram; banacharaid*.

§63 (ii) (b) (γ) Buidhnean àraidh de dh'ainmearan a rèir am brìghe: dùthchannan: *Alba; Èirinn; a' Chuimrigh; Manainn; Sasainn; Breatainn; an Fhraing; a' Ghearmailt*; agus na roinnean *a' Chòrn; a' Bhreatainn Bheag; Alba Nuadh*; ach *Ceap Breatann* f.; innealan-ciùil: *clàrsach; piob; fìdheall; drum* f./b.; ach *bogsa* f.; mill an fhànais: *grian; gealach; planaoid; reul; rionnag*; galaran: *a' bhreac; a' phlàigh*; ach *an dèideadh* f.; *an cnatan* f.; *am fuachd* f.; craobhan: *craobh-ghiuthais; craobh-bheithe*; fèillean na bliadhna: *a' Challainn; a' Chàisg; Bealltainn; Oidhche Shamhna; an Nollaig*; ach *an Carghas* f.; *Latha Fhèill Anndrais* f. 7c §106 (iii).

## §64 Tuiseal

## §64 (i) Mineachadh

Tha TUISEAL a' ciallachadh a' chrutha no an t-suidheachaidh anns am bi ainmear, a rèir mar a thèid a chleachdadh ann an rosgrann.

## §64 (ii) Seòrsa

Tha ceithir tuisealan anns a' Ghàidhlig: BUNASACH §65, GINIDEACH §66, TABHARTACH §67 agus GAIRMEACH §69.

## §64 (iii) Aonta

Bidh an tuiseal aig alt agus aig buadhair càileach iar-shuidhichte an urra ri tuiseal an ainmeir dham buin iad §49, §112.

## §64 (iv) Riochdairean seilbheach agus riochdairean sònrachaidh

Cha ghabh riochdairean seilbheach §190 no riochdairean sònrachaidh eisimeileach §211 sèimheachadh no mùthadh, ge be dè gnè no tuiseal an ainmeir dham buin iad: *le mo dhà làimh; air an t-slighe sin*.

§65 An tuiseal bunasach<sup>16</sup>

Bidh ainmear san tuiseal bhunasach:

## §65 (i) An cùisear

Nuair a bhios e na chùisear ann an rosgrann: *tha an cù ag iarraidh a-mach; tha mo làmh chli goirt; bhuail an càr an cat; is mise Aonghas*.

16. Tha an tuiseal bunasach sa chànan an-diugh a' gabhail a-steach tuiseal ainmneach agus tuiseal cuspaireach na Sean Ghàidhlig.

## §65 (ii) Cuspair dìreach

Nuair a bhios e na chuspair dìreach: *bhuail an càr an cat*; no na choileanadh aig a' ghniomhair *IS* §307: 's i *an oidhche an oidhche, nam b' iad na fir na fir* (≈Nicolson 1881, 257).

## §65 (iii) Clàsan ainmeir ghnìomhairich

Nuair a bhios e na choileanadh cuspaireil ro-shuidhichte aig ainmear gnìomhaireach §251: *feumaidh mi mo làmhan a nighe* §253 (ii); *bu chaomh leatha an taigh geal ud a cheannach* §253 (iii); *chaidh an gunna mòr a losgadh* §253 (i); *bha i airson an càr ud a cheannach*; *tha e airson an eaglais fhàgail*; *tha agam ris am fear beag a thogail* §253 (iv) (b).

## §65 (iv) Roimhearan sìmplidh

Nuair a leanas e na roimhearan sìmplidh *gun*<sup>s</sup> §361; *seach* §370; *eadar*<sup>(s)</sup> §357; *gu(s)* §68 (ii), §360 (ii) (a): *teatha gun bhainne gun siùcar*; *fear seach fear*; *eadar na craobhan*; *gus a' bhùth*.

§65 (v) *gu ruige*

Nuair a leanas e an roimhear fillte *gu ruige* §360 (viii) + b-n 70: *choisich iad gu ruige an t-allt*.

## §65 (vi) Co-ghnìomhairean

Anns na gnàthasan-cainnt *tha e shuas an staidhre*; *ruith e a-mach an rathad*; air uairean, gheibhear a leithid *chaidh i a-steach an doras*, *seach a-steach air an doras*; *dh'èalaidh e a-null an t-sràid*, *seach a-null air an t-sràid*.

## §66 An tuiséal ginideach

Bidh ainmear san tuiséal ghinideach nuair a bhios e an eisimeil ainmeir eile, .i.

## §66 (i) Seilbh

Nuair a leanas e ainmear gus seilbh a nochdadh: *taigh Sheumais*; *màthair Mòraig*; *ceann an locha*; *mullach na beinne*.

## §66 (ii) Ainmearan gnìomhaireach

§66 (ii) (a) Nuair a leanas e ainmear gnìomhaireach mar choileanadh cuspaireil §253 (iv) (a)(α): *a' sgrìobhadh na litreach*; *a' càradh na leapa*; *a' buain na mònachd*.

§66 (ii) (b) Mar as trice an-diugh, 's e riochd bunasach a bhios aig ainmearan singilte neo-dheimhinnte an dèidh ainmearan gnìomhaireach: *a' sgrìobhadh litir* (seach *a' sgrìobhadh litreach*); *a' càradh leabaidh* (seach *a' càradh leapa*); *a' buain mòine* (seach *a' buain mònachd*<sup>17</sup>).

17. Ann an corra dhualchainnt, gheibhear *a' buain mhònadh*, le sèimheachadh, mar gur

§66 (ii) (c) Bidh riochd ginideach fhathast, ge-tà, aig ainmearan iolra neo-dheimhinnte an dèidh ainmearan gnìomhaireach: *a' togail thaighean*; *a' dràibheadh chàraichean*; *a' teagasg chloinne* §59 (i) (a), b-n 2.

§66 (iii) Roimhearan fillte ainmearach

Nuair a leanas e roimhear fillte agus ainmear aig an deireadh aige §340 (iv): *an dèidh na dìnnearach mòire*; *air beulaibh an taighe ghil*; *air chùl na làimhe cli*; *airson Ghlaschu*.

§66 (iv) Ainmearan fillte

§66 (iv) (a) Nuair a leanas e ainmear ann an ainmear fillte fosgailte §88: *cearc-fhraoich*; *luchd-turais*; *àite-fuirich*.

§66 (iv) (b) Nuair a leanas e ainmear a chomharraicheas e mar bhuidhe: *planaichean leasachaidh*; *latha samhraidh*.

§66 (v) Roimhearan sìmplidh

Nuair a leanas e na roimhearan sìmplidh *thar*<sup>s</sup> 'thairis air' §373, *trid* 'tro' §376: *thar na beinne*; *trid an dorais*.

Airson *chun* §68 (ii), §360 (ii) (b); *cleas* §354; *rè* §367.

### §67 An tuiseal tabhartach

Bidh ainmear san tuiseal thabhartach

§67 (i) Roimhearan sìmplidh

Nuair a leanas e a' chuid as motha de roimhearan sìmplidh: *à(s)*, *air*, *aig*, *(bh)o*<sup>s</sup>, *de*<sup>dh</sup>, *do*<sup>dh</sup>, *fo*<sup>s</sup>, *le*, *mu*<sup>s</sup>, *ro*<sup>s</sup>, *tre*<sup>s</sup> agus *tro*<sup>s</sup> §340: *às mo làimh*; *leis a' chaillich*.

§67 (ii) Roimhearan fillte co-ghnìomhaireach

Nuair a leanas e roimhear fillte agus roimhear sìmplidh aig an deireadh aige §340 (iv): *tarsainn air*; *còmhla ri*: *còmhla ris a' chaileig*.

### §68 Tuiseal an dèidh *mar*<sup>s</sup> agus *gu*(s)

An dèidh nan roimhearan sìmplidh *mar* agus *gu*(s), bidh tuiseal mar a leanas:

§68 (i) *mar*<sup>s</sup>

GUN AN T-ALT: tabhartach  
*mar chaillich*

LEIS AN ALT: bunasach  
*mar a' chailleach*

§68 (ii) *gu*(s)

GUN AN T-ALT	LEIS AN ALT		
<i>gu</i> + tabhartach	<i>gus</i> + bunasach	<i>gu</i> + tabhartach	<i>chun/thun</i> + ginideach

h-e ainmear iolra a bh' ann am *mòine*.

*gu crìch*| *gus a' chrìoch**gun chrìch**chun na crìche***§69 An tuiseal gairmeach**

Bidh ainmear san tuiseal ghairmeach an dèidh a' mhìr ghairmich *a<sup>s</sup>*, nuair a dh'èighear air cuideigin no air rudeigin: *trobhad, a Sheumais!*; *ciamar a tha thu, a Mhàiri?*; *a Thì Mhòir!*

**§70 An abairt ainmearach****§70 (i) Aonta**

Tha ainmear, còmhla ri a alt agus buadhair càileach sam bith a bhios leis, na aonad a thaobh tuiseil, .i. bidh an t-aonad air fad anns an aon tuiseal, m.e. (bun. sg. fir.) *am balach beag*; (gin. sg. fir.) *càr a' bhalaich bhig*.

**§70 (ii) Buadhairean ro-shuidhichte**

Ma thig buadhair air thoiseach air ainmear, ge-tà, chan atharraich cruth a' bhuadhair. Anns na leanas, thèid *dubh* agus *binn*, a bhios nan laighe an dèidh an ainmeir, a mhùthadh a rèir gnè agus tuiseal an ainmeir, ach chan atharraich na buadhairean *sean(n)* §121 (iii), b-n 10, agus *nua(dh)* §121 (i), b-n 9, a thig air thoiseach air an ainmear:

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>an seann taigh-dubh</i>	<i>an nua-bhàrdachd bhinn</i>
GIN.	<i>ri taobh an t-seann taigh(e)-dhuibh</i>	<i>a rèir na nua-bhàrdachd binne</i>
TABH.	<i>anns an t-seann taigh-dhubh</i>	<i>anns an nua-bhàrdachd bhinn</i>

Airson cruth an uilt §50; cruth a' bhuadhair §111; ainmearan fillte §86.

**§71 Tuiteamas mùthaidh anns an ainmear**

Ged nach eil cruth sònraichte aig a h-uile h-ainmear airson gach tuiseil, faodar mùthadh fhaighinn ann an cruth an ainmeir mar a leanas:

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	×	×
GIN.	✓	✓
TABH.	×	✓
GAIRM.	✓	×
DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	×	✓
GIN.	✓	✓

TABH.	×	✓
GAIRM.	✓	✓
IOLra	FIREANN	BOIREANN
BUN.	✓	✓
GIN.	✓	✓
TABH.	✓	✓
GAIRM.	✓	✓

Eisimpleir le *balach* f. agus *caileag* b.

SINGILTE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balach beag</i> <i>am balach beag</i>	<i>caileag bheag</i> <i>a' chaileag bheag</i>
GIN.	<i>taigh balaich bhig</i> <i>taigh a' bhalaich bhig</i>	<i>taigh caileige bige</i> <i>taigh na caileige bige</i>
TABH.	<i>ri balach beag</i> <i>ris a' bhalach bheag</i>	<i>ri caileig bhig</i> <i>ris a' chaileig bhig</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich bhig</i>	<i>a chaileag bheag</i>

DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>dà bhalach bheag</i> <i>an dà bhalach bheag</i>	<i>dà chaileig bhig</i> <i>an dà chaileig bhig</i>
GIN.	<i>taigh dà bhalaich bhig</i> <i>taigh an dà bhalaich bhig</i>	<i>taigh dà chaileige bige</i> <i>taigh na dà chaileige bige</i>
TABH.	<i>ri dà bhalach bheag</i> <i>ris an dà bhalach bheag</i>	<i>ri dà chaileig bhig</i> <i>ris an dà chaileig bhig</i>
GAIRM.	<i>a dhà bhalaich bhig</i>	<i>a dhà chaileig bhig</i>

IOLRA	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balaich bheaga</i> <i>na balaich bheaga</i>	<i>caileagan beaga</i> <i>na caileagan beaga</i>
GIN.	<i>taigh bhalach beaga</i> <i>taigh nam balach beaga</i>	<i>taigh chaileagan beaga</i> <i>taigh nan caileagan beaga</i>
TABH.†	<i>ri balaich bheaga</i> <i>ris na balaich bheaga</i>	<i>ri caileagan beaga</i> <i>ris na caileagan beaga</i>
GAIRM.‡	<i>a bhalacha beaga</i>	<i>a chaileagan beaga</i>

†Airson riochdan tabhartach iolra nas dualchasaiche, faic §83 (iii) (c) (β).

‡Airson riochdan gairmeach iolra nas dualchasaiche, faic §83 (iii) (d) (γ).

## §72 Bacadh air mùthadh

## §72 (i) An tuiseal ginideach

§72 (i) (a) Nuair a bhios sreath de dh'ainmearan còmhla, agus gach fear dhiubh a' comharradh an ainmeir às a dhèidh ann an suidheachadh ginideach, cha ghabh ach am fear mu dheireadh anns an t-sreath cruth ginideach: *ceann earball a' choin* (chan e \**ceann earbail a' choin*); *oir mullach a' bhùird* (chan e \**oir mullaich a' bhùird*); *airson muinntir Ghlaschu* (chan e \**airson muinntire Ghlaschu*); *a' leasachadh meadhan a' bhaile* (chan e \**a' leasachadh meadhain a' bhaile*); *a' teagasg clann an eilein* (chan e \**a' teagasg chloinne an eilein*). Tha ainmean pearsanta nam mura-bhith §101 (iii).

§72 (i) (b) Nochdaidh ainmearan buadhaireach §66 (iv) (b) fhathast ann an cruth ginideach, ged a bhios iad nam pàirt de shreath de dh'ainmearan: *a' teagasg clann-sgoile a' bhaile*; *buidheann cho-chomhairleachaidh luchd-obrach na colaiste*; *oifigear rannsachaidh na buidhne*<sup>18</sup>.

§72 (i) (c) Ro-theachdairean aig clàsan dàimheach

Chan eil e neo-chumanta nach gabh ainmeir a bhios ann an suidheachadh ginideach cruth ginideach ma bhios e na chùisear do chlàs dàimheach a leanas: *airson na balaich a chruinnich an t-airgead* (seach *airson nam balach a chruinnich an t-airgead*).

## §72 (ii) An tuiseal tabhartach

§72 (ii) (a) Air uairean, cha ghabh a' chiad ainmeir ann an sreath de dh'ainmearan cruth tabhartach, ged a bhios e ann an suidheachadh tabhartach: *aig clann na h-àrd-sgoile*; *air an làrach-lìn*; *air làrach na colaiste*.

§72 (ii) (b) Gidheadh, chan eil mùthadh iomchaidh idir neo-aithnichte an seo, gu h-àraid ann an reim fhoirmeil: *do chloinn a' bhaile*; *air an làraich-lìn*; *anns an làimh-sgrìobhainn*.

Claonadh an uilt §50; claonadh an ainmeir §74; claonadh a' bhuidhair §111.

## §73 Deimhinneachd

Tha ainmearan aon chuid DEIMHINNTE (a' sònrachadh duine no nì àraidh) no NEO-DHEIMHINNTE (a' sònrachadh duine no nì sam bith).

Bidh ainmeir deimhinnte nuair a bhios e na

---

18. .i. cuideigin as e a dhreuchd a bhith ri rannsachadh a tha ga fhasadh leis a' bhuidhinn àraidh seo. Iom-sgaraich *oifigear Rannsachadh na Gàidhlig* 'cuideigin a bhios na oifigear aig buidhinn air a bheil Rannsachadh na Gàidhlig mar ainm'.

## §73 (i) An t-alt

Ainmear air a chomharradh leis an alt §48, m.e. *am boireannach*; *aig a' bhalach*; *fon bhòrd*; *ri taobh nan dorsan*.

## §73 (ii) Ainmearan sònraichte

Ainmear sònraichte a bhios na ainm air duine no air àite àraidh §56 (ii), §94, m.e. *Dòmhnall*; *Mòrag*; *Glaschu*; *nèamh*; *ifrinn*.

## §73 (iii) Riochdairean seilbheach

Ainmear air a chomharradh le riochdair seilbheach §190, m.e. *do cheann*; *mo dhà làimh*; *a h-athair*.

## §73 (iv) Am mìr gairmeach

Ainmear air a chomharradh leis a' mhìr ghairmeach §69, m.e. *a Sheumais*; *a Mhòrag*; *a charaid*; *a ghràidh*; *a Raonaid*.

§73 (v) *gach*; *uile*

Ainmear air a chomharradh le *gach* §227 no *uile* §233, m.e. *leis gach dòchas*; *anns a h-uile h-àite*.

## §73 (vi) A' comharradh ainmear eile

Ainmear a bhios a' comharradh ainmear eile san tuiseal ghinideach, m.e. *ceann bliadhna*; *taigh Mòraig*; *làraidh Sheumais*; *muinntir Steòrnabhaigh*; *cànan nan Gàidheal*; *mullach an taighe*; *ceann an rathaid*; *oifis a' phuist*; ach gabhaidh ainmear air a leantainn le ainmear buadhaireach (san tuiseal ghinideach) a bhith neo-dheimhinnte fhathast §123 (ii) (b), m.e. *cupa tì*; *ball-coise*.

## §74 Claonadh

'S e CLAONADH an dòigh no am pàtran air am bi facal ag atharrachadh a chruth a rèir an t-suidheachaidh sam bi e ann an rosgrann. Tha ainmearan aon chuid ION-CHLAONADH §75, DO-CHLAONADH §84 no NEO-RIAGHAILTEACH §85.

## §75 Ainmearan ion-chlaonaidh

Gabhaidh ainmearan ion-chlaonaidh roinn ann an còig rangannan<sup>19</sup>, a rèir mar a bhios cruth an ainmeir ag atharrachadh san tuiseal ghinideach shingilte.

## §76 Rang I

Tha facail san rang seo uile fireann.

---

19. Buinidh na rangannan a tha seo san fharsaingeachd do na rangannan eachdraidheil mar a leanas: Rang I: bunan-*o* fireann; Rang II (b.): bunan-*ā* boireann, II (f.): bunan-*n* no bunan-*s* neodrach; Rang III: bunan-*i*; Rang IV: bunan-*u*; Rang V (i): bunan sgòrnach, (ii): bunan srònach, (iii): bunan deudach, (iv): bunan-*r* (càirdeis). Tha measgachadh de dh'ainmearan, a' gabhail a-steach ainmearan fireann buin-*io*, boireann buin-*iā* agus boireann buin-*ī*, nan ainmearan do-chlaonaidh an-diugh.

## §76 (1) Facaill aon-lideach

San tuiséal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh: *fear* > *fìr*:

RANG I	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>fear</i> <i>am fear</i>	<i>dà fhear</i> <i>an dà fhear</i>	<i>fìr</i> <i>na fìr</i>
GIN.	<i>fìr</i> <i>an fhìr</i>	<i>dà fhìr</i> <i>an dà fhìr</i>	<i>fhear</i> <i>nam fear</i>
TABH.	<i>fear</i> <i>an fhear</i>	<i>dà fhear</i> <i>an dà fhear</i>	<i>fìr</i> <i>na fìr</i>
GAIRM.	<i>a fhìr</i>	<i>a dhà fhìr</i>	<i>a fheara</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
a	i	<i>mic</i>
a	ai	<i>cait</i>
		<i>tarbh</i>
à	ài	<i>bàis</i>
		<i>gràdh</i>
a	oi	<i>doill</i>
		<i>Gall</i>
a	ui	<i>uillt</i>
		<i>car</i>
à	ùì	<i>cùirn</i>
ao	aoi	<i>caoil</i>
		<i>fraoch</i>
ea	i	<i>cinn</i>
ea	ei	<i>eich</i>
		<i>neart</i>
èa	èi	<i>nèimh</i>
èa	eòì	<i>geòidh</i>
eà	eàì	<i>ceàird</i>
eu	èi	<i>èig</i>
eu	eòì	<i>beòil</i>
		<i>neòil</i>
eò	iùì	<i>ciùil</i>
ia	èi	<i>fèidh</i>
		<i>iasg</i>
ia	ì	<i>bìdh (bidhe)</i>

ìo	ì	<i>lìon</i>	<i>lìn</i>
		<i>siol</i>	<i>sìl</i>
o	oi	<i>dos</i>	<i>dois (duis)</i>
ò	òi	<i>òl</i>	<i>òil</i>
o	ui	<i>cnoc</i>	<i>cnuic</i>
ò	ùì	<i>bòrd</i>	<i>bùird</i>
u	ui	<i>cur</i>	<i>cuir</i>
ù	ùì	<i>cùl</i>	<i>cùil</i>
ua	uai	<i>uan</i>	<i>uain</i>
		<i>sluagh</i>	<i>sluaigh</i>

## §76 (ii) Facail ioma-lideach

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh: *balach* > *balaich*:

RANG I	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>balach</i> <i>am balach</i>	<i>dà bhalach</i> <i>an dà bhalach</i>	<i>balaich</i> <i>na balaich</i>
GIN.	<b><i>balaich</i></b> <i>a' bhalaich</i>	<i>dà bhalaich</i> <i>an dà bhalaich</i>	<i>bhalach</i> <i>nam balach</i>
TABH.	<i>balach</i> <i>a' bhalach</i>	<i>dà bhalach</i> <i>an dà bhalach</i>	<i>balaich</i> <i>na balaich</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich</i>	<i>a dhà bhalaich</i>	<i>a bhalacha</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
a	ai	
	<i>aran</i>	<i>arain</i>
	<i>arbhar</i>	<i>arbhair</i>
	<i>bodach</i>	<i>bodaich</i>
	<i>cànan</i>	<i>cànain</i>
	<i>cladach</i>	<i>cladaich</i>
	<i>doras</i>	<i>dorais</i>
	<i>feasgar</i>	<i>feasgair</i>
	<i>gàrradh</i>	<i>gàrraidh</i>
	<i>saoghal</i>	<i>saoghail</i>
	<i>sgrìobhadh</i>	<i>sgrìobhaidh</i>
ea	ei	
	<i>britheamh</i>	<i>britheimh</i>
	<i>cineal</i>	<i>cineil</i>
ea	i	
	<i>craiceann</i>	<i>craicinn</i>
	<i>airgead</i>	<i>airgid</i>

## §77 Rang II (b.)

Tha facail san rang seo uile boireann.

## §77 (i) Facail aon-lideach

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh, fhad 's a thèid *-e* a chur ri deireadh an ainmeir: *bròg* > *bròige*:

RANG II b.	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>bròg</i> <i>a' bhròg</i>	<i>dà bhròig</i> <i>an dà bhròig</i>	<i>brògan</i> <i>na brògan</i>
GIN.	<i>bròige</i> <i>na bròige</i>	<i>dà bhròige</i> <i>na dà bhròige</i>	<i>bhrògan</i> <i>nam brògan</i>
TABH.	<i>bròig</i> <i>a' bhròig</i>	<i>dà bhròig</i> <i>an dà bhròig</i>	<i>brògan</i> <i>na brògan</i>
GAIRM.	<i>a bhròg</i>	<i>a dhà bhròig</i>	<i>a bhrògan</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
a ai	<i>slat</i>	<i>slaite</i>
a oi	<i>cas</i>	<i>coise</i>
à ài	<i>làmh</i>	<i>làimhe</i>
ao aoi	<i>craobh</i>	<i>craoibhe</i>
ea ei	<i>cearc</i>	<i>circe</i>
ea ei	<i>creag</i>	<i>creige</i>
eo ei	<i>deoch</i>	<i>dighe</i>
eu èi	<i>breug</i>	<i>brèige</i>
ì ì	<i>cìr</i>	<i>cìre</i>
ia èi	<i>ciall</i>	<i>cèille</i>
ìo ì	<i>cìoch</i>	<i>cìche</i>
o ui	<i>long</i>	<i>luinge</i>
ò òi	<i>sròn †</i>	<i>sròine</i>
u ui	<i>muc</i>	<i>muice</i>
ua uai	<i>bruach</i>	<i>bruaiche</i>

†§82 (ii)

## §77 (ii) Facail ioma-lideach

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh, fhad 's a thèid an dùnadh *-e* a chur ri deireadh an ainmeir: *caileag* > *caileige*<sup>20</sup>:

20. Tha an *-e* dheiridh seo ion-teasgaidh, .i. fàgar dheth gu tric i. Tha corra eisimpleir far nach nochd i idir: *treubh*, gin. *trèibh*; *reul*, gin. *rèil*.

RANG II (b.)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>caileag</i> <i>a' chaileag</i>	<i>dà chaileig</i> <i>an dà chaileig</i>	<i>caileagan</i> <i>na caileagan</i>
GIN.	<i>caileige</i> <i>na caileige</i>	<i>dà chaileige</i> <i>na dà chaileige</i>	<i>chaileagan</i> <i>nan caileagan</i>
TABH.	<i>caileig</i> <i>a' chaileig</i>	<i>dà chaileig</i> <i>an dà chaileig</i>	<i>caileagan</i> <i>na caileagan</i>
GAIRM.	<i>a chaileag</i>	<i>a dhà chaileig</i>	<i>a chaileagan</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
a	ai	
	<i>clàrsach</i>	<i>clàrsaiche</i>
	<i>gealach</i>	<i>gealaiche</i>
	<i>òrdag</i>	<i>òrdaige</i>
ea	ei	
	<i>piseag</i>	<i>piseige</i>

## §77 (iii) Facail ioma-lideach, le teasgadh meadhain

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
a	ai	
	<i>abhainn</i>	<i>aibhne</i>
	<i>banais</i>	<i>bainnse</i>
	<i>madainn</i>	<i>maidne</i>
ua	uai	
	<i>gualann †</i>	<i>guailne</i>
–	–	<i>uilne</i>

†§82 (ii).

## §78 Rang II (f.)

Tha facail san rang seo uile fireann.

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh, fhad 's a thèid an dùnadh ~e a chur ri deireadh an ainmeir: *taigh* > *taighe*, *ugh* > *uighe*:

RANG II (f.)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>taigh</i> <i>an taigh</i>	<i>dà thaigh</i> <i>an dà thaigh</i>	<i>taighean</i> <i>na taighean</i>
GIN.	<i>taighe</i> <i>an taighe</i>	<i>dà thaighe</i> <i>an dà thaighe</i>	<i>thaighean</i> <i>nan taighean</i>
TABH.	<i>taigh</i> <i>an taigh</i>	<i>dà thaigh</i> <i>an dà thaigh</i>	<i>taighean</i> <i>na taighean</i>
GAIRM.	<i>a thaigh</i>	<i>a dhà thaigh</i>	<i>a thaighean</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
–	–	<i>ainm</i>
<b>ea</b>	<b>i</b>	<i>gleann</i>
<b>ì</b>	<b>i</b>	<i>ìm</i>
<b>ia</b>	<b>èi</b>	<i>sliabh</i>
<b>u</b>	<b>ui</b>	<i>ugh</i>
		<i>ainme</i>
		<i>glinne</i>
		<i>ime</i>
		<i>slèibhe</i>
		<i>uighe</i>

## §79 Rang III

Tha facail san rang seo aon chuid fireann no boireann.

San tuiséal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a leathannachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh, fhad 's a thèid an dùnadh ~*a* a chur ri deireadh an ainmeir: *sùil* > *sùla*:

## §79 (i) Facail aon-lideach

RANG III	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>sùil</i> b. <i>an t-sùil</i>	<i>dà shùil</i> <i>an dà shùil</i>	<i>sùilean</i> <i>na sùilean</i>
GIN.	<i>sùla</i> <i>na sùla</i>	<i>dà shùla</i> <i>na dà shùla</i>	<i>shùilean</i> ( <i>shùl</i> ) <i>nan sùilean</i> ( <i>sùl</i> )
TABH.	<i>sùil</i> <i>an t-sùil</i>	<i>dà shùil</i> <i>an dà shùil</i>	<i>sùilean</i> <i>na sùilean</i>
GAIRM.	<i>a shùil</i>	<i>a dhà shùil</i>	<i>a shùilean</i> ( <i>a shùla</i> )

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
<b>ai</b>	<b>a</b>	<i>braim</i> f.
<b>ài</b>	<b>à</b>	<i>cnàimh</i> f. <i>dàir</i> b.
<b>ei</b>	<b>a</b>	<i>greim</i> f.
<b>eòì</b>	<b>eò</b>	<i>feòil</i> b.
<b>i</b>	<b>ea</b>	<i>mil</i> b.
<b>uai</b>	<b>ua</b>	<i>buain</i> b. <i>uaimh</i> b.
<b>ui</b>	<b>o</b>	<i>druim</i> f.
<b>uì</b>	<b>a</b>	<i>fuil</i> b. <i>muir</i> b./f.†
		<i>brama</i>
		<i>cnàmha</i>
		<i>dàra</i>
		<i>grama</i>
		<i>feòla</i>
		<i>meala</i>
		<i>buana</i>
		<i>uamha</i>
		<i>droma</i>
		<i>fala</i>
		<i>mara</i> b.

†§62 (vi).

## §79 (ii) Facail ioma-lideach, le teasgadh meadhain

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
ia    ea	<i>cliamhainn</i> f.	<i>cleamhna</i>
–    –	<i>dùthaich</i> b.	<i>dùthcha</i>
–    –	<i>leabaidh</i> b.†	<i>leapa</i>
–    –	<i>gamhainn</i> f.	<i>gamhna</i>
–    –	<i>feadhainn</i> b.	<i>feadhna</i>
–    –	<i>Samhain</i> b.	<i>Samhna</i>

†GT *lepaid*, gin. *leptha*; gheibhear (bun.) *leaba*, (gin.) *leapadh*, (tabh.) *leabaidh* air uairean, tro cho-rèiteachadh ri *teanga* 7c §81 (iii) (a).

## §80 Rang IV

Tha facail san rang seo aon chuid fireann no boireann.

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an dùnadh ~*a* a chur ris an deireadh: *guth* > *gutha*:

RANG IV	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>guth</i> f. <i>an guth</i>	<i>dà ghuth</i> <i>an dà ghuth</i>	<i>guthan</i> <i>na guthan</i>
GIN.	<b><i>gutha</i></b> <i>a' ghutha</i>	<i>dà ghutha</i> <i>an dà ghutha</i>	<i>ghuthan</i> <i>nan guthan</i>
TABH.	<i>guth</i> <i>a' ghuth</i>	<i>dà ghuth</i> <i>an dà ghuth</i>	<i>guthan</i> <i>na guthan</i>
GAIRM.	<i>a ghuth</i>	<i>a dhà ghuth</i>	<i>a ghuthan</i>

## Tuilleadh eisimpleirean

MÙTHADH	BUNASACH	GINIDEACH
à    a	<i>àm</i> f.	<i>ama</i>
–    –	<i>bùth</i> b./f.	<i>bùtha</i>
ò    o	<i>ceò</i> b./f.	<i>ceotha</i>
–    –	<i>clò</i> f.	<i>clòtha</i>
–    –	<i>fion</i> f.	<i>fiona</i>
–    –	<i>fios</i> f.	<i>fiosa</i>
–    –	<i>freumh</i> f.	<i>freumha</i>
–    –	<i>gnìomh</i> f.	<i>gnìomha</i>
–    –	<i>gort</i> b.	<i>gorta</i>
–    –	<i>lagh</i> f.	<i>lagha</i>
–    –	<i>mìos</i> f./b.	<i>mìosa</i>
–    –	<i>sneachd</i> f.	<i>sneachda</i>

## §81 Rang V

Tha facail san rang seo aon chuid fireann no boireann. Buinidh bunan connragach dhan rang seo:

## §81 (i) Bunan sgòrnach

San tuiseal ghinideach shingilte, gabhaidh fuaimreag dàrna lide an ainmeir teasgadh agus thèid an dùnadh ~*ach* a chur ris an deireadh aige: *cathair* > *cathrach*:

RANG V (i)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>cathair</i> b. <i>a' chathair</i>	<i>dà chathair</i> <i>an dà chathair</i>	<i>cathraichean</i> <i>na cathraichean</i>
GIN.	<i>cathrach</i> <i>na cathrach</i>	<i>dà cathrach</i> <i>an dà cathrach</i>	<i>chathraichean</i> <i>nan cathraichean</i>
TABH.	<i>cathair</i> <i>a' chathair</i>	<i>dà chathair</i> <i>an dà chathair</i>	<i>cathraichean</i> <i>na cathraichean</i>
GAIRM.	<i>a chathair</i>	<i>a dhà chathair</i>	<i>a chathraichean</i>

Tuilleadh eisimpleirean

BUNASACH	GINIDEACH
<i>caora</i> b.	<i>caorach</i>
<i>dinnear</i> b.	<i>dinnearach, dinneir</i>
<i>iuchair</i> b.	<i>iuchrach</i>
<i>nathair</i> b.	<i>nathrach</i>

## §81 (ii) Bunan srònach

San tuiseal ghinideach shingilte, thèid an dùnadh ~*n(n)* a chur ri deireadh an ainmeir: *gobha* > *gobhann*:

RANG V (ii)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>gobha</i> f. <i>an gobha</i>	<i>dà ghobha</i> <i>an dà ghobha</i>	<i>goibhnean</i> <i>na goibhnean</i>
GIN.	<i>gobhann</i> † <i>a' ghobhann</i>	<i>dà ghobhann</i> <i>an dà ghobhann</i>	<i>ghoibhnean</i> <i>nan goibhnean</i>
TABH.	<i>gobhainn</i> <i>a' ghobhainn</i>	<i>dà ghobhainn</i> <i>an dà ghobhainn</i>	<i>goibhnean</i> <i>na goibhnean</i>
GAIRM.	<i>a ghobha</i>	<i>a dhà ghobha</i>	<i>a ghoibhnean</i>

†Cuideachd, gin. *gobhainn, gobha*, coim. §82 (ii).

## Tuilleadh eisimpleirean

BUNASACH	GINIDEACH	TABHARTACH
<i>Alba</i> b.	† <i>na h-Albann</i> ‡	<i>Albainn</i> ‡
<i>àra</i> b.	<i>àrann</i>	<i>àrainn</i>
<i>dìle</i> b.	<i>dìleann</i>	<i>dìlinn</i>
<i>Èirinn</i> b.	† <i>na h-Èireann</i>	<i>Èirinn</i>

†A thaobh cleachdadh an uilt, faic §54.

‡Tha (gin.) *na h-Alba*, (tabh.) *Alba* cumanta an-diugh; coim. (bun.) *Alba Nuadh*, (gin.) *na h-Albann Nuaidh*, (tabh.) *Albainn Nuaidh*.

## §81 (iii) Bunan deudach

Gheibhear bunan deudach (a) ann an deudach sèimhichte agus (b) ann an deudach neo-shèimhichte:

§81 (iii) (a) San tuiséal ghinideach shingilte, thèid an dùnadh ~*adh* a chur ri deireadh an ainmeir: *teanga* > *teangadh*<sup>21</sup>:

RANG V (iii) (a)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>teanga</i> b. <i>an teanga</i>	<i>dà theangaidh</i> <i>an dà theangaidh</i>	<i>teangan(nan)</i> <i>na teangan(nan)</i>
GIN.	<i>teangadh</i> † <i>na teangadh</i>	<i>dà theangadh</i> <i>na dà theangadh</i>	<i>theangan(nan)</i> <i>nan teangan(nan)</i>
TABH.	<i>teangaidh</i> <i>an teangaidh</i>	<i>dà theangaidh</i> <i>an dà theangaidh</i>	<i>teangan(nan)</i> <i>na teangan(nan)</i>
GAIRM.	<i>a theanga</i>	<i>a dhà theanga</i>	<i>a theangan(nan)</i>

†Cuideachd, (gin.) *teanga*, (tabh.) *teanga*, coim. §82 (i).

## Tuilleadh eisimpleirean

BUNASACH	GINIDEACH	TABHARTACH
<i>geòla</i> b. †	<i>geòladh</i>	<i>geòlaidh</i>
<i>lèine</i> b.	<i>lèineadh</i>	<i>lèinidh</i>
<i>mòine</i> b.	<i>mònadh</i>	<i>mònaidh</i>
<i>teine</i> f.	<i>teineadh</i>	<i>teinidh</i>

†Gu tric, bidh *geòla*, *lèine* agus *teine* do-chlaonaidh; a thaobh *mòine*, faic §82 (i).<sup>22</sup>

21. Air uairean, le leathannachadh aig deireadh bun an ainmeir: *mòine*, (gin.) *mònadh*.

22. Air uairean, dùinear lidean fosgailte san tuiséal ghinideach le ~*dh*, m.e. (Rang IV) *feòil* b., gin. *feòla*, *feòladh*; (do-chlaonaidh) *oidhche* b., (gin.) *oidhche*, *oidhcheadh*; coim. *gàrradh* (< \**gàrra*) ri taobh Earra-Ghàidheal *gàra*, *gàradh* (Cox 2007b, 58–59); agus *Tairigeadh* ri taobh *Tairigea* (< SL *Āragiǵ* ‘geodha na feamann’, Cox 1994, 46); *Bòstadh* ri taobh *Bòsta* (< SL *Bólstað* cusp. ‘[an] tuathanas’, *ibid.*).

§81 (iii) (b) San tuiséal ghinideach shingilte, thèid an litir dheiridh a leathannachadh agus an dùnadh ~*ad* a chur ri deireadh an ainmeir: *tràigh* > *tràghad*:

RANG V (iii) (b)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>tràigh</i> b. <i>an tràigh</i>	<i>dà tràigh</i> <i>an dà tràigh</i>	<i>tràighean</i> <i>na tràighean</i>
GIN.	<b><i>tràghad</i></b> † <i>na tràghad</i>	<i>dà tràghad</i> <i>na dà tràghad</i>	<i>thràighean</i> <i>nan tràighean</i>
TABH.	<i>tràigh</i> <i>an tràigh</i>	<i>dà tràigh</i> <i>an dà tràigh</i>	<i>tràighean</i> <i>na tràighean</i>
GAIRM.	<i>a tràigh</i>	<i>a dhà tràigh</i>	<i>a thràighean</i>

†Cuideachd, (gin.) *tràighe* §82 (i).

Tuilleadh eisimpleirean<sup>23</sup>

BUNASACH	GINIDEACH
<i>bràigh</i> f.	<i>bràghad</i> †
<i>nàmh, nàmhaid</i> f.	<i>nàmhad</i>

†Cuideachd, (gin.) *bràighe* §82 (i).

§81 (iv) Bunan-*r* (a' sònrachadh dàimh teaghlaich)

San tuiséal ghinideach shingilte, thèid an dùnadh ~*r* dheiridh chaol a leathannachadh: *athair* > *athar*:

RANG V (iv)	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>athair</i> f. <i>an t-athair</i>	<i>dà athair</i> <i>an dà athair</i>	<i>athraichean</i> <i>na h-athraichean</i>
GIN.	<b><i>athar</i></b> <i>an athar</i>	<i>dà athar</i> <i>an dà athar</i>	<i>athraichean</i> <i>nan athraichean</i>
TABH.	<i>athair</i> <i>an athair</i>	<i>dà athair</i> <i>an dà athair</i>	<i>athraichean</i> <i>na h-athraichean</i>
GAIRM.	<i>athair</i>	<i>a dhà athair</i>	<i>athraichean</i>

Tuilleadh eisimpleirean

BUNASACH	GINIDEACH
<i>bràmair</i> f. †	<i>bràmar</i>
<i>bràthair</i> f.	<i>bràthar</i>
<i>màthair</i> b.	<i>màthar</i>

23. Gheibhear corra eisimpleir far nach aithnichear bun deudach tùsail an ainmeir tuilleadh, m.e. GA *caraid* (GT *cara*, (gin.) *carat*, (tabh.) *carait*; coim. GE *cara*, (gin.) *carad*); GA *fichead* (GT *fiche*, (gin.) *fichet*, (tabh.) *fichit*; coim. GE *fiche*, (gin.) *fichead*). A thaobh *feamainn* b., (gin.) *feamad*, faic §82 (i), b-n 24.

<i>piuthar</i> b. ‡	<i>peathar</i>
<i>seanair</i> f.	<i>seanar</i>
<i>seanmhair</i> b.	<i>seanmhar</i>
<i>sinn-seanair</i> f.	<i>sinn-seanar</i>
<i>sinn-seanmhair</i> b.	<i>sinn-seanmhar</i>

‡'S ann à BG *brammer* 'brod an duine, brod an nì' a tha *bràmair*, ach tha e air tuiteam còmhla ri *bràthair* 7c a thaobh rang agus fuaimneachadh an dùnaidh aige.

‡San tuiseal thabhartach, thèid an *-r* dheiridh ann am *piuthar* a chaolachadh: *piuthair*; san tuiseal ghìnideach, thèid an fhuaimreag bheumte a mhùthadh: *peathar*.

## §82 Ainmearan le claonadh measgaichte

### §82 (i) Eugsamhlachadh

Buinidh corra ainmear do dh'atharrachadh rang, a rèir dualchainnt, m.e. *mòine* b., (gin.) *mòna* (Rang IV), *mònach* (Rang V (i)), *mònadh* (Rang V (iii) (b)), *mòine* (do-chlaonaidh); *treubh* b., (gin.) *trèibh* (Rang II), *treubha* (Rang IV); *tràigh* b., (gin.) *tràghad* (Rang V (iii) (a)), *tràighe* (Rang II); *teud* f., (gin.) *tèid* (Rang I), *teuda* (Rang IV)<sup>24</sup>; *dealbh* b., (gin.) *deilbhe* (Rang II), *dealbha* (Rang IV)<sup>25</sup>; *ceò* f./b., (gin.) *ceotha* (Rang IV), *ceò* (do-chlaonaidh); *arbhar* f., (gin.) *arbhair* (Rang I), *arbh(a)* (m.e. *Cnoc an Arbh*, Cox 2002, 218; *sean bhun-n*, Thurneysen 1975, 213).

### §82 (ii) Ath-shònrachadh

Gheibhear ainmearan far an tèid tuiseal claon (mar as trice tabhartach) a chleachdadh mar an tuiseal bunasach, a chionn tricealachd a' chleachdaidh. Tha seo gu math bitheanta le buill na bodhaige, m.e. (bun.) *uilinn* b. (seach *uileann*); (bun.) *sròin* b. (seach *sròn*); (bun.) *gualainn* b. (seach *gualann*); (bun.) *glùin* b. (seach *glùn*); (bun.) *cluais* b. (seach *cluas*); gu deimhinn, tha (bun.) *bois* b. (seach *bas*) nas cumanta na *bas* san tuiseal bhunasach an-diugh, ged a gheibhear *basan* fhathast san iolra.

24. Thèid GA *feamainn* b. (GT *femain*) air ais gu SG *femm* 'seòrsa feamann'. Is coltach gun tàrmaich am facal fhèin agus a riochd ginideach *feamann* ann am bunan-*n*, ach a riochdan ginideach *feamad* agus *feamnach* ann am bunan deudach agus sgòrnach, fa leth (ged a bhà *feamnach* na ainmear trusaidh sa Ghàidhlig Thràth, mar an ceudna).

25. Buinidh *dealbh* f. §82 (i), (gin.) *deilbh*, do Rang I. Is math dh'fhaodte gur h-ann an dèidh *dealbh* f. a gheibhear *sealbh* f., (gin.) *seilbh* (Rang I), ann an Gàidhlig na h-Albann; b' e facal boireann buin-*ā* a bh' ann an *selb* san t-Sean Ghàidhlig, agus tha sin ri fhaicinn fhathast san riochd bhoireann *seilbh*, (gin.) *seilbhe* (Rang II, le cruth tabhartach air a àbhaisteachadh na chruth bunasach §82 (ii)). B' e bun-chiall SG *selb*: (1) le brìgh chruthaich, 'na rudan a bhuineas do dhuine'; agus (2) le brìgh eas-cruthaich, 'a bhith a' buntainn do dhuine'. An-diugh, cleachdar an dà chuid GA *sealbh* f. agus GA *seilbh* b. a rèir ciall (2), fhad 's a chaidh ciall (1) a shineadh tro 'beartas' gu 'fortan' gu 'am freastal' an-diugh sa chruth *sealbh* f. a-mhàin, m.e. *aig an t-sealbh a tha brath*; gun *sealladh sealbh orm* §294 (iii) (a).

## §83 Ainmearan ion-chlaonaidh: geàrr-chunntas is coimeas nan cruth

## §83 (i) Singilte

§83 (i) (a) Bunasach: cruth bunaiteach an ainmeir, m.e. *fear*; *balach*; *bròg*; *caileag*; *taigh*; *sùil*; *guth*; *cathair*; *gobha*; *tràigh*; *athair*.

## §83 (i) (b) Ginideach

§83 (i) (b) (α) Rang I: ainmearan aon-lideach: thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh: *fear*, (gin.) *fir*. Ainmearan ioma-lideach: thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh: *balach*, (gin.) *balaich*.

§83 (i) (b) (β) Rang II (b.): ainmearan aon-lideach: thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh, fhad 's a thèid *~e* a chur ri deireadh an ainmeir: *bròg*, (gin.) *bròige*. Ainmearan ioma-lideach: thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh, fhad 's a thèid *~e* ion-teasgaidh a chur ri deireadh an ainmeir: *caileag*, (gin.) *caileige*.

§83 (i) (b) (γ) Rang II (f.): thèid an litir dheiridh a chaolachadh agus an fhuaimreag air thoiseach oirre a mhùthadh, fhad 's a thèid *~e* a chur ri deireadh an ainmeir: *taigh*, (gin.) *taighe*.

§83 (i) (b) (δ) Rang III: thèid an litir dheiridh chaol a leathannachadh agus an fhuaimreag bheumte a mhùthadh, fhad 's a thèid *~a* a chur ri deireadh an ainmeir: *sùil*, (gin.) *sùla*.

§83 (i) (b) (ε) Rang IV: thèid *~a* a chur ris an litir dheiridh: *guth*, (gin.) *gutha*.

§83 (i) (b) (ζ) Rang V (i): gabhaidh dàrna fuaimreag an ainmeir a theasgadh agus thèid *~ach* a chur ris an deireadh aige: *cathair*, (gin.) *cathrach*.

§83 (i) (b) (η) Rang V (ii): thèid *~n(n)* a chur ri deireadh an ainmeir: *gobha*, (gin.) *gobhann*.

§83 (i) (b) (θ) Rang V (iii) (a): thèid connrag dheiridh chaol a leathannachadh agus *~ad* a chur ri deireadh an ainmeir: *tràigh*, (gin.) *tràghad*.

§83 (i) (b) (ι) Rang V (iii) (b): thèid *~dh* a chur ri deireadh an ainmeir: *teanga*, (gin.) *teangadh*, (tabh.) *teangaidh*.

§83 (i) (b) (κ) Rang V (iv): thèid *~r* dheiridh chaol a leathannachadh: *athair*, (gin.) *athar*.

## §83 (i) (c) Tabhartach

§83 (i) (c) (α) Rang I: co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *fear*, (tabh.) *fear*; (bun.) *balach*, (tabh.) *balach*.

§83 (i) (c) (β) Rang II (b.): thèid litir dheiridh leathann a chaolachadh: (bun.) *bròg*, (tabh.) *bròig*; (bun.) *caileag*, (tabh.) *caileig*.

§83 (i) (c) (γ) Rang II (f.): co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *taigh*, (tabh.) *taigh*.

§83 (i) (c) (δ) Rang III: co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *sùil*, (tabh.) *sùil*.

§83 (i) (c) (ε) Rang IV: co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *guth*, (tabh.) *guth*.

§83 (i) (c) (ζ) Rang V (i) (iii–iv): co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *cathair*, (tabh.) *cathair*; (bun.) *tràigh*, (tabh.) *tràigh*; (bun.) *athair*, (tabh.) *athair*.

§83 (i) (c) (η) Rang V (ii): co-ionann ris an tuiseal ghinideach shingilte agus an litir dheiridh air a caolachadh: (bun.) *gobha*: (gin.) *gobhann*; (tabh.) *gobhainn*; (bun.) *Alba*: (gin.) *na h-Albann*; (tabh.) *Albainn* – ged a tha (gin.) *na h-Alba* agus (tabh.) *Alba* cumanta an-diugh.

## §83 (i) (d) Gairmeach

§83 (i) (d) (α) Rang I: co-ionann ris an tuiseal ghinideach shingilte: (bun.) *fear*, (gin.) *fìr*, (gairm.) *a fhir!*; (bun.) *balach*: (gin.) *balaich*, (gairm.) *a bhalaich!*

§83 (i) (d) (β) Rang II–V: co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun.) *bròg*, (gairm.) *a bhròg!*; (bun.) *caileag*, (gairm.) *a chaileag!*; (bun.) *taigh*, (gairm.) *a thaigh!*; (bun.) *sùil*, (gairm.) *a shùil!*; (bun.) *guth*, (gairm.) *a ghuth!*; (bun.) *cathair*, (gairm.) *a chathair!*; (bun.) *gobha*, (gairm.) *a ghobha!*; (bun.) *tràigh*, (gairm.) *a thràigh!*; (bun.) *athair*, (gairm.) *a athair!*

§83 (i) (d) (γ) Mura-bhith: *a chlanna* b., mar gum b' e ainmear iolra a bh' ann §59 (i) (a), b-n 2.

## §83 (ii) Deise

## §83 (ii) (a) Bunasach

§83 (ii) (a) (α) Fireann: co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte: (bun. sg.) *pàipear*, (bun. deis.) *dà phàipear*.

§83 (ii) (a) (β) Boireann: co-ionann ris an tuiseal thabhartach shingilte: *bròg* b.: (tabh. sg.) *bròig*, (bun. deis.) *dà bhròig*.

§83 (ii) (b) Ginideach: co-ionann ris an tuiseal ghinideach shingilte: *pàipear* f.: (gin. sg.) *pàipeir*, (gin. deis.) *am broinn an dà phàipeir*; *bròg* b.: (gin. sg.) *bròige*, (gin. deis.) *buinn na dà bhròige*.

§83 (ii) (c) Tabhartach: co-ionann ris an tuiseal thabhartach shingilte: *pàipear* f.: (tabh. sg.) *pàipear*, (tabh. deis.) *anns an dà phàipear*; *bròg* b.: (tabh. sg.) *bròig*, (tabh. deis.) *air an dà bhròig*.

§83 (ii) (d) Gairmeach

§83 (ii) (d) (α) Rang I: co-ionann ris an tuiseal ghairmeach shingilte: *balach* f.: (gairm. sg.) *a bhalaich!*, (gairm. deis.) *a dhà bhalaich!*

§83 (ii) (d) (β) Rang II b.: co-ionann ris an tuiseal thabhartach shingilte: *caileag* b.: (tabh. sg.) *caileig*, (tabh. deis.) *a dhà chaileig!*

§83 (ii) (d) (γ) Rang II f.–V: co-ionann ris an tuiseal ghairmeach shingilte: *màthair* b.: (gairm. sg.) *a mhàthair!*, (gairm. deis.) *a dhà mhàthair!*

§83 (iii) Iolra

§83 (iii) (a) Bunasach

§83 (iii) (a) (α) Bidh cruthan iolra ann an Rang I (gu h-àraidh an fheadhainn a tha aon-lideach) gu tric coltach ris an tuiseal ghinideach shingilte: *ceann* f.: (gin. sg.) *cinn*, (bun. iol.) *cinn*.

§83 (iii) (a) (β) Bidh cruthan iolra ann an Rang II–V a' gabhail dùnadh: *làmh* b. > (iol.) *làmhnan* 7c.

§83 (iii) (a) (γ) Tha na dùnaidhean iolra sa Ghàidhlig caran toinnte: air an dàrna làimh, tha corra dhòigh air iolras a nochdadh, air an làimh eile, cha chleachd dualchainntean an-còmhnaidh na h-aon chruthan.

§83 (iii) (a) (δ) San t-Sean Ghàidhlig, b' e dùnadh fuaimreagach a chleachdte sna bunan fuaimreagach (.i. Rang I–IV an seo, airson na mòr-chuid §75, b-n 19), m.e. SG *buidnea* 'buidhnean', agus dùnadh connragach (le no às aonais fuaimreig deiridh) a chleachdte sna bunan connragach (Rang V an seo, airson na mòr-chuid), m.e. SG *cathraig* 'cathraichean'. Chithear dùnaidhean fuaimreagach sa Ghàidhlig air uairean fhathast, m.e. *na h-urracha mòra* (*urra*), gu h-àraid ann an seann ainmean-àite, m.e. *na Creaga Gorma*; *na Toma Dubha*.<sup>26</sup> Tarmaichidh na dùnaidhean ~*an*, ~*annan* ann am bunan-*n*

26. Lorgadh an riochd iolra *creaga* 'còmhlán de thaighean, .i. sean chlachan'; bha e air a dhol na ainmear singilte a thaobh gràmair, (iol.) *creagannan* (Cox 2002, 57, b-n 3).

san t-Sean Ghàidhlig, agus chithear buaidh nam bunan deudach (m.e. ann an *cròitean* (*crò*)) agus nam bunan sgòrnach (m.e. ann am *bliadhnaichean* (*bliadhna*)), mar an ceudna.

§83 (iii) (a) (ε) 'S iad na dùnaidhean iolra a gheibhear sa Ghàidhlig mar as trice an-diugh: *~(e)an*; *~t(e)an*; *~achan/ichean*; *~annan*.

§83 (iii) (a) (ζ) Faodaidh dùnadh teasgadh deiridh adhbharachadh (*baile* > (iol.) *bailtean*), no caolachadh no leathannachadh san fhreumh agus mùthadh san fhuaimreig freumha (*cladach* > (iol.) *cladaichean*; *druim* > (iol.) *dromannan*). Gabhaidh facail ann an *~achaidhean* teasgadh ann an cuid de dhualchainntean, m.e. (iol.) *suidheachaidhean* (*suidheachadh*) > *suidhichean*.

§83 (iii) (a) (η) Nochdaidh ainmearan aig a bheil an t-iar-leasachan meanbhach *~an* §93 (i) aon chuid mùthadh: (sg.) *cuilean*, (iol.) *cuilein*; no dùnadh: (iol.) *cuileanan*.

§83 (iii) (a) (θ) Ann an *caraid* 'neach-dàimh; neach-eòlais' (a tha do-chlaonaidh sna h-uimhirean singilte is deise), chaidh dà chèill an fhacail a sgaradh san iolra eadar an cruth dualchasach *càirdean* 'luchd-dàimh' agus cruth ùr *caraidean* 'luchd-eòlais'. Aig *dachaigh* (Rang II (b.)) 'taigh', tha na cruthan iolra *dachaihean* agus *dachannan*.<sup>27</sup>

### §83 (iii) (b) Ginideach

§83 (iii) (b) (α) Rang I: Gu tric, cleachdar riochd an tuiseil bhunasaich shingilte an seo, gu h-àraid ann an Rang I (i): (bun. sg.) *Gall*: (gin. iol.) *triùir Ghall*; *taigh nan Gall*; (bun. sg.) *balach*: (gin. iol.) *dithis bhalach*; *athair nam balach*.

§83 (iii) (b) (β) Rang II–V: Chan eil an cleachdadh shuas cho cumanta tuilleadh am measg nan rangannan eile, far am bi coltas bunasach iolra air ainmear san tuiseal ghinideach iolra gu tric an-diugh: *cailleach*, (bun. iol.) *cailleachan*, (gin. iol.) *taigh nan cailleachan*. Gidheadh, mairidh an sean chleachdadh, gu h-àraid ann an òrain, bàrdachd, seanfhacail, ainmean-àite 7c.

§83 (iii) (b) (γ) Lorgar cruthan eachdraidheil thairis air na rangannan uile, m.e. *dath nan sùl* (seach *sùilean*; *sùil* Rang III); *tìr nam beann* (seach *beanntan*; *beinn* Rang II (b.)); *guth nan slògh* (seach *slòigh*; *sluagh* Rang I), *faing nan caorach* (seach *caoraich*; *caora* Rang V (i)).

27. 'S ann às a' cho-ghnìomhair *dhachaigh* 'do thaigh' (GT *do thig*) a thig an t-ainmear *dachaigh* §424 (i) + b-n 19.

## §83 (iii) (c) Tabhartach

§83 (iii) (c) (α) Co-ionann ris an tuiseal bhunasach iolra: (bun. iol.) *na fir*, (tabh. iol.) *aig na fir*; (bun. iol.) *mo làmhan*, (tabh. iol.) *nam làmhan*.

§83 (iii) (c) (β) Nochdaidh an seann dùnadh *-ibh* air uairean, m.e. ann an òrain, bàrdachd, seanfhacail 7c, m.e. *air uairibh* 'air uairean', agus ann an gnàthasan-cainnt àraidh, m.e. *an guailibh a chèile* 'an taic ri chèile'<sup>28</sup>; *fo gheasaibh* 'fo bhuaidh gheasan', *mar fhiachaibh* 'fo chomain'; *cuir air shùilibh dhomh e!* 'cuir an inntinn dhomh e!'; agus anns na roimhearan fillte *air beulaibh*<sup>29</sup>; *air cùlaibh*<sup>30</sup>; *an caraibh*<sup>31</sup>; agus anns a' cho-ghnìomhair *a-chianaibh*<sup>32, 33</sup>.

## §83 (iii) (d) Gairmeach

§83 (iii) (d) (α) Rang I: Co-ionann ris an tuiseal bhunasach shingilte agus *~a/~e* ri deireadh an fhacail: (bun. sg.) *fear*, (gairm. iol.) *a fheara!*; (bun. sg.) *balach*, (gairm. iol.) *a bhalacha!*

§83 (iii) (d) (β) Rang II–V: Co-ionann ris an tuiseal bhunasach iolra: (bun. iol.) *caileagan*, (gairm. iol.) *a chaileagan!*, no às aonais *~n* deiridh: *a chaileaga!*

§83 (iii) (d) (γ) Air uairean, gheibhear an dùnadh *~ibh* (bho sheann dùnadh tabhartach iolra §83 (iii) (c) (β)), m.e. *a bhalachaibh!*; *a fhearaibh mhòra!*; *a chonaibh!*

28. M.e. *clanna nan Gàidheal an guailibh a chèile* 'slòigh nan Gàidheal ann an guallean a chèile (.i. a' cur taic ri chèile)', a gheibhear, mar eisimpleir, san riochd 'Na Gàidheil an guailibh a chèile', òran a rinn Calum MacPhàrlain (à Earra-Ghàidheal is Pàislig, 1853–1931), agus san riochd *Clanna nan Gàidheal ri guailibh a chèile* san òran 'Ri Guailibh a Chèile' le Donnchadh Reid (à Cinn Tìre, 1849–1912).

29. SG *for bélib* (SG *bél* f. 'bil'; iol. 'bilean; beul'). Chithear an roimhear fillte *air beulaibh* 'ro, fa chomhair' air a sgrìobhadh *air beulaobh* air uairean (m.e. ann an Dwelly), mar gum b' ann à \**beul thaobh* a thàinig an abairt, ach 's e seann riochd tabhartach iolra a th' ann am *beulaibh* 'beòil'.

30. SG *for cùlib*; iom-sgaraich GA *air chùlaibh* 'air ais; air dheireadh' (SG *ar chùlib*).

31. < *car*: *chaidh iad nan caraibh*, .i. ghreimich iad air a chèile; *gach aon nì a thig na charaibh*, .i. a h-uile rud a thig na rathad.

32. 'bho chionn greis', < *de chianaibh* (SG *di chíanib*, air a bhonntachadh air an ainmear SG *cían* 'cian, ùine mhòr').

33. Chithear an dùnadh *~ibh* fìù 's san tuiseal bhunasach iolra air uairean, m.e. 's *tric na deòiribh a' ruith om shùilean* (≈MacKenzie 1873, 71). Airson an tuiseil ghairmich iolra, faic §83 (iii) (d) (γ).

## Rang I (i)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>mac</i>	<i>mac</i>	<i>mic</i>	<i>mic</i>	<i>mac</i>
<i>cat</i>	<i>cat</i>	<i>cait</i>	<i>cait</i>	<i>cat</i>
<i>tarbh</i>	<i>tarbh</i>	<i>tairbh</i>	<i>tairbh</i>	<i>tarbh</i>
<i>bàs</i>	<i>bàs</i>	<i>bàis</i>	<i>bàis</i>	<i>bàs</i>
<i>gràdh</i>	<i>gràdh</i>	<i>gràidh</i>	<i>gràidh</i>	<i>gràdh</i>
<i>dall</i>	<i>dall</i>	<i>doill</i>	<i>doill</i>	<i>dall</i>
<i>Gall</i>	<i>Gall</i>	<i>Goill</i>	<i>Goill</i>	<i>Gall</i>
<i>allt</i>	<i>allt</i>	<i>uillt</i>	<i>uillt</i>	<i>allt</i>
<i>car</i>	<i>car</i>	<i>cuir</i>	<i>caran</i>	<i>car</i>
<i>càrn</i>	<i>càrn</i>	<i>cùirn</i>	<i>cùirn</i>	<i>càrn</i>
<i>caol</i>	<i>caol</i>	<i>caoil</i>	<i>caoil</i>	<i>caol</i>
<i>fraoch</i>	<i>fraoch</i>	<i>fraoich</i>	<i>fraoich</i>	<i>fraoch</i>
<i>ceann</i>	<i>ceann</i>	<i>cinn</i>	<i>cinn</i>	<i>ceann</i>
<i>each</i>	<i>each</i>	<i>eich</i>	<i>eich</i>	<i>each</i>
<i>neart</i>	<i>neart</i>	<i>neirt</i>	<i>neartan</i>	<i>neart</i>
<i>nèamh</i>	<i>nèamh</i>	<i>nèimh</i>	<i>nèamhan</i>	<i>nèamh</i>
<i>gèadh</i>	<i>gèadh</i>	<i>geòidh</i>	<i>geòidh</i>	<i>gèadh</i>
<i>ceàrd</i>	<i>ceàrd</i>	<i>ceàird</i>	<i>ceàird</i>	<i>ceàrd</i>
<i>eug</i>	<i>eug</i>	<i>èig</i>	<i>èig</i>	<i>eug</i>
<i>beul</i>	<i>beul</i>	<i>beòil</i>	<i>beòil</i>	<i>beul</i>
<i>neul</i>	<i>neul</i>	<i>neòil</i>	<i>neòil</i>	<i>neul</i>
<i>ceòl</i>	<i>ceòl</i>	<i>ciùil</i>	<i>ciùil</i>	<i>ceòl</i>
<i>fiadh</i>	<i>fiadh</i>	<i>fèidh</i>	<i>fèidh</i>	<i>fiadh</i>
<i>iasg</i>	<i>iasg</i>	<i>èisg</i>	<i>èisg</i>	<i>iasg</i>
<i>biadh</i>	<i>biadh</i>	<i>bidh, bidhe</i>	<i>biadhan</i>	<i>biadh</i>
<i>lion</i>	<i>lion</i>	<i>lìn</i>	<i>lìn, lìontan</i>	<i>lion</i>
<i>siol</i>	<i>siol</i>	<i>sìl</i>	<i>sìl</i>	<i>siol</i>
<i>dos</i>	<i>dos</i>	<i>dois, duis</i>	<i>dois, duis, dosan</i>	<i>dos</i>
<i>òl</i>	<i>òl</i>	<i>òil</i>	<i>òil</i>	<i>òl</i>
<i>cnoc</i>	<i>cnoc</i>	<i>cnuic</i>	<i>cnuic</i>	<i>cnoc</i>
<i>bòrd</i>	<i>bòrd</i>	<i>bùird</i>	<i>bùird</i>	<i>bòrd</i>
<i>cur</i>	<i>cur</i>	<i>cuir</i>	<i>cuir</i>	<i>cur</i>
<i>cùl</i>	<i>cùl</i>	<i>cùil</i>	<i>cùiltean</i>	<i>cùl</i>
<i>uan</i>	<i>uan</i>	<i>uain</i>	<i>uain</i>	<i>uan</i>
<i>sluagh</i>	<i>sluagh</i>	<i>sluaigh</i>	<i>slòigh</i>	<i>sluagh</i>

## Rang I (ii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>balach</i>	<i>balach</i>	<i>balaich</i>	<i>balaich</i>	<i>balach</i>
<i>bodach</i>	<i>bodach</i>	<i>bodaich</i>	<i>bodaich</i>	<i>bodach</i>

<i>aran</i>	<i>aran</i>	<i>arain</i>	<i>arain</i>	<i>aran</i>
<i>cànan</i>	<i>cànan</i>	<i>cànain</i>	<i>cànain, cànanan</i>	<i>cànan</i>
<i>cladach</i>	<i>cladach</i>	<i>cladaich</i>	<i>cladaichean</i>	<i>cladach</i>
<i>doras</i>	<i>doras</i>	<i>dorais</i>	<i>dorais, dorsan</i>	<i>doras</i>
<i>feasgar</i>	<i>feasgar</i>	<i>feasgair</i>	<i>feasgair, feasgaran</i>	<i>feasgar</i>
<i>gàrradh</i>	<i>gàrradh</i>	<i>gàrraidh</i>	<i>gàrraidhean</i>	<i>gàrradh</i>
<i>saoghal</i>	<i>saoghal</i>	<i>saoghail</i>	<i>saoghail, saoghalan</i>	<i>saoghal</i>
<i>sgriobhadh</i>	<i>sgriobhadh</i>	<i>sgriobhaidh</i>	<i>sgriobhaidhean</i>	<i>sgriobhadh</i>
<i>britheamh</i>	<i>britheamh</i>	<i>britheimh</i>	<i>britheamhan</i>	<i>britheamh</i>
<i>cinéal</i>	<i>cinéal</i>	<i>cinèil</i>	<i>cinèalan</i>	<i>cinéal</i>
<i>craiceann</i>	<i>craiceann</i>	<i>craicinn</i>	<i>craicinn, craiceannan</i>	<i>craiceann</i>
<i>airgead</i>	<i>airgead</i>	<i>airgid</i>	<i>airgeadan</i>	<i>airgead</i>

## Rang II (b.) (i)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>slat</i>	<i>slait</i>	<i>slaithe</i>	<i>slatan</i>	<i>slat(an)</i>
<i>cas</i>	<i>cois</i>	<i>coise</i>	<i>casan</i>	<i>cas(an)</i>
<i>làmh</i>	<i>làimh</i>	<i>làimhe</i>	<i>làmhan</i>	<i>làmh(an)</i>
<i>craobh</i>	<i>craoibh</i>	<i>craoibhe</i>	<i>craobhan</i>	<i>craobh(an)</i>
<i>cearc</i>	<i>circ</i>	<i>circe</i>	<i>cearcán</i>	<i>cearc(an)</i>
<i>creag</i>	<i>creig</i>	<i>creige</i>	<i>creagan</i>	<i>creag(an)</i>
<i>deoch</i>	<i>deoch, digh</i>	<i>dighe, dibhe</i>	<i>deochannan</i>	<i>deoch(annan)</i>
<i>breug</i>	<i>brèig</i>	<i>brèige</i>	<i>breugan</i>	<i>breug(an)</i>
<i>cìr</i>	<i>cìr</i>	<i>cìre</i>	<i>cìrean</i>	<i>cìr(ean)</i>
<i>ciall</i>	<i>cèill</i>	<i>cèille</i>	<i>ciallan</i>	<i>ciall(an)</i>
<i>cìoch</i>	<i>cìch</i>	<i>cìche</i>	<i>cìochan</i>	<i>cìoch(an)</i>
<i>long</i>	<i>luing</i>	<i>luinge</i>	<i>longan</i>	<i>long(an)</i>
<i>sròn</i>	<i>sròin</i>	<i>sròine</i>	<i>srònan, sròinean, sròintean</i>	<i>sròn(an), sròinean, sròintean</i>
<i>muc</i>	<i>muic</i>	<i>muice</i>	<i>mucan</i>	<i>muc(an)</i>
<i>bruach</i>	<i>bruaich</i>	<i>bruaiche</i>	<i>bruachan</i>	<i>bruach(an)</i>

## Rang II (b.) (ii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>clàrsach</i>	<i>clàrsaich</i>	<i>clàrsaiche</i>	<i>clàrsaichean</i>	<i>clàrsaichean, clàrsach</i>
<i>gealach</i>	<i>gealaich</i>	<i>gealaiche</i>	<i>gealaichean</i>	<i>gealaichean, gealach</i>
<i>òrdag</i>	<i>òrdaig</i>	<i>òrdaige</i>	<i>òrdagan</i>	<i>òrdag(an)</i>
<i>piseag</i>	<i>piseig</i>	<i>piseige</i>	<i>piseagan</i>	<i>piseag(an)</i>

## Rang II (b.) (iii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>abhainn</i>	<i>abhainn</i>	<i>aibhne</i>	<i>aibhnichean</i>	<i>aibhnichean, abhainn</i>
<i>banais</i>	<i>banais</i>	<i>bainnse</i>	<i>bainnsean</i>	<i>bainnsean, banais</i>
<i>gualann</i>	<i>gualainn</i>	<i>guailne, gualainn</i>	<i>guailnean</i>	<i>guailnean, gualann</i>
<i>madainn</i>	<i>madainn</i>	<i>maidne</i>	<i>maidnean, madainnean</i>	<i>maidnean, madainn</i>
<i>uileann</i>	<i>uilinn</i>	<i>uilne, uilinn</i>	<i>uilnean</i>	<i>uilnean, uileann</i>

## Rang II (f.)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>taigh</i>	<i>taigh</i>	<i>taighe</i>	<i>taighean</i>	<i>taigh(ean)</i>
<i>ainm</i>	<i>ainm</i>	<i>ainme</i>	<i>ainmean, ainmeannan</i>	<i>ainm(ean), ainmeannan</i>
<i>gleann</i>	<i>gleann</i>	<i>glinne</i>	<i>glinn, gleanntan</i>	<i>gleanntan, gleann</i>
<i>im</i>	<i>im</i>	<i>ime</i>	<i>imeannan</i>	<i>imeannan, im</i>
<i>sliabh</i>	<i>sliabh</i>	<i>slèibhe</i>	<i>slèibhteann</i>	<i>slèibhteann, sliabh</i>
<i>ugh</i>	<i>ugh</i>	<i>uighe</i>	<i>uighean</i>	<i>uighean, ugh</i>

## Rang III (i)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>braim f.</i>	<i>braim</i>	<i>brama</i>	<i>bramannan</i>	<i>bramannan, braim</i>
<i>cnàimh f.</i>	<i>cnàimh</i>	<i>cnàmha</i>	<i>cnàmhan</i>	<i>cnàmh(an)</i>
<i>dàir b.</i>	<i>dàir</i>	<i>dàra</i>		
<i>greim f.</i>	<i>greim</i>	<i>grama</i>	<i>greimeannan</i>	<i>greimeannan, greim</i>
<i>feòil b.</i>	<i>feòil</i>	<i>feòla</i>	<i>feòilean</i>	<i>feòilean, feòil</i>
<i>mil b.</i>	<i>mil</i>	<i>meala</i>	<i>mealan</i>	<i>mealan, mil</i>
<i>buain b.</i>	<i>buain</i>	<i>buana</i>	<i>buaineann</i>	<i>buain(ean)</i>
<i>uaimh b.</i>	<i>uaimh</i>	<i>uamha</i>	<i>uamhan, uamhannan</i>	<i>uamhan, uamhannan, uaimh</i>
<i>druim f.</i>	<i>druim</i>	<i>droma</i>	<i>dromannan</i>	<i>dromannan, druim</i>
<i>fuil b.</i>	<i>fuil</i>	<i>fala</i>		
<i>muir f./b.</i>	<i>muir f./b.</i>	<i>mara b.</i>	<i>marannan</i>	<i>marannan, muir</i>
<i>sùil b.</i>	<i>sùil</i>	<i>sùla</i>	<i>sùilean</i>	<i>sùilean, sùl</i>

## Rang III (ii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>cliamhainn</i> f.	<i>cliamhainn</i>	<i>cleamhna</i>	<i>cleamhnan</i>	<i>cleamhnan,</i> <i>cliamhainn</i>
<i>dùthaich</i> b.	<i>dùthaich</i>	<i>dùthcha</i>	<i>dùthchannan</i>	<i>dùthchannan,</i> <i>dùthaich</i>
<i>leabaidh</i> b.	<i>leabaidh</i>	<i>leapa</i>	<i>leapannan</i>	<i>leapannan,</i> <i>leabaidh</i>
<i>gamhainn</i> f.	<i>gamhainn</i>	<i>gamhna</i>	<i>gamhna,</i> <i>gamhnan</i>	<i>gamhna(n),</i> <i>gamhainn</i>
<i>feadhainn</i> b.	<i>feadhainn</i>	<i>feadhna</i>		
<i>Samhain</i> b.	<i>Samhain</i>	<i>Samhna</i>	<i>Samhainean</i>	<i>Samhainean,</i> <i>Samhain</i>

## Rang IV

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>guth</i> f.	<i>guth</i>	<i>gutha</i>	<i>guthan</i>	<i>guthan, guth</i>
<i>àm</i> f.	<i>àm</i>	<i>ama</i>	<i>amannan</i>	<i>amannan, àm</i>
<i>bùth</i> b./f.	<i>bùth</i>	<i>bùtha</i>	<i>bùthan, bùthtean</i>	<i>bùthan,</i> <i>bùthtean, bùth</i>
<i>ceò</i> b./f.	<i>ceò</i>	<i>ceotha,</i> <i>ceò</i>	<i>ceothan,</i> <i>ceothannan</i>	<i>ceothan,</i> <i>ceothannan, ceò</i>
<i>clò</i> f.	<i>clò</i>	<i>clòtha,</i> <i>clò</i>	<i>clòithean,</i> <i>clòithntean</i>	<i>clòithean,</i> <i>clòithntean,</i> <i>clò</i>
<i>fion</i> f.	<i>fion</i>	<i>fiona</i>	<i>fiontan</i>	<i>fiontan, fion</i>
<i>fios</i> f.	<i>fios</i>	<i>fiosa</i>	<i>fiosan</i>	<i>fiosan, fios</i>
<i>freumh</i> f.	<i>freumh</i>	<i>freumha</i>	<i>freumhan,</i> <i>freumhaichean</i>	<i>freumhan,</i> <i>freumhaichean,</i> <i>freumh</i>
<i>gnìomh</i> f.	<i>gnìomh</i>	<i>gnìomha</i>	<i>gnìomhan,</i> <i>gnìomharan</i>	<i>gnìomh(an),</i> <i>gnìomharan</i>
<i>gort</i> b.	<i>gort</i>	<i>gorta</i>	<i>gortan</i>	<i>gortan, gort</i>
<i>lagh</i> f.	<i>lagh</i>	<i>lagha</i>	<i>laghannan</i> <i>laghan</i>	<i>laghannan,</i> <i>laghan, lagh</i>
<i>mìos</i> f./b.	<i>mìos</i>	<i>mìosa</i>	<i>miosan</i>	<i>miosan, mìos</i>
<i>sneachd</i> f.	<i>sneachd</i>	<i>sneachda</i>	<i>sneachdan</i>	<i>sneachd(an)</i>

## Rang V (i)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>cathair</i>	<i>cathair</i>	<i>cathrach</i>	<i>cathraichean</i>	<i>cathraichean,</i> <i>cathair</i>
<i>caora</i>	<i>caora</i>	<i>caorach</i>	<i>caoraich</i>	<i>caorach</i>
<i>dinnear</i>	<i>dinnear</i>	<i>dinnearach,</i> <i>dinneir</i>	<i>dinnearan</i>	<i>dinnearan,</i> <i>dinnear</i>

## Rang V (ii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>gobha</i>	<i>gobhainn</i>	<i>gobhann,</i> <i>gobhainn,</i> <i>gobha</i>	<i>goibhnean</i>	<i>goibhnean,</i> <i>gobha</i>
<i>àra</i>	<i>àrainn</i>	<i>àrann</i>	<i>àirnean</i>	<i>àirnean, àra</i>
<i>dìle</i>	<i>dìlinn</i>	<i>dìleann</i>	<i>dìleannan</i>	<i>dìleannan, dìle</i>
<i>Alba</i>	<i>Albainn</i>	<i>na h-Albann</i>		
	<i>Alba</i>	<i>na h-Alba</i>		
<i>Èirinn</i>	<i>Èirinn</i>	<i>na h-Èireann</i>		

## Rang V (iii)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>tràigh</i>	<i>tràigh</i>	<i>tràghad,</i> <i>tràighe</i>	<i>tràighean,</i> <i>tràghannan</i>	<i>tràighean,</i> <i>tràghannan,</i> <i>tràigh</i>
<i>bràigh</i>	<i>bràigh</i>	<i>bràghad,</i> <i>bràighe</i>	<i>bràigheachan</i>	<i>bràigheachan,</i> <i>bràigh</i>

## Rang V (iv)

BUN. SG.	TABH. SG.	GIN. SG.	BUN./TABH. IOL.	GIN. IOL.
<i>athair f.</i>	<i>athair</i>	<i>athar</i>	<i>athraichean</i>	<i>athraichean,</i> <i>athair</i>
<i>màthair b.</i>	<i>màthair</i>	<i>màthar</i>	<i>màthraichean</i>	<i>màthraichean,</i> <i>màthair</i>
<i>bràthair f.</i>	<i>bràthair</i>	<i>bràthar</i>	<i>bràithrean</i>	<i>bràithrean,</i> <i>bràthair</i>
<i>piuthar b.</i>	<i>piuthair</i>	<i>peathar</i>	<i>peathraichean</i>	<i>peathraichean,</i> <i>piuthar</i>
<i>seanair f.</i>	<i>seanair</i>	<i>seanar</i>	<i>seanairean</i>	<i>seanairean,</i> <i>seanair</i>
<i>seanmhair b.</i>	<i>seanmhair</i>	<i>seanmhar</i>	<i>seanmhairean</i>	<i>seanmhairean,</i> <i>seanmhair</i>
<i>bràmair f.</i>	<i>bràmair</i>	<i>bràmar</i>	<i>bràmairean</i>	<i>bràmairean,</i> <i>bràmair</i>

## §84 Ainmearan do-chlaonaidh

Am measg ainmearan a bhios do-chlaonaidh sna h-uimhreachan singilte agus deise, tha na leanas:

## §84 (i) Boireann agus fuaimreag dheiridh

Ainmearan boireann agus fuaimreag aig an deireadh aca, m.e. *coille*; *lèine*; *oidhche*; *slighe*; *àirde*; *guirme* §90 (iv); *nàire*, m.e. (tabh. sg.) *air an lèine*, (gin. sg.) *cùl na lèine* §81 (iii) (a).

## §84 (ii) Fireann agus fuaimreag dheiridh

Ainmearan fireann agus fuaimreag aig an deireadh aca, m.e. *cridhe*; *pàiste*; *duine*; *balla*; *bàta*; *cala*; *nì*; ach an fheadhainn fo Rang V (ii), shuas (*gobha* 7c); m.e. (tabh. sg.) *aig a' phàiste*, (gin. sg.) *aodach pàiste*.

## §84 (iii) Ainmearan ionaid fireann

Ainmearan ionaid fireann agus connrag chaol aig an deireadh aca §91, m.e. *dannsair*; *sealgair*; *sreapadair*; *sgeulaiche*.

§84 (iv) ~*achd*

Ainmearan eas-cruthach boireann ann an ~*achd* dheiridh: *àilleachd*; *bàrdachd*; *misneachd*; *naidheachd*.

§84 (v) *meud*; *ceud*; *beud*; *rian*; *rud*

Na h-ainmearan *meud* f.; *ceud* f.; *beud* f.; *rian* f.; *rud* f.

## §85 Ainmearan neo-riaghailteach

Am measg dòrlach ainmearan neo-riaghailteach, tha na leanas:

§85 (i) *bean*<sup>34</sup>

	SINGILTE	DEISE†	IOLRA
BUN.	<i>bean</i> b. <i>a' bhean</i>	<i>dà mhnaoi</i> <i>an dà mhnaoi</i>	<i>mnathan</i> <i>na mnathan</i>
GIN.	<i>mnà</i> <i>na mnà</i>	<i>dà mhnà</i> <i>na dà mhnà</i>	<i>bhan</i> <i>nam ban</i>
TABH.	<i>mnaoi</i> <i>a' mhnaoi</i>	<i>dà mhnaoi</i> <i>an dà mhnaoi</i>	<i>mnathan</i> <i>na mnathan</i>
GAIRM.	<i>a bhean</i>	<i>a dhà bhean</i>	<i>a mhnathan</i>

†Airson *dithis bhan*, faic §144.

§85 (ii) *bò*<sup>35</sup>

	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>bò</i> b. <i>a' bhò</i>	<i>dà bhoin</i> <i>an dà bhoin</i>	<i>bà</i> <i>na bà</i>

34. B' e bun-*ā* (coim. Rang II (b.)) a bh' ann an SG *ben* 'bean', agus na tuisealan claona ann an *mn*- aige stèidhichte air an aon fhreumh 's a tha *ben* fhèin (Thurneysen 1975, 118, 184). Gheibhear *mnaì* bun./tabh. iol. (seach *mnathan*) ann an Gàidhlig na h-Albann ann an sgrìobhainnean nas sine.

35. 'S e moladh Thurneysen (1975, 216–17) gur h-ann fo bhuaidh SG *cú*, (claon) *coin*, a thàrmaich SG *bó*, (tabh.) *boin* 'boin'.

GIN.	<i>bà</i> <i>na bà</i>	<i>dà bhà</i> <i>na dà bhà</i>	<i>bhò</i> <i>nam bò</i>
TABH.	<i>boin</i> <i>a' bhoin</i>	<i>dà bhoin</i> <i>an dà bhoin</i>	<i>bà</i> <i>na bà</i>
GAIRM.	<i>a bhò</i>	<i>a dhà bhò</i>	<i>a bhà</i>

§85 (iii) *cù*<sup>36</sup>

	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>cù f.</i> <i>an cù</i>	<i>dà chù</i> <i>an dà chù</i>	<i>coin</i> <i>na coin</i>
GIN.	<i>coin</i> <i>a' choin</i>	<i>dà chon</i> <i>an dà chon</i>	<i>chon</i> <i>nan con</i>
TABH.	<i>cù</i> <i>a' chù</i>	<i>dà chù</i> <i>an dà chù</i>	<i>coin</i> <i>na coin</i>
GAIRM.	<i>a choin</i>	<i>a dhà choin</i>	<i>a chona</i>

§85 (iv) *sgian*<sup>37</sup>

	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>sgian b.</i> <i>an sgian</i>	<i>dà sgithinn</i> <i>an dà sgithinn</i>	<i>sgeinean</i> <i>na sgeinean</i>
GIN.	<i>sg(e)ine</i> <i>na sg(e)ine</i>	<i>dà sg(e)ine</i> <i>na dà sg(e)ine</i>	<i>sgeinean</i> <i>nan sgeinean</i>
TABH.	<i>sgithinn</i> <i>an sgithinn</i>	<i>dà sgithinn</i> <i>an dà sgithinn</i>	<i>sgeinean</i> <i>na sgeinean</i>
GAIRM.	<i>a sgian</i>	<i>a dhà sgian</i>	<i>a sgeinean</i>

§85 (v) *beinn*<sup>38</sup>

	SINGILTE	DEISE	IOLRA
BUN.	<i>beinn b.</i> <i>a' bheinn</i>	<i>dà bheinn</i> <i>an dà bheinn</i>	<i>beanntan</i> <i>na beanntan</i>
GIN.	<i>beinne</i> <i>na beinne</i>	<i>dà bheinne</i> <i>na dà bheinne</i>	<i>bheann</i> <i>nam beann</i>
TABH.	<i>beinn</i> <i>a' bheinn</i>	<i>dà bheinn</i> <i>an dà bheinn</i>	<i>beanntan</i> <i>na beanntan</i>
GAIRM.	<i>a bheinn</i>	<i>a dhà bheinn</i>	<i>a bheanntan</i>

36. B' e bun-*n* a bh' ann an SG *cù* 'cù', agus tha na nua-chruthan gu math faisg air na cruthan eachdraidheil.

37. B' e bun-*ā* (coim. Rang II (b.)) a bh' ann an SG *scían* 'sgian', ach dà-lideach bho thùs, rud a chithear fhathast sna riochdan tabhartach singilte agus deise.

38. B' e bun-*ā* (coim. Rang II (b.)) a bh' ann an SG *benn* 'beinn'. Tàrmaichidh an riochd bunasach singilte an-diugh anns an tuiseal thabhartach *beinn*, .i. le caolachadh. Tha na nua-chruthan iolra air am bonntachadh air an t-seann fhreumh *benn* (.i. *beann*).

§85 (vi) 1 *nighean*<sup>39</sup>

	SINGILTE	DEISE ‡	IOLRA
BUN.	<i>nighean b. an nighean</i>	<i>dà ighinn an dà ighinn</i>	<i>ighnean na h-ighnean</i>
GIN.	<i>ighne † na h-ighne</i>	<i>dà ighne na dà ighne</i>	<i>nighean nan nighean</i>
TABH.	<i>ighinn an ighinn</i>	<i>dà ighinn an dà ighinn</i>	<i>ighnean na h-ighnean</i>
GAIRM.	<i>a nighean</i>	<i>a dhà nighean</i>	<i>a ighnean</i>

†Gheibhear *ighinn* cuideachd.

‡Airson *dithis nighean*, faic §144.

§85 (vii) 2 *nighean*

	SINGILTE	DEISE †	IOLRA
BUN.	<i>nighean b. an nighean</i>	<i>dà nighinn an dà nighinn</i>	<i>nigheanan, nìghnean na nigheanan, nìghnean</i>
GIN.	<i>nighinne na nighinne</i>	<i>dà nighinne na dà nighinne</i>	<i>nighean(an), nìghnean nan nighean(an) nìghnean</i>
TABH.	<i>nighinn an nighinn</i>	<i>dà nighinn an dà nighinn</i>	<i>nigheanan, nìghnean na nigheanan/nìghnean</i>
GAIRM.	<i>a nighean</i>	<i>a dhà nighean</i>	<i>a nigheanan, nìghnean</i>

†Airson *dithis nighean*, faic §144.

---

39. Buinidh am facal *nighean* do Rang II (b.), ach tha na cruthan ann an 1 *nighean* nas sine agus a' cumail nas dlùithe ri cruthan eachdraidheil an fhacail, i. SG *ingen* b. buin-ā.

## 7 An t-Ainmear Fillte

### §86 Mineachadh

#### §86 (i) Co-mheasgachadh

Tha cuid de dh'fhacail air an dèanamh à dà eileamaid, ged a dhèiligear riutha mar fhacail aon-eileamaideach an-diugh: *seanair* f. < *sean* + *athair*; *craoladh* f. < *craobh* + *sgaoileadh*; *àigeach* f. < òg + *each*; *bunait* f./b. < *bun* + *àite*; *banais* b. < *ban*~ (*bean* §85 (i)) + *fèis*; *banabaidh* b. < *ban*~ (*bean*) + *nàbaidh*.

#### §86 (ii) Ainmearan fillte

§86 (ii) (a) Ann an AINMEARAN FILLTE, tha na h-eileamaidean fa leth rin aithneachadh fhathast. Bidh dreuchd bhuadhaireach aig an dàrna h-eileamaid (m.e. *dubh*), agus dreuchd sheòrsach no ainmearach aig an tè eile (m.e. *ceist* no *taigh*): *dubh-cheist* b.; *taigh-dubh* f.

#### §86 (ii) (b) Beum

Bidh am prìomh bheum air an eileamaid bhuadhairich (*dubh*): *'dubh-cheist*; *'taigh-'dubh*.

#### §86 (ii) (c) Gnè

Bidh gnè an ainmeir fhillte a rèir gnè an ainmeir sheòrsaich: (*ceist* b.) *dubh-cheist* b.; (*taigh* f.) *taigh-dubh* f.; ach ann an ainmearan ann am *ban*<sup>s</sup> 7c §384.

#### §86 (ii) (d) Seòrsa

Faodaidh ainmearan fillte a bhith dùinte §87 no fosgailte §88.

### §87 Ainmearan fillte dùinte

#### §87 (i) Structar

Ann an AINMEARAN FILLTE DÙINTE, thig an eileamaid bhuadhaireach air thoiseach air an eileamaid sheòrsaich: *cis-mhaor*; thèid an eileamaid sheòrsach a shèimheachadh (*cis-mhaor*), agus dèiligear ris an ainmear fhillte gu lèir mar aonad a thaobh gràmair, .i. cha chlaon an eileamaid bhuadhaireach idir: (bun.) *an cis-mhaor*, (gin.) *a' chis-mhaoir*, .i. gun mhùthadh ann an *cis*.

#### §87 (ii) Tùs na ciad eileamaid

Faodaidh an eileamaid bhuadhaireach a bhith na h-ainmear (*cis-mhaor*; *cas-cheum*; *lùth-chleas*) no na buadhair (*dubh-cheist*; *sean bhaile*):

§87 (ii) (a) Buadhair + ainmear: *an ceart dhuine* f. §54 (vii); *deagh fheasgar* f.; *droch cù* f. §45 (i) (l) (α); *droch dhuine* f.; *fior dhuine* f.; *prìomh mhinistear* f.; *sàr bhàrd* f.; *sean bhaile* f.; *seanfhaical* f.; *cruaidh-chàs* f.; *deann-ruith* b.;

*dlùth-leughadh* f.; *dubh-cheist* b.; *fèin-eachdraidh* b.<sup>1</sup>; *fior-eun* f.; *làn-dòchas* f.<sup>2</sup>; *meanbh-chuileag* b.; *mion-chànan* f.; *mòr-chuid* b.; *mòr-roinn* b.; *saor-latha* f.; *trom-laighe* f.; *ùr-thighinn* b.

§87 (ii) (b) *Ainmear* + ainmear: *bith-eòlas* f.; *ainm-eòlas* f.; *bana-bhuidseach* b.; *banacharaid* b.; *ban-Albannach* b. §384; *bas-bhualadh* f.; *beul-aithris* b.; *bunsgoil* b.; *cas-cheum* f.; *cis-mhaor* f.; *cùl-fhiosrachadh* f.; *cùl-taic* b.; *Gall-Ghàidheal* f.; *leth-uair* b.; *mart-fheòil* b.; *muic-fheòil* b.; *rìgh-chathair* b.

§87 (ii) (c) Cleachdar beàrn mar as trice an dèidh nam buadhairean *ceart*; *deagh*; *droch*; *fior*; *prìomh*; *sàr*; *sean(n)* §121 (iii), b-n 10; m.e. *air a' cheart mhionaid*; *tha i na fìor charaid dhomh*.

§87 (ii) (d) Ach, far an tèid eileamaidean an ainmeir fhillte nan dlùth-aonad ann am brìgh – far am motha brìgh na dà eileamaid mar-aon na fa leth – cleachdar tàthan: *fior-eun*; *fior-uisge*.

§87 (ii) (e) Cleachdar tàthan eadar eileamaidean an ainmeir fhillte, fhad 's a mhaireas leth-bheum air an eileamaid bhuaidhairich: *'ceud-chasach*; *'bana-bhuidseach*.

§87 (ii) (f) Ach ma chailleas an eileamaid bhuaidhaireach a beum, cha chleachdar tàthan: *'seanfhalac*; *'banacharaid*. Aig amannan, caillidh eileamaidean ann an ainmear fillte an dearbh-aithne air fad §86 (i).

§87 (ii) (g) Bidh na h-àireamhan àrdail 1–10 §149 a' sèimheachadh air a' cheart dòigh ri buadhairean eile ann an ainmearan fillte dùinte, m.e. *aon-ghin* f.; *dà-chànanas* f.; *an dà-shealladh* f. §38 (ii) (a), b-n 6; *trì-chasach* f.; *còig-bhileach* f.; *còig-cheàrnach* f.; *sia-ràmhach* f.; an àireamh '100' mar an ceudna: *ceud-chasach* f.

§87 (ii) (h) Gheibhear an àireamh òrdail *ciad* le sèimheachadh san ainmear às a dhèidh: *ciad-fhuasgladh*; *ciad-chuairt*; *ciad-fhiaclan*.<sup>3</sup>

1. Tha dreuchd ainmearach aig an riochdair *fèin* §226 an seo.

2. M.e. *tha mi an 'làn-dòchas gum bi e ann*, seach *tha mi làn 'dòchais*, far a bheil *dòchas* san tuiseal ghinideach an dèidh an ainmeir *làn*.

3. A bharrachd air *ciad-*, cha nochd àireamhan òrdail ann an ainmearan fillte dùinte ach ann am fìor chorra eisimpleir: gheibhear *ciad-tarraing* (Dwelly: *ceud-tharruing*); *dà-tharraing* (Dwelly: *dà-tharruing*, s.v. *dùbailte*); agus *treas-tarraing* (Dwelly: *treas-tarruing*), i. tarraing uisge-beatha a' chiad, an dàrna agus an treas uair, fa leth; ainmichidh Dwelly *treas-bàrr* agus *treas-cuid* mar an ceudna. Chithear nach e ainmearan fillte cearta a th' anns an dà eisimpleir mu dheireadh, gun sèimheachadh san dàrna h-eileamaid mar a gheibhear san nuadh-fhacal *treas-phàrtaidh* (*Am Faclair Beag*, s.v. *àrachas an treas-phàrtaidh*). Ged as coltach nach deach an dàrna h-eileamaid ann an GA *ciadfath* a shèimheachadh an dèidh *ciad-*, 's ann à SG *cétbaid* (le *-b-* leathann shèimhichte, = [β])

## §88 Ainmearan fillte fosgailte

## §88 (i) Structar

Ann an AINMEARAN FILLTE FOSGAILTE, thig an eileamaid bhuadhaireach an dèidh na h-eileamaid seòrsaich: *maor-sìthe*.

## §88 (ii) Tùs na ciad eileamaid

Faodaidh an eileamaid bhuadhaireach a bhith na buadhair (*taigh-beag*; *bòrd-dubh*) no na h-ainmear ginideach: (gin. sg.) *maighstir-sgoile*; *uisge-beatha*; *luchd-turais*; (gin. iol.) *taigh-chearc*.

## §88 (ii) (a) Ainmear + buadhair

§88 (ii) (a) (α) Thèid am buadhair a chlaonadh mar as àbhaist an dèidh ainmeir §111: (bun. sg. fir.) *an taigh-beag*, (gin.) *doras an taigh(e)-bhigh* §18 (iii), (tabh.) *anns an taigh-bheag*; (bun. iol.) *na taighean-beaga* 7c:

§88 (ii) (a) (β) *baile-mòr* f.; *bòrd-dubh* f.; *brù-dhearg* f.<sup>4</sup>; *cailleach-dhubh* b.; *cinne-daonna* f.; *damhan-allaidh* f.; *duine-ualsal* f.; *fear-pòsta* f.; *lon-dubh* f.; *taigh-beag* f.; *taigh-dubh* f.<sup>5</sup>.

## §88 (ii) (b) Ainmear + ainmear (ginideach)

§88 (ii) (b) (α) Bidh an t-ainmear buadhaireach san tuiseal ghinideach an dèidh na h-eileamaid seòrsaich: (bun.) *fuireach* > (gin.) *àite-fuirich*:

§88 (ii) (b) (β) *àite-fuirich* f.; *amar-snàmh* f.<sup>6</sup>; *anart-bàis* f.; *ball-coise* f.; *bàta-teasairginn* f.; *bodach-sneachda* f.; *bogsa-bròige* f.; *briste-cridhe* f.; *ceann-cinnidh* f.; *ceann-ùil* f.; *ceann-suidhe* f.; *ceann-uidhe* f.; *cearc-fhraoich* b.<sup>7</sup>; *clas-fòn* f.; *còir-bhreith* b.; *craobh-ghiuthais* b.; *crith-thalmhainn* b.; *crodh-bainne* f.; *cuirm-chiùil* b.; *deireadh-seachdain* b.; *dòigh-beatha* b.; *duine cloinne* f.; *each-uisge* f.; *fear-bainnse* f.; *na Fir Bhrèige*, .i. Tursachan

a tha am facal Gàidhlig; chaidh SG [β] (tro [ϕ], le dì-ghuthachadh) na [f] sa Ghàidhlig Thràth (*cétfaid*, Thurneysen 1975, 78); às a seo GA *ciadfath*.

4. Is math dh'fhaodte gun tàrmaich an t-ainmear *brù-dhearg* sa bhuadhair *brùdhearg* agus am prìomh bheum air a' chiad lide (mar a tha ann an *A' dol thar Allt an t-Siùcair am madainn chùbhraidh Chèit, is paidirean geal, dlùth-chneap den driùchd ghorm air an fheur*; *bha Richard 's Robin brùdhearg ri seinn 's fear dhiubh na bheus, 's goic mhoit air cuthaig chùl-ghuirm, 's gug-gùg aic' air a' ghèig*, Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair: ≈MhicPhàrlain 1813, 68), mus deach e na ainmear fireann §63 (ii) (a) (β); coim. Dwelly, *brù-gheal* f. Air uairean gheibhear *brù-dhearg* b. an-diugh, m.e. *Am Faclair Beag*, s. v., tro cho-rèiteachadh ri *brù* b.

5. Airson *tìr-mòr* f., faic §62 (vi) + b-n 10.

6. .i. *amar-snàmha* (Rang IV); cuideachd *amar-snàimh* (Rang I).

7. Ri taobh *coileach-fraoich* f.

Chalanaise; *na Fir Chlis*, .i. aurora borealis; *fòn-cluaise* f.; *glainne-shìde* b.; *làn-mara* f.; *leabhar-ùrnaigh* f.; *leanabh mic* f.<sup>8</sup>; *litir-dhealachaidh* b.; *loidhne-toisich* b.; *long-chogaidh* b.; *luchd-eòlais* f.; *luchd-foghlaim* f.; *luchd-turais* f.; *mac-samhail* f.; *mac-talla* f.; *maighstir-sgoile* f.; *maoim-slèibhe* b.; *muileann-gaoithe* f.; *neach-frithealaidh* f.; *rathad-iarainn* f.; *rum-ionnlaid* f.; *seòmar-cadail* f.; *slat-tomhais* b.; *soitheach-sgudail* f./b.; *taigh-bidh* f.; *taigh-doileig* f.; *taigh-òsta* f.; *taigh-solais* f.; *taigh-tasgaidh* f.; *uisge-beatha* f.; agus leis an eileamaid bhuaidhairich san tuiseal ghinideach iolra<sup>9</sup>: *taigh-chearc* f.; *bruis-fhiaclan* b.; *bucas-mhaid* f.<sup>10</sup>; *cù-chaorach*; *taigh-bhochd* f.<sup>11</sup>

§88 (ii) (b) (γ) Gu math tric anns an tuiseal bhunasach, thèid an eileamaid bhuaidhaireach a làimhseachadh mar gum b' e fìor bhuaidhair a bh' innte, le sèimheachadh far an iomchaidh; mar eisimpleir, an dèidh ainmeir bhoireann san tuiseal bhunasach: *muc-mhara* b. (< *muc* + *muir*). Ach tha corra eisimpleir rin lorg far nach bi seo a' tachairt, m.e. *dòigh-beatha* b. Anns na tuisealan claona, lorgar cleachdadh measgaichte, m.e. (tabh. fir.) *anns an t-seòmar-cadail* (gun sèimheachadh) ri taobh *anns an t-seòmar-chadail* (le sèimheachadh).

---

8. Ri taobh *leanabh nighinn* f.

9. Tha an eileamaid bhuaidhaireach air a sèimheachadh an seo mar ainmear sam bith eile san tuiseal ghinideach iolra neo-dheimhinnte.

10. Ri taobh *bogsa-mhaidsean*.

11. Tha *bochd* na ainmear an seo §63 (ii) (a) (γ) san tuiseal ghinideach iolra.

## 8 Bunachas an Ainmeir

### §89 Mineachadh

Chleachdte corra iar-leasachan san t-Sean Ghàidhlig gus ainmearan a chruthachadh. Gabhaidh na leanas cleachdadh fhathast:

### §90 Ainmearan eas-cruthach

#### §90 (i) ~*achd*<sup>1</sup>

§90 (i) (a) Bho ainmearan: *teachdaireachd* (*teachdaire*); *filidheachd* (*filidh*); *bàrdachd* (*bàrd*); *clachaireachd* (*clachair*); *diadhachd* (*dia*); *rioghachd* (*rìgh*).

§90 (i) (b) Bho bhudhairean: *mòrachd* (*mòr*); *duinealachd* (*duineil*); *naomhachd* (*naomh*); *fialaidheachd* (*fialaidh*); *cùbhraidheachd* (*cùbhraidh*); *galltachd/a' Ghalltachd* (*gallta*); *naidheachd* (*nuadh*); *sìobhaltachd* (*sìobhalta*); *fireantachd* (*fireanta*); *lìonmhorachd* (*lìonmhor*); *seòltachd* (*seòlta, seòltach*).<sup>2</sup>

#### §90 (ii) ~*as*, ~*s*<sup>3</sup>

§90 (ii) (b) (α) Bho ainmearan: *càirdeas* (*caraid*); *muinntireas* (*muinntir*); *cianalas* (*cianail*); *coibhneas*<sup>4</sup>; *gnàths* (*gnàth*); *lùths* (*lùth*); *fulangas* (*fulang*). Le brìgh trusaidh: *loingeas* (*long*).

§90 (ii) (b) (β) Bho bhudhairean: *gliocas* (*glic*); *toileachas* (*toileach*); *binneas* (*binn*); *ionracas* (*ionraic*); *coitcheannas* (*coitcheann*); *cos(mh)las* (*cos(mh)ail*); *dìomhanas* (*dìomhain*); *ceartas* (*ceart*); *sgìths* (*sgìth*); *blàths* (*blàth*); *luaths* (*luath*); le ~*adas*: *dorchadas* (*dorch*); *dànadas* (*dàna*). Le brìgh chruthaich: *caolas* (*caol*).<sup>5</sup>

---

1. [əxk, axk, ɔxk].

2. Airson *cumhachd*, faic §62 (ii).

3. [əʃ, ʃ].

4. Coim. *coibhneil* §127, b-n 9.

5. A thaobh a' chrutha *cuidhteas*, tha *cuidhte* na bhudhair gnìomhaireach bho *cuidhtich* 'fàg, tràig; diol, pàigh air ais' (is math dh'fhaodte à B *quit*). Cleachdar an abairt *cuidhte agus* (+ bun.) gus a chur an cèill gun d' fhuaradh faochadh no saoradh bho rudeigin: *ged a' fhuair mi cuidhte 's an dul a bha mum mhuineal* (≈MacEacharn 1910, 229) – tha an t-aon structar ri fhaighinn ann an *saor agus* 'saor bho'; sgrìobhar *cuidhteas* an-diugh: *daoine beaga a dh'fhaodadh iad feum a dhèanamh dhiubh agus faighinn cuidhteas iad nuair a thogradh iad* (MacLeòid 1989, 32). Chithear *cuidhte de* air uairean an dà chuid ro ainmear agus ro riochdair – *cha d' fhuair mi cuidhte de bhuil an eagail* (MacEacharn, *ibid.*); *feumaidh tu faotainn cuidhte dhith nuair a phòsas sinn* (≈Watt 1972, 75) – gheibhear *cuidhteas + de* cuideachd ro riochdairean: *bha iad cho dlùth-thoinnte ri adhradh agus*

§90 (iii) ~*ad*<sup>6</sup>

Iar-leasachan a chleachdar ann an ceum buadhach a' bhuadhair §142: *lughad* (*lugh*); *dorr* (*dorra*); *giorr* (*giorra*); *taine* (*taine*); *bòidhchead* (*bòidhche*).

§90 (iv) ~*e*<sup>7</sup>

Gheibhear caolachadh + an leudachadh ~*e* a chleachdar le buadhairean: *doille* (*dall*); *duibhe* (*dubh*); *gile* (*geal*); *guirme* (*gorm*); *taine* (*tana*); *deirge* (*dearg*); *glaise* (*glas*).

## §91 Ainmearan ionaid

§91 (i) ~*ach*<sup>8</sup>

§91 (i) (a) Bho ainmearan: *ceàrdach* (*ceàrd*); *clèireach* (*clèir*); *marcach* (*marc* 'each'), *bodach* (*bod*); *cailleach* (*caille* 'sgàile (seorsa aodaich)'); *dubhcheannach* (*dubh* + *ceann*). Le brìgh trusaidh: *giùthsach* 'coille giuthais' (*giùthas*); *gainmheach* (*gaineamh*); *darach* 'coille daraich' (*dair* 'darach').

§91 (i) (b) Thèid an dùnadh seo a chleachdadh le ainmear pearsanta no ainm-àite gus duine a shònrachadh §99: *Dòmhnallach* (*MacDhòmhnail*); *Caimbeulach* (*Caimbeul*); *Brusach* (*Brus*); *Griogarach* (*MacGriogair*); *Leòdach* (*MacLeòid*); *Bacach* (*am Bac*, an Leòdhas); *Hearach* (*na Hearadh*); *Uibhisteach* (*Uibhist*); *Tiristeach* (*Tiriodh*).

§91 (i) (c) Bho bhuadhairean: *fàsach* (*fàs*); *gealach* (*geal*); *a' bhuidheach* (*buidhe*); *a' Chòigeach* (.i. a' chòigeamh cuid §167, b-n 39; ann an Ros an Iar (*còig*)).

§91 (ii) ~*iche*<sup>9</sup>

§91 (ii) (a) Bho ainmearan: *sgeulaiche* (*sgeul*); *searmonaiche* (*searmon*); *stiùiriche* (*stiùir*); *obraiche*, *oibriche* (*obair*); *maraiche* (*muir*); *ceannaiche* (*ceannach*).

§91 (ii) (b) Bho bhuadhairean: *mearaiche* (*mear*).

---

*creideamh ar n-aithrichean nach d' fhuair sinn uile-gu-lèir cuidhteas dhiubh fhathast* (≈Whyte 1911, 140); coim. B *rid of it*. Tha *cuidhteas* (< *cuidhte* + ~*as*) na ainmear fireann, san t-seagh 'aithneachadh gun d' fhuaradh bathar 7c'. Coim. na h-abairtean *clìor is/ clìoras* (< B *clear*) agus *riod 's/riods* (< B *rid*).

6. [ə̃].

7. [ə].

8. [əx, ax, ɔx].

9. [içə].

§91 (iii) ~*aire*<sup>10</sup>

Bho ainmearan: *teachdaire* (*teachd*); *breugaire* (*breug*); *piobaire* (*piob*).

§91 (iv) ~*air*, ~*ear*<sup>11</sup>

Bho ainmearan: *dorsair* (*doras*); *iasgair* (*iasg*); *dannsair* (*dannsa*); *clachair* (*clach*); *clàrsair* (coim. *clàrsach*; an dà fhacal air am bonntachadh air SG *clár* 'clàr'<sup>12</sup>); *fidhlear* (*fidheall*); *saighdear* (*saighead*).

§91 (v) ~*adair*<sup>13</sup>

§91 (v) (a) Bho ainmearan: *brathadair* (*brath*); *breabadair* (*breab*); *teasadair* (*teas*); *seòladair* (*seòl*); *seinneadair* (*seinn*).

§91 (v) (b) Bho bhuadhairean: *fuaradair* (*fiar*).

§91 (vi) ~*amh*<sup>14</sup>

Bho ghniomhairean, coim. §252 (ii) (c): *creideamh* (*creid*, GT *creitid* 'creididh e'); bho ainmearan gnìomhaireach: *britheamh* (*breith*).

## §92 Ainmearan trusaidh

Gheibhear an t-iar-leasachan ~*r(a)idh* [*r<sup>(j)</sup>i*]: *laochraidh* (*laoch*); *macraidh* (*mac*); *ògridh* (*òg*); *eachraidh* (*each*).

## §93 Ainmearan meanbhach

§93 (i) ~*an*<sup>15</sup>

§93 (i) (a) Le brìgh mheanbhaich: *balachan* (*balach*); *sruthan* (*sruth*); *lochán* (*loch*); *meuran* (*meur*); *calman*<sup>16</sup>.

§93 (i) (b) Le brìgh ionaid: *aran* (SG *ar* 'treabhach, àiteach'); *beagan* (*beag*); *truaghan* (*truagh*); *aonaran* (*aonar*).

§93 (i) (c) Le brìgh trusaidh: *sithean* (*sith*); *creagan* 'cnoc beag' (*creag*); *clachan* 'baile; staran' (*clach*).

10. [a<sup>r</sup>ə].

11. [a<sup>r</sup>j, ar].

12. A thaobh s meadhain, nì Bruford (1990, 66) coimeas ri *cèirseach* (gun mhìneachadh an e am facal 'coinnlear' no am facal 'smeòrach' a bhios air a aire), gun chinnt ciamar a fhuaradh GE *clàirseoir* no GA *clàrsair* (cuideachd *clàirseir*) à GT *clàirsech*; ach coim. *cagarsaich* < *cagar* f.

13. [ə<sup>r</sup>a<sup>r</sup>j].

14. [əv].

15. [an], uile fireann.

16. SG *colmán* < *columb* 'calman' (às an tàinig an t-ainm pearsanta *Colum*, *Calum*).

§93 (i) (d) Cleachdar an dùnadh seo ann an ainmean fhìreannach cuideachd: *Ailean; Ciaran; Cailean*.

§93 (ii) ~*ag*<sup>17</sup>

§93 (ii) (a) Le brìgh mheanbhaich: *nìghneag* (*nighean*); *duilleag* (GT *duille* 'duilleag'); *cuileag* (GT *cuil* 'cuileag').

§93 (ii) (b) Le brìgh ionaid: *cluasag* (*cluas*); *curracag* (cuideachd *curracag*, m.e. Oftedal 1956, 142; *currac* 'seòrsa aid'); *feadag* 'seòrsa inneil-ciùil' (*fead*).<sup>18</sup> Gheibhear an dùnadh seo ann an corra ainm eòin, m.e. *feadag* (*fead*); *uiseag* (GT *uiseóg, fuiseág*); *feannag* (GT *fennóc*).<sup>19</sup>

§93 (ii) (c) Le brìgh trusaidh: *feusag* (GT *fés* 'falt').

§93 (ii) (d) Cleachdar an dùnadh seo ann an ainmean bhoireannach: *Beathag; Seonag; Mòrag*.

§93 (ii) (e) Cleachdar an dùnadh seo ann an cuid de dh'ainmean meòir (*corragan*) na làimhe: àir. 1. *an òrdag*; 2. *an sgealbag*; 5. *an lùdag*.

§93 (iii) ~*ag* + ~*an*<sup>20</sup>

M.e. *àilleagan* (GT *áille* 'bòidhchead').

§93 (iv) ~*in*<sup>21</sup>

M.e. *cailin* (SG *cailín*) §62 (vii), b-n 12. Bha na dùnaidhean meanbhach ~*án* agus ~*én* (na b' anmoiche ~*ín*) rin lorg san t-Sean Ghàidhlig. Mar bu trice, chaidh cruthan ~*én* a cho-choslachadh ri cruthan ~*án* ann an Gàidhlig na h-Albann, m.e. SG *cuilén* > GTA \**cuileán* > *cuilean*.

17. [ak], uile boireann.

18. Tàrmaichidh GA *uinneag* (agus coltas ~*ag* air) ann an SL *vindauga* 'uinneag' (Cox 2000).

19. 'S ann à GT *failenn* a tha *faoileag* fhèin, agus an dùnadh ~*ann* air a cho-choslachadh ri ~*ag*. 'S ann air thuiteamas a gheibhear ~*ag* ann an cuid de dh'ainmean eòin: *speireag* (MB *speerhauk*, *DIL*, s.v. *speróc*); *seabhag* (GT *sebac*, *sebec* < SB *heafoc*, *DIL*, s.v.); *starrag* (?SL *starr* buadh. 'cruaidh, ceann-làidir, rag', Cox 2002, 248); *arspag* (SL *svart-bak* cusp.).

20. [akan].

21. [in].

## 9 Ainmearan Sònraichte

### §94 Gnè

§94 (i) An coimeas ris an nì a shònraichear

Bidh ainmearan sònraichte fireann no boireann a rèir gnè chorporra an duine no an nì a riochdaicheas iad: *Mòrag*: boireannach, .i. boireann; *Seumas*: fireannach, .i. fireann; *Colaisde a' Chaisteil*: boireann an dèidh an ainmeir sheòrsaich *colaiste* b. §23 (v) (e) (γ).

§94 (ii) Ainmean-àite

A thaobh gnè nan ainmean-àite, bhite an dùil ris an aon rud, m.e. *Beinn Nibheis*: boireann an dèidh *beinn* b.; *Glaschu*: fireann an dèidh *baile* f.<sup>1</sup> Tha ainmean nan dùthchannan boireann §63 (ii) (b) (γ).

§94 (iii) Ainmean-àite: buadhairean leasachaidh

Is math dh'fhaodte gur h-e cleachdadh an tuiseil thabhartaich<sup>2</sup> a bhios ag adhbharachadh sèimheachadh ann am buadhairean càileach an dèidh cuid de dh'ainmean-àite, m.e. *Beàrnaraigh Mhòr* ~ *Beàrnaraigh Bheag*; *Buaileabhal Mhòr* ~ *Buaileabhal Bheag*; chan e 's gu bheil na h-ainmean fhèin boireann.<sup>3</sup>

### §95 Ciad ainmean dhaoine

§95 (i) Sèimheachadh

§95 (i) (a) Thèid ciad ainmean fhireannach a shèimheachadh san tuiseal ghinideach: *athair Mhurchaidh*; cha tèid ciad ainmean bhoireannach a shèimheachadh mar as trice: *taigh Seònaid*; *guth Màiri Sìne* (iom-sgaraich, mar eisimpleir, *Tobar Mhoire*, le sèimheachadh) §106 (iii).

§95 (i) (b) Thèid ciad ainmean a shèimheachadh an dèidh a' mhìr ghairmich: *a Mhurchaidh!*; *a Thormoid Chaluim!* (*Tormod Calum*); *a Mhàiri Sìne!*

§95 (ii) Mùthadh

§95 (ii) (a) Gabhaidh ainmean na dà ghnè mùthadh san tuiseal ghinideach: *taigh Dhonnchaidh*; *màthair Seonaig*.

---

1. Cleachdar *Glaschu* f. le Caraid nan Gàidheal (MacLeod 1829a, 106: *Glaschu mòr nan stiòpall*) agus Màiri Mhòr nan Òran (Nic a' Phearsain 1891, 54: *Glaschu mor nan stiopall àrda*; 121: *Glaschu mor nam bùithean*; 283: *Glaschu mor nan stuadhan*; 284: *Glaschu mor nan sràidean*), fhad 's a bhios *Glaschu* boireann sna *Litrichean aig Alasdair Mòr* (Macleòid 1932, 13: *Glaschu mhor nan Stiopull*; 228: *Glaschu mhor na smuide*).

2. Cox 2002, 54–55; coim. §82 (ii).

3. Coim. 'Slàn le Diùra Chreagach Chiar' (MacEacharn 1910, 98).

§95 (ii) (b) Thèid dèiligeadh ri barrachd air aon chiad ainm air an aon dòigh: *seasamh Dhomhnaill Uilleim Stiùbhairt (Domhnall Uilleam Stiùbhart*<sup>4</sup>).

## §96 Dàrna h-ainmean dhaoine

### §96 (i) Structar

Bidh dàrna h-ainmean an còmhghar ri ciad ainmean, .i. buinidh na dàrna h-ainmean do thuisseal nan ciad ainmean, m.e. *Seòras Moireasdan*, (gin.) *Sheòrais Mhoireasdain*; *Màiri Chamshron*, (gin.) *Màiri Camshroin*, (tabh.) *Màiri Chamshroin*; *Niall MacLeòid*, (gin.) *Nèill MhicLeòid*; *Murchadh Dòmhnallach*, (gin.) *Mhurchaidh Dhòmhnallaich*; *Cairistiona Ceanadach*, (gin.) *Cairistiona Ceanadaich*, (tabh.) *Cairistiona Ceanadaich*; *Iain Gobha*, (gin.) *Iain Ghobha*.

### §96 (ii) Sèimheachadh

§96 (ii) (a) Thèid dàrna h-ainmean aon-eileamaideach a shèimheachadh an dèidh ainmean pearsanta fhìreannach sna tuisealan ginideach agus gairmeach: (gin.) *ri linn Sheòrais Mhoireasdain (Seòras Moireasdan)*; (gairm.) *(a) Alasdair Chamshroin! (Alasdair Camshron)*.

§96 (ii) (b) Thèid dàrna h-ainmean aon-eileamaideach a shèimheachadh an dèidh ainmean pearsanta bhoireannach sna tuisealan bunasach, tabhartach agus gairmeach: (bun.) *Màiri Chamshron*; (tabh.) *le Seònaid Chaimbeil*; (gairm.) *a Mhàiri Chamshron!* Bidh ainmean neo-Ghàidhealach gu tric a' diùltadh sèimheachadh: *Anna Frater*.

### §96 (iii) Mùthadh

Gabhaidh dàrna h-ainmean aon-eileamaideach an dèidh ainmean pearsanta mùthadh san tuiseal ghinideach: (ann an ainmean fhìreannach, le sèimheachadh) *bàrdachd Nèill Rois (Niall Ros)*; *cruinneachadh Iain Mhoirich (Iain Moireach)*; *beatha Iain Rothaich (Iain Rothach)*; *àbhachdas Sheòrais Mhoireasdain (Seòras Moireasdan)*; *obair Alasdair Chamshroin (Alasdair Camshron)*; (ann an ainmean bhoireannach, gun sèimheachadh) *dàin Seònaid Camshroin (Seònaid Chamshron)*<sup>5</sup>. Faic, cuideachd, §95 (i) (a).

4. Cha chleachd an Stiùbhartach stràc air *Domhnall* na ainm.

5. Gun sèimheachadh ann an ainmean boireann san tuiseal ghinideach shingilte; ach gheibhear *dàin Seònaid Chamshroin* gu tric, le sèimheachadh. Gu foirmeil, dh'fhaodte caolachadh a bhith ann an tuiseal tabhartach ainmean bhoireannach, .i. *le Seònaid Chamshroin*, ach tha *le Seònaid Chamshron* cumanta.

### §97 Ainmean le *mac/nic*

§97 (i) Mùthadh ann an ainmearan a leanas

Bithear an dùil ris an tuiseal ghinideach ann an ainmean an dèidh *mac* no *nic*<sup>6</sup>: *MacLeòid* (*Leòd*); *MacDhòmhnaill* (*Dòmhnall*); *NicCoinnich* (*Coinneach*)<sup>7</sup>.

§97 (ii) Mùthadh ann am *mac/nic*

Thèid *mac* a shèimheachadh is a mhùthadh san tuiseal ghinideach: *àite-breith Ruaraidh MhicThòmais* (*Ruaraidh MacThòmais*); *ìomhaigheachd Iain Mhic a' Ghobhainn* (*Iain Mac a' Ghobhainn*); *guth Dhòmhnaill Mhic na Ceàrdaich* (*Dòmhnall Mac na Ceàrdach*). Tha *nic* do-mhùthaidh: *ginealach Seonaig NicCoinnich* (*NicCoinnich*); *beatha Diorbhail Nic a' Bhruthainn* (*Nic a' Bhruthainn*).

### §98 Ainmean le *gille*

§98 (i) Mùthadh ann an ainmearan a leanas

Bithear an dùil ris an tuiseal ghinideach ann an ainmean an dèidh *gille*: *Gilleasbaig Grannda* (*easbaig*); *Màiri NicGillEathain*<sup>8</sup>; *Alasdair MacGilleMhìcheil*.

§98 (ii) Sèimheachadh ann an *gille*

Mar as trice, cha tèid *gille* a shèimheachadh an dèidh *mac/nic*: *Somhairle MacGill-Eain*; ach gheibhear eisimpleirean far an tèid: *Gille Caluim Garbh Mac Ghille Chaluum*<sup>9</sup>.

### §99 Ainmean le *~ach* deiridh

Gheibhear ainmean le *~ach* deiridh air am bonntachadh air ainmean cinnidh

§91 (i) (b): *Calum Dòmhnallach* (*MacDhòmhnaill*); coim. *Caimbeulach* (*Caimbeul*); *Moireasdanach* (*Moireasdan*); *Leòdach* (*Leòd*); *Camshronach* (*Camshron*); gabhaidh cruthan *~ach* bonntachadh air ainmean-àite cuideachd: *Leòdhasach* (*Leòdhas*); *Hearach* (*Na Hearadh*); *Colach* (*Cola*); *Tiristeach* (*Tìriodh*)<sup>10</sup>; *Uibhisteach* (*Uibhist*); *Cruithneach* (SG *Cruithen* 'Cruithneach'). A thaobh cleachdadh an uilt, faic §54 (x). San iolra, gabhaidh cruthan mar *na*

6. Tha *nic* na ghiorrachadh air *nighean + mhic*.

7. Thèid sèimheachadh ann an *c* thoisich a bhacadh mar as trice an dèidh *mac/nic* §45 (i) (l) (α).

8. Cleachdar an litreachadh *Eain*, *Eathain* agus *eathain*, a rèir nòs an duine air a bheil an t-ainm seo.

9. B' e cruth sèimhichte a chleachdadh Somhairle MacGill-Eain na bu tràithe na bheatha, m.e. *Mac Ghill-eathain* (agus Robert Garioch, *17 Poems for 6d*, 1940), *Mac Ghill Eathain* (*Dàin do Eimhir is Dàin Eile*, 1943).

10. Le *Tiristeach* air a bhonntachadh air SL *Tyrvist* 'Tìriodh'; seach air GA *Tìriodh* fhèin.

*Leòdaich; na Dòmhnallaich; na Caimbeulaich* cleachdadh airson muinntir nam fineachan fhèin §102 (i).

### §100 Far-ainmean

§100 (i) Buadhan sònraichte

Buadhan sònraichte air an cur an cèill le buadhair no ainmear: *Iain Lom; Rob Donn; Donnchadh Bàn*.

§100 (ii) Ceàird

*Am Pìobaire Dall; An Clàrsair Dall; Màiri Mhòr nan Òran; Dòmhnall mac Fhionnlaigh nan Dàn; Iain Gobha*<sup>11</sup>.

§100 (iii) Àite

*Dòmhnall Ruadh Phàislig*<sup>12</sup>; *Dòmhnall Ruadh Chorùna*<sup>13</sup>; *Silis na Ceapaich*<sup>14</sup>.

### §101 Ainmean sinnsir

§101 (i) Le ainm an t-sinnsir

M.e. *Dòmhnall Aonghais Bhàin* (*Aonghas Bàn*).

§101 (ii) Le *mac* no *nighean*

Le *mac* no *nighean* + ainm an t-sinnsir: *Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair; Deòrsa Mac Iain Deòrsa; Iain Dubh mac Iain 'ic Ailein*<sup>15</sup>; *Mairghread nighean Lachlainn; Màiri nighean Alasdair Ruaidh; Silis nighean Mhic Raghnaill*<sup>16</sup>.

§101 (iii) Tuiteamas mùthaidh

A dh'aindeoin a' chleachdaidh nach gabh ach an t-ainmear mu dheireadh ann an sreath de dh'ainmearan cruth ginideach §72 (i) (a), obraichidh cleachdadh nas sine le ainmean pearsanta, far an gabh gach eileamaid (no sreath de dh'eileamaidean) an dèidh na ciad tè cur dhan tuiseal ghinideach: *bean Ghriogair Ruaidh MhicGhriogair* (.i. a' bhean aig Griogar Ruadh MacGhriogair); *mac Aonghais Ruaidh 'ic Nìll 'ic Dhòmhnail 'ic Dhòmhnail 'ic Iain* (.i. Dòmhnall

11. 'S ann a tha *gobha* (bun.) an còmhghar ri *Iain* an seo, .i. buinidh *gobha* dhan aon tuiseal sa bheil *Iain*: (gin.) *taigh Iain Ghobha* (*Iain Gobha*); coim. *cuimhne Aonghais Thàilleir* (*Aonghas Tàilleir*).

12. 'S ann à Uibhist a Deas a bha Dòmhnall Ruadh ach na inbheach rinn e a dhachaigh ann am Pàislig.

13. 'S ann a chaidh *Corùna* a thoirt mar ainm air croit teaghlach Dhòmhnail Ruaidh a chionn 's gun robh sinn-seanair Dhòmhnail Ruaidh aig Blàr Chorùna san Spàinn an 1809 (MacAmhlaidh 1995, xiv).

14. .i. a' Cheapach ann an Loch Abar.

15. Thèid *mhic* sèimhichte a ghiorrachadh gu *'ic* gu tric ann an ainmearan sinnsir.

16. .i. Silis na Ceapaich.

Ruadh Mac an t-Saoir, Bàrd Phàislig); *mac Aonghais Mhòir mhic Dhòmhnail mhic Raghnaill mhic Shomhairle* (.i. Aonghas Òg, dubh-ogha Shomhairle mhic Ghille Brìghde)<sup>17</sup>.

### §102 Ainmean le *clann*

§102 (i) Ainmean nam fineachan

Gu tric, thèid ainmean nam fineachan a chur an cèill le *clann*: *Clann Dhòmhnail* (na Dhòmhnallaich) §99; *Clann MhicAoidh* (na Caoidhich); *Clann MhicLeòid* (na Leòdaich); *Clann Choinnich*; *Clann Raghnaill*.

§102 (ii) Mùthadh

San tuiseal ghinideach, thèid ainm na fine a shèimheachadh: *oighreachd Chlann Dhòmhnail*; ach air uairean thèid *clann* a mhùthadh cuideachd, an dèidh *mac* > *mic* san aon suidheachadh: *oighreachd Chloinn Dhòmhnail*.

### §103 Tiotalan

§103 (i) Suidheachadh nan ainmean pearsanta

Bidh ainmean pearsanta ann an eadar-ràdh an dèidh thiotalan, .i. ged a ghabhas tiotal mùthadh, m.e. (gairm.) (*a*) *Ollaimh!*, cha ghabh an t-ainm pearsanta fhèin mùthadh, m.e. (*a*) *Ollaimh MacLeòid!*

§103 (ii) An t-alt

§103 (ii) (a) Gu dualchasach, cleachdar an t-alt le tiotalan: *a' Bhanrigh Bhiocòria*; *an Rìgh Seumas* (ach *Rìgh Seumas a Dhà* no *an dàrna Rìgh Seumas*; *mac Rìgh Seumas a Dhà*); *a' Bhana-phrionnsa Anna*; *leabhar an Deadhain Seumas MacGriogair*; *am Prionnsa Teàrlach*; *ciad mhac a' Phrionnsa Teàrlach*; *an Sagart MacLeòid*; *am Ministear NicAsgaill*; *a' Bhean-phòsta NicDhonnchaidh*; *a' Mhaighdeann Eilidh Ghreumach*; *a' Bhean-ualas Oighrig NicDhòmhnail*; *an t-Athair MacFhionghain*; *an t-Urramach Ailean Friseal*; *eaglais an Urramaich MacCoinnich*; *am Fìor Urramach Cairistiona Dhòmhnallach*; *an t-Ollamh MacLeòid*; *bàs an Ollaimh MacLeòid*; *cuimhneachain an Naoimh Calum Cille*; *an t-Athair Urramach Gòrdan MacMhuirich*; *mansa an Ollaimh Urramaich Pàdraig MacFhionnlaigh*.<sup>18</sup> Gheibhear *an Dotair MacLeòid*, ach tha *Dotair MacLeòid*, às aonais an uilt, cumanta<sup>19</sup>.

17. Na leithid *mac Choinnich Mhòir*; *mac Alasdair*; *mac Choinnich*, *mac Choinnich*, *mac Alasdair* (≈Caimbeul 1979, 2), 's ann a tha gach sreath de dh'eileamaidean an còmhghar ri chèile.

18. Sna tiotalan seo, tha *urramach* na ainmear fireann nuair a bhios e leis fhèin ach na bhuaidhair an dèidh nan ainmearan *athair* agus *ollamh*.

19. Coim. *an t-Ollamh Caol*, *an t-Uasal Maol*, 's *an Dotair Mac Iain Ghròt* (Grannd 1971, 230).

§103 (ii) (b) Cha chleachdar an t-alt le tiotalan air an leasachadh le ainm-àite, m.e. *Diùc Chataibh; Iarla Rois; Deadhan Lios Mòir*; agus cha chleachdar an t-alt leis an tiotal *maighstir: Maighstir Mac a' Phearsain*<sup>20</sup>.

§103 (iii) Giorrachaidhean

Gabhaidh cuid de na tiotalan shuas giorrachadh, mar a leanas: *Maighstir: Mgr; a' Bhean-phòsta: a' Bh-ph.; a' Mhaighdeann: a' Mh.; a' Bhean-uasal: a' Bh-uas.; an Dotair: an Dr; an t-Ollamh: an t-Oll.; an t-Urramach: an t-Urr.*

## §104 Ainmean-àite

§104 (i) Sèimheachadh

§104 (i) (a) Thèid ainmean-àite a shèimheachadh san tuiseal ghinideach: *muinntir Ghlaschu; baile Dhùn Èideann; costa Bhreatainn; stèisean Pheairt; sràidean Chomar nan Allt; drochaid Bheàrnaraigh*.<sup>21</sup>

§104 (i) (b) Air uairean, mairidh sean chruthan ann an ainmean-àite a chaidh a dhèanamh mus do thòisich sèimheachadh:

§104 (i) (b) (α) Ann an ainmean-àite a chaidh a chleachdadh gu buadhaireach ann an ainmean eile: *Ceap Breatann (Breatainn)*<sup>22</sup>.

§104 (i) (b) (β) Ann an ainmean pearsanta ginideach fireann, m.e. *Fuaran Ciaran* (Cox 2002, 104, 189, 282).

§104 (i) (b) (γ) Ann an ainmean sònraichte ginideach iolra neo-dheimhinnte, *Innse Gall* 'eileanan choigreach', .i. na h-Eileanan Siar.

§104 (ii) Mùthadh ann an ainmean-àite nas sine

Ged a tha mòran de na h-ainmean as sine do-chlaonaidh, mar as trice thèid ainmean-àite a mhùthadh san tuiseal ghinideach ma ghabhas sin dèanamh: *Diùc Bhòid (Bòd); cidhe Steòrnabhaigh (Steòrnabhagh); Siorrachd Rois (Ros); a*

20. Anns an ainm *Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair*, chaidh tiotal is ainm athair a' bhàird (.i. *Maighstir Alasdair*) a làimhseachadh le chèile mar aonad san tuiseal ghinideach; às a seo sèimheachadh.

21. A thaobh ainmean sònraichte nach eil nan ainmean pearsanta no àite, a leithid ainmean bhuidhnean, sgoiltean, oilthighean 7c, gheibhear sèimheachadh san tuiseal ghinideach cuideachd, m.e. *oifisean Bhòrd na Gàidhlig; cuairt-litir Chomhairle nan Leabhraichean*; ach tha cleachdadh neo-chunbhalach ann an suidhichean mar seo.

22. Coltach ris an ainm *Dùn Breatann*, nochdaidh an t-ainm *Ceap Breatann* sean chruth ginideach iolra an fhacail *Breatann* 'Breatannach', gun mhùthadh, gun sèimheachadh. Tha an t-ainm-àite *Breatann* boireann agus, an-diugh, cleachdar mar as trice an cruth claon *Breatainn*, (gin.) *Bhreatainn*, ged a gheibhear *Breatann*, (gin.) *Bhreatainn* corra uair. Coim. *Sasann* b., (gin.) *Shasann*; mar as trice an-diugh *Sasainn*, (gin.) *Shasainn*.

dh'ionnsaigh **Idhe** (Ì); fèis **a' Ghearasdain** (an Gearasdan); bàgh **an Òbain** (an t-Òban).

§104 (iii) Ainmean-àite a tha nan abairtean ainmearach

Thèid ainmean-àite a tha nan abairtean ainmearach a chlaonadh air an dòigh àbhaistich: (bun.) *An t-Eilean Dubh*, (gin.) *chun an Eilein Duibh*, (tabh.) *san Eilean Dubh* §45 (i) (l) (α); ach diùltaidh cuid dhiubh làn-chlaonadh, m.e. *mun cuairt Lios Mòir* (*Lios Mòr*; na bu tràithe (gin.) *Lios Mhòir*).

§104 (iv) Buadhairean ro-shuidhichte

Gheibhear seann eisimpleirean de bhuaidhairean ro-shuidhichte ann an ainmean-àite, far nach bite an dùil riutha an-diugh §121 (v), m.e. *an Dubh-Sgeir* (ri taobh *an Sgeir Dhubh*); *a' Ghlas-Bheinn* (ri taobh *a' Bheinn Ghlas*); *an Cam-Allt* (ri taobh *an t-Allt Cam*).

§104 (v) Co-rèir air a bhriseadh

Air uairean, brisidh ainmean-àite riaghailtean co-rèir, m.e. *Loch a' Bhaile na Dùine*, far a bheil dà alt §53 (vi) (b) agus dà ainmear san aon sreath san tuiséal ghinideach §72 (i) (a); ach 's e eachdraidh an ainme as adhbhar dha seo: 's e *Loch a' Bhaile* ainm an locha a bhuineas do bhaile air a bheil *an Dùn* (an Leòdhas) mar ainm.

## §105 Dàimh àiteil

§105 (i) Dreuchd an tuiséal ghinidich

Cleachdar an tuiséal ginideach gus dàimh àiteil a chur an cèill, m.e. *Bealach Caol a' Bhalla Ghuirm* 'am bealach caol *bhos cionn a' bhalla ghuirm*'; *Cnoc na Crìche* 'an cnoc *ri taobh na crìche*' (Cox 2002, 61).

§105 (ii) Roimhearann le ainmean-àite

A thaobh nan roimhearann a chleachdar còmhla ri ainmean-àite, gheibhear cleachdadh ionadail air uairean far am buin na roimhearann ri prìomh chèill an ainme, m.e. *air a' Chàrnan* (*càrnan* 'cnoc'); *air a' Bhac* (*bac* 'leathad'); *air an Dùn* (*dùn* 'borgh'); *bhon Càrnan*; *bhon Bac*; *bhon Dùn*; *aig a' Chachaileith Mhòir* (*cachaileith* 'geata'); *bhon Chachaileith Mhòir*; *anns an Àird Mhòir* (*àird* 'rubha'); *às an Àird Mhòir* (*ibid.*, 61–62).

## §106 Roinnean na bliadhna

§106 (i) Ainmean nan làithean

§106 (i) (a) *Diluain*; *Dimàirt*; *Diciadain*; *Diardaoin*; *Dihaoine*; *Disathairne*; *Didòmhnaich*<sup>23</sup> no *Latha na Sàbaid*/*Sàboinn*/*Sàboinnt*.

23. Airson tùs nan ainmean seo, faic §4 (ii) (b) (α), b-n 12.

§106 (i) (b) Gus madainn, feasgar no oidhche latha a ainmeachadh, cleachdar: *madainn Diluain* 7c; *feasgar Dimàirt* 7c; *oidhche Luain*; *oidhche Mhàirt*; *oidhche Chiadain*; *oidhche Ardaoin*; *oidhche h-Aoine*; *oidhche Shathairne*; *oidhche Dhidòmhnaich*, *oidhche Dhòmhnach* no *oidhche na Sàbaid* 7c.<sup>24</sup>

§106 (ii) Làithean sònraichte

*Oidhche Challainn*; *a' Challainn*, *Latha na Bliadhna Ùire*; *Oidhche Bhurns*; *Latha nam Màthair/Màthraichean*; *Latha na Gogaireachd/Gocaireachd*; *Dihaoine na Càisge/na Ceusta/a' Cheusaidh*; *a' Chàisg*, *Latha na Càisge*; *Diluain na Càisge*; *Bealltainn*, *Latha (Buidhe) Bealltainn*; *Oidhche Shamhna*; *Oidhche nan Teintean-aighir*; *Latha nan Cuimhneachan*; *Oidhche nam Bannag*; *an Nollaig*, *Latha na Nollaige*; *Latha nam Bogsa*.

§106 (iii) Làithean nam fèillean

*Latha Fhèill Brìghde* (1 Gearran); *Latha Fhèill Uailein* (14 Gearran); *Latha Fhèill Pàdraig* (17 Màrt); *Latha Fhèill Caluim Cille* (9 Ògmhios); *Latha Fhèill Eòin* (24 Ògmhios); *Latha Fhèill Micheil* (29 Sultain); *Latha Fhèill Anndra* (30 Samhain).<sup>25</sup>

24. Thèid sèimheachadh ann an ainm an latha an dèidh *madainn* a bhacadh agus fuaimean (*nm + d*) air an altachadh san aon àite §45 (i) (l) ( $\alpha$ ); tha sèimheachadh an dèidh *feasgar* a' sìoladh às, a rèir choltais fo bhuaidh *madainn Diluain* 7c. Gheibhear *oidhche Dhiluain* 7c air uairean cuideachd.

25. 'S ann às an t-Sean Ghreugais Ἀνδρέας ('Andreas') a tha an t-ainm fireannaich Gàidhlig *Aindreas*. Ged a b' urrainn do làimh a bhith aig L *Andreās* (às an t-Sean Ghreugais, mar an ceudna) sa chùis, b' e GA *Aindreas* (air fhuaimneachadh \**Ainndreas*) an cruth a thionndaidh Greugais a' Bhìobaill bho chiad fhoillseachadh Gàidhlig an Tiomnaidh Nuaidh (1767) agus a chleachdte gu faisg air deireadh na 20mh linne.

Ged a bhiodh dùnaidhean eadar-dhealaichte aig an fhacal Ghreugais sna tuisealan fa leth (Marc 13:3 (ainm.) Ἀνδρέας (-as), Mata 4:18 (cusp.) Ἀνδρέαν (~an), Eòin 1:44 (gin.) Ἀνδρέου (-ou)), chaidh an rèiteachadh sa Ghàidhlig mar *Aindreas* sna tuisealan bunasach agus tabhartach, agus *Aindreis* – sgrìobhte *Ainndrais* – san tuiseal ghinideach (agus san tuiseal ghairmeach). Air a bhonntachadh air *Aindreas*, chaidh an t-ainm Gàidhlig *Gille Aindreis* (*GillAinndrais*) a chruthachadh, agus chaidh sin fhèin air iasad dhan Bheurla mar *Gillanders*; chaidh an sloinneadh *MacGillAinndrais* a stèidheachadh air an aon chruth.

'S e an cruth *Aindrea* no, nas cumanta, *Anndra* (gun *s* dheiridh) as trice a gheibhear an-diugh airson an ainme phearsanta agus 's iongantach mura h-ann an dèidh na Beurla Gallta *Andra*, *Andrew* a thàrmaicheas sin. (Ri taobh *Aindrea* caol ~ *Anndra* leathann, gheibhear *Aindreas* ~ *Anndras* cuideachd.) A thaobh cruth an Tiomnaidh Nuaidh, chaidh sin ùrachadh gu *Anndras* (m.e. 1992) agus gu *Anndra* (m.e. 1980, 2010).

B' e *Aindreas* no *Anndras* a bh' air an naomh den ainm sin, naomh anaclaidh (dìona) na h-Albann, agus b' e *Fèill Aindreis* (*Anndrais*) latha cuimhneachaidh no latha fèise an naoimh. Ann an seòrsa de dhùblachadh, thugadh *Latha Fhèill Aindreis* (*Anndrais*) air an fhèill, 's dòcha an dèidh na Beurla *St Andrew's Day*. 'S e *Latha Fhèill Anndrais* an cruth as cumanta a chithear an-diugh.

## §106 (iv) Ainmean nam mìosan

§106 (iv) (a) *am Faoilleach* no *am Faoilteach*; *an Gearran*; *am Màrt*; *an Giblean*; *an Cèitean* no *a' Mhàigh* no *Bealltainn*; *an t-Ògmhios*; *an t-Iuchar*; *an Lùnastal*; *an t-Sultain*; *an Dàmhair*; *an t-Samhain*; *an Dùbhlachd*. 'S e *am Faoilleach* ainm ciad mhìos na bliadhna an-diugh, ach, ann an cleachdadh nas sine, thèid mìosan na bliadhna ainmeachadh an dèidh nan ràitheachan, mar a leanas:

<i>An Gearran</i>	<i>ciad mhìos</i>	}	<i>an earraich</i>
<i>Am Màrt</i>	<i>dara mìos</i>		
<i>An Giblean</i>	<i>treas mìos</i>		
<i>An Cèitean</i>	<i>ciad mhìos</i>	}	<i>an t-samhraidh</i>
<i>An t-Ògmhios</i>	<i>dara mìos</i>		
<i>An t-Iuchar</i>	<i>treas mìos</i>		
<i>An Lùnastal</i>	<i>ciad mhìos</i>	}	<i>an fhoghair</i>
<i>An t-Sultain</i>	<i>dara mìos</i>		
<i>An Dàmhair</i>	<i>treas mìos</i>		
<i>An t-Samhain</i>	<i>ciad mhìos</i>	}	<i>a' gheamhraidh</i>
<i>An Dùbhlachd</i>	<i>dara mìos</i>		
<i>Am Faoilleach</i>	<i>treas mìos</i>		

§106 (iv) (b) Gus iomradh ann an sgrìobhadh a thoirt air latha, mìos is bliadhna le chèile, cleachdar cruth slàn no cruth goirid, a rèir co-theagsa, m.e. 13/7/16: *an treas latha deug den Iuchar 2016*; *an 13s latha den Iuchar 2016*; *13 Iuchar 2016*.

A rèir choltais, cha b' e latha a ghlèidhte aig mòran a bh' anns an deicheamh latha air fhichead den t-Samhain ann an Albainn: ann an suirbhidh a rinneadh ann an 2001 leis a' Famous Grouse (<<http://news.bbc.co.uk/1/hi/scotland/1675460.stm>> – 11/7/16), cha b' aithne ach do 22% de luchd na dùthcha dè an latha air an glèidhte *Latha Fhèill Anndrais*; an aghaidh sin, b' aithne do 64% cuin a ghlèidhte latha-breith Raibeirt Bhurns. Agus cha b' ann gu 2007 a chaidh latha deireannach na Samhna a dhèanamh na fhèill-banca (saor-thoileach) an Albainn le Pàrlamaid na h-Albann.

Le dìth cleachdaidh no dìth eòlais, chithear corra oidhirp air an abairt *Latha Fhèill Anndrais* a chur an cèill an-diugh, agus *Latha Fhèill Anndra*, le cruth cumanta an ainme phearsanta san latha an-diugh, nam measg. 'S ann a chaidh abairtean mar *Fèill Anndrais* a chruthachadh mus deach sèimheachadh ann an ainmearan ginideach fhìreannach na àbhaist, m.e. *Fèill Micheil* gun sèimheachadh, an àite \**Fèill Mhìcheil* an dèidh riaghailtean Gàidhlig an latha an-diugh, ged a bha *Micheal* san tuiseal ghinideach; nochdaidh an t-aon rud ann an seann abairtean eile, mar *Latha Bealltainn*, i. a' chiad latha den Chèitean. Nuair a chaidh abairtean mar *Fèill Micheil* a dhùblachadh leis an fhacal *latha*, chaidh ciad litir nan abairtean, mar a thachras le ainmearan sònraichte gu tric §45 (i) (a) (γ), a shèimheachadh, i. *Latha Fhèill Anndrais* 7c. San abairt *Latha Fhèill Brìghde*, 's e ainm bana-naoimh a th' againn ann am *Brìghde* (SG *Brìgit*, (gin.) *Brìgte*) agus cha bhite an dùil ri sèimheachadh ann an ainm boireannaich san tuiseal ghinideach sa chuid mhòir de dhualchaintean co-dhiù §95 (i) (a).

## §106 (v) Ainmean nan ràitheachan

§106 (v) (a) *an t-earrach; an samhradh; am fhoghar/am fomhar* §23 (ii) (f) (ð), b-n 74; *an geamhradh*.

§106 (v) (b) A thuilleadh air na cruthan *anns an earrach; anns an t-samhradh; anns an fhoghar; anns a' gheamhradh*, gheibhear na cruthan goirid *as t-earrach; as t-samhradh; as t-fhoghar; sa gheamhradh*<sup>26</sup>.

## §106 (vi) Ainmean nam bliadhnaichean

Ainmichear na bliadhnaichean a rèir nan ceud no nam mìle aig an toiseach agus a rèir nam fichead no nan deich aig an deireadh, m.e. Blàr na Leargaidh: *dà cheud deug trì fichead 's a trì; Foirm na n-Urrnuidheadh*<sup>27</sup>: *còig cheud deug trì fichead 's a seachd*; Blàr Inbhir Lòchaidh: *sia ceud deug dà fhichead 's a còig*; Blàr Shliabh an t-Siorraim: *seachd ceud deug 's a còig-deug*; rugadh Donnchadh Bàn: *seachd ceud deug fichead 's a ceithir*; Blàr Chùil Lodair: *seachd ceud deug dà fhichead 's a sia*; Achd an Toirmisg<sup>28</sup>: *seachd ceud deug dà fhichead 's a seachd*; murt Chailein Chaimbeil: *seachd ceud deug leth-cheud 's a dhà*; thog a' Hector oirre: *seachd ceud deug trì fichead 's a trì-deug*; rugadh Caraid nan Gàidheal: *seachd ceud deug ceithir fichead 's a trì*; chaochail Fionnghala NicDhòmhnaill: *seachd ceud deug ceithir fichead 's a deich*; Blàr a' Bhràighe: *ochd ceud deug ceithir fichead 's a dhà*; Achd nan Croitearan: *ochd ceud deug ceithir fichead 's a sia*; stèidheachadh a' Chomuinn Ghàidhealaich: *ochd ceud deug ceithir fichead 's a h-aon-deug*; rugadh Somhairle MacGill-Eain: *naoi ceud deug 's a h-aon-deug*; call na h-Iolair: *naoi ceud deug 's a naoi-deug*; fàsachadh Hirt: *naoi ceud deug fichead 's a deich*; Achd na Gàidhlig: *dà mhìle 's a còig*.

26. Chaidh na cruthan *anns an earrach/san earrach* agus *anns an fhoghar/san fhoghar* a cho-choslachadh ris a' ghiorrachadh *as t-samhradh* (< *anns an t-samhradh*).

27. B' e seo a' chiad leabhar a chaidh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig.

28. Chaidh cur às dhan Achd chuingealaidh seo air 1 Iuchar 1782.

## 10 Am Buadhair

### §107 Mineachadh is seòrsa

Tha BUADHAIR na fhacal a bheir tuairisgeul air ainmear no riochdair, no a leasaicheas a chiall; 's e buadhairean a tha ann am facail mar *mòr*; *gorm*; *sgìth* 7c. Cuiridh am buadhair ri nàdar an ainmeir: *airgead ruadh* 'buinn copair'; *ann an ùine ghoirid* 'ann an ùine gun a bhith fada'; *tha iad ciallach* 'tha iad glic'. Tha am buadhair de dhà sheòrsa: fàisneach §108 agus càileach §109.

### §108 Am buadhair fàisneach

§108 (i) Co-rèir is aonta

§108 (i) (a) Nochdaidh AM BUADHAIR FÀISNEACH<sup>1</sup>

§108 (i) (a) (α) Aon chuid an dèidh a' chùiseir:

GNÌOMHAIR	CÙISEAR	BUADHAIR FÀISNEACH
<i>tha</i>	<i>an gille còir</i>	<i>beag</i>

§108 (i) (a) (β) No, ann an rosgrannan leis a' ghnìomhair IS §303, an dèidh a' ghnìomhair:

GNÌOMHAIR	BUADHAIR FÀISNEACH	CÙISEAR
<i>is</i>	<i>beag</i>	<i>an t-iongnadh</i>

§108 (i) (b) Cha tèid am buadhair fàisneach a mhùthadh mar thoradh air uimhir, gnè no tuiseal a' chùiseir:

GNÌOMHAIR	CÙISEAR	BUADHAIR FÀISNEACH
<i>tha</i>	<i>an nighean bheag</i>	<i>brèagha</i>
<i>bha</i>	<i>taighean-dubha</i>	<i>beag</i>
<i>bhiodh</i>	<i>na flùraichean dearga</i>	<i>snog</i>
<i>chaidh</i>	<i>na bodaich bhochda</i>	<i>dall</i>
GNÌOMHAIR	BUADHAIR FÀISNEACH	CÙISEAR
<i>nach</i>	<i>math</i>	<i>sin</i>

§108 (ii) Dùblachadh

Gabhaidh buadhairean fàisneach dùblachadh air adhbharan sìnidh: *tha i teth teth*, .i. tha i glè theth.

Airson cho-ghnìomhairean ìre, faic §427.

---

1. Leasaichidh *buadhair fàisneach* a ainmear (no a riochdair) gu neo-dhireach, agus an gnìomhair gan ceangal ri chèile: *tha + an gille + beag*; *is math sin*.

### §109 Am buadhair càileach

Nochdaidh AM BUADHAIR CÀILEACH<sup>2</sup> còmhla ri a ainmear. Thig am buadhair càileach IAR-SHUIDHICHTE an dèidh a ainmeir, m.e. *an duine bochd* §110 (i). Thig am buadhair càilich RO-SHUIDHICHTE air thoiseach air a ainmear, m.e. *an droch shìde* §121.

### §110 Am buadhair càileach iar-shuidhichte

#### §110 (i) Co-rèir

Mar a shùilichear bho a ainm, thig am buadhair càileach iar-shuidhichte an dèidh a ainmeir, m.e. *an nighean bheag; taighean-dubha; a' chlann òg; na flùraichean dearga sin; na daoine dripeil; an t-euslainteach truagh; na bodaich bhochda*.

#### §110 (ii) Òrdugh nam buadhairean

Ann an sreath de bhuaidhairean càileach iar-shuidhichte, nochdaidh iad san òrdugh a rèir meud, buaidh agus datha, m.e. *cù mòr brèagha dubh; bòrd beag gleansach donn* (MacAulay 1992, 201); agus thig iad air thoiseach air na riochdairean *uile* §233 agus/no *eile* §224 agus/no riochdair sònrachaidh §207, m.e. *na coin mhòra ghrànda dhubha uile eile sin*.

#### §110 (iii) Dùblachadh

Gabhaidh buadhairean càileach iar-shuidhichte dùblachadh air adhbharan sinidh: *b' e latha math math a bh' ann*, i. b' e latha air leth math a bh' ann.

Airson cho-ghnìomhairean ìre, faic §427.

### §111 Claonadh a' bhuaidhair chàilich iar-shuidhichte

'S e CLAONADH an dòigh no am pàtran air am bi facal ag atharrachadh a chruth a rèir an t-suidheachaidh sam bi e ann an rosgann. Tha buadhairean aon chuid ION-CHLAONADH §112–§118 no DO-CHLAONADH §120.

### §112 Aonta a' bhuaidhair chàilich iar-shuidhichte

#### §112 (i) Singilte is deise

Bidh buadhair càileach iar-shuidhichte singilte agus deise ag aontachadh ri uimhir, gnè agus tuiseal a ainmeir, m.e. (bun. sg. fir.) *fear beag*; (bun. sg. boir.) *tè bheag*; (gin. sg. fir.) *guth an fhir bhig*; (gin. sg. boir.) *guth na tè bige*.

#### §112 (ii) Iolra

Ach cha chomharraichear gnè no tuiseal ann am buadhairean càileach iar-shuidhichte iolra: (bun. iol.) *na bailtean beaga* (*baile f.*); (tabh. iol.) *air beanntan beaga* (*beinn b.*).

---

2. Leasaichidh buadhair càileach a ainmear gu dìreach, gun ghnìomhair gan ceangal: *tha an duine beag trang; tha an nighean bheag trang*.

## §112 (iii) Sreathan de bhuaidhairean

Leanaidh aonta ris an ainmear ann am buadhairean san aon sreath: (bun. sg. fir.) *fear beag diùid*; (bun. sg. boir.) *tè bheag dhiùid*; (gin. sg. fir.) *guth an fhir bhig dhiùid*; (gin. sg. boir.) *guth na tè bige diùide*.

## §113 Sèimheachadh anns a' bhuaidhair chàileach iar-shuidhichte

Thèid buadhair càileach iar-shuidhichte a shèimheachadh (✓) an dèidh a ainmeir a rèir uimhir, tuiseal, gnè agus/no deimhinneachd an ainmeir:

	SINGILTE				DEISE				IOLRA			
	FIREANN		BOIREANN		FIREANN		BOIREANN		FIREANN		BOIREANN	
	NEO-DH.	DEIMH.	NEO-DH.	DEIMH.	NEO-DH.	DEIMH.	NEO-DH.	DEIMH.	NEO-DH.	DEIMH.	NEO-DH.	DEIMH.
BUN.	✗	✗	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✗†	✗†	✗†	✗†
GIN.	✓	✓	✗	✗	✓	✓	✗	✗	✗†	✗†	✗†	✗†
TABH.	✗	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✗†	✗†	✗†	✗†
GAIRM.	✓		✓		✓		✓		✗		✗	

†Thèid buadhair a shèimheachadh an dèidh ainmeir iolra ma bhios litir chaol aig deireadh an ainmeir, m.e. *caoraich mhaola*; *fir chalma*.

## §114 Rangannan a' bhuaidhair chàilich iar-shuidhichte

Gabhaidh am buadhair càileach iar-shuidhichte roinn ann an ceithir rangannan §115–§117.

## §115 Rang I

## §115 (i) Aon-lideach; dùnadh leathann

Buinidh buadhairean aon-lideach agus connrag leathann aig an deireadh aca do Rang I, m.e. *bàn*; *glan*; *dall*; *daor*; *grod*; *bog*; *mòr*; *ùr*; *dubh*; *luath*; *beag*; *dearg*; *geur*; *liath*; *fionn*; *fior*; *fliuch*.

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balach mòr</i> <i>am balach mòr</i>	<i>caileag mhòr</i> <i>a' chaileag mhòr</i>
GIN.	<i>balaich mhòir</i> <i>a' bhalaich mhòir</i>	<i>caileige mòire</i> <i>na caileige mòire</i>
TABH.	<i>balach mòr †</i> <i>a' bhalach mhòr</i>	<i>caileig mhòir</i> <i>a' chaileig mhòir</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich mhòir</i>	<i>a chaileag mhòr</i>

†San tuiseal thabhartach, cha tèid buadhair càileach iar-shuidhichte a shèimheachadh an dèidh ainmeir fhireann gun an t-alt, m.e. *bha e na bhalach beag aig an àm*.

DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>dà bhalach mhòr</i> <i>an dà bhalach mhòr</i>	<i>dà chaileig mhòir †</i> <i>an dà chaileig mhòir</i>
GIN.	<i>dà bhalaich mhòir</i> <i>an dà bhalaich mhòir</i>	<i>dà chaileige mòire</i> <i>na dà chaileige mòire</i>
TABH.	<i>dà bhalach mhòr</i> <i>an dà bhalach mhòr</i>	<i>dà chaileig mhòir</i> <i>an dà chaileig mhòir</i>
GAIRM.	<i>a dhà bhalaich mhòir</i>	<i>a dhà chaileig mhòir</i>

†Thèid buadhair càileach a chaolachadh an dèidh ainmeir bhoireann san tuiseal bhunasach dheise.

IOLRA	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balaich mhòra †</i> <i>na balaich mhòra</i>	<i>caileagan mòra</i> <i>na caileagan mòra</i>
GIN.	<i>bhalach mòra</i> <i>nam balach mòra</i>	<i>chaileagan mòra</i> <i>nan caileagan mòra</i>
TABH.	<i>balaich mhòra</i> <i>na balaich mhòra</i>	<i>caileagan mòra</i> <i>na caileagan mòra</i>
GAIRM.	<i>a bhalacha mòra</i>	<i>a chaileagan mòra</i>

†Thèid buadhair càileach a shèimheachadh ma bhios litir dheiridh chaol aig an ainmeir.

### §115 (ii) Mùthadh sa bhuidheann ann an Rang I

SINGILTE			DEISE			IOLRA
BUN. f./b. TABH. f. GAIRM. b.	GIN. f. TABH. b. GAIRM. f.	GIN. b.	BUN. f. TABH. f. GAIRM. f.	GIN. f. BUN. b. TABH. b. GAIRM. b.	GIN. b.	BUN. GIN. TABH. GAIRM.
<i>bàn</i>	<i>bàin</i>	<i>bàine</i>	<i>bàn</i>	<i>bàin</i>	<i>bàine</i>	<i>bàna</i>
<i>glan</i>	<i>glain</i>	<i>glaine</i>	<i>glan</i>	<i>glain</i>	<i>glaine</i>	<i>glana</i>
<i>dall</i>	<i>doill</i>	<i>doille</i>	<i>dall</i>	<i>doill</i>	<i>doille</i>	<i>dalla</i>
<i>daor</i>	<i>daoir</i>	<i>daoire</i>	<i>daor</i>	<i>daoir</i>	<i>daoire</i>	<i>daora</i>
<i>grod</i>	<i>groid</i>	<i>groide</i>	<i>grod</i>	<i>groid</i>	<i>groide</i>	<i>groda</i>
<i>bog</i>	<i>buig</i>	<i>buige</i>	<i>bog</i>	<i>buig</i>	<i>buige</i>	<i>boga</i>
<i>mòr</i>	<i>mòir</i>	<i>mòire</i>	<i>mòr</i>	<i>mòir</i>	<i>mòire</i>	<i>mòra</i>
<i>ùr</i>	<i>ùir</i>	<i>ùire</i>	<i>ùr</i>	<i>ùir</i>	<i>ùire</i>	<i>ùra</i>
<i>dubh</i>	<i>duibh</i>	<i>duibhe</i>	<i>dubh</i>	<i>duibh</i>	<i>duibhe</i>	<i>dubha</i>
<i>luath</i>	<i>luaith</i>	<i>luaithe</i>	<i>luath</i>	<i>luaith</i>	<i>luaithe</i>	<i>luatha</i>
<i>beag</i>	<i>big</i>	<i>bige</i>	<i>beag</i>	<i>big</i>	<i>bige</i>	<i>beaga</i>
<i>dearg</i>	<i>deirg</i>	<i>deirge</i>	<i>dearg</i>	<i>deirg</i>	<i>deirge</i>	<i>dearga</i>
<i>geur</i>	<i>gèir</i>	<i>gèire</i>	<i>geur</i>	<i>gèir</i>	<i>gèire</i>	<i>geura</i>

<i>liath</i>	<i>lèith</i>	<i>lèithe</i>	<i>liath</i>	<i>lèith</i>	<i>lèithe</i>	<i>liatha</i>
<i>fionn</i>	<i>finn</i>	<i>finne</i>	<i>fionn</i>	<i>finn</i>	<i>finne</i>	<i>fionna</i>
<i>fior</i>	<i>fìr</i>	<i>fire</i>	<i>fior</i>	<i>fìr</i>	<i>fire</i>	<i>fiora</i>
<i>fliuch</i>	<i>flich</i>	<i>fliche</i>	<i>fliuch</i>	<i>flich</i>	<i>fliche</i>	<i>fliucha</i>

## §115 (iii) Buadhairean coltach

**bàn:** làn; slàn; **glan:** cam; cas; glas; lag; math<sup>3</sup> (dualchainnteach, maith §116); **dall:** mall; **daor:** caol; maol (dualchainnteach, maoil §116); **naomh;** saor; **grad:** moch; **bog:** borb; crom; donn; dorch; gorm; lom; pronn; trom; olc; **mòr:** òg; **ùr:** dùr; **beag:** breac; geal; **dearg:** ceart<sup>4</sup>; deas; searbh; teann; tearc; **geur:** treun; beur; **liath:** cian; ciar; dian; fial; **fior:** crìon; **fliuch:** tiugh.

## §116 Rang II

## §116 (i) Aon-lideach; dùnadh caol

Buinidh buadhairean aon-lideach agus connrag dheiridh chaol aca do Rang II, m.e. **maith** (*math* §115); **faoin;** **còir;** **sèimh** (*sèamh* §120 (ii)); **glic;** **mìn;** **cùin.**

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balach còir</i> <i>an balach còir</i>	<i>caileag chòir</i> <i>a' chaileag chòir</i>
GIN.	<i>balaich chòir</i> <i>a' bhalaich chòir</i>	<i>caileige còire</i> <i>na caileige còire</i>
TABH.	<i>balach còir †</i> <i>a' bhalach chòir</i>	<i>caileig chòir</i> <i>a' chaileig chòir</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich chòir</i>	<i>a chaileag chòir</i>

†San tuiseal thabhartach, cha tèid buadhair càileach a shèimheachadh an dèidh ainmeir fhireann gun an t-alt.

DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>dà bhalach chòir</i> <i>an dà bhalach chòir</i>	<i>dà chaileig chòir</i> <i>an dà chaileig chòir</i>
GIN.	<i>dà bhalaich chòir</i> <i>an dà bhalaich chòir</i>	<i>dà chaileige còire</i> <i>na dà chaileige còire</i>
TABH.	<i>dà bhalach chòir</i> <i>an dà bhalach chòir</i>	<i>dà chaileig chòir</i> <i>an dà chaileig chòir</i>
GAIRM.	<i>a dhà bhalaich chòir</i>	<i>a dhà chaileig chòir</i>

3. No do-chlaonaidh.

4. No do-chlaonaidh.

IOLRA	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balaich chòire † na balaich chòire</i>	<i>caileagan còire na caileagan còire</i>
GIN.	<i>bhalach còire nam balach còire</i>	<i>chaileagan còire nan caileagan còire</i>
TABH.	<i>balaich chòire na balaich chòire</i>	<i>caileagan còire na caileagan còire</i>
GAIRM.	<i>a bhalacha còire</i>	<i>a chaileagan còire</i>

†Thèid buadhair càileach a shèimheachadh ma bhios litir dheiridh chaol aig an ainmear.

### §116 (ii) Mùthadh sa bhuadhair ann an Rang II

SINGILTE		DEISE		IOLRA
BUN. f./b.	GIN. b.	BUN. f./b.	GIN. b.	BUN.
GIN. f.		GIN. f.		GIN.
TABH. f./b.		TABH. f./b.		TABH.
GAIRM. f./b.		GAIRM. f./b.		GAIRM.
<i>maith</i>	<i>maithe</i>	<i>maith</i>	<i>maithe</i>	<i>maithe</i>
<i>faoin</i>	<i>faoine</i>	<i>faoin</i>	<i>faoine</i>	<i>faoine</i>
<i>còir</i>	<i>còire</i>	<i>còir</i>	<i>còire</i>	<i>còire</i>
<i>sèimh</i>	<i>sèimhe</i>	<i>sèimh</i>	<i>sèimhe</i>	<i>sèimhe</i>
<i>glic</i>	<i>glice</i>	<i>glic</i>	<i>glice</i>	<i>glice</i>
<i>mìn</i>	<i>mìne</i>	<i>mìn</i>	<i>mìne</i>	<i>mìne</i>
<i>ciùin</i>	<i>ciùine</i>	<i>ciùin</i>	<i>ciùine</i>	<i>ciùine</i>

### §116 (iii) Buadhairean coltach

*faoin*: *maoil* (*maol* §115); *sèimh*: *rèidh*; *glic*: *binn*; *tinn*; *mìn*: *sgìth*.

### §117 Rang III

#### §117 (i) Ioma-lideach ann an ~*ach*; ~*mhor*/~*ar*

Buinidh buadhairean ioma-lideach aig a bheil an dùnadh ~*ach* §125 no ~*mhor*/~*ar* §128 do Rang III, m.e. *carach*; *deatamach*; *beartach*; *direach*; *cinnteach*; *maiseach*; *luachmhor*; *gaothar*; *càilear*.

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balach carach am balach carach</i>	<i>caileag charach a' chaileag charach</i>
GIN.	<i>balaich charaich a' bhalach charaich</i>	<i>caileige caraich(e) na caileige caraich(e)</i>

TABH.	<i>balach carach †</i> <i>a' bhalach charach</i>	<i>caileig charaich</i> <i>a' chaileig charaich</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich charaich</i>	<i>a chaileag charach</i>

†San tuiséal thabhartach, cha tèid buadhair càileach a shèimheachadh an dèidh ainmeir fhireann gun an t-alt.

DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>dà bhalach charach</i> <i>an dà bhalach charach</i>	<i>dà chaileig charaich †</i> <i>an dà chaileig charaich</i>
GIN.	<i>dà bhalaich charaich</i> <i>an dà bhalaich charaich</i>	<i>dà chaileige caraich(e)</i> <i>na dà chaileige caraich(e)</i>
TABH.	<i>dà bhalach charach</i> <i>an dà bhalach charach</i>	<i>dà chaileig charaich</i> <i>an dà chaileig charaich</i>
GAIRM.	<i>a dhà bhalaich charaich</i>	<i>a dhà chaileig charaich</i>

†Thèid buadhair càileach a chaolachadh an dèidh ainmeir bhoireann san tuiséal bhunasach dheise.

IOLRA	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balaich carach †</i> <i>na balaich charach</i>	<i>caileagan carach</i> <i>na caileagan carach</i>
GIN.	<i>bhalach carach</i> <i>nam balach carach</i>	<i>chaileagan carach</i> <i>nan caileagan carach</i>
TABH.	<i>balaich carach</i> <i>na balaich charach</i>	<i>caileagan carach</i> <i>na caileagan carach</i>
GAIRM.	<i>a bhalacha carach</i>	<i>a chaileagan carach</i>

†Thèid buadhair càileach a shèimheachadh ma bhios litir dheiridh chaol aig an ainmeir.

### §117 (ii) Mùthadh sa bhudhair ann an Rang III

SINGILTE		DEISE		IOLRA
BUN. f./b.	GIN. f./b.	BUN. f.	BUN. b.	BUN.
TABH. f.	TABH. b.	TABH. f.	GIN. f./b.	GIN.
GAIRM. b.	GAIRM. f.		TABH. b.	TABH.
			GAIRM. f./b.	GAIRM.
<i>carach</i>	<i>caraich</i>	<i>carach</i>	<i>caraich</i>	<i>carach</i>
<i>salach</i>	<i>salaich</i>	<i>salach</i>	<i>salaich</i>	<i>salach</i>
<i>deatamach</i>	<i>deatamaich</i>	<i>deatamach</i>	<i>deatamaich</i>	<i>deatamach</i>
<i>beartach</i>	<i>beartaich</i>	<i>beartach</i>	<i>beartaich</i>	<i>beartach</i>

<i>dìreach</i>	<i>dìrich</i>	<i>dìreach</i>	<i>dìrich</i>	<i>dìreach</i>
<i>cinnteach</i>	<i>cinntich</i>	<i>cinnteach</i>	<i>cinntich</i>	<i>cinnteach</i>
<i>maiseach</i>	<i>maisich</i>	<i>maiseach</i>	<i>maisich</i>	<i>maiseach</i>
<i>luachmhor</i>	<i>luachmhoir</i>	<i>luachmhor</i>	<i>luachmhoir</i>	<i>luachmhor</i>
<i>gaothar</i>	<i>gaothair</i>	<i>gaothar</i>	<i>gaothair</i>	<i>gaothar</i>
<i>càilear</i>	<i>càileir</i>	<i>càilear</i>	<i>càileir</i>	<i>càilear</i>

Nota: Dh'fhaodte *coitcheann* a chur ris an rang seo: (gin. boir.) *coitchin(e)*.

### §118 Rang IV

§118 (i) Ioma-lideach; teasgadh meadhain

Buinidh buadhairean ioma-lideach sam bi teasgadh meadhain a' tachairt san tuiséal ghinideach bhoireann do Rang IV, m.e. *bòidheach* > *bòidhche*; *bodhar*; *cumhang*; *uasal*; *milis*; *dìleas*; *ìosal*; *daingeann*; *reamhar*; *sleamhainn*; *leathann*.

SING.	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balach bòidheach</i> <i>am balach bòidheach</i>	<i>caileag bhòidheach</i> <i>a' chaileag bhòidheach</i>
GIN.	<i>balaich bhòidhich</i> <i>a' bhalaich bhòidhich</i>	<i>caileige bòidhche</i> <i>na caileige bòidhche</i>
TABH.	<i>balach bòidheach †</i> <i>a' bhalach bhòidheach</i>	<i>caileig bhòidhich</i> <i>a' chaileig bhòidhich</i>
GAIRM.	<i>a bhalaich bhòidhich</i>	<i>a chaileag bhòidheach</i>

†San tuiséal thabhartach, cha tèid buadhair càileach a shèimheachadh an dèidh ainmeir fhìreann gun an t-alt.

DEISE	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>dà bhalach bhòidheach</i> <i>an dà bhalach bhòidheach</i>	<i>dà chaileig bhòidhich †</i> <i>an dà chaileig bhòidhich</i>
GIN.	<i>dà bhalaich bhòidhich</i> <i>an dà bhalaich bhòidhich</i>	<i>dà chaileige bòidhche</i> <i>na dà chaileige bòidhche</i>
TABH.	<i>dà bhalach bhòidheach</i> <i>an dà bhalach bhòidheach</i>	<i>dà chaileig bhòidhich</i> <i>an dà chaileig bhòidhich</i>
GAIRM.	<i>a dhà bhalaich bhòidhich</i>	<i>a dhà chaileig bhòidhich</i>

†Thèid buadhair càileach a chaolachadh an dèidh ainmeir bhoireann san tuiséal bhunasach dheise.

IOLRA	FIREANN	BOIREANN
BUN.	<i>balaich bhòidheach † na balaich bhòidheach</i>	<i>caileagan bòidheach na caileagan bòidheach</i>
GIN.	<i>bhalach bòidheach nam balach bòidheach</i>	<i>chaileagan bòidheach nan caileagan bòidheach</i>
TABH.	<i>balaich bhòidheach na balaich bhòidheach</i>	<i>caileagan bòidheach na caileagan bòidheach</i>
GAIRM.	<i>a bhalacha bòidheach</i>	<i>a chaileagan bòidheach</i>

†Thèid buadhair càileach a shèimheachadh ma bhios litir dheiridh chaol aig an ainmear.

### §118 (ii) Mùthadh sa bhudhair ann an Rang IV

SINGILTE		DEISE			IOLRA
BUN. f./b.	GIN. f.	GIN. b.	BUN. f.	BUN. b.	BUN.
TABH. f.	TABH. b.		TABH. f.	GIN. f.	GIN.
GAIRM. b.	GAIRM. f.			TABH. b.	TABH.
				GAIRM. f./b.	GAIRM.
<i>bòidheach</i>	<i>bòidhich</i>	<i>bòidhche</i>	<i>bòidheach</i>	<i>bòidhich</i>	<i>bòidheach</i>
<i>bodhar</i>	<i>bodhair</i>	<i>buidhre</i>	<i>bodhar</i>	<i>bodhair</i>	<i>bodhar</i>
<i>odhar</i>	<i>odhair</i>	<i>uidhre</i>	<i>odhar</i>	<i>odhair</i>	<i>odhar</i>
<i>cumhang</i>	<i>cumhaing</i>	<i>cuinge</i>	<i>cumhang</i>	<i>cumhaing</i>	<i>cumhang</i>
<i>usal</i>	<i>uasail</i>	<i>uaisle †</i>	<i>usal</i>	<i>uasail</i>	<i>uaisle ‡ usal</i>
<i>milis</i>	<i>milis</i>	<i>milse †</i>	<i>milis</i>	<i>milis</i>	<i>milis</i>
<i>dileas</i>	<i>dilis</i>	<i>dilse †</i>	<i>dileas</i>	<i>dilis</i>	<i>dileas</i>
<i>iosal</i>	<i>iosail</i>	<i>isle †</i>	<i>iosal</i>	<i>iosail</i>	<i>iosal</i>
<i>daingeann</i>	<i>dainginn</i>	<i>daingne</i>	<i>daingeann</i>	<i>dainginn</i>	<i>daingeann</i>
<i>reamhar</i>	<i>reamhair</i>	<i>reamhra</i>	<i>reamhar</i>	<i>reamhair</i>	<i>reamhar</i>
<i>sleamhainn</i>	<i>sleamhainn</i>	<i>sleamhna</i>	<i>sleamhainn</i>	<i>sleamhainn</i>	<i>sleamhainn</i>
<i>leathann</i>	<i>leathainn</i>	<i>leithne</i>	<i>leathann</i>	<i>leathainn</i>	<i>leathann</i>

†Gheibhear eadar-chàradh: *uaisle* > *uailse*; *milse* > *misle*; *dilse* > *disle*; *isle* > *ilse*.

‡'S e sean chruth iolra a th' ann an *uaisle*<sup>5</sup>.

### §119 Geàrr-chunntas air na cruthan agus coimeas eatarra

Gabhaidh buadhairean riaghailteach roinn ann an ceithir rangannan. Thèid buadhairean a shèimheachadh, a chaolachadh, a leudachadh agus/no (ann an Rang IV) a theasgadh a rèir uimhir §57, tuiseal §64 agus gnè §61 an ainmeir.

5. SG *úaisli* ainm./cusp. buin-i: SG *doíni úaisli* 'daoine-uaisle'.

## §119 (i) Rang I

Buadhairean aon-lideach is connrag leathann aig an deireadh aca: *bàn*.

## §119 (i) (a) Singilte

§119 (i) (a) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *am balach bàn*, (tabh. fir.) *ris a' bhalach bhàn*.

§119 (i) (a) (β) Ginideach boireann: thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh, le no às aonais mùthaidh san fhuaimreig, agus cuirear ~e ris an deireadh: (bun. boir.) *a' chaileag bhàn* > (gin. boir.) *taigh na caileige bàine*.

§119 (i) (a) (γ) Ginideach fireann agus tabhartach boireann: thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh, le no às aonais mùthaidh san fhuaimreig: (bun. fir.) *am balach bàn* > (gin. fir.) *taigh a' bhalaich bhàin*; (bun. boir.) *a' chaileag bhàn* > (tabh.) *ris a' chaileig bhàin*.

## §119 (i) (b) Deise

§119 (i) (b) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *an dà bhalach bhàn*, (tabh. fir.) *ris an dà bhalach bhàn*.

§119 (i) (b) (β) Ginideach agus gairmeach fireann; agus bunasach, tabhartach agus gairmeach boireann: thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh, le no às aonais mùthaidh san fhuaimreig: (bun. fir.) *an dà bhalach bhàn* > (gin. fir.) *taigh an dà bhalaich bhàin*, (gairm. fir.) *a dhà bhalaich bhàin!*; (bun. boir.) *an dà chaileig bhàin*, (tabh. boir.) *ris an dà chaileig bhàin*, (gairm. boir.) *a dhà chaileig bhàin!*

§119 (i) (b) (γ) Ginideach boireann: thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh, le no às aonais mùthaidh san fhuaimreig, agus cuirear ~e ris an deireadh: (gin. boir.) *taigh na dà chaileige bàine*.

## §119 (i) (c) Iolra

§119 (i) (c) (α) Sna tuisealan uile: thèid ~a a chur ri deireadh a' bhuadhair: (fir.) *na balaich bhàna*, *na gillean bàna*; (boir.) *na caileagan bàna*, *na caoraich bhàna*<sup>6</sup>.

§119 (i) (c) (β) Thèid buadhairean a shèimheachadh an dèidh ainmearan iolra aig a bheil litir dheiridh chaol: *na balaich bhàna*; *na caoraich bhàna*.

## §119 (ii) Rang II

Buadhairean aon-lideach is connrag chaol aig an deireadh aca: *còir*.

6. Air uairean, chan fhaighear leudachadh ann am buadhairean aon-lideach an dèidh ainmearan ginideach iolra aig a bheil geàrr-chruth §83 (iii) (b), m.e. *ball nam balach beag*, seach *ball nam balach beaga*.

## §119 (ii) (a) Singilte

§119 (ii) (a) (α) Tabhartach fireann, ginideach fireann agus tabhartach boireann: is ionann iad seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *am balach còir*, (tabh. fir.) *ris a' bhalach chòir*, (gin. fir.) *taigh a' bhalaich chòir*; (bun. boir.) *a' chaileag chòir*, (tabh. boir.) *ris a' chaileig chòir*.

§119 (ii) (a) (β) Ginideach boireann: cuirear ~e ris an deireadh: (bun. boir.) *a' chaileag chòir* > (gin. boir.) *taigh na caileige còire*.

## §119 (ii) (b) Deise

§119 (ii) (b) (α) Ginideach, tabhartach agus gairmeach fireann; agus tabhartach agus gairmeach boireann: is ionann iad seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *an dà bhalach chòir*, (gin. fir.) *taigh an dà bhalaich chòir*, (tabh. fir.) *ris an dà bhalach chòir*; (bun. boir.) *a' chaileag chòir*, (tabh. boir.) *ris an dà chaileig chòir*, (gairm. boir.) *a dhà chaileig chòir*!

§119 (ii) (b) (β) Ginideach boireann: cuirear ~e ris an deireadh: (gin. boir.) *taigh na dà chaileige còire*.

## §119 (ii) (c) Iolra

Sna tuiséalain uile: thèid ~e a chur ri deireadh a' bhuadhair: (fir.) *na balaich chòire*; (boir.) *na caileagan còire*.

## §119 (iii) Rang III

Buadhairean ioma-lideach a' crìochnachadh le ~ach; ~mhor/~ar.

## §119 (iii) (a) Singilte

§119 (iii) (a) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *am balach carach*, (tabh. fir.) *ris a' bhalach charach*.

§119 (iii) (a) (β) Ginideach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh agus ~e ion-teasgaidh a chur ris an deireadh: (bun. boir.) *a' chaileag charach* > (gin. boir.) *taigh na caileige caraich(e)*.

§119 (iii) (a) (γ) Ginideach fireann agus tabhartach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh: (bun. fir.) *am balach carach* > (gin. fir.) *taigh a' bhalaich charaich*; (bun. boir.) *a' chaileag charach* > (tabh. boir.) *ris a' chaileig charaich*.

## §119 (iii) (b) Deise

§119 (iii) (b) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *an dà bhalach charach*, (tabh. fir.) *ris an dà bhalach charach*.

§119 (iii) (b) (β) Ginideach fireann; agus bunasach, tabhartach agus gairmeach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh: (gin. fir.) *taigh an dà bhalaich charaich*; (bun. boir.) *an dà chaileig charaich*, (tabh. boir.) *ris an dà chaileig charaich*, (gairm. boir.) *a dhà chaileig charaich!*

§119 (iii) (b) (γ) Ginideach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh agus ~e ion-teasgaidh a chur ris an deireadh: (gin. boir.) *taigh na caileige caraich(e)*.

§119 (iii) (c) Iolra

Sna tuisealan uile: is ionann iad seo agus cruth bunasach singilte a' bhuadhair: (fir.) *na balaich charach*; (boir.) *na caileagan carach*.

§119 (iv) Rang IV

Buadhairean ioma-lideach sam bi teasgadh meadhain a' tachairt: *bòidheach*.

§119 (iv) (a) Singilte

§119 (iv) (a) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *am balach bòidheach*, (tabh. fir.) *ris a' bhalach bhòidheach*.

§119 (iv) (a) (β) Ginideach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh, thèid an lide a theasgadh agus thèid ~e a chur ris an deireadh: (bun. boir.) *a' chaileag bhòidheach* > (gin. boir.) *taigh na caileige bòidhche*.

§119 (iv) (a) (γ) Ginideach fireann agus tabhartach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh: (bun. fir.) *am balach bòidheach* > (gin. fir.) *taigh a' bhalaich bhòidhich*; (bun. boir.) *a' chaileag bhòidheach* > (tabh. boir.) *ris a' chaileig bhòidhich*.

§119 (iv) (b) Deise

§119 (iv) (b) (α) Tabhartach fireann: is ionann seo agus cruth bunasach a' bhuadhair: (bun. fir.) *dà bhalach bhòidheach*, (tabh. fir.) *ris an dà bhalach bhòidheach*.

§119 (iv) (b) (β) Ginideach agus gairmeach fireann; agus bunasach, tabhartach agus gairmeach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh: (gin. fir.) *taigh an dà bhalaich bhòidhich*, (gairm. fir.) *a dhà bhalaich bhòidhich!*; (bun. boir.) *dà chaileig bhòidhich*, (tabh. boir.) *ris an dà chaileig bhòidhich*, (gairm. boir.) *a dhà chaileig bhòidhich!*

§119 (iv) (b) (γ) Ginideach boireann: thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh (mar as trice) agus a theasgadh, agus thèid ~e a chur ris an deireadh: (gin. boir.) *taigh na dà chaileige bòidhche*.

## §119 (iv) (c) Iolra

Sna tuisealan uile: is ionann iad seo agus cruth bunasach singilte a' bhuidhair: (fir.) *na balaich bhòidheach*; (boir.) *na caileagan bòidheach*.

## §120 Buadhairean càileach do-chlaonaidh

## §120 (i) Dùnaidhean fuaimreagach

§120 (i) (a) Tha buadhairean aig a bheil dùnadh fuaimreagach do-chlaonaidh, m.e. *sona*; *meata*; *brèagha*; *clì*.

§120 (i) (b) Ach gheibhear caolachadh sna leanas san tuiseal ghinideach bhoireann: *fada* > *faide*; *tana* > *taine*.

## §120 (ii) An leudachadh ~a san iolra

Tha na buadhairean a leanas do-chlaonaidh ach san iolra, nuair a chuirear ~a riutha: *bochd* > *bochda*; *nochd*; *leamh*; *seang*; *ceàrr* > *cearra*; *geàrr* > *gearra* §11 (i), b-n 30; *aitghearr*; *sèamh* (sèimh §116); *beò* (> *beòtha*); *fiar*; *math*; *ceart*<sup>7</sup>.

## §120 (iii) Na dùnaidhean ~ail/~eil; ~idh

Tha buadhairean ioma-lideach aig a bheil na dùnaidhean ~ail/~eil agus ~idh do-chlaonaidh: *fearail*; *duineil*; *fialaidh*; *iomchaidh*; ged a gheibhear ~e dheiridh ion-teasgaidh san iolra, m.e. *na gaisgich fhearail(e)*.

## §120 (iv) An dùnadh ~te (~ta)

Tha buadhairean gnìomhaireach aig a bheil an dùnadh ~te (~ta) §129 do-chlaonaidh, m.e. *buailte*; *sgaoilte*; *briste*; *sàbhailte*; *blasta*; *dèanta*.

§120 (v) *goirid*; *làidir*; *teth*

Tha na buadhairean a leanas do-chlaonaidh, ach gheibhear ~e dheiridh ion-teasgaidh san iolra: *goirid* > *goirid(e)*; *làidir* > *làidir(e)*; *teth* > *teth(e)*.

§120 (vi) *fireann*; *boireann*

Tha na buadhairean a leanas do-chlaonaidh: *fireann*; *boireann*.

## §121 Buadhairean càileach ro-shuidhichte

## §121 (i) Suidheachadh

Thèid buadhairean càileach ro-shuidhichte a shuidheachadh air thoiseach air an ainmearan ann an cruth ainmearan fillte dùinte §87, m.e. *ùr-thìghinn*; *meanbh-chnoc*; *dearg-amadan* 'fìor amadan'; *mòr-chuid*; *mòr-roinn*; *làn-dòchas*<sup>8</sup>; *làn-dùil*; *nuadh-aimsir*<sup>9</sup>.

7. No buinidh *math* agus *ceart* do Rang I.

8. §87 (ii) (a), b-n 2.

9. *nuadh*- thoisich le ~dh ion-teasgaidh, m.e. *nua-bhàrdachd*.

## §121 (ii) Co-rèir

Ann an suidheachadh mar seo, bidh am buadhair is an t-ainmear nan aonad gràmair agus cha tèid am buadhair a mhùthadh: (bun. sg. boir.) *a' mhòr-chuid*; (gin. sg. boir.) *beachd na mòr-chuid*; (tabh. sg. boir.) *aig a' mhòr-chuid*.

## §121 (iii) Buadhairean gun tàthan

Cha chleachdar tàthan le buadhairean càileach nach nochd ach air thoiseach air an ainmeir: *deagh latha*; *an dearbh oidhche* §54 (vii); *droch dhuine*; *sean bhaile*; *seann taigh*<sup>10</sup>; *sàr bhàrd*; *sior leughadh*; *iomadach latha*; *priomh mhinistear*; *fìor dhuine*<sup>11</sup>.

§121 (iv) *ceart*, *fìor*

Cha chleachdar tàthan an dèidh nam buadhairean *ceart* agus *fìor* nas motha, nuair a thig iad air thoiseach air an ainmear: *an ceart mheadhan*<sup>12</sup> §54 (vii); *b' e fìor charaid a bh' innte*, .i. bha i na caraid dha-rìribh.

## §121 (v) Cleachdadh eachdraidheil

Bha an structar buadhair + ainmear na bu bhitheanta san t-Sean Ghàidhlig, is chithear seann eisimpleirean ann an ainmean-àite, m.e. *a' Ghlas-Bheinn* (seach *a' Bheinn Ghlas*); *an Cam-Allt* (seach *an t-Allt Cam*); *an Dubh-Sgeir* (seach *an Sgeir Dhubh*).

Airson bhuadhairean fillte, faic §122.

10. 'S e *sean* (SG *sen*) an cruth tùsail. Ma bhios e na bhuadhair faisneach, cleachdar an cruth *sean* fhathast: *tha i a' fàs sean* 'tha i a' fàs aosta'. Na bhuadhair càileach, thig am buadhair air thoiseach air a ainmear agus cleachdar na cruthan *sean* no *seann*: air taobh a-muigh Earra-Ghàidheal, tha am facal fada (1) mar a tha *ceann*, m.e. *seann taigh*, no (2) mar a tha *caomh* ann an *is caomh leam*, m.e. *sean taigh*, gun an *n* air a fuaimneachadh; ach cluinnear (3) *sean*<sup>s</sup> goirid cuideachd ro *b c g m p*, m.e. *sean bhaile*, le fuaimreig còmhnaidh mar a tha ann am *meanbh*: (1) *an seann duine*, (2) *an sean duine*, (3) *an t-Sean Ghàidhlig*.

11. Ach *fìor-eun* 'iolaire' le tàthan §87 (ii) (a), §87 (ii) (d).

12. Ach *an-ceartuair* §423 (v).

## 11 Am Buadhair Fillte

### §122 Buadhairean fillte

Thèid buadhairean fillte a chruthachadh le

#### §122 (i) Buadhair + buadhair

Far am bi an dà eileamaid nam fìor bhuadhairean, 's e aonad gràmair a bhios anns an fhilleach, le prìomh bheum air an eileamaid thoisich agus sèimheachadh san eileamaid dheiridh, mar a thachras ann an ainmearan fillte dùinte §87: *dubh-ghlas*; *bàn-d(h)earg* §45 (i) (l) (α); *fiorghlan*; *lomnochd* (*lom* + *nochd* 'nochdaidh'); *fad-fhulangach*; *uile-chumhachdach* §233 (iv) (b); *lagchuisseach*; *mòrchuisseach*; *blàth-chridheach*; *deas-bhriathrach*; *beag-nàrach*; *geur-sheallach*; *seann-fhasanta*; *ùr-ghnàthach*; *droch-nàdarrach*.<sup>1</sup>

#### §122 (ii) Àireamhan

Thèid àireamhan a chleachdadh mar chiad eileamaidean air an aon dòigh, agus sèimheachadh san dàrna h-eileamaid: *aon-ghuthach* (*guth*); *aon-lideach* (*lide*); *dà-sheaghach* (*seagh*); *dà-fhillte* (*fillte*); *trì-chasach* (*cas*); *ceithir-cheàrnach* (*ceàrn*); *sia-ràmhach* (*ràmh*).

#### §122 (iii) Ainmear + buadhair

Leis an aon structar dhùinte: *casruisgte*; *ceannruisgte*; *cluas-bhiorach*; *calg-dhìreach*<sup>2</sup>; *lìonmhor*; *càilear* §128.

#### §122 (iv) Ainmear + ainmear ginideach

Le structar fosgailte §88: *fad-beatha*: *foghlam fad-beatha*.

### §123 Buadhairean ann am facail fhille

#### §123 (i) Ainmearan ginideach

Thèid ainmearan san tuiseal ghinideach a chleachdadh mar bhuadhairean càileach: *plana leasachaidh*; *poileasaidh cànain*; *sgioba buill-coise*; *fiacail fhuadain* §45 (i) (d) (γ); *pàipear deuchainne*; *bonn òir*; *na Fir Bhreige* (.i. Tursachan Chalanais).

---

1. Chan e buadhair fillte a th' ann an *dubh dorch*, .i. cho dubh ris an fhitheach, ach an dàrna buadhair a' leantainn an fhir eile: 's e seo sealladh cho borb, uamharra 's a tha e an comas dhut fhaicinn: *lom-slios dorch a' Chuilithinn na sgorran cas ag iadhadh, gu ìre bhig, ceithir-thimcheall an locha, a' cur sgàil air solas na grèine agus duibhre dhubh dhorch air uisge* (≈Caimbeul 1973, 175–76).

2. 'Cho dìreach ri claidheamh (.i. gu buileach dìreach) (GT *colg* 'rudeigin biorach; claidheamh' 7c, *DIL*; GA *calg*); *calg-dhìreach an aghaidh* 'gu buileach an aghaidh'.

## §123 (ii) Ainmearan fillte

§123 (ii) (a) Thèid ainmearan san tuiséal bhunasach a chleachdadh mar eileamaidean buadhaireach ann an ainmearan fillte dùinte §87: *cas-cheum*; *cis-mhaor*; *muic-fheòil*<sup>3</sup>; *rìgh-chathair*.

§123 (ii) (b) Thèid ainmearan san tuiséal ghinideach a chleachdadh mar eileamaidean buadhaireach ann an ainmearan fillte fosgailte §88 (ii) (b): *rathad-iarainn*; *luchd-teagaisg*; *neach-teagaisg*; *cearc-fhraoich*; *seòmar-cadail*; *obair-dachaigh*; *obair-taighe*; *muc-mhara*.

---

3. i. *muc-fheòil*, ach le *c* chaoil agus caolachadh ann an cainnt ro fhuaimreig chaoil.

## 12 Bunachas a' Bhuidhair

### §124 Bunachas a' bhuidhair

Gabhaidh buadhairean cruthachadh le corra iar-leasachan:

#### §125 ~ach<sup>1</sup>

*buidheach* (*buidhe* 'taing'); *ciallach* (*ciall*); *cabhagach* (*cabhag*); *leantainneach* (*leantainn*); *àbhaisteach* (*àbhaist*); *uachdarach* (*uachdar*); *ìochdarach* (*ìochdar*); *dionach* (*dion*); *diombach* (*diomb*); *gealtach* (GT *geilt* 'duine às a chiall leis an eagal'; *DIL*); *uabhasach* (*uabhas*); *eagalach* (*eagal*); *creagach* (*creag*); *Albannach* (*Alba buin-n*); (le connraig in-shàthhte) *marbhtach*; *fuilteach*; *cliùiteach*; *fiosrach*; *leumnach*; *coillteach*<sup>2</sup>.

#### §126 ~aidh agus a eil-chruthan<sup>3</sup>

##### §126 (i) ~aidh<sup>4</sup>

*nèamhaidh*; *fialaidh*; *cùbhraidh*; *diadhaidh*.

##### §126 (ii) ~da, ~alta<sup>5</sup>

---

1. ~ach [əx, ax, ɔx]. À SG ~ach/ech, m.e. GT *buidech* 'buidheach' < GT *buidē* 'buidhe, taing'.

2. Le connraig in-shàthhte: *marbhtach* (.i. *marbhach* < *marbh*); *fuilteach* (< GT *fuilech*, *fuiltech* < GT *fuil* 'fuil'); *cliùiteach* (< GT *clúitech* < GT *clú* 'cliù'). Gu tric, tha adhbhar eachdraidheil air cùl connraige de a leithid: *fiosrach* (coim. SG *fisraigid* 'faighnichidh e'); *leunnach* (coim. SG *léimm* ainm. gn. buin-n 'leum'); *coillteach* (< GT *caill*, *coill* buin-ā 'coille', na b' anmoiche na bhun deudach: GT (gin. sg.) *coilled*, GT (ainmn. iol.) *coillti* > GA *coillte* 'coilltean'). Faic ~t(e)ach §130, cuideachd.

3. Tàrmaichidh na dùnaidhean fo §126 uile anns an aon ro-leasachan san t-Sean Ghàidhlig, .i. SG ~d(a)e [ð<sup>(v)</sup>e] > GT [ð<sup>(v)</sup>ə].

4. ~aidh [i]. Dh'èirich GA ~aidh tro eadar-chàradh: SG *nermdae* > GA *nèamhaidh*; leanaidh *fialaidh* (< *fial*); *cùbhraidh* (coim. GT *cumraide*); *diadhaidh* (< SG *diadae* < SG *día* 'dia') an t-aon phàtran.

5. ~da [tə], ~alta [ə<sup>(v)</sup>tə/ə<sup>(v)</sup>tə]. Chaidh a' chonnrag ann an SG ~d(a)e a dhì-shèimheachadh an dèidh *l*: *gallda* (cuideachd *gallta*) (GT *galldaē* < GT *Gall*, *gall* 'Gall, foigreach'); *callda* (cuideachd *callta*) 'ceannsaichte, gun a bhith fiadhaich' (? < GT *cáldaē* 'cadalach, sàmhach', *DIL*; coim. *allda* (cuideachd *allta*) 'allaidh, fiadhaich', coim. GT *allaid*, *allta*, *DIL*) – 's iongantach mura robh buaidh aig an dà fhacal mu dheireadh a tha seo air a chèile; tha am fuaimneachadh *gallda* [ˈɡau̯t̪ə] ga riochdachadh sa chànan an-diugh sa cheart-sgrìobhadh oifigeil, seach *gallda* [ˈɡau̯t̪ə] (*a' Ghalltachd*, seach *a' Ghalldachd*, mar an ceudna); *saoghalta* (< *saoghal*); *coinnealta* 'soilleir' (< *coinneal*); *innealta* 'comasach, tèoma' (< *inneal*); *ceanalta* 'còir, modhail' (GT *cenélta* < GT *cenél* 'cineal, cinneadh'); *diong(mh)alta* 'coileanta, seasmhach' (< GT *dingbálta* < GT (ainm. gn.) *dingbá(i)l* 'seasmh an aghaidh, a bhith co-ionann ri' 7c); chaidh an dùnadh seo a sgoioleadh gu *spèisealta* 'spèiseil, measail' (GA *spéis*), 's dòcha fo bhuidh GA *speisealta* (< MB (e) *speciel*, *DIL*, s.v. *speisialta*); agus tha an dùnadh cumanta ann am facail-iasaid ann an *l* dheiridh bhon Bheurla: *moralta*

*gallda/gallta; callda; saoghalta; coinnealta; innealta; ceanalta; diong(mh)alta; spèisealta; moralta; coimearsalta; sòisealta; speisealta; gràbhailta; sìobhalta* ‘modhail’; *sìobhalta* ‘catharra’; *beibhealta; coirbealta; sgiobalta; finealta*.

§126 (iii) ~*da*, ~*anta*<sup>6</sup>

*daonda* (*daonna*); *grànda; ealanta; suaicheanta; fireanta; naoidheanta; macanta; soineanta; doineanta; coitcheanta; fireanta; boireanta; proifeiseanta; fasanta; reusanta; cumanta; puinnseanta; fileanta; buaireanta; norranta; mileanta*.

§126 (iv) ~*arra* (~*orra*)<sup>7</sup>

*nàdarra; catharra; ceacharra; measarra; corporra*.

§126 (v) ~*ta*, ~*asta*<sup>8</sup>

*blasta; aosta; gasta; furasta; drabasta; peanasta*.

(B *moral*); *coimearsalta* (B *commercial*); *sòisealta* (B *social*); *speisealta* (B *special*); *gràbhailta* ‘snaighte’ (coim. GT *grábáilid* ‘snaighidh e’, coim. B *engrave*); *sìobhalta* ‘modhail, suairce’ (B *civil*, ?fo bhuaidh GA *sitheil* is/no na leanas); *sìobhalta* ‘catharra’ (GT *síbíalta* 1676, *DIL*; coim. GE *sibhialta, siobhalta*, (is na h-ainmearan) *sibhialtacht, síbhialtacht*, Dinneen); agus sna cruthan fulangach caithte *beibhealta* (B *bevelled*); *coirbealta* (B *corbelled*); a thaobh *sgioibalta* (*sgioiblaich* gn., *sgioiblachadh* ainm. gn.), thathas a’ ceangal GT *scibaid* ‘cuiridh e (long) air dhòigh’, GT *scibad* ainm. gn., ri SL *skipa* gn. ‘cuir long air dhòigh’, Marstrander 1915, 18–20, ach, ged a bhite a’ gabhail ri a leithid GT \**scibáil* mar ainmear gnìomhaireach, ‘s e [ˈskʲiβə́lʲə] fuaimneachadh an fhacail, chan e \*[skʲiβə́lʲə] ris am bite an dùil; buinidh *finealta* dhan bhuidhinn seo cuideachd, ged nach eil a eachdraidh soilleir.

6. ~*da* [t̪ə], ~*nta* [nt̪ə]. Chaidh a’ chonnrag ann an SG ~*d(a)e* a dhì-shèimheachadh an dèidh *n*: *daonda*, coim. SG *doinde* (< SG *doíni* iol. ‘daoine’), far an tèid an *d* a cho-choslachadh ris an *n* mar as trice an-diugh, i. *daonna* – chan eil diofar fuinn-eòlach eadar an cruth ceart-sgrìobhaidh ~*nda* agus ~*nta* sna leanas; *grànda* (*gràin*); *ealanta* (coim. *ealain*); *fireanta* (< GT *firén* ‘firinneach’); *naoidheanta* (< *naoidhean*); *macanta* (< *macan* ‘balachan’); *suaicheanta* ‘sònraichte’ (< SG *súaichnid*); *soineanta* (< *soineann* ‘deagh shìde’); *doineanta* (< *doineann* ‘droch shìde’); cleachdar ~*nta* le buadhairean ann an ~*ann*: *coitcheanta* ‘coitcheann’; *fireanta* ‘fireann’; *boireanta* ‘boireann’; is tha an dùnadh cumanta ann am buadhairean stèidhichte air facail-iasaid Bheurla le *n* dheiridh: *proifeiseanta; cumanta; puinnseanta* ‘nimheil’; *fasanta; reusanta*; chaidh an *n* in-shàthadh ann am *fileanta*: SG *fili* ‘filidh, bàrd’ > SG *filetae* (< SG *filed* tuiseal claon + ~*d(a)e*) > GA *fileanta* ‘bàrdail’ > ‘deas-bhriathrach’ > ‘siùbhlach ann an cainnt’; is chaidh an dùnadh a sgaoileadh gu facail eile: *buaireanta* (coim. *buaireas*); *norranta* ‘sgìth’ (< *norra, norrag*); *mileanta* ‘calma’ (< GT *míl* ‘saighdear’).

7. ~*arra* (~*orra*) [əɾə]. Chaidh a’ chonnrag ann an SG ~*d(a)e* a cho-choslachadh ris an *r* air thoiseach oirre: *nàdarra* (< *nàdar*); *catharra* (< SG *catharda* < SG *cathair* ‘cathair, baile’); *ceacharra* ‘rag-mhuinealach; claon; leibideach’ (GT *cechar* ‘boglach’); *measarra* ‘stuama’ (GT *mesar*); *corporra* (air a stèidheachadh air L *corporeus*).

8. ~*ta* [t̪ə], ~*asta* [əst̪ə]. Chaidh a’ chonnrag ann an SG ~*d(a)e* a dhì-shèimheachadh an dèidh *s*: *blasta* (< *blas*); *aosta* (< *aois*); *gasta* (< *gas*); *furasta* (< *furass* < GT *urussa, airassa*); *drabasta* (< *drab* < BG *drab* ‘smal’); agus [ast̪ə] *peanasta* ‘peanasach’ (< *peanas* [aɲ] < L \**penitentia*, McManus 1984, 148, b-n 27 (coim. 1567 *peandaid*, Thomson 1970, 15, sr. 478, GE *peannaid*), le iomlaid san deireadh an dèidh B *penance*, air neo às a’ Bheurla fhèin, le fadachadh cuidhteachaidh §17 (ii) (coim. *argamaid* < L *argumentum*).

§127 ~ail/~eil<sup>9</sup>

§127 (i) Le ainmear

*fearail; banail; teachdail; cofhurtail; cianail; modhail; pianail; eachdraidheil; dripeil; gaisgeil; coibhneil; càirdeil.*

§127 (ii) Le buadhair

*nuadhail; fiorail.*

§128 ~mhor<sup>10</sup>

*gaothmhor (gaoth); neartmhor (neart); ceòlmhor (ceòl); luachmhor (luach); brioghmhor (brigh); lìonmhor (lìon 'meud, uimhir' §236 (ii) (a), b-n 32). Gheibhear cruthan air an teasgadh cuideachd: gaothar 'gaothmhor'; càilear 'càilmhor'; ceòlar 'ceòlmhor'; lìonar 'lìonmhor'<sup>11</sup>.*

§129 ~te (~ta)<sup>12</sup>

*briste; dùinte; leigte; loisgte; buailte; rùisgte; sgaoilte; fillte; dealaichte; fosgailte; sàbhailte; sgaraichte; stèidhichte; leagte; glacte; cleachdte; lobhte; leònte; beumte; sgriobhte; di-beathte; seunta; dèanta; molta; biadhtha; taghta; seòlta; coileanta; bitheanta<sup>13</sup>.*

9. ~ail/~eil [aɪ]. 'S ann à GT ~amail (> ~áil; < GT samail 'samhail, coltas') a tha an dùnadh seo; gheibhear *piantail* 'pianail', le *t* in-shàthte cuideachd; buinidh *coibhneil* (SG *coibne* neod., < *com* + *fine* 'neach bhon aon chinneadh', + ~amail) dhan bhuidhinn seo.

10. ~mhor [vɔr, var]. À SG *már, mór* 'mòr', m.e. SG *lógmar* 'luachmhor' (Calder 1972, 178; Vendryes 1974–96, M-18; Marstrander 1916, 341–42; *DIL*, s.v. *már*: *cennmór* 'big-headed'; *clannmór* 'prolific'); le sèimheachadh san dàrna h-eileamaid ann an aonad gràmair §122 (iii), agus a' nochdadh na fuaimreig [ɔ, a] (seach [ə]) mar a bhite an dùil an dèidh do dh'fhuaimeireig fhada giorrachadh.

11. ~ar [ɔr, ar].

12. ~te (~ta) [ˈ—<sup>h</sup>t̪ə, —<sup>h</sup>t̪ə] [ˈ—<sup>h</sup>t̪ə, ˈ—<sup>h</sup>t̪ə]. À SG ~th(a)e, ~t(a)e 7c, a chaidh a àbhaisteachadh na ~te gu foirmeil ann an Gàidhlig na h-Albann, dùnadh a thèid a chleachdadh air bunan gnìomhaireach gus buadhairean gnìomhaireach §250 a chruthachadh agus ciall fhulangach chaithte aca. Ged a chleachdar an dùnadh caol ~te ge be cò am feart a th' aig an fhreumh ghniomhaireach – m.e. *briste* < *BRIS* (caol) + ~te; *leagte* < *LEAG* (leathann) + ~te – gheibhear ~ta leathann gu tric an dèidh fhreumhaichean leathann: *SEUN* (coim. GT *sénaid* 'cuiridh e fo gheasaibh') + ~ta; ach, air uairean, gheibhear eugsamhlachadh: *dèante* ~ *dèanta*. Airson *di-beathte* 'air a bheil fàilte' (< *dìth* + *beatha* + ~te), coim. §192 (iii) + b-n 8.

13. Mas ann à *bith-dhèanta* a tha am facal seo.

§130 ~t(e)ach<sup>14</sup>

Tha seo na chothlamadh de dhùnadh a' bhuadhair ghnìomhairich ~te (~ta) §129, shuas, agus den iar-leasachan ~ach §125, shuas: *cràiteach; buailteach; mùiteach; glèidhteach; iomraiteach; dèantach; seòltach*.

## §131 Eugsamhlachadh ann an cleachdadh iar-leasachan

Gheibhear eugsamhlachadh ann an cleachdadh nan dùnadh shuas §125–§130, m.e. *beadach* 'ladarna' ~ *beadaidh* ~ *beadarra* > *beadarrach*; *eagach* ~ *eagarra*; *fosgarra* > *fosgarrach*; *diabhalta* ~ *diabhlaidh*; *cràbhaidh* ~ *cràbhach*; *fiosrach* > *fiosrachail*; *cliùiteach* ~ *cliùmhòr*; *seòlta* > *seòltach*; *pian(t)ail* ~ *pianach* ~ *piantachail*; *glèidhteach* ~ *glèidhteachail*; *callda* ~ *callaidh*.

§132 ~de (~te)<sup>15</sup>

Air a chleachdadh gus ceum fàthach a' bhuadhair a chruthachadh §141, m.e. *gilide* (*geal*); *luimide* (*lom*); *tighide* (*tiugh*).

---

14. ~t(e)ach [t̪əx, t̪ax, t̪ɔx / t̪əx, t̪ax, t̪ɔx]: *cràiteach* 'pianail' (*cràidh* + ~te + ~ach); *buailteach* 'dualtach' (*buail* + ~te + ~ach); *mùiteach* 'caochlaideach' (*mùth* + ~te + ~ach); *glèidhteach* (*glèidh* + ~te + ~ach); *iomraiteach* 'ainmeil' (.i. *iomraidhteach* < GT \**imràid*, bun a' ghnìomhair \**imràidid* (coim. GT *imràd* ainm. gn. 'iomradh'), + ~te (coim. GE *iomràidhte*, Dinneen) + ~ach); chaidh *dèantach* 7c a stèidheachadh air riochd leathann an dùnaidh.

15. ~de (~te) [t̪ɛ].

## 13 Am Buadhair Coimeasach

### §133 Ceumannan a' bhuadhair

Obraichidh am buadhair aig diofar CHEUMANNAN, .i. aig ìrean brìghe eadar-dhealaichte. Gheibhear an CEUM BUNASACH §134, an CEUM CO-IONANNACH §135, an CEUM COIMEASACH §136, an CEUM FÀTHACH §141 is an CEUM BUADHACH §142.

### §134 An ceum bunasach

'S e an CEUM BUNASACH brìgh bhunaiteach a' bhuadhair:

#### §134 (i) Cleachdadh càileach

Le dreuchd chàileach §109: *nighean bheag; am balach beag.*

#### §134 (ii) Cleachdadh fàisneach

Le dreuchd fhàisneach §108: *tha a' phiseag beag; is beag an t-iongnadh; is math sin; bu truagh sin.*

### §135 An ceum co-ionannach

Cleachdar an CEUM CO-IONANNACH gus a shealltainn gu bheil an dàrna rud coltach ris an rud eile. Thèid buadhair a chleachdadh

#### §135 (i) *cho + ri*

Le *cho + ri* §368 (viii) (a): *cho sona ris an rìgh; cho sgìth ris a' chù; cho fuar ris a' phuinnsean; cho mòr riutha; cho math riut fhèin.*

#### §135 (ii) *cho + agus*

Le *cho + agus* §333 (i) (d) (α) + clàs dàimheach bunasach §203: *tha am bodach cho tinn an-diugh agus a bha e an-dè; seall cho math 's a tha e; dè cho mòr 's a bha iad?*

#### §135 (iii) *a cheart cho*

Cleachdar *a cheart cho* §196 gus brìgh a' cheuma a shìneadh: *tha an aimsir a cheart cho teth 's a bha i an-dè; bha e a cheart cho sgiobalta ris an rum agad fhèin; le neo-ar-thaing cho* §245 (i) (c), leis an aon bhrìgh: *bha e neo-ar-thaing cho trom ri seo; cho fad' 's as lèir dhòmhsa, tha an t-eòlas a bhuidhinn sinn leis na meadhanan sin a' dol a dhearbhadh an nì a thuirt mi cheana: gun robh seann daoine nan linn-tean sin a cheart cho labhar ri seann daoine ar latha fhèin, agus neo-ar-thaing cho breugach* (≈MacEacharn 1910, 290).

#### §135 (iv) *air cho*

Le *air cho + agus* §333 (i) (d) (α) + *gun*<sup>m</sup> §336 (iv), san t-seagh 'gun sùil ri ciamar; gidheadh': *air cho mòr 's gu bheil e, lorgaidh sinn àite dha; air cho duilich 's gum bi e, 's fhiach e (a) fheuchainn; tha seo a' dèanamh soilleir dhuibh cho doirbh 's a tha e muinntir eile a thoileachadh, air cho math 's gum feuch sibh ris* (≈MacEacharn

1910, 127); ‘*Chunnaic mi sin, is rinn mi seo, ’ars an tàillear, is e a’ grad-leum thun an dorais, ach, air cho grad ’s gun tug an tàillear a chasan leis, bu ghraide na sin a lean a’ chròg e, is mun do bhuidhinn e taobh a-muigh an dorais, dh’fhàg i làrach nan còig meur na phearsa far nach bu toigh leis a leigeil ris* (≈ibid., 330); *air cho fiadhaich ’s gum biodh an stoirm, cha robh i an cunnart a rùsgaidh fhad ’s a sheasadh na cnuic* (≈Mac Cormaic 1912, 65); *air cho furachail ’s gun robh an luchd-faire* (≈ibid., 183); *air cho beag ’s gum biodh na peiteagan glasaich, bhathas gan cur gu feum* (≈Moireach 1970, 97).

### §135 (v) Cleachdadh càileach ~ fàisneach

Gabhaidh buadhair sa cheum cho-ionannach cleachdadh gu càileach: *cha do leugh mi leabhar cho math ri seo mar-thà*; no gu fàisneach: *bha e cho beag ris an luch.*

### §136 An ceum coimeasach

Cleachdar an CEUM COIMEASACH air dà dhòigh:

#### §136 (i) Coimeasach

Gus seagh COIMEASACH a chur an cèill §139 (i), .i. gus coimeas a dhèanamh eadar dà rud: (eadar Anna agus Eilidh) ’s *i Anna as àirde na Eilidh.*

#### §136 (ii) Anardach

Gus seagh ANARDACH a chur an cèill §139 (ii), .i. gus coimeas a dhèanamh eadar barrachd air dà rud: (eadar Iain agus an còrr den teaghlach) ’s *e Iain as àirde den teaghlach.*

### §137 Cruth a’ bhudhair sa cheum choimeasach

#### §137 (i) Buadhairean riaghailteach<sup>1</sup>

##### §137 (i) (a) Buadhairean a bhuineas do Rang I §115

Thèid an litir dheiridh a chaolachadh, a dh’fhaodas mùthadh san fhuaimreig adhbharachadh, agus cuirear ~e ri deireadh a’ bhudhair: *glas > glaise; bàn > bàine; breac > brice; geal > gile; dearg > deirge; binn > binne; òg > òige; donn > duinne; dorch > duirche; gorm > guirme; lom > luime; dubh > duibhe; fliuch > fliche; tiugh > tighe; liath > lèithe; ruadh > ruaidhe; geur > gèire; saor > saoire.*

##### §137 (i) (b) Buadhairean a bhuineas do Rang II §116

Cuirear ~e ri deireadh a’ bhudhair: *faoin > faoine; còir > còire; sèimh > sèimhe; glic > glice; mìn > mìne; ciùin > ciùine; rèidh > rèidhe.*

1. Aontaichidh cruth coimeasach a’ bhudhair riaghailteach ri cruth ginideach singilte boireann a’ bhudhair sa cheum bhunasach, m.e. (ceum bun.) *glas*, (gin. sg. boir.) *glaise*, (ceum coim.) *glaise*.

## §137 (i) (c) Buadhairean a bhuineas do Rang III §117

Thèid an litir dheiridh leathann a chaolachadh, agus ~e ion-teasgaidh a chur ri deireadh a' bhuadhair: *carach* > *caraiche*; *deatamach* > *deatamaiche*; *beartach* > *beartaiche*; *direach* > *diriche*; *cinnteach* > *cinntiche*; *maiseach* > *maisiche*; *coitcheann* > *coitchinne*; *luachmhor* > *luachmhoire*; *gaothar* §128 > *gaothaire*; *càilear* > *càileire*.

## §137 (i) (d) Buadhairean a bhuineas do Rang IV §118

Thèid lide dheiridh a' bhuadhair a chaolachadh (mar as trice), thèid an lide a theasgadh agus thèid ~e a chur ri deireadh a' bhuadhair, m.e. *bòidheach* > *bòidhche*; *bodhar* > *buidhre*; *cumhang* > *cuinge*; *uasal* > *uaisle*; *milis* > *mìlse*; *dìleas* > *dìlse*; *ìosal* > *ìsle*; *daingeann* > *daingne*; *reamhar* > *reamhra*; *tioram* > *tiorma*; *sleamhainn* > *sleamhna*.

## §137 (ii) Buadhairean neo-riaghailteach

Tha corra bhuadhair neo-riaghailteach anns a' cheum choimeasach, ged a tha cruthan riaghailteach aig cuid dhiubh mar an ceudna: *beag* > *lughha*, *bige*; *doirbh* > *dorra*; *dona*, *olc* > *miosa*; *duilich* > *duilghe*, *dorra*; *furasta* > *fasa*; *goirid* > *giorra*; *ionmhainn* > *annsa*; *làidir* > *làidire*, *treasa*, *treise*<sup>2</sup>; *leathann* > *leatha*, *leithne*; *math* > *feàrr*; *mòr* > *motha*, *mò* §18 (ii); *teth* > *teotha*; *treun* > *treasa*, *treise*.

## §137 (iii) Buadhairean do-chlaonaidh

## §137 (iii) (a)

§137 (iii) (a) (α) Tha buadhairean aig a bheil dùnadh fuaimreagach do-chlaonaidh, m.e. *sona*; *meata*; *brèagha*; *clì*: *an latha as sona nam bheatha*.

§137 (iii) (a) (β) Ach gheibhear claonadh anns na leanas: *fada* > *faide*; *tana* > *taine*.

§137 (iii) (b) Cuirear ~a ris na leanas: *bochd* > *bochda*; *nochd*; *leamh*; *seang*; *ceàrr* (> *cearra*); *geàrr* (> *gearra*), *aithghearr*; *sèamh*; *beò* (> *beòtha*); *fiar*.

§137 (iii) (c) Cuirear ~e ion-teasgaidh ris an dùnadh ~idh, m.e. *fialaidh* > *fialaidhe*; *iomchaidh*.

§137 (iii) (d) Gheibhear ~e ion-teasgaidh, no leathannachadh san litir dheiridh agus ~a air a cur rithe, leis an dùnadh -ail/-eil, m.e. *fearail* > *fearaile*, *fearala*; *duineil*; *banail*: *b' iad na gaisgich a bu duineala*.

§137 (iii) (e) Tha buadhairean aig a bheil an dùnadh ~te (~ta) §129 do-chlaonaidh, m.e. *buailte*; *sgaoilte*; *briste*; *sàbhailte*; *blasta*; *dèanta*: *fathannan nas sgaoilte*.

2. 'S ann a tha an cruth *làidire* riaghailteach, ach thèid *treasa*, *treise* (< *treun*) a chleachdadh na àite air uairean.

§137 (iii) (f) Tha na buadhairean a leanas do-chlaonaidh: *fireann; boireann*.

### §138 Cleachdadh a' cheuma choimeasaich

Thèid am buadhair choimeasach a chleachdadh ann an co-bhuinn ri cruth den ghniomhair *IS* §304:

#### §138 (i) Cleachdadh càileach

Nuair a bhios dreuchd chàileach aig a' bhudhair choimeasach, agus nuair a bhios an t-ainmear

§138 (i) (a) Deimhinnte, cleachdar na cruthan dàimheach *as<sup>f</sup>*, *a bu<sup>s</sup>* §304 (ii): *'s e seo an latha as fhaide; b' e Disathairne an oidhche a bu ghiorra; bha an fheadhainn a bu mhilse nan laighe sa ghrèin; nach b' e siud am prògram a b' èibhinne a chunnaic thu a-riamh?; 's iadsan na h-oileanaich as comasaiche a th' againn; cò an tè as fheàrr?*

§138 (i) (b) Neo-dheimhinnte, cleachdar na h-*n*-chruthan dàimheach *nas<sup>f</sup>*, *na bu<sup>s</sup>* §304 (iii)<sup>3</sup>: *is caomh leam cofaidh nas laige; cha do choinnich mi a-riamh ri duine na bu ghlice; chan eil càr nas luaithe na sin ri fhaighinn.*

#### §138 (ii) Cleachdadh fàisneach

§138 (ii) (a) Nuair as e *IS* §304 gniomhair an rosgrainn

§138 (ii) (a) (α) Ann an clàsan neo-eisimeileach dearbhte, cleachdar riochd neo-eisimeileach a' ghniomhair §262 (i): *is<sup>f</sup>*, *bu<sup>s</sup>*: *'s fhasa deagh ainm a chall na<sup>4</sup> a chosnadh; 's fheàrr a bhith cinnteach na bhith cailteach; is lugha orm teatha; nuair a bha mi fhìn beag, b' fheàrr leam cofaidh; is luaithe deoch na sgeul; 's fheàrr a bhith a dhìth a' chinn na a bhith a dhìth an fhasain.*

§138 (ii) (a) (β) Ann an clàsan àicheil, ceisteach agus fo-òrdanachaidh, cleachdar riochd eisimeileach a' ghniomhair §262 (ii), a thèid a cho-

3. .i. 'riochdair dàimheach fàisneach': 's iad *as<sup>f</sup>* (tràth làthaireach) agus *a bu<sup>s</sup>* (tràth caithte) riochdan dàimheach a' ghniomhair *IS* §304 (ii): *'s i an tè seo as fheàrr den teaghlach; 's i an tè seo as fheàrr na an tè ud; 's i an tè as fheàrr a dh'fhàsas*. Ann an suidhichean fàisneach, cleachdar na h-*n*-chruthan fàisneach (tràth làthaireach) *nas<sup>f</sup>* agus (tràth caithte) *na bu<sup>s</sup>*: (leis a' ghniomhair *BI*, nach gabh coileanadh gu dìreach §296 (i), §210 (ii), b-n 19) *tha an tè seo nas fheàrr*; (no ann an cleachdadh co-ghniomhaireach) *tha i a' fàs nas fheàrr; fàsaidh i nas fheàrr*. Le buadhairean càileach, chleachdte *as<sup>f</sup>*, *a bu<sup>s</sup>* gu dualchasach: (deimhinnte) *an tè as fheàrr*; (neo-dheimhinnte) *tè as fheàrr*; ach thairis air an fhicheadamh linn, thàinig *n*-chruthan a-steach do dh'abairtean neo-dheimhinnte – .i. chaidh *tè as fheàrr* gu tric na *tè nas fheàrr* – fo bhuidh rosgrannan mar *tha i nas fheàrr*, agus brìgh choimeasach a-mhàin aig an dà structar.

4. Airson an naisgeir coimeis seo, faic §334 (iii).

mheasgachadh ris a' mhìr àicheil §245: *chan fheàrr dhut falbh mus till iad*; ris a' mhìr cheisteach §242: *am buaine dùthchas na oilean?*; no ris an naisgear fho-òrdanachaidh §336 7c: *saoilidh mi gur feàrr dhut fuireach* §336 (iv) (b) (δ).

§138 (ii) (a) (γ) Ann an clàsan dàimheach bunasach §203, cleachdar riochd dàimheach a' ghnìomhair §262 (iii): *as<sup>f</sup>, a bu<sup>s</sup>:<sup>5</sup> an e thu fhèin as àirde?*; *b' i Seonag a bu bheartaiche; cò as fheàrr?*; *'s e leabhraichean tiugha fada as fheàrr leam*; *'s iad an fheadhainn nach b' fheàrr leam fhaicinn a-chaoidh tuilleadh*; a thaobh *b' e sin na b' fhasa dhomh*, faic §307 (i) (c), + b-n 56.

§138 (ii) (a) (δ) Ann an clàsan dàimheach claona §204, cleachdar riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii): *an<sup>m</sup>, am bu<sup>s</sup>:<sup>6</sup> càite am b' fheàrr leat suidhe?*; mar an ceudna ann an clàsan dàimheach tabhartach claona §205 (i): *na daoine dham b' fheàrr falbh*.

§138 (ii) (b) Nuair as e *BI* §296 gnìomhair an rosgrainn, cleachdar na cruthan fàisneach *nas<sup>f</sup>, na bu<sup>s</sup>* §304 (iii), §138 (i) (b), b-n 3: *tha an leabhar seo nas fhaide na am fear sin*; *bha an cofaidh ud na bu treasa na gin sam bith eile a dh'fheuch mi roimhe*; *chan fhaca mi a-riamh film a bha na bu bhrònaiche na bha siud*.

§138 (iii) Le dreuchd cho-ghnìomhairich  
Bidh buadhairean coimeasach a' leasachadh

§138 (iii) (a) Ainmearan gnìomhaireach, leis na cruthan fàisneach *nas<sup>f</sup>, na bu<sup>s</sup>*: *tha e a' fàs nas luaithe nis*; *bha e a' tarraing na bu treasa*; *tha iad ga dhèanamh nas fheàrr an turas seo*; *tha i airson a sheinn nas àirde*; *bidh e a' tighinn nas trice bho seo a-mach*.

§138 (iii) (b) Co-ghnìomhairean, leis na cruthan fàisneach *nas<sup>f</sup>, na bu<sup>s</sup>*: *tha againn ri dhol nas fhaide a tuath fhathast*; *bha iad na b' fhaide air falbh na sin*.

§138 (iii) (c) Gnìomhairean neo-tharbhach, leis na cruthan fàisneach *nas<sup>f</sup>, na bu<sup>s</sup>*: *bha iad na bu trainge*; *chaidh e na bu mhiosa*; *cha tèid e nas luaithe*.

§138 (iii) (d) Far am bi buadhair coimeasach a' leasachadh gnìomhair clàs dhàimhich, thig am buadhair coimeasach air thoiseach air a' ghnìomhair:

§138 (iii) (d) (α) Ann an clàsan dàimheach bunasach §203, cleachdar *as<sup>f</sup>, a bu<sup>s</sup>* §304 (ii): *'s e am balach ud a b' fheàrr a sheinn aig a' Mhòd*; *an iad an fheadhainn as fheàrr a dh'fhàsas san dubhar?*

§138 (iii) (d) (β) Ann an clàsan dàimheach claona §204, cleachdar *an<sup>m</sup>, am bu<sup>s</sup>*

5. i. an riochdair dàimheach bunasach *a<sup>dh</sup>* + an gnìomhair *IS* §304 (ii): *as<sup>f</sup>, a bu<sup>s</sup>*.

6. i. an riochdair dàimheach claon *an<sup>m</sup>* + an gnìomhair *IS* §304 (vii): *an<sup>m</sup>, am bu<sup>s</sup>*.

§304 (vii): *chuir mi a' chraobh far am bu luaithe a dh'fhàsadh i; chan eil fhios agam càite an fheàrr a chuireas mi i; anns an dòigh seo dh'fhaodamaid a ràdh gun do rugadh Brian Bòroimhe fada ro a àm – ron àm am b' fheàrr a bhiodh feum air* (≈An Ròsarnach II, 10)<sup>7</sup>.

§138 (iii) (d) (γ) Ann an clàsan dàimheach tabhartach claona §205 (i), cleachdar *an<sup>m</sup>, am bu<sup>s</sup>* §304 (vii): *chan eil neach sam bith aig an fheàrr a tha fios na agadsa* (≈Mac Coinnich 1867, 111); *chan eil fonn anns an fheàrr a dh'fhàsas gràs na an cridhe tùrsach trom* (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 553); *chan eil dòigh air an fheàrr as urrainn dhuinn a cumail suas* (≈Mac-Talla VI, àir. 50, 397)<sup>8</sup>.

DREUCHD	RIOCHD	CO-THEAGS	RIOCHD	CO-THEAGS
CÀILEACH	{ as <sup>f</sup> a bu <sup>s</sup>	ainmear deimhinnte: <i>an tè as fheàrr</i>	nas <sup>f</sup> na bu <sup>s</sup>	ainm. neo-dheimh.: <i>tè nas fheàrr</i>
FÀISNEACH	{ as <sup>f</sup> a bu <sup>s</sup>	IS: <i>'s i as fheàrr</i>	nas <sup>f</sup> na bu <sup>s</sup>	BI: <i>tha i nas fheàrr</i>
CO-GHN.	{	as <sup>f</sup> clàs dàimheach bunasach: a bu <sup>s</sup> <i>an tè as fheàrr a dh'fhàsas</i>	nas <sup>f</sup> na bu <sup>s</sup>	ainm. gnìomhaireach: <i>tha i a' fàs nas fheàrr</i>
		an <sup>m</sup> clàs dàimheach claon: am bu <sup>s</sup> <i>far an fheàrr a dh'fhàsas i</i>	nas <sup>f</sup> na bu <sup>s</sup>	gnìomhair: <i>fàsaidh i nas fheàrr</i>
		an <sup>m</sup> clàs dàimheach tabh. claon: am bu <sup>s</sup> <i>an tè dhan fheàrr falbh</i>		

### §139 Brìgh a' cheuma choimeasaich

Tha brìgh a' bhuadhair choimeasaich aon chuid COIMEASACH §139 (i) no ANARDACH §139 (ii), a rèir a' cho-theagsa:

#### §139 (i) Brìgh choimeasach

Far an tèid an dàrna rud an coimeas ris an rud eile: *b' fheàrr leam rudeigin milis seach rudeigin geur; an tè as lugha den dithis bhoireannach ud; bha an dà chàr glè shnog, ach b' e an càr gorm am fear a bu shaoire; tha bràthair aig Calum, ach 's e Calum fhèin as àirde.*

#### §139 (ii) Brìgh anardach

Far an tèid an t-aon rud no rudan a chur thar chàich: *'s e seo an latha as giorra*

7. Air uairean, chithear an clàs dàimheach claon seo ga leantainn le clàs dàimheach claon eile, i. *far am bu luaithe am fàsadh i*; coim. b-n 8.

8. Air uairean, chithear an clàs dàimheach tabhartach claon seo ga leantainn le clàs dàimheach claon, m.e. *chan aithne dhuinn neach dom b' fheàrr an tigeadh an gnothach* (≈An Gaidheal II, 67); coim. b-n 7.

den bhliadhna; 's i an tè as àirde den chòignear; cheannaich sinn an teilidh a bu shaoire a b' urrainn dhuinn; nuair as làine an cupan, 's ann as dorra a ghiùlan (≈Nicolson 1881, 39).

### §140 An clàs dàimheach buadhaireach

Thèid buadhair a chleachdadh gu càileach ann an cruth clàs dhàimhich,<sup>9</sup> mar a chunnacas shuas: *an duine as fheàrr* §138 (i) (a); *duine nas fheàrr* §138 (i) (b).

#### §140 (i) Dreuchd

Gabhaidh clàs dàimheach buadhaireach, agus ainmear na chois, cleachdadh gus buadh shònraichte aig a' cheann-ainmear a nochdadh: *an duine as beag ciall*, .i. 'an duine aig nach eil mòran cèille'; *an duine as àirde cliù*, .i. 'an duine aig a bheil an cliù as àirde'.

#### §140 (ii) Tuiseal

Thèid a' bhuadh àraidh a tha seo a chur an cèill le ainmear san tuiseal bhunasach: *am fear as luaithe làmh* 'am fear aig a bheil an làmh as luaithe'.

#### §140 (iii) Cruth a' ghnìomhair

Cleachdar *as<sup>f</sup>*, *a bu<sup>s</sup>* – .i. cruth dàimheach bunasach a' ghnìomhair *IS* – cò dhiubh as e ainmear deimhinnte no ainmear neo-dheimhinnte a bhios ann: (deimh.) *an duine as àirde cliù*; (neo-dheimh.) *duine as àirde cliù*.

#### §140 (iv) Ceum a' bhudhair

Faodaidh am buadhair a bhith sa cheum bhunasach no sa cheum choimeasach: *duine as beag eòlas*; *duine as lugha eòlas*.<sup>10</sup>

### §141 An ceum fàthach

#### §141 (i) Dreuchd

Cuiridh AN CEUM FÀTHACH an cèill a' bhuil no a' bhuidh a bhios aig rudeigin air staid duine no nì: 's *fheàrrde duine gàire*, .i. bidh duine nas fheàrr dheth mar thoradh air gàireachdainn. Tha an ceum seo cumanta ann an seanfhacail agus, ann an cainnt, le *feàrrde* agus *miste* §141 (iii).

#### §141 (ii) Buadhairean riaghailteach

Cuirear an t-iar-leasachan *~de* (le *~e* ion-teasgaidh)<sup>11</sup> ri cruth coimeasach a' bhudhair, le àrdachadh san fhuaimreig dheiridh (*e > i*), m.e. (*geal*) *gile > gilide*; (*lom*) *luime > luimide*; (*dubh*) *duibhe > duibhide*; (*fliuch*) *fliche > flichide*; (*tiugh*)

9. Bidh am buadhair an seo na choileanadh aig a' ghnìomhair *IS*.

10. Cha tèid *n*-chruthan a' ghnìomhair *IS* a chleachdadh le ceann-ainmear neo-dheimhinnte an seo; iom-sgaraich §138 (i) (b), b-n 3.

11. Às an iar-leasachan Shean Ghàidhlig *-de* 'dheth'.

*tighe* > *tighide*; (*liath*) *lèithe* > *lèithide*: *is mòr fiach na foighidinn, is lughaide fearg fuireach*, .i. bidh fearg nas lugha mar thoradh air fuireach; *is giorraide an Gall an ceann a chur dheth*, .i. bidh an Gall nas giorra mar thoradh air a cheann a chur dheth.

#### §141 (iii) Buadhairean neo-riaghailteach

(*beag*) *lugha, bige* > *lughaide, bigide*; (*doirbh*) *dorra* > *dorraide*; (*dona, olc*) *miosa* > *miste*; (*duilich*) *duilghe, dorra* > *duilghide, dorraide*; (*furasta*) *fasa* > *fasaide*; (*goirid, geàrr*) *giorra* > *giorraide*; (*làidir*) *làidire, treasa, treise* > *làidiride, treasaide*; (*math*) *feàrr* > *feàirrde*; (*mòr*) *motha, mò* > *mothaide, mòide*; (*teth*) *teotha* > *teothaide*<sup>12</sup>; (*treun*) *treasa, treise* > *treasaide*: 's *fheàirrde* cù cù a chrochadh; *is miste* na bochdan a bhith lìonmhor; 's *fheàirrde* cù sgaiteach cnàimh a chur na bheul; bu *mhiste* am buntàta an t-uisge; cha *mhiste* sgeul math aithris dà uair; cha *mhiste* mi siud ach chan *fheàirrde* mi e; tha dùil agam nach *miste* thu fhèin agus mi fhìn drudhag bheag bhlàth mun tèid sinn gu tàmh (≈An Gaidheal II, 262);

#### §142 An ceum buadhach

##### §142 (i) Dreuchd

Tha AN CEUM BUADHACH na ainmear eas-cruthach agus cleachdar e leis an roimhear *an*<sup>m</sup> §349 (ix) (e) gus buadh rudeigin a nochdadh: *chaidh an t-aodach an gilead na laighe sa ghrèin*, .i. dh'fhàs an t-aodach na bu ghile is e na laighe sa ghrèin.

##### §142 (ii) Buadhairean riaghailteach

Cuirear an t-iar-leasachan ~*ad* §90 (iii) ri cruth coimeasach a' bhuadhair, m.e. (*geal*) *gile* > *gilead* 'a bhith geal'; (*lom*) *luime* > *luimead*; (*daor*) *daoire* > *daoiread*; (*dubh*) *duibhe* > *duibhead*; (*fliuch*) *fliche* > *flichead*; (*tiugh*) *tighe* > *tighead*; (*liath*) *lèithe* > *lèithead*; (*fada*) *faide* > *faidead*, *fad*: *tha deoch-làidir air a dhol an daoiread*.

##### §142 (iii) Buadhairean neo-riaghailteach

(*beag*) *lugha, bige* > *lughad, bigead*; (*doirbh*) *dorra* > *dorrada*; (*dona, olc*) *miosa* > *miosad, olcas*; (*duilich*) *duilghe, dorra* > *duilghthead, dorrada*; (*furasta*) *fasa* > *fasad*; (*goirid, geàrr*) *giorra* > *giorrada*; (*làidir*) *làidire, treasa, treise* > *làidiread, treasad*; (*math*) *feàrr* > *feabhas*; (*mòr*) *motha, mò* > *meud, mòid*; (*teth*) *teotha* > *teothad*; (*treun*) *treasa, treise* > *treasad*: *tha an obair agad a' dol am feabhas*; *thèid i am miosad fhathast*; *coltach ri mo shean bhrògan: a' sìor dhol am miosad*; *chaidh am bailiùn an lughad*.

12. A rèir Chalder (1972, 118), tha cruthan den cheum fhàthach a dhìth air *ionmhainn* agus *leathann* §137 (ii).

## 14 Àireamhan is Iomadaichean

### §143 An àireamh ‘1’

#### §143 (i) *a h-aon, aon, aonan*

Cleachdar na cruthan *a h-aon, aon* no *aonan*<sup>1</sup> §215, a rèir dualchainnt, gus a bhith a’ sònrachadh aon duine no aon rud a-mhàin, m.e. *feumaidh sinn a h-aon a thaghadh às gach buidhinn; le gealltanais nan tàillearan is gun aonan anns an dùthaich* (≈Iain MacCodrum: Black 2001, 254).

#### §143 (ii) *aonar*

Tha an cruth *aonar*<sup>2</sup> air a chuibhreachadh ris an abairt roimhearail *an*<sup>m</sup> §349 (v) + riochdair seilbheach §190 + *aonar*, m.e. *nad aonar* ‘leat fhèin; air do cheann fhèin’; *tha i a-staigh na h-aonar*; *bha mi nam aonar aig a’ bhòrd a’ gabhail mo bhìdh* (Dòmhnallach 2001, 48); ‘*Ge bith<sup>3</sup> dè tha ri dhèanamh,*’ *ars esan ris fhèin,* ‘*s mise a dh’fheumas a dhèanamh nam aonar*’ (ibid., 118).

### §144 Na h-àireamhan pearsanta, ‘2–10’

Gheibhear sreath de dh’ÀIREAMHAN PEARSANTA, ‘2–10’. Tha na h-àireamhan seo nan ainmearan singilte do-chlaonaidh<sup>4</sup>.

Àir.	(i) Neo-eisimeileach	(ii) Le buadhair	(iii) Le ainmear
2	<i>dithis</i> † b.	<i>an dithis beag</i>	<i>dithis bhalach</i>
3	<i>triùir</i> b.	<i>an triùir beag</i>	<i>triùir chloinne</i>
4	<i>ceathrar</i> f.	<i>an ceathrar beag</i>	<i>ceathrar chaileag</i>
5	<i>còignear</i> f.	<i>an còignear beag</i>	<i>còignear bhodach</i>
6	<i>sianar</i> ‡ f.	<i>an sianar beag</i>	<i>sianar chailleach</i>
7	<i>seachdnar</i> f.	<i>an seachdnar beag</i>	<i>seachdnar ogha</i>
8	<i>ochdnar</i> f.	<i>an t-ochdnar beag</i>	<i>ochdnar nighean</i>
9	<i>naoinear</i> f. ‡‡	<i>an naoinear beag</i>	<i>naoinear mhac</i>
10	<i>deichnear</i> f.	<i>an deichnear beag</i>	<i>deichnear ghillean</i>

†No *dithist*.

‡No *sèanar* no *seisear* ann an corra dhualchainnt.

‡‡No *naodhnar* ann an corra-dhualchainnt.

1. Faic Cox 2011.

2. Tàrmaichidh an cruth *aonar* agus na cruthan *triùir* gu *deichnear* §144 bho thùs anns na h-àireamhan àrdail §147 + *fear* f.; coim. SG *óenar, tríar ... deichenbor* (Thurneysen 1975, 243–44; McCone 1994, 206–07, §35.7).

3. Airson *ge be air bith* §228 (ii).

4. Ged a gheibhear *dithis* b., gin. *dèise*, ann an sgrìobhaidhean nas sine.

## §144 (i) Riochdachadh

Riochdaichidh na h-àireamhan pearsanta daoine a-mhàin<sup>5</sup>, .i. is ionann *dithis* agus ‘dà neach’<sup>6</sup>: *tha dithis ag obair sa bhùth a-nise; bha sinn nar dithis a’ coiseachd na sràide; am bi an triùir aca a’ tighinn? bithidh* (.i. triùir a-mach à triùir); *bha seachdnar chloinne san teaghlach, ach bhàsaich dithis dhiubh gu math òg*.

## §144 (ii) Buadhairean càileach

Gabhaidh buadhairean càileach cleachdadh leis na h-àireamhan pearsanta, m.e. *dithis bhàn*, .i. dithis air an robh falt bànn; *ciamar a tha an triùir bheag an-diugh?*; *ceathrar bochd*<sup>7</sup>.

## §144 (iii) Ainmearan a leanas

Thèid ainmear an dèidh nan àireamhan pearsanta a chomharradh san tuiseal ghinideach iolra, m.e. *dithis bhodach; dithis chaileag; triùir ghilleann àrda; triùir nighean beaga*<sup>8</sup>; *ceathrar fhìreannach òga; còignear bhan*.

Bhon àireimh ‘11’ suas, cleachdar na h-àireamhan àrdail §147 7c.

## §145 Na riaghailtean àireamhail

## §145 (i) An riaghailt dhualchasach

Tha riaghailt dhualchasach nan àireamhan àrdail ann an Gàidhlig na h-Albann stèidhichte air ficheadan agus air iomadaichean agus air bloighean dhiubh, agus tha sin follaiseach ann an corra abairt san nua-chànan, m.e. *chì mi ann an deich latha thu*, .i. ann an seachdain gu leth; *thig an làraidh mu thimcheall nan taighean gach cola-deug*<sup>9</sup>, .i. gach dà sheachdain; *bidh sinn air falbh fad fichead latha*, .i. fad thrì seachdainean; agus anns an riaghailt cunntaidh, m.e. *fichead’s a deich* ‘30’; *dà fhichead* ‘40’ 7c §147 (iii).

5. Ann am fìor chorra dhualchainnt, buinidh iad ri beathaichean mar an ceudna.

6. ‘S e ath-aithris a bhiodh na leithid \**dithis dhaoine* no \**dithis neach*.

7. Ged a tha na h-àireamhan pearsanta nan ainmearan singilte, gheibhear *dithis bhàna*, *an triùir bheaga*, *ceathrar bochda* 7c cuideachd, agus riochd iolra nam buadhairean air an cleachdadh fo bhuidh brìgh iolra nan àireamhan pearsanta fhèin; coim. *clann bheaga* §59 (i) (a), b-n 2.

8. Mar as trice, cleachdar an riochd ginideach iolra as sine de dh’ainmear, m.e. *dithis nighean* an àite \**dithis nigheanan*, .i. far an ionann an riochd ginideach iolra, gu tric, agus an tuiseal bunasach singilte §83 (iii) (b).

9. .i. còig latha deug; gheibhear *ceala-deug* air uairean cuideachd, .i. ceithir latha deug, coim. B*fortnight*.

## §145 (ii) An riaghailt ùr

Thòisicheadh riaghailt ùr am measg nan sgoiltean bho na 1970an<sup>10</sup>, stèidhichte air deichean agus air iomadaichean dhiubh, m.e. *trithead* '30'; *ceathrad* '40'.<sup>11</sup> Tha seo a' buntainn an dà chuid ri àireamhan àrdail §147 agus àireamhan òrdail §154.

## §146 Na h-àireamhan àrdail

§146 (i) Am mìr àireamhail *a*<sup>h</sup>

Cleachdar am mìr àireamhail *a*<sup>h</sup> le àireamhan àrdail neo-eisimeileach<sup>12</sup> §147, gu h-àraidh ann a bhith a' cunntadh no ann a bhith a' libhrigeadh sreath de dh'àireamhan, m.e. *a h-aon*, *a dhà*, *a trì*, *a ceithir*, *a còig* '1–5'. Tha am mìr àireamhail seo ion-teasgaidh agus, mar as trice, cha nochd e ach ro eileamaidean àireamhail as luach '1–19', m.e. *a trì-deug* '13'; *fichead 's a trì* '23'; *fichead 's a trì-deug* '33'.

§146 (ii) *a dhà no (a) t(h)ri*

Gheibhear an abairt *a dhà no (a) thri*, ri taobh *a dhà no (a) trì*, agus an àireamh *tri* air a sèimheachadh tro cho-rèiteachadh ris an t-sèimheachadh ann an *a dhà*.

## §146 (iii) Àireamhan a leanas ainmearan

Cleachdar am mìr àireamhail le àireamhan a leanas ainmearan gu càileach: *Rìgh Seumas a h-Aon*; *bliadhna a trì san oilthigh*; *leabhar a ceithir san t-sreath*.

## §147 Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach

## §147 (i) Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach '0–10'

Cleachdar àireamhan aon-chruthach: *neoni*; *a h-aon*; *a dhà*; *a trì*; *a ceithir*; *a còig*; *a sia*; *a seachd*; *a h-ochd*; *a naoi*; *a deich*. Gheibhear *a sè* agus *a naodh*, seach *a sia* agus *a naoi*, ann an corra dhualchainnt.

## §147 (ii) Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach '11–19'

Cleachdar na h-àireamhan '1–9' agus am buadhair do-chlaonaidh *deug* 'deich' nan dèidh: *a h-aon-deug*; *a dhà-dheug* (le sèimheachadh an dèidh *a dhà*); *a trì-deug*; *a ceithir-deug*; *a còig-deug*; *a sia-deug*; *a seachd-deug*; *a h-ochd-deug*; *a naoi-deug*.

10. Chaidh riaghailt cheudna a mholadh le MacLaren (1923, 169–70).

11. Bha a leithid de riaghailt ga cleachdadh san t-Sean Ghàidhlig, agus chaidh na h-ainmearan ùra airson nan deichean bho '30' suas (*trithead* 7c) a stèidheachadh air cruthan eachdraidheil.

12. Chan ann le *neoni* '0'; m.e. *neoni*, *a trì*, *a còig*.

## NA H-ÀIREAMHAN ÀRDAIL NEO-EISIMEILEACH '1–20'

1	<i>a h-aon</i>	11	<i>a h-aon-deug</i>
2	<i>a dhà</i>	12	<i>a dhà-dheug</i>
3	<i>a trì</i>	13	<i>a trì-deug</i>
4	<i>a ceithir</i>	14	<i>a ceithir-deug</i>
5	<i>a còig</i>	15	<i>a còig-deug</i>
6	<i>a sia</i>	16	<i>a sia-deug</i>
7	<i>a seachd</i>	17	<i>a seachd-deug</i>
8	<i>a h-ochd</i>	18	<i>a h-ochd-deug</i>
9	<i>a naoi</i>	19	<i>a naoi-deug</i>
10	<i>a deich</i>	20	<i>fichead</i>

§147 (iii) Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach '20', '30' 7c

§147 (iii) (a) San riaghailt dhualchasaich, cleachdar na h-àireamhan *fichead* '20'; *dà fhichead* '40'; *trì fichead* '60'; agus *ceithir fichead* '80'.

§147 (iii) (b) San riaghailt ùir, cleachdar na h-àireamhan *fichead* '20'; *trithead* '30'; *ceathrad* '40'; *caogad* '50'; *seasgad* '60'; *seachdad* '70'; *ochdad* '80'; *naochad* '90'.

§147 (iv) Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach '21–39'

§147 (iv) (a) San riaghailt dhualchasaich, ceanglar *fichead* ris na h-àireamhan '1–19' leis an naisgear *agus* §333 (i) (Sreath 1, shìos), m.e. *fichead 's a h-aon* '21'; *fichead 's a naoi-deug* '39'; air neo ceanglar na h-àireamhan '1–19' ri *fichead* leis an roimhear *air*<sup>s</sup> §347 (i) (e)<sup>13</sup> (Sreath 2, shìos), m.e. *aon air fichead* '21'; *naoi-deug air fichead* '39'.

§147 (iv) (b) San riaghailt ùir, ceanglar '1–9' ri *fichead* leis an naisgear *agus* §333 (i) (d), m.e. *fichead 's a h-aon* '21'; no ri *trithead* 7c air an aon dòigh: *trithead 's a naoi* '39'.

§147 (v) Na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach '41–59' 7c

Togar na h-àireamhan '41–59' 7c leis na h-eileamaidean àireamhail fa leth, gan ceangal ri chèile leis an naisgear *agus* §333 (i) (d) (β): (an riaghailt dhualchasaich) *dà fhichead 's a h-aon* '41'; *trì fichead 's a trì-deug* '73'; (an riaghailt ùr) *ceathrad 's a h-aon* '41'; *seachdad 's a trì* '73'.

13. Gheibhear *ar*<sup>s</sup> agus *thar*<sup>s</sup> air uairean, cuideachd §373 (viii).

## NA H-ÀIREAMHAN ÀRDAIL NEO-EISIMEILEACH '21–'

AN RIAGHAILT DHUALCHASACH		AN RIAGHAILT ÙR
Sreath (1)	Sreath (2)	
21 <i>fichead 's a h-aon</i>	<i>a h-aon air fhichead</i>	<i>fichead 's a h-aon</i>
22 <i>fichead 's a dhà</i>	<i>a dhà air fhichead</i>	<i>fichead 's a dhà</i>
23 <i>fichead 's a trì</i>	<i>a trì air fhichead</i>	<i>fichead 's a trì</i>
24 <i>fichead 's a ceithir</i>	<i>a ceithir air fhichead</i>	<i>fichead 's a ceithir</i>
25 <i>fichead 's a còig</i>	<i>a còig air fhichead</i>	<i>fichead 's a còig</i>
26 <i>fichead 's a sia</i>	<i>a sia air fhichead</i>	<i>fichead 's a sia</i>
27 <i>fichead 's a seachd</i>	<i>a seachd air fhichead</i>	<i>fichead 's a seachd</i>
28 <i>fichead 's a h-ochd</i>	<i>a h-ochd air fhichead</i>	<i>fichead 's a h-ochd</i>
29 <i>fichead 's a naoi</i>	<i>a naoi air fhichead</i>	<i>fichead 's a naoi</i>
30 <i>fichead 's a deich</i>	<i>a deich air fhichead</i>	<i>trithead</i>
31 <i>fichead 's a h-aon-deug</i>	<i>a h-aon-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a h-aon</i>
32 <i>fichead 's a dhà-dheug</i>	<i>a dhà-dheug air fhichead</i>	<i>trithead 's a dhà</i>
33 <i>fichead 's a trì-deug</i>	<i>a trì-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a trì</i>
34 <i>fichead 's a ceithir-deug</i>	<i>a ceithir-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a ceithir</i>
35 <i>fichead 's a còig-deug</i>	<i>a còig-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a còig</i>
36 <i>fichead 's a sia-deug</i>	<i>a sia-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a sia</i>
37 <i>fichead 's a seachd-deug</i>	<i>a seachd-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a seachd</i>
38 <i>fichead 's a h-ochd-deug</i>	<i>a h-ochd-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a h-ochd</i>
39 <i>fichead 's a naoi-deug</i>	<i>a naoi-deug air fhichead</i>	<i>trithead 's a naoi</i>
40 <i>dà fhichead</i>	<i>dà fhichead</i>	<i>ceathrad</i>

AN RIAGHAILT DHUALCHASACH	AN RIAGHAILT ÙR
41 <i>dà fhichead 's a h-aon</i>	<i>ceathrad 's a h-aon</i>
42 <i>dà fhichead 's a dhà</i>	<i>ceathrad 's a dhà</i>
43 <i>dà fhichead 's a trì</i>	<i>ceathrad 's a trì</i>
44 <i>dà fhichead 's a ceithir</i>	<i>ceathrad 's a ceithir</i>
45 <i>dà fhichead 's a còig</i>	<i>ceathrad 's a còig</i>
46 <i>dà fhichead 's a sia</i>	<i>ceathrad 's a sia</i>
47 <i>dà fhichead 's a seachd</i>	<i>ceathrad 's a seachd</i>
48 <i>dà fhichead 's a h-ochd</i>	<i>ceathrad 's a h-ochd</i>
49 <i>dà fhichead 's a naoi</i>	<i>ceathrad 's a naoi</i>
50 <i>leth-cheud †</i>	<i>caogad</i>
51 <i>leth-cheud 's a h-aon</i>	<i>caogad 's a h-aon</i>
52 <i>leth-cheud 's a dhà</i>	<i>caogad 's a dhà</i>
53 <i>leth-cheud 's a trì</i>	<i>caogad 's a trì</i>
54 <i>leth-cheud 's a ceithir</i>	<i>caogad 's a ceithir</i>
55 <i>leth-cheud 's a còig</i>	<i>caogad 's a còig</i>
56 <i>leth-cheud 's a sia</i>	<i>caogad 's a sia-deug</i>
57 <i>leth-cheud 's a seachd</i>	<i>caogad 's a seachd</i>
58 <i>leth-cheud 's a h-ochd</i>	<i>caogad 's a h-ochd</i>
59 <i>leth-cheud 's a naoi</i>	<i>caogad 's a naoi</i>
60 <i>trì fichead</i>	<i>seasgad</i>

61	<i>trì fichead 's a h-aon</i>	<i>seasgad 's a h-aon</i>
62	<i>trì fichead 's a dhà</i>	<i>seasgad 's a dhà</i>
63	<i>trì fichead 's a trì</i>	<i>seasgad 's a trì</i>
64	<i>trì fichead 's a ceithir</i>	<i>seasgad 's a ceithir</i>
65	<i>trì fichead 's a còig</i>	<i>seasgad 's a còig</i>
66	<i>trì fichead 's a sia</i>	<i>seasgad 's a sia</i>
67	<i>trì fichead 's a seachd</i>	<i>seasgad 's a seachd</i>
68	<i>trì fichead 's a h-ochd</i>	<i>seasgad 's a h-ochd</i>
69	<i>trì fichead 's a naoi</i>	<i>seasgad 's a naoi</i>
70	<i>trì fichead 's a deich</i>	<i>seachdad</i>
71	<i>trì fichead 's a h-aon-deug</i>	<i>seachdad 's a h-aon</i>
72	<i>trì fichead 's a dhà-dheug</i>	<i>seachdad 's a dhà</i>
73	<i>trì fichead 's a trì-deug</i>	<i>seachdad 's a trì</i>
74	<i>trì fichead 's a ceithir-deug</i>	<i>seachdad 's a ceithir</i>
75	<i>trì fichead 's a còig-deug</i>	<i>seachdad 's a còig</i>
76	<i>trì fichead 's a sia-deug</i>	<i>seachdad 's a sia</i>
77	<i>trì fichead 's a seachd-deug</i>	<i>seachdad 's a seachd</i>
78	<i>trì fichead 's a h-ochd-deug</i>	<i>seachdad 's a h-ochd</i>
79	<i>trì fichead 's a naoi-deug</i>	<i>seachdad 's a naoi</i>
80	<i>ceithir fichead</i>	<i>ochdad</i>
81	<i>ceithir fichead 's a h-aon</i>	<i>ochdad 's a h-aon</i>
82	<i>ceithir fichead 's a dhà</i>	<i>ochdad 's a dhà</i>
83	<i>ceithir fichead 's a trì</i>	<i>ochdad 's a trì</i>
84	<i>ceithir fichead 's a ceithir</i>	<i>ochdad 's a ceithir</i>
85	<i>ceithir fichead 's a còig</i>	<i>ochdad 's a còig</i>
86	<i>ceithir fichead 's a sia</i>	<i>ochdad 's a sia</i>
87	<i>ceithir fichead 's a seachd</i>	<i>ochdad 's a seachd</i>
88	<i>ceithir fichead 's a h-ochd</i>	<i>ochdad 's a h-ochd</i>
89	<i>ceithir fichead 's a naoi</i>	<i>ochdad 's a naoi</i>
90	<i>ceithir fichead 's a deich</i>	<i>naochad</i>
91	<i>ceithir fichead 's a h-aon-deug</i>	<i>naochad 's a h-aon</i>
92	<i>ceithir fichead 's a dhà-dheug</i>	<i>naochad 's a dhà</i>
93	<i>ceithir fichead 's a trì-deug</i>	<i>naochad 's a trì</i>
94	<i>ceithir fichead 's a ceithir-deug</i>	<i>naochad 's a ceithir</i>
95	<i>ceithir fichead 's a còig-deug</i>	<i>naochad 's a còig</i>
96	<i>ceithir fichead 's a sia-deug</i>	<i>naochad 's a sia</i>
97	<i>ceithir fichead 's a seachd-deug</i>	<i>naochad 's a seachd</i>
98	<i>ceithir fichead 's a h-ochd-deug</i>	<i>naochad 's a h-ochd</i>
99	<i>ceithir fichead 's a naoi-deug</i>	<i>naochad 's a naoi</i>

†No ('50–59') *dà fhichead 's a deich* '50'; *dà fhichead 's a h-aon-deug* '51' 7c.

100 *ceud*

101 *ceud 's a h-aon*

200 *dà cheud*

300 *trì cheud* †

*ceud*

*ceud 's a h-aon*

*dà cheud*

*trì cheud*

400	<i>ceithir ceud</i>	<i>ceithir ceud</i>
500	<i>còig ceud</i>	<i>còig ceud</i>
600	<i>sia ceud</i>	<i>sia ceud</i>
700	<i>seachd ceud</i>	<i>seachd ceud</i>
800	<i>ochd ceud</i>	<i>ochd ceud</i>
900	<i>naoi ceud</i>	<i>naoi ceud</i>
1,000	<i>mìle</i>	<i>mìle</i>
	m <i>millean</i>	<i>millean</i>
	bn <i>billean</i>	<i>billean</i>

†A thaobh an t-sèimheachaidh ann an *ceud* an dèidh *trì*, *ceithir*, *còig*, faic §149 (iii) (b) + b-n 16.

### §148 Àireamhan àrdail neo-eisimeileach nas toinnte

#### §148 (i) Structar

Thèid àireamhan nas toinnte a thogail le bhith a' nasgadh nan diofar eileamaid-ean àireamhail – air an sgaradh le cromraig sna leanas – an còmhghar ri chèile.

173	<i>ceud, trì fichead 's a trì-deug</i>	<i>ceud, seachdad 's a trì</i>
243	<i>dà cheud, dà fhichead 's a trì</i>	<i>dà cheud, ceathrad 's a trì</i>
314	<i>trì cheud 's a ceithir-deug</i>	<i>trì cheud 's a ceithir-deug</i>
456	<i>ceithir cheud, leth-cheud 's a sia</i>	<i>ceithir cheud, caogad 's a sia</i>
599	<i>còig cheud, ceithir fichead 's a naoi-deug</i>	<i>còig cheud, naochad 's a naoi</i>
1,721	<i>mìle, seachd ceud, fichead 's a h-aon</i>	<i>mìle, seachd ceud, fichead 's a h-aon</i>
3,769	<i>trì mìle, seachd ceud, trì fichead 's a naoi</i>	<i>trì mìle, seachd ceud, seasgad 's a naoi</i>

#### §148 (ii) Leis an alt agus/no le buadhair

Gabhaidh na h-àireamhan àrdail neo-eisimeileach cleachdadh leis an alt agus/no le buadhair:

§148 (ii) (a) *aon* f./b., *aonan* f. '1', a rèir dualchainnt: *sin an t-aon a bha a dhith orm; bha mi anns an rìoghachd maille rim aon bheag ionmhainn* (*Fear-tathaich Miosail* III, 160); *fàsaidh an aon bheag na mìle, 's an aon shuarach na cinneach* (*cinneadh*) *neartmhor* (*Isaiah* 60:22, 1807); *aon mhòr bhrèagha* (*Watson* 2007, 7); *nam biodh aonan mòr ann a' dèanamh trì tursan san latha tron t-samhradh* (≈*Naidheachdan* 6/10/2010); ach coim. *fear* f., *tè* b. san t-seagh seo cuideachd: *am fear beag; an tè mhòr* §225.

§148 (ii) (b) Na h-àireamhan '2–19': cleachdar an t-alt iolra (bun./tabh.) *na*<sup>h</sup>, (gin.) *nan*<sup>m</sup> (ach gin. *na dhà*) §50, fhad 's a bhios na h-àireamhan fhèin do-chlaonaidh: (bun.) *nì na dhà an gnothach dhomh; b' fheudar dhuinn na h-ochd-deug as ùire a ghabhail*; (tabh.) *cha robh anns na trì sin ach toiseach toiseachaidh*; (gin.) (a' bruidhinn air cosgais na postachd) *tha dìreach aon*

*dòigh as aithne dhuinn air a' chùis a cheartachadh – 's e sin ar luchd-leughaidh uile a ghabhail seòrsa nan ceithir sgillinn an àite seòrsa nan trì (Fear-tathaich nam Beann XIV, 438); ceud beannachd na dhà dhut (MacKenzie 1841, 363).*

§148 (ii) (c) Na h-àireamhan '20', '30' 7c:

§148 (ii) (c) (α) 'S e ainmearan fireann a th' ann am *fichead* (20) agus na h-àireamhan ùra §145 (ii) *trithead* (30), *ceathrad* (40), *caogad* (50), *seasgad* (60), *seachdad* (70), *ochdad* (80) agus *naochad* (90); mar an ceudna, *leth-cheud* (50), *ceud* (100), *mìle* (1,000), *millean* (1,000,000)<sup>14</sup>: *am fichead; an ceud leònte; am mìle.*

§148 (ii) (c) (β) Cleachdar na h-àireamhan seo gus na deicheadan a ainmeachadh: *sna dà mhìle is neonithean* '2000an'; *sna dà mhìle is deichean* '2010an'; *sna ficheadan* '20an'; *sna naoi ceud deug is trì ficheadan* '1960an'; (an riaghailt dhualchasach) *sna deich air ficheadan* '30an'; *sna deich air cheithir ficheadan* '90an'; (an riaghailt ùr) *sna tritheadan* '30an'; *sna naochadan* '90an'.

### §149 Àireamhan àrdail eisimeileach

Thig an t-ainmear an dèidh a àireimh, m.e. *chan eil ach trì chasan air an stòl seo.*

§149 (i) An àireamh àrdail eisimeileach *aon*<sup>s</sup> '1'

Bidh *aon*<sup>s</sup> a' sèimheachadh agus a' comharradh a ainmear<sup>15</sup> san uimhir shingilte §83 (i), m.e. *aon fheasgar blàth; an t-aon chùmhnannt*; ach thèid sèimheachadh a bhacadh le *d t l n r s*, m.e. *aon saighdear* §45 (i) (l) (α); *aon droch isean*; ach gu tric bidh an àireamh ri a tuigsinn, gu h-àraidh ma thèid an rud fhèin a leasachadh, m.e. *tha i bliadhna a dh'aois* §181 (i); *chan eil sinn ag iarraidh ach poca an duine* §54 (ix). Le *ri* §368 (viii) (a), san t-seagh 'ceudna': *gheibh mi an t-aon rud riut fhèin.*

§149 (ii) An àireamh àrdail eisimeileach *dà*<sup>s</sup> '2'

Bidh *dà*<sup>s</sup> a' sèimheachadh agus a' comharradh a ainmear san uimhir dheise §83 (ii): *dà bhogsa; dà uinneig; air mullach an dà thaighe; eachdraidh na dà dhùthcha.* Le riochdair seilbheach agus buill a' chuirp, san t-seagh 'na dhà le chèile' §192: *mo dhà làimh; a dà chois; a dhà shùil.*

§149 (iii) Na h-àireamhan àrdail eisimeileach '3–9'

§149 (iii) (a) Bidh na h-àireamhan '3–9' a' comharradh an ainmear san uimhir iolra §83 (iii), m.e. *na trì luchainn d(h)alla* §45 (i) (l) (α); *ceithir leabhraichean beaga.*

14. Cuideachd, na h-àireamhan *billean; trillean.*

15. i. ainmear no a bhuadhair ro-shuidhichte §121.

§149 (iii) (b) Mar as trice, sèimhichidh *tri*, *ceithir* agus *còig* an àireamh *ceud*<sup>16</sup>, m.e. *ceithir ceud caora*; agus, gu tric, sgaoilidh sèimheachadh gu ainmearan eile aig a bheil *c* thoisich, m.e. *trì choin mhòra*; *trì chairteil na h-uarach*.

§149 (iv) Na h-àireamhan àrdail eisimeileach ‘11–19’  
‘S e buadhair do-chlaonaidh a th’ ann an *deug* ‘deich’<sup>17</sup> a leanas a ainmear: *ceithir taighean deug*.

§149 (iv) (a) *aon-deug* ‘11’: aontaichidh *deug* ri gnè a ainmeir a thaobh sèimheachaidh, m.e. (fir.) *aon fhear deug*; (boir.) *aon tè dheug*; ach tha (boir.) *aon uair deug*; *aon bhliadhna deug*, gun sèimheachadh, nam mura-bhithean<sup>18</sup>.

16. A thuilleadh air *aon ceud* agus *dà ceud*, far am bite an dùil ri sèimheachadh an dèidh *aon*<sup>s</sup> agus *dà*<sup>s</sup>, gheibhear *tri ceud*, *ceithir ceud* agus fiù ‘s *còig ceud* ann an corra dhualchainnt, le sèimheachadh ann an *ceud*, far nach bite an dùil ris. ‘S e fuidheall àrsaidh a tha seo: nuair a bha trì gnèithean fhathast aig a’ Ghàidhlig §62 (ii), bha *ceud* na fhacal neodrach. An dèidh fhacal neodrach a ghabhadh claonadh san t-Sean Ghàidhlig, bhite an dùil ri sèimheachadh anns na tuisèalan ainmneach agus cuspaireach – le chèile an tuisèal bunasach an-diugh §65 + b-n 16 – agus san tuisèal ghairmeach. Bha seo a’ toirt a-steach nam buadhairean SG *trí* ‘trì’ agus *cethair* ‘ceithir’, i. SG *trí chét*, *cethair chét*. ‘S e sèimheachadh a bhiodh a’ leantainn SG *cóic* ainmn., cusp. agus tabh. ‘còig’. Air uairean, bidh an sèimheachadh seo a’ sgaoileadh gu facail eile le *c* thoisich, gu h-àraid le ainmearan cumanta, a leithid *trì choin*, *còig chaoraich* 7c, ach chan eil pàtran cumbhalach ann.

17. Air thùs, b’ e an cruth ginideach aig *deich* a bh’ ann an SG *déc*.

18. ‘S math dh’fhaodte a chionn ‘s gun tig *r* is *d* ri chèile an seo §45 (i) (l) ( $\alpha$ ) is ( $\beta$ ); coim. am bacadh co-ionann ann an *aon chùr deug* ( $\approx$ Munro 1843, 67); coim. *aon mhionaidd deug*; *aon bhean deug* (Gillies 1902, 68); *aon chluas deug* (Reid 1971, 97; MacLaren 1923, 95); ged a gheibhear eisimpleir an-dràsta ‘s a-rithist far nach mìnich sin an dìth sèimheachaidh, m.e. *air an oidhche sin fhèin, thuit aon troigh deug de shneachda* ( $\approx$ Sinclair 1890, 304); agus ann an ‘Cumadh an Triubhais’: *cromadh gun ghainne sa chaol, aon eanga deug san osan, seachd eang am beul a theach, is tearc neach do nach foghain, air a chumadh gu dìreach, agus a trì na ghothal* ( $\approx$ Macintosh 1785, 26: ‘Two full nails to the small of the leg; eleven from the haunch to the heel; seven nails round the band; there are few to which it will not answer, well shap’d all over; and three nails to the breech’; is ionann *eang(a)* b. agus 2¼ òirleach); coim. Ros an Iar, far a bheil sèimheachadh neo-chunbhalach (Wentworth 2003, s.v. *eleven* a.).

B’ e bun-*ī* §75 a bh’ ann an SG *blíadain* b. ‘bliadhna’, m.e. (sg.) *óen blíadain déc*, le *n* + *d* ag adhbharachadh bacadh san t-sèimheachadh ann a *déc* an dèidh an ainmeir, b-n 19, shìos. Tàrmaichidh GA *bliadhna* ann an cruth claon, coim. SG *blíadnai* cusp. agus tabh., *blíadnae* gin., ach cumaidh GA *aon bhliadhna deug* ris an t-sean bhacadh. Air uairean ro *deug*, gheibhear \**bliadhain* (dà-lideach) no a leithid sa chainnt fhathast, coim. MacLennan 1925: *cóig bleidhin deug*, s.v. *bliadhna*; *sheòl an Ìmpire caomh fad naodh bliadhain deug air an fhairge* ( $\approx$ Ross 1950, 6); *rugadh Coinneach mac Choinnich, no Coinneach Odhar, ann am Baile na Cille, an Sgìreachd Ùig, an Eilean Leòdhais, mu thoiseach na seachdamh ceud bliadhain deug* ( $\approx$ Mac-Talla I, àir. 40, 3); cuideachd, *bho chionn 30 bliadhain, chan fhacas innte ach na sealgairean Innseanach* ( $\approx$ Ward 1822 – LS: *bho cheann 30 bliadhain chan fhacair innte ach na sealgaire Innseanach*); (Arainn) [‘ja: ‘bli.en ‘dr:s] (i. *sia* \**bliadhain*

§149 (iv) (b) *a dhà-dheug* '12': thèid *deug* a shèimheachadh san uimhir dheise: *dà àireimh dheug*; *dà chù dheug*; *dà chaora dheug*; *dà latha dheug*; *dà uair dheug*; *dà bhliadhna dheug*<sup>19</sup>.

§149 (iv) (c) '13–19': thèid *deug* a shèimheachadh mar as trice<sup>20</sup> an dèidh ainmearan aig a bheil litir dheiridh chaol san uimhir iolra: *trì fir dheug*; *ceithir eich dheug*; ach *còig bogsaichean deug*.

§149 (iv) (d) Ma bhios buadhair iar-shuidhichte §110 no ainmear buadhair-each §88 (ii) (b) (α) no riochdair sònrachaidh §207 aig an ainmear, leanaidh sin am buadhair *deug*: *dà sgillinn deug Shasannach* (≈Whyte 1898, 118); *sia unnsa deug Sasannach* (≈An Teachdaire Ùr Gàidhealach, 96); *fhuair sinn còig fichead agus còig puinnnd deug Shasannach, seachd tastain, ochd sgillinn agus bonn-a-sia* (≈Mac-Talla V, àir. 18, 130); *agus ceithir fir dheug eile cho math rium* (≈MacCormick 1908, 52); *bha ochd cinn deug cruith ann* (Mac-Talla I, àir. 47, 3); *choinnich sia gille deug stàbail e* (≈Campbell 1860 III, 32); *chan eil fhios càite an robh thu rè nan ceithir latha deug seo chaidh* (≈Bratach na Fìrinn I, 161); *chuir mi seachad ceithir latha deug gu math sona an sin* (≈Moireach 1970, 41).

§149 (v) Cruthan singilte an dèidh àireamhan eisimeileach

§149 (v) (a) Gabhaidh na h-àireamhan *fichead*, *leth-cheud*, *ceud*, *mìle*, *millean*, *billean* agus *trillean* cruth singilte an dèidh àireamhan agus iad nam pàirt de dh'àireimh: *sia ceud*; *trì mìle*; *còig millean*<sup>21</sup>; ach, mar ainmearan iolra leotha fhèin, gabhaidh iad cruth iolra: *bha na meanbh-chuileagan ann nam mìltean*; *bha iad a' dèanamh dìol air a' chàl, a' gànrachadh obair a làimhe le uighean beaga dubha a bhiodh iad a' breith nan ceudan* (≈Caimbeul 1979, 39).

*d' aois*) LASID IV, 210, s.v. *aois*; no ?le lagachadh san fhuaimreig, m.e. (Arainn) /Tri: blen dʒe:ɡ/ (Holmer 1957, 48; ri taobh /blianə/, 114).

19. Glè ainneamh, *dà bhliadhna deug*: *tha dà bhliadhna deug thar fhichead on a thàinig roinnean Chanada le chèile* (≈Mac-Talla VIII, àir. 8, 60); *bha i dà bhliadhna deug a dh'aois* (≈Mac-Talla III, àir. 29, 4); tro cho-rèiteachadh ri *aon bhliadhna deug* §149 (iv) (a) + b-n 18 (ged a bha cothrom ann sèimheachadh a bhacadh §45 (i) (l) (α) gu h-eachdraidheil, coim. SG *dí bliadain déc*).

20. Thèid sèimheachadh a bhacadh eadar connragan co-altaichte §45 (i) (l) (α), m.e. *ceithir eòin deug*.

21. Bhiodh na h-ainmearan *fichead*, *ceud*, *mìle* san tuiseal ghinideach an dèidh àireamhan san t-Sean Ghàidhlig, m.e. SG *trí fichit* '60' (le *fiche* f., gin. iol. *fichit*); SG *cethair chét* '400' (le *cét* f., gin. iol. *céta* – ach *cét* an dèidh àireamhan, Thurneysen 1975, 245); SG *cóic míli* '5,000' (le *mìle* b., gin. iol. *míli*); 's e cruthan iolra bho thùs a th' anns na h-ainmearan ann an GA *trì fichead*, *ceithir cheud* agus *còig mìle*, ach tha na sean chruthan ginideach iolra (*fichit* 7c) air tuiteam còmhla rin cruthan bunasach singilte (*fichead* 7c) san nua-chànan. Leanaidh *leth-cheud* an t-aon phàtran; agus *millean*, *billean*, *trillean*, tro cho-rèiteachadh.

§149 (v) (b) Cleachdar uimhir shingilte an ainmeir §83 (i) an dèidh nan àireamhan *fichead* ‘20’, *trithead* ‘30’ 7c, *leth-cheud* ‘50’, *ceud* ‘100’, *mìle* ‘1,000’, *mìlleann* ‘m’, *bìlleann* ‘bn’, *trìlleann* ‘tn’<sup>22</sup>: *fichead cù*; *trithead leabhar*; dà *fichead cearc*; *ceud taigh*; *mìle mìle*.

§149 (v) (c) Gheibhear corra ainmear a ghabhas cruth iolra eadar ‘3–9’ ach cruth singilte eadar ‘13–19’, m.e. *trì notaichean* §149 (v) (d), *trì nota deug*; *còig chaoraich*, *còig chaora deug*, *ochd caora fichead*; *seachd duine deug*.

§149 (v) (d) Gabhaidh *bliadhna*<sup>23</sup> agus *latha*<sup>24</sup> cruth singilte an dèidh àireimh sam bith: *trì bliadhna*<sup>25</sup>; *trì bliadhna deug*; *deich latha*; agus gu tric *seòrsa*; *sgillinn*<sup>26</sup>; *nota*<sup>27</sup>: *trì seòrsa*; *ceithir sgillinn*; *còig nota*<sup>28</sup>.

## NA H-ÀIREAMHAN ÀRDAIL EISIMEILEACH

## AN RIAGHAILT DHUALCHASACH

## AN RIAGHAILT ÙR

Sreath 1

2 3 4 5 †

1 *aon chù*2 *dà chù/dà chirc*3 *trì choin*4 *ceithir choin*5 *còig choin*6 *sia coin*7 *seachd coin**aon chù**dà chù/dà chirc**trì choin**ceithir choin**còig choin**sia coin**seachd coin*

22. B’ e cruthan ginideach iolra bho thùs a bh’ ann an ainmearan an dèidh nan àireamhan *fichead*, *ceud* agus *mìle*, ach gun deach na sean chruthan ginideach iolra ath-mhineachadh mar chruthan bunasach singilte; coim. §149 (v) (a) + b-n 21, §173, b-n 43.

23. Is coltach gur h-e cruth iolra bho thùs a th’ anns an ainmear ann an *trì bliadhna*, *còig bliadhna deug* 7c, agus SG *trí bliádnai* (le dùnadh iolra fuaimreagach §83 (iii) (a) (δ)) agus cruth ùr an ainmeir shingilte (*bliadhna*, na bu tràithe SG *blíadain* §149 (iv) (a) + b-n 18) air tuiteam còmhla.

24. Bhiodh an cruth *latha* an dèidh àireamhan air a bhith iolra bho thùs, ach b’ e an aon riochd a bh’ aig SG *lae*, *lá* singilte (ainmn., cusp.) agus SG *lae*, *lá* iolra (ainmn., cusp., tabh.). Air uairean, gheibhear cruth iolra, m.e. *seachd làithean*, *seach seachd latha*, tro cho-rèiteachadh.

25. ‘S e an roimhear *de*<sup>dh</sup> §355 as adhbhar dhan t-sèimheachadh is dhan chruth iolra anns an abairt *a dhà no trì bhliadhnaichean*, .i. a dhà no a trì de bhliadhnaichean §153 (i) (b).

26. Gheibhear sg. *sgilling*, iol. (+ an dèidh àireamhan) *sgillinn* (m.e. Oftedal 1956, 195).

27. Agus gu tric le ainmearan meud eile: *sia unnsa deug*; *ceithir meatair deug*.

28. Gheibhear *cairteal* (sg.) seach *cairteil* (iol.) an dèidh àireamhan air uairean: (sg.) *ann an trì chairteal na h-uarach*, *thigeadh i steach* (≈Mac a’ Ghobhainn 1969, 21); seach (iol.) *cha d’fhuair i riamh roimhe a leithid siud de onair – an rathad ùr a chur seachad an trì chairteil na h-uarach ann an carbad gun each gun diallaid gun srathair* (≈Macleòid 1932, 76).

8	<i>ochd coin</i>		<i>ochd coin</i>
9	<i>naoi coin</i>		<i>naoi coin</i>
10	<i>deich coin</i>		<i>deich coin</i>
11	<i>aon chù deug</i>		<i>aon chù deug</i>
12	<i>dà chù dheug</i>		<i>dà chù dheug</i>
13	<i>trì choin deug</i>		<i>trì choin deug</i>
14	<i>ceithir choin deug</i>		<i>ceithir choin deug</i>
15	<i>còig choin deug</i>		<i>còig choin deug</i>
16	<i>sia coin deug</i>		<i>sia coin deug</i>
17	<i>seachd coin deug</i>		<i>seachd coin deug</i>
18	<i>ochd coin deug</i>		<i>ochd coin deug</i>
19	<i>naoi coin deug</i>		<i>naoi coin deug</i>
20	<i>fhichead cù</i>		<i>fhichead cù</i>
21	<i>cù air fhichead/aon chù air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a h-aon</i>
22	<i>dà chù air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a dhà</i>
23	<i>trì choin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a trì</i>
24	<i>ceithir choin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a ceithir</i>
25	<i>còig choin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a còig</i>
26	<i>sia coin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a sia</i>
27	<i>seachd coin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a seachd</i>
28	<i>ochd coin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a h-ochd</i>
29	<i>naoi coin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>fhichead cù 's a naoi</i>
30	<i>deich coin air fhichead</i>	2 3 4 5	<i>trithead cù</i>
31	<i>aon chù deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a h-aon</i>
32	<i>dà chù dheug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a dhà</i>
33	<i>trì choin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a trì</i>
34	<i>ceithir choin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a ceithir</i>
35	<i>còig choin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a còig</i>
36	<i>sia coin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a sia</i>
37	<i>seachd coin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a seachd</i>
38	<i>ochd coin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a h-ochd</i>
39	<i>naoi coin deug air fhichead</i>	3 4 5	<i>trithead cù 's a naoi</i>
40	<i>dà fhichead cù</i>	4 5	<i>ceathrad cù</i>
41	<i>dà fhichead cù 's a h-aon</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a h-aon</i>
42	<i>dà fhichead cù 's a dhà</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a dhà</i>
43	<i>dà fhichead cù 's a trì</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a trì</i>
44	<i>dà fhichead cù 's a ceithir</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a ceithir</i>
45	<i>dà fhichead cù 's a còig</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a còig</i>
46	<i>dà fhichead cù 's a sia</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a sia</i>
47	<i>dà fhichead cù 's a seachd</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a seachd</i>
48	<i>dà fhichead cù 's a h-ochd</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a h-ochd</i>

49	<i>dà fhichead cù 's a naoi</i>	4 5	<i>ceathrad cù 's a naoi</i>
50	<i>leth-cheud cù</i>	4 5	<i>caogad cù</i>
51	<i>leth-cheud cù 's a h-aon</i>	4 5	<i>caogad cù 's a h-aon</i>
52	<i>leth-cheud cù 's a dhà</i>	4 5	<i>caogad cù 's a dhà</i>
53	<i>leth-cheud cù 's a trì</i>	4 5	<i>caogad cù 's a trì</i>
54	<i>leth-cheud cù 's a ceithir</i>	4 5	<i>caogad cù 's a ceithir</i>
55	<i>leth-cheud cù 's a còig</i>	4 5	<i>caogad cù 's a còig</i>
56	<i>leth-cheud cù 's a sia</i>	4 5	<i>caogad cù 's a sia</i>
57	<i>leth-cheud cù 's a seachd</i>	4 5	<i>caogad cù 's a seachd</i>
58	<i>leth-cheud cù 's a h-ochd</i>	4 5	<i>caogad cù 's a h-ochd</i>
59	<i>leth-cheud cù 's a naoi</i>	4 5	<i>caogad cù 's a naoi</i>
60	<i>trì fichead cù</i>	4 5	<i>seasgad cù</i>
61	<i>trì fichead cù 's a h-aon</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a h-aon</i>
62	<i>trì fichead cù 's a dhà</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a dhà</i>
63	<i>trì fichead cù 's a trì</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a trì</i>
64	<i>trì fichead cù 's a ceithir</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a ceithir</i>
65	<i>trì fichead cù 's a còig</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a còig</i>
66	<i>trì fichead cù 's a sia</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a sia</i>
67	<i>trì fichead cù 's a seachd</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a seachd</i>
68	<i>trì fichead cù 's a h-ochd</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a h-ochd</i>
69	<i>trì fichead cù 's a naoi</i>	4 5	<i>seasgad cù 's a naoi</i>
70	<i>trì fichead cù 's a deich</i>	4 5	<i>seachdad cù</i>
71	<i>trì fichead cù 's a h-aon-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a h-aon</i>
72	<i>trì fichead cù 's a dhà-dheug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a dhà</i>
73	<i>trì fichead cù 's a trì-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a trì</i>
74	<i>trì fichead cù 's a ceithir-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a ceithir</i>
75	<i>trì fichead cù 's a còig-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a còig</i>
76	<i>trì fichead cù 's a sia-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a sia</i>
77	<i>trì fichead cù 's a seachd-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a seachd</i>
78	<i>trì fichead cù 's a h-ochd-deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a h-ochd</i>
79	<i>trì fichead cù 's a naoi -deug</i>	4 5	<i>seachdad cù 's a naoi</i>
80	<i>ceithir fichead cù</i>	4 5	<i>ochdad cù</i>
81	<i>ceithir fichead cù 's a h-aon</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a h-aon</i>
82	<i>ceithir fichead cù 's a dhà</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a dhà</i>
83	<i>ceithir fichead cù 's a trì</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a trì</i>
84	<i>ceithir fichead cù 's a ceithir</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a ceithir</i>
85	<i>ceithir fichead cù 's a còig</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a còig</i>
86	<i>ceithir fichead cù 's a sia</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a sia</i>
87	<i>ceithir fichead cù 's a seachd</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a seachd</i>
88	<i>ceithir fichead cù 's a h-ochd</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a h-ochd</i>
89	<i>ceithir fichead cù 's a naoi</i>	4 5	<i>ochdad cù 's a naoi</i>

90	<i>ceithir fichead cù 's a deich</i>	4 5	<i>naochad cù</i>
91	<i>ceithir fichead cù 's a h-aon-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a h-aon</i>
92	<i>ceithir fichead cù 's a dhà-dheug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a dhà</i>
93	<i>ceithir fichead cù 's a trì-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a trì</i>
94	<i>ceithir fichead cù 's a ceithir-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a ceithir</i>
95	<i>ceithir fichead cù 's a còig-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a còig</i>
96	<i>ceithir fichead cù 's a sia-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a sia</i>
97	<i>ceithir fichead cù 's a seachd-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a seachd</i>
98	<i>ceithir fichead cù 's a h-ochd-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a h-ochd</i>
99	<i>ceithir fichead cù 's a naoi-deug</i>	4 5	<i>naochad cù 's a naoi</i>

†Airson mìneachadh nan sreath seo, faic §150.

### §150 Nota air àireamhan eisimeileach: an riaghailt dhualchasach

Is ionann na h-àireamhan eadar ‘1–20’ anns gach sreath.

#### §150 (i) Sreath (1)

'S e seo an sreath dualchasach as cumanta, leis an àireimh as àirde air thoiseach air an ainmear (*dà fhichead cù 's a trì*), ach eadar na h-àireamhan ‘21–39’ (*trì choin deug air fhichead*). A thaobh ‘21’, chan eil feum air an àireimh *aon*, ach airson sìnidh: *cù air fhichead ‘21’; dà chù air fhichead ‘22’; trì choin air fhichead ‘23’; aon chù deug air fhichead ‘31’; ceithir fichead cù 's a seachd-deug ‘97’*.

#### §150 (ii) Sreath (2)

Bheir an sreath seo dòigh eile air ‘21–30’ a chur an cèill, gun an roimhear *air*<sup>S</sup>: *aon chù fichead ‘21’<sup>29</sup>; aon chearc fichead ‘21’; dà chù fichead ‘22’; trì choin fhichead* §45 (i) (d) (γ), b-n 4, ‘23’ 7c.

#### §150 (iii) Sreath (3)

Bheir an sreath seo dòigh eile air ‘21–39’ a chur an cèill, leis an àireimh as àirde air thoiseach air an ainmear: *fichead cù 's a h-aon ‘21’; fichead cù 's a dhà ‘22’; fichead cù 's a trì ‘23’; fichead cù 's a h-aon-deug ‘31’; ceithir fichead cù 's a seachd-deug ‘97’*.

#### §150 (iv) Sreath (4)

Anns an t-sreath seo, thèid na ficheadan a thoirt a-steach le *agus* aig an deireadh: *cù is fichead ‘21’; dà chù is fichead ‘22’; trì choin is fichead ‘23’; aon chù deug is fichead ‘31’; seachd coin deug is ceithir fichead ‘97’*.

#### §150 (v) Sreath (5)

'S ionann Sreath (5) agus Sreath (4) ach gun tig an t-ainmear an dèidh nam ficheadan aig an deireadh: *a h-aon is fichead cù ‘21’; a dhà is fichead cù ‘22’; a trì*

---

29. Agus an àireamh *aon* riatanach an seo.

is fichead cù '23'; a h-aon-deug is fichead cù '31'; a seachd-deug is ceithir fichead cù '97'.

### §151 Nota air an riaghailt ùir mu àireamhan eisimeileach

Thig an t-ainmear aig deireadh na h-àireimh: *fichead 's a h-aon chù* '21'; *fichead 's a dhà chù* '22'; *fichead 's a trì choin* '23'; *trithead 's a h-aon chù* '31'; *naochad 's a seachd coin* '97'.

### §152 An àireamh eisimeileach '100' is a iomadaichean

#### NA H-ÀIREAMHAN ÀRDAIL EISIMEILEACH

AN RIAGHAILT DHUALCHASACH	AN RIAGHAILT ÙR
100 <i>ceud cù †</i>	<i>ceud cù</i>
101 <i>ceud cù 's a h-aon</i>	<i>ceud cù 's a h-aon</i>
200 <i>dà cheud cù</i>	<i>dà cheud cù</i>
300 <i>trì cheud cù</i>	<i>trì cheud cù</i>
400 <i>ceithir cheud cù</i>	<i>ceithir cheud cù</i>
500 <i>còig cheud cù</i>	<i>còig cheud cù</i>
600 <i>sia ceud cù</i>	<i>sia ceud cù</i>
700 <i>seachd ceud cù</i>	<i>seachd ceud cù</i>
800 <i>ochd ceud cù</i>	<i>ochd ceud cù</i>
900 <i>naoi ceud cù</i>	<i>naoi ceud cù</i>
1,000 <i>mìle cù</i>	<i>mìle cù</i>
m <i>millean cù</i>	<i>millean cù</i>
bn <i>billean cù</i>	<i>billean cù</i>

†Air uairean, cleachdar àireamhan a rèir nam ficheadan airson àireamhan seachad air '100', m.e. *còig fichead fear 's a trì-deug*, seach *ceud fear 's a trì-deug* '113'; *sia fichead fear 's a naoi-deug*, seach *ceud fear fichead 's a naoi-deug* '139'.

### §153 Àireamhan àrdail eisimeileach nas toinnte

#### §153 (i) An riaghailt dhualchasach

§153 (i) (a) San riaghailt dhualchasaich, gabhaidh an t-ainmear cur an dèidh gin de na h-eileamaidean àireamhail fa leth:

- 173 *ceud cù, trì fichead 's a trì-deug*
- ceud, trì fichead cù, 's a trì-deug*
- ceud, trì fichead 's a trì choin deug*

- 243 dà cheud **chù**, dà fhichead 's a trì  
 dà cheud, dà fhichead **cù** 's a trì  
 dà cheud, dà fhichead 's a trì **choin**
- 314 trì cheud **cù** 's a ceithir-deug  
 trì cheud 's a ceithir **choin** deug
- 456 ceithir cheud **cù**, leth-cheud 's a sia  
 ceithir cheud, leth-cheud **cù** 's a sia  
 ceithir cheud, leth-cheud 's a sia **coin**
- 599 còig cheud **cù**, ceithir fichead 's a naoi-deug  
 còig cheud, ceithir fichead **cù** 's a naoi-deug  
 còig cheud, ceithir fichead 's a naoi **coin** deug
- 1,721 mìle **cù**, seachd ceud, fichead 's a h-aon  
 mìle, seachd ceud **cù**, fichead 's a h-aon  
 mìle, seachd ceud, fichead **cù** 's a h-aon  
 mìle, seachd ceud, fichead 's a h-aon **chù**

§153 (i) (b) Le àireamhan àrda, ge-tà, thèid an roimhear **de<sup>dh</sup>** §355 a chleachdadh gu tric gus an t-ainmear a thoirt a-steach an dèidh na h-àireimh gu lèir, gu h-àraidh far am bi buadhair (no ainmear buadhaireach no abairt bhudhair-each) ann: *tha còig is dà fhichead mìle seòladair air bòrd air a' chabhlach seo, agus còig mìle deug de shaighdearan fairge* (≈*Fear-tathaich nam Beann* II, 150); *tha deich mìle fichead de dhaoine làidir treun anns na h-àiteachan sin* (ibid.); *bha aig a' Phrionnsa fodha air an àm seo ochd ceud deug de dhaoine curanta, treun, dian, togarrach* (≈*Caraid nan Gàidheal* 1867, 411); *fhuir iad air a' mhadainn sin mu thri fichead 's a deich de dhaoine leònte* (≈*Mac-Choinnich* 1844, 159); *cha robh agam a-riamh cù air m' fhearainn àraich, a tha gun ghàrraidhean, le 50 bò bhainne agus an luchd-leanmhainn, agus air m' fhearainn aig Conan tha agam am-bliadhna 80 a chinn sprèidhe, os cionn 20 a dh'eich agus 650 a chaoraich gun aon chù air na làraichean* (≈*Mackenzie* 1838, 161); 313 *a throighean de dh'fheamainn, 313 a throighean de thalamh ghainmheach no chriadhach, agus 104 a throighean de sguabaidhean taighe agus de luath, agus thig sin gu 26 a shlatan is leth-shlat air fad 's air leud 's air tighead* (≈ibid., 9); *bha iad air an dèanamh nan trì buidhnean, agus bha an aon mu dheireadh fo chùram MhicAoidh – a dhà no trì cheudan de dhaoine dubha a' giùlan eallaichean* (≈*Fear-tathaich Miosail* IV, 543); agus gheibhear an roimhear **de<sup>dh</sup>** ga chleachdadh gu tric an dèidh na h-abairte **a dhà no a trì**, m.e. *bhiodh a dhà no a trì de chrodh aig a' chuid mhòir* (≈*Caimbeul* 1973, 48); (le teasgadh §18) *a dhà no trì sheachdainean* §146 (ii).

## §153 (ii) An riaghailt ùr

San riaghailt ùir, cuirear an t-ainmear aig deireadh na h-àireimh:

173 *ceud seachdad 's a trì choin*

243 *dà cheud ceathrad 's a trì choin*

314 *trì cheud 's a ceithir choin deug*

456 *ceithir cheud caogad 's a sia coin*

599 *còig cheud naochad 's a naoi coin*

1,721 *mìle seachd ceud fichead 's a h-aon chù*

§153 (iii) Co-rèir: *deug*

Ma nochdas am buadhair *deug* le gin de na h-eileamaidean *ceud*, *mìle* no *millean* 7c, leanaidh e an eileamaid sin: *trì cheud deug mìle an iar air an eilean* '1,300'; *ceithir cheud deug bliadhna* '1,400'; *còig cheud deug soitheach mòr* '1,500'; *dà mhìle dheug saighdear* '12,000'; *mu thrì cheud deug millean neach* '1,300,000,000'.

## §154 Àireamhan òrdail: mìneachadh

Cleachdar na h-àireamhan òrdail còmhla ri ainmear singilte §83 (i): *an dàrna fear* '2ra'; *an treas tè* '3s'; *an ceathramh Rìgh Seumas* '4mh' §103 (ii) (a); *ciad mhios an earraich* '1d' §106 (iv) (a); *a' chòigeamh cuid* '5mh' §221.

§155 Àireamhan òrdail: *ciad*<sup>s</sup>

Bidh *ciad* '1d' a' sèimheachadh a ainmear<sup>30</sup>: *a' chiad bhliadhna*; *a' chiad fhear*.

30. Le bacadh air an t-sèimheachadh ro *dtlnrs* §45 (i) (l) (γ). B' àbhaist *ciad* '(am) prìomh (rud ann an sreath)' a bhith ga sgrìobhadh *ceud*. 'S ann às an t-Sean Ghàidhlig *cét*- (a bha na ro-leasachan) a tha e. Gus am facal a dhealachadh ri *ceud* '100' (SG *cét*), thòisicheadh ga sgrìobhadh *ciad*, gu h-àraid san dàrna leth den 20mh linn – cleachdadh a chaidh a dhaingneachadh ann am molaidhean *GhOC* (1981, 2005, 2009). Gu dualchasach, bhiodh cruth an uilt §50, b-n 2, air thoiseach air *ciad* a rèir gnè agus àireamh an ainmeir às a dhèidh, m.e. (fir.) *an ciad fhear*; (boir.) *a' chiad bhean*; (iol.) *na ciad làithean*. Tro cho-rèiteachadh, cleachdar an riochd *a'* mar as trice an-diugh an dà chuid ro ainmearan fireann agus ro ainmearan boireann san tuiséal bhunasach shingilte, .i. (fir.) *a' chiad fhear*; (boir.) *a' chiad bhean*. (Is coltach gu bheil cruthan mar *a' chiad làithean* (le alt singilte ro ainmear iolra) a chithear bho àm gu àm, an àite *na ciad làithean*, mar thoradh air co-rèiteachadh cuideachd.)

## §156 Àireamhan òrdail: ‘2ra–10mh’

Ri taobh *dàrna*<sup>(h-)</sup>31 ‘2ra’, gheibhear *dàrnacha*<sup>(h-)</sup>32 an dèidh *gach* §227: *gach dàrnacha bliadhna; thig i a-steach gach dàrnacha latha a shealltainn air*. A thuilleadh air na cruthan *treas*, *siathamh* agus *naoidheamh*, gheibhear *treasamh* no *tritheimh*, *sèathamh* agus *naodhamh*, a rèir dualchainnt. Aontaichidh an t-alt ri gnè a ainmeir<sup>33</sup>, m.e. (fir.) *an t-ochdamh balach*; (boir.) *an ochdamh caileag* ‘8mh’.

## §157 Àireamhan òrdail: ‘11mh’

Cleachdar an cruth goirid *aona* seach *aonamh* + *deug* mar as trice<sup>34</sup>: *an t-aona fear deug*; *an aona caileag dheug*.

§158 Àireamhan òrdail: *deug*

Tha am buadhair *deug* do-chlaonaidh, ach thèid a shèimheachadh an dèidh ainmearan boireann, m.e. *an treas caileag dheug*; ma bhios buadhair iarshuidhichte §110 no ainmear buadhaireach §88 (ii) (b) no riochdair sònrachaidh §207 aig an ainmear, leanaidh sin am buadhair *deug*: *b’ e sin an treas bliadhna deug*<sup>35</sup> *fhada agam air an eilean*; *an t-ochdamh cunntas deug bliadhna* (*Mac-Talla VIII*, àir. 13, 100).

## §159 Àireamhan òrdail: ‘100mh’ is a iomadaichean

Thèid *ceudamh* a shèimheachadh le *aon*, *dà*, *tri*, *ceithir* agus, air uairean, *còig*, coim. §149 (iii) (b) + b-n 16: *an dà cheudamh fear* ‘200mh’.

31. No *dara*<sup>(h-)</sup> no *dala*<sup>(h-)</sup>, a rèir dualchainnt; à SG *indala* (< an t-alt + ‘eile’) a chaidh na *indara*<sup>h</sup>, *indarna*<sup>h</sup> sa Ghàidhlig Thràth, le beum air an dàrna lide, agus leis a’ bhrigh ‘a h-aon a-mach às na dhà’ > ‘an dàrna rud’.

32. Le *dàrnacha* à *dàrna g(h)ach*; coim. GE (Torr, Tìr Chonaill) *darna ghach aon lá* (Sommerfelt 1922, 49; coim. Dinneen, s.v. *dara*).

33. Tha cleachdadh a thaobh gnè an uilt an seo beagan eadar-dhealaichte a rèir dualchainnt (faic, mar eisimpleir, Oftedal 1956, 230–31, airson sgìre nan Loch ann an Leòdhas; Borgstrøm 1937, 177, airson Bharraigh; Borgstrøm 1940, 244, airson Bharraigh, na Hearadh agus Beàrnaraigh Leòdhais), ach am bitheantas faodaidh cruth an uilt gnè a ainmeir a leantainn, i. (bun. fir.) *an ceathramh latha san t-seachdain*; (bun. boir.) *a’ cheathramh seachdain sa mhios*.

34. Gheibhear *ciad* seach *aona(mh)* air uairean: *a’ chiad chaileag dheug*.

35. Faic §149 (iv) (a), b-n 18, a thaobh an dìth sèimheachaidh ann an *deug* an dèidh *bliadhna*.

## NA H-ÀIREAMHAN ÒRDAIL

AN RIAGHAILT DHUALCHASACH

AN RIAGHAILT ÙR

Sreath 1

2 3 †

1	<i>a' chiad chù</i>		<i>a' chiad chù</i>
2	<i>an dàrna cù</i>		<i>an dàrna cù</i>
3	<i>an treas cù</i>		<i>an treas cù</i>
4	<i>an ceathramh cù</i>		<i>an ceathramh cù</i>
5	<i>an còigeamh cù</i>		<i>an còigeamh cù</i>
6	<i>an siathamh cù</i>		<i>an siathamh cù</i>
7	<i>an seachdamh cù</i>		<i>an seachdamh cù</i>
8	<i>an t-ochdamh cù</i>		<i>an t-ochdamh cù</i>
9	<i>an naoidheamh cù</i>		<i>an naoidheamh cù</i>
10	<i>an deicheamh cù</i>		<i>an deicheamh cù</i>
11	<i>an t-aona cù deug</i>		<i>an t-aona cù deug</i>
12	<i>an dàrna cù deug</i>		<i>an dàrna cù deug</i>
13	<i>an treas cù deug</i>		<i>an treas cù deug</i>
14	<i>an ceathramh cù deug</i>		<i>an ceathramh cù deug</i>
15	<i>an còigeamh cù deug</i>		<i>an còigeamh cù deug</i>
16	<i>an siathamh cù deug</i>		<i>an siathamh cù deug</i>
17	<i>an seachdamh cù deug</i>		<i>an seachdamh cù deug</i>
18	<i>an t-ochdamh cù deug</i>		<i>an t-ochdamh cù deug</i>
19	<i>an naoidheamh cù deug</i>		<i>an naoidheamh cù deug</i>
20	<i>am ficheadamh cù</i>		<i>am ficheadamh cù</i>
21	<i>an t-aona cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a h-aon</i>
22	<i>an dàrna cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a dhà</i>
23	<i>an treas cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a trì</i>
24	<i>an ceathramh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a ceithir</i>
25	<i>an còigeamh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a còig</i>
26	<i>an siathamh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a sia</i>
27	<i>an seachdamh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a seachd</i>
28	<i>an t-ochdamh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a h-ochd</i>
29	<i>an naoidheamh cù deug air fhichead</i>	2 3	<i>am ficheadamh cù 's a naoi</i>
30	<i>an deicheamh cù air fhichead</i>	2 3	<i>an tritheadamh cù</i>
31	<i>an t-aona cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a h-aon</i>
32	<i>an dàrna cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a dhà</i>
33	<i>an treas cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a trì</i>
34	<i>an ceathramh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a ceithir</i>
35	<i>an còigeamh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a còig</i>
36	<i>an siathamh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a sia</i>
37	<i>an seachdamh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a seachd</i>

38	<i>an t-ochdamh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a h-ochd</i>
39	<i>an naoidheamh cù deug air fhichead</i>	3	<i>an tritheadamh cù 's a naoi</i>
40	<i>an dà fhicheadamh cù</i>	3	<i>an ceathradamh cù</i>
41	<i>an dà fhicheadamh cù 's a h-aon</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a h-aon</i>
42	<i>an dà fhicheadamh cù 's a dhà</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a dhà</i>
43	<i>an dà fhicheadamh cù 's a trì</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a trì</i>
44	<i>an dà fhicheadamh cù 's a ceithir</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a ceithir</i>
45	<i>an dà fhicheadamh cù 's a còig</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a còig</i>
46	<i>an dà fhicheadamh cù 's a sia</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a sia</i>
47	<i>an dà fhicheadamh cù 's a seachd</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a seachd</i>
48	<i>an dà fhicheadamh cù 's a h-ochd</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a h-ochd</i>
49	<i>an dà fhicheadamh cù 's a naoi</i>	3	<i>an ceathradamh cù 's a naoi</i>
50	<i>an leth-cheudamh cù</i>	3	<i>an caogadamh cù</i>
51	<i>an leth-cheudamh cù 's a h-aon</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a h-aon</i>
52	<i>an leth-cheudamh cù 's a dhà</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a dhà</i>
53	<i>an leth-cheudamh cù 's a trì</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a trì</i>
54	<i>an leth-cheudamh cù 's a ceithir</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a ceithir</i>
55	<i>an leth-cheudamh cù 's a còig</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a còig</i>
56	<i>an leth-cheudamh cù 's a sia</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a sia</i>
57	<i>an leth-cheudamh cù 's a seachd</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a seachd</i>
58	<i>an leth-cheudamh cù 's a h-ochd</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a h-ochd</i>
59	<i>an leth-cheudamh cù 's a naoi</i>	3	<i>an caogadamh cù 's a naoi</i>
60	<i>an trì ficheadamh cù</i>	3	<i>an seasgadamh cù</i>
61	<i>an trì ficheadamh cù 's a h-aon</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a h-aon</i>
62	<i>an trì ficheadamh cù 's a dhà</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a dhà</i>
63	<i>an trì ficheadamh cù 's a trì</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a trì</i>
64	<i>an trì ficheadamh cù 's a ceithir</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a ceithir</i>
65	<i>an trì ficheadamh cù 's a còig</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a còig</i>
66	<i>an trì ficheadamh cù 's a sia</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a sia</i>
67	<i>an trì ficheadamh cù 's a seachd</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a seachd</i>
68	<i>an trì ficheadamh cù 's a h-ochd</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a h-ochd</i>
69	<i>an trì ficheadamh cù 's a naoi</i>	3	<i>an seasgadamh cù 's a naoi</i>
70	<i>an trì ficheadamh cù 's a deich</i>	3	<i>an seachdadamh cù</i>
71	<i>an trì ficheadamh cù 's a h-aon-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a h-aon</i>
72	<i>an trì ficheadamh cù 's a dhà-dheug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a dhà</i>
73	<i>an trì ficheadamh cù 's a trì-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a trì</i>
74	<i>an trì ficheadamh cù 's a ceithir-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a ceithir</i>
75	<i>an trì ficheadamh cù 's a còig-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a còig</i>
76	<i>an trì ficheadamh cù 's a sia-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a sia</i>
77	<i>an trì ficheadamh cù 's a seachd-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a seachd</i>
78	<i>an trì ficheadamh cù 's a h-ochd-deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a h-ochd</i>

79	<i>an trì ficheadamh cù 's a naoi -deug</i>	3	<i>an seachdadamh cù 's a naoi</i>
80	<i>an ceithir ficheadamh cù</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù</i>
81	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a h-aon</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a h-aon</i>
82	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a dhà</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a dhà</i>
83	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a trì</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a trì</i>
84	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a ceithir</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a ceithir</i>
85	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a còig</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a còig</i>
86	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a sia</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a sia</i>
87	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a seachd</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a seachd</i>
88	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a h-ochd</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a h-ochd</i>
89	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a naoi</i>	3	<i>an t-ochdadamh cù 's a naoi</i>
90	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a deich</i>	3	<i>an naochadamh cù</i>
91	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a h-aon-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a h-aon</i>
92	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a dhà-dheug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a dhà</i>
93	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a trì-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a trì</i>
94	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a ceithir-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a ceithir</i>
95	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a còig-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a còig</i>
96	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a sia-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a sia</i>
97	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a seachd-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a seachd</i>
98	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a h-ochd-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a h-ochd</i>
99	<i>an ceithir ficheadamh cù 's a naoi-deug</i>	3	<i>an naochadamh cù 's a naoi</i>

†Airson mìneachadh nan sreath seo, faic §160.

### §160 Nota air àireamhan òrdail san riaghailt dhualchasaich

Is ionann na h-àireamhan ‘1d–20mh’ anns gach sreath.

#### §160 (i) Sreath (1)

'S e seo an sreath dualchasach as cumanta, leis an ainmear a' leantainn na h-àireimh as àirde, m.e. *an dà fhicheadamh cù 's a trì* '43mh'; *an ceithir ficheadamh cù 's a seachd-deug* '97mh', ach eadar na h-àireamhan '21mh–39mh', m.e. *an treas cù deug air fhichead* '33mh'; *an t-aona cù air fhichead* '21mh'; *an dàrna cù air fhichead* '22mh'; *an treas cù air fhichead* '23mh'; *an t-aona cù deug air fhichead* '31mh'.

#### §160 (ii) Sreath (2)

Bheir an sreath seo dòigh eile air '21mh–29mh' a chur an cèill, gun an roimhear *air*<sup>s</sup>: *an t-aona cù fichead* '21mh'; *an dàrna cù fichead* '22mh'; *an treas cù fichead* '23mh' 7c.

#### §160 (iii) Sreath (3)

Bheir an sreath seo dòigh eile air '41mh–99mh' a chur an cèill, is an t-ainmear a' leantainn na h-àireimh as àirde aig an deireadh: *an t-aon 's an dà fhicheadamh*

cù '41mh'; an dà 's an dà fhicheadamh cù '42mh'; an trì 's an dà fhicheadamh cù '43mh'; an t-aon-deug 's an dà fhicheadamh cù '51mh'; an seachd-deug 's an ceithir ficheadamh cù '97mh'.

### §161 Nota air àireamhan òrdail san riaghailt ùir

Thig an t-ainmear an dèidh na h-àireimh as àirde, aig an toiseach: *am ficheadamh cù 's a h-aon* '21mh'; *am ficheadamh cù 's a dhà* '22mh'; *am ficheadamh cù 's a trì* '23mh'; *an tritheadamh cù 's a h-aon* '31mh'; *an naochadamh cù 's a h-ochd* '98mh'.

### §162 An àireamh òrdail '100mh' agus a iomadaichean

#### NA H-ÀIREAMHAN ÒRDAIL

AN RIAGHAILT DHUALCHASACH	AN RIAGHAILT ÙR
100 <i>an ceudamh cù</i>	<i>an ceudamh cù</i>
101 <i>an ceudamh cù 's a h-aon†</i>	<i>an ceudamh cù 's a h-aon</i>
200 <i>an dà cheudamh cù</i>	<i>an dà cheudamh cù</i>
300 <i>an trì cheudamh cù</i>	<i>an trì cheudamh cù</i>
400 <i>an ceithir cheudamh cù</i>	<i>an ceithir cheudamh cù</i>
500 <i>an còig cheudamh cù</i>	<i>an còig cheudamh cù</i>
600 <i>an sia ceudamh cù</i>	<i>an sia ceudamh cù</i>
700 <i>an seachd ceudamh cù</i>	<i>an seachd ceudamh cù</i>
800 <i>an t-ochd ceudamh cù</i>	<i>an t-ochd ceudamh cù</i>
900 <i>an naoi ceudamh cù</i>	<i>an naoi ceudamh cù</i>
1,000 <i>am mìleamh cù</i>	<i>am mìleamh cù</i>
m <i>am milleanamh cù</i>	<i>am milleanamh cù</i>
bn <i>am billeanamh cù</i>	<i>am billeanamh cù</i>

†Air uairean, cleachdar àireamhan a rèir nam ficheadan airson àireamhan seachad air '100mh', m.e. *an còig ficheadamh fear 's a trì-deug*, seach *an ceudamh fear 's a trì-deug* '13mh'; *an sia ficheadamh fear 's a naoi-deug*, seach *an ceudamh fear fichead 's a naoi-deug* '139mh'.

### §163 Àireamhan òrdail nas toinnte

San dà riaghailt, cuirear an t-ainmear aig an toiseach, an dèidh na h-eileamaid àireamhail as àirde:

173 *an ceudamh cù, trì fichead 's a trì-deug*

243 *an dà cheudamh cù, dà fhichead 's a trì*

314 *an trì cheudamh cù 's a ceithir-deug*

456 *an ceithir cheudamh cù, leth-cheud 's a sia*

599 *an còig cheudamh cù, ceithir-fichead 's a naoi-deug*

1,721 *am mìleamh cù, seachd ceud, fichead 's a h-aon*

### §164 Bloighean àireamhail

Cleachdar *leth* §165, *trian* §166 agus *cuid* §167 gus bloighean àireamhail a chur an cèill.

#### §165 *leth* f.

§165 (i) Ann am filltich

Nì an t-ainmear fireann *leth* fillteach §87 (ii) (b) le ainmear: *leth-cheud* '50'; *leth-cheud mìle duine* '50,000'.

#### §165 (ii) *gu leth*

Cuiridh *gu leth* leth a' mheud ris an àireimh: *ann an trì uairean fichead gu leth* (23½); *bha mun cuairt do mhìle bàta a-mach à Ceann Phàdraig is Obar Dheathain, agus ghlac iad dlùth air ceud gu leth mìle crann* '150,000', *no ceud gu leth crann air a chèile* '150' (≈An Gaidheal I, 213); *tha i [Bheunas] seachd mìle agus ochd ceud de mhiltean troimhe, a' cur car dhith air a mul fhèin ann an ceithir uairean fichead, agus a' crìochnachadh a turais mun ghrèin ann an dà cheud agus ceithir latha fichead gu leth de na làithean againne, ùine a tha a' dèanamh suas na bliadhna aicese* '224½' (≈An Gaidheal I, 279); *mu dhà cheud deug gu leth* '1,250'; *tha a' ghealach dà cheud gu leth mìle de mhiltean air falbh* '250,000' (MacLeòid 1973, 75); *anns a' mhillean no millean gu leth bliadhna mu dheireadh* '1,500,000' (MacLeòid 1976, 127); *tha a luchd-àiteachaidh air an àireamh nan trì cheud gu leth millean anam* '350,000,000' (≈An Teachdaire Gaelach I, 198).

#### §165 (iii) *a leth cho*

Cleachdar *a leth cho* §196 gus a bhith a' cur an cèill nach eil ann ach leth de mheud rudeigin: *chan eil iad a leth cho pailt riutha seo; chan eil iad a leth cho lionmhor am-bliadhna 's a bha iad an-uiridh.*

#### §166 *trian* f.

Ainmear fireann a chleachdar airson na treas cuid de rudeigin a chur an cèill: *bha mòran dhaoine air bòrd Valiant, agus cha d' fhuair Seumas eòlas air trian dhiubh* (MacMhaoilein 1990, 36); *smaoinich mi nan rachadh agam air a dhèanamh soilleir dhuibh trian den taitneas a fhuair mi fhìn na comann, gum biodh co-dhiù aon neach rudeigin riaraichte* (≈Moireach 1970, 127); *on as i a' chreag bhasalt a tha an uachdar ann an dà thrìan den eilean, cha chùim i an t-uisge fada* (≈ibid.,

120); *mun*<sup>36</sup> *innsinn sìos gach nì a bu mhiann leam ann am briathran seòlta, cha chuirinn crìoch le dealbh am-bliadhna air ceathramh trian de na b' eòl domh 'an dàrna cuid deug' (≈Eobhon MacLachuinn: MacKenzie 1841, 329).*

### §167 *cuid b.*

Cleachdar an t-ainmear boireann *cuid*<sup>37</sup> le àireimh òrdail gus a bhith a' cur bhloighean àireamhail an cèill: *tha an treas cuid*<sup>38</sup> *den chinne-daonna gu lèir san dùthaich fharsaing seo* (≈An Gaidheal I, 20); *ged nach bitheadh ach an treas cuid de na chuala sinn mu aingidheachd nan eucorach ud fìor, bu mhòr e* (≈Watt 1972, 97); *tha e follaiseach gu bheil an tritheamh cuid dheth seo air a thruailleadh* (Watson 2007, 144); *ma gheibhear air an t-astar a dhèanamh anns a' cheathramh cuid den ùine a b' àbhaist dha a ghabhail* (≈An Gaidheal III, 171); *'s ann agam fhìn a tha an t-aon chleasaiche as fheàrr ann an còig chòigeamh*<sup>39</sup> *na h-Èireann* (≈Campbell 1860 I, 304).

### §168 Àireamhan ann am filltich

#### §168 (i) Àireamhan àrdail

Cleachdar àireamhan àrdail ann an ainmearan fillte §87 (ii) (g), m.e. *an dà-shealladh f.*, ann am buadhairean fillte §122 (ii), m.e. *dà-fhillte*, agus anns an roimhear *ceithir-thimcheall air: choisich e ceithir-thimcheall air a' bhòrd mus do rinn e suidhe.*

#### §168 (ii) Àireamhan òrdail

Mar as trice, cha nochd àireamhan òrdail ann an ainmearan fillte ach *ciad* §87 (ii) (h) + b-n 3, m.e. *ciad-fhuasgladh.*

### §169 Iomadaichean is àireamhan meud:

#### §170 *barrachd b.*

Ainmear boireann do-chlaonaidh, leis a' bhrìgh 'àireamh no meud nas motha': *tha mi ag iarraidh barrachd*; (+ gin.) *barrachd dhaoine; barrachd fiosrachaidh; tha barrachd bìdh air an truinnsear sin na tha air an fhear agamsa; barrachd air*<sup>40</sup> (+ tabh.) 'thairis air, nas motha na': *barrachd air uair a thìde; barrachd orrasan; barrachd co-ghn.* 'nas motha': *tha i a' dol a-mach barrachd; a bharrachd* buadh. 36. *m' an innsin aig MacKenzie; n' an innsinn aig Caraid nan Gàidheal 1867, 624.*

37. No ainmear ceudna, a leithid *pàirt, earrann 7c.*

38. i. trian.

39. i. còig roinnean eachdraidheil na h-Èireann: SG *Connachta* (GE *Connacht*), *Mumu* (An Mhumhain), *Laiḡin* (Laighin), *Ulaid* (Ulaidh), agus *Mide* (An Mhí) a chaidh a ghabhail a-steach do Laighin agus do dh'Ulaidh; coim. *a' Chòigeach* §91 (i) (c).

40. Air uairean, gheibhear *barrachd agus an àite barrachd air*, coim. *còrr agus* §171.

do-chlaonaidh ‘eile’: *latha a bharrachd; a bharrachd air* roimh. fillte (+ tabh.) ‘air mullach air, a bhàrr air’: *a bharrachd air sin; a bharrachd oirnn fhìn*.<sup>41</sup>

### §171 còrr f.

Ainmear fireann do-chlaonaidh: (leis an alt) ‘na tha air fhàgail, an rud eile, dad eile’: *chan eil an còrr agam ri ràdh; dè an còrr as urrainn dhomh a ràdh?; sin thugam a’ phoit a-nis agus gabhaidh mi làn na spàine de na tha innte, ach chan ith mi an còrr; le de<sup>dh</sup>: an còrr den ùine; còrr agus* ‘thairis air, nas motha na’: *còrr is fichead bliadhna; còrr math is deich*.<sup>42</sup>

### §172 cus f.

Ainmear fireann do-chlaonaidh, leis a’ bhrìgh ‘barrachd air na tha iomchaidh’: *bha cus ann dhomh; le ainmear san tuiseal ghinideach: cus aodaich; bha cus dighe air an duine; feumaidh tu a shlugadh slàn, gun chus rannsachaidh no reusanachaidh a-mach a dhèanamh air* (≈A. Caimbeul 1992, 96); ‘mòran’: *cha do dh’ionnsaich sinn cus sam bith bhuaithe* (LASID IV, App. I (d), B-737); le de<sup>dh</sup> §355: *bha cus de nàdar na Pàpanachd sna deas-ghnàthaibh a bha e a’ cumail suas* (≈Mac Coinnich 1867, 273); na cho-ghnìomhair, a’ leasachadh buadhair san t-seagh ‘fada, mòran’: *bha sin cus na b’ fheàrr; bha e cus ro àrdanach* (MacIlleathain, Litir 343); na choileanadh aig BI: *bha sin cus dhomh* §181 (iii).

### §173 iomadh f.

Ainmear fireann do-chlaonaidh, leis a’ bhrìgh ‘mòran’, air a leantainn le ainmear singilte<sup>43</sup>: *iomadh bliadhna; ’s iomadh rud a chunnaic mi*.

41. Airson an diofair eadar *barrachd, tuilleadh* agus *còrr*, faic b-n 48, shìos.

42. Airson an diofair eadar *barrachd, tuilleadh* agus *còrr*, faic b-n 48, shìos.

43. Ann an cuid de dh’fhaclairan Gàidhlig, canar gur h-e buadhair a tha ann an *iomadh*, ach ’s e ainmear fireann a th’ ann à SG *imbed, imbad* a bha neodrach bho thùs ach an uair sin fireann. Mar a thathas a’ sùileachadh ann am *mòran bhliadhnaichean*, bhite an dùil gum biodh ainmear a thigeadh an dèidh ainmeir eile anns an tuiseal ghinideach; chan e sin e, ge-tà, do dh’*iomadh bliadhna*, agus leabhraichean gràmair ag ràdh gur h-e cruth singilte an ainmeir a leanas *iomadh*. San t-Sean Ghàidhlig, bhiodh an riochd ginideach iolra a bh’ aig a’ chuid mhòir de dh’ainmearan co-ionann ris an riochd bhunasach shingilte aca, agus chithear an t-aon phàtran seo fhathast ann an Gàidhlig na h-Albann, gu h-àraidh ann an ainmearan a bhuineas do Rang I §76, m.e. (bun. sg.) *am fear*, (gin. iol.) *taighean nam fear*. B’ e sin an cleachdadh bho thùs an dèidh, mar eisimpleir, nan àireamhan *fichead, ceud* agus *mìle*: SG *fiche fer* ‘fichead fear’; SG *cét fer* ‘ceud fear’; SG *mìle fer* ‘mìle fear’ – le SG *fer* san tuiseal ghinideach iolra. Is e an cleachdadh sin an dèidh nan àireamhan *fichead, ceud* is *mìle*, air a sgaoileadh chun a h-uile h-ainmear ann an Gàidhlig na h-Albann, a lean gus an latha an-diugh, m.e. *fichead glainne* – airson *fichead chon* (gin. iol.), faic §430 (i), b-n 3. ’S e nuadhachas a bh’ ann, ge-tà, nuair a thòisicheadh air ainmearan neo-dheimhinnte iolra san tuiseal ghinideach a shèimheachadh ann an Gàidhlig na h-Albann: *a’ peantadh dhealbhan; an dèidh mhiosan;*

## §174 làn f. agus buadh.

## §174 (i) Mar bhuadhair

Buinidh am buadhair *làn* do Rang I nam buadhairean §115: (fàisneach §108) *tha am bobhla làn; bha e tuilleadh is §176 làn*; (càileach iar-shuidhichte §110) *poca làn*; (ro-shuidhichte §121) *tha a làn-fhios agam dè th' ann §87 (ii) (a); tha mi an làn-dòchas gum bi e ceart gu leòr §87 (ii) (a), b-n 2; bha làn-diùil agam sin a dhèanamh §121 (i); làn-thìde 'làn-ùine'*.

## §174 (ii) A' comharradh ainmear

Faodaidh am buadhair *làn* ainmear a chomharradh san tuiseal ghinideach §66: *bha an sluagh làn dòchais; bucas làn bhotal §45 (i) (a) (α); tha an sporan làn airgid; is m' anam làn sòlais (≈An Gaidheal V, 136); air uairean, gheibhear làn + an roimhear de<sup>th</sup> §35<sup>44</sup>; tha mo cridhe làn de shòlas (An Gaidheal II, 148)*.

## §174 (iii) Mar ainmear

Buinidh an t-ainmear *làn* f. do Rang I nan ainmearan §76: *làn na spàine teatha §54 (ix); 's e làn dìth do bheatha §192 (iii) + b-n 8; bhite a' dèanamh maoraich nuair a bhiodh an làn ìosal; ann an ainmear fillte fosgailte: làn-mara f. §88 (ii) (b) (β)*.

## §175 liuthad

Ainmear do-chlaonaidh<sup>45</sup>, leis a' bhrìgh 'meud no uimhir (de), na tha sin (de), mòran', a bheirear a-steach le riochdair seilbheach do-mhùthaidh agus dreuchd ro-thillidh aige, coim. §192 (xiii): *tha a liuthad ann, chan fhaigh sinn a-steach; air a leantainn le ainmear san tuiseal bhunasach shingilte: a liuthad pian; chan fhaca mi a liuthad duine a-riamh; tha mi a' creids' gur e a liuthad bliadhna a bha eadarainn a bu choireach (≈A. Caimbeul 1992, 95); le agus §333 (i) (d) (ε): a liuthad 's a bha ann an-uiridh*.

---

*mòran bhliadhnaichean*. Is dòcha gun do thàrmaich an nuadhachas seo uaireigin san 17mh linn (R. L. Thomson 1983, 96); am bitheantas, cha lorgar e ann an Gàidhlig na h-Èireann no ann an Gàidhlig Mhanainn. Ach cha do thachair an t-atharrachadh seo leis na h-àireamhan *fichead, ceud* agus *mìle* ann an Gàidhlig na h-Albann, a lean leis an t-sean chleachdadh, .i. cruth ginideach iolra gun sèimheachadh, agus – mar as motha a chaidh ainmearan neo-dheimhinnte ginideach iolra a shèimheachadh sa chànan – air an robh coltas singilte a-nis. A rèir choltais, dh'fhuirich an cleachdadh an dèidh *iomadh* còmhla ris a' chleachdadh an dèidh nan àireamhan *fichead, ceud* agus *mìle* §149 (v) (b) + b-n 22 – agus an dèidh nan àireamhan 'ùra' *trithead, ceathrad* 7c §147 (iii) (b) tro cho-rèiteachadh. Bha frith-riochd aig SG *imbed, imbad*, .i. *imad*, agus 's ann às a sin a gheibhear am buadhair GA *iomadach*.

44. Coim. *gann de: tha mi gann de dh'airgead*.

45. Na bu tràithe *liuth, liutha*. B' e buadhair a bh' anns an fhacal seo bho thùs (GT *lia, iliu* 7c < SG *il* buadh. 'lionmhor', *DIL*). Is dòcha gur h-ann fo bhuidh an fhacail *leithid* a chaidh a chruth atharrachadh gu *liuthad* agus a chaidh e na dhreuchd ainmeir, agus riochdair seilbheach ro-thillidh air thoiseach air §230.

§176 *tuilleadh* f.

Ainmear fireann do-chlaonaidh<sup>46</sup> ‘uimhir eile, meud eile’: *an gabh thu tuilleadh?*; *an dèidh dhut na tha agad an sin a ithe, tha tuilleadh sa phoit, ma bhios tu ga iarraidh; dè tuilleadh a tha ri a ràdh?*<sup>47</sup>; (+ gin.) *tuilleadh fiosrachaidh*; gu tric leis an alt agus ainmear ga leantainn san tuiséal ghinideach: *an dèidh an tuilleadh beachdachaidh; tuilleadh agus* ‘ro, cus’: *tuilleadh is làn; bha tuilleadh ’s a chòir ann; tuilleadh ’s a chòir mhearachdan*<sup>48</sup>; *tha e tuilleadh is furasta; dh’fhàs i tuilleadh is àrd; a thuilleadh air* roimh. fillte (+ tabh.) ‘air mullach air, a bhàrr air’: *a thuilleadh air sin*.<sup>49</sup>

§177 *uair* b.

Cleachdar an t-ainmear *uair* b. gus innse cò mheud turas a thèid rudeigin a dhèanamh: *cha tachair e ach an aon uair; thurchair dhaibh a dhol ann còig uairean uile-gu-lèir*. Cleachdar *uair* ann a bhith ag innse uair an uaireadair, mar an ceudna: *aig trì uairean feasgar* (aig 3f); *ro cheithir uairean sa mhadainn* (ro 4m); *aig leth-uair an dèidh uair feasgar* (aig 1.3of). Gus a bhith ag ainmeachadh meud na h-ùine, cuirear an t-ainmear *tìde* ‘am’ (air a chomharradh leis an roimhear *de*<sup>th</sup> §355) ri *uair*: *ann an sia uairean de thìde; mhair e fad dà uair a thìde; falbhaidh sinn an ceann uair a thìde*.<sup>50</sup>

§178 *uimhir* b.

Ainmear boireann do-chlaonaidh<sup>51</sup>; a thuilleadh air ‘uimhir’ ann an gràmar §57, gheibhear a’ bhrìgh ‘meud; an aon mheud ri; mòran’: leis an alt: *chan aithne dhaibh an uimhir sin fhèin a dhèanamh an-diugh* (≈Mac a’ Ghobhainn 1974, 12–13); leis an alt iolra: *bha na h-uimhir ann; ged a tha na h-uimhir ga dhèanamh* (sic) *an*

46. Air uairean, gheibhear *tuille* no *tuillidh* an àite *tuilleadh*.

47. *dè tuilleadh*, gun an t-alt: *gu dè tuilleadh a their mi rim athair* (≈Mac-Talla III, àir. 3, 7), ach *dè an tuilleadh fiosrachaidh a tha a dhith oirbh?*, leis an alt.

48. Gheibhear an dà chuid *tuilleadh ’s a chòir*, mar a tha shuas, le riochdair seilbheach do-mhùthaidh, agus *tuilleadh ’s a’ chòir*, leis an alt bhoireann; coim. *bha i coibhneil gràdhach thar a chòir* (≈Fear-tathaich Miosail I, 139), ri taobh *thar na còrach* (gin.; MacEacharn 1910, 5).

49. Gabhaidh am prìomh dhiofar eadar *barrachd* §170, *tuilleadh* agus *còrr* §171 a chur an cèill mar a leanas: *barrachd* ‘meud nas motha’: *tha barrachd bidh air an truinnsear agadsa na tha air an fhear agamsa; tuilleadh* ‘meud eile’: *an dèidh dhut na th’ agadsa a ithe, gheibh thu tuilleadh sa phoit; còrr* ‘na tha air fhàgail’: *gabh làn na spàine de na tha anns a’ phoit, ach fàg an còrr gu a-màireach!*

50. Is dual riochd bunasach an ainmeir *uair* a chleachdadh, ge be dè an tuiséal sa bheil e, ann a bhith ag innse na h-uarach agus ann a bhith ag ainmeachadh meud na h-ùine.

51. À SG *nùimhir* b. < L *numerus*; chithear an dà chuid *uimhir* agus *uibhir* ann an sgrìobhaidhean nas sine.

*ainm a bhith a' cumail ar cainnt beò* (≈Ros 1972, 102); *ged a tha na h-uimhir ga dhèanamh* (sic) *airson na sgoilearan a chuideachadh* (Naidheachdan 2/3/2010); le riochdair seilbheach do-mhùthaidh §192 (xiii), a thèid a theasgadh mar as trice §18: *cha d'fhuair sinn (a) uimhir ri sin; cha do rinn iad (a) uimhir 's a rinn iad an-dè; bha a dhà uimhir ri sin sa bhotal an-dè*<sup>52</sup>; *a sheachd uimhir*; leis an roimhear *de*<sup>dh</sup> §355: *tha mi a' creidsinn nach robh (a) uimhir de shluagh anns na h-eilein a-riamh* (≈Caimbeul 1973, 20); *tha mi glè chinnteach nach eil eilean eile anns a' Ghàidhealtachd anns a bheil (a) uimhir de dhaoine 's de mhnathan sgriobtarail agus a tha againn an Eilean Leòdhais* (MacLeòid 1932, 1–2); *bha na h-uimhir de chreutairean nach fhaca i a-riamh roimhe cho dlùth air taigh* (≈MacEacharn 1910, 317); *cha chuir e iongantais oirnn mar sin gun robh na h-uimhir de mheas aig ar n-athraichean air cuid de luibhean na machrach* (≈ibid., 181); le ainmear ga leantainn san tuiseal ghinideach: *ged a thàrr dhomh (a) uiread gràidh, (a) uimhir smuaintean gun tàmh* (Somhairle MacGill-Eain: ≈Whyte 2007, 55); *bha a thri uimhir sluaigh aig MacGill-Eain 's a bha aig MacDhòmhnail aig an àm sin* (≈Iain Òg Ìle 1950, 9); *tha e còrr is mìle uimhir na talmhainn seo agus a' toirt dà bhliadhna dheug a' cuairteachadh na grèine* (MacLeòid 1973, 78); *bha e ag iarraidh uimhir na h-oighreachd a fhuair a bhràthair*.

### §179 uiread b.

Ainmear boireann<sup>53</sup> do-chlaonaidh, leis a' bhrìgh 'an aon mheud ri; mòran'; leis an alt: *ged a bhiodh fichead nighean agam – chan e idir, a Mhàiri, gum bu mhiann leam an uiread sin a bhith ann* (≈An Gaidheal III, 157); leis an alt iolra: *tha mi eòlach air na h-uiread*; le riochdair seilbheach do-mhùthaidh §192 (xiii), a thèid a theasgadh mar as trice §18: *bha (a) uiread ri a dhèanamh*; leis an roimhear *de*<sup>dh</sup> §355: *tha (a) uiread de bhochdainn ann an Afraga; cha robh (a) uiread de dh'fheum ann; ach tha eagal orm gu bheil a cheart uiread ann de sheòrsa eile* (≈Fear-tathaich Miosail IV, 411); *chan eil iad air an uiread de chothroman fhaighinn 's a tha càch; cha robh na h-uiread de dhaoine ann an-diugh; bha buaidh mhìllidh ghràineil aig a' ghrèin air na h-uiread de chuirp mharbha* (≈An Gaidheal I, 86); *ann an cur seachad na h-uiread sin den t-slighe, bu mhòr a ruiginn air innse dhuibh* (≈Caimbeul 1973, 312); le ainmear ga leantainn san tuiseal ghinideach, gu tric air a shèimheachadh: *cha chreidinn fhèin mur faicinn e gun togadh maide na poite (a) uiread bhrochain!* (≈Whyte 1898, 51); *is gun costadh e (a) uiread chumhachd agus ghliocas agus mhaitheis ris* (≈Alleine 1781, 74); *bha Iain air a*

52. Chithear am mìr àireamhail seach an riochdair seilbheach air uairean air mhearachd: *tha iad ag ràdh gu bheil an obair aca air a dhol am meud a dhà uimhir no a trì uimhir* (Naidheachdan 25/9/2014).

53. Ged a tha am facal fireann, mar eisimpleir, aig Armstrong 1825, HSS 1848, Dwelly, Dieckhoff 1932 agus Am Faclair Beag; à SG aìret b.; coim. GT in oirid sin, DIL, s.v. aìret.

bhrosnachadh chum **na h-uiread fheirg**, leis na facail thàireil seo air an labhairt cho tric, 's gun do thilg e Sine thar a' bhruaich, ann am meadhan an t-srutha (≈An Teachdaire Gaelach I, 285); nam biodh a' chlann rìoghail air **(a) uiread aire a thoirt don Ghàidhealtachd 's a thug am màthair urramach** (≈An Gaidheal I, 15); le **agus** §333 (i) (d) (ε) + clàs dàimheach: *ghabh an duine bochd na chuir i na làimh agus, nuair a dh'amhairc e cò (a) uiread 's a bha ann, chunnaic e gun robh dìreach a cheart uiread ann 's a bh' aig a' mhaor na aghaidh* (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 595); *chruinnicheadh i le siubhal na dùthcha a thrì uiread 's as urrainn dhaibh a cheannach leis an airgead a tha iad a' faotainn* (≈ibid., 230); *ged a thàrr dhomh (a) uiread gràidh, (a) uimhir smuaintean gun tàmh, (a) uiread iomagain, (a) uiread cràidh 's a dh'fhòghnadh do chòmhlán bhàrd* (Somhairle MacGill-Eain: ≈Whyte 2007, 55).

### §180 uireas f.

Ainmear fireann do-chlaonaidh, leis a' bhrìgh 'na h-uile'<sup>54</sup>: *an e sin uireas?* (A. Caimbeul 1992, 65); *sin uireas a thubhairt e* (ibid., 58); *agus seo a' chlach mhòr, air cùl an taighe ann an seo, a thog m' athair – mi fhìn 's e fhèin – sin uireas a thog a-riamh i bhon talamh* (≈MacGillÌosa 2004, 99); *cha robh dad a' gabhail àite nuair a bhris sinn a-mach air a' mhadainn sin ach togail phrìosanach Gearmailteach bhon a bha iad gan toirt fhèin seachad – uireas a bha aca air fhàgail, bha iad gan toirt fhèin seachad is bha sin cho math dhaibh* (≈Smith 2009); *'s e sin uireas as urrainn dhuinne a dhèanamh* (MacLeòid 2007b, 22); *'s i deagh thìde uireas a tha a dhith a-nis* (≈Naidheachdan 18/9/2014).

### §181 Àireamhan agus iomadaichean: co-rèir ann an rosgrannan BI

#### §181 (i) Àireamhan

Gabhaidh àireamhan eisimeileach + an ainmearan, no ainmearan far a bheil an àireamh **aon** ri tuigsinn, cleachdadh mar choileanadh ann an rosgrannan leis a' ghnìomhair BI §296: *tha e còig nota (de dh'airgead); tha e uair (den uaireadair); tha e trì uairean; tha i fichead bliadhna (de dh'aois); tha i bliadhna a dh'aois; tha e leth-phunnd (de chuideam); tha i trian de shlàit (de dh'àirde); tha i dà mheatair (de dh'fhad)*.<sup>55</sup>

#### §181 (ii) Ann an ceistean co-cheangailte

Tro leudachadh, cleachdar àireamhan aonadan meud air an aon dòigh ann an

54. 'S math dh'fhaodte an t-aon fhacal ri *uiread* §179, is a *uiread* 's air a dhol na fhacal air a cheann fhèin (Iain MacDhòmhnail, conaltradh pearsanta).

55. Coim. *tha e seachd sùilean air Calum (Am Faclair Beag: sir seachd sùilean)*, i. tha e a' geur-amharc air Calum, a dh'fhaodte a bhith na shineadh den ghnàthas-cainnt a gheibhear ann an *cha robh fear nach robh seachd sùilean air, a' rùrach na h-òtraich le bioran* (An Sgeulaiche II, 120).

rosgrannan ceisteach co-cheangailte: *dè a' phrìs a tha e?*; *dè an uair a tha e?*; *dè an aois a tha i?*; ach le toimhsean: *dè an cuideam a th' ann?* (coim. *tha leth-phunnd de chuideam ann*); *dè an àirde a th' innte?*; *dè am fad a th' innte?*

§181 (iii) Ainmearan meud

Gabhaidh corra ainmear meud cleachdadh mar choileanadh ann an rosgrannan leis a' ghnìomhair *BI* §296: *bhiodh sin cus dha*; le riochdair seilbheach: *tha e a leth cho math* §165 (iii); le *agus* §333 (i) (d) (ε): *tha e còrr is fichead bliadhna a dh'aois*; *tha sin barrachd 's as fhiach d' anail* (≈*An Gaidheal* II, 301); *bha i tuilleadh is fada gun tighinn* (≈*An Gaidheal* II, 150); *chan eil a bheag de naidheachd ann*.

## 15 Riochdairean agus Abairtean Riochdaireil

### §182 Uimhir

#### §182 (i) Riochdairean pearsanta

Comharraichidh riochdairean pearsanta §185 agus an cruthan sìnte na h-uimhreachan singilte agus iolra (a' chiad, an dàrna is an treas pearsa anns gach cuid), m.e. (sg.) *an tusa a rinn e? is mi;* (iol.) *nach sibhse a cheannaich iad? cha sinn.*

#### §182 (ii) Riochdairean seilbheach

Comharraichidh riochdairean seilbheach §190 agus am mìrean sìnidh na h-uimhreachan singilte agus iolra (a' chiad, an dàrna is an treas pearsa anns gach cuid), m.e. (1d sg.) *m' athair;* (1d iol.) *ar n-athair-ne.*

#### §182 (iii) Riochdairean roimhearail

Comharraichidh riochdairean roimhearail §239 agus an cruthan sìnte na h-uimhreachan singilte agus iolra (a' chiad, an dàrna is an treas pearsa anns gach cuid), m.e. (2ra sg.) *an urrainn dhut a dhèanamh?;* (2ra iol.) *an ann dhuibhse a tha an taigh ud?*

### §183 Gnè

Thèid aonta ri gnè an ainmeir mar a leanas:

#### §183 (i) Riochdairean pearsanta

Anns an treas pearsa singilte §186: (fir.) *e;* (boir.) *i.*

#### §183 (ii) Riochdairean seilbheach

Anns an treas pearsa singilte §190 (i): (fir.) *a<sup>s</sup>: a mhàthair;* (boir.) *a<sup>h</sup>: a màthair.*

#### §183 (iii) Riochdairean roimhearail

Anns an treas pearsa singilte §239 (i): (fir.) *aige,* (boir.) *aice;* (fir.) *leis,* (boir.) *leatha* 7c.

### §184 A' ghnè neodrach

Comharraichear a' ghnè neodrach gu h-eachdraidheil ann an corra chruth, m.e. *seadh;* *chan eadh;* *mar gum b' eadh* §187 (iv).

Airson ceist na gnè neodraich ann an ainmearan, faic §62 (ii).

### §185 Riochdairean pearsanta: mìneachadh

Seasaidh RIOCHDAIR PEARSANTA an àite ainmeir: *Eilidh,* 's *i am manaidsear;* *na flùraichean sin, mairidh iad greis mhath.*

## §186 Riochdairean pearsanta: cruth

	NEO-BHEUMTE	BEUMTE	SÌNTE	§ shìos
SING.	1d <i>mi</i> [mi]	<i>mi</i> [mĩ:]	<i>mise</i> ['mifə]	(i)
	2ra <i>t(h)u</i> [(d)u][[(d)u]	<i>tu</i> [d̥u:] [d̥u:]†	<i>t(h)usa</i> [(d)usə] [(d)usə]‡	(ii)
	3s { f. <i>e</i> [e:]	<i>e</i> [e:]	<i>esan</i> ['esan]	(iii)(v)
	b. <i>i</i> [i:]	<i>i</i> [i:]	<i>ise</i> ['ifə]	(iii)(v)
	n. <i>eadh</i> [fəʏ]		(iv)	
IOL.	1d <i>sinn</i> [ʃiɲ]	<i>sinn</i> –	<i>sinne</i> [ʃiɲə]	
	2ra <i>sibh</i> [ʃiv][ʃu]	<i>sibh</i> [ʃəiv][ʃi:v]	<i>sibhse</i> [ʃəivfə][ʃi:vʃə]	
	3s <i>iad</i> [iaɫ]	<i>iad</i> –	<i>iadsan</i> [iaɫsən]	(iii)(v)

†Gu h-ainneamh, *thu* [u:] [u:] §187 (ii) (b).

‡Gheibhear [ʃ<sup>h</sup>usə][ʃ<sup>h</sup>usə] gu neo-eisimeileach.

## §187 Notaichean air na riochdairean pearsanta

§187 (i) A' chiad phearsa singilte

Cleachdar cruthan beumte no sinte an dèidh riochdan a' ghnìomhair *IS* agus thèid *mi*, *mise* a shèimheachadh an dèidh nan riochdan *cha*<sup>s</sup>, *bu*<sup>s</sup> §303: *cha mhi*; *bu mhi*; *cha bu mhi* §45 (i) (b).

§187 (ii) An dàrna pearsa singilte

§187 (ii) (a) Cleachdar *tu* (seach *thu*) neo-bheumte, no *tusa* (seach *thusa*) sinte, an dèidh riochdan neo-eisimeileach §262 (i) agus dàimheach §262 (iii) ghnìomhairean san tràth theachdail, m.e. (neo-eis.) *fàsaidh tu*<sup>s</sup> *sgìth*; (dàimh.) *ma leanas tu ort*; an dèidh ghnìomhairean san tràth chumhach, m.e. (eis. §262 (ii)) *nam biodh tu nad leabaidh fad an latha*, (neo-eis.) *bhiodh tu sgìth*; (dàimh.) *ged a bhiodh tu dìomhain*; an dèidh nan riochdan caithte *chuala*, *cuala* §268 (iii) agus *chunna*, *faca* §268 (v)<sup>2</sup>, m.e. *an cuala tu am fuaim sin?*; *am faca tu mo bhrògan?*; agus an dèidh riochdan uile a' ghnìomhair *IS* §304, m.e. *is tu*; *cha tu*; *an tu*; *nach tu*; *bu tu*; an dèidh *arsa* §273, mar an ceudna, agus gu tric an dèidh *agus* §333 (i).

1. Ach gheibhear an dà chuid *bidh tu* agus *bidh thu*, fo bhuaidh a' chrutha eisimeilich *am bi thu*; *gum bi thu* 7c.

2. GA *chuala* < SG *ro-cúal(a)e*, tro, mar eisimpleir, (1567) *do-chualaidh* (coim. Thomson 1970, 29, sr. 959); GA *faca* < SG *-accae*, tro GT *faccaid*, le *fro-leasaichte* §; is coltach gur h-ann mar thoradh air co-rèiteachadh ri *faca* a gheibhear dì-ghuthachadh an dèidh *chunna*, cruth goirid aig *chunnaic* < GT *ad-chondaic* < SG *ad-chondairc*.

§187 (ii) (b) Cha ghabh an cruth beumte *tu* [d̥uː][d̥uː] cleachdadh ach an dèidh cruthan a' ghnìomhair *IS* §304, m.e. *nach tu a rinn math!*; chan fhaighear an cruth beumte *thu* ach ann an suidhichean neo-eisimeileach, m.e. *chan eil mi idir leisg – tha thu!* ['ha: 'uː].

### §187 (iii) An treas pearsa

Chleachdte na cruthan *se*, *si* no *siad* (seach *e*, *i*, *iad*) mar rìochdairean cùiseairail (.i. le dreuchd ainmnich), m.e. *sèididh se le sgal; an saoghal seo reubaidh se gu garg; air charabad teine suidhidh se* (Dùghall Bochanan, air fhoills. 1767: Meek 2015, 141.29, 141.34, 147.109). Tha an cleachdadh fhathast ri lorg ann an sgrìobhaidhean san 19mh linn (Munro 1843, 70), gu h-àraid gus rìochdairean ainmneach agus rìochdairean cuspaireach a dhealachadh ri chèile (Gillies 1902, 73–74): *chuir se e fèin fo bhrataich Theàrlaich Òig* (≈an Sgiathanach 1876, 20); *dh'ionnlaid se e ann an tobar a bha ri taobh an rathaid* (≈Cuaritear nan Gleann III, 157); faic, cuideachd, §273, b-n 14. An-diugh, cumar an dà rìochdair (cùiseair agus cuspair) fa leth ma bhios buadhair, co-ghnìomhair no abairt meadhanach goirid ri làimh: *cumaidh e dubh e; cuiridh iad thugad an-diugh iad; cheannaich i sa bhùth i; rinn mi an-diugh e*; ach nì *mi e nuair a thig sinn dhachaigh an dèidh an dannsa a-nochd*.

### §187 (iv) *eadh*

Mairidh an rìochdair neodrach *eadh* ann an corra abairt, m.e. *seadh*<sup>3</sup>.

### §187 (v) Rìochdairean sònrachaidh

Gabhaidh *e*, *i*, *iad* leasachadh leis na rìochdairean sònrachaidh *seo*; *sin*; *siud* san t-seagh 'am fear seo; an tè seo; an fheadhainn seo' 7c: *bha iad seo gu math daor* §210 (i) (a).

## §188 Rìochdairean pearsanta: sìneadh

### §188 (i) Iar-leasachain sìnidh

Thèid na rìochdairean pearsanta a shìneadh le bhith a' cur iar-leasachain riutha §186: *mi > mise, thu > thusa* 7c: *a bheil thusa nas àirde na mise?*

3. Cleachdar 's *eadh* – sgrìobhar *seadh* mar as trice agus cluinnear *sheadh* cuideachd – gus aonta neo-àraidh a chur an cèill; àicheil *chan eadh* (nas sine *ni h-eadh*), ceisteach *an eadh?*; *nach eadh?* 'S e rìochdar neodrach a th' ann an *eadh* (seach *e* fir. no *i* boir.). Gheibhear *eadh* cuideachd ann am *mar gum b' eadh* 'mar gun canadh tu', ann an *gidheadh* 'ge-tà, a dh'aindeoin sin' agus ann an *eadhon* 's e sin; fiù agus'. Anns an t-seagh 's e sin', gabhaidh *eadhon* giorrachadh gu *.i.* ann an sgrìobhadh. Gu tric an àm na Sean Ghàidhlig, leughte *.i.*, an samhla Laidinn air an Laidinn *id est*, mar *id* le sgrìobhaichean Èireannach agus thionndachte e na *ed-ón* 'sin' leotha (Thurneysen 1975, 25), no *eadhon* mar a tha againne air an-diugh. Tha *.i.*, a-rèist, co-ionann ris a' ghiorrachadh *i.e.* a chleachdar sa Bheurla.

§188 (ii) An dèidh a' ghnìomhair *IS*

Gheibhear cruthan beumte aig na cruthan bunasach *mi, tu, e, i* agus *sibh* an dèidh a' ghnìomhair *IS* §304 le fadachadh fuaimreag an riochdair a-mhàin §13 (vi), m.e. (ann am freagairtean) *an tusa an ceannard? is mi* [mi:]; (ann an abairtean clisgreach §311 (ii)) *nach sibh* [ʃəiv][ʃi:v] *a tha fortanach!*

Airson *fèin*, faic §226.

### §189 Riochdairean pearsanta: cleachdadh

§189 (i) Co-rèir

§189 (i) (a) Le dreuchd cùiseir: *chunnaic mi an duine; bidh sinn a' smaoineachadh ort; nach bi thu ann a-màireach?*

§189 (i) (b) Le dreuchd cuspair dhìrich: *chunnaic an duine mi; sgròb an cat i; an do dh'fhàg an tagsaidh aig an taigh sibh?*

§189 (i) (c) An dèidh a' ghnìomhair *IS*, mar riochdair fàisneach §306 (iii) + b-n 54 ann an rosgrannan copail aig am bi coileanadh ainmearach: (deimh. §307 (i) (b)) *'s i Màiri an tidsear; 's iad Alasdair is Donnchadh na h-oileanaich eile*; (neo-dheimh. §307 (ii) (a)) *'s e gille snog a th' ann an Dòmhnall*; agus mar an coileanadh fhèin (gun riochdair fàisneach ro-shuidhichte) §307 (i) (a): *is mise an ceannard; an tu?*

§189 (i) (d) An dèidh nan roimhear *seach, mar<sup>s:4</sup> mar esan; seach mise*; agus an dèidh an roimheir *eadar* far an dèanar coimeas: *eadar mi is tu; eadar sinne is iadsan* §357 (ii) (a).<sup>5</sup>

§189 (ii) An dàrna pearsa

§189 (ii) (a) Gu dualchasach, thèid an dàrna pearsa singilte *thu* a chleachdadh le duine ri a sheisean, ri cloinn, ri a ìochdarain agus ri diathan; fhad 's a thèid an dàrna pearsa iolra *sibh* a chleachdadh le duine ri a phàrantan, ri a uachdarain, ri daoine nas sine agus mar chomharra spèise.

§189 (ii) (b) Gheibhear an t-aon sgaradh eadar an dàrna pearsa singilte agus an dàrna pearsa iolra le riochdairean seilbheach §190: *tha thu às do chiall ~ cuin a chaidh sibh nur dotair?*; le riochdairean roimhearail §239: *tapadh leat ~ tapadh leibh*; agus le cruthan co-thàhte a' mhodh àithnich §258 (ii): *siuthad! ith do leòr! ~ siuthadaibh! ithibh ur leòr!*

4. Mar as trice le cruthan sìnte, no le *fèin* §226.

5. An àite an roimheir *gun* agus riochdair pearsanta, cleachdar roimhear fillte mar *às aonais* §350 (ix): *chan fhuilinginn a bhith às d' aonais*; ach far a bheil an riochdair pearsanta na chùisear ann an clàs tarbhach (ainmear gnìomhaireach ann no às): *bhithinn fo bhròn gun thu a bhith ann; gun thu ach trì bliadhna a dh'aois*.

§190 Riochdairean seilbheach: cruth

§190 (i) Le ainmear

Thig an riochdair seilbheach ro a ainmear; tha cruthan an riochdair sheilbhich mar a leanas:

	RO CHONNRAIG	RO FHUAIMREIG	EISIMPLEIREAN
SING.			
1	<i>mo</i> <sup>s</sup>	<i>m'</i>	{ <i>mo mhàthair</i> <i>m' athair</i>
2	<i>do</i> <sup>s</sup>	<i>d', t' †</i>	{ <i>do bhràthair</i> <i>d' athair, t' athair</i>
3 f.	<i>a</i> <sup>s</sup>	( <i>a</i> )	{ <i>a phiuthar</i> <i>(a) athair</i>
b.	<i>a</i>	<i>a h-</i>	{ <i>a piuthar</i> <i>a h-athair</i>
IOL.			
1	<i>ar</i>	{ <i>ar n- †</i> <i>ar h- †</i>	{ <i>ar màthair</i> <i>ar n-athair</i> <i>ar h-athair</i>
2	( <i>bh</i> ) <i>ur</i>	{ ( <i>bh</i> ) <i>ur n- †</i> ( <i>bh</i> ) <i>ur h- †</i>	{ ( <i>bh</i> ) <i>ur bràthair</i> ( <i>bh</i> ) <i>ur n-athair</i> ( <i>bh</i> ) <i>ur h-athair</i>
3	<i>an</i> <sup>m</sup>	<i>an</i>	{ <i>am màthair</i> <i>an athair</i>

†A rèir dualchainnt.

Cha ghabh na riochdairean seilbheach sèimheachadh no mùthadh.<sup>6</sup>

§190 (ii) Le ainmear: an dèidh roimheir

Gabhaidh cruth an riochdair sheilbhich co-mheasgachadh ri roimhear §340 a thig air thoiseach air, mar a leanas:

6. Ach mothaich, mar eisimpleir, an cruth gairmeach *a mheudail!* < \**meudail*, i. *m' eudail* 'mo lì!, mo rùn!'; cluinnear a *m' eudail!*, gun sèimheachadh, cuideachd.

		<i>an<sup>m</sup></i>	<i>(bh)o<sup>s</sup></i>
SING.	1	<i>nam<sup>s</sup>/na mo<sup>s</sup></i>	<i>bhom<sup>s</sup>/bho mo<sup>s</sup></i>
	2	<i>nad<sup>s</sup>/na do<sup>s</sup></i>	<i>bhod<sup>s</sup>/bho do<sup>s</sup></i>
	3	f. <i>na<sup>s</sup></i>	<i>bho<sup>s</sup></i>
		b. <i>na<sup>h-</sup></i>	<i>bho<sup>h-</sup></i>
IOL.	1	<i>nar<sup>n-/h-</sup></i>	<i>bhor<sup>n-/h-</sup>/bho ar<sup>n-/h-</sup></i>
	2	<i>nur<sup>n-/h-</sup>/na bhur<sup>n-/h-</sup></i>	<i>bhor<sup>n-/h-</sup>/bho bhur<sup>n-/h-</sup></i>
	3	<i>nan<sup>m</sup></i>	<i>bhon<sup>m</sup>/bho an<sup>m</sup></i>

*de<sup>dh</sup>*

SING.	1	<i>dem<sup>s</sup>/de mo<sup>s</sup></i>	<i>dhem<sup>s</sup>/dhe mo<sup>s</sup></i>
	2	<i>ded<sup>s</sup>/de do<sup>s</sup></i>	<i>dhed<sup>s</sup>/dhe do<sup>s</sup></i>
	3	f. <i>de<sup>s</sup></i>	<i>dhe<sup>s</sup></i>
		b. <i>de<sup>h-</sup></i>	<i>dhe<sup>h-</sup></i>
IOL.	1	<i>der<sup>n-/h-</sup>/de ar<sup>n-/h-</sup></i>	<i>dher<sup>n-/h-</sup>/dhe ar<sup>n-/h-</sup></i>
	2	<i>der<sup>n-/h-</sup>/de bhur<sup>n-/h-</sup></i>	<i>dher<sup>n-/h-</sup>/dhe bhur<sup>n-/h-</sup></i>
	3	<i>den<sup>m</sup>/de an<sup>m</sup></i>	<i>dhen<sup>m</sup>/dhe an<sup>m</sup></i>

*do<sup>dh</sup>*

SING.	1	<i>dom<sup>s</sup>/do mo<sup>s</sup></i>	<i>dham<sup>s</sup>/dha mo<sup>s</sup></i>
	2	<i>dod<sup>s</sup>/do do<sup>s</sup></i>	<i>dhad<sup>s</sup>/dha do<sup>s</sup></i>
	3	f. <i>do<sup>s</sup></i>	<i>dha<sup>s</sup></i>
		b. <i>do<sup>h-</sup></i>	<i>dha<sup>h-</sup></i>
IOL.	1	<i>dor<sup>n-/h-</sup>/do ar<sup>n-/h-</sup></i>	<i>dhar<sup>n-/h-</sup>/dha ar<sup>n-/h-</sup></i>
	2	<i>dor<sup>n-/h-</sup>/do bhur<sup>n-/h-</sup></i>	<i>dhar<sup>n-/h-</sup>/dha bhur<sup>n-/h-</sup></i>
	3	<i>don<sup>m</sup>/do an<sup>m</sup></i>	<i>dhan<sup>m</sup>/dha an<sup>m</sup></i>

		<i>fo</i> <sup>S</sup>	<i>gu</i> (s)
SING.	1	<i>fom</i> <sup>S</sup> / <i>fo mo</i> <sup>S</sup>	<i>gum</i> <sup>S</sup> / <i>gu mo</i> <sup>S</sup>
	2	<i>fod</i> <sup>S</sup> / <i>fo do</i> <sup>S</sup>	<i>gud</i> <sup>S</sup> / <i>gu do</i> <sup>S</sup>
	3	f. <i>fo</i> <sup>S</sup>	<i>gu</i> <sup>S</sup>
		b. <i>fo</i> <sup>h-</sup>	<i>gu</i> <sup>h-</sup>
IOL.	1	<i>for</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>fo ar</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>gur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>gu ar</i> <sup>n-/h-</sup>
	2	<i>for</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>fo bhur</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>gur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>gu bhur</i> <sup>n-/h-</sup>
	3	<i>fon</i> <sup>m</sup> / <i>fo an</i> <sup>m</sup>	<i>gun</i> <sup>m</sup> / <i>gu an</i> <sup>m</sup>
		<i>le</i>	<i>mu</i> <sup>S</sup>
SING.	1	<i>lem</i> <sup>S</sup> / <i>le mo</i> <sup>S</sup>	<i>mum</i> <sup>S</sup> / <i>mu mo</i> <sup>S</sup>
	2	<i>led</i> <sup>S</sup> / <i>le do</i> <sup>S</sup>	<i>mud</i> <sup>S</sup> / <i>mu do</i> <sup>S</sup>
	3	f. <i>le</i> <sup>S</sup>	<i>mu</i> <sup>S</sup>
		b. <i>le</i> <sup>h-</sup>	<i>mu</i> <sup>h-</sup>
IOL.	1	<i>ler</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>le ar</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>mur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>mu ar</i> <sup>n-/h-</sup>
	2	<i>ler</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>le bhur</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>mur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>mu bhur</i> <sup>n-/h-</sup>
	3	<i>len</i> <sup>m</sup> / <i>le an</i> <sup>m</sup>	<i>mun</i> <sup>m</sup> / <i>mu an</i> <sup>m</sup>
		<i>ri</i>	<i>ro</i> <sup>S</sup>
SING.	1	<i>rim</i> <sup>S</sup> / <i>ri mo</i> <sup>S</sup>	<i>rom</i> <sup>S</sup> / <i>ro mo</i> <sup>S</sup>
	2	<i>rid</i> <sup>S</sup> / <i>ri do</i> <sup>S</sup>	<i>rod</i> <sup>S</sup> / <i>ro do</i> <sup>S</sup>
	3	f. <i>ri</i> <sup>S</sup> †	<i>ro</i> <sup>S</sup>
		b. <i>ri</i> <sup>h-</sup> †	<i>ro</i> <sup>h-</sup>
IOL.	1	<i>rir</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>ri ar</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>ror</i> <sup>n-/h-</sup>
	2	<i>rir</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>ri bhur</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>ror</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>ro bhur</i> <sup>n-/h-</sup>
	3	<i>rin</i> <sup>m</sup> / <i>ri an</i> <sup>m</sup>	<i>ron</i> <sup>m</sup>

†Gheibhear *ra*<sup>S</sup> agus *ra*<sup>h-</sup> ann an sgrìobhainnean nas sine.

		<i>tre</i> <sup>S</sup>	<i>tro</i> <sup>S</sup>
SING.	1	<i>trem</i> <sup>S</sup> / <i>tre mo</i> <sup>S</sup>	<i>trom</i> <sup>S</sup> / <i>tro mo</i> <sup>S</sup>
	2	<i>tred</i> <sup>S</sup> / <i>tre do</i> <sup>S</sup>	<i>trod</i> <sup>S</sup> / <i>tro do</i> <sup>S</sup>
	3	f. <i>tre</i> <sup>S</sup>	<i>tro</i> <sup>S</sup>
		b. <i>tre</i> <sup>h-</sup>	<i>tro</i> <sup>h-</sup>
IOL.	1	<i>trer</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>tre ar</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>tror</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>tro ar</i> <sup>n-/h-</sup>
	2	<i>trer</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>tre bhur</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>tror</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>tro bhur</i> <sup>n-/h-</sup>
	3	<i>tren</i> <sup>m</sup> / <i>tre an</i> <sup>m</sup>	<i>tron</i> <sup>m</sup> / <i>tro an</i> <sup>m</sup>

An dèidh nan roimhearan *aig*, *air*, *à(s)* agus *gus*, thèid cruthan slàna (*aig mo*, *aig do* 7c) a-mhàin a chleachdadh.

§190 (iii) Le ainmear gnìomhaireach

Bidh cruthan an riochdair sheilbhich ro ainmear gnìomhaireach §300 mar a bhios iad ro ainmear §190 (i), shuas: *thèid do mholadh*; *chaidh a bhualadh le càr*.

§190 (iv) Le ainmear gnìomhaireach: an dèidh roimheir

Gabhaidh cruth an riochdair sheilbhich co-mheasgachadh ri roimhear §340 a thig air thoiseach air:

		<i>a</i> <sup>dh</sup> †	<i>aig</i> (a'/ag)
SING.	1	<i>gam</i> <sup>S</sup> / <i>ga mo</i> <sup>S</sup>	<i>gam</i> <sup>S</sup> / <i>ga mo</i> <sup>S</sup>
	2	<i>gad</i> <sup>S</sup> / <i>ga do</i> <sup>S</sup>	<i>gad</i> <sup>S</sup> / <i>ga do</i> <sup>S</sup>
	3	f. <i>ga</i> <sup>S</sup>	<i>ga</i> <sup>S</sup>
		b. <i>ga</i> <sup>h-</sup>	<i>ga</i> <sup>h-</sup>
IOL.	1	<i>gar</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>gar</i> <sup>n-/h-</sup>
	2	<i>gur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>ga bhur</i> <sup>n-/h-</sup>	<i>gur</i> <sup>n-/h-</sup> / <i>ga bhur</i> <sup>n-/h-</sup>
	3	<i>gan</i> <sup>m</sup>	<i>gan</i> <sup>m</sup>

†'S ann à *do* a thig an roimhear seo bho thùs, agus bhiodh na cruthan *dham*<sup>S</sup>/*dha mo*<sup>S</sup> 7c cumanta ann an sgrìobhadh uair,<sup>7</sup> cruthan a bhiodh a' riochdachadh an fhuaimneachaidh [ɣam, ɣa mə] 7c a bhios aig cuid a dhualchainntean fhathast, ach chumadh an litreachadh *gham*<sup>S</sup>, *gha mo*<sup>S</sup> ris a' chruth bhun-tomhasach *gam*<sup>S</sup>, *ga mo*<sup>S</sup> §356 (xiii).

7. Coim. GE *tá sé dhá bhualadh* 'tha e ga bhualadh'.

		<i>an<sup>m</sup></i>	<i>gu(s) †</i>
SING.	1	<i>nam<sup>s</sup>/na mo<sup>s</sup></i>	<i>gum<sup>s</sup>/gu mo<sup>s</sup></i>
	2	<i>nad<sup>s</sup>/na do<sup>s</sup></i>	<i>gud<sup>s</sup>/gu do<sup>s</sup></i>
	3	f. <i>na<sup>s</sup></i>	<i>gu<sup>s</sup></i>
		b. <i>na<sup>h</sup></i>	<i>gu<sup>h</sup></i>
IOL.	1	<i>nar<sup>n-/h</sup></i>	<i>gur<sup>n-/h</sup>/gu ar<sup>n-/h</sup></i>
	2	<i>nur<sup>n-/h</sup>/na bhur<sup>n-/h</sup></i>	<i>gur<sup>n-/h</sup>/gu bhur<sup>n-/h</sup></i>
	3	<i>nan<sup>m</sup></i>	<i>gun<sup>m</sup>/gu an<sup>m</sup></i>

†An dèidh an riochd *gus*, cha tèid ach cruthan slàna (*gus mo* 7c) a chleachdadh.

### §191 Riochdairean seilbheach: mìrean sìnidh

Thèid sìneadh a chur air na riochdairean seilbheach le mìrean sìnidh a thig an dèidh an ainmeir a bhios iad a' comharradh:

		RIOCHDAIR	MÌR SÌNIDH †	EISIMPLEIR
SING.	1	<i>mo<sup>s</sup></i>	<i>-sa</i>	<i>mo cheann-sa; air mo shon-sa</i>
	2	<i>do<sup>s</sup></i>	<i>-sa</i>	<i>do shròn-sa; air do shon-sa</i>
	3	f. <i>a<sup>s</sup></i>	<i>-san</i>	<i>a dhruim-san; air a shon-san</i>
		b. <i>a<sup>h</sup></i>	<i>-se</i>	<i>a h-adhbrann-se; air a son-se</i>
IOL.	1	<i>ar<sup>n-/h</sup></i>	<i>-ne</i>	<i>ar n-athraichean-ne; air ar son-ne</i>
	2	<i>(bh)ur<sup>n-/h</sup></i>	<i>-se</i>	<i>bhur n-inean-se; air ur son-se</i>
	3	<i>an<sup>m</sup></i>	<i>-san</i>	<i>am bràthair-san; air an son-san</i>

†Cluinnear *-sa* air uairean aig na pearsachan uile.

### §192 Riochdairean seilbheach: cleachdadh ro ainmearan

Cleachdar na riochdairean seilbheach ro ainmearan gus dàimh no ceangal sònraichte a chur an cèill. Gu tric, thèid riochdairean seilbheach a chleachdadh mu rudan a bhuineas do dhuine – a bhios do-sgaraidh, mas fhìor – m.e.

#### §192 (i) A' bhodhaig

*tha mo cheann na luairean; le a dhà làimh; bha deòir na sùilean; sguir a bhith ag èigheachd aig àird do chlaiginn!; chaidh sinn ann de ar cois; bha m' anail nam uchd; do chac!; pòg mo thòn!; thug e a chasan leis!; tha e gu math fada na cheann.*

## §192 (ii) An inntinn

*dè tha nad inntinn?; às a chiall; às a rian; lem smuaintean fhìn; an e sin do bheachd-sa?; dè tha air d' aire-sa?; nì mi mo dhìcheall; mas e ur toil e.*

## §192 (iii) A' bheatha; am bàs

*'s e do bheatha; fad mo bheatha; ri (a) linn-san; an dèidh am bàis; 's e làn dìth do bheatha<sup>8</sup>.*

## §192 (iv) An teaghlach

*a bheil do phàrantan beò?; m' athair is mo mhàthair; do chèile; thug i dha bràthair e; dileab ar sinnsearan; airson duine, bean, clann, faic §54 (iii).*

## §192 (v) Aodach

*cuir ort do chòta!; càite a bheil mo bhrògan?*

§192 (vi) *biadh; leòr; cuid*

*tha do bhiadh deiseil; gabh do bhracaist!; an d' fhuair thu do leòr?; mo chuid aodaich; a cuid chloinne.*

§192 (vii) *leabaidh; teine*

*fhalbh gu do leabaidh!; chaidh an taigh na theine.*

## §192 (viii) Briathran spèise

*mo rìn!; m' eudail!; mo lì!*

## §192 (ix) Clisgearan

*mo thruaighe!; mo chreach-sa thàinig!; do nàire ort!*

§192 (x) *leithid; seise; samhail; caochladh*

*chan fhaca mi a leithid seo de dhuine a-riamh §230; 's e duine sònraichte a tha a dhìth oirnn, a leithid Sheumais; prògram de (a) leithid; bha e na leithid de dhàite; do sheise; a samhail; dheònaich am Freastal a chaochladh (≈An Gaidheal V, 20); bha oilean nan athraichean ri (a) fhaicinn gu soilleir ann an giùlan na cloinne a fhuair e aig a' bhaile ..., ach bha a chaochladh ri fhaicinn ann am fàs agus an caitheamh-beatha na cloinne nach d' fhuair an t-oileanachadh sin mun chagailt (≈An Ròsarnach III, 137).*

§192 (xi) *liuthad; uimhir; uiread*

*tha mi creids' gur e a liuthad §175 bliadhna a bha eadarainn a bu choireach (≈A. Caimbeul 1992, 95); tha mi a' creidsinn nach robh (a) uimhir §178 de shluagh anns na h-eilein a-riamh (≈Caimbeul 1973, 20); chan ith e (a) uiread §179 sin de bhiadh.*

8. Le *dìth do bheatha* 'miann do chridhe' > 'bidh fàilte romhad!' (SG *dìth* neod., na b' anmoiche fir, 'miann' Greene 1975, 48; pace Watson 1929, 208: SG *Día do béthu*); coim. *di-beathte* §129 + b-n 12; air uairean, air a sgrìobhadh dì.

## §192 (xii) Abairtean iomadachaidh

*bidh a dhà uimhir 's a bh' againn an-dè a dh'ith oirnn an-diugh; a leth uimhir ri sin; a dhà thrìan.*<sup>9</sup>

## §192 (xiii) Rìochdair seilbheach do-mhùthaidh

Le corra ainmear, cleachdar rìochdair seilbheach do-mhùthaidh: le **fios**: *tha (a) fhios agam dè bha thu ag iarraidh; bha (a) fhios againn nach robh e a' tighinn* §18 (iv); *tha a làn-fhios aice; le leas*: *cha ruig thu a leas a dhèanamh*<sup>10</sup>; le **ceart**: *bha e a cheart cho math riutsa*. Le ainmear ginideach an dèidh **fiamh**: *gur mise a tha bochd truagh, fiamh a ghuil air mo ghruaidh* (≈MacKenzie 1841, 26); *thàinig MacEachainn làmh rium, is a bheil le fiamh a ghàire air* (≈Sinclair 1900, 152); *cha tàinig e nam inntinn a-riamh gun tigeadh uair a sheallainn ort gun fhiamh a ghàire na do shùil, no fiamh a ghaoil a' toirt freagradh dhomh* (≈MacLeod 1918, 46); *labhair mi ris, ach bha e a-cheana gun eòlas gun aithne – bha fiamh a bhàis air a ghnùis* (≈An Teachdaire Gaelach II, 81); *dol gu fianais 's fiamh a bhàthaidh air* (≈Iain MacCodrum: MacDonald 1894, 59); le **cèile** §219: *ri (a) chèile* §18 (iv); *an aghaidh a chèile*. Coim. §193 (iv), shìos.

## §193 Rìochdairean seilbheach ro ainmearan gnìomhaireach

Cuiridh rìochdairean seilbheach ro ainmearan gnìomhaireach coileanadh cuspaireil an ainmeir ghnìomhairich an cèill:

## §193 (i) Le brìgh spreigich

§193 (i) (a) Fireann: *tha mi air a thoirt dhut mar-thà; an urrainn dhut a cheannach dhomh?; chaidh e ga iarraidh; thuit e na chadal; b' fheàrr leam (a) fhàgail* §18 (iv).

§193 (i) (b) Boireann: *feumaidh mi a planadh; a bheil iad airson a sreap?; bha an duine ga h-òl; bha i na seasamh*.

§193 (i) (c) Iolra: *saoilidh mi gum bi e furasta an cur an gnìomh; bhiodh tu air an leughadh, nan robh ùine gu leòr agad; tha e gan glanadh*.

## §193 (ii) Le brìgh fhulangaich

§193 (ii) (a) Fireann: *cha robh rud sam bith ri (a) dhèanamh* §18 (iv); *chaidh a mharbhadh; tha e ga ghlanadh*.

9. Coim. an stiùireadh a thugadh le Dòmhnall Gorm Mòr dhan t-saor a bha a' dol a thogail birlinn do Mhac Nèill: *Leagail bheag, is togail bhog; snìomh fada ga ghoid, 's i gun tuim; sliasaid agus gualainn chruinn; 's ma bhios trì troighean na druim biodh troigh na tobhta chrainn [is] dòrn; a leth uimhir sin na cliabh 's a dhà thrìan a leud na tòin* (≈Mackay 1919, 8).

10. Air neo, mar a chluinnear gu tric, *cha leig thu a leas a dhèanamh*.

§193 (ii) (b) Boireann: *tha an ìomhaigh ri (a) faicinn san tasglann §18 (iv); bha a' bhùth air a dùnadh mus do ràinig sinn; dheigheadh a bualadh.*

§193 (ii) (c) Iolra: *'s ann leathase a thèid an teagasg; rachadh an glanadh; chaidh am bualadh; chaidh an ceannach.*

### §193 (iii) Ais-thilleadh

Ann an clàsan dàimheach mìneachaidh, agus cuspair a' chlàs co-ionann ri a ro-theachdaire, thèid ainmear gnìomhaireach astalach a chomharradh le riochdair seilbheach do-mhùthaidh (3s sg. f. *a<sup>s</sup>*) agus dreuchd ais-thillidh aige, a' tarraing air an ro-theachdaire: *bhathas a' cur stad air na daoine a bha thu ag iarraidh a chluinntinn; chan e duine a th' ann as urrainn dhut (a) fhàgail gun aithreachas; sguir a bhith a' bruidhinn air amannan a tha mi ag iarraidh a dhìochuimhneachadh; chaidh i ann gus òran a chleachd iad a sheinn a thoirt dhaibh; an robh càil eile aig daoine a bha iad ag iarraidh a thogail?; chan e galar a th' ann as urrainn dhut a leigheas; seo an seòrsa naidheachd a bha i ag iarraidh a chluinntinn (MacLeòid 2005, 147); feumaidh tu a bhith faiceallach, mun tèid do mharbhadh no do dhroch leòn, mun tuig an Gearmailteach dè (a) tha thu ag iarraidh a dhèanamh (≈MacMhaoilein 1990, 77); gus misneach a thoirt dhaibh gu dol air aghaidh, mar a chleachd iad a dhèanamh. Nochdaidh an riochdair mar an ceudna agus roimhear a' comharradh an ainmeir gnìomhairich: (le ri, nach bi a' sèimheachadh) *cuiridh iad às do na cisean ionadail a th' aig tòrr gnìomhachasan beaga ri (a) phàigheadh; 's iad na rudan uile a th' agam ri (a) dhèanamh; (le airson, nach bi a' sèimheachadh) bha damh aig Lachainn a bha e airson a chur sa bhàrrailte (≈Mac-Talla VI, àir. 29, 230); mharbh e an sluagh le a dhroch nàdar, agus do bhrìgh agus gur e a chumhachd a bha e airson a chur an cèill (≈MacLeòid 1923, 204); tha mi nis ga thoirt dhut mar mo thiodhlac, a gheibh thu airson a ghabhail (Fear-tathaich Miosail II, 196); dh'innis i dha facal air an fhacal mun chomhairle a thug Leezie oirre a thaobh na borbaireachd a bha i airson a dhèanamh air a falt (≈MacLeòid 1932, 368); 's e (a) tha mise airson a ràdh an seo nach robh breug na bu mhotha a-riamh ann na sin (≈Fear-tathaich Miosail III, 178). Ach cha chleachdar an riochdair le ainmearan gnìomhaireach agus brìgh an-astalach aca: *chan e duine a th' ann as urrainn dhut dealachadh ris gun aithreachas; an iad na daoine a bha thu ag iarraidh bruidhinn riutha?*<sup>11</sup>**

11. A thaobh tùs an riochdair *a<sup>s</sup>* a tha seo, is coltach gun innis an fhianais (a) nach ionann e agus na gheibhear ann am *feumaidh sinn fear ùr a cheannach* (< an roimhear *do<sup>dh</sup>* §356 (xii)); *chaidh e a shealltainn orra* (< an roimhear *do<sup>dh</sup>* §356 (xiii)); nach ionann e agus na gheibhear ann an *a bheil thu ag iarraidh a thuigsinn dè a nì thu* (le riochdair do-mhùthaidh ro-thillidh §193 (iv)); (b) nach lorgar e ach ann an clàsan dàimheach mìneachaidh far an nochd ainmear gnìomhaireach astalach, nach fhaighear e agus ainmear gnìomhaireach an-astalach ann: *an iad na daoine a bha thu ag iarraidh bruidhinn riutha?*; (d) gun nochd e ged a bhitheas roimhear a' comharradh an ainmeir

## §193 (iv) Ro-thilleadh

Ro ainmearan gnìomhaireach astalach, cleachdar riochdair seilbheach do-mhùthaidh (3s sg. fir. *a*<sup>s</sup>), agus dreuchd ro-thillidh aige, gus tarraing air ainmear no abairt nas fhaide air adhart san aithris: *tha mi duilich a chluinntinn nach eil i gu math; feumaidh mi a ràdh nach do rinn mi fhathast e; 's fhiach (a) fhaighneachd dè bha a' tachairt; tha thu ag iarraidh orm a chreidsinn nach eil dragh sam bith ort?; bha agam ri (a) dhearbhadh nach robh gu leòr airgid ann; chan eil e doirbh a thuigsinn carson a chaidh a' choinneamh ud a chumail; ach cha chleachd le ainmearan gnìomhaireach agus brìgh an-astalach aca: b' fhiach dèiligeadh ris na tha a' tachairt.*

## §194 Rìochdairean seilbheach le roimhearan fillte

Cleachdar cruthan an riochdair sheilbhich le roimhearan fillte a rèir §190 (ii), shuas. Nochdaidh rìochdairean seilbheach le roimhearan fillte ainmearach no co-ghnìomhaireach §340 (iv):

## §194 (i) Ainmearach

§194 (i) (a) *a dh'ionnsaigh*: (3s sg. b.) *dha h-ionnsaigh*; *an àite*: (3s sg. b.) *na h-àite-se*; (3s iol.) *chaidh i nam bad/nan aghaidh*; *a rèir*: (3s sg. f./b.) *dha rèir fhèin*; *air beulaibh*: (1d sg.) *air mo bheulaibh-sa*; *air feadh*: (3s sg. f.) *air (a) fheadh* §18 (iv).

§194 (i) (b) Gheibhear riochdair seilbheach do-mhùthaidh (3s sg. fir.) anns na leanas:

§194 (i) (b) (α) Le roimhearan fillte le *cèile* §219: *bha iad a' bruidhinn ri (a) chèile* §18 (iv); *thug sinn preusantan dha chèile*.

---

ghnìomhairich: *bha damh aig Lachainn a bha e airson a chur sa bhàrrailte*; agus (e) nach nochd e ach nuair as ionann ro-theachdaire agus cuspair a' chlàs dhàimhich: *cha mhòr tuillidh a ruigeas mi a leas a chur ann am litir* (≈Thomson 1968, 211).

Chan ionann an cleachdadh seo agus an cleachdadh air taobh a-muigh chlàsan dàimheach, far am faighear riochdair seilbheach ion-chlaonaidh mar choileanadh cuspaireil aig ainmear gnìomhaireach astalach: (3s sg. f.) *tha lagh ann, agus peanas airson a bhriseadh* (*Fear-tathaich Miosail* I, 101); (3s sg. b.) *carson a dh'fhàg iad a' mhòine air a' mhòintich airson a tiormachadh?* (*An Taigh-dubh* 1994, 7); (3s sg. f.) *tha an t-òl a' toirt iomad olc na lorg, agus tha iomad adhbhar aig daoine airson a sheachnadh gu tur* (≈*An Gaidheal* V, 321); (3s sg. f.) *a' tomhas àirde a' ghàrraidh ri a neart 's ri a h-acras fèin – a' toirt ceum air a h-ais 's air a h-aghaidh a dh'fheuchainn am faic i beàrn no isleach no eadhon àite socrach da casan airson a leum* (≈*An Gaidheal* IV, 289); (3s sg. b.) *dh'aidich e do Shillis an t-iomlan de gach innleachd mhallaichte a bha air an rùnachadh leis na maithean airson a cur às an rathad* (≈*An Gaidheal* III, 167); (3s iol.) *ged as iomadh cailleach mhòr làidir a tha san dùthaich againn a' trusadh uighean is chearcan airson an cur do Ghlaschu* (≈*An Gaidheal* II, 296).

§194 (i) (b) (β) Leis na roimhearan fillte *air ais*; *air adhart*; *air aghaidh*.<sup>12</sup>

§194 (ii) Co-ghnìomhaireach

*fàisg air do làimh*; *timcheall air mo cheann*; *còmhlaidh ri phiuthar* / *ri do phiuthar*.

### §195 Riochdairean seilbheach le clàsan dàimheach ginideach

Ann an clàsan dàimheach ginideach §206, tillidh an riochdair seilbheach chun an ro-theachdaire: (3s sg. f.) *siud an duine a bha a mhac san arm*; (3s sg. b.) *sin am boireannach a dh'aithnichinn a màthair uair*; (3s iol.) *daoine a bhiodh an aodach fliuch an dèidh latha san uisge*.

### §196 Riochdairean seilbheach le abairtean co-ghnìomhaireach

Ann an corra abairt co-ghnìomhaireach, nochdaidh riochdair seilbheach do-mhùthaidh (3s sg. fir), agus dreuchd ro-thillidh aige, coim. §192 (xiii): *cha chuala mi a bheag de na bha e ag ràdh*; *a bheil a bheag de dh'eòlas agad air?*; *tha an aimsir a cheart cho teth is a bha i an-dè*; *chan eil e a leth cho math ri seo*; *cha robh i a leth cho sean 's a bha mise*.

### §197 Riochdairean dàimheach

Tha ceithir riochdairean dàimheach, aig a bheil dreuchdan eadar-dhealaichte, ann an Gàidhlig na h-Albann.

### §198 Riochdairean dàimheach: mìneachadh agus seòrsa

§198 (i) Mìneachadh

Fhad 's a bhios RIOCHDAIR DÀIMHEACH na chùisear no na chuspair ann an clàs, bidh e a' riochdachadh duine no nì a bhios a' nochdadh nas tràithe san rosgrann:

§198 (i) (a) Cùisear: *dh'fhalbh an duine a sheinn an t-òran*: far am bi **a** a' riochdachadh **an duine**: mas fhìor, *dh'fhalbh an duine – sheinn an duine an t-òran*.

§198 (i) (b) Cuspair: *'s e sin an rud a bha mi ag iarraidh*: far am bi **a** a' riochdachadh **an rud**: mas fhìor, *'s e sin an rud – bha mi ag iarraidh an rud*.

§198 (ii) Seòrsa

Gheibhear an RIOCHDAIR DÀIMHEACH BUNASACH **a<sup>dh</sup>** §199, an RIOCHDAIR DÀIMHEACH CLAON **an<sup>m</sup>** §200, an RIOCHDAIR DÀIMHEACH RO-THEACHDAIL **na<sup>dh</sup>** §202 agus an RIOCHDAIR DÀIMHEACH ÀICHEIL **nach<sup>f</sup>** §201.

12. i. *air a ais* 7c §346 (x); ach thèid an riochdair seilbheach an seo a chlaonadh fhathast ann an corra dhualchainnt, m.e. (3s iol.) *chaidh iad air an ais*, seach *chaidh iad air ais*.

RIOCHDAIREAN AGUS CLÀSAN DÀIMHEACH

Riochdair dàimheach	Clàs dàimheach		Riochdair àicheil: <i>nach</i> <sup>f</sup>
BUN. <i>a</i> <sup>dh</sup>	bun. (naisgeil) (ceisteach) (ceist.neo-dhir.)	<i>an tè a bhios sgìth</i>	<i>an tè nach bi sgìth idir</i>
		<i>ged a tha i sgìth</i>	<i>ged nach bi i sgìth</i>
		<i>cò (a) bhios sgìth?</i>	<i>cò nach bi sgìth?</i>
		<i>cò aige a tha cus?</i>	<i>cò aige nach eil cus?</i>
gin. (dìreach)	gin. (neo-dhir.)	<i>an tè a tha a mac san arm</i>	<i>an tè nach eil a mac san arm</i>
		<i>an tè a chluicheas e le a h-aid</i>	<i>an tè nach chuich e le a h-aid</i>
		<i>an tè a dh'èistean mi rithe</i>	<i>an tè nach èist mi rithe</i>
CLAON <i>an</i> <sup>m</sup>	tabh. clao	<i>an tè air a bheil ad</i>	<i>an tè air nach eil ad</i>
		<i>an tè dham buin e</i>	<i>an tè dha nach buin e</i>
CLAON <i>an</i> <sup>m</sup>	clao	<i>an loch anns an robh e</i>	<i>an loch anns nach robh e</i>
		<i>càit a bheil i fuar?</i>	<i>càite nach eil i fuar?</i>
RO- THEACHD. <i>na</i> <sup>dh</sup>	ro-theachdail	<i>sin na thuirt mi</i>	<i>sin an rud nach tuirt mi</i>
		<i>dè na bhios ann dheth?</i>	

§199 An riochdair dàimheach bunasach *a*<sup>dh</sup>

§199 (i) Buaidh is cruthan *a*<sup>dh</sup>

§199 (i) (a) Bidh an riochdair dàimheach bunasach *a*<sup>dh</sup> a' d-shèimheachadh agus a' comharradh riochd dàimheach a' ghnìomhair §262 (iii): *an t-òran a ghabhas an seinneadair; an duine a dh'itheas a sheanmhair; faodaidh e a h-eanraich òl* (≈Nicolson 1881, 13); *a' cheist a dh'fhaighnicheas an nighean bheag; na siùcaran a bhios a' chlann a' ceannach sa bhùth; am bàrd a rinn an dàn seo; am fuaim a nì a' phìob mhòr; an latha mu dheireadh a chunnaic sinn a chèile.*

§199 (i) (b) Thèid an riochdair dàimheach bunasach *a*<sup>dh</sup> a cho-mheasgachadh ri riochd làthaireach dàimheach a' ghnìomhair IS §304 (ii), .i. *as*<sup>f</sup>: *na rudan as fheàrr leat.*

§199 (ii) Cleachdadh **a<sup>dh</sup>**

§199 (ii) (a) Le naisgearan dàimheach bunasach §334, far an tèid an riochdair a cho-mheasgachadh an dèidh fuaimreig: *nuair a thig thu dhachaigh; ged a tha mi sgìth; fhad 's a bhios tu ann; (bh)on a bha cus ann; sin mar a tha, sin mar a bha, sin mar a bhitheas e; (bh)o dh'fhàs thu mòr; ma bhios sinn beò; leis a' ghnìomhair IS §304 (iv): ged as aithne dhomh e; ged as ann mar sin a tha e; mas e do thoil e.*

§199 (ii) (b) Le riochdairean (no co-ghnìomhairean) ceisteach §234–§238, far an tèid an riochdair dàimheach bunasach a theasgadh mar as trice an dèidh fuaimreig: (direach) *dè (a) tha seo?; carson a rinn thu sin?; ciamar a tha sibh?; cuin a bhios sinn a' falbh?; cò (a) bhios a' tighinn?; cò aige a tha còig nota? tha aig Màiri; cò air a tha uaireadair?; cò às a tha thu?; cò dha a bhuineas tu? tha dhan Eilean Sgitheanach; cò deth a dh'fhaighnich thu?; cò leis a bha seo? 's ann leamsa a bha e; cò leis a tha thu? tha leis na Dòmhnallaich; cò ris a bhruidhinn thu a-raoir?; cò thuige a chuir thu an litir?; ron ghnìomhair IS §304 (v): cò as urrainn èisteachd ris?; cò dha as còir gèilleadh?; cò dhiubh a b' fheàrr leat?*

§199 (ii) (c) Le ceum co-ionannach a' bhuadhair §135: *dè cho math is a tha iad?; chunnaic sinn cho dona is a bha iad; tha iad a cheart cho cosgail 's a bha mi an dùil; air cho dona 's gun robh e.* Airson *is*, 's, faic §333 (i).

§199 (ii) (d) Le ceum coimeasach a' bhuadhair §136: *na sìtheanan as bòidhche air a' mhòintich; 's e sin an tè as miosa; b' e sin am fear a b' fheàrr a rinn thu a-riamh; leis a' mhìr fhàisneach n~ §138 (i) (b) + b-n 3; tha e nas buidhe na sin; daoine na bu bheartaiche.*

§200 An riochdair dàimheach claon **an<sup>m</sup>**§200 (i) Cruthan **an<sup>m</sup>**

Tha trì cruthan aig an riochdair dhàimheach chlaon **an<sup>m</sup>**, a chleachdar mar a leanas:

§200 (i) (a) **a** ron chruth ghnìomhaireach **bheil** §268 (xi): *an tusa an duine aig a bheil còig not? is mi.*

§200 (i) (b) **am** ro ghnìomhairean le **b**, **f**, **m**, no **p** thoisich: *siud an uilebheist rom bite a' gabhail eagal; bha e a' sgrìobhadh chun na h-eaglaise dham buineadh e; cò an leabhar air am bi sinn a' bruidhinn a-màireach?; sin an taigh anns am bitheamaid a' fuireach uair; leis a' ghnìomhair IS §304 (vii): seo am bogsa sam<sup>13</sup> b' fheàrr an t-airgead a chumail.*

---

13. i. *anns am* > *sam*, le teasgadh thoisich.

§200 (i) (c) **an** ro ghnìomhairean (agus ron mhìr chaithte **do**<sup>dh</sup> §246) a' tòiseachadh le litir sam bith eile: *seo an dàn mun do bhruidhinn sinn an-diugh; siud an seòladh gu 'n do chuir mi an litir; bha mi a' bruidhinn ris an tè ud air an robh an t-seacaid ruadh; cò na dùthchannan às an tig a' mhòr-chuid de dh'armachd?; an e siud an sgìre às an tàinig i?; siud am peann leis an do sgrìobh e a' chiad leabhar a rinn e*<sup>14</sup>; 's iadsan na daoine ris an èist mi gu dlùth; leis a' ghnìomhair IS §304 (vii): *a' bruidhinn ris an fheadhainn dhan urrainn an cànan a bhruidhinn*. Ann an corra dhualchainnt, thèid **an**<sup>f</sup> a chleachdadh ro fhoisich + fuaimreag: *na dorsan aig an fhàg mi am bainne, seach na dorsan aig am fàg mi am bainne*.

### §200 (ii) Cleachdadh **an**<sup>m</sup>

§200 (ii) (a) Air a leantainn le riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii) an dèidh a' cho-ghnìomhair cheistich **càit(e)** §236 (ii) (b): *càit an deach sibh?; agus nan naisgearan dàimheach claona far; an àite; gun fhios; ach; gu(s)* §335: *a bheil thu toilichte far a bheil thu?*

#### §200 (ii) (b)

§200 (ii) (b) (α) Cleachdar an riochdair dàimheach claon **an**<sup>m</sup> (air a leantainn le riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii)) ann an clàsan dàimheach tabhartach claon §205 (i), m.e. *an duine aig an robh an taigh ud*.

§200 (ii) (b) (β) Thèid fuaimreag an riochdair dhàimhich chlaoin a cho-mheasgachadh ri roimhear aig a bheil fuaimreag dheiridh, m.e. *an e sin an carthannas dham bi thu a' toirt an airgid?* (< **do**<sup>dh</sup> + **an**<sup>m</sup>).

§200 (ii) (b) (γ) Cleachdar s-chruthan nan roimhearan **à(s)** §350 (vii), **an**<sup>m</sup> §349 (viii), **le** §362 (vii) agus **ri** §368 (vii) ron riochdair dhàimheach chlaon, m.e. *choinnich mi ris an dithis leis a bheil an taigh ud*.

### §201 An riochdair dàimheach àicheil **nach**<sup>f</sup>

'S e **nach**<sup>f</sup>, a bhios a' sèimheachadh *f* fhoisich + fuaimreag mar as trice an-diugh, cruth àicheil nan riochdairean dàimheach **a**<sup>dh</sup> (bunasach) agus **an**<sup>m</sup> (claon) shuas; thèid a leantainn le riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii):

#### §201 (i) An àite an riochdair dhàimhich bhunasaich **a**<sup>dh</sup>

§201 (i) (a) (*an t-òran a ghabhas an seinneadair >*) *an t-òran nach gabh an seinneadair; 's iomadh rud nach fhaca mi fhathast; an duine nach cuala mi; 's e sin an taigh nach do cheannaich sinn; leis a' ghnìomhair IS §304 (ii): 's e sin rud nach toigh leam ro mhath*.

14. Gheibhear ... *leis na sgrìobh ...*, le co-mheasgachadh de **an**<sup>m</sup> + **do**<sup>dh</sup> §246 (i) (a).

§201 (i) (b) (*ged a tha mi sgìth >*) *ged nach eil mi sgìth; ged nach robh ann ach dithis; bidh dragh orm nuair nach bi thu aig an taigh tràth; 's fhada bho nach fhaca mi thu* §334 (iv); leis a' ghnìomhair IS §304 (iv): *ged nach caomh leat bainne.*

§201 (i) (c) (*carson a rinn thu sin? >*) *carson nach do rinn thu sin?; carson nach tig thu air ais a-màireach?; cò nach eil an seo?; cò aige nach eil ach còig nota?;* leis a' ghnìomhair IS §304 (ix): *cò dhiubh nach caomh leat?*

§201 (ii) An àite an riochdair dhàimhich chlaoin *an<sup>m</sup>*

§201 (ii) (a) An àite an riochdair dhàimhich chlaoin *an<sup>m</sup>*: (*àite fliuch far am biodh e nàdarra craobhan-feàrna a bhith >*) *àite fliuch far nach biodh e nàdarra craobhan-daraich a bhith;* leis a' ghnìomhair IS §304 (vii): *àite far nach còir caoraich a chur.*

§201 (ii) (b) Mar an ceudna, ann an clàsan dàimheach tabhartach claona §304 (vii), san cleachdar s-chruthan nan roimhearan *à(s)* §350 (vii), *an<sup>m</sup>* §349 (viii), *le* §362 (vii) agus *ri* §368 (vii): (*is iadsan na daoine ris an èist mi gu dlùth >*) *is iadsan na daoine ris nach èist mi tuilleadh; 's iad na daoine aig nach eil sgilling ruadh; 's e sin neach-poileataigs dha nach bhòt mi a-chaidh tuilleadh; 's e sin leabhar anns nach deach dad a sgrìobhadh fhathast;* leis a' ghnìomhair IS §304 (vii): *leabaidh anns nach còir leanabh a chur.*

§202 An riochdair dàimheach ro-theachdail *na<sup>dh</sup>*

§202 (i) Co-rèir *na<sup>dh</sup>*

§202 (i) (a) Is ionann an riochdair dàimheach ro-theachdail *na<sup>dh</sup>* ri 'an rud a, an duine a, an fheadhainn a',<sup>15</sup> agus bidh e a' comharradh riochd dàimheach a' ghnìomhair §262 (iii): *'s e sin na tha i a' dèanamh; cuimhnich air na chanas mi riut!; an do rinn thu na bha mi ag iarraidh ort a dhèanamh?;* leis a' ghnìomhair IS §304 (vi): *'s e sin na 's fheàrr leam.*

§202 (i) (b) Ann an clàsan àicheil, feumar ro-theachdaire – san eisimpleir a leanas, *an rud* – a thuilleadh air *nach* a chleachdadh an àite *na<sup>dh</sup>*, m.e. *'s e sin na bha i a' dèanamh > 's e sin an rud nach robh i a' dèanamh; b' e sin na chreid e > b' e sin an rud nach do chreid e.*

§202 (ii) Cleachdadh *na<sup>dh</sup>* an co-bhuinn ris an roimhear *de<sup>dh</sup>*

§202 (ii) (a) Gus a bhith a' cur an cèill 'am meud no an uimhir de' rudeigin: *chrath i na bha ann de shiùcar air a' chèic; chan eil e gu diofar dè na tha ann de chàraichean; chuidich e iad a chionn 's na bha ann de bhochdainn; an dèidh na*

15. i. gabhaidh e a-steach ro-theachdaire a' chlàs dhàimhich.

chaidh innse *de bhreugan*; smaoinich air *na tha de dh'uisge sa mhuir!*; ge be dè *na thig de dh'ola às a' phìob* §228; bidh e duilich a chunntadh dè *na bhios ann de dhaoine air an oidhche*; dè *na tha thu ag iarraidh de dh'airgead?*<sup>16</sup>

§202 (ii) (b) Gus a bhith a' cur an cèill 'cuid, feadhainn; na dh'fhòghnas, gu leòr' de rudeigin gus rudeigin a dhèanamh: *gheibh thu de bhiadh na chumas beò fad seachdain thu; an robh de theatha aice na chumadh a' dol i?; b' esan an t-aon duine nam measg aig an robh de Ghàidhlig na dhèanadh còmhraidh rinn; a bheil againn de dh'airgead na dh'fhòghnas gu deireadh na mìosa?; cha robh agam de neart na dhèanadh faileasach e; rinn iad de dh'fhuaim na bha ceadaichte dhaibh a dhèanamh; chan eil agam de mhisneachd na ghabhas òran an làthair chàich; cha choisinninn de dh'airgead na shàsaicheadh an teaghlach.*

### §203 Clàsan dàimheach bunasach

Ann an clàsan dàimheach bunasach, bidh an riochdair dàimheach ann an dàimh dìreach ri a ro-theachdaire, agus cleachdar an riochdair dàimheach bunasach *a*<sup>dh</sup> no an riochdair dàimheach ro-theachdail *na*<sup>dh</sup>: seo *an duine a chunnaic*, far am bi *a* a' riochdachadh an ro-theachdaire (*an duine*) gu dìreach. Anns a' chlàs dhàimheach, bidh an riochdair dàimheach aon chuid

#### §203 (i) Dreuchd chùisearail

Na chùisear: *b' e an dotair a thuirt rium a bhith a' dèanamh barrachd eacarsaich; nach tu a rinn math!; b' e sin na thachair; no*

#### §203 (ii) Dreuchd chuspaireil

Na chuspair: *b' e an cidsin an run a chrìochnaich sinn an-uiridh; an seòrsa duine a bha sibhse ag iarraidh; b' e sin na bha mi ag iarraidh.*

#### §203 (iii) Dà-sheaghachas

Mar a thoradh air seo, faodaidh brìgh a' chlàs dhàimhich a bhith dà-sheaghach às aonais co-theags, m.e. *'s e sin an duine a chunnaic mi*, gun fhios am b' e 'an duine' no 'mi' a chunnaic.

### §204 Clàsan dàimheach claona

Ann an clàsan dàimheach claona, cleachdar an riochdair dàimheach claon *an*<sup>m</sup> §200 (air a leantainn le riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii)) an dèidh a' cho-ghnìomhair cheistich *càit(e)* §236 (ii) (b): *càite am faigh sinn bùth-leabhraichean sa bhaile sa?; agus an dèidh nan naisgearan dàimheach*

16. Cleachdar an gnàthas-cainnt *dè na tha thu ag iarraidh de dh'airgead/leabhraichean?* leis an dà chuid ainmearan ion-chunntaidh agus ainmearan do-chunntaidh, fhad 's a thèid an gnàthas-cainnt *cò mheud leabhar a tha thu ag iarraidh?* a chuingealachadh ri ainmearan ion-chunntaidh a-mhàin.

claon *far*; *an àite*; *gun fhios*; *ach*; *gus* §335: *trobhadaibh ach an ith sinn còmhla a-nochd!*

### §205 Clàsan dàimheach tabhartach

Ann an clàsan dàimheach tabhartach, bidh an riochdair dàimheach ann an dàimh tabhartach (.i. le roimhear) ri a ro-theachdaire, agus cleachdar aon chuid

#### §205 (i) Claon

Roimhear agus an riochdair dàimheach claon *an<sup>m</sup>* §200: *a bheil duine ann aig a bheil dà bhonn 50sg?*; *nach ise an tè ris an do bhruidhinn thu an-dè?*; *'s ann a bha mi a' bruidhinn ris an tè air a bheil falt ruadh*; *an do sgrìobh thu chun na buidhne dham buin thu?*; *choinnich mi ris an dithis leis a bheil an taigh ud*; *an e siud an sgìre às an tàinig iad?*; no

#### §205 (ii) Bunasach

An riochdair dàimheach bunasach *a<sup>dh</sup>* §199 agus riochdair roimhearail §239 sa chlàs dhàimheach a dh'aontaicheas ris an ro-theachdaire a thaobh gnè agus uimhir: *a bheil duine ann a tha dà bhonn 50sg aige?*; *nach ise an tè a bhruidhinn thu rithe an-dè?*; *'s ann a bha mi a' bruidhinn ris an tè a tha falt ruadh oirre*; *an do sgrìobh thu chun na buidhne a bhuineas tu dhi?*; *choinnich mi ris an dithis a tha an taigh ud leotha*; *an e siud an sgìre a thàinig iad aiste?*<sup>17</sup>

### §206 Clàsan dàimheach ginideach

#### §206 (i) Dìreach

Ann an clàsan dàimheach ginideach dìreach, bidh an riochdair dàimheach ann an dàimh dìreach ris an ro-theachdaire – a' cleachdadh an riochdair dhàimhich bhunasaich *a<sup>dh</sup>* – agus thèid an dàimh ginideach a chur an cèill le riochdair seilbheach §190 (no le abairt sheilbhich) anns a' chlàs dhàimheach a bhios a' riochdachadh an ro-theachdaire: *na bràithrean a bhruidhinn mi ri am màthair*, far am bi *am* (3s iol.) a' riochdachadh *na bràithrean*; *siud an duine a bha a mhac san arm*; *sin am boireannach a dh'aithnichinn a piuthar uair*; *an robh thu a' bruidhinn ris a' bhalach a chaidh an càr aige air chall?*

#### §206 (ii) Neo-dhìreach

Thèid clàsan dàimheach ginideach neo-dhìreach a chur an cèill air an aon dòigh, ach còmhla ri roimhear sa chlàs dhàimhich: *siud am balach a bha sinn a' cluiche leis a' bhall aige*; *leag iad a' chraobh a rinn sinn an silidh le a meas an-uiridh*.

17. Air uairean, gheibhear cruth treas-pearsa singilte fireann an riochdair roimhearail a dh'aindeoin gnè agus uimhir an ro-theachdaire, m.e. *na craobhan a thàinig na cnothan seo bhuaithe* (seach an treas pearsa iolra, *bhuapa*).

**§207 Rìochdairean sònrachaidh: mìneachadh**

Bidh an rìochdair sònrachaidh a' comharradh duine no nì àraidh, m.e. *am fear seo, seach am fear sin*.

**§208 Rìochdairean sònrachaidh**

§208 (i) Cruth is brìgh

NEO-EISIMEILEACH	EISIMEILEACH	BRÌGH
<i>seo</i>	<i>seo, sa</i>	'a-bhos; nas fhaisge'
<i>sin</i>	<i>sin</i>	'thall; nas fhaide air falbh'
<i>siud</i>	<i>ud</i>	'nas fhaide air falbh a-rithist; air a ràdh'

§208 (ii) Cruth neo-bheumte

Tha *sa* na chruth neo-bheumte: *am faca tu an leabhar sa?*

§208 (iii) Brìgh ro-sheallaidh

Faodaidh *siud*; *ud* tarraing air rud air an deach iomradh na bu tràithe ann an seagh ro-sheallaidh: *a bheil cuimhne agad air a' phrògram teilidh ud a chunnaic sinn Diluain?*

**§209 Rìochdairean sònrachaidh: cleachdadh neo-eisimeileach**

Cleachdar na rìochdairean sònrachaidh *seo*; *sin*; *siud* gu neo-eisimeileach mar chùisear no mar chuspair: *tha seo math; an do rinn thu sin mar a dh'iarr mi ort?; am faca tu siud?*; no mar phàirt de choileanadh a' ghnìomhair IS §307 (i) (c): '*e sin an dearbh rud a bha mi ag iarraidh*.

**§210 Rìochdairean sònrachaidh: cleachdadh co-ghnìomhaireil**

§210 (i) Le rìochdairean pearsanta agus roimhearail

Cleachdar rìochdairean sònrachaidh gus rìochdairean pearsanta agus rìochdairean roimhearail a leasachadh, mar a leanas:

§210 (i) (a) A' leantainn nan rìochdairean pearsanta *e*; *i*; *iad* §186 san t-seagh 'am fear seo; an tè seo; an fheadhainn seo' 7c: *thàinig iad seo gu crìch*;<sup>18</sup>

§210 (i) (b) Agus a' leantainn cruthan treas-pearsa singilte agus iolra nan rìochdairean roimhearail §239: *chan e stuth a ghabhas ithe a th' annta seo*.

18. Cleachdar *e seo* mar as trice an-diugh – seach *e seo*; *i seo*; no *iad seo*, a rèir co-theags – mar aonad fàisneach an dèidh a' ghnìomhair IS §307 (i) (c).

§210 (ii) *an seo; an siud; an siud*

Gus a bhith a' cur an cèill 'anns an àite seo' 7c, cleachdar na co-ghnìomhairean a leanas:

*an seo; ann an seo*

*an sin; ann an sin; ann an sineach*

*an siud; ann an siud; ann an siudach*

M.e. *an robh Calum an sin?; is toigh leam an cofaidh a th' aca an seo; tha cus mheanbh-chuileagan ann an seo*. Gheibhear na cruthan *ann an sheo; ann an shin(each); ann an shiud(ach)* cuideachd.<sup>19</sup>

## §210 (iii) Le roimhearan

Gheibhear atharrachadh chleachdadh nuair a thèid riochdair sònrachaidh a chleachdadh an dèidh cho-ghnìomhairean roimhearail:

§210 (iii) (a) Cleachdar an treas pearsa fireann den roimhear, .i. cruth co-ghnìomhaireil an roimheir (.i. an cruth 3s pearsa f.): *dè chaidh a dhèanamh roimhe seo?*; no

§210 (iii) (b) Cha chleachdar ach an roimhear bunasach fhèin: *dè chaidh a dhèanamh ro seo?*; no

§210 (iii) (c) Cleachdar coltas a' chrutha a bhios aig roimhear ron alt: *dè chaidh a dhèanamh ron a seo?*

19. Gabhaidh an eileamaid *an* ath-dhùblachadh (*ann an*) agus gabhaidh an riochdair *seo* 7c sèimheachadh gun atharrachadh brìghe, ged a nì Lamb (2002, 35; le fiaradh a dh'ionnsaigh Gàidhlig Uibhist a Tuath) sgaradh eadar *an sin* (le gluasad) agus *an shin* (gun ghluasad) 7c. Tha SG *in so/in se* 7c (< an t-alt + mìr sònrachaidh; Thurneysen 1975, 299–304) air a dhol na *an seo* 7c san nua-chànan, ach 's ann ainneamh a thèid an *n* ron s fhuaimneachadh. A' mothachadh nach cleachdar an gnìomhair BI §296 le coileanadh ainneamrach no riochdaireil, ainmichidh Gillies (1993, 210–11) mura-bhithean beaga, m.e. *tha thu (gu) trang* (faic §296 (iii)) agus *tha mi sin*. Is math dh'fhaodte gum b' fheàrr dèiligeadh ris an eisimpleir mu dheireadh a tha seo mar ghiorrachadh air *tha mi an sin*, coim. 'Ò, Aonghais, Aonghais,' *ars ise, le guth briste, 'nam biodh fios agam gun robh thu beò, slàn agus toilichte, chuirinn suas le cridhe math leis gach trioblaid— 'Tha e sin cho beò, slàn, uallach agus a-nis cho toilichte ris an rìgh!*' arsa guth air a beulaibh (≈Mac-Talla X, àir. 15, 105); 'Tha balach tapaidh an siud agaibh,' arsa am maighstir-sgoile ri Màiri, bantrach Alasdair, aon latha Sàbaid is iad a' tighinn dhachaigh às an eaglais, 'na bith [= ge be air bith §228] càit an d' fhuair sibh e.' 'Tha e sin,' fhreagair Màiri. 'Cha dèanadh mac na b' fheàrr.' (≈Grannd 1971, 39).

ROIMHEAR

CLEACHDADH CO-GHNÌOMHAIREIL LE *SEO*; *SIN*; *SIUD*

	An co-ghnìomhair + <i>seo</i> 7c	An roimhear + <i>seo</i> 7c	Cruth an roimheir ron alt + <i>a seo</i> 7c
<i>à(s)</i>	<i>às seo</i>	<i>à seo</i>	<i>às a seo</i>
<i>aig</i>	<i>aige seo</i>	<i>aig seo</i>	<i>aig a seo</i>
<i>air</i>	<i>air seo</i>	<i>air seo</i>	<i>air a seo</i>
<i>(bh)o<sup>s</sup></i>	<i>(bh)uaithe seo</i>	<i>(bh)o seo</i>	<i>(bh)on a seo</i>
<i>de<sup>dh</sup></i>	<i>dheth seo</i>	<i>d(h)e seo</i>	<i>d(h)en a seo</i>
<i>do<sup>dh</sup></i>	<i>dha seo</i>	<i>do seo, a seo</i>	<i>dhan a seo</i>
<i>fo<sup>s</sup></i>	<i>fodha seo</i>	<i>fo seo</i>	<i>fon a seo</i>
<i>gu(s)</i>	<i>thuige seo</i>	<i>gu seo</i>	{ <i>gus a seo,</i> <i>chun a seo,</i> <i>gun a seo</i>
<i>le</i>	<i>leis seo</i>	<i>le seo</i>	<i>leis a seo</i>
<i>mu<sup>s</sup></i>	<i>uime seo</i>	<i>mu seo</i>	<i>mun a seo</i>
<i>ri</i>	<i>ris seo</i>	<i>ri seo</i>	<i>ris a seo</i>
<i>ro<sup>s</sup></i>	<i>roimhe seo</i>	<i>ro seo</i>	<i>ron a seo</i>
<i>tro<sup>s</sup></i>	<i>troimhe seo</i>	<i>tro seo</i>	<i>tron a seo</i>

§210 (iv) Le roimhearan fillte co-ghnìomhaireach

Le roimhear fillte co-ghnìomhaireach, gheibhear an t-aon raon de structaran: *timcheall air seo*; *timcheall air a seo*; *còmhla ris seo*; *còmhla ri seo*; *còmhla ris a seo*.

§210 (v) Le roimhearan eile

Leis an dà chuid roimhearan sìmplidh agus roimhearan fillte ainmearach eile, cha chleachdar ach *seo*; *sin*; *siud*, m.e. *gun seo*; *seach seo*; *eadar seo agus sin*; *mar seo*; *gu ruige seo*; *an lùib seo*; *ri taobh seo*.

§210 (vi) Le co-ghnìomhairean

Cleachdar *an seo*; *an sin*; *an siud* – no *ann an seo* 7c – an dèidh a' cho-ghnìomhair, m.e. *a-bhos an seo*; *thall an seo*; *a-null an seo*; *a-nall an seo*; *suas an seo*; *shuas an seo*; *a-nuas an seo*; *sìos an seo*; *shìos an seo*; *a-nìos an seo*; *a-muigh an seo*; *a-staigh an seo*. Le *an* air a theasgadh: *a-bhos seo*; *a-muigh seo*; *a-staigh seo*.

## §211 Riochdairean sònrachaidh: cleachdadh eisimeileach

### §211 (i) Co-rèir

§211 (i) (a) Thig an riochdair sònrachaidh eisimeileach an dèidh an ainmeir a bhios e a' comharradh: *an leabhar seo; an t-seachdain sa chaidh*<sup>20</sup>; *an duine sin; a' chraobh ud.*

§211 (i) (b) Cleachdar riochdairean sònrachaidh eisimeileach le ainmear deimhinnte a-mhàin: *air an latha seo; an t-Urramach MacLeòid sin; 's e duine laghach a tha ann an Calum ud.*

§211 (i) (c) Cha ghabh na riochdairean sònrachaidh eisimeileach sèimheachadh no mùthadh, ge be dè gnè no tuiseal an ainmeir: *am balach seo; a' chaileag seo.*

### §211 (ii) Sìneadh

Cleachdar clàs dàimheach bunasach agus riochdair sònrachaidh ann an cruth co-ghnìomhair gus sìneadh a chur air a' cheann-fhacal<sup>21</sup>: *chuir iad coinneamh mhòr air dhòigh gus an iomairt a bha (an) seo a chur air bhonn; a bheil cuimhne agad air an latha a bha (an) siud?; tha luchd na grèine a tha (an) seo uile air an tràigh an-diugh.*

## §212 Abairtean riochdaireil

Cleachdar corra fhacal no abairt air dhòigh riochdaireil:

### §213 *air bith*

Abairt roimhearail. Cleachdar an cruth do-mhùthaidh *air bith* 'anns a' bhith, anns an t-saoghal' san t-seagh 'gun a shònrachadh', m.e. *gun teagamh air bith*; coim. *sam bith* §231.

### §214 *air choreigin*

Abairt riochdaireil aig a bheil a' bhrìgh 'no fear/tè eile' (*air*<sup>S</sup> §347 (i) (d) + *cor* 'modh, dòigh' + *~eigin* §223): *latha air choreigin; duine air choreigin.*

### §215 *aon, a h-aon, aonan*

Gus a bhith a' bruidhinn air aon nì no duine, cleachdar na riochdairean àireamhail *aon* no *a h-aon* no *aonan* §143 (i), a rèir dualchainnt; mar sin, is ionann *chan eil aon agam; chan eil a h-aon agam; agus chan eil aonan agam.*

20. .i. an t-seachdain sa a chaidh seachad.

21. Is dòcha gun do dh'èirich an cleachdadh seo à rosgrannan iomchuir §308.

## §216 aonar

'S ann à *aon* + *fhear* 'aon duine' a tha an t-ainmear fireann *aonar* bho thùs, ach tha e air a chuingealachadh an-diugh ris an abairt sam bi an roimhear *an*<sup>m</sup> + riochdair seilbheach + *aonar* a' nochdadh le chèile, m.e. *nam aonar* 'leam fhèin', *nad aonar* 'leat fhèin' 7c.

## §217 càch

Cleachdar an riochdair do-mhùthaidh *càch* 'gach duine eile, na daoine eile' (SG *càch*) gun an t-alt, ged a tha am facal deimhinnte a thaobh brìghe: *chan fhaca mi càch*, *ged a chuala mi iad*; *dh'ìarr iad air càch-a-chèile a dhèanamh*. San tuiseal ghinideach, thèid am facal a shèimheachadh – agus coltas ainmeir ghinidich iolra neo-dheimhinnt air – agus a mhùthadh, m.e. *chaidh sinn air tòir chàich*.

## §218 càil; dad; sgath; sion

Cleachdar *càil* b.; *dad* f.; *sgath* f.; *sion* f. 'rud' mar as trice ann an clàsan ceisteach no àicheil no cumhach, m.e. *a bheil càil a dh'fheum ann?*; *cha robh dad a dh'fhios aice*; *cha robh sgath den chèic air fhàgail*; *chan eil sgath obrach an àite sam bith an-diugh*; *mur eil sion ann*. Thèid an cleachdadh le *gach* ro-shuidhichte §227: *dh'fheuch sinn gach càil a bha a' dol*.<sup>22</sup>

## §219 cèile

Thèid *cèile* b. 'seise' a chleachdadh le riochdair seilbheach do-mhùthaidh §192 (xiii) an dèidh roimhearan: *bha iad a' bruidhinn ri (a) chèile*; *thuit iad às a chèile*; *air a chèile*; *bho (a) chèile*; *troimh-a-chèile*<sup>23</sup>; *preusantan dha chèile*; *an dèidh a chèile*; *gu ruige a chèile*.

## §220 ceudna

Buadhair is ainmear fireann, b' e *cétnae* am buadhair àbhaisteach san t-Sean Ghàidhlig airson 'ciad' §155, b-n 30, ach tha e againn an-diugh sa chruth *ceudna* 'aon', m.e. *an rud ceudna*; *a leithid cheudna* 'an t-aon rud'. Bha am facal na ainmear cuideachd, agus tha an abairt Nua-Ghàidhlig *mar an ceudna* 'air an aon dòigh, cuideachd', mar eisimpleir, cumanta fhathast. Tha *ceudna* air a dhol na *ceudna* no *ceunna* ann an corra dhualchainnt.

22. Lorgar corra fhacal anns gach sgìre, m.e. ainmichear *rud* (*sam bith*); *dad* (*sam bith*); *nì*; *nìthinn* [i. *nichean*]; *sion*; *steama*; *càil*; *a bheag*; *heat* 7c airson Gheàrrloch (Wentworth 2003, s.v. *anything*; *nothing*). Am measg na fhuair *LASID* IV bho a luchd-fiosrachaidh (m.e. App. I, A-299 agus B-935, 965, 1008, 1040), tha (Arainn) *aon nì*; *nì* (*sam bith*); (Cinn Tìre) *nì sam bith*; *rud sam bith*; (Meadhan Earra-Ghàidheal) *nì sam bith*; (Beinn na Fadhla) *sion*; *dad*; (Leòdhas) *rud sam bith*; *dad*; *càil*; (Ros an Iar) *rud sam bith*; *nichean*; agus clàraichear *sgath* ann an Uibhist a Deas (McDonald 1972, 212).

23. i. *troimh a chèile*, a' cleachdadh cruth tùsail an roimheir §377, b-n 109.

§221 *cuid*

Cleachdar *cuid* b. san t-seagh ‘feadhainn’: *tha cuid a’ leughadh agus cuid nan cadal; a’ chuid as motha*; agus, air a leantainn leis an tuiseal ghinideach, san t-seagh ‘pearsanta’ mu rudan a bhuineas do chuideigin no do rudeigin, m.e. *tha do chuid Gearmailtis a’ tighinn air adhart; mo chuid chloinne; bha a chuid aodaich bog fliuch; a cuid dhaoine*. Coim. §225.

Airson aon *chuid* ... no §338 (ii) (a), an dà *chuid* ... agus §338 (i) (a).

§222 *duine*

A thuilleadh air a’ bhrìgh ‘fear’, thèid *duine* f. a chleachdadh air neach gun iomradh air gnè: *cha robh sgeul air duine; a bheil duine ann?*

§223 *-eigin*

Iar-leasachan do-mhùthaidh air a chleachdadh gu tric san t-seagh ‘de sheòrsa neo-àraidh’, m.e. *rudeigin; duineigin; latheigin; an àiteigin; uaireigin: uair no uaireigin; air choreigin* §214; *cuideigin*<sup>24</sup> (à *cuid* §221); *bha mòran sheòrsaichean thannasg ann, feadhainn a chìte, agus feadhainn a bha toirt robhas (rabhas) le fuaimean, solais agus ri dol fo ghiùlan*<sup>25</sup>: ‘s e sin, *duine* air a ghlacadh is air a thoirt air falbh am measg sluaigh, ag adhlacadh *chuideigin* a bha fhathast beò (≈Caimbeul 1973, 37).

§224 *eile*

A thuilleadh air a dhreuchd mar bhuidhean do-mhùthaidh san t-seagh ‘a bharrachd’ a’ comharradh ainmearan (m.e. *thoir dhomh an fheadhainn eile!*), cleachdar *eile* le riochdairean ceisteach (*cò eile a bha a-staigh?*) agus mar riochdair air a cheann fhèin an dèidh nan naisgearan co-òrdanachaidh *agus; no*, m.e. *Facebook, Twitter no eile*.

§225 *fear; tè; feadhainn*

Cleachdar *fear* f.; *tè* b.; agus *feadhainn* b. an àite *aon* 7c §215 a rèir gnè agus uimhir na tha ga riochdachadh: *tha an t-each seo slaodach, ach tha am fear eile às gaidh; a bheil thu ag iarraidh an fhir mhòir no an fhir bhig?; buannaichidh sinn rudeigin ann an tè de na farpaisean seo; tè bhàn, tè bhan, tè bhuidhe bhàn, tè bhàn*<sup>26</sup> a rinn mo bhuaireadh (≈Mac a’ Ghobhainn 1982, 161); *dh’fhairich mi gu làidir gun robh an aon fhuil na mo chridhe fhìn agus cridhe na tè seo a bha an impis a dhol seachad orm* (Moireach 2004, 23); ‘s iad *an fheadhainn as lugha*

24. Air uairean, *cuideigineach*.

25. Coim. *tachraidh air fear astair, fo chial, dubh cheathach nan sliabh air Lèna, mun taibhse fo ghiùlan a’ triall, mu lochan nan liath-chuic ag èirigh* (Dana 1818, 250.190–93).

26. i. an tè bhàn 7c.

de na siùcaran sin as fheàrr leam; feumaidh an riaghaltas aideachadh an ùine ghoirid nach e a-mhàin gu bheil na Gàidheil a' saothrachadh a chum am math fhèin, ach gu bheil iad ga dhèanamh a chum math **na feadhna** nach eil nan Gàidheil idir (≈Grannd 1971, 60).

Airson structaran le *air fear* 7c, faic §346 (viii) (b).

§226 *fèin*<sup>27</sup>

Riochdair do-mhùthaidh aig a bheil dreuchd ath-fhillteach no teannachaidh a chleachdar le riochdairean pearsanta §186, riochdairean roimhearail §239 agus ainmearan, m.e. *mi fhìn is tu fhèin; tapadh leibh fhèin!; innis dhomh mu do dheidhinn fhèin!; ruithidh an taigeis fhèin le bruthaich.*

	RIOCHDAIR PEARSANTA	RIOCHDAIR SEILBHEACH	RIOCHDAIR ROIMHEARAIL	AINMEAR
SING.				
1.	{ <i>mi fhìn †</i> <i>mi fhèin</i>	<i>m' athair fhìn</i> <i>m' athair fhèin</i>	<i>agam fhìn</i> <i>agam fhèin</i>	
2.	<i>thu fhèin</i>	<i>d' athair fhèin</i>	<i>agad fhèin</i>	
3. f.	<i>e fhèin</i>	<i>athair fhèin</i>	<i>aige fhèin</i>	
3. b.	{ <i>i fhìn †</i> <i>i fhèin</i>	<i>a h-athair fhèin</i>	<i>aice fhèin</i>	<i>am mac fhèin</i>
IOL.				
1.	{ <i>sinn fhìn †</i> <i>sinn fhèin</i>	<i>ar n-athair fhìn</i> <i>ar n-athair fhèin</i>	<i>againn fhìn</i> <i>againn fhèin</i>	
2.	{ <i>sibh fèin,</i> <i>sibh fhèin,</i> <i>sib' fhèin</i>	<i>ur n-athair fhèin</i>	<i>agaibh fèin</i> <i>agaibh fhèin</i> <i>agaib' fhèin</i>	
3.	<i>iad fhèin</i>	<i>an athair fhèin</i>	<i>aca fhèin</i>	

†Cleachdar *fhìn* gu tric an àite *fhèin* air adhbharan co-sheirm fuaimreagaich.

27. Ged as *e fèin* cruth tùsail an fhacail, 's ann ainneamh nach fhaighear *fhèin* [hě:n] an-diugh §23 (ii) (c). An dèidh *sibh* agus a shìl, a thuilleadh air a' chruth àbhaisteachaidh (*sibh fhèin*), thèid sèimheachadh a bhacadh (*sibh fèin*) §45 (i) (1) (α), air neo thèid *bh* [v] a dhì-shèimheachadh ro *fh* [h] (> *sib' fhèin*). Mar ro-leasachan, m.e. ann am *fèin-eachdraidh*, faic §394.

§227 *gach*

§227 (i) Co-rèir

Cleachdar am buadhair riochdaireil *gach* san t-seagh 'a h-uile cuid à dhà no barrachd de rudan, dhaoine 7c' ro ainmear singilte: *nuair a bhruidhneas tu ris gach duine*<sup>28</sup>; *aig deireadh gach seachdain*; *dh'fheuch sinn gach càil a bha a' dol*.

§227 (ii) *gach uile*<sup>s</sup>

Cuiridh an abairt *gach uile*<sup>s</sup> sìneadh air an t-seagh seo shuas: *leis gach uile dhòchas*; *ris gach uile dhuine*; *gach uile latha*.

§228 *ge be agus a shìol*

§228 (i) Cleachdadh

Cleachdar an abairt riochdaireil *ge be* agus riochdair no co-ghnìomhair ceisteach §234 san t-seagh 'chan eil e gu diofar cò, dè, cuin' 7c, m.e. *ge be cuin a thig iad, bidh iad ann*.

§228 (ii) *sam bith; air bith*

Cuiridh *sam bith* §231 no *air bith* §213 sìneadh ris an abairt *ge be*, m.e. *ge be air bith càite a bheil e, gheibh sinn lorg air*.

§228 (iii) Cruthan dualchainnteach

Tha na h-abairtean *ge be air bith*, *ge be sam bith* air a dhol nan cruthan àraidh ann an corra dhualchainnt, m.e. *ge brith cuin a thig iad, bidh iad ann; às bith càite a bheil e, gheibh sinn lorg air*.

§228 (iv) Cleachdadh eachdraidheil

Ann an sgrìobhaidhean nas sine, chithear cruthan gun riochdair ceisteach, m.e. *ge be uair a thig iad, bidh iad ann; ge be àite a bheil e, gheibh sinn lorg air*.<sup>29</sup>

28. Tha *gach* (SG *cech*, *cach*) na chruth neo-bheumte aig *càch* (SG *cách*), shuas. Mar as trice, cleachdar s-chruthan nan roimhearan à(s) §350 (vii), *an*<sup>m</sup> §349 (viii), *le* §362 (vii) agus *ri* §368 (vii) ro *gach* (.i. *anns gach beinn; às gach taigh; leis gach dòchas; ris gach duine*).

29. Bha aig SG *cía* 'cò' an dà chuid cruth beumte: SG *cía*, *cá* > GA *cía*, *cò* §234 (ii) (a); agus cruth lag-bheumte: SG *ce* > GA *ge* §334 (vi) (b), b-n 8. Chleachdte na dhà seo gu tric, agus fiù 's an cruth neodrach *cìod*, *le air bith* §213, *sam bith* §231, m.e. *cò sam bith a chaitheas a bheatha gu diadhaidh* (≈CofE 1794, 392); *a bhith beò ann an taigh ge air bith cho mòr 's a bhithheadh e* (≈Mackenzie 1838, 67); *cìod air bith a dh'èireas dhut* (≈An Gaidheal I, 232). Chleachdte *ge* le riochd eisimeileach fo-leantach làthaireach a' ghniomhair *BI* (SG *ce-bé*) mar an ceudna (le no às aonais *air bith*, *sam bith*): *ge be air bith cho math 's a leughadh iad i* (An Gaidheal I, 296). 'S e an t-ath leasachadh gun do thòisicheadh air riochdair ceisteach a chleachdadh cuide ri *ge be*: *ge be cuin a thig iad; ge be càite a bheil e*. San eadar-àm, chaidh an abairt naisgeach *ge be* a cho-mheasgachadh ri *sam bith*, *air bith* ann an corra dhualchainnt, m.e. *ge brith cuin a thig iad; às bith càite a bheil e*; airson na *bith càit an d'fhuair sibh e*, faic §210 (ii), b-n 19.

DUALCHASACH

NAS ÙIRE

Cò: <i>ge be duine dhan tug thu iad</i>	{	<i>ge be cò dha a thug thu iad;</i> <i>ge brith cò dha a thug thu iad;</i> <i>às bith cò dha a thug thu iad</i>
Dè: <i>ge be rud a chuir an seo iad</i>	{	<i>ge be dè an rud a chuir an seo iad;</i> <i>ge brith dè an rud a chuir an seo iad;</i> <i>às bith dè an rud a chuir an seo iad</i>
Càite: <i>ge be àite a bheil iad</i>	{	<i>ge be càite a bheil iad;</i> <i>ge brith càite a bheil iad;</i> <i>às bith càite a bheil iad</i>
Cuìn: <i>ge be uair a thòisich iad</i>	{	<i>ge be cuìn a thòisich iad;</i> <i>ge brith cuìn a thòisich iad;</i> <i>às bith cuìn a thòisich iad</i>
Ciamar: <i>ge be dòigh air an dèante e,</i> <i>ge be mar a dhèante e</i>	{	<i>ge be ciamar a dhèante e;</i> <i>ge brith ciamar a dhèante e;</i> <i>às bith ciamar a dhèante e</i>
Dè na/Cò mheud/Cia mheud: <i>ge be meud an uisge a bhios ann</i> <i>ge be àireamh nan daoine a bhios ann</i>	{	<i>ge be dè na bhios ann de dh'uisge;</i> <i>ge be cò mheud duine a bhios ann;</i> <i>ge brith dè na bhios ann de dh'uisge;</i> <i>ge brith cò mheud duine a bhios ann;</i> <i>às bith dè na bhios ann de dh'uisge;</i> <i>às bith cò mheud duine a bhios ann</i>
Dè cho: <i>ge be cho mòr 's a bhios e</i>	{	<i>ge be dè cho mòr 's a bhios e;</i> <i>ge brith dè cho mòr 's a bhios e;</i> <i>às bith dè cho mòr 's a bhios e</i>

§229 *gin*

Cleachdar *gin* b. 'duine no rud neo-àraidh' mar as trice ann an clàsan ceisteach no àicheil no cumhach, m.e. *a bheil gin ann?*; le *de*<sup>dh</sup>: *cha robh gin a chloinn aca.*

§230 *leithid*

Ainmear boireann a' ciallachadh 'seòrsa, seise' air a chleachdadh le riochdair seilbheach do-mhùthaidh agus brìgh ro-thillidh aige, coim. §192 (xiii): *chan fhaca mi a leithid seo de dhuine a-riamh; bha e na leithid de dh'àite; a leithid eile; a leithid cheudna dhut fhèin* 'an t-aon rud dhut fhèin'.

§231 *sam bith*

'S e cruth do-mhùthaidh a th' anns an abairt roimhearail *sam bith*, a' ciallachadh 'anns a' bhith, anns an t-saoghal', san t-seagh 'gun a shònrachadh'; abairt àrsaidh bho ron 16mh linn, mus d' fhuair sèimheachadh làmh an uachdair air dùbhradh

ann an Gàidhlig na h-Albann (iom-sgaraich GA *air a' bhàta* agus GE *ar an mbád*, ach *ar an bhád* ann an Gàidhlig Uladh – Colm Ó Baoill, conaltradh pearsanta), m.e. *duine sam bith; latha sam bith*; coim. *air bith* §213.

### §232 *seo; sin; siud*

Thèid na riochdairean sònrachaidh neo-eisimeileach *seo; sin; siud* §210 a chleachdadh gus riochdairean a shìneadh:

#### §232 (i) Riochdairean pearsanta

Le riochdair pearsanta treas-pearsa §186, m.e. *thèid e sin a dholaidh; tha iad siud a' togail taigh-geal agus leagaidh iad an sabhal* (Dòmhnallach 2001, 35).

#### §232 (ii) Riochdairean roimhearail

Cruthan treas-pearsa nan riochdairean roimhearail §239: *chan eil annta seo ach faoineas; falbh a-mach cuide riutha siud!* (≈An Gaidheal IV, 360).

#### §232 (iii) Riochdairean seilbheach

M.e. *ma bheir sibh a uiread siud de dh'fhuil air m' athair-sa* (≈An Gaidheal LI, àir. 3, 29); *bha iomadh deasbad theth mu thimcheall cò bu chòir a leithid siud no a leithid seo de dh'eaglais fhaighinn* (≈MacGilliosa 1981, 88); *cha d'fhuair i a-riamh roimhe a leithid siud de onair* (≈Macleòid 1932, 76); *a uiread siud air luchd-feannaidh nan Gàidheal* (≈Bratach na Firinn II, 115); *ann an eileanan mar seo nuair a dh'fhalbhas a uiread siud de dhaoine à aon obair tha e a' dol a dhèanamh diofar mòr dha na h-eileanan a tha seo* (≈Naidheachdan 16/6/2009).

### §233 *uile*

Nochdaidh am facal do-mhùthaidh *uile* ann an corra dhreuchd:

#### §233 (i) Na ainmear

Bidh e na ainmear fireann iolra san t-seagh 'gach duine, gach rud; an t-ìomlan', aon chuid le alt iolra no le riochdair seilbheach: *bha na h-uile ann; os cionn nan uile; bheir mi dhut m' uile*.

#### §233 (ii) Na bhuaidhair iar-shuidhichte

Bidh *uile* na bhuaidhair càileach iar-shuidhichte san t-seagh 'gach; gu lèir, air fad', an dèidh ainmearan: *na daoine uile; na beathaichean uile; an dùthaich uile; clàrsach a tha a teudan uile air ghleus*; an dèidh riochdairean pearsanta: *sinn uile; iad uile*; an dèidh riochdairean roimhearail: *bha againn uile ri tighinn gu co-dhùnadh*; an dèidh riochdairean sònrachaidh: *seo uile; mar sin uile*; agus an dèidh riochdairean ceisteach §234: *dè uile a tha a dhìth ort?* Thig am buaidhair *uile* an dèidh bhuaidhairean sam bith eile a bhios a' comharradh a ainmeir: *is caomh leam an fheadhainn bhàn seo uile; tha na daoine san taigh ud uile eòlach orm*.

§233 (iii) Na bhuaidhair ro-shuidhichte

Bidh *uile* na bhuaidhair càileach ro ainmear singilte

§233 (iii) (a) San t-seagh ‘gach’

§233 (iii) (a) (α) Le *a*<sup>h</sup> ro-shuidhichte, m.e. *a h-uile duine*; *a h-uile latha*; le analachadh deiridh ion-teasgaidh: *a h-uile (h-)àite*; *a h-uile (h-)oidhche*<sup>30</sup>.

§233 (iii) (a) (β) Leis an alt: (gin.) *crìoch nan uile shaoghal*<sup>31</sup>.

§233 (iii) (a) (γ) An dèidh *gach* §227, le brìgh shìnte agus a’ sèimheachadh ainmear a leanas: *leis gach uile dhòchas*; *ris gach uile dhuine*; *gach uile latha*.

§233 (iii) (b) San t-seagh ‘slàn’, le riochdair seilbheach: *lem uile chridhe*.

§233 (iv) Na cho-ghnìomhair

§233 (iv) (a) San abairt *uile-gu-lèir*

§233 (iv) (a) (α) Air a ceann fhèin, san t-seagh ‘air fad, gu buileach’: *a bheil e ann uile-gu-lèir?*

§233 (iv) (a) (β) No a’ comharradh buadhair, san t-seagh ‘glè’ §427 (ii) (a): *tha na dealbhan uile-gu-lèir àlainn*; *uile-gu-lèir freagarrach*.

§233 (iv) (b) A’ comharradh ainmear, buadhair no gnìomhair ann an cruth ro-leasachain §419, san t-seagh ‘gu lèir, air fad, gu buileach’, m.e. *tha e uile-choltach gur h-e sin an fhìrinn*; *uile-chumhachdach*.

## §234 Riochdairean ceisteach: mìneachadh agus seòrsa

§234 (i) Dreuchd

Cleachdar RIOCHDAIR CEISTEACH gus ceist a chur: *dè an uair a tha e?*

§234 (ii) Seòrsa

Tha dà riochdair cheisteach ann, *cò* (§228 (iv), b-n 29) agus *dè* (§237 (i), b-n 34):

§234 (ii) (a) Cleachdar *cò* gus daoine a riochdachadh mar as trice: *cò an duine a bha sin?*; ach air uairean rudan neo-dhaonna, a rèir dualchainnt: *cò am baile às a bheil thu?*

30. A thaobh tùs a’ chruth *a h-uile* (< *gach uile*), faic Ó Maolalaigh 2013.

31. Lorgar ann an sgrìobhaidhean nas sine *na h-uile* air a chleachdadh ro ainmear singilte no iolra (le no às aonais sèimheachaidh san ainmear) san aon seagh: *na h-uile duine*; *anns na h-uile àite*; *air na h-uile dòigh*; *ris na h-uile dhaoine*; *maille ris na h-uile eòin*.

§234 (ii) (b) Cleachdar *dè* gus rudan neo-dhaonna a riochdachadh: *dè an càr a bha sin?*; *dè an seòrsa duine a th' ann?*

§234 (ii) (c) Ach, an co-bhuinn ri roimhear, thèid *cò* a chleachdadh mu rudan daonna agus neo-dhaonna, m.e. *cò ris a bha thu ag èisteachd?* *bha ris an rèidio.*

### §235 Riochdairean ceisteach: cleachdadh

§235 (i) Ceistean dìreach ~ ceistean neo-dhireach

Thèid *cò* agus *dè* a chleachdadh an dà chuid ann an ceistean dìreach: *cò tha (an) seo?*; *dè bha (an) siud?*; *cò thu?*; agus ann an ceistean neo-dhireach: *chan eil fhios agam cò tha (an) seo?*; *cha tuirt e dè bh' ann.*

§235 (ii) Leis a' ghnìomhair *IS*

Gabhaidh na cruthan *cò* agus *dè* a-steach brìgh tràth làthaireach a' ghnìomhair *IS* §304 (ix): *cò Seumas?*; *cò ise?* Iom-sgaraich, san tràth chaithte, *cò bu tusa?*

§235 (iii) Co-rèir

§235 (iii) (a) Cleachdar *cò* agus *dè* le ainmear (no riochdair) deimhinnte: *dè an rud?*; *cò an duine?*; *cò Màiri?*; *cò thu?*; *cò eile a bha a' tighinn?*; *dè uile a bha thu ag iarraidh?*

§235 (iii) (b) No thèid an leantainn le clàs dàimheach §203: *dè a tha (an) sin?*; *cò a bhios a' bruidhinn?*; *cò nach robh ann?*

### §236 *cò* agus a shìol

§236 (i) Le riochdairean roimhearail

Cleachdar *cò* gu h-eisimeileach le riochdair roimhearail: *cò air a tha falt ruadh?*; *cò thuige a chuir thu an litir ud?*; *cò ris a bha i a' bruidhinn?*; *cò ris nach còrdadh an leabhar seo?*; *cò dheth a tha am pìos seo?*; *bha mi a' faighneachd cò dhiubh as fheàrr leat?*; *cò dha a bhuineas e?*; *cò leis a tha an ad seo?*; *cò leis nach bu mhiann a bhith a' fuireach an seo?*; *a bheil fhios agad cò às a tha iad?*; *cò fodha a bha iad am falach?*; *cha robh mi a' tuigsinn cò uime a bha an sgeulachd?*; *cò bhuaithe a fhuair thu am preusant seo?*; *nach innis thu dhomh cò ann a chreideas tu?*; *cò aige a tha peann dearg?*; *cò againn nach tèid ann?*; *cò aca as urrainn dhut a dhèanamh?*

§236 (ii) Cleachdadh eisimeileach

Cleachdar *cò* gu h-eisimeileach am broinn cho-ghnìomhairean ceisteach:

§236 (ii) (a) Air an leantainn le clàs dàimheach bunasach §203: *cò mheud, cia mheud* ‘dè am meud, dè an àireamh’ §202 (ii) (a), b-n 16: *cò mheud latha a tha san t-seachdain?*; *chan eil fhios agam cò mheud a bh’ ann*; *ciamar* ‘dè an dòigh, cionnas; carson’: *ciamar a tha thu?*; *innis dhomh ciamar a rinn thu e!*; *carson* ‘dè an t-adhbhar’: *carson nach eil an t-uisge teth?*; *cionnas* ‘ciamar’: *cionnas a bhios an t-inneal seo ag obrachadh?*<sup>32</sup>

§236 (ii) (b) Air an leantainn le clàs dàimheach claon §204: *càit(e)*<sup>33</sup> ‘dè an t-àite’: *càit a bheil mo speuclairean?*; *chan eil mi a’ tuigsinn càit an deach e.*

### §237 *dè* agus a shìol

#### §237 (i) *gu dè*

An àite *dè*, cluinnear *gu dè* air uairean: *gu dè a bha (an) siud?*<sup>34</sup>

#### §237 (ii) Cleachdadh eisimeileach

Cleachdar *dè* gu neo-eisimeileach am broinn cho-ghnìomhairean ceisteach: (air an leantainn le clàs dàimheach bunasach §203) *dè mar* ‘ciamar’: *dè mar a tha i an-diugh?*<sup>35</sup>; *dè an uair*: *dè an uair a tha e?*; *dè an t-ainm*: *dè an t-ainm a bh’ air?*; *dè cho*: *dè cho mòr ’s a tha e?* §135 (ii); *dè na*: *dè na tha ann de bhiadh?* §202 (ii) (a), + b-n 16.

### §238 An co-ghnìomhair ceisteach *cuin(e)*

#### §238 (i) Ceistean dìreach ~ ceistean neo-dhìreach

Cleachdar an co-ghnìomhair ceisteach *cuin(e)*<sup>36</sup> ‘dè an uair’ an dà chuid ann an ceistean dìreach: *cuin a bhios an geama ann?*; agus ann an ceistean neo-dhìreach: *chan eil fhios agam cuin a bhios an geama ann.*

#### §238 (ii) Co-rèir

Thèid a leantainn le clàs dàimheach bunasach §203, m.e. *cuin a bhios tu a’ tilleadh a-màireach?*; *cuin nach bi thu an seo an ath-sheachdain?*

32. *Cò mheud, cia mheud* (no, na bu tràithe, air uairean *cò meud*) a thèid a leantainn le ainmear bunasach singilte; *ciamar* < *cia* + *mar* §363 (vi); *carson* < *cia* + *air son* §347 (v) ‘air sgàth’; *cionnas* < *cia* + *ionnas* ‘gnè, seòrsa, nàdar’. Gheibhear cruthan nas sine san litreachas, m.e. *cia lion* ‘cò mheud’; *c’ ainm* ‘dè an t-ainm’; *cia fhad* ‘dè cho fada’; *ceana, c’ iona(d)* ‘cò thuige’; *c’ uime* ‘carson’; *cia minig* ‘dè cho tric’; *cia liuthad* ‘cò mheud’; *cia tric* ‘dè cho tric’.

33. < *cia* + *àite*.

34. Tàrmaichidh an rìochdair ceisteach *dè* < *gu dè* anns an abairt as tràithe *ciod e* ‘dè th’ ann’ (Calder 1972, 173).

35. Gheibhear *dè man* agus *diomar* cuideachd.

36. Le *e* dheiridh ion-teasgaidh: *cuine nach robh e an seo?*; *cuin a bha e an seo?*

## §239 Riochdairean roimhearail

## §239 (i) Claonadh

Thèid riochdan iar-leasaichte aig riochdairean pearsanta a cho-mheasgachadh ris a' chuid mhòir de roimhearan sìmplidh, agus nochdaidh iad pearsa (1d, 2ra, 3s), àireamh (sg., iol.) agus, san treas pearsa singilte, gnè (fir., boir.). A thaobh co-rèir, tha na cruthan shìos, le roimhear + riochdair iar-leasaichte, nan roimhearan: *rinneadh na dealbhan seo leathase*, ged as e RIOCHDAIREAN ROIMHEARAIL a chanar riutha.

## §239 (ii) Seòrsa

§239 (ii) (a) Gun sìneadh, .i. gun an sònrachadh air dhòigh sam bith: *a bheil airgead agad?*

§239 (ii) (b) Le sìneadh, leis na dùnaidhean sìnte pearsanta: (sg.) 1d, 2ra ~*sa*; 3s f. ~*san*; b. ~*se*; (iol.) 1d ~*e*; 2ra ~*se*; 3s ~*san*; coim. §188 (i); .i. le sìneadh a dhealaicheas an dàrna rud bhon rud eile: *a bheil barrachd airgid agadsa na tha agamsa?*

§239 (ii) (c) Le *fèin* §226, le dreuchd ath-fhilltich no teannachaidh: *a bheil airgead agad fhèin?*

## CRUTHAN ROIMHEARAIL AN RIOCHAIR AIG

	GUN SÌNEADH	LE SÌNEADH	ATH-FHILLTEACH
SING.			
1.	<i>agam</i>	<i>agamsa</i>	{ <i>agam fhìn</i> <i>agam fhèin</i>
2.	<i>agad</i>	<i>agadsa</i>	<i>agad fhèin</i>
3.	f. <i>aige</i>	<i>aigesan</i>	<i>aige fhèin</i>
	b. <i>aice</i>	<i>aicese</i>	<i>aice fhèin</i>
IOL.			
1.	<i>againn</i>	<i>againne</i>	{ <i>againn fhìn</i> <i>againn fhèin</i>
2.	<i>agaibh</i>	<i>agaibhse</i>	{ <i>agaibh fhèin</i> <i>agaibh fhèin</i> <i>agaib' fhèin</i>
3.	<i>aca</i>	<i>acasan</i>	<i>aca fhèin</i>

CRUTHAN ROIMHEARAIL A RÈIR AN RIOCHDAIR

	<i>air</i>	<i>an<sup>m</sup></i>	<i>à(s)</i>
1.	<i>orm(sa)</i>	<i>annam(sa)</i>	<i>asam(sa)</i>
2.	<i>ort(sa)</i>	<i>annad(sa)</i>	<i>asad(sa)</i>
3. f.	<i>air(san)</i>	<i>ann(san)</i>	<i>às(-san)</i>
b.	<i>oirre(se)</i>	<i>innte(se)</i>	<i>aiste(se)</i>
1.	<i>oirnn(e)</i>	<i>annainn(e) †</i>	<i>asainn(e)</i>
2.	<i>oirbh(se)</i>	<i>annaibh(se) †</i>	<i>asaibh(se)</i>
3.	<i>orra(san)</i>	<i>annta(san) †</i>	<i>asta(san)</i>

†Gheibhear (1d, 2ra, 3s iol.) *unnainn*, *unnaibh*, *unnta* ann an corra dhualchainnt.

	<i>(bho)os</i>	<i>de<sup>dh</sup> †</i>	<i>do<sup>dh</sup> ‡</i>
1.	<i>(bh)uam(sa)</i>	<i>dhiom(sa)</i>	<i>dhomh (dhòmhsa)</i>
2.	<i>(bh)uat(sa)</i>	<i>dhiot(sa)</i>	<i>dhu(i)t(sa)</i>
3. f.	<i>(bh)uaithe(san)</i>	<i>dheth(san)</i>	<i>dha (dhàs san)</i>
b.	<i>(bh)uaipe(se)</i>	<i>dhith(se)</i>	<i>dhi(se)</i>
1.	<i>(bh)uainn(e)</i>	<i>dhinn(e)</i>	<i>dhuinn(e)</i>
2.	<i>(bh)uaibh(se)</i>	<i>dhibh(se)</i>	<i>dhuibh(se)</i>
3.	<i>(bh)uapa(san)</i>	<i>dhiubh(san)</i>	<i>dhaibh(san)</i>

†Is ainneamh cruthan gun sèimheachadh an-diugh: *dìom(sa)* 7c.

‡Is ainneamh cruthan gun sèimheachadh an-diugh: *domh (dòmhsa)* 7c.

	<i>eadar<sup>(s)</sup></i>	<i>fo<sup>s</sup></i>	<i>gu(s) ‡</i>
1.	— †	<i>fodham(sa)</i>	<i>thugam(sa)</i>
2.	—	<i>fodhad(sa)</i>	<i>thugad(sa)</i>
3. f.	—	<i>fodha(san)</i>	<i>thuige(san)</i>
b.	—	<i>fòidhpe(se)</i>	<i>thuice(se)</i>
1.	<i>eadarainn(e)</i>	<i>fodhainn(e)</i>	<i>thugainn(e)</i>
2.	<i>eadaraibh(se)</i>	<i>fodhaibh(se)</i>	<i>thugaibh(se)</i>
3.	<i>eatarra(san)</i>	<i>fòdhpa(san)</i>	<i>thuca(san)</i>

†Faic §357 (i), b-n 52.

‡No *chugam*, *chugad* 7c.

	<i>le</i>	<i>mu</i> <sup>s</sup>	<i>ri</i>
1.	<i>leam(sa)</i>	<i>umam(sa)</i>	<i>rium(sa)</i>
2.	<i>leat(sa)</i>	<i>umad(sa)</i>	<i>riut(sa)</i>
3. f.	<i>leis(-san)</i>	<i>uime(san)</i>	<i>ris(-san)</i>
b.	<i>leatha(se)</i>	<i>uimpe(se)</i>	<i>rithe(se)</i>
1.	<i>leinn(e)</i>	<i>umainn(e)</i>	<i>rinn(e)</i>
2.	<i>leibh(se)</i>	<i>umaibh(se)</i>	<i>ribh(se)</i>
3.	<i>leotha(san)</i>	<i>umpa(san)</i>	<i>riutha(san)</i>

	<i>ro</i> <sup>s</sup>	<i>tro</i> <sup>s</sup>	<i>thar</i> <sup>s</sup>
1.	<i>romham(sa)</i>	<i>tromham(sa)</i>	<i>tharam(sa)</i>
2.	<i>romhad(sa)</i>	<i>tromhad(sa)</i>	<i>tharad(sa)</i>
3.	<i>roimhe(san)</i>	<i>troimhe(san)</i>	<i>thairis(-san)</i>
	<i>roimhpe(se)</i>	<i>troimhpe(se)</i>	<i>thairte(se)</i>
1.	<i>romhainn(e)</i>	<i>tromhainn(e)</i>	<i>tharainn(e)</i>
2.	<i>romhaibh(se)</i>	<i>tromhaibh(se)</i>	<i>tharaibh(se)</i>
3.	<i>romhpa(san)</i>	<i>tromhpa(san)</i>	<i>tharta(san)</i>

### §240 Riochdairean roimhearail: cleachdadh

Cleachdar riochdairean roimhearail ann an iomadach gnàthas-cainnt, m.e. *an do shoirbhich leat?*; *tha ceannach agamsa ort*; *thog iad orra romham*. Faic §340 is air adhart.

#### §240 (i) Mar cho-ghnìomhairean

Cleachdar cruthan treas-pearsa singilte fireann nan riochdairean gu co-ghnìomhaireach: *chuir i an teine thuige*; *na cuir an solas dheth!*; *dh'fhàg mi an teilidh air a-raoir*; *am faca tu roimhe e?*; *a bheil biadh gu leòr ann?*; le riochdairean ceisteach §234, m.e. *cò dha a rinn thu sin?*; *cò aige a bha na bha siud de dh'airgead a-riamh roimhe?*; *cò thuige a chuir thu an litir ud?*; *cò ris am bruidhinn thu?*

#### §240 (ii) Le riochdairean sònrachaidh

Cleachdar na riochdairean sònrachaidh neo-eisimeileach *seo*; *sin*; *siud* §210 an dèidh cruthan treas-pearsa singilte agus iolra nan riochdairean roimhearail, m.e. *chan e rudan a ghabhas ithe a th'annta seo*.

Airson tuilleadh eisimpleirean, faic §340 is air adhart.

## 16 Mìrean Ro-ghnìomhaireach

### §241 Mìneachadh agus seòrsa

Cleachdar MÌREAN RO-GHNÌOMHAIREACH air thoiseach air gnìomhairean gus ceist no ceist àicheil §242, clàs àicheil §245 no tràth àraidh §246 a thoirt a-steach.

MÌREAN RO-GHNÌOMHAIREACH				
Mìr	Modh	Dearbhte		Àicheil
		+ riochd neo-eisimeileach a' ghnìomhair	+ riochd dàimheach a' ghnìomhair	+ riochd eisimeileach a' ghnìomhair
Ceisteach				<i>an<sup>m</sup></i> <i>nach<sup>f</sup></i>
Àicheil	{ taisbeanach  àithneach  guidheach			{ <i>cha<sup>s</sup>(n<sup>f</sup>)</i> <i>nì<sup>n</sup>n<sup>m</sup></i> <i>nior<sup>s</sup></i>
				<i>na<sup>(h-)</sup></i>
				<i>nar(a)<sup>s</sup></i>
Caithte		(neoni) <sup>dh</sup>	(neoni) <sup>dh</sup>	<i>do<sup>dh</sup></i>

### §242 Na mìrean ceisteach

Tha dà mhìr cheisteach ann: *an<sup>m</sup>* (dearbhte) §242 (i) agus *nach<sup>f</sup>* (àicheil) §242 (ii). Cleachdar na mìrean ceisteach seo an dà chuid ann an ceistean dìreach: *am bi thu an seo a-màireach?*; agus ann an ceistean neo-dhìreach: *chan eil fhios agam am bi mi an seo a-màireach.*

#### §242 (i) *an<sup>m</sup>*

§242 (i) (a) Bheir am mìr *an<sup>m</sup>* ceist dhearbhte a-steach, a' comharradh riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii): *an dèan thu sin dhomh?*

§242 (i) (b) Tha trì riochdan aig a' mhìr cheisteach *an<sup>m</sup>* a chleachdar mar a leanas:

§242 (i) (b) (α) *a* ron chruth ghnìomhaireach *bheil* §262 (ii) (b) (α): *a bheil an t-acras ort?; a bheil thu air èirigh?*

§242 (i) (b) (β) *am* ro ghnìomhairean aig a bheil *b f m* no *p* thoisich: *am bi sibh fadalach airson na coinneimh?; am biodh tu na bu toilichte aig an*

*taigh?; am fuireadh tu an Èirinn?; am fàg mi na pocannan thall an seo?; am maireadh an lus seo fada aig an uinneig?; am mothaich thu dha sin?; am put thu ann an sin e?; am pàigh thu siud dhomh?*

§242 (i) (b) (γ) **an** ro ghnìomhairean (agus ron mhìr ro-ghnìomhaireach **do<sup>dh</sup>** §246 (i)) a' tòiseachadh le litir sam bith eile: **an dùin thu an doras?; an till sinn a-màireach?; an làimhsicheadh iad na b' fheàrr e?; an robh thu gam iarraidh?; an do dh'ith thu do bhiadh mar-thà?; an cuireadh tu airgead thugam?; an togte na buirgh ann an àiteannan dìona?; ann an corra dhualchainnt, thèid **an<sup>f</sup>** a chleachdadh ro f' thoisich + fuaimreag: **an fhuireadh tu an Èirinn?; an fhàg mi aig an doras e?****

#### §242 (ii) **nach<sup>f</sup>**

Bheir am mìr **nach<sup>f</sup>** a-steach ceist àicheil, a' comharradh riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii): **nach dèan thu sin dhomh?; bidh nach<sup>f</sup>** a' sèimheachadh f' thoisich + fuaimreag mar as trice an-diugh: **nach fhuirich sinn an seo fad mionaid, mus tèid sinn a-nìos?; nach fhàg thu e far a bheil e?; nach fhan thu gu do dhiathad?**

#### §242 (iii) Leis a' ghnìomhair **IS**

Gabhaidh na mìrean ceisteach **an<sup>m</sup>**; **nach<sup>f</sup>** a-steach tràth làthaireach a' ghnìomhair **IS** §304 (ix): **am math leat sin?; am feàrr (an fheàrr) leat uisge-beatha?; an urrainn dhut seo obrachadh?; nach buidhe dhut!; nach toigh leat sin?; nach math a rinn thu!; nach e sin!;** iom-sgaraich an tràth caithte: **am b' fheàrr leat uisge-beatha?; nach bu toigh leat sin?**

Airson a' mhìr cheistich *air<sup>s</sup>*, faic §304 (ix), b-n 49.

### §243 Iar-cheistean

#### §243 (i) Co-rèir

Gus iar-cheistean a chur, leotha fhèin no aig deireadh rosgrannan, cha chleachdar ach riochd eisimeileach a' ghnìomhair fhèin an dèidh a' mhìr cheistich: *bidh tu ann, nach bi?; cha bhi thu ann, am bi?; bhiodh tu toilichte, nach bitheadh?; cha bhiodh tu toilichte, am bitheadh?*<sup>1</sup>

#### §243 (ii) Leis a' ghnìomhair **IS**

Thèid riochdan a' ghnìomhair **IS** a chleachdadh còmhla ri an coileanadh §303: *is urrainn dhut sin a dhèanamh, nach urrainn?; is tusa a rinn sin, nach tu?;* no còmhla ris an riochdair fhàisneach, ma bhios fear ann: *chan i Mòrag a bh' aig an doras, an i?; chan e sin na bha a dh'ith ort, an e?*<sup>2</sup>

1. Cleachdar riochd beumte a' ghnìomhair, far a bheil a leithid ann §18 (ii).

2. 'S e riochdan beumte a th' anns na riochdairean aon-lideach a tha seo, agus fuaimreagan fada annta, .i. [mi; tu; e; i]; ged nach aithnichear sin sa cheart-sgrìobhadh.

## §244 Iar-fhreagairtean

## §244 (i) Co-rèir

Cleachdar riochd dearbhte no àicheil a' ghnìomhair a thèid a chleachdadh sa cheist gus iar-fhreagairt dhearbhte no àicheil a thoirt dhi: *a bheil an t-acras ort? tha | chan eil; an ith thu tuilleadh? ithidh | chan ith; an dèan thu sin dhomh? nì | cha dèan; am faca tu am film ud? chunnaic | chan fhaca; am biodh tu toilichte leis? bhitheadh | cha bhitheadh.*<sup>3</sup>

## §244 (ii) Riochdairean pearsanta

Cha chleachdar riochdairean pearsanta cùsearail no riochdan co-thàhte a' ghnìomhair ach nuair a chuirear sìneadh àraidh air an fhreagairt, m.e. *a bheil thu a' tighinn cuide rinn? tha mi!*; no nuair a chleachdar clàs coileanta san fhreagairt, m.e. *am biodh tu toilichte leis? bhithinn gu math toilichte.*

## §244 (iii) Leis a' ghnìomhair IS

Thèid riochdan a' ghnìomhair IS a chleachdadh còmhla ri an coileanadh §303 ann an iar-fhreagairtean: *an tusa a rinn sin? is mi | cha mhi; no an e Calum a bh' ann? 's e | chan e; am mise an ceannard? is tu | cha tu; am b' fheàrr leat seo? b' fheàrr | cha b' fheàrr; an urrainn dhut tighinn? 's urrainn | chan urrainn; no còmhla ris an riochdair fhàisneach §306 (iii), mas bhios fear ann: an i Mòrag a bh' aig an doras? 's i | chan i; nach e sin na bha a dhìth ort? 's e | chan e.*<sup>4</sup>

§244 (iv) *seadh* 7c

Cleachdar *seadh* no *sheadh* (dearbhte) 'ceart gu leòr, *chan eadh* (àicheil) agus *an eadh* (ceisteach), §187 (iv) + b-n 3, gus iar-fhreagairtean a thoirt nuair nach tèid ceistean àraidh a chur: *'s fheàrr dhuinn falbh an-dràsta – seadh, seadh; cò dhiubh a bhios sibh a' ràdh seadh no chan eadh, tha e cudromach gum bi sibh a' bhòtadh; chuala mi gu bheileas an dùil an rathad a dhùnadh ach am faigh iad air a chàradh – chan eadh!*; 'S e a dhuinealas ris an t-sluagh a chuir an duine bochd an seo.' 'An eadh?' arsa Cailean. 'seadh,' ars Eachann (≈Mac Cormaic 1912, 229).

## §245 Mìrean àicheil

## MÌREAN ÀICHEIL A RÈIR MODHA

Taisbeanach

Cumhach

Àithneach

Guidheach

(i) *cha<sup>s</sup>(n<sup>f</sup>)*(ii) *na<sup>(h-)</sup>*(iii) *nar(a)<sup>(s)</sup>**nì<sup>m</sup> †**nior<sup>s</sup> †*

†À cleachdadh

3. Cleachdar riochd beumte a' ghnìomhair, far a bheil a leithid ann §18 (ii).

4. 'S iad riochdan beumte a th' anns na riochdairean aon-lideach san earrainn seo, agus fuaimreagan fada annta, .i. [mi:, vī:, tu:, e:, i:], ged nach aithnichear sin sa cheart-sgrìobhadh.

§245 (i) *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>); ni'n<sup>m</sup>; nior<sup>S</sup>*

Sna modhan taisbeanach §258 (i) agus cumhach §258 (iii), cha chleachdar ach am mìr àicheil *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>)* an-diugh §245 (i) (a), ach gheibhear *ni'n<sup>m</sup>* §245 (i) (b) agus *nior<sup>S</sup>* §245 (i) (c) ann an sgrìobhaidhean nas sine.

§245 (i) (a) *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>)*: bidh am mìr *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>)* a' toirt a-steach abairt àicheil, a' comharradh riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii): *cha dèan mi sin*.

§245 (i) (a) (α) Cleachdar *chan<sup>f</sup>* ro fhuaimreig agus *f* thoisich + fuaimreag: *chan eil sgot aige mu dheidhinn sin; chan fhàgann air a' bhòrd e*.

§245 (i) (a) (β) Cleachdar *cha<sup>S</sup>* an àite sam bith eile, m.e. *cha bhi sinn anmoch, am bi?*

§245 (i) (a) (γ) Leis a' ghnìomhair *IS* §304 (viii): *cha chaomh leam iasg; chan fheàrr dhuinn fuireach fada; chan urrainn dhomh falbh an-dràsta; cha toigh leam fìon dearg*.

§245 (i) (b) *ni'n<sup>m</sup>*: ann an sgrìobhaidhean nas sine, gheibhear *ni'n<sup>m</sup>* an àite *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>)*, m.e. *ni bheil sibh iomchaidh air mo rìoghachd* (Dùghall Bochanan: Meek 2015, 159); *ni'n creid mi nach toir sibh cuid na h-oidhche do fhear-turais bochd a tha an teinn cho mòr* (≈ *An Teachdaire Ùr Gàidhealach*, 80); *air an sgrios le doineann èitigh, ni'n do dh'fhàg meangan, meur no geug dhiubh* (≈ Campbell 1872, 28); leis a' ghnìomhair *is*: *ni'm b' fheart saoi(dh) a rinn sibh orm* (≈ *ibid.*); *ni'n adhbhar suaine dhuinn e, is long Chloinn Uisnich air tìr* (≈ *ibid.*); lorgar *ni<sup>h</sup>* ro fhuaimreig: *ni h-eagal dhut, a Phàdraig* (≈ *An Teachdaire Ùr Gàidhealach*, 79).

§245 (i) (c) *nior<sup>S</sup>*: ann an sgrìobhaidhean nas sine, mar an ceudna, chleachdte *nior<sup>S</sup>* gu h-àraidh ro thràth caithte a' ghnìomhair<sup>5</sup>, m.e. *nior chadail do làmh ri do thaobh* (≈ Oisein 1873, 64); (leis a' ghnìomhair *IS* §304) *nior b' àill leatha sòlas a ghabhail* (≈ Mata 1767, 2:18). Chaidh *\*nior thaing* 'chan e taing; cha b' e taing' na *neo-ar-thaing* §135 (iii), §317, §334 (ii), §347 (i) (c) (Calder 1972, 205).

§245 (ii) *na<sup>(h-)</sup>*

Sa mhodh àithneach §258 (ii), cleachdar am mìr àicheil *na<sup>(h-)</sup>*: *na can sin!; na biodh dragh ort!; na bithibh gòrach!; na dèanamaid a-rithist e!;* tha analachadh ro fhuaimreig ion-teasgaidh: *na h-ith sin!; na ith sin!*

§245 (iii) *nar(a)<sup>(S)</sup>*

Gus modh guidheach §258 (iv) àicheil a chur an cèill, cleachdar am mìr àicheil *nar(a)<sup>(S)</sup>*, le *a* dheiridh ion-teasgaidh<sup>6</sup> agus riochd eisimeileach a' ghnìomhair

5. 'S ann à *ni + ro* (sean mhir coileanta) a tha *nior<sup>S</sup>*.

6. 'S ann à *na + ro* (sean mhir coileanta) a tha *nar(a)<sup>(S)</sup>*.

§262 (ii): *nara leigeadh am Fortan gum bi mise an seo gu Bealltainn* (≈Caimbeul 1874, 340); *is mura math lean thu fallain, nara mheal mi mo shlàinte!* (≈Dughallach 1876, 370); chan fhaighear sèimheachadh gu cunbhalach an dèidh a' mhìr seo, ge-tà, m.e. *nara faicinn fòirneart, is Rìgh na Glòire rim cheann* (*Carmina Gadelica* III, 336); *nara bàthar thu air muir, nara tuiril<sup>7</sup> thu air tìr, nara<sup>8</sup> sàraichte thu le fir, nara millear thu le mnai* §85 (i), b-n 34 (≈*ibid.*, 192).<sup>9</sup>

Airson a' mhodha ghuidhich dhearbhte, faic §294 (iii).

### §246 Am mìr caithte

Nochdaidh *do*<sup>dh</sup>, no *d*-shèimheachadh a-mhàin, ann an corra shuidheachadh gus tràth àraidh a chomharradh:

#### §246 (i) *do*<sup>dh</sup>

Ro riochdan eisimeileach a' ghnìomhair riaghailtich §262 (ii) san tràth chaithte (an dà chuid spreigeach agus fulangach §257 (i)), cleachdar *do*<sup>dh10</sup> an dèidh mhìrean ro-ghnìomhaireach agus naisgearan fo-òrdanachaidh:

§246 (i) (a) Leis a' mhìr cheisteach *an*<sup>m</sup> §242 (i): *an do*<sup>dh</sup> (no air a chomheasgachadh gu *na*<sup>dh</sup>): *an do leugh thu an sgeulachd sin?*; *chan eil fhios agam an do dh'fhairich e mòran*; *na bhuaill e leis an òrd e?*

§246 (i) (b) Leis a' mhìr cheisteach àicheil *nach*<sup>f</sup> §242 (ii): *nach do*<sup>dh</sup>: *nach do chòrd sin riut?*; *nach do cheannaich iad fhathast e?*

§246 (i) (c) Leis a' mhìr àicheil *cha*<sup>s(n<sup>f</sup>)</sup> §245 (i) (a): *cha do*<sup>dh</sup>: *cha do mhothaich i dha sin*; *cha do dh'ith thu mòran*.

§246 (i) (d) An dèidh an naisgeir fho-òrdanachaidh *gun*<sup>m</sup> §336 (iv): *gun do*<sup>dh</sup>: *bha e ag ràdh gun do chuir e an t-airgead ud thugad*; ann an corra dhualchainnt, tha am mìr *do* fhèin ion-teasgaidh an seo, le ach an *d*-shèimheachadh air fhàgail: *bha e ag ràdh gun chuir e an t-airgead ud thugad*.

§246 (i) (e) An dèidh an naisgeir fho-òrdanachaidh *mus*<sup>f</sup>, *mun*<sup>m</sup> §: *mus do*<sup>dh</sup>, *mun do*<sup>dh</sup>: *bha e às an t-sealladh mus do sheall thu ort fhèin*.

§246 (i) (f) An dèidh nan naisgearan fo-òrdanachaidh cumhach *nan*<sup>m</sup>; *mur*<sup>(h<sup>-</sup>)</sup>, *mura*<sup>h<sup>-</sup>}/*mur an*<sup>m</sup>, *mana*<sup>h<sup>-</sup></sup> §336 (iii): *nan do thogadh an taigh ann an*</sup>

7. i. *tuirl* 'tuit'.

8. i. *nar(a)*<sup>(S)</sup> + an gnìomhair *IS* §304 (x).

9. Is coltach gun tèid brìgh ghuidheach *nar(a)*<sup>(S)</sup> agus brìgh àithneach *na*<sup>(h<sup>-</sup>)</sup> a chomheasgachadh air uairean, m.e. ann an sgìre Ghleann Garadh, *na leigeadh Dia* [na L'égəG d'ji:ö] (Dieckhoff 1932, s.v. *nar*) – far a bheil, a rèir choltais, brìgh ghuidheach aig riochd àithneach – seach *nar leigeadh Dia* (m.e. Ròmanach 3:4; 6:2, 15; 11:11).

10. Air uairean, *d'*<sup>s</sup>. A thaobh ghnìomhairean neo-riaghailteach, faic §246 (iii).

*Dùn Èideann, bha mi beartach an-diugh; (àicheil) cha d' fhuair mi a-steach, mur an do dh'fhàg thu an iuchair dhomh.*

§246 (ii) *d*-shèimheachadh

Ro riochdan neo-eisimeileach a' ghnìomhair riaghailtich §262 (i) sna tràthan caithte agus measgaichte (an dà chuid spreigeach agus fulangach §257 (i)), cleachdar *d*-shèimheachadh (.i. neoni<sup>dh</sup>) a-mhàin: *chuir mi orm mo chòta mus deach mi a-mach; dhùin i an doras air an t-slighe a-mach; dh'fhalbh iad gu math tràth an-diugh; chuirinn orm e nan robh i fuar; dh'fhosgladh a' bhùth Diluain.*<sup>11</sup>

§246 (iii) Gnìomhairean neo-riaghailteach

§246 (iii) (a) Bidh am mìr *do*<sup>dh</sup> (no *d*<sup>s</sup> ro *fh* agus air uairean ro *r*) a' nochdadh air thoiseach air riochdan eisimeileach nan gnìomhairean neo-riaghailteach *BEIR, DÈAN, FAIGH* agus *RUIG* §268 san tràth chaithte: (spreigeach): *cha d' fhuair mi fios; cha do rug iad air làimh air a chèile; thuirt iad gun do rinn iad e; an d' rinn thu d' obair fhathast?; ged nach do ràinig iad; nach d' ràinig i?; (fulangach): an do rugadh tu tuath air a' bhaile?; nach do rinneadh gu leòr leotha?; chaidh an t-àite a ghlanadh, mus d' fhuaradh galar na bu mhiosa; cha do ràinigeadh am baile ro bheul na h-oidhche.*

§246 (iii) (b) Thèid na riochdan *t*-thoisich aig na gnìomhairean neo-riaghailteach *ABAIR, RACH, THIG* agus *THOIR* §268 a dhùbhradh §47 (i) (a) an dèidh mhìrean ro-ghnìomhaireach agus naisgearan fo-òrdanachaidh<sup>12</sup>; .i. thèid [t] thoisich na [d̪], ged nach nochd sin sa cheart-sgròbhadh, m.e. *an tèid thu leam, a Mhàiri?; tha mi an dòchas gun tèid gu math leat; mus tèid iad dhachaigh; na tig ro thràth air a' mhadainn!; cha tig iad gus an dèidh na bracaist; nara tigeadh e; nach tug iad rudeigin dhut?; cha toireadh sin faochadh dhomh; nach tuirt thu sin?*

11. 'S fhada bho chaidh *do*<sup>dh</sup> ro riochdan neo-eisimeileach a' ghnìomhair a thionndadh gu neoni<sup>dh</sup>, .i. *d*-shèimheachadh a-mhàin, ann an Gàidhlig na h-Albann – ach sna Sailm, a chionn na meadarachd: *an sin do ghabh iad eagal mòr* (14:5) – agus tha an eisimpleir *do lean e mi gun iarraidh* (MacPhàrlain 1973, 35), seach *lean e mi gun iarraidh*, gu tur às-aimsireil, agus air a chleachdadh, a rèir choltais, far an robh lide a bharrachd a dhìth air a' bhàrd. Gu deimhinn, nuair a chaidh an Tiomnadh Nuadh a thionndadh gu Gàidhlig na h-Albann agus a fhoillseachadh an 1767, 's e stoidhle chlasaigeach a chaidh a chleachdadh nach robh idir ri càil luchd-bruidhinn na Gàidhlig ann an Albainn aig an àm (faic Meek 1983, 23), m.e. Mata 1:24 *do rinn*; 2:9 *do chuidh*; 2:18 *do chualas*; agus cha b' fhada gus an deach sin a chur ceart (m.e. 1807: *rinn; chaidh; chualas*).

12. Mùthadh a dh'èireas à *n*-chruthan a' mhìr cheistich (*an*<sup>m</sup>) §242 (i) agus an riochdair dhàimhich chlaoin (*an*<sup>m</sup>) §200 (i) (c); an dèidh *is*<sup>f</sup> agus *gur*<sup>(h-)/f</sup> tro cho-rèiteachadh (Calder 1972, 24). A thaobh an dùbhradh an dèidh a' mhìr àicheil *na*<sup>(h-)</sup>, faic Calder 1972, 171, Earr. 5; (Beinn na Fadhla) *LASID* IV, 242, s.v. *dol*; (Ros an Ear-thuath) Watson 1974, 68.

## 17 Riaghailt a' Ghnìomhair

### §247 Mineachadh

#### §247 (i) An gnìomhair

Innsidh GNÌOMHAIR mu gnìomh, suidheachadh no tachartas, agus tha e na phàirt den fhàisneach §108 (i) ann an rosrann: *tha mi nam shuidhe; ghnog e an doras; gheàrr i an fheòil.*

#### §247 (ii) Tarbhachd

Tha cruthan a' gnìomhair aon chuid TARBHACH NO NEO-THARBHACH. Cha ghabh cruthan tarbhach a' gnìomhair – .i. bun-riochd a' gnìomhair §249, am buadhair gnìomhaireach §250 agus an t-ainmear gnìomhaireach §251 – cuibhreachadh le tràth §261, uimhir no pearsa §263. Thèid cruthan neo-tharbhach a' gnìomhair a chuibhreachadh le tràth àraidh 7c §290, §298.

### §248 An gnìomhair tarbhach:

#### §249 Bun-riochd a' gnìomhair

Cleachdar BUN-RIOCHD a' gnìomhair gus gnìomhair a ainmeachadh, m.e. *RUITH* (coim. B *TO RUN*, F *COURIR*); *FÀG*; *DÈAN*; *BI*; agus, ann an gnìomhairean riaghailteach §264, 's e bun-riochd a' gnìomhair air an stèidhichear cruthan eile a' gnìomhair, m.e. air *CUIR*, stèidhichear *cuiridh*; *chuir*; *chuirinn* 7c. Is ionann bun-riochd a' gnìomhair agus dàrna pearsa singilte a' mhodha àithnich: *cuir ort do chòta!*

#### §250 Am buadhair gnìomhaireach

'S e buadhair air a stèidheachadh air bun-riochd a' gnìomhair a th' anns a' bhudhair gnìomhaireach; cleachdar an dùnadh *~te* (air uairean *~ta*)<sup>1</sup>: *DÙIN + -te > dùinte* 'gun a bhith fosgailte, ann an cor a bhith air a dhùnadh': *chaidh mi dhan bhùth, ach bha i dùinte nuair a ràinig mi.*

Airson tuilleadh eisimpleirean, faic §129.

### §251 An t-ainmear gnìomhaireach: mìneachadh

#### §251 (i) Mar ainmear

Mar ainmear, faodaidh gnè §61 agus air uairean cruthan tuiseil §64 agus uimhir §57 a bhith aig AINMEAR GNÌOMHAIREACH; faodaidh e bhith na chùisear no na chuspair, agus gabhaidh e comharradh le alt no buadhair: *chaidh fosgladh mòr na drochaid gu math; bha sinn uile aig an fhosgladh; agus, an dèidh an fhosglaidh, chaidh sinn dhachaigh.*

---

1. Airson an dùnadh *~te/~ta*, faic §129 + b-n 12.

§251 (ii) Mar ainmear gnìomhaireach

Mar ainmear gnìomhaireach, faodaidh cuspair a bhith aige §190 (iii): *thèid a cheannach* §193; agus faodaidh greasadair a bhith aige air a thoirt a-steach le roimhear ann an clàs tarbhach §339: *air dhuinn ithe*.

§251 (iii) Tràthan iomchuir

Mar phàirt de thràth iomchuir §299–§302, gabhaidh ainmear gnìomhaireach comharradh le co-ghnìomhair: *tha e a' fàs gu math*.

### §252 An t-ainmear gnìomhaireach: cruith-eòlas

Stèidhichear ainmearan gnìomhaireach air gnìomhairean (*FAIGH* > *faighinn* b.), ainmearan (*uisge* f. > *tha e ag uisge*) agus buadhairean (*lag* buadh. > *lagaich* gn. > *lagachadh* f.). Air uairean, cha lorg ainmear gnìomhaireach a sheise na ghnìomhair, m.e. *uisge* f.; *còmhradh* f. Chan ann ainneamh a gheibhear barrachd air aon chruth de dh'ainmear gnìomhaireach, m.e. *LEAN leantainn* b., *leantail* b., *leanmhainn* b., agus cleachdar na diofar riochdan a rèir dualchainnt, ginealach, stoidhle no reim an neach-cleachdaidh. Uaireannan, lorgar càraidean de dh'ainmearan, an dàrna fear ga chleachdadh mar ainmear gnìomhaireach (m.e. *sealltainn*; *gealltainn*); am fear eile ga chleachdadh mar ainmear (m.e. *sealladh*; *gealladh*): *bha sinn a' sealltainn an t-seallaidh àlainn a th' againn an seo dhaibh a-raoir*; *b' e gealladh fala a chaidh a ghealltainn*.

Tha corra dhòigh air an dèanar ainmear gnìomhaireach:

§252 (i) Gun dùnadh

§252 (i) (a) *AITHRIS* *aithris* b.; *AT* *at* f.; *BLEITH* *bleith* b.; *BRUICH* *bruich* b.; *CAOIDH* *caoidh* b.; *COIMHEAD* *coimhead* f.; *DEARMAD* *dearmad* f.; *DÌON* *dìon* f.; *FALBH* *falbh* f.; *FÀS* *fàs* f.; *GAIRM* *gairm* b.; *GOID* *goid* b.; *IOMAIN* *iomain* b.; *IONNDRAINN* *ionndrainn* f.; *LEUM* *leum* f.; *MEAS* *meas* f.; *ÒL* *òl* f.; *REIC* *reic* f.; *RUITH* *ruith* b.; *SEINN* *seinn* b.; *SNÀMH* *snàmh* f.; *SNÌOMH* *snìomh* f.; *SREAP* *sreap* f.; *TARRAING* *tarraing* b.; *TRIAL* *triall* f.; *TROD* *trod* f.

§252 (i) (b) Le leathannachadh san ainmear ghnìomhaireach: *AMAI* *amas* f.; *AMHAI* *amharc* f.; *BLEOGHAIN* *bleoghan* f.; *CAIDIL* *cadal* f.; *CAILL* *call* f.; *CEANGAIL* *ceangal* f.; *CEANNAICH* *ceannach* f.; *CUIR* *cur* f.; *FUILING* *fulang* f.; *FUIRICH* *fuireach* f.; *GEARAIN* *gearan* f.<sup>2</sup>; *GUIL* *gul* f.; *IASGAICH* *iasgach* f.; *LEIGHIS* *leigheas* f.; *SGUIR* *sgur* f.; *SÌOLAIDH* *sioladh* f.; *SIUBHAIL* *siubhal* f.; *TADHAIL* *tadhal* f.; *TEAGAISG* *teagasg* f.<sup>3</sup>; *TIONAIL* *tional* f.; *TIONNDAIDH* *tionndadh* f.; *TOIRMISG* *toirmeasg* f.

2. Gheibhear *gearain* f. gu dualchainnteach.

3. Gheibhear *teagasg* f. gu dualchainnteach.

## §252 (ii) Le dùnadh

§252 (ii) (a) Leis an dùnadh ~*adh*:

§252 (ii) (a) (α) *GEÀRR* gearradh f.; *GREAS* greasadh f.; *LEUGH* leughadh f.; *LÌON* lìonadh f.; *MOL* moladh f.; *PÒS* pòsadh f.; *SGRÌOBH* sgrìobhadh f.; *TILL* tilleadh f.; *TRUS* trusadh f.

§252 (ii) (a) (β) Agus le leathannachadh sa bhun-riochd: *ÀRDAICH* àrdachadh f.; *BUAIL* bualadh f.; *CIALLAICH* ciallachadh f.; *COINNICH* coinneachadh f.; *CRUINNICH* cruinneachadh f.; *CUIDICH* cuideachadh f.; *DÒIRT* dòrtadh f.; *DÙIN* dùnadh f.; *DÙISG* dùsgadh f.<sup>4</sup>; *FAIRICH* faireachadh f.; *FÀISG* fàsgadh f.; *LAGAICH* lagachadh f.; *LOISG* losgadh f.; *LUAISG* luasgadh f.; *MOTHAICH* mothachadh f.; *NAISG* nasgadh f.; *OBRAICH* obrachadh f.; *PAISG* pasgadh f.; *RANNSAICH* rannsachadh f.; *SMUAINICH* smuaineachadh f.; *TIODHLAIC* tiodhlaicadh f.; le teasgadh meadhain: *FÒGAIR* fògradh f.; *FOSGAIL* fosgladh f.; *FREAGAIR* freagradh f.; *TAGAIR* tagradh f.; *TOGAIR* togradh f.

§252 (ii) (b) Leis an dùnadh ~*ail*/~*eil* [alʲ]: *BEUC* beucail f.; *CAN* canail f.; *CÙM* cumail f.; *FÀG* fàgail f.; *FUAIGH* fuaigheal f.; *GABH* gabhail f.; *LEAG* leagail f.; *LEIG* leigeil f.; *RÀN* rànail f.; *SRANN* srannail f.; *TILG* tilgeil f.; *TOG* togail f.; le t in-shàthte: *CAN* cantail f.; *FAN* fantail f.; *LEAN* leantail f.

§252 (ii) (c) Leis an dùnadh ~*amh*: *CAITH* caitheamh f.; *DÈAN* dèanamh f.; *FEITH* feitheamh f.; *SEAS* seasamh f.; le teasgadh meadhain: *IOMAIR* iomramh f.

§252 (ii) (d) Leis an dùnadh ~*achd*: *ÈIGH* èigheachd b.; *ÈIST* èisteachd b.

§252 (ii) (e) Le leathannachadh sa bhun-riochd agus leis an dùnadh ~*d*: *COISICH* coiseachd b.; *FAIGHNICH* faighneachd b.; *IMICH* imeachd b.; *MARCAICH* marcachd b.

§252 (ii) (f) Leis an dùnadh ~*e*: *CLUICH* cluich(e) f./b.; *FUIN* fuine b.; *GUIDH* guidhe f.; *ITH* ithe b.; *LAIGH* laighe b.; *NIGH* nighe f.; *SUIDH* suidhe f.

§252 (ii) (g) Leis an dùnadh ~*ich*: *BEUC* beucaich b.; *BÙIR* bùirich b.; *GLAODH* glaothaich f.; (*gleadhar* f.) *gleadhraich* b.; *RÀN* rànaich b.; le connraig in-shàthte: *CAGAIR* cagarsaich b.; *GEUM* geumnaich b.; cuideachd *GÀIR* gàireachdaich b.

§252 (ii) (h) Leis an dùnadh ~*idh*: *IARR* iarraidh f.

§252 (ii) (i) Leis an dùnadh ~*inn*: *FAIC* faicinn b.; *FAIGH* faighinn b.; *FEUCH* feuchainn b.; *TEASAIRG* teasairginn b.

§252 (ii) (j) Leis an dùnadh ~(*a*)*mhainn*: *GIN* gineamhainn f.; *LEAN* leanmhainn f.; *FAN* fannmhainn f.

4. Airson a' chrutha *dùisg*, faic §299 (iii), b-n 45.

§252 (ii) (k) Leis an dùnadh ~*sinn*: *CREID creidsinn* b.; *FAIC faicsinn* b.; *MAIR mairsinn* b.; *RUIG ruigsinn* b.; *SAOIL saoilsinn* b.; *TAIRG tairgsinn* b.; *TRÈIG tràigsinn* b.; *TUIG tuigsinn* b.

§252 (ii) (l) Leis an dùnadh ~*t(a)inn*:

§252 (ii) (l) (α) *BEAN beantainn* b.; *CAN cantainn* f.; *FAN fantainn* b.; *GEALL gealltainn* f.; *GREAS greastainn* b.; *LEAN leantainn* f.; *MEAL mealtainn* f.; *SEALL sealltainn* f.; le leathannachadh sa bhun-riochd: *BUIN buntainn* b.

§252 (ii) (l) (β) *CEIL ceiltinn* b.; *CINN cinntinn* f.; *CLUINN cluinntinn* b.; *GIN gintinn* f.

§252 (ii) (m) Leis an dùnadh ~*achdainn*: *FAIRICH faireachdainn* b.; *FEUM feumachdainn* b.; *GÀIR gàireachdainn* b.; *MAIR maireachdainn* b.

§252 (ii) (n) Leis an dùnadh ~*t*: *DÌOBAIR dìobairt* f.; *FÒGAIR fògairt* b.; *FREAGAIR freagairt* b.; *IOMAIR iomairt* b.; *LABHAIR labhairt* b.; *SALTAIR saltairt* b.; *TACHAIR tachairt* b.; *TAGAIR tagairt* b.; *THOIR/TABHAIR toirt/tabhairt* b. §18 (ii); *TOGAIR togairt* b.

§252 (ii) (o) Neo-riaghailteach: *ABAIR ràdh* f.; *BEIR breith* b.; *BI a bhith*<sup>5</sup>; *CÀIRICH càradh* f.; *COISINN cosnadh* f.; *DÌRICH dìreadh* f.; *ÈIRICH èirigh* b.; *FAOD faotainn* b.; *GLUAIS gluasad* f.; *RACH dol* f.<sup>6</sup>; *RUIG ruighinn* b., *ruigheachd* b.; *THIG tighinn* b.<sup>7</sup>; *TUIT tuiteam* f.

### §253 An t-ainmear gnìomhaireach: cleachdadh is co-rèir

Cleachdar ainmearan gnìomhaireach ann an corra shuidheachadh:

§253 (i) An dèidh ghnìomhairean gluasaid

An dèidh cruthan tarbhach agus neo-tharbhach nan gnìomhairean gluasaid *RACH*; *THIG*; *FALBH*, comharraichear ainmear gnìomhaireach leis an roimhear *a*<sup>dh</sup> §356 (xiii): *thèid iad a shnàmh an-diugh*; *a bheil iad a' tighinn a dh'ithe còmhla rinn?*; *dh'fhalbh e a dh'fhuireach dhan Fhraing*.

§253 (i) (a) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin anns an tuiséal ghinideach (no ann an suidheachadh ginideach) na dhèidh: *tha e a' dol a sheinn òran no dhà*; *tha mi a' dol a reic nan caorach am-bliadhna*; *tha mi a' dol a dhùnadh nan uinneagan*; *tha sinn a' falbh a dh'fhaighinn rudeigin a dh'itheas sinn a-nochd*.

5. Cleachdar an cruth *a bhith* (< \**do bhith*) mar ainmear gnìomhaireach, fiù 's ma thig roimhear eile air thoiseach air: *tha mi airson a bhith beartach*; *sguir a bhith mar sin* = *sguir de a bhith mar sin*.

6. Cleachdar *a dhol* an àite *dol* gu math tric an-diugh, fo bhuaidh *a bhith*; faic b-n 5.

7. Gheibhear *a tighinn* an àite *tighinn* air uairean, an dèidh *a dhol*; *a bhith*; faic b-n 6.

§253 (i) (b) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach sa chruth *gam*<sup>s</sup>, *gad*<sup>s</sup> 7c §190 (iv): *an tig thu gam chuideachadh a-màireach?* thig; *chaidh e ga cheannach*; *a bheil thu a' dol ga h-ithe?*; *tha e a' dol ga sheinn a-nochd*; *tha mi a' dol gan reic am-bliadhna*; *tha mi a' dol gan dùnadh*; *tha sinn a' falbh ga fhaighinn*.

§253 (ii) An dèidh ghnìomhairean gun ghluasad

Mar chuspair dìreach an dèidh ghnìomhairean neo-tharbhach, a' gabhail -steach *FAOD* §276; *FEUM* §278; *theab* §284; *GABH* §301; *DÈAN* §302: *dh'iarr e orm tilleadh a-màireach*; *faodaidh tu falbh*; *am feum sinn a dhol ann?* *feumaidh*; *theab mi tuiteam*; *gabhadh sin dèanamh*; *rinn mi cadal*.

§253 (ii) (a) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin air thoiseach air an ainmear ghnìomhaireach, air a cheangal ris anns an tuiseal bhunasach leis an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *dh'iarr e orm iasg a cheannach*; *faodaidh tu an t-airgead (a) fhàgail air a' bhòrd*; *feumaidh tu do làmhnan a nighe*; *theab mi a' ghlainne a bhriseadh*; *an leòmhann fulangach rioghail nach d' rinn an fhirinn a mhùthadh* (MacDonald is MacDonald 1911, 74).

§253 (ii) (b) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach §190 (iii): *dh'iarr e orm a cheannach*; *faodaidh tu (a) fhàgail*; *feumaidh tu an nighe*; *theab mi a briseadh*; *gur ciùrrte a rinn iad m' fhàgail* (≈MacKenzie 1907, 382).

§253 (iii) Ann an abairtean modha le *IS*

Mar argamaid chùiseairail an dèidh abairtean modha leis a' ghnìomhair *IS* §303: *is urrainn dhomh seinn*; *is caomh leatha snàmh*.

§253 (iii) (a) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin air thoiseach air an ainmear ghnìomhaireach, air a cheangal ris anns an tuiseal bhunasach leis an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *is urrainn dhomh an t-òran sin a sheinn*; *is toigh leis na h-eòin (a) fhaicinn sa ghàrradh*; *b' fheàrr leatha lite (a) ithe gu a bracaist*.

§253 (iii) (b) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach §190 (iii): *is urrainn dhomh an seinn*; *is toigh leis am faicinn sa ghàrradh*; *b' fheàrr leatha a h-ithe gu a bracaist*; *is math d' fhaicinn*.

§253 (iv) Ann an tràthan iomchuir le *BI*

§253 (iv) (a) Leanaidh an t-ainmear ghnìomhaireach na roimhearan *a/ag*

(*aig*) §299 (i) no *ri* §299 (ii): *bidh sinn a' bruidhinn; bha i ri peantadh*; mar an ceudna, le *an*<sup>m</sup> + riochdair seilbheach §190 (iv): *tha i na cadal*.

§253 (iv) (a) (α) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhair-each, leanaidh sin an t-ainmear ghnìomhaireach anns an tuiseal ghinideach §66 (ii): *bidh mi a' togail na cloinne; bha i ri peantadh dhealbhan*.

§253 (iv) (a) (β) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhair-each, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach, agus an riochdair air a cho-mheasgachadh ris an roimhear §190 (iv): *bidh mi gan togail; bidh mi gad fhaicinn; bha i rim peantadh*.

§253 (iv) (b) Leanaidh an t-ainmear ghnìomhaireach na roimhearan *airson* §299 (iv); *air*<sup>(n-)</sup> §299 (v); (*aig* +) *ri* §299 (vi); no *gu(s)* §299 (vii): *bha e airson seinn; tha i air bruidhinn; tha agam ri peantadh; tha mi gus seasamh*.

§253 (iv) (b) (α) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhair-each, thig sin air thoiseach air an ainmear ghnìomhaireach, air a cheangal ris anns an tuiseal bhunasach leis an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *bha e airson òran a ghabhail; tha i air an taigh a ghlanadh; tha agam ris an uinneag a pheantadh; tha mi airson mo bhracaist (a) ithe; tha mi gus an doras a dhùnadh*.

§253 (iv) (b) (β) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhair-each, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach §190 (iii): *bha e airson a ghabhail; tha i air a ghlanadh; tha agam ri (a) peantadh; tha mi airson a h-ithe; tha mi gu (a) dhùnadh*.

Faic, cuideachd, §299.

§253 (v) Ann an tràthan iomchuir le *GABH*

Thig an t-ainmear ghnìomhaireach a-steach na chuspair dìreach an dèidh a' chùiseir: *an gabh an leathar seo glanadh? cha ghabh; an gabhadh an lèine seo iarnaigeadh? ghabhadh*; mar an ceudna, le cùisearan riochdaireil: *an gabh e glanadh? cha ghabh; an gabhadh i iarnaigeadh? ghabhadh*; §301.

§253 (vi) Ann an tràthan iomchuir le *DÈAN*

Thig an t-ainmear ghnìomhaireach a-steach na chuspair dìreach an dèidh a' chùiseir: *rinn mi suidhe*; (le cuspair riochdaireil) *dèan ar teàrnadh!* (MacFhionghain 1990, 1); §302.

§253 (vii) Ann an tràthan iomchuir le *RACH*

Thig an t-ainmear ghnìomhaireach a-steach na chùisear an dèidh a' ghnìomhair: *chaidh dèiligeadh ris an teine gu luath*.

§253 (vii) (a) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach,

thig sin air thoiseach air an ainmear ghnìomhaireach, air a cheangal ris anns an tuiséal bhunasach leis an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *chaidh a' cheist a fhreagairt an ath-latha; an tèid an dà rud a dhèanamh aig an aon àm?*

§253 (vii) (b) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach §190 (iii): *chaidh a mharbhadh sa Chogadh Mhòr; an dùil an deigheadh a reic air prìs mhath?*

Faic, cuideachd, §300.

§253 (viii) Ann an clàsan tarbhach

§253 (viii) (a) Air an toirt a-steach leis an roimhear *air*<sup>(n-)</sup> §299 (v) (no *an dèidh*); *gun*<sup>s</sup> §361 (vi); *airson* §299 (iv); no *gu*(s) §299 (vii), m.e. *bidh mi gad ionndrainn air/an dèidh dhut falbh; dh'iarr mi orra gun tighinn a-nochd; cheannaich mi tiocaid airson/gus a dhol dhachaigh.*

§253 (viii) (a) (α) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin air thoiseach air an ainmear ghnìomhaireach, air a cheangal ris anns an tuiséal bhunasach leis an roimhear *a*<sup>s</sup> §356 (xii): *air/an dèidh dhut an t-oilthigh (a) fhàgail; dh'iarr iad orm gun an rèidio a chur air ro àrd; cheannaich mi maidhcreasgop airson/gus biastagan a sgrùdadh.*

§253 (viii) (a) (β) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach §190 (iii): *air/an dèidh dhut (a) fhàgail; dh'fhaighnich iad dhomh gun a chur air ro àrd; cheannaich mi maidhcreasgop airson/gus an sgrùdadh.*

§253 (viii) (b) Ann an clàsan rùin §339 (ii) agus greasadair a' ghnìomha air a cheangal ris an ainmear ghnìomhaireach le *a*<sup>dh</sup> §356 (xiii) (b): *b' fheàrr leotha e a thilleadh a-nochd; thug mi rabhadh dha i a thighinn, nam b' urrainn dhi.*

§253 (viii) (b) (α) Ma bhios cuspair ainmearach aig an ainmear ghnìomhaireach, leanaidh sin an t-ainmear ghnìomhaireach anns an tuiséal ghinideach §66 (ii): *b' fheàrr leotha iad a ghlanadh nan soithichean bho mhoch gu dubh; thug mi rabhadh dha e a dh'fhàgail an taighe tràth; bu chaomh leatha am brogach a dh'fhaighinn cosnadh faisg air an taigh.*

§253 (viii) (b) (β) Ma bhios cuspair riochdaireil aig an ainmear ghnìomhaireach, thig sin na riochdair seilbheach ron ainmear ghnìomhaireach sa chruth *gam*<sup>s</sup>, *gad*<sup>s</sup> 7c §190 (iv): *b' fheàrr leotha iad gan glanadh bho mhoch gu dubh; thug mi rabhadh dha e ga fhàgail tràth; bu chaomh leatha am brogach ga fhaighinn faisg air an taigh.*

### §254 An gnìomhair neo-tharbhach:

#### §255 Seòrsa agus rang

Canar RIAGHAILTEACH ri gnìomhair sam bith a dh'atharraicheas a chruth a rèir pàtrain stèidhichte; tha dà rang aig a' ghnìomhair riaghailteach: Rang I §266; Rang II §267. Canar NEO-RIAGHAILTEACH ri gnìomhair sam bith nach atharraich a chruth a rèir a' phàtrain seo §268. A thuilleadh air an dà sheòrsa gnìomhair a tha seo, gheibhear corra gnìomhair nach lorgar ach ann an raon cuibhrichte de shuidhichean; canar gnìomhair UIREASBHACH ri gnìomhair den t-seòrsa seo §269.

#### §256 Aсталachd

Canar ASTALACH ri gnìomhair a ghabhas cuspair dìreach: *dh'fhàg an duine an taigh*; agus canar AN-ASTALACH ri gnìomhair nach gabh: *dh'fhalbh an duine*. Gabhaidh mòran gnìomhairean cleachdadh an dà chuid gu h-astalach (*dh'ith mi mo bhiadh*) agus gu h-an-astalach (*dh'ith mi*). Ged a tha an gnìomhair RACH §268 (vii) an-astalach gu riaghailteach, gheibhear corra mhura-bhith: *chaidh e bàs* 'chaochail e'; *faodaidh a' chaora dol bàs, a' feitheamh ris an fheur ùr* (≈Nicolson 1881, 176); *sin dìreach far an deach mi dochair* (Mairtinn 1914, 129); 's ann a chaidh mi dochair (Watson 2007, 8); *thèid a' chlann dochair* (≈ibid, 56)<sup>8</sup>.

#### §257 Guth

##### §257 (i) Seòrsa

Tha dà GHUTH aig a' ghnìomhair sa Ghàidhlig: SPREIGEACH agus FULANGACH. Anns a' ghuth spreigeach, gheibhear cùisear: *rug a' chearc ugh*; anns a' ghuth fhulangach, chan fhaigh: *rugadh ugh*, .i. 's e guth FÈIN-STIÙIRIDH a th' ann, .i. gun chùisear, ged as e brìgh neo-phearsanta a th' aig cruthan fulangach a' ghnìomhair BI §268 (xi): *thathas ag ràdh gum bi an t-uisge ann fhathast*. Dèiligear ri cuspair a' ghnìomhair air an aon dòigh anns gach guth: (spreigeach) *bhris mi an uinneag; rinn mi an-dè e*; (fulangach) *bhriseadh an uinneag; rinneadh an-dè e* §187 (iii).

##### §257 (ii) Cleachdadh roimhearail

Lorgar corra gnìomhair spreigeach a chleachdas greasadair air a thoirt a-steach le roimhear gus cùisear a chur an cèill: *shoirbhich leatha aig a' Mhòd; dh'fhàirtlich orm a dhèanamh; thàinig orm a dhol dhachaigh gu h-obann; an deach leat aig an agallamh?; tha aca ri greastainn orra; ar leam* §272.

8. Ged a tha *dochair* f. (< *do*<sup>s</sup>- 'droch' §389 (ii) + *cor* 'suidheachadh') air a dhol na bhuaidhair cuideachd, m.e. (Ros an Ear) *tha mi smaoinichadh gu bheil mi dochair* (ibid., 67); (Ros an Iar) *tha sin dochair* (Wentworth 2003, s.v. *wrong* a; coim. Wentworth 2005, 655). Mothaich *dochair* buadh. aig Dwelly, a bheir an tùs DU, ach aig nach eil leudachadh, ach coim. DU = 'David Urquhart, Kyle, Lochalsh' ann an Dwelly A); 's ann às an Eilean Sgitheanach a bha muinntir Dhomhnuill Iain Mhairtinn (.i. Mairtinn 1914).

### §258 Modh

Tha dà MHODH fhoirmeil aig a' ghnìomhair: TAISBEANACH §258 (i) agus ÀITHNEACH §258 (ii). Ann an suidhichean àraidh, gabhaidh modhannan CUMHACH §258 (iii) agus GUIDHEACH §258 (iv) a chur an cèill le cruthan taisbeanach, agus gheibhear fuidhill den mhodh FO-LEANTACH §258 (v). Innsidh modh mu nàdar gnìomh a' ghnìomhair:

#### §258 (i) Am modh taisbeanach

Buinidh cruth gnìomhair a bheir fiosrachadh seachad no a dh'fhaighnicheas mu dheidhinn dhan mhodh thaisbeanach, m.e. *cuiridh mi litir thugad; nì mi an-dràsta e; a bheil thu deiseil?; ciamar a tha thu?* 'S e am modh taisbeanach am modh as bitheanta. Faic §291–§294.

#### §258 (ii) Am modh àithneach

Buinidh cruth gnìomhair a bheir òrdugh seachad dhan mhodh àithneach, m.e. *cuir ort do chòta!; dèanamaid às!* Faic §295.

#### §258 (iii) Am modh cumhach

Canar am modh cumhach ri modh gnìomhair a chuireas cùmhnant an cèill. Tha corra dhòigh air brìgh chumhach a thoirt a-steach, m.e. *nan robh thu an seo a-nochd, dh'itheamaid còmhla.* Faic §294 (ii), §328.

#### §258 (iv) Am modh guidheach

Canar am modh guidheach ri modh gnìomhair a chuireas miann an cèill. Cha lorgar cruthan fa leth a bhuineas do mhodh guidheach sa Ghàidhlig, ach tha corra dhòigh air brìgh ghuidheach a thoirt a-steach, m.e. *gun sealladh sealbh orm!* Faic §294 (iii).

#### §258 (v) Am modh fo-leantach

Chleachdte am modh fo-leantach ann an clàsan fo-òrdanachaidh, ach mean air mhean tha cruthan a' mhodha fho-leantaich air tuiteam còmhla ri cruthan a' mhodha thaisbeanaich, gus nach fhaicear an-diugh ach fuidhill dheth air fhàgail:

§258 (v) (a) Gheibhear modh fo-leantach làthaireach sa ghnìomhair *IS* §303: *guma fada beò thu* §336 (iv) (a), §294 (iii) (b); *gura math a thèid leat* §294 (iii) (c).

§258 (v) (b) Gheibhear modh fo-leantach caithte sa chruth *robh* (gu tric, *biodh* an-diugh) an dèidh an naisgeir *nan*<sup>m</sup> §336 (iii) (a): *nan robh barrachd tìde againn, b' urrainn dhuinn a dhèanamh a-rithist*; mar an ceudna sa mhodh ghuidheach an dèidh an naisgeir *gun*<sup>m</sup> §336 (iv): *gun robh math agad* §294 (iii) (a) + b-n 37.

§258 (v) (c) Gheibhear modh fo-leantach ro-choileanta san tràth chaithte, a

lorgar ann an rosgrannan cumhach §293 (iv): *nan do rinn thu d' obair nuair a bha cothrom agad, bhiodh tu deiseil dhith mar-thà, no nan dèanadh tu d' obair nuair a bha cothrom agad, bha thu deiseil dhith mar-thà.*

### §259 Àm

Bruidhnear air trì amannan: an t-àm a dh'fhalbh, an t-àm seo agus an t-àm ri teachd.

### §260 Aogas

Gabhaidh rudan tachairt aig diofar astair no triceid; mìnichidh AOGAS astar an ama. Faodaidh aogas a' ghnìomhair a bhith DEARBHACH §260 (i), LEANTAINNEACH §260 (ii), GNÀTHACH §260 (iii), NEO-CHOILEANTA §260 (iv) NO COILEANTA §260 (v):

§260 (i) An t-aogas dearbhach

Cuiridh an t-aogas dearbhach an cèill rudeigin a thachras an aon uair aig aon àm: *bhàsaich an cù an-dè.*

§260 (ii) An t-aogas leantainneach

Cuiridh an t-aogas leantainneach an cèill rudeigin a thachras gun sgar gun lasachadh thairis air ùine: *fhad 's a bha mi ann, bha e a' leughadh.*

§260 (iii) An t-aogas gnàthach

Cuiridh an t-aogas gnàthach an cèill rudeigin a thachras uair is uair gu gnàthach riaghailteach san àm seo agus san àm ri teachd: *canaidh iad Calum rium.*

§260 (iv) An t-aogas neo-choileanta

Cuiridh an t-aogas neo-choileanta an cèill rudeigin a thachradh uair is uair gu gnàthach riaghailteach san àm a dh'fhalbh: *chanadh iad an Sgiobair ris.*

§260 (v) An t-aogas coileanta

Cuiridh an t-aogas coileanta an cèill rudeigin a thachras san àm a dh'fhalbh ach a bhios a bhuil air an àm a shònraichear an-dràsta: *an tàinig iad fhathast?, i. a bheil iad air tighinn ron àm seo fhèin?*

### §261 Tràth

§261 (i) Tràthan sìmplidh

Cleachdar am briathar TRÀTH NO TRÀTH SÌMPLIDH gus cruthan a' ghnìomhair a shònradh a rèir am prìomh dhreuchd. Tha ceithir tràthan anns a' mhodh thaisbeanach: an tràth TEACHDAIL (*seinnidh e*); an tràth CAITHTE (*sheinn e*); an tràth MEASGAICHTE (*sheinneadh e*); agus an tràth LÀTHAIREACH aig na gnìomhairean BI (*tha mi sgìth*) agus IS (*is math sin*). Sa mhodh àithneach, chan eil ann ach an tràth làthaireach (*seinn!*). A dh'aindeoin ainmean nan tràthan, tha corra chleachdadh aig na tràthan seo, §291–§294.

## §261 (ii) Tràthan iomchuir

Cleachdar am briathar TRÀTH, cuideachd, gus a bhith a' toirt iomradh air tràthan iomchuir, m.e. (tràth teachdail leantainneach) *bidh mi ag obair feasgar* §299.

## §262 Riochd

Tha trì riochdan aig a' ghnìomhair: riochd NEO-EISIMEILEACH §262 (i), riochd EISIMEILEACH §262 (ii) agus riochd DÀIMHEACH a' ghnìomhair §262 (iii). Cleachdar na riochdan seo a rèir ciamar no càit a nochdas iad san rosgrainn ghìomhaireach:

## §262 (i) Riochd neo-eisimeileach a' ghnìomhair

Cleachdar riochd neo-eisimeileach a' ghnìomhair nuair a thig an gnìomhair aig toiseach an rosgrainn ghìomhairich, gun mhìr ro-ghnìomhaireach no naisgear no riochdair ceisteach air toiseach air: *bidh i sgìth; dùinidh mi an uinneag; fogsloidh e an doras; Disathairne*,<sup>9</sup> *thèid sinn a Phort Rìgh*.

## §262 (ii) Riochd eisimeileach a' ghnìomhair

§262 (ii) (a) Cleachdar riochd eisimeileach a' ghnìomhair nuair a leanas an gnìomhair mìr ro-ghnìomhaireach, m.e. *nach bi i ro sgìth?*; na riochdairean dàimheach claon (*an<sup>m</sup>* §200) agus àicheil (*nach<sup>f</sup>* §201), m.e. *am fear air a bheil falt bàn; cò an doras nach dùin an iuchair seo?*; no naisgear fo-òrdanachaidh (dearbhte agus àicheil) §336, m.e. *fuirich mionaid mus fhosgail thu an doras!; tha iad ag ràdh nach bi iad a' tighinn*.

§262 (ii) (b) Tha dà chruth eisimeileach aig a' ghnìomhair *BI*:

§262 (ii) (b) (α) *bheil*<sup>10</sup>, a chleachdar mar a leanas: (an dèidh a' mhìr cheistich *an<sup>m</sup>* §242 (i)) *a bheil thu deiseil dheth?*; (an dèidh an riochdair dhàimhich chlaoin *an<sup>m</sup>* §200) *sgeilp air a bheil cus leabhraichean; 's e sin far a bheil an taigh agam fhìn*; (an dèidh an naisgeir fho-òrdanachaidh *gun<sup>m</sup>* §336 (iv)) *thathas ag ràdh gu bheil briseadh pòsaidh gu bhith aca*.

§262 (ii) (b) (β) *eil*, a chleachdar an dèidh na leanas: (am mìr àicheil *cha<sup>S</sup>(n<sup>f</sup>)* §245 (i) (a)): *chan eil fhios agam*; (am mìr ceisteach àicheil *nach<sup>f</sup>* §242 (ii)): *nach eil gu leòr agad?*; (an riochdair dàimheach àicheil *nach<sup>f</sup>* §201): *'s e sin rud nach eil gealltanach idir*; (an naisgear fo-òrdanachaidh àicheil *nach<sup>f</sup>* §336 (iv)): *thuirt i nach tigeadh i*.

9. Tha *Disathairne* ann an eadar-ràdh an seo, .i. tha an gnìomhair *thèid* aig toiseach an rosgrainn ghìomhairich fhathast.

10. Air uairean, gheibhear dì-shèimheachadh ann an litir thoisich a' chrutha seo tro bhuaidh an t-srònaich air toiseach air: *am beil thu deiseil dheth?*; a thaobh tùs nan riochdan (*bh*)*eil*, faic §47 (i) (c).

## §262 (iii) Riochd dàimheach a' ghnìomhair

Cleachdar riochd dàimheach a' ghnìomhair nuair a leanas an gnìomhair na riochdairean dàimheach bunasach (*a*<sup>dh</sup> §199) agus ro-theachdail (*na*<sup>dh</sup> §202): nuair a *dhùineas mi mo shùilean*; 's e *sin na dh'itheas e de shiùcar gach latha*.

## §263 Uimhir, pearsa, gnè

## §263 (i) Cruthan neo-thàthte

'S iad cruthan NEO-THÀTHTE a chleachdar sa ghnìomhair mar as trice an-diugh, .i. aithnichear uimhir (singilte agus iolra), pearsa (a' chiad, an dàrna agus an treas pearsa) agus, air uairean, gnè (fireann agus boireann) ann an cùisean fa leth, m.e. (3s iol.) *dh'fhalbh iad*.

## §263 (ii) Cruthan co-thàthte

Mairidh corra chruth CO-THÀTHTE, far am bi cruth a' ghnìomhair a' toirt a-steach an dà chuid uimhir agus pearsa:

§263 (ii) (a) Sa mhodh àithneach, gheibhear a' chiad phearsa singilte (*cuiream*); an dàrna pearsa singilte *cuir* (leis an dùnadh 'neoni'); a' chiad phearsa iolra (*cuireamaid*); agus an dàrna pearsa iolra (*cuiribh*) §295 (ii).

§263 (ii) (b) San tràth mheasgaichte, gheibhear a' chiad phearsa singilte (*chuirinn*); agus a' chiad phearsa iolra (*chuireamaid*), ged a tha an cruth neo-thàthte *chuireadh sinn* gu math bitheanta an-diugh mar an ceudna §294.

§263 (ii) (c) San tràth làthaireach, gheibhear a' chiad phearsa singilte (*cuiream*) §291 (ii).

## §264 An gnìomhair riaghailteach:

## §265 Na rangannan

Comharraichear gnìomhairean riaghailteach aon chuid le sèimheachadh no le *d*-shèimheachadh<sup>11</sup> ann an riochdan neo-eisimeileach an tràtha chaithte agus an tràtha mheasgaichte anns gach guth, m.e. (spreigeach caithte) *chuir* Rang I; *dh'fhàg* Rang II. Tha an diofar eadar Rang I agus Rang II, a-rèist, air a stèidheachadh air ciad litir a' ghnìomhair agus nàdar a' mhùthaidh thoisich.

11. .i. thèid connragan toisich a shèimheachadh ach *dh'*<sup>s</sup> a chur ri fuaimreagan agus *f* + fuaimreag; b' e am mìr ro-ghnìomhaireach caithte *do*<sup>dh</sup> a dh'adhbharaich am mùthadh toisich seo bho thùs, .i. \**do chuir mi* 'chuir mi'; \**do dh'fhàg mi* 'dh'fhàg mi'; ged nach eil air fhàgail den mhir an-diugh ach am mùthadh fhèin; faic §246 (ii) + b-n 11.

§266 Rang I: **CUIR**

Ainm. gn. *cur* f.

Buinidh gnìomhairean riaghailteach aig a bheil connrag thoisich (m.e. *BUAIL; DÙIN; SEALL*), ach *f* + fuaimreag §267, do Rang I: **cuiridh** *mi thugad a-màireach e; cuireadh e geall nach dèanadh e a-rithist e; an do chuir thu lèine ghlan ort? chuir; cuirear* *eòrna mar as trice san fhearann an seo; cuireamaid preusant thuice!*

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>cuiridh †</i>	<i>cuireas</i>	<i>cuir</i>		
CAITHTE	<i>chuir</i>		<i>do chuir</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>chuirinn</i>		<i>cuirinn</i>
		2	<i>chuireadh tu</i>		<i>cuireadh tu</i>
		3	<i>chuireadh e/i</i>	<i>cuireadh e/i</i>	
	Iol.	1	<i>chuireamaid</i>	<i>cuireamaid</i>	
		2	<i>chuireadh sinn</i>	<i>cuireadh sinn</i>	
		3	<i>chuireadh sibh</i>	<i>cuireadh sibh</i>	
			<i>cuireadh iad</i>	<i>cuiream</i>	
				<i>cuir</i>	
				<i>cuireadh e/i</i>	
				<i>cuireamaid</i>	
				<i>cuiribh</i>	
				<i>cuireadh iad</i>	

†Ann an corra dhualchainnt, gheibhear *cuireas*.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>cuirear</i>	<i>chuirear</i>	<i>cuirear</i>	
CAITHTE	<i>chuireadh</i>		<i>do chuireadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>chuirte/</i>		<i>cuirte/</i>	
	<i>chuirist(e)</i>		<i>cuirist(e)</i>	
				<i>cuir(t)ear</i>

## §267 Rang II: FÀG

Ainm. gn. *fàgail* f.

Buinidh gnìomhairean riaghailteach aig a bheil fuaimreag thoisich no *f* + fuaimreag thoisich do Rang II, m.e. (ÒL; ÈIRICH) *òl do leòr dheth!*; *an do dh'òl thu do leòr? dh'òl*; *nuair a dh'òl thu cus; dh'òlte cus aig a' chèilidh*; (FÀG; FAIRICH): *fàg ann an sin e!*; *an do dh'fhàg thu aig an taigh iad? dh'fhàg*; *dùin an doras gu ceart, nuair a dh'fhàgas tu an taigh!*; *dh'fhàgte an dàrna leth den teaghlach aig an taigh.*

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>fàgaidh †</i>	<i>fàgas</i>	<i>fàg</i>		
CAITHTE	<i>dh'fhàg</i>		<i>do dh'fhàg</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>dh'fhàgainn</i>	<i>fàgainn</i>	<i>fàgam</i>
		2	<i>dh'fhàgadh tu</i>	<i>fàgadh tu</i>	<i>fàg</i>
		3	<i>dh'fhàgadh e/i</i>	<i>fàgadh e/i</i>	<i>fàgadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>dh'fhàgamaid</i>	<i>fàgamaid</i>	<i>fàgamaid</i>
		2	<i>dh'fhàgadh sinn</i>	<i>fàgadh sinn</i>	
		3	<i>dh'fhàgadh sibh</i>	<i>fàgadh sibh</i>	<i>fàgaibh</i>
		<i>dh'fhàgadh iad</i>	<i>fàgadh iad</i>	<i>fàgadh iad</i>	

†Ann an corra dhualchainnt, gheibhear *fàgas*.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>fàgar</i>	<i>fàgar</i>	<i>fàgar</i>	
CAITHTE	<i>dh'fhàgadh</i>		<i>do dh'fhàgadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>dh'fhàgte/ dh'fhàgaist(e)</i>		<i>fàgte/ fàgaist(e)</i>	<i>fàg(t)ar</i>

§268 Rang III: gnìomhairean neo-riaghailteach

§268 (i) *ABAIR*

Ainm. gn. *ràdh*, *radha* f.; *ràitinn* f.

SPREIGEACH		TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>their</i>		<i>their</i>	<i>abair</i>	
CAITHTE	<i>thuir/ thubhairt</i>			<i>tuirt/ tubhairt</i>	
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>theirinn</i>	<i>abrainn</i>	<i>abram</i>
		2	<i>theireadh tu</i>	<i>abradh tu</i>	<i>abair</i>
		3	<i>theireadh e/i</i>	<i>abradh e/i</i>	<i>abradh e/i</i>
	Iol.	1	<i>theireamaid</i>	<i>abramaid</i>	<i>abramaid</i>
		2	<i>theireadh sinn</i>	<i>abradh sinn</i>	
		3	<i>theireadh sibh</i>	<i>abradh sibh</i>	<i>abraibh</i>
		3	<i>theireadh iad</i>	<i>abradh iad</i>	<i>abradh iad</i>

FULANGACH		TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>theirear</i>		<i>theirear</i>	<i>abrar</i>	
CAITHTE	<i>thuirteadh/ thubhairteadh</i>			<i>tuirteadh/ tubhairteadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>theirte/ theirist(e)</i>			<i>abairte/ abairist(e)</i>	<i>abrar</i>

§268 (ii) **BEIR**Ainm. gn. *breith* b.; *beirtinn* f.; *beireachdainn* b.

SPREIGEACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>beiridh</i>		<i>beireas</i>	<i>beir</i>	
CAITHTE	<i>rug</i>			<i>do rug/ d' rug</i>	
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>bheirinn</i>	<i>beirinn</i>	
		2	<i>bheireadh tu</i>	<i>beireadh tu</i>	<i>beir</i>
		3	<i>bheireadh e/i</i>	<i>beireadh e/i</i>	<i>beireadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>bheireamaid</i>	<i>beireamaid</i>	<i>beireamaid</i>
		2	<i>bheireadh sinn</i>	<i>beireadh sinn</i>	
		3	<i>bheireadh sibh</i>	<i>beireadh sibh</i>	<i>beiribh</i>
			<i>bheireadh iad</i>	<i>beireadh iad</i>	

FULANGACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>beirear</i>		<i>beirear</i>	<i>beirear</i>	
CAITHTE	<i>rugadh</i>			<i>do rugadh/ d' rugadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>bheirte/ bheirist(e)</i>		<i>beirte/ beirist(e)</i>	<i>beir(t)ear</i>	

§268 (iii) **CLUINN**

Ainm. gn. *cluinntinn* b.; *cluinneil* f.

SPREIGEACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH			
TEACHDAIL	<i>cluinnidh</i>	<i>cluinneas</i>	<i>cluinn</i>			
CAITHTE	<i>chuala</i>		<i>cuala</i>			
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>chluinninn</i>	<i>cluinninn</i>	<i>cluinneam</i>	
		2	<i>chluinneadh tu</i>	<i>cluinneadh tu</i>		<i>cluinn</i>
		3	<i>chluinneadh e/i</i>	<i>cluinneadh e/i</i>		<i>cluinneadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>chluinneamaid</i>	<i>cluinneamaid</i>	<i>cluinneamaid</i>	
		2	<i>chluinneadh sinn</i>	<i>cluinneadh sinn</i>		
		3	<i>chluinneadh sibh</i>	<i>cluinneadh sibh</i>	<i>cluinnibh</i>	
			<i>chluinneadh iad</i>	<i>cluinneadh iad</i>	<i>chluinneadh iad</i>	

FULANGACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>cluinn(t)ear</i>	<i>cluinn(t)ear</i>	<i>cluinn(t)ear</i>		
CAITHTE	<i>chualas/ chualadh</i>		<i>cualas/ cualadh</i>		
MEASGAICHTE	<i>chluinnt(e)/ chluinnist(e)</i>		<i>cluinnt(e)/ cluinnist(e)</i>		<i>cluinn(t)ear</i>

§268 (iv) *DÈAN*Ainm. gn. *dèanamh* f.; *dèanadh* f.

SPREIGEACH		TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>nì</i>		<i>nì</i>	<i>dèan</i>	
CAITHTE	<i>rinn</i>			<i>do rinn/</i> <i>d' rinn</i>	
MEASGAICHTE	Sg.	1 2 3	<i>dhèanainn</i> <i>dhèanadh tu</i> <i>dhèanadh e/i</i>	<i>dèanainn</i> <i>dèanadh tu</i> <i>dèanadh e/i</i>	
	IoI.	1 2 3	<i>dhèanamaid</i> <i>dhèanadh sinn</i> <i>dhèanadh sibh</i> <i>dhèanadh iad</i>	<i>dèanamaid</i> <i>dèanadh sinn</i> <i>dèanadh sibh</i> <i>dèanadh iad</i>	<i>dèanamaid</i>  <i>dèanaibh</i> <i>dèanadh iad</i>

FULANGACH		TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>nithear/</i> <i>nitear</i>		<i>nithear/</i> <i>nitear</i>	<i>dèan(t)ar</i>	
CAITHTE	<i>rinneadh</i>			<i>do rinneadh/</i> <i>d' rinneadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>dhèante/</i> <i>dhèanaist(e)</i>			<i>dèante/</i> <i>dèanaist(e)</i>	

§268 (v) FAIC

Ainm. gn. *faicinn* b.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>chì</i>	<i>chì</i>	<i>faic</i>		
CAITHTE	<i>chunnaic/ chunna</i>		<i>faca</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>chithinn</i>	<i>faicinn</i>	<i>faiceam</i>
		2	<i>chitheadh tu</i>	<i>faiceadh tu</i>	<i>faic</i>
		3	<i>chitheadh e/i</i>	<i>faiceadh e/i</i>	<i>faiceadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>chitheamaid</i>	<i>faiceamaid</i>	<i>faiceamaid</i>
		2	<i>chitheadh sinn</i>	<i>faiceadh sinn</i>	
		3	<i>chitheadh sibh</i> <i>chitheadh iad</i>	<i>faiceadh sibh</i> <i>faiceadh iad</i>	<i>faicibh</i> <i>faiceadh iad</i>

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>chithear</i>	<i>chithear</i>	<i>faic(t)ear</i>	
CAITHTE	<i>chunnacas/ chunnacadh</i>		<i>facas/ facadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>chìte/ chithist(e)</i>		<i>faicte/ faicist(e)</i>	<i>faic(t)ear</i>

## §268 (vi) FAIGH

Ainm. gn. *faighinn* b.; *faotainn* f.

SPREIGEACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>gheibh †</i>		<i>gheibh †</i>	<i>faigh</i>	
CAITHTE	<i>fhuair</i>			<i>d' fhuair</i>	
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>gheibhinn ‡</i>	<i>faighinn</i>	<i>faigheam</i>
		2	<i>gheibheadh tu</i>	<i>faigheadh tu</i>	<i>faigh</i>
		3	<i>gheibheadh e/i</i>	<i>faigheadh e/i</i>	<i>faigheadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>gheibheamaid</i>	<i>faigheamaid</i>	<i>faigheamaid</i>
		2	<i>gheibheadh sinn</i>	<i>faigheadh sinn</i>	
		3	<i>gheibheadh sibh</i>	<i>faigheadh sibh</i>	<i>faighibh</i>
		3	<i>gheibheadh iad</i>	<i>faigheadh iad</i>	<i>faigheadh iad</i>

†No *gheobh*.‡No *gheobhainn, gheobhadh tu* 7c.

FULANGACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>gheibh(t)ear †</i>		<i>gheibh(t)ear</i>	<i>faigh(t)ear</i>	
CAITHTE	<i>fhuaras/ fhuaradh</i>			<i>d' fhuaras/ d' fhuaradh</i>	
MEASGAICHTE	<i>gheibhte/ gheibhist(e) ‡</i>			<i>faighte/ faighist(e)</i>	<i>faigh(t)ear</i>

†No *gheobh(t)ear*. ‡No *gheobhte/gheobhist(e)*.

§268 (vii) **RACH**Ainm. gn. *dol* f.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>thèid</i>	<i>thèid</i>	<i>tèid</i>		
CAITHTE	<i>chaidh</i>		<i>deach/ deachaidh</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>rachainn †</i>	<i>rachainn †</i>	<i>racham rach rachadh e/i rachamaid rachadh sinn rachadh sibh rachadh iad</i>
		2	<i>rachadh tu</i>	<i>rachadh tu</i>	
		3	<i>rachadh e/i</i>	<i>rachadh e/i</i>	
	Iol.	1	<i>rachamaid</i>	<i>rachamaid</i>	
		2	<i>rachadh sinn</i>	<i>rachadh sinn</i>	
		3	<i>rachadh sibh</i>	<i>rachadh sibh</i>	

†No (neo-eis.; dàimh.) *dheighinn, dheigheadh tu 7c*; (eis.) *deighinn, deigheadh tu 7c*, no (neo-eis., dàimh.) *reighinn, reigheadh/readh tu 7c*; (eis.) *d' reighinn, d' reigheadh/d' readh tu 7c*, a rèir dualchainnt.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>thèidear</i>	<i>thèidear</i>	<i>tèidear</i>	
CAITHTE	<i>chaidheas</i>		<i>deachas</i>	
MEASGAICHTE	<i>rachte/ dheighte/ dheighist(e)/ reighte</i>		<i>rachte/ deighte/ deighist(e)/ d' reighte</i>	<i>rach(t)ar/ teirigear †</i>

†Àicheil: *na rach(t)ar/na teirigear*.

§268 (viii) **RUIG**Ainm. gn. *ruigsinn* b.; *ruighinn* b.; *ruigheachd* b.

SPREIGEACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>ruigidh</i>	<i>ruigeas</i>	<i>ruig</i>		
CAITHTE	<i>ràinig</i>		<i>do ràinig/ d' ràinig</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>ruiginn</i>	<i>ruiginn</i>	<i>ruigeam</i>
		2	<i>ruigeadh tu</i>	<i>ruigeadh tu</i>	<i>ruig</i>
		3	<i>ruigeadh e/i</i>	<i>ruigeadh e/i</i>	<i>ruigeadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>ruigeamaid</i>	<i>ruigeamaid</i>	<i>ruigeamaid</i>
		2	<i>ruigeadh sinn</i>	<i>ruigeadh sinn</i>	
		3	<i>ruigeadh sibh</i>	<i>ruigeadh sibh</i>	<i>ruigibh</i>
			<i>ruigeadh iad</i>	<i>ruigeadh iad</i>	

FULANGACH	TAISBEANACH				ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>ruigear</i>	<i>ruigear</i>	<i>ruigear</i>		
CAITHTE	<i>ràinigeadh/ ràinigear/ ràineas/ ruigeadh</i>		<i>do ràinigeadh/ do ràinigear/ do ràineas/ do ruigeadh, no d' r... 7c</i>		
MEASGAICHTE	<i>ruigte/ ruigist(e)</i>		<i>ruigte/ ruigist(e)</i>	<i>ruig(t)ear</i>	

§268 (ix) **THIG**Ainm. gn. *tighinn* f.; *teachd* f.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>thig</i>	<i>thig</i>	<i>tig</i>		
CAITHTE	<i>thàinig</i>		<i>tàinig</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>thiginn</i>	<i>tiginn</i>	<i>thigeam</i> † <i>thig</i> <i>thigeadh e/i</i> <i>thigeamaid</i>  <i>thigibh</i> <i>thigeadh iad</i>
		2	<i>thigeadh tu</i>	<i>tigeadh tu</i>	
		3	<i>thigeadh e/i</i>	<i>tigeadh e/i</i>	
	Iol.	1	<i>thigeamaid</i>	<i>tigeamaid</i>	
		2	<i>thigeadh sinn</i>	<i>tigeadh sinn</i>	
		3	<i>thigeadh sibh</i>	<i>tigeadh sibh</i>	
			<i>thigeadh iad</i>		

†Àicheil: *na tigeam* 7c.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>thig(t)ear</i>	<i>thig(t)ear</i>	<i>tig(t)ear</i>	
CAITHTE	<i>thàinigear/ thàinigeas/ thàineas</i>		<i>tàinigear/ tàinigeas/ tàineas</i>	
MEASGAICHTE	<i>thigte/ thigist(e)</i>		<i>tigte/ tigist(e)</i>	<i>thig(t)ear</i> ‡

‡Àicheil: *na tig(t)ear*.

§268 (x) *THOIR*Ainm. gn. *toirt* b.; *tabhairt* b.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH		
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH			
TEACHDAIL	<i>bheir</i>	<i>bheir</i>	<i>toir/ tabhair</i>			
CAITHTE	<i>thug</i>		<i>tug</i>			
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>bheirinn</i>		<i>toirinn</i>	<i>thoiream † thoir thoireadh e/i thoireamaid</i>
		2	<i>bheireadh tu</i>		<i>toireadh tu</i>	
		3	<i>bheireadh e/i</i>	<i>toireadh e/i</i>		
	Iol.	1	<i>bheireamaid</i>	<i>toireamaid</i>	<i>thoiribh sibh thoireadh iad</i>	
		2	<i>bheireadh sinn</i>	<i>toireadh sinn</i>		
		3	<i>bheireadh sibh</i>	<i>toireadh sibh</i>		
		3	<i>bheireadh iad</i>	<i>toireadh iad</i>		

†Àicheil: na *toiream* 7c. Gheibhear cruthan àithneach le bun dà-lideach §18 (ii): *tabhaiream, tabhair, tabhaireadh e/i, tabhaireamaid, tabhairibh, tabhaireadh iad*, (àicheil) na *tabhaiream* 7c; agus cruthan le atharrachadh buin: *bheiream, bheir, bheireadh e/i, bheireamaid, bheiribh, bheireadh iad*, (àicheil) na *beiream* 7c.<sup>12</sup>

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>bheirear</i>	<i>bheirear</i>	<i>toirear/ tabhairear/ tugar</i>		
CAITHTE	<i>thugadh/ thugas</i>		<i>tugadh/ tugas</i>		
MEASGAICHTE		<i>bheirte/ bheirist(e)/ thugte/ thugaist(e)/ thoirte</i>	<i>toirte/ tabhairte/ tugte/ tugaist(e)/ toirist(e)</i>		<i>thoir(t)ear/ thugar†</i>

†Àicheil: na *toir(t)ear* 7c.

12. Le teasgadh meadhain, agus le sèimheachadh fo bhuaidh *bheir* agus *thug*, fhuaradh *thoiream, thoir* 7c à *tabhaiream, tabhair* 7c.

§268 (xi) *BI*

Ainm. gn. *a bhith*; ainm. *bith* b.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
LÀTHAIREACH	<i>tha</i>	<i>tha</i>	<i>(bh)eil</i> ‡		
TEACHDAIL	<i>bidh/</i> <i>bithidh</i>	<i>bhios/</i> <i>bhitheas</i>	<i>bi</i>		
CAITHTE	<i>bha</i>		<i>robh</i>		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>bhithinn</i>	<i>bithinn</i>	<i>bitheam</i>
		2	<i>bhitheadh/bhiodh tu</i>	<i>bitheadh† tu</i>	<i>bi</i>
		3	<i>bhitheadh/bhiodh e/i</i>	<i>bitheadh† e/i</i>	<i>bitheadh† e/i</i>
	Iol.	1	<i>bhitheamaid/bhiomaid</i>	<i>bitheamaid ‡</i>	<i>bitheamaid ‡</i>
			<i>bhitheadh/bhiodh sinn</i>	<i>bitheadh† sinn</i>	
		2	<i>bhitheadh/bhiodh sibh</i>	<i>bitheadh† sibh</i>	<i>bithibh</i>
	3	<i>bhitheadh/bhiodh iad</i>	<i>bitheadh† iad</i>	<i>bitheadh† iad</i>	

‡No *(b)eil*; a thaobh tùs nan riochdan *(bh)eil*, faic §47 (i) (c).

†No *biodh tu* 7c.

‡No *biomaid*.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
LÀTHAIREACH	<i>thathar/</i> <i>thatar/</i> <i>thathas</i>	<i>thathar/</i> <i>thatar/</i> <i>thathas</i>	<i>(bh)eilear/</i>  <i>(bh)eileas †</i>	
TEACHDAIL	<i>bithear/</i> <i>bitear</i>	<i>bhithear/</i> <i>bhitear</i>	<i>bhithear/</i> <i>bhitear</i>	
CAITHTE	<i>bhathar/</i> <i>bhatar/</i> <i>bhathas</i>		<i>robhar/</i>  <i>robhas</i>	
MEASGAICHTE	<i>bhìte/</i> <i>bhìthist(e)</i>		<i>bìte/</i> <i>bìthist(e)</i>	<i>bit(h)ear</i>

†No *(b)eilear/(b)eileas*.

### §269 Gnìomhairean uireasbhach is cleachdaidhean sònraichte

A thuilleadh air gnìomhairean uireasbhach §255, gheibhear corra abairt as fhiach a chur ris an earrainn seo, seach gun tèid an cleachdadh mar ghnìomhairean.

#### §270 *abair*

Cruth dàrna-pearsa àithneach a' ghnìomhair *ABAIR* §268 (i) – *abair* no, le analachadh, *h-abair* §46 (i) – a chleachdar gus clisgear a chur an cèill: (le cuspair) *abair e!*; *h-abair sin!*; *abair aghaidh (a th' ort)!*; (le clàs fo-òrdanachaidh) *abair gu bheil e math!*; *abair gun robh e luaisgeanach!* (≈Mac a' Ghobhainn 1974, 18); *h-abair g'èil meud ann!* §18 (ii) (A. Caimbeul 1992, 25).

#### §271 *an dùil*

Cleachdar an cruth *an dùil* (< *a bheil thu/sibh an dùil?*) gus ceist teagamh san tràth làthaireach a chur: *an dùil am faigh sinn àrdachadh tuarastail am-bliadhna?*; *an dùil an robh ulaidh phrìseil am broinn a' bhogsa seo uair?*; coim. *saoil* §281.

#### §272 *ar*

Cleachdar an gnìomhair *ar* ann am brìghean làthaireach agus caithte, còmhla ris an roimhear *le* §362 gus greasadair na h-abairte a thoirt a-steach: *ar leam* 'saoilidh mi, tha mi den bheachd; shaoil mi, bha mi den bheachd'; *ar leat*; *ar leis* 7c; gheibhear na cruthan *thar leam*, *dar leam* 7c, mar an ceudna.<sup>13</sup>

#### §273 *arsa*

Cleachdar an gnìomhair *arsa* – no *ars* gu tric ro fhuaimreagan – an dà chuid ann an seagh làthaireach agus ann an seagh caithte: *'Math fhèin!' arsa Calum*; cleachdar cruthan sìnte nan riochdairean pearsanta §186 leis a' ghnìomhair seo: *'Math dha-rìribh!' ars ise*<sup>14</sup>; *'Fhalbh 's tarraing!' arsa tusa* §187 (ii).

#### §274 *CAN*

Tha cruthan a dhìth air a' ghnìomhair *CAN* 'abair, bruidhinn' san tràth chaithte anns gach guth; cleachdar cruthan *ABAIR* §268 (i) nan àite: *can fhathast e!*; *na can an còrr!*; *chanainn gun robh cus siùcair ann*; *cha chanar* 'bàsaich' *ach mu bheathaichean ach ann an corra àite*; *chante an Glas-Allt ris, nuair a bha mise beag*.

13. À SG *ind ar la* (*DIL*, s.v. *dar*), air a ath-chruthachadh na *dar le* no *ar le* no *thar le*, a rèir dualchainnt; coim. an [h] thoisich aig *fhalbh* §279 agus *THEIRIG* §285; cuideachd, *air leam*.

14. B' e gnìomhair uireasbhach a bh' ann an GT *ar* (eugsamhail air SG *ol*), le brìgh làthairich agus air a leantainn le s-chruthan nan riochdairean pearsanta treas-pearsa, i. *sé, sí, siat* (SG *seat*) §187 (iii) (*DIL*, s.v. 3 *ar*, 6 *ol*), i. chaidh GT *ar sé* 7c na GA *ars* + e 7c.

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>canaidh</i>	<i>canas</i>	<i>can</i>		
CAITHTE	—		—		
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>chanainn</i>		<i>canainn</i>
		2	<i>chanadh tu</i>	<i>canadh tu</i>	<i>can</i>
		3	<i>chanadh e/i</i>	<i>canadh e/i</i>	<i>canadh e/i</i>
	Iol.	1	<i>chanamaid</i>	<i>canamaid</i>	<i>canamaid</i>
		2	<i>chanadh sinn</i>	<i>canadh sinn</i>	
		3	<i>chanadh sibh</i>	<i>canadh sibh</i>	<i>canaibh</i>
			<i>canadh iad</i>	<i>canadh iad</i>	

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>canar</i>	<i>canar</i>	<i>canar</i>	
CAITHTE	—		—	
MEASGAICHTE	<i>chante/ chanaist(e)</i>		<i>cante/ canaist(e)</i>	

### §275 *deir*

Cleachdar (*a*) *deir* air an aon dòigh 's a chleachdar *arsa* §273, san tràth làthaireach agus san tràth chaithte: 'Air cùl a' ghàrraidh ghuil mi,' *deir* an bàrd, 'far nach cluinneadh anail bheò mi' (MacGillÌosa 2004, 133); 'Feasgar math,' *deir* an duine, gun èirigh, ann an guth cleachdte (ibid., 47); (fulangach) agus *deirear* Cill Fhinn ris gu an-diugh (≈Campbell 1872, 196); mar a *deirear* ris. Ann an sgrìobhainnean nas sine, gheibhear an cruth ciad-phearsa (*a*) *deirim* cuideachd, ach san tràth làthaireach a-mhàin: *deirim ribh fhathast, rachaibh air ur n-aghaidh* (Caraid nan Gàidheal 1867, 784–85).<sup>15</sup>

15. 'S e sean chruth treas-pearsa làthaireach neo-eisimeileach a' ghnìomhair *ABAIR* a th' ann an (*a*) *deir* (< *a(t)deir* < GT *atbeir* < SG *as-beir* 'canaidh e, their e'); b' e SG *-epir* an cruth eisimeileach, às a sin an gnìomhair *ABAIR* ann an Gàidhlig na h-Albann an-diugh. Airson dùnadh a' chrutha (*a*) *deirim*, coim. *saoleam* 7c §291 (ii) + b-n 34.

## §276 FAOD

Tha cruthan a dhìth air a' ghnìomhair FAOD san tràth chaithte agus sa mhodh àithneach anns gach guth: air a chleachdadh gus cead a iarraidh no a thoirt seachad: *am faod mi falbh? faodaidh; faodaidh tu do thoil fhèin a dhèanamh an-dràsta; nach faod sinn an rum seo a chleachdadh? chan faod; tha dà eaglais bhrèagha an sin air am faodar tadhal; dh'fhaodadh tu cunntas-beatha a chur thuca, gun fhios nach eil càil aca; chan fhaodadh seo a bhith na b' fheàrr; tha sinn a' cruinneachadh gach nì a dh'fhaodadh a bhith feumail air a' chuairt; no gus a ràdh gur dòcha gun tachair rudeigin: faodaidh e bhith gum faigh thu preusantan a-màireach; (no gu geàrr) faodaidh gum faigh thu preusantan a-màireach; 's math dh'fhaodte<sup>16</sup> gun robh duine is clann aice; (no gu geàrr) dh'fhaodte gun do bhuannaich iad<sup>17</sup>.*

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH	
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH		
TEACHDAIL	<i>faodaidh</i>	<i>faodas</i>	<i>faod</i>		
CAITHTE	—				
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>dh'fhaodainn</i>	<i>faodainn</i>	—
		2	<i>dh'fhaodadh tu</i>	<i>faodadh tu</i>	
		3	<i>dh'fhaodadh e/i</i>	<i>faodadh e/i</i>	
	Iol.	1	<i>dh'fhaodamaid</i>	<i>faodamaid</i>	
			<i>dh'fhaodadh sinn</i>	<i>faodadh sinn</i>	
		2	<i>dh'fhaodadh sibh</i>	<i>faodadh sibh</i>	
	3	<i>dh'fhaodadh iad</i>	<i>faodadh iad</i>		

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>faodar</i>	<i>faodar</i>	<i>faodar</i>	
CAITHTE	—			
MEASGAICHTE	<i>dh'fhaodte</i>		<i>faodte</i>	—

16. Dualchainnteach, 's mathaid; 's maite.

17. Air uairean, ann an suidhichean fulangach, gheibhear *dh'fhaodadh* (air am bi cùisear a dhìth) air mhearachd an àite *dh'fhaodte* (air nach bi); m.e. an àite *dh'fhaodadh cosgaisean dealain a chur suas a dh'aithghearr*, leugh *dh'fhaodte cosgaisean dealain a chur suas a dh'aithghearr*.

## §277 FEUCH

Cruth àithneach a gheibhear san dàrna pearsa singilte, *feuch!* 'faic!<sup>18</sup>, agus san dàrna pearsa iolra, *feuchaibh!* 'faicibh!': *feuch nach bi stocainnean fliuch ort!*; *feuch*<sup>19</sup> *nach bi sibh ro anmoch a-nochd!*; *feuch a bheil tuilleadh sa phreas!*

## §278 FEUM

Tha cruthan a dhìth air a' ghnìomhair FEUM san tràth chaithte agus sa mhodh àithneach anns gach guth: air a chleachdadh gus èiginn a chur an cèill: *feumaidh ministear a ghuth 's a dhòchas* (Mac a' Ghobhainn 1976, 69); *feumaidh sinn tobar eile* (MacLeòid 1973, 23); *Feumaidh mi falbh,* 'thuirt e, *feumaidh mi ruith'* (≈Caimbeul 1979, 94); *feumaidh tu an ro-ràdh a leughadh gu math faiceallach* (A. Caimbeul 1992, 37); *feumaidh gun robh mi a' coimhead uabhasach neònach*<sup>20</sup> (≈MacLeòid 1989, 10); *chan fheum gach fear a-nis ach innealan na ceàirde aige fhèin* (≈MacLeòid 1973, 65); *chan fheum sinn a bhith trom air* (Watt 1972, 47); *dh'fheumainn amharbhadh air neo bha esan airmise amharbhadh* (MacMhaoilein 1990, 74); *bha e na shrainnsear, srainnsear eòlach, a dh'fheumadh leabaidh dha fhèin* (A. Caimbeul 1992, 80); *dh'fheumte cuideachd uisge a bha air a tharraing às an ùir* (≈MacLeòid 1976, 94); *dh'fheumadh sinn a' Bheurla a bhruidhinn nuair a thigeadh duine a-steach* (≈Mac a' Ghobhainn 1976, 19).

SPREIGEACH		TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH		DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>feumaidh</i>		<i>feumas</i>	<i>feum</i>	
CAITHTE	—			—	
MEASGAICHTE	Sg.	1	<i>dh'fheumainn</i>	<i>feumainn</i>	—
		2	<i>dh'fheumadh tu</i>	<i>feumadh tu</i>	
		3	<i>dh'fheumadh e/i</i>	<i>feumadh e/i</i>	
	Iol.	1	<i>dh'fheumamaid</i>	<i>feumamaid</i>	
			<i>dh'fheumadh sinn</i>	<i>feumadh sinn</i>	
			<i>dh'fheumadh sibh</i>	<i>feumadh sibh</i>	
	3	<i>dh'fheumadh iad</i>	<i>feumadh iad</i>		

18. B' e 'faic' prìomh bhrìgh a' ghnìomhair FEUCH 'cuir fo dheuchainn' bho thùs (DIL, s.v. *fégaid, féc(h)aid*).

19. Gu dualchasach, *feuchaibh* (2ra iol.); no *feuchadh sibhse*.

20. Airson *feumaidh e a bhith gun robh mi a' coimhead uabhasach neònach*.

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>feumar</i>	<i>feumar</i>	<i>feumar</i>	
CAITHTE	—		—	
MEASGAICHTE	<i>dh'fheumte</i>		<i>feumte</i>	
			—	

### §279 *fhalbh*

Cruth àithneach a gheibhear san dàrna pearsa singilte, *fhalbh!* 'rach! theirig!', agus san dàrna pearsa iolra, *fhalbhaibh!* 'rachaibh!, theirigibh!'; (àicheil) *na falbh!; na falbhaibh!*<sup>21</sup>

### §280 *FIMIR*

Tha cruthan a dhìth air a' ghnìomhair *FIMIR*<sup>22</sup> sa mhodh àithneach anns gach guth; air a chleachdadh gus feum no easbhaidh a chur an cèill: *fimiridh tusa na clagachan uile sin a ghlanadh, oir tha uaislibh a' tighinn thugamsa agus chan eil fhios nach iarr iad a dhol a-steach dhan chidsin*<sup>23</sup> (≈Watson 2007, 36); *tha Board of Agriculture a' cur comain orra gun fhimir an talamh*

21. Gu tric air a litreachadh *thalla!*, *thallaibh!* air mhearachd. 'S iad riochdan de na cruthan *falbh!*, *falbhaibh!* a th' ann an *fhalbh!*, *fhalbhaibh!*, .i. cruthan riaghailteach a' ghnìomhair *FALBH*, a chaidh a shèimheachadh fo bhuaidh *THEIRIG* §285, (*th*)ar §272, *thugad* §286 agus/no *thugainn* §287, is dòcha (coim. *fhathast*; *fhèin*; *fhuair* §23 (ii) (c), far an deach *f* thoisich shèimhichte na [h] cuideachd); san t-seagh seo, chan e gnìomhair uireasbhach a tha seo. Cuiridh fuaimneachadh nan riochdan seo, m.e. Leòdhas (sg.) ['hɑːʎɑ], (iol.) ['hɑːʎɑ-u] an aghaidh bunachais bho *thalla!*, *thallaibh!* (< GT *tallaid*, *tellaid* 'bheir e air falbh', MacBain 1982, s.v. *thalla*); cuideachd, faic *LASID* IV, App. I, B-264, (c) (d) (e) (f) (g); 609 (a) (d) (f); 643 (e); 732 (a) (e) (f); 874 (a) (d) (f); 949 (a); agus fo (d), s.v. (d. 242) *dhachaigh*; (d. 244) *ifreann*; *halbh*; coim. (Geàrrloch) (sg.) [ʎiː f [ʎLɔ]] agus [ʎiː h [ʎLɔ]] (Wentworth 2003, s.v. *go away*). An aghaidh sin, mothaich (sg.) /'hɑLə/ (*Am Faclair Beag*, s.v. *thalla* agus *thalla!*), (sg.) ['hɑLə], (iol.) ['hɑLɪv] (Bauer 2004, s.v. *thalla*), ged nach eil e cinnteach nach e fuaimneachadh air a stèidheachadh air an litreachadh *thalla!*, *thallaibh!* a th' annta seo; ach gheibhear *thalla!* sa bhrìgh 'thig!' ann an Ìle, fhad 's a chleachdar *falbh!* airson 'rach!, theirig!' (Grannd 2000, 26) – airson *thalla!* an Ìle, coim. [hɑL-ə-ʎ] as fhèarr le Holmer (1938, 222–23) a thàrmachadh à *thall an seo!*

22. No *IMIR*: *imiridh e spàirn chruaidh a dhèanamh*, .i. feumaidh e spàirn chruaidh a dhèanamh (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 769).

23. Ann an dualchainnt Rois an Ear: *fimireas tusa na clagachan uile sin a ghlanadh bhail tha uaisibh* (sic) *tighinn thugamsa agus chan fheadar nach iarr iad dhol steach anns a' chidsin* (ibid.).

*sin a bhith a' laighe airson trì no ceithir bliadhna mun tèid am buntàta a-rithist ann* (≈*ibid.*, 38); *'s bochd cor an duine sin – agus is adhbhar-truais e gu dearbh – air an fhimirear ùrnaigh a sparradh mar a dhleasnas* (≈*Caraid nan Gàidheal* 1867, 500); *cha do thaisg nach do dh'fhimir*, i. cha deach dad a thasgadh air nach robh feum (≈*Nicolson* 1881, 100); *dh'fhimireadh sinn a bhith a-muigh aig seachd uairean sa mhadainn* (≈*Watson* 2007, 15).

SPREIGEACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>fimiridh</i>	<i>fimireas</i>	<i>fimir</i>	
CAITHTE	<i>dh'fhimir</i>		<i>dh'fhimir</i>	
MEASGAICHTE	Sg. 1 2 3 Iol. 1 2 3	<i>dh'fhimirinn</i> <i>dh'fhimireadh tu</i> <i>dh'fhimireadh e/i</i> <i>dh'fhimireamaid</i> <i>dh'fhimireadh sinn</i> <i>dh'fhimireadh sibh</i> <i>dh'fhimireadh iad</i>	<i>fimirinn</i> <i>fimireadh tu</i> <i>fimireadh e/i</i> <i>fimireamaid</i> <i>fimireadh sinn</i> <i>fimireadh sibh</i> <i>fimireadh iad</i>	

FULANGACH	TAISBEANACH			ÀITHNEACH
TRÀTH:	NEO-EISIMEILEACH	DÀIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	<i>fimirear</i>	<i>fimirear</i>	<i>fimirear</i>	
CAITHTE	<i>dh'fhimireadh</i>		<i>fimireadh</i>	
MEASGAICHTE	<i>dh'fhimirte</i>		<i>fimirte</i>	

§281 *saoil*

Cleachdar an cruth *saoil* (< *an saoil thu* 7c) gus ceist teagamh san tràth làthaireach a chur: *saoil am bi biadh gu leòr ann do cheathrar?*; *saoil dè chanas e an turas seo?*; *saoil a bheil iad a' tighinn a-nis?*; *saoil am faigh mi iasad den chàr a-nochd?*; coim. *an dùil* §271.

§282 *siuthad*

Cruth àithneach a gheibhear san dàrna pearsa singilte, *siuthad!* ‘tòisich, lean ort’, agus san dàrna pearsa iolra, *siuthadaibh!*, *siùdaibh!*, *siuthaidibh!*, *siùidibh!* ‘tòisichibh!, leanaihb oirbh!’<sup>24</sup>

§283 *tàrla*

Cleachdar an gnìomhair seo san tràth theachdail agus san tràth chaithte a-mhàin<sup>25</sup>, san t-seagh ‘tachraidh e; thachair e’: (teachdail) *agus tàrlaidh*, *nuair a thèid iad a-steach air geatachan na cùirt a-staigh, gum bi iad air an èideadh le eudach lìn* (≈Eseciel, 1783–1801, 44:17); *ar leam gu bheil mi gam faicinn a’ sgioblachadh an èilidh, agus gan cluinntinn a’ togail àrd-iolach, agus a’ maoimeadh air an nàimhdean mar mhaoim-slèibhe aig a bheil fuaim tàirneanaich a tha ag iomain roimhe gach clach is maide a thàrlas a bhith san t-slighe* (≈An Teachdaire Ùr Gàidhealach, 136); (caithte) *agus air latha thàrladh dhòmhsa ealaidheachd òir gun luasgan* (Somhairle MacGill-Eain; Whyte 2007, 121); *chaidh mi a-steach do ghleann a bha an sin – cha tàrla dhomh a bhith siamh*<sup>26</sup> *ann* (Campbell 1872, 201); *ach thàrladh gun robh cuid de dhaoine san fheachd a bha glè eòlach air suidheachadh na tìre mun cuairt don bhaile* (≈Mac-Choinnich 1844, 58); *’s ionann sin mar a thàrla dhomh* (≈Mac Intoisich 1831, 13); (le brìgh fho-leantaich chaithte) *nan tàrla dhuibh gun tilleadh sibh don ionad às na ghluais sibh* (≈ibid., 14).

§284 *theab*

Cha chleachdar *theab* an-diugh ach san tràth chaithte, an dà chuid spreigeach agus fulangach: *theab nach deach leinn aig a’ cho-fharpais*, .i. cha mhòr nach do dh’fhàillig sinn ...<sup>27</sup>. Thèid an gnìomhair a leantainn gu tric le ainmear gnìomhaireach: (spreigeach) *theab i fanntaigeadh*, .i. cha mhòr nach do dh’fhanntaig i, cha mhòr nach deach i na luairean; *theab e a bheatha a chall san tubaist sin*; *theab a’ chraobh tuiteam*; *an do theab thu do làmh a losgadh? theab*; (fulangach) *theabadh a mharbhadh san tubaist sin*, .i. cha mhòr nach deach a mharbhadh san tubaist sin; *theabadh a’ chraobh a leagail*; *theabadh mo bhàthadh* (LASID IV, 246, s.v. *theabadh*); *bha [tuathanach] aon latha o chionn*

24. Cruth àithneach air a bhonntachadh air SG *siu*, an cruth tabhartach aig SG *so* ‘seo’ (Calder 1972, 175; *DIL*, s.v. *so*).

25. ‘S ann a tha an cruth caithte *tàrla(dh)*, *thàrla(dh)*, agus sèimheachadh air a stèidheachadh air gnìomhairean riaghailteach, à GT *tarla*, *dorala*, tràth coileanta *do-cuirethar* (*DIL*, s.v.), às an tig GA *tachair* mar an ceudna. Chaidh na cruthan teachdail Gàidhlig *tàrlaidh*, *tàrlas* a stèidheachadh air GA *tàrla* fhèin; tha cruth àithneach aig Dieckhoff 1932, s.v.: *thàrladh!* ‘tachradh e!’

26. .i. *sèimh*.

27. B’ e ‘caillidh e; fàilligidh e’ a bu chiall do GT *teipid*, a chaidh a bhrìgh na ‘cha mhòr nach, faisg air’ san nua-chànan.

*ghoirid a-muigh aig a obair nuair a thàinig sgaoth fhitheach is a thug iad an sàs ann – thàinig daoine eile ga chuideachadh, agus an dèidh ochd air fhichead de na h-eòin dhubha a mharbhadh, fhuair iad air càch fhuadach air falbh on duine bhochd a theabadh a ithe beò leotha* (≈Mac-Talla VIII, àir. 39, 309).

### §285 THEIRIG

Gnìomhair a chleachdar sa mhodh àithneach anns gach guth leis a' bhrìgh 'rach': *theirigeam; theirig; theirigeadh e/i; theirigeamaid; theirigibh; theirigeadh iad; theirig a-mach gun dàill; na teirig ann gus am feasgar!; theirigibh chun a' chladha leis a' chàr!; (fulangach) theirigear.*<sup>28</sup>

### §286 thugad

Cruth àithneach a chleachdar san t-seagh 'a-mach às an rathad!; thoir an aire ort fhèin!; *mun abradh tu bo! thugad!, bha sinn air ar cuairteachadh le gràisg a' bhaile* (≈MacEacharn 1910, 161–62).

### §287 thugainn

Cruth àithneach sa chiad phearsa iolra san t-seagh 'rachamaid!; falbhamaid!', air a lorg ann an corra riochd: *thugainn*<sup>29</sup>, *tugainn*, *tiugainn*<sup>30</sup>; a thuilleadh, gheibhear *thugainnibh, thugnaibh, tiugainnibh* san aon seagh<sup>31</sup>.

### §288 trobhad

Cruth àithneach a gheibhear san dàrna pearsa singilte: *trobhad!* 'thig an seo!'; *trobhad gus an innis mi dhut!* (Caimbeul 1979, 7); *trobhad ach am faic mi thu!*; agus san dàrna pearsa iolra: *trobhadaibh!, trobhaidibh!* 'thigibh an seo!'; air uairean air a chleachdadh san t-seagh 'thig!, thigibh!' a-mhàin: *trobhad an seo!*; leis an roimhear *air* §346 (v); *trobhad ort!* 'fuirich ort!; seall seo!'<sup>32</sup>

28. À GT *eirg* 'rach!' (*DIL*, s.v. 1 *téit*), agus *th* thoisich tro cho-rèiteachadh ris a' ghnìomhair *thèid* (O'Rahilly 1976, 158); coim. [h] thoisich ann an *fhalbh* §279; (*th*)ar §272; *h-abair* §270.

29. Dualchainnteach, *chugainn* 7c. Cruth a chaidh a chleachdadh a shineadh bhon riochdair roimhearail chiad-phearsa iolra, *thugainn* (< *gu* §360 (i), b-n 66); coim. *thugad* §286 (Calder 1972, 175; Watson 1994, 693).

30. Le dì-shèimheachadh ann an *tugainn* 7c.

31. i. dàrna cruthan air am bonntachadh air an dùnadh dàrna-pearsa iolra *-ibh*, ged as e a' chiad phearsa iolra as ciall dhaibh.

32. Cuideachd (iol., Ros an Iar) *trobhaibh!* (Watson 1994, 693); *troibhibh!, trobhadaibh!* 7c (Wentworth 2003, s.v. *come*). Molaidh Watson (ibid.) gur math dh'fhaodte gur h-e cruth den roimhear *tre<sup>s</sup>* (*tro<sup>s</sup>*) a th' ann an *trobhad*, coim. *t(h)ugainn!* (< *gu* §287) agus (Ceap Breatann) *bhuam e!* (< *bho<sup>s</sup>* §351). Coim. GM *trooid, trooid-shiu* (Broderick 1999, 126).

§289 *uist*

Nithear gnìomhair den chlisgear *uist!*: (àithneach, 2ra sg.) *uist!* ‘bi sàmhach!’; (2ra iol.) *uistibh!*; (taisbeanach teachdail) *nach uist thu?*<sup>33</sup>

## §290 Cleachdadh – tràthan sìmplidh:

## §291 An tràth làthaireach

## §291 (i) Tuiteamas

Gu foirmeil, cha nochd tràth làthaireach ach leis na gnìomhairean neo-riaghailteach *BI* §268 (xi) agus *IS* §304:

§291 (i) (a) *BI*: (neo-eisimeileach) *tha sin math*; (eisimeileach) *a bheil thu gu math?*; *chan eil dad ann a dh’itheas sinn*; (dàimheach) *ciamar a tha thu?*; (fulangach: neo-eisimeileach) *thathas cinnteach gum bi sneachd ann feasgar*; (eisimeileach) *chan eileas toilichte gum bi imrichean a’ tighinn a-steach*; (dàimheach) *cò ris a thathar an dùil?*

§291 (i) (b) *IS*: (neo-eisimeileach) *is math sin*; *is mise an ceannard*; *’s e latha math a th’ ann*; (eisimeileach) *nach buidhe dhut!*; (dàimheach) *cò as fheàrr?* Cleachdar an tràth làthaireach an co-bhuinn ri gnìomhairean san tràth theachdail: *’s i Seonag a nì sin*; *an ann an seo a chuireas mi e?*; gu tric thèid an tràth làthaireach a chleachdadh an àite an tràtha chaithte an co-bhuinn ri gnìomhairean sna tràthan caithte agus measgaichte: *’s ann an-dè a ràinig i*; *an tusa a rinn sin?*; *’s ann aig toiseach a’ Chèitein a rùisgte a’ mhòine againne*.

## §291 (ii) Cruth co-thàthte

Mairidh cruth làthaireach co-thàthte airson a’ chiad phearsa shingilte a-mhàin, leis an dùnadh ~*am* anns gach riochd: (neo-eisimeileach) *saoileam* ‘saoilidh mi §292 (iii)’<sup>34</sup>; *creideam* ‘creididh mi’; *guidheam slàinte a-ghnàth*

33. No *ist!*, *istibh!* Gheibhear na cruthan *huist!* agus *cuis!* mar an ceudna; coim. BG *whisht*.

34. Air uairean, thèid cruth caithte (le sèimheachadh) a chur air *saoileam*, .i. *shaoileam* ‘shaoil mi’. Bho àm gu àm, thèid *saoileam* a eadar-mhìneachadh mar \**saoil leam*, coim. (s) *math leam* 7c §310; às a sin, *bu shaoil leam* (Calder 1972, 98). Coim. facal a bh’ aig Beileag Mhoireasdan à Sgalpaigh, m.e. nan robh i ag innse mu aisling: *oileam gum faca mi ...*; *oileam gun robh mi ann an seann taigh ...* (Iain MacDhòmhnail, mac Beileig, conaltradh pearsanta); coim. Dwelly: *oil*, see *saoil*. Mìnichidh MacDhòmhnail cuideachd gun robh an cruth *saoile* aig na Hearaich: ‘mar eisimpleir “An tig e, saoire?”. .i. an dùil an tig e? Bhathar a’ meas gur h-e giorrachadh air *saoilibh* a bha seo, ach dh’fhaodte a ràdh ri aon neach no ri barrachd. Bha an *ao goirid*.’ Coim. *saoile nach eil e nas glìce creideamh na sean bhean a bhith againn is gabhail ris gach nì a thig mun cuairt mar phàirt dhen dealbh mhòr iongantach a sgaoilear fa chomhair tuisge gun cheann-crìche oirre nuair a thogar an sglèò or sùilean ’s a gheibh sinn aithne ‘eadhon mar a tha aithne oirnn’ agus saoire dè an cruth*

(a) *bhith mar ribh*, .i. tha mi a' guidhe gum bi slàinte an-còmhnaidh còmhla ribh (≈MacFadyen 1902, 295); *agus, feuch, cuiream-sa gealladh m' Athar oirbh*, .i. cuiridh mise na gheall m' Athair thugaibh (teags agus eadar-mhineachadh ≈Lucas 1807, 24:49); (eisimeileach) *chan fhaiceam am measg cheudan aon tè eile a bheir barrachd oirre* (≈Nic a' Phearsain 1891, 163); *cha chreideam sin* (coim. MacInnes 1977, 447).

## §292 An tràth teachdail

### §292 (i) Teachdail dearbhach

Cleachdar an tràth teachdail le aogas dearbhach: (neo-eisimeileach) *cuiridh mi thugad e; fàgaidh mi ann an seo e; bruidhnidh e riut nuair a thig e a-steach; bidh mi air ais a-màireach; thèid mi ann a-nochd; an ceannaich thu pinnt dhomh? ceannaichidh;* (eisimeileach) *an cuir thu thugam e? cha chuir; nach fhàg thu ann an seo e?; am bi i air ais a-màireach? cha bhi; an ith sinn san taigh-òsta a-nochd? ithidh; am faigh mi cupa tè eile, mas e ur toil e?; cha tèid mi ann a-nochd – nach tèid?; cò chuireas airgead sa phoit? cha chuir mise; 's e sin an tè nach cuir thugam e; mura fàg thu e, chan fhaigh mi idir e; ged nach bi thu ann a-màireach, cluinnidh mi bhuat, nach cluinn?; 's iad an fheadhainn nach tèid dhan dannsa a-nochd; 's e sin an dearbh rud nach dèan sinn a-màireach; (dàimheach) 's e sin an tè a chuireas thugam e; ma dh'fhàgas tu ann an seo e, gheibh mi e; ged a bhios tu air ais a-màireach, chan fhaic mi thu; 's iad an fheadhainn a thèid ann a-nochd; 's e sin na bhios sinn a' dèanamh a-màireach; dè na bhios a dhìth ort de dh'airgead nuair a bhios tu air falbh?; cuin a chì mi a-rithist thu?; (fulangach) *cluichear an geama Dimàirt seo tighinn; òlar deoch slàinte mus fhalbh iad.**

### §292 (ii) Làthaireach gnàthach

Gabhaidh an tràth teachdail cleachdadh le aogas gnàthach: *a h-uile Disathairne, cuiridh mi fòn gu mo mhàthair; ithidh sinn air an oidhche; fosglaidh a' bhùth a h-uile Diardaoin fad thri uairean a thide; cuiridh duine aodach blàth air nuair a bhios i fuar; mun stad i de bhreith, cuiridh i ugh anns na nid aig ceithir no còig a dh'èoin eile* (≈Lamont 1960, 21); (fulangach) *buaillear clag na h-eaglaise air an uair; seinnear òrain aig cèlidhean ann an seo.*

### §292 (iii) Làthaireach dearbhach

Le gnìomhairean a bhuineas ris na ciadfathan agus ris an inntinn, cleachdar an tràth teachdail le seagh làthaireach dearbhach: *a bheil e teth gu leòr fhathast? saoilidh mi gu bheil; tha i a' falbh le Alasdair a-nis – creididh mi sin; cha chreid mi nach e sin a bh' ann – cha chreid mi nach e; chan fhaic mi idir às a seo e – anns an nochd e?* (≈MacCoinnich 1973, 11, 54).

nach *fhaic?*; am *fairich* thu sin? chan *fhairich*; an *cluinn* thu sin? *cluinnidh*; an *aithnich* thu Calum – *aithnichidh*; *tuigidh* mi sin; cha *chuimhnich* mi cuin a *dhùisg* mi sa mhadainn; chan *fhuing* mi siud idir.<sup>35</sup>

#### §292 (iv) Làthaireach eachdraidheil

Gabhaidh an tràth teachdail cleachdadh gus tràth eachdraidheil no dràmach a chur an cèill: *chì sinn* am prìomh charactar air leabaidh a bhàis; *canaidh* an t-ùghdar nach *aontaich* e ri sin; *thig* Murchadh, fear a' bhàir; a-steach tron doras agus bucas trom làn bhotal aige na làmhnan, *cuiridh* e sìos am bucas – *chithear* am facal CRUAIDH sgrìobhte air taobh a' bhucais – *thèid* e a-mach agus *tillidh* e a-steach leis an dàrna bucas agus *càraidh* e sin air muin a' bhucais eile – tha am facal STUTH sgrìobhte air – *thèid* e gu cùl a' bhàir is *gabhadh* e drama (≈Moireach 2007, 37).

#### §292 (v) An guth fulangach

Cleachdar an guth fulangach ann an raon de chleachdaidhean: (teachdail dearbhach) *cuirear* buntàta san dà achadh an ath-bhliadhna; (làthaireach gnàthach) *nithear* càrn mòr de chlachan beaga (≈Nicolson 1881, 334); *bruidhnear* a' Ghàidhlig an seo; (làthaireach eachdraidheil no dràmach) *chithear* am facal CRUAIDH sgrìobhte air taobh a' bhucais (≈Moireach 2007, 37); (gnàthach) *beus* na tuatha air am *bithear*, 's e a *nithear* (≈Macintosh 1785, 9); (gnàthach) *bithear* an dòchas (teachdail) *gun faicear* barrachd dhaoine aig an ath choinneimh.

#### §292 (vi) Am modh àithneach

Cleachdar ceistean àicheil gus a bhith a' cur àithne air duine air dòigh mhodhail: *nach dèan sibh suidhe!*, an àite *dèanaibh suidhe!*

### §293 An tràth caithte

#### §293 (i) Caithte dearbhach

Cleachdar an tràth caithte le aogas dearbhach: *chuir* mi plaide a bharrachd air an leabaidh a-raoir; *bha* i cho fuar; *dh'èirich* mi aig ochd uairean an-diugh; *dhùisg* mi aig seachd; *bha* e còig bliadhna a dh'aois an-dè; *rinn* e a dh'icheall; na *cheannaich* thu brògan ùra? *cheannaich*; *b'* e Iseabal a *thug* sin dhomh; am *fac* tu Alasdair a' bhòn-dè? chan *fhaic*; nach *tuirt* thu gun tigeadh tu?; (fulangach) *rugadh* mi is *thogadh* mi ann an Albainn; *chunnacas* am mèirleach air taobh a-muigh na bùtha aig meadhan-oidhche; *lorgadh* air an t-sràid e; *chluicheadh* an geama an t-seachdain sa chaidh.

35. Èiridh an cleachdadh seo a chionn 's gum b' e an tràth teachdail a th' aig Gàidhlig na h-Albann an-diugh an tràth làthaireach a bh' aig a' Ghàidhlig Thràth, m.e. chaidh GT *cuirid* 'cuiridh e, .i. tha e a' cur' na GA *cuiridh* e 'cuiridh e, .i. bidh e a' cur'. Buinidh an cruth ciad-phearsa singilte *guidheam* 7c §291 (ii) do shean bhrìgh an tràtha seo, agus brìgh làthaireach aca fhathast.

## §293 (ii) Caithte coileanta

Gabhaidh an tràth caithte cleachdadh, gu h-àraidh le gnìomhairean neo-riaghailteach, gus aogas coileanta a chur an cèill: *an tàinig iad fhathast?*, .i. a bheil iad air tighinn fhathast?; *na dh'ith thu mar-thà?*, .i. a bheil thu air ithe mar-thà?; (fulangach) *an cualas dad mun deidhinn an-diugh?*, .i. a bheileas air dad a chluinntinn mun deidhinn an-diugh?

## §293 (iii) Am modh fo-leantach caithte

Sa ghnìomhair, lorgar **robh** (gu tric *biodh* an-diugh) gus modh fo-leantach caithte a chur an cèill §258 (v) (b), §294 (iii) (a): *dè dhèanadh tu nan robh millean nota agad?*; *nan robh barrachd tìde againn, b' urrainn dhuinn a dhèanamh a-rithist*; *nan robh agad ri snàmh chun an eilein ud, am biodh tu comasach air a dhèanamh?*

## §293 (iv) Am modh fo-leantach ro-choileanta

Cleachdar an tràth caithte gus modh fo-leantach ro-choileanta a chur an cèill §258 (v) (c), §331 (ii) (b): *nan do rinn thu d' obair nuair a bha cothrom agad, bhiodh tu deiseil dhith mar-thà*; *chluichte geama a-raoir nan robh an t-side math*; *nan do thog iad an taigh sin air feadh a' gheamhraidh, dhèanadh iad fìor mhath*.

## §294 An tràth measgaichte

## §294 (i) Neo-choileanta

Cleachdar an tràth measgaichte gus aogas neo-choileanta a chur an cèill: **dheighinn** *dhan sgoil air a' bhus, nuair a bha mi nam nighinn bhig*; **cha bhiodh mòran sa bhaile, nuair a bha ise na b' òige**; **cha bhiodh brògan idir oirnn air feadh an t-samhraidh agus sinn nar brogaich bheaga**; **dh'aithnicheadh tu gun d' fhuair iad iomadh nighe**; *nuair a bha sinn air làithean-saora, dh'itheamaid aig còig*; **rachamaid** *dhan bhaile-mhòr mun Nollaig airson sùil a thoirt air na solais*; **chitheadh tu druim a bha dìreach air sgàth dùil a bha na sgàrd** (≈NicGumaraid 1980, 52); (fulangach) **ghlacte breac san loch ud uair**; **sheinnt** *salm no dhà san t-seirbheis*; **bhite** *gu math sgìth an dèidh latha air a' mhòintich*; **theiriste** *'an ceann shuas' ris an t-seòmar-cadail*.

## §294 (ii) Cumhach

Cleachdar an tràth measgaichte gus modh cumhach a chur an cèill: *am biodh tu toilichte, nam robh<sup>36</sup> barrachd airgid agad?* **bhitheadh**; *nam robh taigh againn, bhitheamaid gu math toilichte*; *an aithnicheadh tu e, nam faiceadh tu a-rithist e?*; *bheirinn còig nota dhut, nam fuireadh tu gu a-màireach*; *dè dhèanadh tu nam robh millean nota agad?*; **dheigheadh** *tu ann dhomh, nach deigheadh?* **dheigheadh**.

36. Gu tric *nam biodh* §293 (iii) an-diugh, anns gach àite an seo.

## §294 (iii) Guidheach

§294 (iii) (a) Cleachdar *gun*<sup>m</sup> agus an tràth measgaichte – ach an cruth fo-leantach caithte *robh* §258 (v) (b), §293 (iii) airson a' ghnìomhair *BI* §268 (xi) – gus modh guidheach a thoirt a-steach: *gun sealladh sealbh orm; gun tigeadh Do rioghachd; gun robh math agad*<sup>37</sup>. Corra uair, gheibhear an tràth teachdail seach an tràth fo-leantach caithte: *gum meal thu do naidheachd; gum soirbhich leibh; gum soirbhich gach bliadhna dhuit* (Carmichael Watson 1934, 84)<sup>38</sup>. Tha an abairt *gun tèid (gu math) leibh* nuadh-aimsireil, a rèir choltais, agus na ghiorrachadh air *tha mi an dòchas gun tèid (gu math) leibh*, .i. guma math a thèid leibh; faic shìos.

§294 (iii) (b) Cleachdar *guma*<sup>h</sup> air thoiseach air buadhairean: *guma fada beò thu is ceò às do thaigh* (≈Nicolson 1881, 207); *guma fada a bhios slàinte agus comas nan cas agad* (*An Gaidheal* IV, 102); *guma slàn a bhitheas sibh agus guma h-innich a dhèireas dhuibh*<sup>39</sup> *gach aon taobh dhan tèid sibh* (≈Carmina Gadelica III, 275); *guma geal do sholas dhomh, guma rèidh do thuras dhomh* (ibid., 304); *guma beag e*<sup>40</sup>; *guma h-amhlaidh a bhitheas e; guma fada a mhaireas e mar sin* (≈Watson 1929, 33); *guma slàn do na fearaibh* (≈Sinton 1906, 36); *guma math a thèid leibh*.

§294 (iii) (c) A thuilleadh air a' ghnathas-cainnt *guma math a thèid leibh*, shuas, gheibhear *gur(a) math a thèid leibh* no *gur(a) math a thèid dhuibh* leis an aon bhrìgh<sup>41</sup>.

§294 (iii) (d) Cleachdar am mìr ro-ghnìomhaireach *nar(a)*<sup>(s)</sup> §245 (iii) an co-bhuinn ris an tràth mheasgaichte gus modh guidheach àicheil a thoirt a-steach: *nara leigeadh am Fortan gum bi mise an seo gu Bealltainn* (≈Caimbeul 1874, 340); *nara faicinn fòirneart, is Rìgh na Glòire rim cheann* (*Carmina Gadelica*

37. Ga cleachdadh an ceann a deas Earra-Ghàidheal (Grannd 2000, 22, 86), le eugsamhailean coltach: *gun robh mìle math agad; gun robh mòr math agad* [ḡə rə 'mo:ɾə 'ma<sup>(h)</sup> ,akəf̥] (Diorbhal Dennis agus Morbhairne Nic-a-Phì, à Ìle; le *mòr* 'meud mòr' na ainmear); coim. GE *go raibh (mìle) maith agat*.

38. Ach *gun soirbhicheadh Dia leotha air fad* (≈MacLeod 1829b, 47).

39. 'and well may it go with you' (ibid.).

40. Chaidh bàta à Inbhir Ùige, a rèir aithris, a bhriseadh air Staca nan Gall, staca air taobh a-muigh Dhaile Beaga, an Leòdhas; ged a chaidh an sgioba gu lèir a mharbhadh le muinntir an àite, cha deach cur às dhan fhear mu dheireadh mus d' fhuair e cothrom mallachd a chur air an àite: *Daile Beaga, Daile Beaga, masa beag e, masa beag e, guma beag e, guma beag e, cha bhi mac an àite a athar no nighean an àite a màthar* (Cox 2002, 374).

41. Cleachdadh guidheach den naisgear *gur(a)*<sup>h</sup> a tha seo, .i. cruth fo-leantach làthaireach naisgeil a' ghnìomhair *IS* (< *IS* + an sean mhìr coileanta *ro*).

III, 336). Air uairean, gheibhear *nar(a)*<sup>(S)</sup> leis an tràth theachdail: 's *mura math lean thu fallain, nara mheal mi mo shlàinte!* (≈Dughallach 1876, 370).

### §295 Am modh àithneach

#### §295 (i) Tràth

Sa mhodh àithneach, chan fhaighear ach an tràth làthaireach agus 's e an t-aon riochd a chleachdar ann an dreuchdan neo-eisimeileach agus eisimeileach a' ghnìomhair: (neo-eisimeileach) *cuir ort do chòta!*; (eisimeileach) *na cuir an còta sin ort!*

#### §295 (ii) Co-thàthadh ~ neo-thàthadh

Cleachdar measgachadh de chruthan co-thàthte agus neo-thàthte sa mhodh seo: (1d sg.) *leugham am pàipear!*; (2ra sg. – neoni) *na bi gòrach!*; *na gabh dragh!*; (3s sg./iol.) *seinneadh i òran no dhà!*; *na biodh iomagain oirbh!*; *na biodh leisg oirbh fios a chur thugainn!*; *itheadh iad cèic!*; (1d iol.) *togamaid gàrradh thairis air seo!*; *fuireamaid còmhladh!*; *dèanamaid ùrnaigh!*; *na (h-)abramaid cus mu dheidhinn!* = *na canamaid cus mu dheidhinn!*; *falbhamaid an-dràsta!*; *cluicheamaid geama!*; (2ra iol.) *cuiribh oirbh ur còtaichean!*; *na fàgaibh an seo iad!*; *na dèanaibh sin!*; (fulangach) *sùghtar am branndaich mus còmhdaich thu a' chèic!*

#### §295 (iii) Iomchur

Cleachdar an structar iomchuir *leig do*<sup>S</sup>, *leigibh do*<sup>S</sup> + ainmear gnìomhaireach – agus uimhir, pearsa agus gnè air a chur an cèill leis an roimhear: *leig dhomh a chluinntinn!* = *chuinneam e!*

Airson cheistean àicheil air an cleachdadh nam modh àithneach, faic §292 (vi); airson *biodh ... no* san t-seagh 'cò dhiubh ... no', faic §338 (ii) (b) (δ).

### §296 An gnìomhair *BI*: cleachdadh

#### §296 (i) Mineachadh

Cha ghabh an gnìomhair *BI* coileanadh ainmearach ach na bhios na àireimh, prìs, meud 7c §181, m.e. *tha e fichead bliadhna a dh'aois*; *tha iad trì nota deug*; *tha sin cus*; *chan eil a bheag de naidheachd ann*. A bharrachd air sin, feumar roimhear a chleachdadh gus an dàimh eadar cùisear agus coileanadh ainmearach a chur an cèill, m.e. *tha i na dotair* (leis an roimhear *an*<sup>m</sup> §349 (ix) (d)); air neo, na àite, feumar structar leis a' ghnìomhair *IS* a chleachdadh §307 (ii): 's e dotair a th' innte (nas sine: *is dotair i*).

Gabhaidh dealachadh foirmeil dèanamh eadar *tha i na dotair* (.i. am measg rudan eile na beatha, tha i clàraichte na dotair) agus 's e dotair a th' innte (.i. is ionann i agus dotair), m.e. *tha i na dotair ach chan e dotair a th' innte*, .i. ged as e dotair as dreuchd dhi, cha dèan i an gnothach san dreuchd sin (coim. Gillies 1993, 211).

## §296 (ii) Bith

Cleachdar an gnìomhair *BI* an co-bhuinn ri a choileanadh gus bith a' chùiseir a dhearbhadh: mura tèid àite àraidh a shònrachadh, cleachdar treas pearsa fireann an riochdair roimhearail *an<sup>m</sup>* §349 (xi) (a) na cho-ghnìomhair gus bith no làthaireachd a' chùiseir a stèidheachadh: *a bheil thu ann?*; *tha an t-uisge ann a-rithist*; *bidh sinn ann aig ochd uairean*; *a bheil duine a-staigh?*; *tha stuth math san tasglann*; *bha mòran dhaoine air a' bhus*; *tha cus an seo*; *an robh biadh gu leòr agad?*; *tha an càr seo lem athair*.

## §296 (iii) Tuairisgeul

Cleachdar an gnìomhair *BI*, mar an ceudna, an co-bhuinn ri coileanadh buadhaireach gus nàdar no buadh a' chùiseir a chur an cèill: *bha e (gu) trang*; *t a i glè chomasach*; *bha mi uabhasach sgìth*; *tha am bòrd donn*; *tha i blàth an-diugh*; *bhiodh sin inntinneach*.

## §296 (iv) Tràthan iomchuir

A thuilleadh, cleachdar an gnìomhair *BI* an co-bhuinn ri ainmearan gnìomhaireach gus tràthan iomchuir a chruthachadh a chuireas cor no gnìomhachd a' chùiseir an cèill, m.e. *tha mi nam chadal*; *tha mi ag ionndrainn mo charaid* 7c. Faic §299.

## §296 (v) Mar chopail

'S ann le àireamhan agus aonadan meud a-mhàin a chleachdar an gnìomhair *BI* mar chopail ann an rosgrannan le coileanadh ainmearach §296 (i), m.e. *bidh mi trì air fhichead a-màireach*.<sup>42</sup> Faic §181.

## §297 Sineadh

## §297 (i) Rosgrannan iomchuir

Cuirear sineadh air gnìomhairean neo-tharbhach ann an rosgrannan iomchuir §308 (ii): *rinn mi e > 's ann a rinn mi e*; *bha mi nam chadal > 's ann a bha mi nam chadal*.

## §297 (ii) Le cruthan co-thàhtte

Ann an cruthan gnìomhaireach co-thàhtte, cleachdar dùnaidhean sìnidh gus sineadh a chur air pearsa: (tràth làthaireach §291 (ii)) 1d sg. *guidheam-sa*; (tràth measgaichte §294) 1d sg. *chuirinn-sa*; 1d iol. *chuireamaid-ne*; (modh àithneach §295 (ii)) 1d sg. *cuiream-sa*; 1d iol. *cuireamaid-ne*; 2ra iol. *cuiribh-se*. Ann an dàrna pearsa a' mhodh àithnich, thèid riochdair pearsanta sìnte a chleachdadh: *seas!* > *seas thusa!*

Airson riochdairean pearsanta sìnte (*mise*; *thusa* 7c) a chleachdar le cruthan gnìomhaireach neo-thàhtte, faic §188 (i).

42. 'S ann a tha rosgrann mar *tha e sin* na ghiorrachadh air *tha e an sin* §210 (ii) + b-n 19.

**§298 Cleachdadh: tràthan iomchuir**

An co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach, nì na gnìomhairean *BI* §299, *RACH* §300, *GABH* §301 agus *DÈAN* §302 raon de thràthan iomchuir.

**§299 Tràthan iomchuir leis a' ghnìomhair *BI***

Cleachdar tràthan simplidh a' ghnìomhair *BI* §268 (xi) còmhla ri ainmear gnìomhaireach §251 air a chomharradh le roimhear a chuireas ri modh no aogas na h-abairte gnìomhairich; a thaobh co-rèir, faic §253 (iv).

**§299 (i) Leis an roimhear *aig***

Sa chruth *a'*, no *ag* ro fhuaimreagan (agus mar as trice ro *ràdh*), cuiridh an roimhear *aig* §345 (ix) an cèill:

§299 (i) (a) Aogas leantainneach<sup>43</sup>: *tha mi ag iarraidh bainne; chan eil thu a' leughadh an leabhair sin, a bheil?; tha mi ag obair aig Boots an-dràsta; bha i a' ceannach a' phàipeir; bidh sinn a' falbh, nuair a thilleas tu;* le riochdair mar chuspair aig an ainmear gnìomhaireach air a cho-mheasgachadh ris an roimhear §190 (iv): *tha an fheòil seo cho rìghinn 's nach eil mi ga h-iarraidh; bidh a' bhùth ud gan reic ceart gu leòr; tha i ga dhèanamh an-dràsta; bidh e ga chàradh an ath-sheachdain;* (fulangach) *bidh an taigh ga pheantadh an t-seachdain seo; tha na clasaichean-oidhche gan ruith leis a' chomhairle; b' e BBC ALBA a bha ga sgaoileadh; thathas ag ràdh gu bheil òr sna beanntan ud; bhite a' bruidhinn na Gàidhlig air Hiort; thathas ag ràdh gum bi stoirm ann a-màireach; bhathas a' gealltainn sin an-dè.*

§299 (i) (b) Aogas leantainneach gnàthach: *seach nach eil mòran airgid agam, bidh mi ag obair aig bùth Disathairne; bhiodh i a' feitheamh orm aig ceann an rathaid; bhithinn ag ithe lite gu mo bhracaist, nuair a bha mi beag; bhiodh brù-dhearg a' feitheamh ort, nan deigheadh tu a-mach le criomagan arain; bhithinn a' snàmh sa mhuir a h-uile latha, nuair a bha mi nam bhalach.*

§299 (i) (c) Aogas leantainneach coileanta: (an t-aogas coileanta air a chur an cèill leis a' cho-theags a-mhàin) *tha mi ag obair ann an Inbhir Nis fad thrì mìosan; bha mi a' fuireach an sin fad chòig bliadhna.*

**§299 (ii) Leis an roimhear *ri***

An co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach, cuiridh an roimhear *ri* §368 (viii) (f) an cèill aogas leantainneach agus a bhith an sàs ann an gnìomhachd air choreigin: *tha i ri peantadh dhealbhan; tha iad ri sreap an-dràsta; tha e ri sgrìobhadh sgeulachdan goirid; tha e ri òl;* agus le ainmear seach ainmear gnìomhaireach: *tha e ris an deoch.*

---

43. Gheibhear an roimhear *ri* ga chleachdadh an àite an roimheir *aig* air uairean.

§299 (iii) Leis an roimhear *an<sup>m</sup>*

Cleachdar an roimhear *an<sup>m</sup>* §349 (ix) (d), air a cho-mheasgachadh ri riochdair seilbheach §190 (iv), + ainmear gnìomhaireach gus aogas leantainneach a chur an cèill a thaobh shuidhichean corporra: *tha mi nam shuidhe*<sup>44</sup>; *bha e na chrùbadh*; *bidh iad nan ruith*; *bha i na coiseachd*; *bhiodh sibh nur laighe*; *a bheil thu nad chadal fhathast? chan eil, 's ann a tha mi nam dhùisg*<sup>45</sup>; *bha iad nan seasamh ris a' bhalla*; *bhithinn nam shìneadh mun uair sin*; agus, le riochdair seilbheach agus ainmear a-mhàin, a thaobh dreuchd no suidheachaidh: *bha mi nam oileanach*; *tha e na leisgear*; *latha air choreigin*, *bidh thu nad bhancair sa bhaile-mhòr*; *nuair a bha mi nam bhalach beag*; *a bheil i na dotair?*

§299 (iv) Leis an roimhear *airson*

Cleachdar an roimhear *airson* §253 (iv) (b) + ainmear gnìomhaireach gus miann a chur an cèill: *tha mi airson falbh aig ceithir*; *a bheil thu airson ithe aig uair?*; *bhithinn-sa airson a h-uile càil a dhèanamh aig an aon àm*; le cuspair na riochdair: *bha iad airson a cheannach*; *chan eil mi airson am fàgail nan aonar*.

§299 (v) Leis an roimhear *air<sup>(n-)</sup>*

Cleachdar an roimhear *air<sup>(n-)</sup>* §348 (i) + ainmear gnìomhaireach gus aogas coileanta a chur an cèill: (dearbhadh: spreigeach) *tha sinn air ithe mar-thà*; *nach bi thu air a dhèanamh mus ruig sinn?*; *ma thig thu dhachaigh cho anmoch ri sin*, *bidh sinn air a dhol innte*; *tapadh leat airson na litreach, ged nach eil mi air a leughadh fhathast*; (fulangach) *bha an leabhar air a sgrìobhadh le a bhràthair*; *tha a' Ghàidhlig air a labhairt an Albainn bho chionn iomadh ceud bliadhna* (≈Watson 1929, 33); *tha a làmh air a goirteachadh*; *bha an taigh aige air a cheannach leotha*; (gnàthach: spreigeach) *bha an cù cho sgiobalta is gum biodh e air a bhìadh uile (a) ithe, mus do sheall thu riut fhèin*; (leantainneach) *tha i air a bhith ag obair an seo fad an latha*; (fulangach) *bha na dorsan air a bhith gam peantadh fad na maidne*.<sup>46</sup>

44. Iom-sgaraich *tha mi nam shuidhe*, i. *tha mi air mo thòin sa chathair*, ri *tha mi a' suidhe*, i. *tha mi a' gluasad gu bhith a' cur mo thòn sa chathair*.

45. 'S e giorrachadh air *dùisgeadh* a th' ann an *dùisg* sa charachadh seo; eugsamhail air an ainmear gnìomhaireach àbhaisteach *dùsgadh*; coim. (Ros an Ear) *bha e dùisgeadh i às an gas*, i. *bha e ga dùisgeadh às a' ghas* (Watson 2007, 78), (Beinn na Fadhlà) *bha mi na mo dhùisgeadh ùine fhada* (*LASID* IV, App. I (d), B-509); GE *dùisgeadh*, ri taobh *dùis(c)eacht* (Ó Dónaill, s.v. *dùisigh*, *dùiseacht*), GM *ren mee dooishtagh* (Broderick 1984 II, 126) 'rinn mi dùisgeadh'; mothaich, cuideachd, (Cinn Tìre) *bha mi dùisgte* [du:!'k'ə] (*LASID* IV, App. I (b), B-509), (Ìle, agus Earra-Ghàidheal san fharsaingeachd) *an robh thu dùisgte* [tu(:)'tjə]? (Holmer 1938, 158), le buadhair gnìomhaireach §250.

46. Cleachdar an roimhear fillte *an dèidh* an àite *air<sup>(n-)</sup>* air uairean.

§299 (vi) Leis na roimhearan **aig + ri**

Cleachdar an roimhear **aig** §345 (viii) (b) an co-bhuinn ris an roimhear **ri** gus feum a chur an cèill; bheir an roimhear **aig** greasadair an rosgrainn ghnìomhairich a-steach §257 (ii), fhad 's a bhios an roimhear **ri** a' comharradh an ainmeir ghnìomhairich: *tha agam ri falbh an-dràsta; a bheil againn ri sin a dhèanamh a-rithist?; bidh aig a' bhodach ris an cat a chur a-mach mus tèid e dhan leabaidh; tha agam ri trì aistidhean a sgrìobhadh sna saor-làithean; le cuspair na riochdair: bha aice ri (a) ghlanadh mus tàinig iad; (leantainneach) bha againn ri bhith ga dhèanamh uair is uair.*

§299 (vii) Leis an roimhear **gu(s)**

An co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach, cuiridh an roimhear **gu(s)** §253 (iv) (b) an cèill a bhith an impis rudeigin a dhèanamh: *bha e gus òran a sheinn; tha mi gus an doras a dhùnadh; tha thu gu bhith sgìth a-nochd; tha mi gus bàsachadh leis an acras; agus le cuspair na riochdair: tha i gu (a) dhèanamh; (fulangach) thathas gus a bhith a' cur suas talla ùr.*

§300 Tràthan iomchuir le **RACH**

Cleachdar an gnìomhair **RACH** an co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach gus guth fulangach a chur an cèill: (dearbhadh) *thèid an geama buill-coise a chluiche Dimàirt; cha deach an t-seirbheis a sgaoileadh air an telebhisean a-raoir; (gnàthach) thèid òrain a sheinn aig gach cèilidh; thèid talla a' bhaile a pheantadh gach bliadhna; (dearbhadh) chaidh an cù a lorg an-dè; thèid na rumannan-cadail a ghlanadh an ath-sheachdain; chaidh a' phiseag a mharbhadh le càr; an deach na h-uinneagan a bhriseadh leis an spreadhadh? chaidh; (coileanta) chaidh a' bhò a bhleoghan mar-thà; (neo-choileanta) dheigheadh an sgudal uile a chur fon talamh uair; rachadh an doras (a) fhosgladh aig 7.30f aig an àm ud; dheigheadh an cù a lorg gach uair a dheigheadh e air chall; le cuspair na riochdair: chaidh a lorg air an t-sràid; chaidh an togail air a' mhadainn; thèid an ròstadh san teine; an rachadh am pòsadh nan robh airgead gu leòr aca? rachadh; thèid mo sgrìos; chaidh a mharbhadh sa chogadh; le clàsan dàimheach: cuin a chaidh a' bheing seo a pheantadh?; 's iomadh taigh grinn a chaidh a thogail ann; 's e sin na thèid a ràdh; b' e siud a' chiad eaglais a chaidh a thogail sa bhaile; 's i an tè a chaidh a chur an dreuchd an-dè; cò a thèid a chur gu bàs?; tha tòrr dhaoine a chaidh (a) fhògradh às a' bhaile sa a' fuireach thall thairis a-nis; b' e sin na chaidh (a) fhàgail agam.*

A thaobh co-rèir, faic §253 (vii).

§301 Tràthan iomchuir le **GABH**

Cleachdar an gnìomhair **GABH** an co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach gus guth fulangach comais a chur an cèill: (làthaireach gnàthach) *an gabh an geansaidh*

seo *nighe?* cha ghabh; *gabhaidh e dèanamh*; an *gabh* am balgan-buachair seo *ithe?* gabhaidh; *gabhaidh an toll sin càradh*; *gabhaidh iad ròstadh san àmhainn*; (neo-choileanta) nach *gabhadh fuaim na pioba cluinntinn à seo?*; cha *gabhadh e ithe*.<sup>47</sup>

A thaobh co-rèir, faic §253 (v).

### §302 DÈAN mar ghnìomhair cobhrach

Cleachdar an gnìomhair *DÈAN* mar ghnìomhair cobhrach an co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach: *dèan ar teàrnadh!* (MacFhionghain 1990, 1); *dèanaibh suidhe!*; *dhuibhse a nì feòrach ciod òigridh a th' ann* (≈Moireach 1970, 66); an *guidhe gun dèan mi guidhe* (Somhairle MacGill-Eain: Whyte 2007, 69); *rinn i cadal*; *mur d' robh thu carraid*, *rinn thu murt*, .i. mura robh thu a' sabaid, tha thu air cuideigin a mhurt (Watson 2007, 52); *cha d' rinn i fuireach no tàmh* (≈Campbell 1872, 134); *ma rinn thu mise a thrèigsinn le comhairle luchd-brèige* (≈An Gaidheal II, 310); 's lìonmhor fear nach *d' rinn èirigh* (MacKenzie 1873, 81); *gur ciùrrte a rinn iad m' fhàgail* (≈MacKenzie 1907, 382); 's trom an galar ... [a] *rinn ar n-anail a mhùthadh* (≈MacDonald 1894, 138); an leòmhan fulangach rìoghail nach *d' rinn an fhùrinn a mhùthadh* (MacDonald is MacDonald 1911, 74).

A thaobh co-rèir, faic §253 (vi).

### §303 An gnìomhair *IS*: mìneachadh

Cleachdar an gnìomhair *IS* mar ghnìomhair copail, .i. gnìomhair a naisgeas cùsear ri a choileanadh, aon chuid ainmear, riochdair no buadhair. Airson an diofair eadar *IS* agus an gnìomhair *BI*, faic §296 (i).

### §304 An gnìomhair *IS*: cruth

Cha lorgar aig a' ghnìomhair *IS* ach an guth spreigeach, am modh taisbeanach (agus fuidhill den mhodh fho-leantach) agus an dà thràth (làthaireach is caithte, le corra aogas); cha chomharraichear uimhir no pearsa (ach faic §306 (ii)).

Thèid riochdan tràth làthaireach a' ghnìomhair *IS* a cho-mheasgachadh mar as trice ris an fhacal no ris a' mhìr a thig air thoiseach air, m.e. (riochdair ceisteach §304 (v)) *cò thu?*; (an riochdair dàimheach àicheil §304 (iv)) 's *fhada bho nach fhaca mi thu*; (an riochdair dàimheach claon §304 (vii)) 's *e seo an dùthaich far an urrainn dha duine a bhith saor*; (mìrean ro-ghnìomhaireach àicheil §304 (viii)) *chan fheàrr dhuinn fuireach fada*; (naisgearan fo-òrdanachaidh §304 (x)) *cha chreid mi gur e sin na thachair*.

47. Tro cho-rèiteachadh ris a' cho-rèir, mar eisimpleir, ann an *thèid a' phìob a chluinntinn* §300, air uairean gheibhear *gabhaidh a' phìob a chluinntinn seach gabhaidh a' phìob cluinntinn*.

	LÀTHAIREACH		CAITHTE	
DREUCHD	DEARBHTE	ÀICHEIL	DEARBHTE	ÀICHEIL
RIOCHD: NEO-EISIMEILEACH				
(i) Neo-eisimeileach	<i>is<sup>f</sup>, 's<sup>f</sup></i>		<i>bu<sup>s</sup>, b<sup>s</sup></i>	
RIOCHD: DÀIMHEACH				
(ii) Dàimheach (bunasach)	<i>as<sup>f</sup></i>	<i>nach<sup>f</sup></i>	<i>a bu<sup>s</sup></i>	<i>nach bu<sup>s</sup></i>
(iii) Fàisneach	<i>nas<sup>f</sup></i>		<i>na bu<sup>s</sup></i>	
(iv) Le naisgear dàimheach	<i>mas<sup>f</sup></i> <i>masa<sup>h-</sup></i>		<i>ma bu<sup>s</sup></i>	
	<i>na 's<sup>f</sup></i>		<i>na bu<sup>s</sup></i>	
	<i>ge<sup>h-</sup></i> <i>ged as<sup>f</sup></i>	<i>ge nach<sup>f</sup></i> <i>ged nach<sup>f</sup></i>	<i>ge bu<sup>s</sup></i> <i>ged bu<sup>s</sup></i>	<i>ge nach bu<sup>s</sup></i> <i>ged nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>(bh)on as<sup>f</sup></i>	<i>(bh)o nach<sup>f</sup></i>	<i>(bh)on a bu<sup>s</sup></i>	<i>(bh)o nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>(bh)os<sup>f</sup></i>	<i>(bh)o nach<sup>f</sup></i>	<i>(bh)o bu<sup>s</sup></i>	<i>(bh)o nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>nuair as<sup>f</sup></i>	<i>nuair nach<sup>f</sup></i>	<i>nuair a bu<sup>s</sup></i>	<i>nuair nach bu<sup>s</sup></i>
(v) Le riochdair ceisteach	<i>cò</i> <i>cò as<sup>f</sup></i>	<i>cò nach<sup>f</sup></i>	<i>cò (a) bu<sup>s</sup></i>	<i>cò nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>cò ris as<sup>f</sup></i>	<i>cò ris nach<sup>f</sup></i>	<i>cò ris a bu<sup>s</sup></i>	<i>cò ris nach bu<sup>s</sup></i>
(vi) Le riochdair ro-theachdail	<i>na 's<sup>f</sup></i>		<i>na bu<sup>s</sup></i>	
RIOCHD: EISIMEILEACH				
(vii) Dàimheach claon	<i>ris an<sup>m</sup></i>	<i>ris nach<sup>f</sup></i>	<i>ris am bu<sup>s</sup></i>	<i>ris nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>càit an<sup>m</sup></i>	<i>càite nach<sup>f</sup></i>	<i>càit am bu<sup>s</sup></i>	<i>càite nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>far an<sup>m</sup></i>	<i>far nach<sup>f</sup></i>	<i>far am bu<sup>s</sup></i>	<i>far nach bu<sup>s</sup></i>
(viii) Le mìr àicheil	<i>cha<sup>s</sup>(n<sup>f</sup>)</i>		<i>cha bu<sup>s</sup></i>	
	<i>nì<sup>h</sup>, nì 'n<sup>m</sup></i>		<i>nì bu<sup>s</sup>, nì'm bu<sup>s</sup></i>	
	<i>nior<sup>s</sup></i>		<i>nior bu<sup>s</sup></i>	
				<i>nar(a)<sup>s</sup></i>
(ix) Le mìr ceisteach	<i>an<sup>m</sup></i> <i>air<sup>s</sup></i>	<i>nach<sup>f</sup></i>	<i>am bu<sup>s</sup></i>	<i>nach bu<sup>s</sup></i>
(x) Le naisgear fo-òrdanachaidh	<i>gur<sup>(h-)/f</sup></i> <i>gun<sup>f</sup></i>	<i>nach<sup>f</sup></i>	<i>gum bu<sup>s</sup></i>	<i>nach bu<sup>s</sup></i>
	<i>mus<sup>f</sup></i> <i>mun<sup>m</sup></i>		<i>mus bu<sup>s</sup></i> <i>mum bu<sup>s</sup></i>	
		<i>mur(a)<sup>h-</sup></i> <i>mur an<sup>m</sup></i> <i>mana<sup>h-</sup></i>	<i>nam bu<sup>s</sup></i>	<i>mur(a) bu<sup>s</sup></i> <i>mur am bu<sup>s</sup></i> <i>mana bu<sup>s</sup></i>

## §304 (i) Neo-eisimeileach

Riochdan neo-eisimeileach: (neo-eisimeileach: làthaireach) *is math sin; 's e Dòmhnall a rinn e; (caithte) bu mhath sin; b' e Dòmhnall a rinn e.*

## §304 (ii) Dàimheach (bunasach)

Riochdan leis an riochdair dhàimheach bhunasach §199 (i) (b): (dàimheach: làthaireach) *an duine as beag misneachd; am fear as fheàrr leat; a' chaileag as lugha; (caithte) an duine a bu bheag misneachd; am fear a b' fheàrr leat; am balach a bu lugha; (àicheil: eisimeileach: làthaireach) an tè nach fheàrr leat; (caithte) an tè nach b' fheàrr leat.*

## §304 (iii) Fàisneach

Riochdan leis a' mhìr fhàisneach<sup>48</sup>: (dàimheach: làthaireach) *caileag nas lugha; tha an gille nas motha; (caithte) balach na bu lugha; bha e a' fàs na bu mhotha.*

## §304 (iv) Le naisgearan dàimheach

Riochdan le naisgearan dàimheach bunasach §334: (dàimheach: làthaireach) *bho 's cuimhne leam; bhon as urrainn dhomh (a) fhaicinn; ge h-àrd i; ged as fheàrr leam sin; mas e do thoil e; masa beag e; tha sin nas luaithe na 's urrainn dhòmhsa ruith; tha sin nas fhaide na 's urrainn dhutsa a thilgeil; nuair as fhasa a dhèanamh; (caithte) bho bu chuimhne leam; bhon a b' urrainn dhomh (a) fhaicinn; ma bu bheag e; ge b' àrd i; ged a b' fheàrr leam sin; nuair a b' fhasa a dhèanamh; (àicheil: eisimeileach: làthaireach) bho nach urrainn dhomh fhaicinn; ged nach fheàrr leam sin; ge nach fhurasta e; bho nach cuimhne leam; nuair nach fhasa a dhèanamh; (caithte) bho nach b' urrainn dhomh (a) fhaicinn; bho nach bu chuimhne leam; ged nach b' fheàrr leam sin; nuair nach b' fhasa a dhèanamh.*

## §304 (v) Le riochdairean ceisteach

Riochdan le riochdairean ceisteach §199 (ii) (b): (dàimheach: làthaireach) *cò esan?; dè as fheàrr?; cò as caomh leis seo?; cò ris as fheàrr bruidhinn?; (caithte) cò b' esan?; cò bu chaomh leis seo?; cò ris a b' fheàrr bruidhinn?; (àicheil: eisimeileach: làthaireach) cò nach esan?; cò nach caomh leis seo?; cò ris nach fheàrr bruidhinn?; (caithte) cò nach b' esan?; cò nach bu chaomh leis seo?; cò ris nach b' fheàrr bruidhinn?*

## §304 (vi) Leis an riochdair dhàimheach ro-theachdail

Riochdan leis an riochdair dhàimheach ro-theachdail §202 (dearbhte a-mhàin): (dàimheach: làthaireach) *'s e sin na 's urrainn dhomh a dhèanamh; (caithte) b' e sin na b' urrainn dhomh a dhèanamh.*

48. .i. riochd dàimheach a' ghnìomhair gu 'n deach am mìr no an ro-leasachan fàisneach *n~* a chur §138 (i) (b), b-n 3.

§304 (vii) Leis an riochdair dhàimheach chlaon

Riochdan leis an riochdair dhàimheach chlaon §200: (eisimeileach: làthaireach) 's iad na daoine **ris an fheàrr** bruidhinn; **càit an** urrainn dhomh seo a chur?; 's e sin **far an** urrainn dhut seo a chur; (caithte) **b' iadsan** na daoine **ris am b' fheàrr** bruidhinn; **càit a b' urrainn** dhomh seo a chur?; **b' e sin far am b' urrainn** dhut seo a chur; (àicheil) 's iadsan na daoine **ris nach** fheàrr bruidhinn; **càit nach** urrainn dhomh seo a chur?; 's e sin **far nach** urrainn dhut seo a chur; **b' iadsan** na daoine **ris nach b' fheàrr** bruidhinn; **càit nach b' urrainn** dhomh seo a chur?; **b' e sin far nach b' urrainn** dhut seo a chur.

§304 (viii) Le mìrean àicheil

Riochdan leis na mìrean ro-ghnìomhaireach àicheil §245: (eisimeileach: làthaireach) **chan aithne** dhomh e; **ni h-eagal** dhut, a Phàdraig (*≈An Teachdaire Ùr Gàidhealach*, 79); (caithte) **cha b' aithne** dhomh e; **nior b' àill** leatha sòlas a ghabhail (*≈Mata 1767, 2:18*); **nara sàraichte** thu le fir (*≈Carmina Gadelica III, 192*) §245 (iii), b-n 8.

§304 (ix) Le mìrean ceisteach

Riochdan leis na mìrean ceisteach §242: (eisimeileach: làthaireach) **an toigh** leat seo?; **nach toigh** leat seo?; **olc air mhath** leat e<sup>49</sup>; (caithte) **am bu toigh** leat seo?; **nach bu toigh** leat seo?

§304 (x) Le naisgearan fo-òrdanachaidh

Riochdan le naisgearan fo-òrdanachaidh §336: (eisimeileach: làthaireach) **mus urrainn** dhut a dhèanamh, feumaidh tu seo a chrìochnachadh; **mura h-urra**inn dhut fuireach an-dràsta, till a-màireach!; is cinnteach **gur e** (no **gun e** §336 (iv) (b) (δ)); **tha na lighichean a' meas gur feàrrde** mi atharrachadh àite-tàmh (no **gun fheàrrde**) (*≈Fear-tathaich Miosail II, 226*); **gura tu mo roghainn** de thaghadh fir Alba (gun urra: Black 2001, 186); is cinnteach **nach e**; **gura math** a thèid leibh §294 (iii) (c), b-n 41; (caithte) **mus b' urrainn** dhut a dhèanamh, dh'fheumadh tu seo a chrìochnachadh; **nam b' e latha math** a bh' ann, dhèanamaid e; **mura b' urrainn** dha fuireach fada, thigeadh e a-rithist; is cinnteach **gum b' e**; is cinnteach **nach b' e**; **guma fada** beò thu.

49. 'S e seo an aon abairt far am mair am mìr seo *air*<sup>s</sup> ann an Gàidhlig na h-Albann; b' e cruth fo-leantach caithte aig a' chopail a bh' ann bho thùs, ga chleachdadh an seo mar mhìr ceisteach neo-dhìreach: *olc air mhath le* 'cò dhiubh as olc no as math le; cò aca as olc no as math le'; a rèir ciall na h-abairte, tha ciad tuiteamas a' chopail ri thuigsinn, .i. *\*air olc air mhath le*; coim. *ionus gur bheigin dalasdair anmhuin san rìoghacht ina ttarla olc ar mhaith leis e* (Leabhar Dubh Chlann Raghnaill c. 1710, *Reliquiae Celtica* II, 176–78), .i. ionnas gum b' èiginn do dh'Alasdair anmhainn (fanmhainn) san rìoghachd san do thachair e, olc air mhath leis e.

## §305 An gnìomhair IS: tràthan

Chan eil aig a' ghnìomhair IS ach an dà thràth: làthaireach agus caithte:

## §305 (i) Làthaireach

(Aogas dearbhach) *is ise am manaidsear; is mise a rinn sin; is math sin; tha mi an dòchas gur caomh leat* e<sup>50</sup>; *chan urrainn dhomh a thogail*<sup>51</sup>; *an urrainn dhut tighinn a-màireach? chan urrainn; nach truagh sin? is truagh;* (modh guidheach) *gur math a thèid leat!*<sup>52</sup>

## §305 (ii) Caithte

(Aogas dearbhach) *b' esan am fear a thàinig a dh'fhuireach an seo an-uiridh;* (aogas neo-choileanta) *b' fheàrrde mi corra sheachdain air an àirigh, nuair a bha mi nam bhrogach beag;* (modh cumhach) *am bu toigh leat rudeigin a dhèanamh a-nochd? cha bu toigh;* (modh cumhach ro-choileanta) *mura b' e am fuadach sin, cha bhitheamaid-ne cho math dheth an-diugh* (Shirley 2007, 8); *nan robh am prionnsa ud glic, b' ann a chuireadh e cisean air a chuid iochdaran a rèir luach an cuid fearainn* (*≈ Guth na Bliadhna VIII, àir. 1, 15–16*).

## §305 (iii) Làthaireach an àite caithte

Cleachdar an tràth làthaireach gu tric an àite an tràtha chaithte, far an tèid tràth an rosgrainn a shònrachadh nas fhaide air adhart san rosgrann, .i. is ionann (caithte) *b' e Calum an duine a rinn e* agus (làthaireach) *'s e Calum an duine a rinn e;* tuilleadh eisimpleirean: *an e thu fhèin a rinn sin? 's e; cha chreid mi gur e sin na thachair; tha e ag ràdh nach e sin a bh' ann.*

## §305 (iv) Teasgadh

Thèid *is* (no *is* + riochdair faisneach §189 (i) (c), §306 (iii), b-n 54) a theasgadh air uairean, m.e. *mise a th' ann < is mise a th' ann,* gu h-àraidh ann an rosgrannan far an e riochdair sònrachaidh §307 (i) (c) a th' anns a' choileanadh: *'s e siud an tidsear > siud an tidsear; 's e seo an t-oileanach > seo an t-oileanach.*

## §306 An gnìomhair IS: cleachdadh

## §306 (i) Raon

Cleachdar an gnìomhair IS ann an raon de shuidhichean: ROSGRANNAN AINMEARACH §307, ROSGRANNAN IOMCHUIR §308, CLÀSAN BUADHAIREACH §309, ABAIRTEAN MODHA §310, CLISGEARAN §311, BUADHAIREAN COIMEASACH §312 agus CLEACHDAIDHEAN MEASGAICHTE §313.

50. Gu h-eachdraidheil, am modh fo-leantach làthaireach.

51. Nas sine *nì<sup>h</sup>*: *nì h-eagal dhut, a Phàdraig* (*≈ An Teachdaire Ùr Gàidhealach, 79*) §245 (i) (b).

52. Gu h-eachdraidheil, am modh fo-leantach caithte.

## §306 (ii) Co-thàthadh

Gu h-eachdraidheil, b' e cruthan co-thàthte §263 (ii) a bh' aig a' ghnìomhair *IS*<sup>53</sup>, a' gabhail a-steach a' chùiseir, agus an-diugh gabhaidh cruthan a' ghnìomhair cleachdadh aon chuid san t-seagh 'tha' (*is mise Fionnlagh*) no 'tha e' (*is mise a rinn e*), a rèir co-theags.

## §306 (iii) Riochdair fàisneach

Thèid an gnìomhair a leantainn le riochdair fàisneach §189 (i) (c) (*e, i* no *iad*, a rèir gnè is uimhir a' choileanaidh<sup>54</sup>) air thoiseach air coileanadh ainmearach, m.e. 's e *Cailean an rùnaire*; 's i *Mòrag an tidsear*; 's iad *Ailean agus Catriona na h-oileanaich*; leanaidh an argamaid chùisearail an coileanadh agus seasaidh i an còmhghar ris: 's e *Cailean an rùnaire*; 's i *Mòrag an tidsear*; 's iad *Ailean agus Catriona na h-oileanaich*. Mas e riochdair pearsanta a th' anns a' choileanadh, cha chleachdar riochdair fàisneach, 's *iadsan na h-oileanaich*, ach, gu tric, ann an rosrannan iomchuir §308.

## §306 (iv) Sineadh

Bidh cruthan an riochdair phearsanta – sìnte no beumte – ann an rosrann copail an urra ris an t-sineadh san rosrann fhèin: (sineadh air a' choileanadh) *is tusa an tidsear?*; (air a' chùisear) *an tu an tidsear?*<sup>55</sup>

## §306 (v) Iar-cheistean agus iar-fhreagairtean

Ann an iar-cheistean agus iar-fhreagairtean, a thuilleadh air a' ghnìomhair fhèin, thèid an coileanadh (no an riochdair no co-ghnìomhair fàisneach, ma bhios fear ann §306 (iii)) ath-aithris: *an urrainn dhut snàmh? chan urrainn; an ionann an dà rud seo? chan ionann; is coltach gum bi an t-uisge ann an-diugh fhathast – is coltach; an ann an-dè a bha thu a' bruidhinn ris? 's ann; bidh riochdairean pearsanta beumte §186, ged nach aithnichear sin san sgrìobhadh §188 (ii): *an tusa Murchadh? is mi; am bu tusa a rinn sin? cha bu mhi; nach b' iadsan a thàinig a-steach air dheireadh? b' iad.**

53. B' e SG *is* an treas pearsa singilte aig an tràth làthaireach; b' e GT *bud* an treas pearsa singilte aig an tràth chaithte, a chuireadh a *d / ð /* dheiridh bacadh air sèimheachadh ann an *d* agus *t* thoisich; às a sin, *bu tusa an laochan*, coim. §187 (ii) + b-n 1.

54. Ged as tric a thèid *e* singilte fireann a chleachdadh a dh'aindeoin gnè agus uimhir a' choileanaidh.

55. Coim. 's e *do bheatha*, freagairt mhodhail a chleachdar an dèidh do chuideigin buidheachas a thoirt, coim. *F je t'en prie!*, Gearm. *bitte!* Molaidh Calder (1972, 99) gur e 's *E* (.i. *Dia*) *do bheatha* tùs na h-abairte seo; 's math dh'fhaodte gur e frith-riochd a th' ann de \**Dia do bheatha*, coim. GE *Dé do bheatha* (< SG *Día do bethu*, *DIL*, s.v. *betha*) leis an aon bhrìgh.

## Co-rèir a' ghnìomhair IS

§	Gn.	R.F.	Coileanadh	Cùisear/Argamaid chùisearail
§307 (i)(a)	<i>is</i>		<i>esan</i>	<i>an tidsear</i>
	<i>is</i>		<i>ise</i>	<i>an dotair</i>
	<i>is</i>		<i>iadsan</i>	<i>na h-oileanaich</i>
§307 (i)(b)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>Ailean</i>	<i>an tidsear</i>
	<i>is</i>	<i>i</i>	<i>Màiri</i>	<i>an dotair</i>
	<i>is</i>	<i>iad</i>	<i>Iain is Seonag</i>	<i>na h-oileanaich</i>
§307 (i)(c)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>siud</i>	<i>an tidsear</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>sin</i>	<i>Màiri</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>seo</i>	<i>na h-oileanaich</i>
§307 (i)(d)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>do thoil</i>	<i>e</i>
§307 (ii)(a)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>dotair</i>	<i>a th' ann am Màiri</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>caileag bheag</i>	<i>a th' innte</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>dotairean</i>	<i>a th' anns na daoine sin</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>bogsa</i>	<i>a th' ann</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>bogsa</i>	<i>a tha (an) sin</i>
§307 (ii) (b)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>sin</i>	<i>bogsa</i>
§307 (ii) (c)	<i>is</i>		<i>bogsa</i>	<i>e</i>
§308 (ii) (a)	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>bainne</i>	<i>a cheannaich mi</i>
	<i>is</i>	<i>e</i>	<i>mise</i>	<i>a cheannaich bainne</i>
§307 (ii) (b)	<i>is</i>	<i>ann</i>	<i>an-diugh</i>	<i>a cheannaich mi bainne</i>
	<i>is</i>	<i>ann</i>	<i>a cheannaich mi bainne</i>	
§309 (i)	<i>is</i>		<i>bochd</i>	<i>sin</i>
	<i>is</i>		<i>bochd</i>	<i>nach bi iad ann</i>
§310	<i>is</i>		<i>truagh</i>	<i>sin</i>
	<i>is</i>		<i>truagh leam †</i>	<i>nach eil i gu math</i>

Gn = gnìomhair; R.F. = riochdair no co-ghnìomhair fàisneach

†Mar ghreasadair, tha dreuchd eàrr-choileanaidh aig *leam* an seo.

## §307 An gnìomhair IS: rosgrannan ainmearach

Cleachdar an gnìomhair IS gus a chur an cèill gu bheil an dàrna h-ainmear no riochdair co-ionann ris an ainmear no riochdair eile: *is i Màiri an dotair*, .i. tha an dotair co-ionann ri Màiri.

## §307 (i) Le coileanadh deimhinnte

§307 (i) (a) Mas e riochdair pearsanta §185 a th' anns a' choileanadh, cha chleachdar riochdair fàisneach §306 (ii): *is mise an tidsear; b' esan an saighdear; is ise an dotair; is iadsan na h-oileanaich; is iadsan Alasdair is Donnchadh; an tusa an tidsear? cha mhi* §244 (iii).

§307 (i) (b) Mas e ainmear a th' anns a' choileanadh, cleachdar riochdair fàisneach §189 (i) (c), §306 (iii), b-n 54, an dèidh a' ghnìomhair, air thoiseach air a' choileanadh fhèin: *is i Màiri an tidsear; nach e Dòmhnall an t-oileanach? chan e; 's e Calum an dotair; an i Màiri an tidsear? chan i; 's e mac-an-duine an t-ainmhidh as tùraile; 's e am mèirleach bràthair a' mhadaidh; 's i an oidhche an oidhche, nam b' iad na fir na fir* (≈Nicolson 1881, 257).

§307 (i) (c) Cleachdar an riochdair fàisneach do-mhùthaidh *e* mas e riochdair sònrachaidh a bhios anns a' choileanadh §210 (i) (a), b-n 18, .i. *e sin* 'sin'; *e seo* 'seo'; no *e siud* 'siud'; air a leantainn leis a' chùisear no leis an argamaid chùisearail: *'s e siud an tidsear; 's e seo an t-oileanach; b' e sin na h-oileanaich eile; cha b' e sin an dotair, am b' e? b' e; an e sin a' bhriogais a cheannaich thu? chan e*. Mas e clàs dàimheach a bhios anns an argamaid chùisearail, cleachdar an riochdair dàimheach ro-theachdail *na<sup>dh</sup>*: *'s e sin na tha nan comas* (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 468); *cha diùltainn-sa Jessie a phògadh nam b' e sin na bha a dhìth oirre* (≈MacEacharn 1910, 312); *'s e sin na tha an lagh ag iarraidh* (Dòmhnallach 2001, 27); *'s e seo na tha e ag ràdh* (≈MacMhaoilein 1990, 3); *ach 's e sin na bha a' beantainn ri Seumas* (≈ibid., 9).<sup>56</sup>

§307 (i) (d) Nochdaidh an abairt *mas e do thoil e; mas e ur toil e* 7c co-rèir nach do chùim ach a bheag de ghreim ann an Gàidhlig na h-Albann ach a gheibhear ann an Gàidhlig na h-Èireann.<sup>57</sup>

56. An-diugh, cleachdar an riochdair fàisneach do-mhùthaidh *e* mar as trice, an àite *e, i*, no *iad*, a rèir co-theags, ach gheibhear mùthadh ann an sgrìobhadh nas sine: *chan i sin an dùthaich idir a fhreagras dhaibhsan* (≈An Gàidheal I, 112); *ann an co-dhùnadh, chomhairlicheamaid dà nì a sheachnadh, agus is iad sin Gàidheil Ghlaschu agus sgoilearachd Ghàidhlig* (≈An Gàidheal II, 342). Bhiodh an riochdair dàimheach *na<sup>dh</sup>* a' solaradh coileanadh fhad 's a dhèiligte ri *e sin* 7c mar aonad, ach tha an riochdair sònrachaidh *sin* air a dhol na choileanadh air a cheann fhèin bhon uair sin.

57. San abairt *mas e do thoil e* 7c, leanar an co-rèir fo (a) shuas, *'s e Dòmhnall an tidsear*, seach am fear fo (b) shuas, *is esan Dòmhnall*, mar as nòs ann an Gàidhlig na h-Albann.

## §307 (ii) Le coileanadh neo-dheimhinnte

§307 (ii) (a) Ma bhios an coileanadh neo-dheimhinnte – sa chiad eisimpleir a tha seo shìos, *dotair*, le *e* mar as trice na riochdair fàisneach do-mhùthaidh – cleachdar rosgrann iomchuir §308, far an tèid ceann na h-argamaide cùisearail a thoirt a-steach leis an roimhear *an<sup>m</sup>* §349 ann an clàs dàimheach: *is e dotair a th' anns an duine sin; 's e bràthair dhan mhadadh a th' anns a' mhèirleach; 's e ainmhidh a th' ann am mac-an-duine; 's e ministear a th' ann am Màiri; an e fear-lagha a th' ann an Calum? 's e; 's e bogsa a th' ann am bucas; 's e iasg a th' ann an sgadan; 's e àite a th' ann am baile far am bi mòran a' fuireach; le riochdair roimhearail §349 (vi): b' e oileanach a bh' innte; 's e saighdear a bhios ann; nach e tidsearan a th' ann? chan e; am b' e breug a bha (an) sin? b' e; an e Màiri a tha (an) seo? 's e; 's e togalach mòr a tha (an) sin.<sup>58</sup>*

§307 (ii) (b) Far an e riochdair sònrachaidh §207 a th' ann an ceann na h-argamaide cùisearail, .i. 's e bogsa a tha (an) sin, gabhaidh rosgrann neo-iomchuir cleachdadh cuideachd, .i. 's e sin bogsa, .i. leis a' cho-rèir a gheibhear fo §307 (i) (b). Chithear co-rèir nas sine na tha fo §307 (ii) (a), shuas, gu h-àraidh ann an gnàth-fhacail agus seanfhacail, far an tig an coileanadh an dèidh a' ghnìomhair (gun riochdair fàisneach an làthair §189 (i) (c), §306 (iii), b-n 54) ann an rosgrann neo-iomchuir: *is dotair mi – is tu; bu tidsear i; an saighdearan iad?; bu leisgear Calum – b' e; nach oileanach Màiri? 's i; is ainmhidh mac-an-duine; is bràthair don mhadadh am mèirleach; is àite baile; am bogsa bucas? nach e?; is iasg sgadan; chan iasg cù; is togalach mòr sin.*

## §308 An gnìomhair IS: rosgrannan iomchuir

Canar ROSGRANN IOMCHUIR ri rosgrann far an tèid eileamaid ann an rosgrann a sgaradh bhon chòrr le clàs dàimheach. Cleachdar rosgrannan iomchuir

## §308 (i) Coileanadh neo-dheimhinnte

Gus rosgrannan ainmearach aig am bi coileanadh neo-dheimhinnte §307 (ii) (a) a chur an cèill, far an cuirear an coileanadh (*duine glic*) an dèidh an riochdair fhàisnich, agus far an tèid ceann na h-argamaide cùisearail (*Donnchadh*) a thoirt a-steach leis an roimhear *an<sup>m</sup>* §349 am broinn clàs dhàimhich: *'s e duine glic a th' ann an Donnchadh.*

## §308 (ii) Sineadh

Gus sineadh a chur air eileamaid àraidh ann an rosgrann, far an tèid an eileamaid air an tèid an sineadh a thoirt air adhart san rosgrann agus a leantainn le clàs dàimheach §203:

§308 (ii) (a) Gabhaidh aon chuid cùisear no cuspair dìreach aig rosgrann neo-

58. 'S e giorrachadh air *am b' e breug a bha an sin?* a th' ann an *am b' e breug a bha sin?* 7c.

bheumte cur an dèidh a' chopail + riochdair faisneach §189 (i) (c), §306 (iii), b-n 54, agus a leantainn le clàs dàimheach: \**chuala an cù an fheadag* > 's e *an cù a chuala an fheadag*; \**chuala an cù an fheadag* > 's e *an fheadag a chuala an cù*; \**cheannaich Iseabal càr* > 's e *Iseabal a cheannaich càr*; \**cheannaich Iseabal càr* > 's e *càr a cheannaich Iseabal*.<sup>59</sup>

§308 (ii) (b) Air an aon dòigh, cleachdar an copail, ach leis a' cho-ghnìomhair faisneach *ann* §349 (xi) (b), gus sìneadh a chur air abairtean roimhearail: \**tha Màiri aig an doras* > 's *ann aig an doras a tha Màiri (chan ann aig an uinneig)*; \**bha e à Peairt* > *b' ann à Peairt a bha e*; \**bha iad ag òl cofaidh* > 's *ann ag òl cofaidh a bha iad*; riochdairean roimhearail: \**bha an leabhar ud agam* > 's *ann agamsa a bha an leabhar ud*<sup>60</sup>; co-ghnìomhairean §421 no abairtean co-ghnìomhaireach: \**bidh an t-uisge ann a-nochd* > 's *ann a-nochd a bhios an t-uisge ann*; \**bidh iad a' tighinn an-diugh* > 's *ann an-diugh a bhios iad a' tighinn*; \**ged a tha e mar sin* > *ged as ann mar sin a tha e*; rosgrannan gu lèir: \**tha an t-acras orm* > 's *ann a tha an t-acras orm*; agus buadhairean faisneach §108: \**bidh sinn sgùth* > 's *ann sgùth a bhios sinn*.

### §309 An gnìomhair IS: clàsan buadhaireach

#### §309 (i) An coileanadh

Ann an clàsan buadhaireach, 's e buadhair a bhios anns a' choileanadh: *is math sin*; *bu truagh sin*; *is math nach eil an t-uisge ann*; *b' eòlach do sheanair air* §437 (v); *is luaithe deoch na sgeul* (≈Nicolson 1881, 263).

#### §309 (ii) Aig ceann rosgrainn

Gheibhear clàsan buadhaireach, agus dreuchd cho-ghnìomhaireach aca, gu tric aig ceann rosgrainn: (le naisgear fo-òrdanachaidh §336 (iv)) *is cinnteach gun tig e fhathast*; *cha mhòr nach do thuit mi* §319 (i); *is beag gun robh eòlas agam air*; *is dòcha gu bheil e ro fhliuch a bhith a' dol a-mach an-dràsta*; *is math a dh'fhaodte nach tig iad a-nochd*; (le naisgear fo-òrdanachaidh cumhach) *is iongantach mura bi gu leòr ann* §318 (i) (a); (le naisgear dàimheach bunasach §334) 's *fhada bho nach fhaca mi thu* §317.

### §310 An gnìomhair IS: abairtean modha

Cleachdar an copail còmhla ri ainmear no buadhair gus abairtean modha a chur an cèill; thèid greasadair a thoirt a-steach le roimhear:

59. An-diugh, cleachdar an riochdair do-mhùthaidh *e mar* as trice, an àite *e, i*, no *iad*, a rèir co-theags.

60. Cleachdar cruthan sìnte nan riochdairean roimhearail. Ann an sgrìobhaidhean nas sine, gheibhear co-rèir neo-iomchuir le riochdairean roimhearail: *is leamsa an leabhar sin* an àite 's *ann leamsa a tha an leabhar sin*.

## §310 (i) Tràth làthaireach

*is coma leam sin; is caomh leam na cheannaich thu; is dual dha a bhith anmoch; 's fheàrr leam ùbhlán; is lugha orm nobhailean goirid; is mòr leam seo; is caomh leam sin; is neònach leam sin; is truagh leam sin; is urrainn do Chalum beag leughadh a-nise<sup>61</sup>; (àicheil) cha mhath dhut sin (a) òl cuideachd; cha toigh leam fion dearg; chan fheàrr dhuinn fuireach fada; chan fhuilear dhut a chur air falbh fhathast<sup>62</sup>; (ceisteach) an aithne dhut e? chan aithne; am math leat sin? is math; (àicheil) nach fhiach dhuinn a dhol ann? chan fhiach; (dàimheach) chan e galar a th' ann as urrainn dhut a leigheas; ged as aithne dhomh sibh, cha chuimhnich mi air ur n-ainm; 's e sin mar as cuimhne leamsa e; dèan e, cho fada 's as urrainn dhut!; dè tha anns na biorain seo? biorain leis an urrainn dhut fighe; (àicheil) thig mi dhan chèilidh, ged nach urrainn dhomh dannsadh.*

## §310 (ii) Tràth caithte

*bu bheag leatha sin; b' fheudar dhomh falbh; b' àill leibh?<sup>63</sup>; b' i Seònaid a bu rogha(inn) leis; (àicheil) cha b' àbhaist dhomh feòil (a) ithe; (ceisteach) am b' urrainn dhut seo (a) obrachadh? cha b' urrainn; am b' fheàrr leat uisge-beatha? cha b' fheàrr; (àicheil) nach bu toigh leat sin? bu toigh; (dàimheach: bunasach) b' e seo mar a bu chòir dha a bhith; ged a bu toigh leam balgam (a) òl, tha an càr agam a-bhos; (ro-theachdail) b' e sin na b' urrainn dhuinn a thogail de dh'airgead; (claon) sin far am b' fheàrr dhut suidhe; (àicheil) ged nach bu chaomh leat e, dh'fheuch thu e.*

## §311 An gnìomhair IS: clisgearan

Gus aithris chlisgreach a chur an cèill:

§311 (i) Leis a' mhìr cheisteach àicheil *nach*<sup>f</sup>

Cleachdar am mìr ceisteach àicheil *nach*<sup>f</sup> §242 (ii): (*is eagalach sin >*) *nach eagalach sin!*; *nach bochd sin!*; *nach buidhe dhut!*; *nach brèagha an latha!*; *nach e sin!*

## §311 (ii) Le structar iomchuir

Cleachdar co-rèir iomchuir §308, far an e gnìomhair a bharrachd air IS a bhios anns an rosgrann thùsail: (*rinn thu math >*) 's *math a rinn thu!*; (*tha mi sgìth >*) 's *mi*

61. 'S e ainmear a th' ann an *urainn* (< *urra* b., cuideachd *urradh*, 'ùghdarras, neach-urrais'; SG *aurrae*, *aurrad*, *DIL*) seach buadhair. Gheibhear *is urrainn mi* seach *is urrainn dhomh*, gu h-àraidh ann an sgrìobhaidhean nas sine (coim. Carmody 1945, 171, airson a' Bhiobaill).

62. .i. b' fheudar dhut/bhiodh agad ri a chur air falbh an-dràsta, le *fuilear* 'còrr' < GT *fuláir* (le eadar-chàradh) < *furáil* < SG *foróil* (*DIL*, s.v.); iom-sgaraidh 's *fhuilear dhomh* 'cha b' fheudar dhomh'.

63. .i. dè (thuirt sibh)?, coim. F *comment?*, B *pardon?*; na ghiorrachadh air dè (a) b' àill leibh?

*a tha sgith!; cleachdar am mìr ceisteach àicheil nach<sup>f</sup> mar an ceudna: (tha e àrd >) nach e a tha àrd!; nach i a tha fuar!; nach iad a tha math air dannsadh!; nach e a tha a' dèanamh na h-uiread!; nach i a tha dubh aig a' ghrèin!; nach e Calum a tha a' dèanamh math!; nach e an t-uisge a bhios ann!; nach i Màiri a tha adhartach!*

### §312 An gnìomhair IS: buadhairean coimeasach

Cleachdar an copail le buadhairean

§312 (i) Ann an ceum coimeasach a' bhuadhair

§312 (i) (a) Le dreuchd chàileach §138 (i): *tè nas miosa; fear na bu mhotha; an tè as miosa; am fear a bu mhotha.*

§312 (i) (b) Le dreuchd fhàisneach §138 (ii): (neo-eisimeileach) *is fhasa deagh ainm a chall na a chosnadh;* (eisimeileach) *chan fheàrr dhut falbh mus till iad;* (dàimheach bunasach) *an e thu fhèin as àirde?;* (dàimheach ro-theachdail) *b' e sin na b' fhasa dhomh;* (dàimheach claon) *càite am b' fheàrr leat suidhe?;* (an dèidh a' ghnìomhair BI) *bha seo na b' fheàrr na sin §138 (i) (b) + b-n 3.*

§312 (i) (c) Le dreuchd cho-ghnìomhairich §138 (iii): *tha e a' fàs nas luaithe nis; bha iad na bu trainge; 's e am balach ud a b' fheàrr a sheinn aig a' Mhòd; chan eil fhios agam càite an fheàrr a chuireas mi i.*

§312 (i) (d) Le dreuchd fhàisneach ann an clàsan dàimheach buadhaireach §140: *'s e duine as àirde cliù a th' ann an Donnchadh.*

§312 (ii) Ann an ceum fàthach a' bhuadhair

*'s fheàrrde duine gàire; cha mhiste sgeul math aithris dà uair §141.*

### §313 An gnìomhair IS: cleachdaidhean measgaichte

§313 (i) 's e + an naisgear *gun<sup>m</sup>*

Cleachdar 's e + an naisgear *gun<sup>m</sup>* §336 (iv) gus mìneachadh a chur an cèill: *carson a shad thu air falbh iad? 's e gun robh cus ann; an t-aon nì a bha rudeigin neo-àbhaisteach mu aois Dhòmhnail, 's e gun d' rugadh a nighean mu dheireadh, Ealasaid ... air an dara là dhen t-Sultain 1862, agus bhiodh a h-athair an uair sin mu 75 (≈Tormod Dòmhnallach: Bateman 2014, liv).*

§313 (ii) Ann an naisgearan

Cleachdar an copail ann an corra naisgear: *nas lugha na<sup>dh</sup>* §334 (iii); *ge<sup>h</sup>* §334 (vi) (b): *ge b' oil le 'a dh'aindeoin': tha e fhathast fuar; ge b' oil leinn an teine a chur thuige; cha mhotha a<sup>dh</sup>* §334 (vii); *cò dhiubh (a<sup>dh</sup>) ... no (nach<sup>f</sup>) ... §338 (ii) (b) (γ).*

§313 (iii) *seadh* 7c

Cleachdar an copail + an riochdair pearsanta neodrach *eadh* §184 ann an corra abairt co-ghnìomhaireach §187 (iv) + b-n 3: *seadh* no *sheadh*; *chan eadh*; *an eadh?*; *nach eadh?*, a chleachdar gus aonta, eas-aonta, ceist no ceist àicheil neo-àraidh a chur an cèill §244 (iv); *mar gum b' eadh* 'mar gun canadh tu'; *gidheadh* 'ge-tà, a dh'aindeoin sin' §426, b-n 28; *eadhon* 's e sin; fiù agus' §187 (iv), b-n 3.

## §313 (iv) Co-ghnìomhairean eile

Cleachdar an copail ann an corra abairt co-ghnìomhaireach eile: *co-dhiù*, *co-dheth* agus *co-aca* §426; *mas f(h)ìor* 'a rèir choltais; mar a shaoiltear, an ainm 's a bhith; mar gun canadh tu', (caithte) *ma b' fhìor*: *o cheann beagan bhliadhnaichean, chaidh iomad seanchas mearachdach aithris mun chùis seo – mas fhìor, gun do ghabh MacIlleain air gun do bhàsaich a bhean ann an Duairt ... (≈An Teachdaire Gaelach I, 86); is cinnteach gun do dh'ith sinn gu saidhbhir de phuinnsean nan Gall anns an dòigh sin, bhon as tric agus as minig a chuala sinn bho bhilean nan eòlach – mas fhìor – anns na taighean foghlaim mu dheas gun robh claonadh nar sealladh is mì-chothromachd nar n-aithris (≈Meek 2005, 78); fo ainm democrasaidh, tha mas fhìor co-ionannachd chothroman eadar foghlam a' mhòr-chànain agus foghlam a' mhion-chànain (NicDhonnchaidh 2006, 60).*

## §314 Àicheadh – cleachdadh is co-rèir:

## §315 Àicheadh: mìrean ro-ghnìomhaireach

Cleachdar raon de mhìrean gus rosgrannan àicheil a chur an cèill: (neo-eisimeileach §245 (i) (a)) *cha dèan mi sin*<sup>64</sup>; (ceisteach §242 (ii)) *nach dèan thu sin dhomh?*; (àithneach §245 (ii)) *na dèan sin!*; (guidheach §245 (iii)) *nara dèanadh e*.

## §316 Àicheadh: clàsan tarbhach

Cleachdar an roimhear *gun*<sup>s</sup> gus clàsan tarbhach àicheil a thoirt a-steach §339 (iii), m.e. *thuirt mi ris gun a bhith ga chluiche cho àrd ri sin*.

## §317 Àicheadh: naisgearan

Airson naisgearan dàimheach bunasach, m.e. *ged nach bi i blàth a-màireach*, faic §334; naisgearan dàimheach claona, m.e. 's e sin rud air *nach* do smaoinich mi idir, faic §335; agus naisgearan fo-òrdanachaidh, m.e. *tha e ag ràdh nach dèan e sin*, faic §336–§337. Am measg naisgearan dàimheach bunasach, 's fhiach a mhothachadh gu bheil àicheadh dùbhailte ri lorg anns na leanas: *bho nach* §334 (iv): *is fhada bho nach fhaca mi thu; tha greiseag ann bho nach do*

64. À cleachdadh: *nì'n dèan mi sin* §245 (i) (b); *nìor rinn mi sin* §245 (i) (c).

thachair càil; **gun fhios nach** §335 (ii): *ceannaich lof a bharrachd gun fhios nach nochd iad!*; **neo-ar-thaing nach** §334 (ii): *neo-ar-thaing nach robh e fialaidh le airgead dhaoine eile; chuir e an crodh a-steach an sin is neo-ar-thaing nach robh ionaltradh math aca anns an àite sin* (≈MacNeil 1987, 346).

### §318 Àicheadh: abairtean modha

Lorgar abairtean modha §310 gu tric a' toirt a-steach chlàsan àicheil: *is bochd nach bi ùine gu leòr againn; is truagh nach tig piseach orra; is cinnteach nach dèan e cron ort*; agus feadhainn àicheil a' toirt a-steach chlàsan dearbhte: *chan fhada gu 'm faic sinn a-rithist thu*. Ach gheibhear corra abairt modha far an tèid brìgh dhearbhte a chur an cèill le cruth àicheil:

#### §318 (i) *is iongantach*

§318 (i) (a) San t-seagh 'is coltach': le *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h-</sup>/*mur an*<sup>m</sup>, *mana*<sup>h-</sup> §336 (iii) (b): *nach eil e ro dhaor? is iongantach mura h-eil*, .i. tha; *an ann mar seo a bu chòir dha a bhith? is iongantach mura h-ann; nach e sin an fhìrinn? is iongantach mura h-e; is iongantach mura h-i an iomagain a chuir gu bàs e*; le *ged a*<sup>dh</sup> §334 (vi) (a): *chan iongnadh ged a bhithinn an impis a bhith marbh* (≈Dòmhnall Iain MacDhòmhnail: Innes 2001, 370); leis a' ghnìomhair *BI* §296: *chan eil e na iongnadh idir ged a bhiodh seòladairean cho math ri eileanaich a' tadhal air na trì taighean-seinnse an sin* (Stiùbhart 2016).

§318 (i) (b) San t-seagh 'gun a bhith coltach': *is iongantach gum bi iad deiseil mar-thà*; le *ged: cha b' iongnadh ged nach sgrìobhadh iad an càinain dhùthchasach* (≈Mac-Talla IV, àir. 28, 4); leis a' ghnìomhair *BI* §296: *chan eil e na iongnadh ged nach biodh mòran spioraid anns na Sìnich gu dìon dùthcha* (≈Mac-Talla III, àir. 23, 6).

#### §318 (ii) *is gann*

§318 (ii) (a) San t-seagh 'faisg air, cha mhòr nach, theab §284': (leis an tràth chaithte) *an oidhche ud fhèin, chuir e siabann gu leòr ri dhà lethcheann agus, nuair a dhùisg e sa mhadainn, is gann nach do dh'fhalbh an craiceann bhàrr nam peirclean aige mun d'fhuair e e fhèin a nigheadh on t-siabann* (≈Mac-Talla VIII, àir. 45, 353); 's *gann nach gabhainn an t-eagal ro aon mhac breabadair beò*<sup>65</sup>; san t-seagh 'is coltach': (leis an tràth theachdail) *ged tha mòran a' fantainn cho Gàidhealach 's a thuirt mi cheana, 's gann nach faighear cuid a Ghàidheil anns gach àite a tha cho mòr asta fèin 's gur h-i an fhìor èiginn a bheir orra smid Gàidhlig a labhairt aig àm sam bith* (≈Mac-Talla VIII, àir. 40, 313).

65. [http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/tha\\_sneachd\\_air\\_druim\\_uachdair/](http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/tha_sneachd_air_druim_uachdair/) – 18/7/16.

§318 (ii) (b) San t-seagh ‘gun a bhith faisg air, cha mhòr’: *’s gann gum faic sibh iad ri ur beò* (Caraid nan Gàidheal 1867, 122); *leis an t-sneachd a bhiodh air m’ fheusaig, ’s gann gum bu lèir dhomh mo bhròg*<sup>66</sup>.

### §319 Àicheadh: dùblachadh

Cuiridh àicheadh dùbailte sìneadh air an abairt san nochd iad; ’s e ciall dhearbhte buil an dà àicheidh:

#### §319 (i) Leis a’ ghnìomhair IS

*cha mhòr nach do thuit mi* ‘theab mi tuiteam’<sup>67</sup>; *cha mhòr nach do dh’fhairtlich orm*; *dèanadh gach aon a dhleasnas fèin an toiseach agus an sin cuireadh e impidh air muinntir eile – ma nì iad sin cha chùram nach soirbhich le Mac-Talla* (≈Mac-Talla IV, àr. 45, 4), .i. cha bhi dragh ann nach soirbhich leis a’ phàipear-naidheachd sin; (le clàs dàimheach tabhartach claon §205) *bha mòran a’ dol gan èisteachd, agus toileach a bhith a’ creidsinn gum faodadh iad a bhith nan daoine matha – ach cha mhòr leis nach bu mhath*<sup>68</sup> *fantainn fad na làimhe uatha, air chor ’s gum b’ urrainn iad teicheadh nan tigeadh feum air* (Bratach na Fìrinn II, 12); (le cùisear riochdaireil) *cha lìonmhor iad nach do ghabh beachd air dùbhradh na grèine agus na gealaiche* (≈An Gàidheal II, 161); (le cuspair ainmearach) *mar a chaidh an giùlan air adhart air an t-sràid, cha robh ceann air an robh ad no boineid, agus cha mhòr sùil nach robh fliuch* (≈Fear-tathaich Miosail IV, àr. 152, 4); *bha anman air an dùsgadh – cha mhòr Sàbaid nach robh saighead mar gum bitheadh i a’ ruighinn a’ chridhe* (≈Fear-tathaich Miosail II, 2); *cha mhòr fhear* §355 (viii) (e) (β) *nach cailleadh a mhisneach sa chàs seo* (≈Whyte 1898, 189). Cleachdar *cha mhòr* fa leth mar cho-ghnìomhair ann an eadar-ràdh: *fhuair i lorg sa phreas air cha mhòr a h-uile rud a bha a dhìth oirnn*.

#### §319 (ii) Le gnìomhairean eile

*an tig ise dhachaigh as t-samhradh? chan eil fhios nach tig; chan eil rian nach fhaic thu às a sin e; chan eil teagamh nach fhaca e rudan iongantach na bheatha; nuair a bha i na b’ òige, cha robh nì nach dèanadh i; cha robh latha nach robh i a-muigh aig a’ chruaich; cha robh fiù nach do smaoinich mi air athair Seonaig* (≈Mac a’ Ghobhainn 1976, 72); *cha robh ceann nach robh crom, cha robh sùil nach robh a’ sileadh* (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 333); *cha chuirinn geall nach bi sneachd ann a-nochd; an e sin as fheàrr leat? cha chan mi nach e; cha deach eug no imrich nach d’ fhuair moladh, ’s cha do phòs*<sup>69</sup> *nach d’ fhuair càineadh* (≈Nicolson 1881, 91); *am bi thu ann feasgar? cha chreid mi nach bi*.

66. ≈<[http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/tha\\_sneachd\\_aid\\_druim\\_uachdair/](http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/tha_sneachd_aid_druim_uachdair/) – 18/7/16.

67. Is ionann *is beag nach is cha mhòr nach*; *tha is beag nach* an ceart-aghaidh *is beag gu*.

68. .i. gum b’ fheàrr leis an ìre mhath a h-uile duine.

69. ’S ann a tha cùisear a’ ghnìomhair ri thuigsinn an seo.

**§320 An guth fulangach – geàrr-chunntas:**

Annas na leanas, gheibhear geàrr-chunntas air na diofar dhòighean air an tèid an guth fulangach a chur an cèill:

**§321 An guth fulangach: cruthan fèin-stiùiridh**

Cleachdar cruthan fulangach §257 (i) a' ghnìomhair: *bruidhnear a' Ghàidhlig sa bhàr a-nochd; bhruidhneadh i aig m' obair an-dè; bhruidhinnte i air Hiort uair; thathas a' gealltainn tuilleadh uisge a-nochd.*

**§322 An guth fulangach: am buadhair gnìomhaireach**

Cleachdar buadhair air a stèidheachadh air bun-riochd a' ghnìomhair aig a bheil brìgh fhulangach chaithte §250: *BRIS briste: tha a' ghlainne briste a-nise.*

**§323 An guth fulangach: tràthan iomchuir le RACH**

Cleachdar tràthan iomchuir le *RACH* §300 gus guth fulangach le aogas dearbhach, gnàthach, neo-choileanta no coileanta a chur an cèill: *thèid a dhèanamh; chaidh an obair a dhèanamh; rachadh an dèanamh.*

**§324 An guth fulangach: tràthan iomchuir le BI**

§324 (i) Leis an roimhear *aig*

Cleachdar tràthan iomchuir le *BI* §299 (i) + *aig* gus guth fulangach agus aogas leantainneach a chur an cèill: *tha iad ga dèanamh; bha i ga dèanamh; bidh sinn gar glanadh; bhiodh e ga thogail.*

§324 (ii) Leis an roimhear *air*<sup>(n-)</sup>

Cleachdar tràthan iomchuir le *BI* §299 (v) + *air*<sup>(n-)</sup> gus guth fulangach agus aogas coileanta a chur an cèill: (aogas dearbhach coileanta) *a bheil iad air an dèanamh?*; (gnàthach ro-choileanta) *bhiodh na beathaichean air an cur a-steach mus deach a' ghrian fodha*; (leantainneach coileanta) *dè cho fada 's a tha an sgeulachd ud air a bhith ga h-innse?*

**§325 An guth fulangach: tràthan iomchuir le GABH**

Cleachdar tràthan iomchuir le *GABH* §301 gus guth fulangach agus aogas comais a chur an cèill: *cha ghabh sin ò; an gabhadh barrachd cur an dàrna taobh?*

**§326 An guth fulangach: theab**

Gabhaidh an gnìomhair uireasbhach *theab* §284 cleachdadh gus guth fulangach a chur an cèill: *theabadh mo mharbhadh nuair a thuit a' chraobh orm.*

**§327 Clàsan cumhach – co-rèir:****§328 Clàsan cumhach: mìneachadh**

Cuiridh clàsan cumhach cùmhnant an cèill: (cùmhnant) *ma bhios mi sgìth*, (buil) *thèid mi dhan leabaidh*. Gus cùmhnant a thoirt a-steach, cleachdar na naisgearan *ma*<sup>dh</sup> (leis na tràthan làthaireach, teachdail no caithte a-mhàin) §334 (v), *nan*<sup>m</sup> (leis na tràthan measgaichte is caithte a-mhàin) §336 (iii) (a) no (àicheil) *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h-</sup>/*mur an*<sup>m-</sup>, *mana*<sup>h-</sup> (le tràth sam bith) §336 (iii) (b).

Cleachdar tràthan eadar-dhealaichte a rèir nan diofar cùmhnantan seo; bidh tràthan nan clàsan buile ag atharrachadh a rèir a' cho-theags. Bidh buil a' cùmhnaint aon chuid cinnteach §329, coltach §330 no eucoltach §331:

**§329 Clàsan cumhach: cùmhnantan cinnteach**

Cleachdar *ma*<sup>dh</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth theachdail, agus aogas gnàthach no leantainneach gnàthach ga chur an cèill:

TRÀTH TEACHDAIL

(gnàthach)

*ma dh'itheas tu puinnsean,*

(leantainneach gnàthach)

*ma bhios tu ag òl cus leanna,*

TRÀTH TEACHDAIL

*bidh thu tinn**bidh an daorach ort*

Tuilleadh eisimpleirean: (gnàthach) *ma bhios mi sgìth*, *thèid mi dhan leabaidh*; *ma theasaichear uisge gu 100C*, *bidh e air ghòil*; *ma chaidileas tu air an latha*, *cha chaidil thu air an oidhche*; *mura bi mi ro sgìth*, *thèid mi ann*.

**§330 Clàsan cumhach: cùmhnantan coltach**

§330 (i) An tràth làthaireach

Cleachdar *ma*<sup>dh</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth làthaireach, agus aogas dearbhach no leantainneach ga chur an cèill:

TRÀTH LÀTHAIREACH

(dearbhadh)

*ma tha thu sgìth an-dràsta,*

(leantainneach)

*ma tha thu ag obair anmoch,*

TRÀTH IOMCHaidH SAM BITH

*bidh thu sgìth a-màireach**bha thu an-àirde ro anmoch a-raoir**bhiodh tu na b' fheàrr dheth innte**tha thu gu bhith air do shàrachadh*

Tuilleadh eisimpleirean: (dearbhadh) *mana h-eil thu sgìth, tha (a) thìde agad èirigh; ma tha thusa toilichte, tha mise toilichte; mur h-eil airgead agad an-dràsta, ceannaichidh mi fhìn e.*

§330 (ii) An tràth teachdail

Cleachdar *ma*<sup>dh</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth theachdail, agus aogas dearbhach no leantainneach ga chur an cèill:

TRÀTH TEACHDAIL

(dearbhadh)

*ma dh'òlas tu sin an-dràsta,*

*ma chì mi e,*

*mura faic mi e,*

(leantainneach)

*ma bhios tu ag iarraidh tuilleadh,*

TRÀTH TEACHDAIL

*bidh thu tinn*

*innsidh mi sin dha*

*chan innis mi dha*

*bidh sin ceart gu leòr*

Tuilleadh eisimpleirean: (dearbhadh) *ma bhios airgead gu leòr agad, an ceannaich thu biadh dhomh?; mana bi thu ann, caillidh tu mòran; ma bhios tu gun chàr a-màireach, bheir mi lioft dhut.*

§330 (iii) An tràth caithte

Cleachdar *ma*<sup>dh</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth chaithte, agus aogas dearbhach no leantainneach ga chur an cèill:

TRÀTH CAITHTE

(dearbhadh)

*ma bha siud ann,*

*ma thuirt e sin,*

(leantainneach)

*ma bhathas ga dhèanamh,*

TRÀTH IOMCHaidh SAM BITH

*cha chuimhnich mi air*

*cha bhruidhinn mi ris tuilleadh*

*cha robh fhios aige air*

Tuilleadh eisimpleirean: (dearbhadh) *ma rinn thu a' chùis air; tha thu airidh air gach moladh.*

§331 Clàsan cumhach: cùmhnantan eucoltach

Cleachdar *nan*<sup>m</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth mheasgaichte air dà dhòigh eadar-dhealaichte: 's e an t-aon structar a chleachdar fo (i) agus (ii) (a) shìos, agus 's e an co-theags a dh'innseas cò a' bhrìgh a bhios ann:

## §331 (i) Modh cumhach teachdail

Cleachdar *nan*<sup>m</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth mheasgaichte gus modh cumhach teachdail, agus aogas dearbhach no leantainneach, a chur an cèill:

TRÀTH MEASGAICHTE

TTRÀTH MEASGAICHTE

(dearbhadh)

*nam falbhadh sibh a-nochd,**rachadh ur fliuchadh**nan coinnichinn a-nochd rithe,**chuirinn fàilte oirre**mur faicinn a-nochd i,**bhithinn glè bhrònach*

(leantainneach)

*nan robh thu ag obair a-nochd,**bhiodh tu sgìth a-màireach*

Tuilleadh eisimpleirean: (cumhach) *nan labhradh na sean bhallachan, 's ann aca a bhiodh na sgeulachdan gasta ri innse* (≈Lamont 1960, 19); *nan robh airgead gu leòr agad, an ceannaicheadh tu deoch dhomh?*; *nan robh agad ri snàmh chun an eilein ud, am biodh tu comasach air a dhèanamh?*<sup>70</sup>

## §331 (ii) Modh cumhach ro-choileanta

§331 (ii) (a) Cleachdar *nan*<sup>m</sup> (no *mur*<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth mheasgaichte gus modh cumhach ro-choileanta, agus aogas dearbhach no leantainneach, a chur an cèill:

TRÀTH MEASGAICHTE

TRÀTH MEASGAICHTE

(dearbhadh)

*nam falbhadh sibh a-raoir,**rachadh ur fliuchadh**nan coinnichinn a-raoir rithe,**chuirinn fàilte oirre**mur faicinn a-raoir i,**bhithinn glè bhrònach*

(leantainneach)

*nan robh thu ag obair a-raoir,**bhiodh tu sgìth an-diugh*

Tuilleadh eisimpleirean: *nan itheadh tu cus a-raoir; bhiodh tu tinn; nan coinnichinn a-raoir rithe, chuirinn fàilte an latha oirre; mur coinnichinn a-raoir rithe, bhithinn glè bhrònach; 'nach eil thu lucky, 'ars esan, 'gu bheil thu air tìr, nach eil thu a-muigh eadar seo agus an Sgeir Mhòr? Nam bitheadh, 'ars esan, 'cha tigeadh tu a-staigh!' (≈Tocher 32, 90); *mura b' e am fuadach sin, cha bhithamaid-ne cho math dheth an-diugh* (Shirley 2007, 8); *chuir am fear seo anns a' Phost Office iad – chost iad dà sgillinn an t-aon do na càirdean;**

70. No *nam biodh agad ...*, 7c §293 (iii).

agus, o nach do liubhair e iad gus an là a bha e a' fàgail a' bhaile, chaill iad cothrom a' bhàta dhiubh – **nan cuireadh** iad sa Phost Office ann an Cola iad, agus sgillinn leotha, **bhiodh** iad an seo ro Eachann, agus **bhiodh** an goireasan aig na càirdean dhachaigh leis a' bhàta (≈Cuairtear nan Gleann III, 142); **nan robh** am prionnsa ud glic, **b'** ann a **chuireadh** e cìsean air a chuid ìochdaran a rèir luach an cuid fearainn (≈Guth na Bliadhna VIII, àir. 1, 15–16).

Thar ùine, nochd dà dhòigh eile air am modh cumhach ro-choileanta seo shuas a chur an cèill<sup>71</sup>:

§331 (ii) (b) Cleachdar **nan**<sup>m</sup> (no **mur**<sup>(h-)</sup> 7c) leis an tràth chaithte aon chuid san fho-chlàs no sa phrìomh chlàs, agus modh cumhach ro-choileanta fhathast ga chur an cèill:

TRÀTH MEASGAICHTE

*nan itheadh tu cus a-raoir,*

TRÀTH CAITHTE

*bha thu tinn*

TRÀTH CAITHTE

*nan do dh'ith thu cus a-raoir,*

TRÀTH MEASGAICHTE

*bhiodh tu tinn*

Tuilleadh eisimpleirean: *nam biodh tu ann, bha mi toilichte; mura bitheamaid treun, cha robh sinn beò; nan glanadh tu na soithichean dhomh, thug mi sùicaran dhut; thuit am brogach beag – a bheil fhios agad dè thuirt a' mhàthair ris? 'Nam b' e glainne a bhiodh na do thòin, bha i briste bho ùine fhada!*' (≈Watson 2007, 95); *gus o chionn beagan bhliadhnachan, 's gann gun robh tighinn-beò idir aig na croitearan anns a' Ghàidhealtachd – bha màl trom, agus nan dèanadh a h-aon sam bith fearas-taighe air croit, agus nan togadh e taigh ùr dha fhèin, bha e an dara cuid an cunnart bàirlinn, no gun rachadh barrachd màil a chur air* (Guth na Bliadhna I, àir. 3, 239); *nan do chuir mi e gu margadh, chuireadh e airgead dhomh am banca* (Teàrlach MacNìmhein: Black 2002, 60); *nan do thog iad an taigh sin air feadh a' gheamhraidh, dhèanadh iad fìor mhath.*

§331 (ii) (c) Cleachdar **nan**<sup>m</sup> (no **mur**<sup>(h-)</sup> 7c) le tràth iomchuir coileanta, aon chuid san fho-chlàs no sa phrìomh chlàs, air neo san dà chlàs, agus modh cumhach ro-choileanta fhathast ga chur an cèill:

71. Is coltach gun robh structar (a) fo èiginn eileamaid chaithte a thoirt a-steach, a thug structar (b) dhuinn, fhad 's a tha structar (c) caran nuadh-aimsireil agus air èirigh an dèidh abairtean mar 'tha e air a dhèanamh', is dòcha, agus fo bhuaidh na Beurla.

TRÀTH MEASGAICHTE

*nan itheadh tu cus a-raoir;*

TRÀTH IOMCHUIR COILEANTA

*bhiodh tu air a bhith tinn*

NO TRÀTH CAITHTE

*nan do dh'ith thu cus a-raoir;*

TRÀTH IOMCHUIR COILEANTA

*nan robh thu air cus ithe a-raoir;*

TRÀTH MEASGAICHTE

*bhiodh tu tinn*

NO TRÀTH CAITHTE

*bha thu tinn*

TRÀTH IOMCHUIR COILEANTA

*nan robh thu air cus ithe a-raoir;*

TRÀTH IOMCHUIR COILEANTA

*bhiodh tu air a bhith tinn*

Tuilleadh eisimpleirean: *mura biodh iad air gèilleadh, bhiodh iad air fhàgail gun fhearann* (NicAoidh 2010, 77); *nan robh fhios air a bhith agam mun phrògram, bhithinn air innse dhut; bhiodh e air a bhith na b' fheàrr; nan robh thu fhèin air a bhith ann.*

## 18 Naisgearan

### §332 Mineachadh agus seòrsa

#### §332 (i) Mineachadh

Cleachdar NAISGEARAN gus dà fhacal no abairt no clàs a nasgadh no a cheangal ri chèile, m.e. *bùrn is aran; tha i ag ràdh gu bheil i a' falbh*.

#### §332 (ii) Seòrsa

Tha diofar sheòrsaichean naisgeir ann, a rèir na buaidh a bhios aca air a' chlàs a thig nan dèidh: naisgearan CO-ÒRDANACHAIDH §333; naisgearan DÀIMHEACH BUNASACH §334; naisgearan DÀIMHEACH CLAONA §335; naisgearan FO-ÒRDANACHAIDH §336; agus naisgearan CO-DHÀIMHEACH §338.

#### §332 (iii) Clàsan tarbhach

A thuilleadh air seo, faodaidh dreuchd naisgeil a bhith aig corra chlàs tarbhach §339.

### §333 Naisgearan co-òrdanachaidh

Ceanglaidh NAISGEARAN CO-ÒRDANACHAIDH dà fhacal, dà abairt no dà chlàs ri chèile, a bhios co-ionann a thaobh gràmair. Bidh naisgear co-òrdanachaidh a' toirt a-steach clàs neo-eisimeileach, .i. cleachdar riochd neo-eisimeileach a' ghniomhair §262 (i) na dhèidh.

#### NAISGEARAN CO-ÒRDANACHAIDH

(i) clàsan naisgeil	<i>agus, is, 's</i>
(ii) clàsan adhbharach	<i>oir, oireadh</i>
(iii) clàsan aindeasach	<i>ach</i>
(iv) clàsan dì-naisgeil	{ <i>no, na, neo</i> <i>air neo</i>

#### §333 (i) Clàsan naisgeil

§333 (i) (a) Cleachdar *agus, is, 's* gus facail no abairtean a bhios co-ionann a thaobh gràmair a cheangal ri chèile: *pìos is càise; mi fhìn 's tu fhèin; air an dàrna làimh, ... is air an làimh eile*; gus clàsan agus rosgrannan a cheangal ri chèile: *fhhalbh is tarraing!*; *bha mi trang agus tha mi sgith*; agus gus clàs no clàsan fo-òrdanachaidh a cheangal ri prìomh chlàs: (le *gun*<sup>m</sup>) *bhiodh e math nan tigeadh e a-steach an seo an-dràsta 's gun suidheadh e mu mo choinneimh, 's gun tòisichheadh sinn a' bruidhinn* (≈A. Caimbeul 1992, 29); *ged a dhearbh i air mo bhus gum faca i mi uair ... a' feuchainn leth-chois, sìn-teag is cruinn-leum, gun deach mo chasan mu chèile, 's gun thuit mi air mo cheann-direach* (≈ibid.,

50); (le *gu 'n<sup>m</sup>*) *tog do shùil, 's gu 'm faic thu nis am mùthadh mòr* (≈Dùghall Bochanan: Meek 2015, 155); *fàg fosgailte e 's gu 'n till thu!* (≈Wentworth 2003, s.v. *until* 3); *thàr sinn don Òlaind far am b' èiginn dhuinn fuireach greis ag obair aig tuathanach gus gun<sup>1</sup> cosnamaid de dh'airgead na phàigheadh am fàradh* (≈NicGill-Eathain 1970, 42); (àicheil) *gus nach* 'no, air neo': *chan eil fhios a bheil sin fìor gus nach eil; an robh e ann gus nach robh*, .i. cò dhiubh a bha e ann no nach robh §338 (ii) (b) (γ).

§333 (i) (b) Cleachdar *agus* 7c gu tric leis a' bhrìgh 'le; mar; nuair a; fhad 's a' 7c gus clàs gun ghnìomhair neo-tharbhach a thoirt a-steach: *thàinig bodach a-steach is cas-mhaide air; chleachd e a bhith a' coinneachadh ri gu leòr Ruiseanach agus e na bhancair ann an Ulapul; choinnich iad ri chèile is iad a' feitheamh ri bus; tha cuimhne agam, is mi a' feuchainn ri crìoch a chur air an aiste agam, gun robh brag uabhasach ann.*

§333 (i) (c) Chan àbhaist *agus* 7c a chleachdadh le sreath de bhuaidhairean: (càileach §109) *bha e na dhuine beag dubh*; (fàisneach §108) *tha am plana soilleir so-lùbte.*

§333 (i) (d) Cleachdar *agus* 7c ann an corra shuidheachadh eile:

§333 (i) (d) (α) Ann an co-bhuinn ri *cho* ann an ceum co-ionannach a' bhuaidhair §135: *feuch cho fliuch 's a tha e*; (le *air cho*) *air cho math 's gum biodh do nàdar, bhiodh fàth agad air a bhith a' gearan* (≈Caimbeul 1936, 2); *aig a' cheart àm, air cho mòr agus gun robh pian na feòla, is beag as fhiach e a ainmeachadh làmh ri pian na h-inntinn agus an spioraid* (≈Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 93); *gheibhinn cadal leat gun chluasag, air cho fuar 's gum biodh an oidhche* (≈An Gaidheal II, 202); *is duine leth-chiallach esan, air cho mòr 's gu bheil a ghreim air cànan nan gleann* (≈Guth na Bliadhna IV, 2).

§333 (i) (d) (β) Le àireamhan iomchuir §147 (iv)–(v): *fichead 's a trì.*

§333 (i) (d) (γ) Le naisgearan fillte: dàimheach bunasach §334: *cho fada 's a<sup>dh</sup>*; *cho luath 's a<sup>dh</sup>*; *fhad 's a<sup>dh</sup>*; *fiù 's ged a<sup>dh</sup>*; *fiù 's ma<sup>dh</sup>*; fo-òrdanachaidh §336: *a chionn ('s) gun<sup>m</sup>*; *a chum ('s) gun<sup>m</sup>*; *a dh'aindeoin ('s) gun<sup>m</sup>*; *(a) thoradh ('s) gun<sup>m</sup>*; *air alt ('s) gun<sup>m</sup>*; *air chor ('s) gun<sup>m</sup>*; *air chumha ('s) gun<sup>m</sup>*; *air dhòigh ('s) gun<sup>m</sup>*; *air eagal ('s) gun<sup>m</sup>*; *air mhodh ('s) gun<sup>m</sup>*; *air sàillibh ('s) gun<sup>m</sup>*; *air sgàth ('s) gun<sup>m</sup>*; *airson ('s) gun<sup>m</sup>*; *air tàillibh ('s) gun<sup>m</sup>*; *aon uair ('s) gun<sup>m</sup>*; *do bhrìgh ('s) gun<sup>m</sup>*; *ri linn ('s) gun<sup>m</sup>*; co-dhàimheach §338: *an dà chuid ... agus.*

1. No *ghus gun<sup>m</sup>* no *us gun<sup>m</sup>* (Wentworth, *ibid.*).

§333 (i) (d) (δ) Le abairtean co-ghnìomhaireach: *tha sinn cuidhte 's (cuidhteas) an trealaich sin mu dheireadh thall* §90 (ii) (b) (β), b-n 5; *tha i saor agus an t-siataig am-bliadhna; cha robh sin fiù 's math gu leòr dha; chan eil fiù 's Ailean toilichte leis.*

§333 (i) (d) (ε) Le abairtean meudachaidh agus iomadaichean, m.e. *bidh a dhà uimhir 's a bh' againn an-dè a dhìth oirnn an-diugh* §178; *a liuthad 's a bha ann an-uiridh* §175; *bha e tuilleadh is làn* §176.

### §333 (ii) Clàsan adhbharach

Cleachdar *oir*<sup>2</sup> 'a chionn 's gun' gus clàsan adhbharach a thoirt a-steach: *chaidh i innte, oir bha i sgìth; am faigh thu buntàta nuair a bhios tu sa bhùth, oir chan eil gin air fhàgail againn?*

### §333 (iii) Clàsan ainneasach

#### §333 (iii) (a) *ach*

Cleachdar *ach* san t-seagh 'gun, às aonais, a bharrachd air' gus an dàrna rud a dhealachadh ris a' chòrr: *chan eil mi ag iarraidh ach beagan; thig a h-uile duine ach* Anndra; *is toigh leam teatha ach gun bhainne.*

§333 (iii) (b) Ann an clàsan àicheil, cleachdar *ach* san t-seagh 'gun chàil eile, a-mhàin': *chan eil dad a dhìth oirnn a-nis ach rudeigin a dh'òlas sinn; chan eil inntese ach na cnàmhan; le gun*<sup>8</sup> §361: *cuimhnicheadh ar càirdean gu bheil na mìltean againn rin riarachadh gun ach glè bheag dhiubh air an aon bheachd* (≈An Gaidheal I, 94); *gun e ach òg.*

§333 (iii) (c) Cleachdar an naisgear *ach* gus dà chlàs no rosgrann a nasgadh ri chèile, an dàrna fear a' dèanamh iom-sgaradh ris an fhear eile: *chaidh mi chun an taigh aige ach cha robh duine a-staigh; nì mi biadh dhutsa ach chan eil an t-acras ormsa.*

### §333 (iv) Clàsan dì-naisgeil

#### §333 (iv) (a) *no, na, neo*

§333 (iv) (a) (α) Cleachdar *no, na, neo*<sup>3</sup> (a rèir dualchainnt) gus roghainn a chur an cèill: *dè b' fheàrr leat, teatha no cofaidh?*

§333 (iv) (a) (β) Cleachdar an roimhear *no* 7c ann an clàs àicheil san t-seagh 'a bharrachd': *cha bhi mise a' dol ann – cha bhi no mise; cha robh sinn aig a' chèilidh – cha robh no sinne; 'Tha e furasta gu leòr leum a thoirt a-null,' arsa Murchadh – 'Chan eil na,' ars Iain, 's eagal air.'* (≈Mac a' Ghobhainn 1991, 39).

2. Dualchainnteach, *oireadh*.

3. Molar an cruth *no* ann an suidhichean foirmeil.

§333 (iv) (b) *air neo*

Cleachdar *air neo* san t-seagh 'a chaochladh, air mhodh eile' gus roghainn eile a thoirt a-steach: 's *fheàrr dhuinn falbh an-dràsta, air neo cha bhi ùine gu leòr againn; tog sin, air neo ithidh an cù e!*

## §334 Naisgearan dàimheach bunasach

Bheir NAISGEARAN DÀIMHEACH BUNASACH a-steach clàs dàimheach bunasach, .i. cleachdar an riochdair dàimheach bunasach  $a^{dh}$  §199 no àicheil *nach<sup>f</sup>*:

## NAISGEARAN DÀIMHEACH BUNASACH

	Dearbhte	Àicheil
(i) clàsan adhbharach	<i>(bh)on a<sup>dh</sup></i>	<i>(bh)o nach<sup>f</sup></i>
(ii) clàsan cinnte	—	<i>neo-ar-thaing nach<sup>f</sup></i>
(iii) clàsan coimeis	{ <i>na<sup>dh</sup></i> <i>nas lugha na<sup>dh</sup></i> <i>nas motha na<sup>dh</sup></i>	—
		—
		—
(iv) clàsan amail	{ <i>(bh)o<sup>dh</sup></i> <i>cho fada 's a<sup>dh</sup></i> <i>cho luath 's a<sup>dh</sup></i> <i>fhad 's a<sup>dh</sup></i> <i>am feadh ('s) a<sup>dh</sup></i> <i>nuair a<sup>dh</sup></i> <i>dar a<sup>dh</sup></i>	<i>(bh)o nach<sup>f</sup></i>
		<i>cho fada 's nach<sup>f</sup></i>
		<i>cho luath 's nach<sup>f</sup></i>
		<i>fhad 's nach<sup>f</sup></i>
		<i>am feadh ('s) nach<sup>f</sup></i>
		<i>nuair nach<sup>f</sup></i>
(v) clàsan cumhach	{ <i>ma<sup>dh</sup></i> <i>fiù 's ma<sup>dh</sup> 7C</i> <i>mar a<sup>dh</sup></i>	<i>mar nach<sup>f</sup></i>
(vi) clàsan aideachail	{ <i>ged a<sup>dh</sup></i> <i>fiù 's ged a<sup>dh</sup></i> <i>ge<sup>h-</sup></i>	<i>ged nach<sup>f</sup></i>
		<i>fiù 's ged nach<sup>f</sup></i>
		<i>ge nach<sup>f</sup></i>
(vii) clàsan dì-naisgeil	<i>cha mhotha a<sup>dh</sup></i>	—

## §334 (i) Clàsan adhbharach

*(bh)on a<sup>dh</sup>* 'a chionn 's gun, seach gun': *thig sinn air ais a-màireach, bhon a tha tuilleadh ri dhèanamh fhathast; bho nach robh biadh san taigh, chaidh sinn dha na bùithtean.*

## §334 (ii) Clàsan cinnte

*neo-ar-thaing* §245 (i) (c) *nach*<sup>f 4</sup> ‘is cinnteach gun’: *neo-ar-thaing nach robh tòrr dhualchainntean ann; neo-ar-thaing nach bi an t-acras orra an dèidh dhaibh latha a chur seachad air a’ mhòintich.*

## §334 (iii) Clàsan coimeis

Cleachdar *na*<sup>dh</sup> gus an dàrna h-eileamaid far a bheil coimeas ga dhèanamh a thoirt a-steach §138: (ainmear no riochdair) *tha Ailean nas giorra na Calum; a bheil seo nas fheàrr na sin?*; ‘s i Mòrag as àirde *na* a màthair, chan i Catriona; (gñiomhair dàimheach) *am bi seo nas miosa na bhios an fheadhainn eile; is e mo bheachd gu bheil iad sin nas lìonmhoire na dh’aidicheas* (≈Watt 1987, 17); *nas lugha na*<sup>dh</sup> ‘mur’: *os cionn gach nì, na toir dha nì mì-fhallain no nì a bheir air cadal, nas lugha na dh’òrdaicheas lèigh e dha* (≈Mac ’Ille-Dhuibh 1877, 34); *nas lugha na bhios atharrachadh inntinne aig a’ mhìonaid mu dheireadh ann, is cinnteach gur h-ise an ceannard ùr; nas motha na*<sup>dh</sup> ‘an àite, seach’: *dè am beachd a th’ agad smaointinn, ma thèid thu dhan rìgh, gum faod mise d’ fhàgail beò nas motha na dh’fhaodas mi tèile* (=Guth na Bliadhna II, 359); (air thoiseach air riochd dàimheach a’ ghnìomhair IS §304 (iv)): *tha seo nas gile na ’s cuimhne leamsa.*

## §334 (iv) Clàsan amail

(*bh*)<sup>o</sup><sup>dh</sup> ‘san ùine a chaidh seachad’<sup>5</sup>: ‘s *fhada bho nach fhaca mi thu!* §317; *cho fada ’s a*<sup>dh</sup> ‘rè na h-ùine a; air chumha ’s gun’: *bidh sin ceart gu leòr; cho fada ’s nach bi thu ro anmoch; cho luath ’s a*<sup>dh</sup> ‘san ùine as giorra’: *ithibh e cho luath ’s a thig e a-mach às an àmhainn; fhad ’s a*<sup>dh</sup> ‘rè na h-uarach a’: *fhad ’s a bhios sinn beò; am feadh ’s a bhios a’ bhanrigh air an rìgh-chathair; nuair a*<sup>dh</sup> ‘aig an uair a’: *bhite a’ dèanamh maoraich nuair a bhiodh an làn ìosal; bidh an t-àite seo gu math sàmhach dar nach fhaighear iasg*<sup>6</sup>.

## §334 (v) Clàsan cumhach

*ma*<sup>dh</sup> ‘san t-suidheachadh gun, air chumha ’s gun’: *shalbh dhan leabaidh ma tha thu sgìth!; bidh tu tinn ma dh’itheas tu cus;* (air a cho-mheasgachadh ri riochd làthaireach dàimheach a’ ghnìomhair IS §304 (iv)) *gabh sin mas fheàrr leat e!; fiù ’s ma*<sup>dh</sup>: *fiù ’s ma dh’shalbhas sinn an-dràsta, cha ruig sinn ro mheadhan-latha; mar a*<sup>dh</sup> ‘an dòigh air an’: ‘s e sin *mar as cuimhne leamsa e; ’s e seo mar as còir dha a bhith.*

Airson *nan*<sup>m</sup> §336 (iii) (a); *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h-</sup>/*mur an*<sup>m</sup>, *mana*<sup>h-</sup> §336 (iii) (b). Airson co-rèir chlàsan cumhach, faic §327.

4. Gheibhear *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h-</sup>/*mur an*<sup>m</sup>, *mana*<sup>h-</sup> §336 (iii) (b) an àite *nach*<sup>f</sup>.

5. Bidh cuid a dhualchainntean a’ cleachdadh (*bh*)*on a*<sup>dh</sup> san t-seagh seo, a thuilleadh air an t-seagh fo §334 (i), shuas.

6. Is ionann *nuair a*<sup>dh</sup> (*an uair a*<sup>dh</sup>, *air a*<sup>dh</sup>) agus *dar a*<sup>dh</sup> ann am brìgh; airson tuiteamas a’ chrutha *dar* agus airson mhìnichian, faic Ó Baoill 1978, 91–93.

## §334 (vi) Clàsan aideachail

§334 (vi) (a) *ged a<sup>dh</sup>* ‘an dèidh ’s gun’: *ged a tha i fuar, thèid sinn air chuairt; ged a bha mo cheann air liathadh mar-thà, bha de neart annam na dhèanadh e; ged a bhios mise a’ bruidhinn riuthasan sa Ghàidhlig, freagraidh iadsan riumsa sa Bheurla; bhiodh gaol agam ort, ged nach biodh sgilling ruadh agad; chan iongnadh ged nach rachadh tu ann; leis a’ ghnìomhair IS §304 (iv): ged as aithne dhomh sibh, cha chuimhnich mi air ur n-ainm; thig mi dhan chèilidh, ged nach urrainn dhomh dannsadh; fiù ’s ged a<sup>dh</sup>: tha iad air an dòigh, fiù ’s ged nach eil iad beartach.<sup>7</sup>*

§334 (vi) (b) Lorgar *ge<sup>h</sup>* (a’ toirt a-steach riochd làthaireach a’ ghnìomhair IS) ‘ged a’ fhathast ann am bàrdachd, seanfhacail, m.e. *ge geal an sneachd, is fuar e*, agus ann an abairtean dualchasach, m.e. (caithte) *ge b’ oil leat e* ‘a dh’aindeoin ’s nach toigh leat e; olc air mhath leat e (§304 (ix), b-n 49)’.<sup>8</sup>

Airson *ge be*, faic §228.

## §334 (vii) Clàsan dì-naisgeil

Cleachdar *cha mhotha a<sup>dh</sup>* (ann an clàs àicheil) san t-seagh ‘a bheir a-steach an rud eile a-mach à dà rud; a bharrachd’: *cha robh e ro bheag, cha mhotha a bha e ro mhòr*; ann an sgrìobhaidhean nas sine, gheibhear *ni motha a<sup>dh</sup>*, coim. §245 (i) (b).

## §335 Naisgearan dàimheach claona

Bidh NAISGEARAN DÀIMHEACH CLAONA a’ toirt a-steach clàs dàimheach claon §204, .i. cleachdar an riochdair dàimheach claon *an<sup>m</sup>* §200 no àicheil *nach<sup>f</sup>*:

## NAISGEARAN DÀIMHEACH CLAONA

	Dearbhte	Àicheil
(i) clàsan àiteil	{ <i>far an<sup>m</sup></i> <i>an àite an<sup>m</sup></i>	{ <i>far nach<sup>f</sup></i> <i>an àite nach<sup>f</sup></i>

7. Gheibhear *gar* no *gar an<sup>m</sup>* ann an sgrìobhaidhean nas sine seach *ged nach*.

8. B’ e *ge<sup>h</sup>* (SG *ce*, riochd lag-bheumte aig *cía* §228 (iv), b-n 29) an cruth tùsail: *ge tu mo leannan glan ùr* (≈Mac-Dhonuill 1751, 149); *ge mòr do bhòst às do chlaidheamh* (≈Iain Lom: MacKenzie 1973, 20); *ge h-iomadh fear a ghràdhaich i* (≈Campbell 1872, 31); (caithte) *ge b’ ann air chuairt, no thall an cuan* (≈MacCoinnich 1830, 42); *ge bu tu m’ athair ’s mo sheanair* (≈Campbell 1872, 202); *ge bu rìgh mi air Albainn* (MacCoinnich 1830, 71); (àicheil) *ge nach eil fhios agam* (*An Gaidheal* II, 359); *ge nach do phòs mi a-riamh* (*An Gaidheal* V, 209). Chaidh *ged* a sgaoileadh bho *ge<sup>h</sup>* + *do<sup>dh</sup>* (am mir caithte §246), m.e. *ge do chaill iad còir an claidheamh* (≈Dughal[I]ach 1829, 109), chun nan tràthan eile (coim. O’Rahilly 1976, 134, b-n 1).

(ii) clàsan cumhach	<i>gun fhios an<sup>m</sup></i>	<i>gun fhios nach<sup>f</sup></i>	
(iii) clàsan rùin; amail	{	<i>ach an<sup>m</sup></i>	<i>ach nach<sup>f</sup></i>
		<i>gus an<sup>m</sup></i>	<i>gus nach<sup>f</sup></i>
		<i>gu 'n<sup>m</sup></i>	<i>gu nach<sup>f</sup></i>

## §335 (i) Clàsan àiteil

*far an<sup>m</sup>* ‘aig no anns an àite anns an’: *dh’fhàg mi an càr far an do dh’fhàg thu fhèin an-dè e; far nach biodh e san rathad oirnn; tha mi dìreach far an cuala mi e; cleachdar an àite an<sup>m</sup> 9 air an aon dòigh.*

## §335 (ii) Clàsan cumhach

*gun fhios nach* ‘gus diofar tachartais aithneachadh’: *nì sinn dhaibh e, gun fhios nach cuidich sinn iad; gun fhios an<sup>m</sup>: gun fhios am faic mi a-màireach i, nuair a dhìreas i gu h-àrd* (≈ Dòmhnall Dòmhnallach: MacAmhlaidh 1995, 58).

Airson *ma<sup>dh</sup>* §334 (v); *nan<sup>m</sup>* §336 (iii) (a); *mur<sup>th-</sup>*, *mura<sup>h-</sup>* / *mur an<sup>m</sup>*, *mana<sup>h-</sup>* §336 (iii) (b).

## §335 (iii) Clàsan rùin; clàsan amail

Cleachdar *ach an<sup>m</sup>* agus *gus an<sup>m</sup>* no *gu 'n<sup>m</sup>* an dà chuid san t-seagh

§335 (iii) (a) ‘air an adhbhar ’s gun’: *tha dealas làidir againn airson suidh-eachadh a chruthachadh ach am bi a’ Ghàidhlig tèarainte san àm ri teachd; trobhad ach am faic mi thu!; tha mi a’ dol a-steach gus am faigh mi cuidhteas na cuileagan seo; chuir mi dheth e gu nach fhaicinn e!; gabhaidh mi ri obair eile gu ’m bi barrachd airgid againn.*

§335 (iii) (b) ‘chun na h-uarach a’: *fàgamaid sna botail e ach an tig e gu ìre!; nach fheith sinn an seo gus an till iad?; leanaidh sinn oirnn gus an tig càch; cha b’ fhada gus an deach i fodha; tha mi an dòchas nach fhada gus an coinnich sinn a-rithist; fuirich gu ’n dèan mi e!*

9. Thèid *an àite an<sup>m</sup>* agus *am bad an<sup>m</sup>* a chleachdadh air an aon dòigh ’s a thèid *far an<sup>m</sup>* a chleachdadh: *tha na h-ìuchraichean far an do dh’fhàg thu an-dè iad, no tha na h-ìuchraichean an àite an do dh’fhàg thu an-dè iad* 7c; cuideachd, *buaidh anns gach ball an robh e a-riamh* (≈ Gillies 1786, 40). San t-Sean Ghàidhlig, b’ e cleachdadh anabarra a bh’ ann nuair a leante SG *àitt* ‘àite’ leis an roimhear SG *i<sup>N</sup>* ‘an’ ron ghnìomhair (*DIL*, s.v. *i*). Dèiligear ris an riochd Nua-Ghàidhlig (*àite an<sup>m</sup>*) mar ainmear + riochdair dàimheach claon: *am fear aig nach bi meas air fhèin ann an àite an suidh no an seas e, cha ruig e a leas dùil a bhith aige gum bi meas aig muinntir eile air* (≈ Mac-Talla III, àir. 35, 3); *dlùth don àite an robh Dòmhnall Gorm* (≈ Whyte 1907, 229); *dh’èirich m’ athair às an àite an robh e na shuidhe* (≈ Fear-tathaich nam Beann II, 56); *chuir e gu bàs e a chionn nach innseadh e an t-àite an robh a mhac am falach* (McCallum 1845, 12). Gu tric, ge-tà, chithear co-rèiteachadh ris an structar *an taigh sam (anns am) bi sinn a’ fuireach* – .i. le roimhear + riochdair dàimheach claon: *thoir thusa dha deise aodaich air mo chosg-sa, ’s bheir mise dha an t-àite sa bheil e fuireach saor gun mhàl mar bhàrd* (Black 2001, 486).

## §336 Naisgearan fo-òrdanachaidh

Bidh NAISGEARAN FO-ÒRDANACHAIDH a' toirt a-steach riochd eisimeileach a' ghnìomhair §262 (ii).

## NAISGEARAN FO-ÒRDANACHAIDH

(i)	clàsan ceisteach neo-dhìreach	{	<i>an<sup>m</sup></i>	—
		{	<i>feuch an<sup>m</sup></i>	—
(ii)	clàsan amail	{	<i>mun<sup>m</sup></i>	—
		{	<i>mus<sup>f</sup></i>	—
(iii)	clàsan cumhach	{	<i>nan<sup>m</sup></i>	<i>mur<sup>(h-)</sup>, mura<sup>h-</sup>/mur an<sup>m</sup>, mana<sup>h-</sup></i>
		{	<i>fiù 's nan<sup>m</sup></i>	<i>fiù 's mur<sup>(h-)</sup> 7c</i>
(iv)	clàsan ainmeir clàsan buile	}	<i>gun<sup>m</sup></i>	<i>nach<sup>f</sup></i>

## §336 (i) Clàsan ceisteach neo-dhìreach

§336 (i) (a) Cleachdar am mìr ceisteach *an<sup>m</sup>* §242 (i) gus ceistean neo-dhìreach a thoirt a-steach: *chan eil mi cinnteach a bheil gu leòr againn fhathast; an dùil am bi turadh annfeasgar?; saoil am biodh e na b' fheàrr gun a dhol ann?; chan eil fhios againn an tig iad fhathast a-nochd; cha tuirt iad an robh iad toilichte leis a' chàr ùr aca; chan eil mi cinnteach a bheil gu leòr airgid agam; am faic thu a bheil an t-uisge air ghòil?*

Airson *an<sup>m</sup> ... no nach<sup>f</sup>*, faic §338 (ii) (b) (α).

§336 (i) (b) Cleachdar *feuch an<sup>m</sup>* san t-seagh 'a dh'fhaicinn an': *chaidh e chun an dotair feuch an cuireadh i stad air a' phèin; fuireamaid greiseag feuch an tig iad fhathast!* §277.

## §336 (ii) Clàsan amail

Cleachdar na naisgearan *mun<sup>m</sup>*, *mus<sup>f</sup>* san t-seagh 'nas tràithe na an uair a'<sup>10</sup>: *feumaidh an cù suidhe mus fhaigh e a bhiadh; nigh do làmhnan mun ith sinn!; 's fheàrr dhuinn an t-aodach a thoirt a-steach mun tig an ciaradh; fhalbh mus beir mise ort!*

## §336 (iii) Clàsan cumhach

§336 (iii) (a) *nan<sup>m</sup>* 'ma' air a chleachdadh leis na tràthan measgaichte

10. Tàrmaichidh *mus<sup>f</sup>* anns an ro-leasachan cho-ghnìomhaireach Shean Ghàidhlig *mos-*, *mus-*, *mo-* 'a dh'aithghear, gu luath', a tha an co-bhunachas ri GA *moch* (DIL, s.v. *mos-*); le *mun<sup>m</sup>* à SG *mo-* le srònachadh, is dòcha fo bhuaidh *gun<sup>m</sup>* (§336 (iv), < SG *co<sup>N</sup>*) agus *nan<sup>m</sup>* (§336 (iii) (a), < SG *día<sup>N</sup>*) (coim. Calder 1972, 23, 322).

agus caithte a-mhàin: **nan** robh agad ri snàmh chun an eilein, am biodh tu comasach air sin a dhèanamh; **nan** dèanadh tu sin uile an-diugh, bha thu sgìth; **nan** do dh'ith thu am balgan-buachair ud, bhiodh tu tinn; **fiù 's nan<sup>m</sup>**: **fiù 's nam** bàsaicheadh e, cha bhiodh dragh oirre.

§336 (iii) (b) **mur<sup>(h-)</sup>**, **mura<sup>h-</sup>/mur an<sup>m</sup>**, **mana<sup>h-</sup>**

Thèid an naisgear àicheil **mur<sup>(h-)</sup>**, **mura<sup>h-</sup>/mur an<sup>m</sup>**, **mana<sup>h-</sup>** a chleachdadh ann an clàsan àicheil an àite **ma<sup>dh</sup>** §334 (v) agus **nan<sup>m</sup>** §336 (iii) (a): **mur<sup>(h-)</sup>**: **mur** bi a' Ghàidhlig aig gach duine, bruidhnidh iad sa Bheurla; fàgaibh e, **mur** (h-)eil sibh ga iarraidh!; **mur** tig iad an-diugh, chì sinn latha eile iad; **mura<sup>h-</sup>/mur an<sup>m</sup>**: **thig** a chèilidh oirnn a-nochd, **mura** bi thu trang!; cha tèid sinn ann, **mur am** bi latha math ann; **mur an** robh e ciontach, carson a ruith e air falbh?; **mana<sup>h-</sup>**: na ith e, **mana** h-eil an t-acras ort!; gheibh sinn rudeigin eile, **mana** h-eil sin ri do chàil; bidh thu fuar, **mana** bi còta ort; **fiù 's mur<sup>(h-)</sup>** 7c: **fiù 's mana** h-eil thu ag aontachadh rium.

Airson co-rèir chlàsan cumhach, faic §327.

§336 (iv) Na naisgearan fo-òrdanachaidh **gun<sup>m</sup>**; **nach<sup>f</sup>**

§336 (iv) (a) Cleachdar na naisgearan fo-òrdanachaidh **gun<sup>m</sup>** (dearbhte) agus **nach<sup>f</sup>** (àicheil) gus diofar chlàs a thoirt a-steach: clàsan ainmeir no mìneachaidh: **saoilidh mi gu** bheil i ro bhlàth; **cha chreid mi nach** bi e ro theth; clàsan buile: **bha an tofaidh ud cho cruaidh 's gun** do bhris mi m' fhiacail; am modh guidheach §294 (iii): **gun** robh math agad.

Cleachdar an naisgear aig toiseach rosgrannan le buil sìnidh<sup>12</sup>: **gun** tug i spèis don àrmann (≈Mac Cormaig 1908); gu tric ann am bàrdachd dhualchasaich: **gura** mise a tha fo mhì-ghean (≈Màiri Nic a' Phearsain: Meek 1998, 60); **gur** mi a' chraobh air a rùsgadh (Iain Lom: MacKenzie 1973, 10); **gura** truagh leam a tha d' àros (≈An Gaidheal IV, 9); **gura** tu mo roghainn de thaghadh fir Alba (gun urra: Black 2001, 186); 's e sìneadh a tha seo den chleachdadh naisgeil àbhaisteach, coim. **bhiodh na caileagan, agus tha fhathast, agus tha mi an dòchas gura fada bhitheas, a' cur boinne de ola chùbhraidh o fhlùran air cùl na cluaise** (≈MacLeòid 1973, 49).

§336 (iv) (b) Tha ceithir chruthan aig an naisgear **gun<sup>m</sup>**, a chleachdar mar a leanas:

11. Is ionann na trì cruthan seo a thaobh brìghe. 'S e **mana<sup>h-</sup>** an cruth as sine (SG **mani<sup>F</sup>**), a chaidh na **mur<sup>(h-)</sup>** no **mura<sup>(h-)</sup>**, le **an<sup>m</sup>** deiridh air a mhìneachadh mar riochdair dàmheach claon (coim. **far an<sup>m</sup>** §335 (i)).

12. Coim. Watson 1932, 364, s.v. **gur**: 'strongly assertive'.

§336 (iv) (b) (α) **gu** ron riochd eisimeileach **bheil** §262 (ii) (b) (α): *thathas ag ràdh gu bheil an t-uisge gu bhith againn feasgar.*

§336 (iv) (b) (β) **gum** ro ghnìomhairean le **b f m** no **p** thoisich: *cha chreid mi gum bi sinn fadalach a-nochd; gum meal thu do naidheachd; thuirt ise gum pàigheadh i e; tha fhios gum faigheamaid barrachd, nan robh sinn ga iarraidh.*

§336 (iv) (b) (γ) **gun** ro ghnìomhairean (agus ron mhìr ro-ghnìomhair-each **do** §246 (i) (d)) a' tòiseachadh le litir sam bith eile: *chuala sinn gun do dhùin am banca ud; tha fhios agam gun tig iad a-màireach; ann an corra dhualchainnt, thèid gun<sup>f</sup> a chleachdadh ro f- thoisich + fuaimreag: tha fhios gun fhaigheamaid barrachd.*

§336 (iv) (b) (δ) **gur**<sup>(h-)</sup>, **gun**<sup>f</sup> (a rèir dualchainnt; air uairean **gura**) a' toirt a-steach tràth làthaireach a' ghnìomhair **IS**, agus **gum** ro thràth caithte a' ghnìomhair **IS** §304: *aithnichidh tu gur (h-)e seo an latha as fhaide den bhliadhna; an tuirt thu gur feàrr leat cofaidh?; saoilidh mi gur (h-)ann a-màireach a bhios e a' tighinn; is cinnteach gur (h-)urrainn dhaibh sin a dhèanamh; air neo gum e seo an latha as fhaide; gum fheàrr leat cofaidh?; gun ann a-màireach a bhios e a' tighinn; gun urrainn dhaibh sin a dhèanamh; caithte: saoilidh mi gum b' fheàrr (a) fhàgail far a bheil e; am bu tusa a rinn sin? cha chreid mi gum bu mhi. Cleachdar **guma**<sup>h-</sup> agus **gur(a)**<sup>h-</sup> ro bhuaidhairean ann an abairtean guidheach §294 (iii) (b), §294 (iii) (c).*

§336 (iv) (c) **nach**<sup>f</sup>

Bidh an naisgear àicheil **nach**<sup>f</sup> a' sèimheachadh **f** thoisich + fuaimreag mar as trice an-diugh: *tha mi an dùil nach fhuirich sinn ann cho fada ri sin; bha iad an dòchas nach dèanadh tu cus; leis a' ghnìomhair IS §304 (x): thuirt e nach b' urrainn dha tighinn na bu tràithe.*

### §337 Naisgearan fo-òrdanachaidh bunachail

Lorgar grunnan naisgear air a' phàtran a leanas: co-ghnìomhair + **agus** §333 (i) (a) + **gun**<sup>m</sup> no **nach**<sup>f</sup> §336 (iv), m.e. *cha tig mi an-dràsta, a chionn 's gu bheil e ro anmoch; fhad 's nach cleachd cuid ach an co-ghnìomhair + gun<sup>m</sup> no nach<sup>f</sup>: a chionn gu bheil e ro anmoch.*<sup>13</sup>

13. Thèid na co-ghnìomhairean fhèin a chleachdadh air uairean mar co-ghnìomhairean seach mar naisgearan: *cha tig mi an-dràsta, a chionn, tha e ro anmoch; chan fhaca mi e, thoradh, bha an trèana anmoch.*

## NAISGEARAN FO-ÒRDANACHAIDH BUNACHAIL

	Dearbhte	Àicheil
(i) Clàsan adhbharach	<i>a chionn ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>a chionn ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>a dh'aindeoin ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>a dh'aindeoin ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>(a) thoradh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>(a) thoradh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air alt ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air alt ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air sàillibh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air sàillibh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air dhòigh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air dhòigh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air mhodh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air mhodh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air sgàth ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air sgàth ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>airson ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>airson ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air tàillibh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air tàillibh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>an dèidh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>an dèidh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>do bhrìgh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>do bhrìgh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>leis gun<sup>m</sup></i>	<i>leis nach<sup>f</sup></i>
(ii) Clàsan cinnte	<i>ri linn ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>ri linn ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>seach gun<sup>m</sup></i>	<i>seach nach<sup>f</sup></i>
(iii) Clàsan cumhach	<i>theagamh ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>theagamh ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air eagal ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air eagal ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>mar gun<sup>m</sup></i>	<i>mar nach<sup>f</sup></i>
	<i>nas lugha na gun<sup>m</sup></i>	<i>nas lugha na nach<sup>f</sup></i>
(iv) Clàsan rùin	<i>a' gabhail ris gun<sup>m</sup></i>	<i>a' gabhail ris nach<sup>f</sup></i>
	<i>air chumha ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air chumha ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>a chum ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>a chum ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>air chor ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>air chor ('s) nach<sup>f</sup></i>
	<i>airson ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>airson ('s) nach<sup>f</sup></i>
(v) Clàsan ama	<i>ionnas gun<sup>m</sup></i>	<i>ionnas nach<sup>f</sup></i>
	<i>los gun<sup>m</sup></i>	<i>los nach<sup>f</sup></i>
	<i>aon uair ('s) gun<sup>m</sup></i>	<i>aon uair ('s) nach<sup>f</sup></i>

## §337 (i) Clàsan adhbharach

*bidh mi a' glanadh m' fhiaclan gu cunbhalach, a chionn 's gu bheil eagal orm ron fhiaclaire; tha BBQ gu bhith againn a-nochd, a dh'aindeoin 's nach eileas a' gealltainn tìde mhath; freagraidh sin sinn, thoradh 's gum bithear a' cleachdadh an aon siostaim; thig iad air adhart gu luath, air tàillibh<sup>14</sup> 's gum bi sinn gan*

14. 'S e dàrna cruth aig *air tàillibh* a th' ann an *air sàillibh* (coim. GA *side* < GA *tide* < MB *tide*; Calder 1972, 67, Oftedal 1956, 107). Is coltach gur h-e cruth tabhartach iolra a th' ann an *tàillibh* §83 (iii) (c) (β), à *taille* (Dwelly *taille* (sic)) < GT *taille* f. 'cunntadh, cunntas, suim', DIL).

*teagasg tro mheadhan na Gàidhlig; togaidh sinn bothan dhan each thall an sin, air alt 's gum bi fasgadh ann dha bhon ghaoith; feumaidh tu a cheangal air dhòigh 's nach fhaigh e saor; tha mi mothachail gum feum thu coimhead às dèidh do mhàthar; air mhodh 's nach bi cothrom agad tighinn cuide rinn; ghabh mi dubh i, air sgàth 's gum robh am bainne goirt; tha mi gu math eòlach ann an seo, airson 's gum do rugadh mi sa bhaile sa; thig mi ann, an dèidh 's nach caomh leam roc; nì sinn a-rithist e latha air choreigin, do bhrìgh 's gum do dh'obraich e cho math an turas seo; b' fheàrr leam gum chuireadh a chur thuca, leis nach eil mi ro eòlach orra; chaidh Aonghas a thoirt air; ri linn 's gur h-e Aonghas a bh' air a sheanair; tha i caran gruamach an-dràsta, seach nach d' fhuair i a toil fhèin.*

§337 (ii) Clàsan cinnte

*theagamh 's gum toir an sgeulachd seo gàire oirbh; theagamh 's nach tuig mòran de na h-oileanaich an Laideann.*

§337 (iii) Clàsan cumhach

*innsidh mi dhuibh cò th' ann, air eagal 's nach eil sibh eòlach air; fosglaidh mi an uinneag air eagal 's gum tuit mi nam chadal a-rithist; bhathas dha mar gum rachadh coin gu caora; is an òigridh air an cois fad na h-oidhche mar nach robh a-màireach gu bhith ann; cha b' urrainn dhi an cànan aice fhèin a leughadh, nas lugha na gu bheil a bhith a' fosgladh a' Bhìobaill aig duilleig sam bith a' cunntadh mar leughadh; dh'fhaodadh tu sin a ràdh, a' gabhail ris gu bheil saorsa conaltraidh againn san dùthaich seo; thugadh maitheanas dha, air chumha 's nach dèanadh e a-rithist e.*

Airson *ma*<sup>dh</sup> §334 (v); *nan*<sup>m</sup> §336 (iii) (a); *mur*<sup>(h-)</sup>, *mura*<sup>h-</sup>/*muran*<sup>m</sup>, *mana*<sup>h-</sup> §336 (iii) (b).

§337 (iv) Clàsan rùin

*fhuair i obair; a chum 's gum coisinnadh i airson an teaghlaich; b' e latha grianach teth a bh' ann, air chor 's gum robh sinn nar fallas a' dìreadh a' chnuic; 's fheàrr dhut na 's urrainn dhut a dhèanamh an-dràsta, airson 's nach tachair e a-rithist; bha cùisean cho duilich sa bhaile a chionn dìth dhaoine, ionnas gum do bhris a' bhùth; bha fadachd air a bhith orm gus am fàsainn mòr, los gum faighinn dhan sgoil (≈Caimbeul 1987, 5).*

§337 (v) Clàsan amail

*aon uair 's gum do chuir iad cas sna bailtean-mòra, thòisich iad air comainn Ghàidhealach a chur air chois.*

§338 Naisgearan co-dhàimheach

Cleachdar naisgearan co-dhàimheach nan càraidean gus eileamaidean co-ionann a cheangal ri chèile.

## NAISGEARAN CO-DHÀIMHEACH

<i>an dà chuid</i>	...	<i>agus</i>	...
<i>chan e a-mhàin (gun<sup>m</sup>)</i>	...	<i>ach</i>	...
<i>aon chuid</i>	...	<i>no</i>	...
<i>an dara/dàrna cuid</i>	...	<i>no</i>	...
<i>an<sup>m</sup></i>	...	<i>no nach<sup>f</sup></i>	...
<i>an<sup>m</sup></i>	...	<i>gus nach<sup>f</sup></i>	...
<i>cò dhiubh (a<sup>dh</sup>)</i>	...	<i>no (nach<sup>f</sup>)</i>	...

## §338 (i) Clàsan co-ionannais

§338 (i) (a) *an dà chuid ... agus*

Cleachdar an abairt cho-ghnìomhaireach *an dà chuid ... agus* (+ tuiséal bunasach) san t-seagh ‘dà rud còmhla’: *tha taigh aice an dà chuid ann an Glaschu agus air an eilean.*

§338 (i) (b) *chan e a-mhàin (gun<sup>m</sup>) ... ach*

Cleachdar an abairt *chan e a-mhàin (gun<sup>m</sup>) ... ach* gus a bhith a’ sealltainn gum bi rudeigin a bharrachd air a’ chiad rud a’ tachairt: *chan e a-mhàin gum bi cothroman cosnaidh aca, ach fàsaidh iad cleachdte ris an àite-obrach mar an ceudna.*

## §338 (ii) Clàsan roghainn

§338 (ii) (a) Gus nochdadh gu bheil roghainn ga dèanamh eadar an dàrna rud agus an rud eile,

§338 (ii) (a) (α) Cleachdar an abairt cho-ghnìomhaireach *aon chuid ... no* (+ bun.): *bhiodh e a’ fuireach aon chuid san taigh ud no san taigh eile; no*

§338 (ii) (a) (β) Cleachdar an abairt cho-ghnìomhaireach *an dara/dàrna cuid ... no* (+ bun.): *b’ fheàrr leam a bhith ag obair aig an taigh, an dàrna cuid pàirt-thìde no làn-thìde.*

§338 (ii) (b) Gus a bhith a’ cur ceist neo-dhìreach gu bheil roghainn no barrachd ann, cleachdar:

§338 (ii) (b) (α) *an<sup>m</sup> ... no nach<sup>f</sup>*: *chan eileas ag ràdh am bi iad a’ tighinn no nach bi; chan aithne dhomh an dèan i sin no nach dèan; an tuirt thu a bheil thu ga iarraidh no nach eil?; no, leis an aon seagh,*

§338 (ii) (b) (β) *an<sup>m</sup> ... gus nach<sup>f</sup>*: *chan eil fhios aice am bi gu leòr ann gus nach bi; cuideachd, ma<sup>dh</sup> ... gus nach<sup>f</sup>*: *ma bha gus nach robh an solas iongantach seo ri fhaicinn air feadh na Gàidhealtachd (Mac-Talla III, àir. 27, 2).*

§338 (ii) (b) (γ) *cò dhiubh (a<sup>dh</sup>)... no (nach<sup>f</sup>)... : chan eil e gu diofar cò dhiubh a bhios sibh a' creidsinn san dà-shealladh no nach bi; cha robh sinn cinnteach cò dhiubh a bha sinn deònach leantainn oirnn no nach robh.*

§338 (ii) (b) (δ) Cleachdar treas pearsa a' mhodh àithnich §258 (ii) + *no* §333 (iv) (a) mar an ceudna gus roghainn a chur an cèill: *biodh sin no a chaochladh; biodh iad ceart no ceàrr; biodh i fliuch no biodh i fuar.*

§338 (ii) (c) *air an dara/dàrna làimh ..., air an làimh eile ...*

Thèid roghainn a chur an cèill cuideachd leis an abairt cho-dhàimhich *air an dara/dàrna làimh ..., air an làimh eile ... : air an dàrna làimh bha sinn taingeil faighinn dhachaigh – air an làimh eile bhitheamaid ag ionndrainn sàmhchair na mòintich.*

### §339 Clàsan tarbhach

Cleachdar clàsan tarbhach, .i. le ainmear gnìomhaireach §251, an àite chlàsan naisgeil ann an corra dhòigh:

§339 (i) Dreuchd choileanta

§339 (i) (a) An àite clàs amail choileanta, cleachdar an roimhear *air<sup>(n-)</sup>* §348 (ii) (+ an roimhear *do<sup>dh</sup>* §356 (viii) (g) agus greasadair na h-abairte) + ainmear gnìomhaireach §251, m.e. *air dhan t-saighdear a dhol a chogadh, chaidh a leòn; air dhuinn ithe, chaidh sinn air chuairt; air dhaibh pòsadh, chaidh iad a dh'fhuireach dhan Fhraing.* Cleachdar an roimhear fillte *an dèidh* an àite *air<sup>(n-)</sup>* air uairean: *chaidh mi innte, an dèidh dhut a dhol dhachaigh.*

§339 (i) (b) Cleachdar an t-aon structar ach le ainmear an àite an roimheir *air<sup>(n-)</sup>* gus ùine àraidh a chur an cèill: *latha dhuinn falbh dhan mhòintich; oidhche dhomh a bhith nam leabaidh.*

§339 (ii) Dreuchd rùin

An àite clàs rùin, cleachdar greasadair + *a<sup>dh</sup>* §356 (xiii) (b) + ainmear gnìomhaireach §251: *mhol an neach-teagaisg mi a dhol air adhart chun na h-ath ìre; thuir an dotair ris an duine e dh'ithe a bhìdh na bu shlaodaiche, gus nach tigeadh losgadh-bràghad air; chuir e dhachaigh iad, agus dh'ìarr e iad a dhèanamh roghainn de mhuinntir eile (≈Caraid nan Gàidheal 1831, 88).*

§339 (iii) Dreuchd fho-òrdanachaidh àicheil

An àite clàs fho-òrdanachaidh àicheil, cleachdar an roimhear *gun<sup>s</sup>* (+ cuspair no greasadair an ainmeir ghnìomhairich + *a<sup>s</sup>* §356 (xii)) + ainmear gnìomhaireach §251: *b' i a' chomhairle a thug iad dhaibh gun fhalbh dhachaigh gu madainn; thuir i rium gun tuilleadh a dhèanamh; 's mòr am beud gun thu a bhith làmh rium (≈Caimbeul 1879, 130); (le cuspair riochdaireil) thathas ag ràdh gun a nighe le siabann.*

## 19 Roimhearan

### §340 Ro-ràdh

#### §340 (i) Mineachadh

Tha ROIMHEAR na fhacal a chomharraicheas ainmear agus a chuireas an cèill dàimh an ainmeir (m.e. *còta*) ri facal no eileamaid eile (m.e. *Alasdair*) san rosgrann, m.e. *tha còta air Alasdair*.

#### §340 (ii) Buaidh

Comharraichidh roimhear a ainmear ann an tuiseal àraidh, aon chuid bunasach, ginideach no tabhartach §64 – 's e an tuiseal tabhartach as bitheanta – ach an dèidh *gu(s)* agus *mar<sup>s</sup>* §68, bidh seòrsa an tuiseil an urra ri deimhinneachd an ainmeir.

#### §340 (iii) Brìgh

Gu tric, tha iomadh brìgh aig roimhear, a rèir gnàthas-cainnt agus/no dreuchd an roimheir.

#### §340 (iv) Seòrsa

Canar ROIMHEAR SÌMPLIDH ri roimhear a chleachdar na aonar (m.e. *an Glaschu*). Gheibhear ROIMHEARAN FILLTE de dhà sheòrsa: ROIMHEARAN FILLTE AINMEAR-ACH à roimhear sìmplidh + ainmear (m.e. *an dèidh; ri taobh*) no ROIMHEARAN FILLTE CO-GHNÌOMHAIREACH agus roimhear sìmplidh aig an deireadh aca (m.e. *còmhla ri; an taca ri*).

#### §340 (v) Cruthan riochdaireil

Gu tric, thèid roimhearan sìmplidh a cho-mheasgachadh ri riochdairean seilbheach §190 (m.e. *nam phòcaid* §349 (v)) agus gabhaidh a' chuid as motha de roimhearan sìmplidh claonadh a rèir pearsa (m.e. *annam, annad* 7c §349 (vi)).

#### §340 (vi) Tuilleadh dhreuchdan

Nithear co-ghnìomhairean (m.e. *ann* §349 (vii)), naisgearan (*am feadh 's a<sup>dh</sup>* §349 (xiii)) agus ro-leasachain<sup>1</sup> de chuid de roimhearan cuideachd.

### §341 a<sup>s</sup>

Faic fo *de<sup>dh</sup>* §355 (i); agus fo *do<sup>s</sup>* §356 (xii):

### §342 a<sup>dh</sup>

Faic fo *do<sup>s</sup>* §356 (xiii).

### §343 a'/ag

Faic fo *aig* §345.

---

1. A thaobh an roimheir *an<sup>m</sup>* a bhith na ro-leasachan, faic §400, b-n 60.

§344 (a) *chum*+ gin.<sup>2</sup>

§344 (i) Gun an t-alt

*a chum stèisein.*

§344 (ii) Ron alt

*a chum na mara.*§344 (iii) Ro *gach; na*<sup>dh</sup>*a chum gach duine; stiùiridh sinn a chum na chunnaic sinn an-dè.*

§344 (iv) Le riochdair seilbheach

*a chum mo*<sup>s</sup> 7c: *a chum mo bhràithrean.*

§344 (v) Brìgh

§344 (v) (a) 'gu, a dh'ionnsaigh' *bha agam ri coiseachd a chum an stèisein; chaidh sinn sìos a chum na tràghad.*

§344 (v) (b) 'airson, gus' *gabh mionaid a chum do chuid smuaintean a chur an cèill; nar seanfhacail gheibh sinn oidhirpean lìonmhor air beachdan a chur an cainnt, a chum ar n-eòlas a mheudachadh agus ar creideamh a dhaingneachadh* (≈*An Gaidheal IV, 258*).

§344 (vi) Naisgearan

*a chum* ('s) *gun*<sup>m</sup> (àicheil *a chum* ('s) *nach*<sup>f</sup>) §337: *an àite a bhith 'a' leum a' ghàrraidh far an isle e', nach abrar gu tric gur ann a thaghas an Gàidheal – le comhairle shuidhichte – an t-àite as àirde a chì e, agus nach foghainn seo leis ach gun cuir e fhèin, le a dhà làimh, ploc eile gu minig air a' ghàrradh, a chum 's gun dearbh e don t-saoghal nach eil neach ann a leumas cho àrd ris-san?* (≈*An Gaidheal IV, 293*).

§345 *aig*

+ tabh. 'ri taobh; an seilbh' 7c

§345 (i) Gun an t-alt

*aig caileig.*

§345 (ii) Ron alt

*aig a' chaileig; 's e sin am baile a sheas mi aig a' bhalla dìona aige.*§345 (iii) Ro *gach; na*<sup>dh</sup>*aig gach duine; cha robh fhios aig na bha san t-seòmar dè bha a' tachairt.*


---

2. À SG *dochum*<sup>N</sup> + gin. §360 (i), b-n 65.

## §345 (iv) Le riochdair seilbheach

§345 (iv) (a) Ro ainmear: *aig mo*<sup>s</sup> 7c: *aig mo bhràthair*.

§345 (iv) (b) Air a cho-mheasgachadh ris an riochdair sheilbheach ro ainmear gnìomhaireach §190 (iii): *gam*<sup>s</sup>, *gad*<sup>s</sup>, *ga*<sup>s</sup>, *ga*<sup>h</sup>, *gar*<sup>n</sup>, *gur*<sup>n</sup>, *gan*<sup>m</sup>; no *ga mo*<sup>s</sup> 7c: *tha sinn gad ionndrainn; thathas gan dèanamh*.

## §345 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*agam(sa); agad(sa); aige(san); aice(se); againn(e); agaibh(se); aca(san)* §239: *cò aige a tha deich nota?*

## §345 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*aige* §240 (i); *aig sin/aige sin/aig a sin* 7c §210 (iii).

## §345 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*cò an duine aig a bheil airgead orm?; 's e sin a' choinneamh aig am bi sinn a' deasbad na cùise seo*.

## §345 (viii) Brìgh

§345 (viii) (a) Gus an t-àite a bheil rudeigin a chur an cèill: *bha i na suidhe aig a' bhòrd; tha iad nan seasamh aig a' gheata; aig muir; aig astar 'gu luath; aig an taigh no aig baile*, .i. na thaigh fhèin no anns an sgìre dham buin duine.

§345 (viii) (b) Gus seilbh a chur an cèill: (cruthach) *bha peann aig a' chaileig na pòcaid; tha ball aig na gillean òga; tha taigh beag snog aig mo nàbaidh*; (eas-cruthach) *tha còig nota agam ort; tha a thìde againn falbh; tha sùil aige innte; chan eil sgot aige; tha cuimhne mhath agad; tha gràdh aige dhi; tha fiughair agam ris an latha; bha truas aig a' bhodach riut; chaidh an triùir againn<sup>3</sup> ann; leis an roimhear ri §368 (viii) (r) gus feum a chur an cèill: *thuirt an dotair gu bheil agam ri dà phìle a ghabhail trì tursan san latha*.*

§345 (viii) (c) Gus dearbhadh no buaidh-chaitream no briseadh-dùil a chur an cèill: *sin agad e!*

§345 (viii) (d) Gus soirbheas a chur an cèill: *chaidh agam air a dhèanamh*, .i. rinn mi a' chùis air; *cha robh aige air ach falbh dhachaigh*, .i. cha robh cothrom air ach falbh dhachaigh.

§345 (viii) (e) Gus an uair a thachras rudeigin a chur an cèill: *thig iad aig deich uairean feasgar a-màireach; aig a' cheart àm*.

## §345 (ix) Aogas leantainneach le a'/ag

A' comharradh ainmear gnìomhaireach gus aogas leantainneach a chur an cèill,

3. .i. a-mach air gach neach anns an triùir; iom-sgaraich triùir dhinn §355 (viii) (b); coim. aonan aca, .i. aonan de sheòrsa àraidh, ach aonan dhiubh, .i. aonan à uimhir nas motha.

anns a' chruth *a'*, no *ag* ro fhuaimreagan agus mar as trice ro *ràdh* §268 (i): *tha e a' bruidhinn fhathast; thathas ag ràdh gum bi turadh ann feasgar; thòisich iad a' togail an taighe<sup>4</sup>; bhiodh i a' cumail a' dol air an aon iorram sin fad an t-siubhail.*

### §346 *air*

+ tabh.<sup>5</sup> 'a' beantainn ri uachdar' 7c

§346 (i) Gun an t-alt  
*air bòrd.*

§346 (ii) Ron alt  
*air a' bhòrd; b' e sin am bàta a bha sinn nar suidhe air an deic aice.*

§346 (iii) Ro *gach; na<sup>dh</sup>*  
*air gach meur; 's ann a tha sinn a' bruidhinn air na bhios sinn a' dèanamh a-nochd.*

§346 (iv) Le riochdair seilbheach  
*air mo<sup>s</sup>, air do<sup>s</sup> 7c: air do shròin.*

§346 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail  
*orm(sa); ort(sa); air(san); oirre(se); oirnn(e); oirbh(se); orra(san)* §239: *cò air a bha an còta seo?; 's e seo na dearbh rudan a bha sinn a' coimhead orra sa bhùth<sup>6</sup>.*

§346 (vi) Mar cho-ghnìomhair  
*air* §240 (i); *air sin/air a sin* 7c §210 (iii): *cuir an solas air!*

§346 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)  
*cò an t-each air an do chuir e an t-airgead?; an e sin an tè air an robh i a' bruidhinn?*

§346 (viii) Brìgh

§346 (viii) (a)

§346 (viii) (a) (α) 'a' beantainn ri uachdar': *air a' bhòrd; chaidh iad air tìr ann an Tiriodh; an ann air tìr-mòr a bhios iad a' fuireach?; an dùil a bheil sinn air an rathad cheart?; bha soitheach air fàire.*

4. No *thòisich iad air an taigh a thogail* §346 (viii) (a) (i).

5. Tàrmaichidh an cruth roimhearail *air* (aig a bheil trì diofar bhrìgh) ann an trì tobraichean eadar-dhealaichte san t-Sean Ghàidhlig: (a) GA *air* < SG *for* 'air mullach, os cionn': *air bòrd; air do làmh*; (b) GA *air<sup>s</sup>* §347 < SG *air<sup>s</sup>* 'airson, air sgàth, a chionn': *air chall; air ghleus*; agus (c) GA *air<sup>(n-)</sup>* §348 < SG *air<sup>N</sup>* 'an dèidh', a chleachdar an-diugh, mar eisimpleir, gus aogas coileanta a chur an cèill §260 (v): *air dhomh falbh*. San Nua-Ghàidhlig, tha cuid de na dreuchdan a bh' aig an roimhear *air<sup>s</sup>* gu h-eachdraidheil air tuiteam còmhla ri dreuchdan an roimheir *air* agus, a chionn sin, cha chumar *air<sup>s</sup>* fa leth ach far an tèid a shònrachadh le mùthadh toisich na dèidh, air neo far am bite an dùil ri a leithid air sgàth cleachdaidh cho-ionann.

6. No ... *air an do choimhead sinn sa bhùth.*

§346 (viii) (a) (β) ‘aig’, a thaobh àitichean no nithean mum b’ e ‘a’ beantainn ri uachdar’ a’ phrìomh chiall: *tha e a’ fuireach air a’ Chnoc; air an Dùn; chuir sinn oidhche seachad air an àirigh; air an làimh dheis; air an dàrna làimh, tha turadh ann, air an làimh eile, tha e gu math anmoch; cuideachd sna h-abairtean air banais; air tòrradh; air bith* ‘beò, san t-saoghal’: *ge be air bith càite a bheil e* §228; *duine air bith* ‘duine sam bith’ §213.

§346 (viii) (a) (γ) Gus taobh thall rudeigin a shònrachadh: *tuath air Peairt; nas fhaide deas air Dùn Èideann.*

§346 (viii) (a) (δ) A thaobh a bhith a’ glacadh, a’ smachdachadh no a’ tighinn suas ri rudeigin: *faigh greim air an ròpa!; beiridh mi ort; ghabh e smachd air a’ bhuidhinn; tha làmh an uachdair aice air; rug sinn air an trèana; ged a bha e cho luath, rug sinn air mu dheireadh thall.*

§346 (viii) (a) (ε) Ann a bhith ag ainmeachadh duine no nì: *dè an t-ainm a th’ ort?; b’ e am Puilean a bh’ air Aonghas a bu shine mar fhar-ainm agus am Bocsair a bh’ air Aonghas a b’ òige, a bhràthair; ‘Carson, athair,’ ars esan, ‘nach tug thu Tormod air an each?’* (T. Caimbeul 1992, 4).

§346 (viii) (a) (ζ) San t-seagh a bhith a’ caitheamh no a’ giùlan rudeigin: *’s fheàrr dhut geansaidh a chur ort; bha briogais shnog oirre an-diugh; bha claidheamh air.*

§346 (viii) (a) (η) A thaobh buadhan no buill a’ chuirp: *bha falt fada dubh oirre; tha cluasan mòra air; tha blianas ort.*

§346 (viii) (a) (θ) A thaobh a bhith a’ cluiche inneal-ciùil: *bha i a’ cluiche port air an fhidhill.*

§346 (viii) (a) (ι) A thaobh a bhith a’ dol a dh’ionnsaigh no air adhart: *togaidh mi orm dhachaigh; rinn iad uile air an aon bhùth; lean i oirre mar a b’ àbhaist; stiall ort!; buailibh oirbh!; cumamaid oirnn!; cùm ort!; tòisichidh sinn air an obair a dhèanamh a-màireach<sup>7</sup>.*

§346 (viii) (a) (κ) ‘tro’: *chaidh a’ chiste a-mach air an uinneig, chan ann air an doras.*

§346 (viii) (a) (λ) A thaobh dreacha, blais no tuair: *tha an coltas sin air ceart gu leòr; dè an dath a th’ air a’ chàr ùr agad?; thuirte mise, ’s mi ga fheuchainn, ‘A Dhia!’ s math am blas a th’ air’* (Seòras Moireasdan: Cox 1984, 248).

§346 (viii) (a) (μ) A thaobh ghalaran, fhiachan, droch choir, cothruim, buaidhe no leasachaidh: *bha a’ bhreac air muinntir a’ bhaile; dè na th’ agad*

7. No tòisichidh sinn a’ dèanamh na h-obrach a-màireach §345 (ix).

*de dh'airgead orm a-nis?; tha an t-acras mòr oirre; bha am pathadh mòr orm; na biodh eagal ort!; na cuir dragh ort fhèin!; na biodh iomagain ort mun dheidhinn-sa!; dè bha a' cur ort?; dè tha ceàrr ort?; bha an daorach air a-raoir; cha robh cothrom air; chan eil air ach obair eile a lorg; bha buaidh aice orra; a bheil piseach a' tighinn ort?*

§346 (viii) (a) (v) Gus nì, agus gnìomh a' ghnìomhair no na h-abairte na aghaidh, a thoirt a-steach: *bidh a bhuil air; cuiridh mi geall ort; thug iad ionnsaigh orra; bha ceannach agam air a' chùis; dh'fhàg e an tubaist ormsa; carson a rinn thu sin oirre?; na ghoid thu air e?; thug sinn air a' chreutair falbh dhachaigh; dh'fhairtlich orm a dhèanamh §257 (ii); bha e a' toirt a chreidsinn orm nach robh airgead aige; dh'fhalbh iad oirre; na bi a' gàireachdainn orm!; sguir a bhith a' magadh orra!; thàinig air a dhol dhachaigh gun dàil; [òran] le Màiri nighean Alasdair Ruaidh nuair a bha bean a' cur oirre gun robh i a' togail ri a fear fhèin (≈ Ó Baoill 2014, 267).*

§346 (viii) (a) (ξ) Ann an abairtean modha §310, gus greasadair a' ghnìomha a thoirt a-steach: *is lugha orm teatha; is beag oirnn sin; bu ghann oirre mo chreidsinn.*

§346 (viii) (a) (o) Gus an targaid aig beannachadh, bòd, peanas no mallachd a thoirt a-steach §431: *mo bheannachd ort!; air m' fhacal!; chaidh peanas a chur air airson a dhroch ghiùlain; an diabhal ort!*

§346 (viii) (a) (π) A thaobh chorra gnìomh inntinne: (smuain 7c) *na smaoinich air tuilleadh!; dè tha air d' aire?; bi air d' fhaicill ron chù!; chan eil mi eòlach idir air; dh'fhaighnich mi dhan bhalach bheag càit an robh an siosar – ars esan, 'Tha fhios agam air mòran rudan', ach cha robh air an t-siosar!; cuimhnich air na rinn sinn an uair ud!; (faireachdainn) tha i gu math dèidheil air a' ghille ud; tha mi uabhasach measail orra; tha gaol agam ort; tha gràin aice orm; (feum) tha sinn feumach air biona eile; 's fheàrrde mi siud – bha mi feumach air; tha feum againn air tuilleadh flùir; (lèirsinn) bha sinn a' coimhead air an teilidh a-raoir; gun sealladh sealbh orm!; chaidh i a shealltainn air a màthair san ospadal; (cainnt) na toir iomradh air a-rithist!; nach bruidhinn sinn air nuair a bhios barrachd ùine againn?; cò air a bha e a-mach?; èigh oirre uair eile!; ghairm mi orra; (ceasnachadh) tha ceist agam ort; am faigh mi facal ort?; dh'iarr mi oirre tuilleadh bainne a cheannach.*

§346 (viii) (a) (ρ) 'le, tro': *air lagh na dùthcha; 's ann air an dòigh sin a shoirbhich an teaghlach thall thairis; cha dèanainn air an adhbhar sin e; bha e a' tighinn beò air siùcaran; 'le, na aonar': am bi thu ag obair air do cheann fhèin a-nis?*

§346 (viii) (a) (ς) A thaobh comais: *an tèid agad air a thoirt a-nuas?; an d' fhuair thu air a dhèanamh?; cha deargainn air sin idir; na rinn thu an gnothach air?*

§346 (viii) (a) (τ) Ann a bhith a' cumail a-mach gur fìor rud nach eil fìor: *na leig ort nach tuig thu mi!; ghabh e air nach cuala e mi; tha i a' toirt a chreidsinn oirre fhèin gu bheil i na h-each.*

§346 (viii) (a) (υ) Gus luach rudeigin no iomlaid a chur an cèill: *cheannaich mi air sgilling e; air prìs mhath; air luach chòig nota; bheir mi nota dhut air; caoin air ascaoin, i. an taobh a-staigh air an taobh a-muigh agus a chaochladh.*

§346 (viii) (a) (φ) Ann an abairtean tomhais: *bha e slat gu leth air leud, dà shlait air àirde agus trì slatan air fad; iom-sgaraich §355 (viii) (f).*

§346 (viii) (a) (χ) 'aig àm àraidh': *air a' chiad latha den earrach; air ball 'anns a' bhad'; air uairean 'uaireannan'; cha chleachdar air le làithean na seachdaine – chì mi Dihaoine thu – ach airson adhbharan sìnidh.*

§346 (viii) (a) (ω) 'mu': *cha robh sgeul orra; cha robh guth orra na bu mhotha; a bheil naidheachd air mar a chaidh dhi?*

§346 (viii) (b) San abairt *air fear* no *air tè* 'aonan a-mach à'

Gus 'aonan à buidhinn' a chur an cèill, cleachdar structaran leis a' ghnìomhair *BI* §296 + an roimhear *air*:

§346 (viii) (b) (α) Cuiridh an structar *bi cuideigin air fear/tè de rudeigin* an cèill gur h-e fear no tè à uimhir nas motha a bhios ann: *bha e air fear de phrìomh èolaichean air dualchainntean na Gàidhlig; bha a h-athair air fear dhiubh; air fear de bhuill a' choitheanail an oidhche ud, chì sibh an t-Urr. Iain M. Mac a' Ghobhainn (Na Duilleagan Gàidhlig 10, 2); cha robh thu air fear de na balaich sna làithean sin, mur an do roghnaich thu seasamh gus coimhead ball-coise (≈An t-Albannach 10 Giblean 2009); tha i air tè de cheud duine a chaidh a thaghadh; mur seachainn thu an t-òl, is math a dh'fhaodte gum bi thusa air fear de na mheallar ('den fheadhainn a mheallar') leis an deoch (An Gaidheal V, 323); tha mise air fear de na ministearan aig a bheil an seann fhasan gach nì a tha sa Bhioball a chreidsinn (≈Fear-tathaich Miosail I, 258); tha Somhairle MacGill-Eain air fear de na bàird Albannach aig a bheil seasamh an dà chuid nàiseanta agus eadar-nàiseanta.*

§346 (viii) (b) (β) Thèid an structar seo a chleachdadh gu tric le buadhair coimeasach agus brìgh anardach aige (.i. aonan à mòran) §139 (ii): *tha fìr-thàileisg Leòdhais air feadhainn de na rudan as inntinniche san tasglann; bha i air tè de na boireannaich a bu bhrèagha air an do laigh sùil peacaich*

*a-riamh* (≈MacIlleathain, Litir 274); *tha i air tè de na croisean as motha ann am Breatainn; tha an squire seo air tè de na squirean as lionmhoire; bha an dealbh-cluiche seo air fear de na pròiseactan a bu shoirbheachaile a bh' ann.*

§346 (viii) (b) (γ) Gabhaidh *air fear/tè* 7c cleachdadh le ceum co-ionannach a' bhuadhair: *tha e air a bhith air fear-gnothaich cho soirbheachail 's a tha ann an ceann a tuath na dùthcha; bha a' bhuidheann ùr air tè cho mòr 's a bha ann an Albainn.*

§346 (viii) (b) (δ) Cleachdar *air* le ainmear iolra (le brìgh iolra) agus buadh-air coimeasach na dhèidh san t-seagh 'cuid de, am measg': *tha còmhlaìn phioba Albannach à Canada air an fheadhainn as fheàrr air an domhan, i. tha iad air cuid den fheadhainn as fheàrr air an t-saoghal.*

### §346 (ix) Roimhearan fillte

§346 (ix) (a) Ainmearach §340 (iv): *airson* (< *air* + *son* 'sgàth') *nan saor-làithean*; (3s iol.) *air an son*; (1d sg.) *an do rinn thu sin air mo shon-sa?*; *air cùl nan cnoc*; (3s iol.) *air an cùl*; *air cùlaibh* *nan uinneagan* §83 (iii) (c) (β), b-n 30; (3s iol.) *air an cùlaibh*; *air tàillibh* (*air sàillibh*) *sin*; (3s sg. f.) *air a thàillibh*; *air sgàth do mhàthar*; (3s sg. b.) *air a sgàth-se*; *air feadh an t-seòmair*; (3s sg. f.) *air fheadh*; *air fad* 'air feadh; gu tur, gu buileach'; *air tòir na h-àilleachd*; *air tùs an latha*; *air beulaibh na bùtha*; (3s sg. b.) *air a beulaibh*; *air mullach an taighe*; (3 sg. f.) *air a mhullach*; *air muin eich*; (3s sg. b.) *chaidh e air a muin*; agus sna h-abairtean: *thoir an aire nach tuit thu air do bheul fodhad*; *rinn e plumadh air a cheann-direach dhan uisge.*

§346 (ix) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *faisg air*; *mun cuairt air*; *seachad air*; *tarsainn air*; *thairis air*; *timcheall air*; *mar thoradh air*; *air mullach air*; *a bhàrr air*; *ceithir-thimcheall air*; *choisich sinn a-null air an achadh*; *thàinig e a-nall air a' bheinn*; *ruith a' choinneamh thairis air an uair*; *seall thairis air an obair agad mus cuir thu a-steach i!*; *tarsainn air* §371 (ii); (1d sg.) *tha 50sg a dhith orm*; *barrachd air*; *a bharrachd air* §170; *a thuilleadh air* §176.

### §346 (x) Ann an co-ghnìomhairean

*air astar* 'air falbh'; *air ball* 'anns a' bhad'; *air bòrd* 'ann am bàta, plèana 7c; a' co-obrachadh'; *chaidh na seann sgeulachdan a chur air dìochuimhne*; *rinn sinn air fad iad* 'gu lèir'; *air falbh* 'an àiteigin eile'; *air flod* = *air fleòdradh* 'air bhog'; *chuir e an t-inneal air lagh* 'deiseil'; *bha a' chuirn ud air leth math* 'fior, glè' §427 (ii) (b); *bhiodh an leòmhann a' ceumnachadh air ais is air adhart* 'a-null 's a-nall'; *chaidh a' chiad duine air aghaidh* §194 (i) (b) (β), b-n 12, 'air adhart'; 's ann air èiginn a fhuair mi e; *chaidh a' chaora air seachran uair eile* 'air iomrall, air allaban'; *an robh i agad air tùs?* 'an toiseach'.

§347 air<sup>s</sup>+ tabh.<sup>8</sup> 1e' 7c

## §347 (i) Brìgh is cleachdadh

§347 (i) (a) 1e, tro, a chionn, mar thoradh air': *bha a' mhòr-chuid de a chompanaich air an luing borb nan giùlan agus nan cainnt agus, tuilleadh is ealamh, dh'fhoghlaim e an dòighean, gun e bhith mothachail air an atharrachadh air mhiosad a bhith a' tighinn air* (≈Fear-tathaich Miosail IV, àir. 498, 2); *buaidh anns gach ball an robh e a-riamh, air ghaisge, air mheud a ghnìomha*<sup>9</sup> (≈Gillies 1786, 40); *'s mi gun aithnicheadh*<sup>10</sup> *thu nad sheasamh ann an eaglais na sgìre air dheirgead, air ghilead, air ghrinnead 's air bhinnead* (≈Campbell 1981, 166).

§347 (i) (b) Leis na h-ainmearan *beag(an)*, *mòr(an)* san t-seagh 'le beagan; le mòran': *nighean air bheagan aodaich; duine air bheag eòlais; dòchas air bheagan fiach; iomairt air mhòran dòchais; air bheag stàth* 'gun mhòran feuma'.

§347 (i) (c) 'a dh'aindeoin': *a thaobh maise nàdair, tha Beàrnaraigh da-rìribh sgiamhach – air a lughad, tha iomadh riochd air: beanntan, talamh-geàrraidh le glinn is cnuic* (≈Caimbeul 1973, 115); le *cho: air cho math 's gu bheil e* §135 (iv); *chan eil neach, air fheabhas, nach eil fàilinn ann* (≈Mac Cormaic 1912, 17); *nì mi sin air do neo-ar-thaing*<sup>11</sup>.

§347 (i) (d) San abairt riochdaireil *air choreigin* §214: *chuala mi fuaim neònach air choreigin a-raoir*.

§347 (i) (e) Le àireamhan iomchuir §147 (iv) (a): *trì air fhichead; faic thar*<sup>s</sup> §373 (viii).

§347 (i) (f) Le abairtean a chuireas adhartas no ath-aithris an cèill: *beag air bheag*<sup>12</sup>; *mean air mhean*<sup>13</sup>; *ceum air cheum; mìr air mhìr; car air char* 'a tionndadh nan caran, car mu char'; *dromach-air-thearrach* 'bun-os-cionn'; *is mar a chaidh gach latha seachad, grian air ghrian, 's ann a bu truime a bha mi a' fàs* (≈Mac a' Ghobhainn 1960, 11).

§347 (i) (g) Ann am mionnain §433 (i): *air ghaol Nì Math!* §53 (ii) (a); *air m' fhacal*.

8. Airson tùs an roimheir seo, faic §346, b-n 5.

9. Aig Gillies: *air ghaisge, air meud a ghnìomh*.

10. Campbell: *gu faithnicheadh tu ad sheasamh*.

11. Air neo ... *air do sheachd neo-ar-thaing* (Iain MacDhòmhnaill, conaltradh pearsanta), le ath-aithris.

12. Far a bheil *beag* na ainmear.

13. Far a bheil *mean* na ainmear.

## §347 (ii) Abairtean co-ghnìomhaireach

*chaidh am bàta a chur air bhog*<sup>14</sup> *air Cluaidh; air bhioran*, i. *air bhiod* ‘a’ gabhail fadachd ri, a’ feitheamh gu h-an-fhoiseil ri, deiseil ri; *air chluainidh* ‘air a dhreuchd a leigeil dheth’; *air chorra-biod* ‘air bhiod; na sheasamh air corragan a chois’; *air bhogadan*, i. *air luasgan* ‘a’ bogadaich’; *air bhoile*, i. *air bhàinidh*, i. ‘às a chiall’; *chaidh a chur air bhonn an-uiridh; bha iad air chall; air cheann* ‘airson, gu, air an adhbhar’: *tha i san Fhraing air cheann gnothaich; tha e a-nise ag obair air a cheann fhèin; nach tig thu air chèilidh an ath-oidhche?; carson nach dèan thu e air chleas dhaoine eile? ‘coltach ri’ (faic cleas §354); chaidh a’ bhuidheann ùr a chur air chois sa Ghiblean; ‘s bochd nach robh Dòmhnall air chomas a bhith ann; air choigrich*, i. *air aineol* ‘air falbh bhon taigh, thall thairis’; *air chor sam bith* §231 ‘a-muigh no a-mach’; *bha i air chrith leis an eagal; tharraing i dealbh air chruth cearcaill* ‘air chumadh’; *chaidh na bàird air chuairt a dh’Èirinn; nach cuir thu na cinn-latha sin air chuimhne!*; ‘s ann a bha e air chùl a-rithist ‘air dheireadh’; *chaidh an geama a chur air dhàil*, i. *chaidh an geama a chur dheth gu àm eile; greas ort, tha thu air dheireadh!* ‘air chùl’; *air dhòigh* (cuideachd *air dòigh*) ‘air chois; an gnìomh; air ghleus’; *a bheil càil air fhàgail?; tha muinntir a’ bhaile air fhògradh* ‘air fhuadach’; *cuir an t-inneal-ciùil ud air ghleus!*; *dh’fhàg mi am bùrn air ghoil; tha e fhathast air mhaireann* ‘ann am bith’<sup>15</sup>; *tha i air mhìre; air sheòl* ‘a’ seòladh; air flod; air dhòigh, a’ dol, an gnìomh’; *air thalamh* ‘san t-saoghal, san domhan’; *tha an dàn gu lèir aice air theanga a-nis; tha m’ uaireadair air thoiseach; air thùs* ‘air thoiseach’; *chaidh trìùir a thaghadh air thuaiream|air thuaimeas; air thuarastal*, i. *air fhastadh* ‘ri a chosnadh aig cuideigin’.

## §347 (iii) Abairtean roimhearail

San t-seagh ‘a chionn, air sgàth’, tha an roimhear cumanta ann an abairtean roimhearail:

§347 (iii) (a) Le riochdair sònrachaidh: *air a’ chor sin; air a’ mhodh sin; air an adhbhar sin; air an dòigh seo*; le riochdair seilbheach: *air a chaochladh*.

§347 (iii) (b) Le coileanadh na h-abairte roimhearail air a thoirt a-steach le *air*: *bha thu air thoiseach air càch; air dheireadh air; air chèilidh air; rug e air chluais orm; beiridh iad air làimh air a chèile gach turas a bhios iad a’ coiseachd a-mach*.

## §347 (iv) Naisgearan

*air neo* §333 (iv) (b); agus *air alt* (‘s) *gun*<sup>m</sup>; *air eagal* (‘s) *gun*<sup>m</sup>; *air d(h)òigh* (‘s)

14. Cleachdar an gnàthas-cainnt *air bhog* mu nì a bhios ga fhoillseachadh cuideachd: *chaidh an leabhar a chur air bhog Dihaoine*; coim. *cur-air-bhog leabhar ùr an ùghdair; bogadh leabhair*.

15. Iom-sgaraich *nach maireann* ‘a chaochail, nach eil beò tuilleadh’.

*gun<sup>m</sup>; air mhodh ('s) gun<sup>m</sup>; air sgàth ('s) gun<sup>m</sup>; air chor ('s) gun<sup>m</sup>; air chumha ('s) gun<sup>m</sup>; airson ('s) gun<sup>m</sup>* §337<sup>16</sup>.

§347 (v) Co-ghnìomhairean ceisteach  
*carson* §236 (ii) (a), b-n 32.

§348 *air<sup>(n-)</sup>*  
+ tabh.<sup>17</sup> 'an dèidh'

§348 (i) Leis a' ghnìomhair *BI*

An co-bhuinn ris a' ghnìomhair *BI* cleachdar an roimhear *air<sup>(n-)</sup>* + ainmear gnìomhaireach gus aogas coileanta a chur an cèill §260 (v): *bidh e air falbh an ceann chòig mionaidean; a bheil thu air do bhiadh ithe?; bha sinn air a h-uile càil a dhèanamh mus do ràinig iad.*

§348 (ii) Clàsan tarbhach

Ann an clàsan tarbhach cuiridh an roimhear *air<sup>(n-)</sup>* aogas coileanta an cèill an co-bhuinn ri ainmear gnìomhaireach: *air falbh dhachaigh* 'an dèidh a dhol dhachaigh'. Cleachdar an roimhear *do* gus greasadair an ainmeir gnìomhairich a thoirt a-steach §356 (viii) (g): *air dha tighinn dhachaigh; air dhuinn seo a dhèanamh, nach gabh sinn rudegin a dh'itheas sinn?; air dhomh falbh*<sup>18</sup>.

§348 (iii) Srònachadh

Gheibhear srònachadh an dèidh an roimheir *air<sup>(n-)</sup>* fhathast ann an corra abairt stèidhichte: *uidh air n-uidh* 'mean air mhean'; *àill air n-àill* 'a dheòin no a dh'aindeoin'; *làrna-mhàireach*<sup>19</sup>.

§349 *an<sup>m</sup>*  
+ tabh. 'air an taobh a-staigh' 7c

§349 (i) Gun an t-alt

*an*, no *am* ro *b f m p* §46 (iv) (c): *an Glaschu; am Baile a' Ghobhainn; am beachd Chaluum; an dubh 's an geal*; no, le ath-dhùblachadh den roimhear, *ann an Dùn Èideann; ann am Peairt; 's e dotair a th' ann am Mòrag; ann an Albainn; ann an trì seachdainean; ann am bogsa mòr.*

16. Air uairean, gheibhear *air a<sup>dh</sup>* mar naisgear, ach 's e giorrachadh air *nuair a<sup>dh</sup>* §334 (iv) a th' ann, m.e. *air a bha mi òg*, i. nuair a bha mi òg.

17. SG *iar<sup>N</sup>* 'an dèidh'; a thaobh tùs an roimheir seo, faic §346, b-n 5.

18. An àite *air<sup>(n-)</sup>*, chluinnear *an dèidh* no *às dèidh* air uairean, m.e. *an dèidh dhomh falbh.*

19. < \**latha air n-a mhàireach* < GT *lá íarna b́arach* '(an) latha air a mhàireach' (leis an riochdair sheilbheach *treas-pearsa singilte fireann a<sup>S</sup>*), coim. GA *a-màireach* < SG *mb́arach, DIL*, s.v. *b́arach*.

§349 (ii) Ron alt

**anns**<sup>20</sup>: **anns a' mhuir**; **anns a' bhad**; **anns a' bheinn**; **anns a' Ghàidhlig**; **anns a' Ghearran**; **anns an achadh**; **anns na peilichean**; **anns na solais**; **anns na saor-làithean**; 's iad na daoine a bha thu **anns an amar-snàmh aca**; no, tro cho-mheasgachadh ris an alt, s~: **sa mhadainn**; **san fheasgar**; **san t-sràid**; **sna dùthchannan eile**; **sna h-àitichean sin**.

§349 (iii) Ro **gach**; **na**<sup>dh</sup>

**anns gach duine**; **a' labhairt ris na cnàmhan a tha an tàmh anns gach gleann** (~Hendri 1857, 15); **feumaidh sinn dòchas a chur anns na th' againn** – no, tro cho-mheasgachadh, ... **sna th' againn**.

§349 (iv) Leis na ràitheachan

Air thoiseach air ràitheachan na bliadhna, gabhaidh **anns** + an t-alt giorrachadh mar a leanas: **as t-earrach**; **as t-samhradh**; **as t-fhoghar**; **sa gheamhradh** §106 (v) (b); faic cuideachd **a-staigh** §424 (ii), b-n 23.

§349 (v) Le riochdair seilbheach

**nam**<sup>s</sup>, **nad**<sup>s</sup>, **na**<sup>s</sup>, **na**<sup>h</sup>, **nar**<sup>n</sup>, **nur**<sup>n</sup>, **nam**<sup>m</sup>:<sup>21</sup> **nam cheann**; **tha rudeigin nam shùil**; **feuch a bheil e nad phòcaid!**; **bha i na h-èiginn**; no **na mo**<sup>s</sup> 7c: **na mo cheann**; **na do phòcaid**.

§349 (vi) Riochdairean roimhearail

Ann an cruth riochdair roimhearail §239: **annam(sa)**; **annad(sa)**; **ann(san)**; **innt(e)**; **annainn(e)**; **annaibh(se)**; **annta(san)**: cò **ann** a chuireadh tu d' earbsa?; **b' iad na taighean-òsta a bu chofhurtail a dh'fhuirich sinn anna**<sup>22</sup>; **chan eil anna seo ach faoineas**; **chan eil ùidh agam anns an rud sin**; **chan eil càil innte ach na cnàmhan**; 's e bàrd a th' **ann**; **nach e bancair a th' annaibh?**; **ciamar a rinn sinn an gnothach air, gun annainn ach clann bheag?**; **tha sùilean liatha innte**.

§349 (vii) Mar cho-ghnìomhair

**ann** §240 (i).

§349 (viii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (clao)

**an talla anns an cluicheadaid fad na h-oidhche**; cò **am baile eile anns am faigheadh tu sràidean cho cumhang ri seo?**; no, tro cho-mheasgachadh ris an riochdair dhàimheach, **san**<sup>m</sup>: ... **san cluicheadaid**; ... **sam faigheadh tu**.

20. Tàrmaichidh an ~s dheiridh a tha seo ann an alt na Bun-Cheiltis; coim. *gu(s)* 7c §360 (i), b-n 66.

21. Air uairean, **ann am**<sup>s</sup> no **am**<sup>s</sup> 7c.

22. No ... **anns an do dh'fhuirich sinn**, no, tro cho-mheasgachadh, **san do dh'fhuirich sinn** no **sna dh'fhuirich sinn**.

§349 (ix) Brìgh  
'am broinn'

§349 (ix) (a) 'àite cruthach' *ann am bogsa; anns a' chidsin.*

§349 (ix) (b) 'àite eas-cruthach' *ann an trioblaid; nad inntinn; guidheam co-dhiù Dia na thoiseach don neach a cheannaich ar n-eilean* (Macleòid 1932, 385); *na gabh nad shròin e!; an ainm an àigh!* §433 (ii).

§349 (ix) (c) 'cuairt ùine' *anns an Fhaoilleach; ann an deich mionaidean; tha dusan mìos sa bhliadhna; ann an tiotan.*

§349 (ix) (d) Leis a' ghnìomhair *BI* §299 + ro ainmear gnìomhaireach §251, gus a ràdh gu bheil cuideigin no rudeigin ann an suidheachadh no staid àraidh §299 (iii): *bha mi nam dhotair nuair a bha mi na b' òige; a bheil thu nad oileanach fhathast?; tha e na shàr dhuine; bha i na saighdear san arm; bha an dithis againn nar n-athraichean òga; nuair a bha sibh nur nigheanan; an fheadhainn a bha gu bhith nam ministearan sna h-eileanan; bha mi nam chrùban; tha thu nad sheasamh ri thaobh; bidh e na shuidhe an sin; a bheil i na cadal?; tha sinn nar dùisg mar-thà* §299 (iii), b-n 44; *chunnaic mi sibh nur ruith; bha iad nan laighe air an fheur.*

§349 (ix) (e) Le ceum buadhach a' bhuadhair §142: *tha i a' dol am miosad; gus sgeul fada a chur an giorrad.*

§349 (x) Roimhearan fillte

§349 (x) (a) Ainmearach §340 (iv): *an dèidh na seirbheise; (1d iol.) thig nar dèidh-ne!; (3s iol.) nan dèidh; an àite do pheathar; (1d iol.) nar n-àite; bha airgead pàipeir an cois na litreach; (3s sg. fir.) na chois-san; am fianais a' bhaile; (2ra iol.) nur fianais; am broinn a' bhogsa; (1d sg.) nam bhroinn-sa; an aghaidh Fhionnlaigh; (1d sg.) nam aghaidh fhìn; an lorg Màiri; (2ra sg.) nad lorg; tha i an tòir Ghàidheal a chaidh a-null thairis; (3s iol.) thèid sinn nan tòir-san; an comain na buidhne; (2d sg.) tha mi fada nad chomain; ghluais e an comhair a chùill; (3s sg. fir.) sheas e gu h-àrd na chomhair; an còir na bùtha; (3s sg. boir.) na bi a' dol na còir!; chaidh iad an coinneimh a' phoilis; (1d sg.) thig nam choinneimh aig trì uairean!; am measg nam flùraichean; (3s iol.) nam measg-san; (1d sg.) bha mi nam aonar fad an latha §143 (ii), b-n 2; (2ra sg.) am biodh Diluain nad chomas?; bha e na shuidhe an taca an teine; an làthair mo nàimhdean; (1d sg.) nam làthair; (le ainmearan, ann an seagh amail) an ceann greis 'an dèidh greis'; an ceann dà bhliadhna; am feadh an latha, .i. air feadh an latha 'rè an latha'; (le ainmear gnìomhaireach) an impis 'gu': an impis briseadh; an impis mo chridhe a bhriseadh; (le *BI* §296, no leis a' ghnìomhair ri thuigsinn) 's ann an-diugh a bha mi an dùil a dhol ga faicinn; an dùil an tig iad*

*fhathast?* §271; *tha mi an làn-duil gum bi i ann* §174 (i); *an robh thu an dòchas nach tigeadh iad?*

§349 (x) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *bidh i an-còmhnaidh an sàs ann an iomadach rud; an taca ri* 'an coimeas ri; ri aghaidh'; *an tacsas ri* 'ri aghaidh'; *tha na coin an tòir air na fèidh; thoir an aire*<sup>23</sup> *do na tuill san rathad!*

§349 (xi) Co-ghnìomhairean  
Cleachdar *ann*

§349 (xi) (a) Gus a stèidheachadh gu bheil rudeigin ann am bith §296 (ii) no an làthair: *tha an t-uisge ann; tha i ann leatha fhèin; bha am bodach seo ann a bha car bodhar; nuair a chaidh mise a-steach, cha robh ann ach bòrd agus trì chathraichean.*

§349 (xi) (b) Ann an rosgrannan iomchuir §308 (ii) (b) mar cho-ghnìomhair faisneach: 's *ann a chaidh (a) fhàgail aig an doras; b' ann air èiginn a rinn i e; 's ann an-diugh a bha mi a' dol ga faicinn.*

§349 (xi) (c) San t-seagh 'a dh'àite àraidh' le gnìomhairean gluasaid, mura tèid àite àraidh eile a ainmeachadh: *an tig thu ann còmhla rinn?; chaidh mi ann; ach chaidh mi dhan bhùth.*

§349 (xi) (d) Air uairean, san t-seagh 'idir' gus sìneadh a thoirt dhan rosgrann §423 (iv), b-n 10: *cha b' e mise a bha gan iarraidh ann!*

§349 (xii) Abairtean co-ghnìomhaireach  
*am badeigin* = *an àiteigin*; *am bàrr* = *am mullach* = *an uachdar*; *am bitheantas* = *an cumantas*; *am falach*; *am fealla-dhà*; *am follais* 'ris, ri fhaicinn'; *an caraibh* 'faisg air, a' beantainn ri'; *an cèin* 'thall thairis'; *an òrdugh*; *an toiseach* = *an tùs*; (le tàthan) *am-feast(a)* 'a-chaidh'; *an-àirde* 'shuas; suas'; *an-asgaidh*; *saor 's an-asgaidh*; *an-ceartuair*; *an-còmhnaidh* 'daonnan'.

§349 (xiii) Naisgearan  
*am feadh 's a*<sup>dh</sup> §334 (iv) 'fhad 's a': *am feadh 's a bha mi a' labhairt, bheireadh an sean chù sùil nuagach an rathad a bha Jessie* (≈MacEacharn 1910, 311).

### §350 à(s)

+ tabh.<sup>24</sup> 'gus an taobh a-muigh' 7c

23. Coim. *bha Tormod a' toirt an aire do a phiuthar* (Mac a' Ghobhainn 1960, 28); chan ionann sin agus cleachdadh an uilt ann an *bha e a' cumail an uisge-bheatha ris gu math, ach a' toirt na deagh aire air fhèin* (≈An Gaidheal IV, 74).

24. Cleachdar à no às gun an t-alt, a rèir dualchainnt. 'S ann ann an SG *a<sup>F</sup>* (no *á<sup>E</sup>*, gun fhadachadh, Thurneysen 1975, 33–34), nas anmoiche *as(s)* (coim. cruth fillteach an roimheir, *es(s)*- §382), a thàrmaicheas GA *à(s)* [a(̩)]. Sgrìobhte *a(s)* gun stràc sa chiad

§350 (i) Gun an t-alt

*à(s)*, a rèir dualchainnt: *à Glaschu*; *às Muile*.

§350 (ii) Ron alt

*às: às a' mhuir*; *às a' Chuimrigh*; 's e sin an tè a thuit an sporan *às a' mhàileid aice*.

§350 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>

*às gach àite*; *gabh tlachd às na th' agad!*

§350 (iv) Le riochdair seilbheach

*às mo*<sup>s</sup> 7c: *às mo làimh*.

§350 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*asam(sa)*; *asad(sa)*; *às(-san)*; *aiste(se)*; *asainn(e)*; *asaibh(se)*; *asta(san)* §239: *cò às a tha thu?*; 's e sin an abhainn a thig an t-iasg as fheàrr *aiste*<sup>25</sup>.

§350 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*às* §240 (i); *à sin/às sin/às a sin* 7c §210 (iii).

§350 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*cò an toll às an do dh'èirich an nathair seo?*; *b' e sin am baraille às an tàinig an sgadan a b' fheàrr*.

§350 (viii) Brìgh

§350 (viii) (a) 'bho am broinn gu taobh a-muigh rudeigin' *às a' bhogsa*; *thug e an ceann às a' bhotal*; *às do bheul*; gu tric le **a-mach**: *ruith a' chlann a-mach às an taigh*; *mach à seo leat!*; *gheàrr e an dealbh às a' phàipear*; (eas-cruthach) *nach tu a tha às do chiall*<sup>26</sup>; *mura faigh iad an t-airgead uile, thèid an cur à seilbh an taighe*.

§350 (viii) (b) 'bho am measg, à measg' *còig às gach deich*; *chaidh am balach fhàgail às a' gheama*; gu tric le **a-mach**: *còig a-mach à deich*.

§350 (viii) (c) 'bho, a-mach bho': (àite) *thàinig iad às a' bheinn*; *às a' mhòintich*; 's ann à Dùn Èideann a bha mo chuideachd; *às an àird a tuath* §425 (vi); (ùine) *à seo suas 'bho seo a-mach'*; (eas-cruthach) *às a' chumantas*; *thug iad an car asam*; *sguir a bhith tarraing aiste!*

---

àite ann an Gàidhlig na h-Albann ach, gu a dhealachadh ri mìrean agus facail eile a sgrìobhar *a* no *as*, thòisicheadh air stràc geur a chleachdadh air, .i. *á*, ged nach robh an fhuaimreag fada idir, ach, le GOC 1, chaidh an litreachadh atharrachadh gu *à*, agus stràc mall air §13 (iii). Tàrmaichidh an ~s dheiridh a tha seo ann an alt na Bun-Cheiltilis; coim. *gu(s)* 7c §360 (i), b-n 66.

25. No ... *às an tig an t-iasg as fheàrr*.

26. Gu dualchasach, *às do chèill* tabh.

§350 (viii) (d) 'bho bhith ann' *chaidh am beathach à bith; chuir an gille bochd às dha fhèin; dhubh e na mearachdan às.*

§350 (viii) (e) 'air a sgaradh bho chèile' *tha a' chathair a' tuiteam às a chèile* §219.

§350 (viii) (f) 'de' *tha e air a dhèanamh à ceithir pìosan.*

§350 (viii) (g) 'dheth' *chuir e an solas às.*

§350 (viii) (h) Le abairtean mu chinnt: *chan eil mi cinnteach às idir; dearbhte às.*

§350 (viii) (i) Le abairtean mu phròis 7c: *tha mi air leth moiteil asad.*

§350 (viii) (j) Ann an corra abairt co-ghnìomhaireach: *às is às* 'gu tur, gu buileach'; *às ùr*: (co-ghn.) 'bhon toiseach' *nach tòisich sinn às ùr?*; (buadhair) 'gu buileach ùr' *a bheil càil às ùr an-diugh?*; *fad' às* 'fada air falbh'.

§350 (ix) Roimhearan fillte

Ainmearach §340 (iv): *à measg* 'bho bhith ann am barrachd air aon rud' *chaidh a tarraing à measg na gràisge; às aonais chàirdean; b' fheàrr leam gun a bhith às d' aonais; às eugmhais* 'às aonais'; *às dèidh dha a dhol a-mach, thòisich an t-uisge; às leth*: 'air sgàth' *smaointich i gun rachadh i fhèin a choimhead air an rìgh a dh'fhaicinn dè ghabhadh dèanamh às leth a mic* (≈Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 145); 'air a thilleadh gu, air a cheangal ri' 's e *comharradh a tha seo air deireadh an t-saoghail a b' àbhaist a bhith ga chur às leth* Choinnich Odhair (Watson 2007, 126); 'an aghaidh' *chaidh a chur às a leth gun do ghoid e an t-airgead.*

§350 (x) Mar ro-leasachan

§350 (x) (a) Gheibhear cleachdadh co-aimsireil ann an *às*<sup>s</sup>: *às-earrann; às-bhathar* no *às-mhalairt.*

§350 (x) (b) Gheibhear cleachdadh nas dualchasaiche ann an *eas*:- (ainmearan) *eas-urram; eas-aonta; eascaraid*; (buadhairean) *eas-urramach; eas-cruthach*; agus anns a' chruth naisgte *as*~ no *ais*~: *aiseirigh; asbhuaib* 'bun gearrte na connlach'; *ascaoin: tha caoin is ascaoin air* (≈Nicolson 1881, 356), .i. tha an dà chuid taobh mìn is taobh garbh air.

§351 (*bh*)*o*<sup>s</sup>

+ tabh.<sup>27</sup> 'a' sealltainn cò às a thàinig rudeigin' 7c

27. Bheir SG *ó*<sup>s</sup>, *oa*<sup>s</sup>, *úa*<sup>s</sup> + tabh. GA *o*<sup>s</sup> no (le toiseach an roimheir air a chonnragachadh na [β] > GA [f]/[v], coim. (*bh*)*os* §352) *bho*<sup>s</sup>, a rèir dualchainnt.

§351 (i) Gun an t-alt  
(*bh*)*o* *chaillich*.

§351 (ii) Ron alt  
(*bh*)*on* *chaillich*<sup>28</sup>; 's e *sin am fear a cheannaich sinn mil (bh)o a mhnaoi*.

§351 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>  
(*bh*)*o* *gach duine*; *an e sin uireas a shàbhail sibh (bh)o na bha ann?*

§351 (iv) Le riochdair seilbheach  
(*bh*)*om*<sup>s</sup>, (*bh*)*od*<sup>s</sup>, (*bh*)*o*<sup>s</sup>, (*bh*)*o*<sup>h</sup>, (*bh*)*or*<sup>n</sup>, (*bh*)*ur*<sup>n</sup>, (*bh*)*on*<sup>m</sup>; no (*bh*)*o mo*<sup>s</sup> 7c:  
(*bh*)*om phiuthar*.

§351 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail  
(*bh*)*uam*(*sa*); (*bh*)*uat*(*sa*); (*bh*)*uaithe*(*san*); (*bh*)*uaipe*(*se*); (*bh*)*uainn*(*e*);  
(*bh*)*uaihb*(*se*); (*bh*)*uapa*(*san*) §239: *cò bhuaithe a fhuair thu sin?*; *b' iadsan an fheadhainn a cheannaich mi an dealbh (bh)uapa*<sup>29</sup>.

§351 (vi) Mar cho-ghnìomhair  
(*bh*)*uaithe* §240 (i); (*bh*)*o sin/(bh)uaithe sin/(bh)on a sin* 7c §210 (iii).

§351 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)  
(*bh*)*on*<sup>m</sup>: *cò an duine (bh)on do dh'ionnsaich thu sin?*; *galar (bh)om bàsaich duine*.

§351 (viii) Brìgh

§351 (viii) (a) 'a' sealltainn cò às a thàinig rudeigin' *tillidh iad (bh)on bhùth a dh'aithghearr; bhite a' coiseachd a-steach (bh)on àirigh gach latha; fhuair mi (bh)o Chalum e; mas breug (bh)uam e, is breug thugam e; (bh)on dàrna taobh chun an taoibh eile; (bh)o cheann gu ceann den bhòrd; mìle (bh)on taigh; bha i a' coiseachd an rathaid (bh)on Dùn*.

§351 (viii) (b) 'mar thoradh air' *bhàsaich i (bh)on ghalar sin*.

§351 (viii) (c) 'eadar àm a dh'fhalbh agus àm eile (a bhios ri thuigsinn, mar as trice)' (*bh*)*on uair sin; (bh)o sin air adhart, tha i air a bhith nas fheàrr; (bh)o seo a-mach; (bh)o shean; (bh)o chian (nan cian) 'bho chionn fhada; (bh)o cheann gu ceann den latha; tha mi ag obair an seo (bh)o* 2001.

§351 (viii) (d) Ann an corra abairt gnìomhaireach, m.e. *leig (bh)uat 'leig seachad: tha i a' leigeil (bh)uaipe an tombaca; thig (bh)uaithe 'rach am feabhas; rach (bh)uaithe 'rach am miosad: tha an àrainneachd a' dol (bh)uaithe; faic (bh)uat 'faic astar air falbh: chunnaic mi (bh)uam i*.

28. No, le ath-dhùblachadh den alt, (*bh*)*on a' chaillich* §24 (ii).

29. No ... (*bh*)*on do cheannaich mi an dealbh*.

## §351 (ix) Roimhearan fillte

§351 (ix) (a) Ainmearach §340 (iv): *(bh)o chionn greiseig* ‘ùine bheag air ais’; *(bh)o chionn ghoirid*; *(bh)o chionn fhada*; *(bh)o chionn fhad’ an t-saoghail*.

§351 (ix) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *saor (bh)o* ‘gun, às aonais, saor agus; gun dleastanas air rudeigin, gun a bhith an urra ri rudeigin’: *tha i saor (bh)o amharas a-nis*.

## §351 (x) Co-ghnìomhairean

*bho dheireadh* (*fo dheireadh*) ‘mu dheireadh’ §359 (ix) + b-n 62, §364 (x).

## §351 (xi) Naisgearan

§351 (xi) (a) *(bh)o<sup>dh</sup>* ‘san ùine a chaidh seachad’ (àicheil *(bh)o nach<sup>f</sup>*) §334 (iv): ‘*fhada (bh)o bha còir agam a dhol air mo chasan* (A. Caimbeul 1992, 23); ‘*fhada (bh)o nach fhaca mi thu!*

§351 (xi) (b) *(bh)on a<sup>dh</sup>* ‘a chionn ’s gun, seach gun’ (àicheil *(bh)o nach<sup>f</sup>*) §334 (i): *mo bheannachd a chum mo mhàthar*; *(bh)on a bhios mi a-ghnàth na smuaintean* (Sinclair 1890, 337); ‘san ùine a chaidh seachad’: *tha i air a bhith gu math tinn (bh)on a thuit i*.

§352 *(bh)os*

+ tabh.<sup>30</sup> ‘air mullach’ 7c

## §352 (i) Roimhearan fillte

Ainmearach §340 (iv): *(bh)os cionn* ‘nas àirde na, air mullach’: *bha am plèana (bh)os cionn an taighe*; *bha an nighean (bh)os cionn chàich sa chlas*; *bha uachdar an uisge (bh)os cionn a shròine*.

## §352 (ii) Co-ghnìomhairean

*bha an taigh bun-os-cionn an dèidh dha na mèirlich rùrachadh air feadh an àite*; *os bàrr* ‘air mullach, a thuilleadh air’; *os àrd* ‘gu h-àrd-ghuthach, gu follaiseach’; *os iosal no os ìseal* ‘gu sàmhach, gu prìobhaideach’; *(bh)os làimh* ‘ga dhèanamh’: *tha an obair uile (bh)os làimh a-nis*.

## §352 (iii) Mar ro-leasachan

Le *os-s*: *os-chràbhach* ‘saobh-chràbhach; breug-chràbhach’; *os-labhairt* ‘àibheis-eachadh’; *os-nàdarra*.

30. Chaidh àite SG *ós<sup>s</sup>*, *úas<sup>s</sup>* (gun sèimheachadh an toiseach, Thurneysen 1975, 527) + tabh. a ghabhail leis an roimhear fhille *os cind* (gun sèimheachadh) ‘os cionn’ gu h-anmoch anns a’ Ghàidhlig Thràth (*DIL*, s.v. 1 *ós*), ach mairidh corra shean chleachdadh anns a’ Ghàidhlig. Gheibhear *os* no *bhos* san Nua-Ghàidhlig, a rèir dualchainnt, ged nach nochd *bh* thoisich anns gach co-theags; coim. *(bh)o<sup>s</sup>* §351.

§353 *car*

+ gin. 'air feadh'

'S e ainmear<sup>31</sup> a th' ann an *car* f. a chleachdar mar roimhear san t-seagh 'air feadh (cuairt ùine), fad': *car ùine; car greis; car rè; car tamaill; car tiotain*.

§354 *cleas*

+ gin. 'a' leantainn, coltach ri'

'S e ainmear<sup>32</sup> a th' ann an *cleas* b. 'cluiche, plana no sgeama ann an cluiche 7c' a chleachdar mar roimhear: *cleas Sheumais* 'a' leantainn Sheumais, coltach ri Seumas'; *ged a bha e taingeil a bheò a thoirt às an àraich, cleas iomadh saighdeir eile fhuair e bristeadh-dùil air a thilleadh* (≈MacAmhlaidh 1995, xiv); *a mhic a' bhodachain lachdainn, o bhun Loch Abar nan craobh, cleas a' chait a dh'òl an t-uachdar, thèid a' chluas a thoirt dhìot on mhaoil* (≈Caraid nan Gàidheal 1867, 174).

§355 *de*<sup>dh</sup>+ tabh. 'bho, a' toirt a-steach no air a dhèanamh à nì no stuth àraidh' 7c<sup>33</sup>

§355 (i) Gun an t-alt

*de*<sup>dh</sup>, no air a lùghdachadh gu *a*<sup>dh</sup>: *de shòlas; chan eil càil a dh'fhios agam*.

§355 (ii) Ron alt

*den*<sup>s</sup> no *dhen*<sup>s</sup>: *pìos den chèic*<sup>34</sup>.

§355 (iii) Ro *gach; na*<sup>dh</sup>

*d(h)e gach rud; cha do sguir i d(h)e na bha i a' dèanamh idir*.

§355 (iv) Le riochdair seilbheach

§355 (iv) (a) Aon chuid gun sèimheachadh toisich: *dem*<sup>s</sup>, *ded*<sup>s</sup>, *de*<sup>s</sup>, *de*<sup>h-</sup>, *der*<sup>n-</sup>, *dur*<sup>n-</sup>, *den*<sup>m</sup>: *dem chàirdean*; no *de mo*<sup>s</sup> 7c;

31. Na eugsamhail air GA *cur* f. (faic *DIL*, 1 *cor* (18)). Airson a dhreuchd mar choghnìomhair, faic §364 (x), §427 (ii) (b).

32. Coim. *cha dèanadh nì feum le Ailein Taigh a' Phuirt ach gun rachadh e a-steach 's gun innseadh e dhaibh an cleas a chaidh a dhèanamh air* (≈Whyte 1898, 218), .i. cha shàsaicheadh rud sam bith Ailein Taigh a' Phuirt ach ...

33. Thèid an roimhear *do*<sup>dh</sup> §356 a chleachdadh an àite an roimheir *de*<sup>dh</sup> air uairean, m.e. (air fhilleadh leis an alt) *pìos dhan chèic seach pìos d(h)en chèic; thug a' bhean dhomh claidheamh mòr lasrach solais a bha aig fear do na famhairean, is cha robh mi fada a' tilgeadh nan ceann do na famhairean* (≈Campbell 1860 I, 142) seach ... *d(h)e na famhairean*; (air fhilleadh le riochdair seilbheach) *chuir Dòmhnall Iain, mar a rinn iomadh gille a bhàrr air às na h-eileanan, seachad roinn mhath dha shaoghal ag obair aig tuathanaich* (≈MacCoinnich 1973, 33), seach *d(h)e shaoghal*.

34. No, le ath-dhùblachadh den alt, *den a' chèic* 7c §24 (ii).

§355 (iv) (b) No le sèimheachadh toisich: *dhem*<sup>s</sup>, *dhed*<sup>s</sup>, *dhe*<sup>s</sup>, *dhe*<sup>h</sup>, *dher*<sup>n</sup>, *dhur*<sup>n</sup>, *dhen*<sup>m</sup>: *dhem bheatha*; no *dhe mo*<sup>s</sup> 7c.

§355 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*dhiom(sa)*; *dhìot(sa)*; *dheth(san)*; *dhith(se)*; *dhinn(e)*; *dhibh(se)*; *dhiubh(san)*  
 §239: cò *dheth a gheàrr thu seo?*; cò *dhiubh a b' fheàrr leat, an tè bhuidhe no an tè liath?*; *tha mi coma cò dhiubh a chreideas tu mi no nach creid* §338 (ii) (b) (γ); *b' e siud an ad a bha i deiseil dhith*<sup>35</sup>.

§355 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*dheth* §240 (i); *d(h)e sin/dheth sin/d(h)en a sin* 7c §210 (iii).

§355 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*d(h)e* (ro *bheil* §262 (ii) (b) (α)), *d(h)en*<sup>m</sup>: cò *an tè den do dh'fheòraich thu a' cheist sin?*; *dè an t-ainm a th' air an iomairt de bheil thu nad phàirt?*

§355 (viii) Brìgh agus cleachdadh

§355 (viii) (a) Tùs: 'bho, a' toirt a-steach no air a dhèanamh à nì no stuth àraidh': 's *ann den tachartas ud a chanar sin ris an àite seo an-diugh; tha iad de Chlann Raghnaill; rinn e bogsa de dh'fhiodh; tom de shneaghain*<sup>36</sup> *bheaga dhearga; rinn i eilid dem mhnaoi* (≈Sgeul. Arab. I, 24); *dè thig den t-suidheachadh eagalach seo?*; *tha i gu bhith trì bliadhna a dh'aois a-màireach.*

§355 (viii) (b) Tùs: 'a' sònrachadh na buidhne no an rud shlàin dham buin aonan no feadhainn àraidh': *bha e air fear de phrìomh eòlaichean dhualchainntean na Gàidhlig; b' esan an dàrna duine ann an teaghlach de cheathrar; tha triùir dhinn an dùil a dhol ann*<sup>37</sup>; *chan fhaic thu ach dithis de na balaich a-nochd – tha an treas fear air falbh an-dràsta; canaidh cuid de dhaoine 'mionach' ris an stamaig; an ceannaich thu fear de na coin seo?*; *bhiodh an dàrna tè dhiubh na b' fheàrr; nach gabh thu pìos den chèic?*; *chì thu craobhan air gach taobh dheth; nach fhuirich sinn airson an dàrna leth dhith?*; *chan eil càil a dh'fhios aice; cha robh dad a dhùil againn a dhol ann an-diugh; cha shaoileadh tu sion dheth; cha do rinn e a leithid de rud a-riamh roimhe; seo liosta de na leabhraichean uile; thig air ais ann an uair a thide!; uair den robh an saoghal; a bheil gu leòr dhiubh ann?*; *tha e ro fhada den latha gus a dhol a-mach a-nis; a bheil sibh den aon bheachd?*; *balach dem aois-sa; cuideigin den aon aois rium fhìn.*

§355 (viii) (c) 'a' toirt air falbh bho': *tilgibh dhibh ur còtaichean!; cuir dhìot do*

35. No ... *d(h)en robh i deiseil.*

36. .i. *seangain* (faic Ó Baoill 1978, 56–57, 252–53, a chuireas air shùilibh nach e an t-aon bhunachas a th' aig an dà fhacal seo).

37. .i. a-mach à barrachd air triùir; iom-sgaraich *an triùir againn* §345 (viii) (b), b-n 3.

*gheansaidh!; bhris e cnap dheth; nach glan thu am poll ud dhe do bhrògan!; thug e an ceann den fhamhair.*

§355 (viii) (d) ‘na dh’fhòghnas, gu leòr, uimhir’: *gheibh thu de bhiadh na chumas beò fad seachdain thu; an robh de theatha aice na chumadh a’ dol i?; b’ esan an t-aon duine nam measg aig an robh de Ghàidhlig na dhèanadh còmhraidh rinn; a bheil againn de dh’airgead na dh’fhòghnas gu deireadh na mìosa?; cha robh agam de neart na dhèanadh gleansach e; rinn iad de dh’fhuaim na bha ceadaichte dhaibh a dhèanamh; chan eil agam de mhisneachd na ghabhas òran an làthair chàich; cha choisinninn de dh’airgead na shàsaicheadh an teaghlach; ma ghabhas sibh de dhragh (≈Sgeul. Arab. I, 52); cha robh de lùths ann na chairicheadh às an ionad an robh e (≈ibid., 34); dèan de dh’fhàbhar gun èist thu rium (≈ibid., 18); cha do rinn e de dh’fheum dhut; ‘s i a’ cheist a bu mhotha a thog de bhruaillean ann an inntinnean nan Sasannach is nan Gall (≈An Gaidheal I, 108); tha (a) thide againn falbh; tha de dhaoine ‘s de dh’èich ann, tha de bhreislich ‘s de smùid ann (Niall MacLeòid: Bateman 2014, 100); na tha a dhaoine ‘s a dh’eachaibh<sup>38</sup> air fastadh Rìgh Deòrsa (≈Donnchadh Mac an t-Saoir: MacLeod 1978, 210, ss. 3036–3037); dè na tha thu ag iarraidh de dh’airgead? §202 (ii).*

§355 (viii) (e)

§355 (viii) (e) (α) Ann an abairtean meud: *chan eil a bheag de ghàire ann §196.*

§355 (viii) (e) (β) Ann an abairtean ceudna agus am buadhair na choileanadh aig a’ ghnìomhair IS §304: *cha bheag de stòras dhomh còir ort fhèin (≈Ailein Dughallach: Black 2001, 338); bha ministear mòr foghainteach a’ ceasnachadh: chuir e ceist air bodach anns a’ chuideachd: ‘Cia lìon pearsa anns an Diadhachd, a Chaluim?’ Is e am freagradh a thug Calum don mhinistear, ‘Ma-tà, a dhuine chòir, cha bheag a phearsa<sup>39</sup> thu fhèin innte’ (≈Ros 1938, 69); bha gach ceannard ainmeil airm bho Ghalgacus gu Morair Chluaidh lan-fhiosrach air a’ bhuaidh a bh’ aig a’ chreideamh seo [a bhith gaisgeach mar bu dual dhut] thairis air na saighdearan Gàidhealach – cha mhòr de bheachdan ar sinnsearan, ma tha aon idir ann, a ghlèidh a uiread den cumhachd ‘s a rinn am beachd seo (≈An Gaidheal IV, 34); chaidh tuilleadh is leth-cheud bliadhna seachad o chaidil i, agus cha mhòr de luchd-leughaidh na duilleig sa aig a bheil dad a dh’èolas air a h-ainm no a h-eachdraidh (≈Fear-tathaich Mìosail I, 137); thubhairt mi rithe latha agus i deiseil a dh’fhuine, ‘Nach mòr a sheòrsaichean arain a tha*

38. .i. de dh’èich §83 (iii) (c) (β).

39. B’ e a’ phearsa a chaidh a chlà-bhualadh.

*agad an-diugh'* ( $\approx$ Caimbeul 1973, 120); (leis an roimhear air a theasgadh) *is beag fhios a bha aca gun robh e cho fad' gam feitheamh* ( $\approx$ MacFadyen 1890, 261); *an taobh a-mach den ghràisg aineolach, cha mhòr Ghàidheal a-nis a ghabhas tàmailt às an t-sean chànain* ( $\approx$ Guth na Bliadhna X, àir. 2, 133–34); *cha mhòr fhear nach cailleadh a mhisneach sa chàs seo* ( $\approx$ Whyte 1898, 189); *cha mhòr Ghàidheal nach eil eòlach air na fèidh* ( $\approx$ An Ròsarnach I, 171); *cha bheag chùis-mhaslaidh, ma nitear mo chasgairt le mnaoi* ( $\approx$ Loudin 1780, 11).

§355 (viii) (e) ( $\gamma$ ) Cleachdar *de*<sup>dh</sup> an dèidh *gann*; *làn*; *mòran*; *beagan*; m.e. *tha an t-uisge làn dhiubh*; *tha sinn gann de bhiadh*; ach tha structar ginideach an dèidh *làn*; *mòran*; *beagan* cumanta, m.e. *bha a' bhuaile làn bheathaichean*; *mòran d(h)aoine* §45 (i) (l) ( $\alpha$ ).

§355 (viii) (f) Ann an abairtean tomhais: *bha e slat gu leth de leud, dà shlait de dh'àirde agus trì slatan de dh'fhad*; coim. §346 (viii) (a) ( $\phi$ ).

§355 (viii) (g) Gu tric leis na h-àireamhan as àirde §153 (i) (b), agus san abairt *a dhà no a trì de*, m.e. *an dèidh a dhà no trì (a) bhliadhnaichean*.

§355 (viii) (h) 'le, mu, mar thoradh air, tro': *a bheil thu deiseil den leabhar ud fhathast?*; *bha i buidheach de na rudan brèagha a fhuair i*; *a bheil dragh ort de nathraichean?*; *tha coltas an acrais air – nach eil truas agad dheth?*; *air mo shon-sa dheth*; *bidh iad nas fheàrr dheth* 's fheàirde iad sin'; *tha mi seach searbh sgìth den òran ud*; *chaidh mi ann dhe mo chois*; *chan eil i cuidhte dheth fhathast no chan eil i cuidhteas dheth fhathast* §90 (ii) (b) ( $\beta$ ), b-n 5.

§355 (viii) (i) Ann an abairtean a chuireas stad air no dàil ann an rudeigin: *cha sguir e de smocadh idir*; *sguir dheth sin!*; *tog dheth!*; *chaidh an geama a chur dheth gu Diardaoin*, i. *chaidh an geama a leigeil seachad gu Diardaoin*.

§355 (viii) (j) Ann an abairtean ag iarraidh rudeigin air cuideigin: *faighnich dhiubh am bi iad ann a-nochd?*; *dh'fheòraich mi sin dhith sa mhadainn*.

§355 (viii) (k) San abairt *cuir car de* 'cuir rudeigin bun-os-cionn': *na cuir car den chopan!*; 'tionndaidh rudeigin': *chuir i trì charan dhith mus do ràinig i bonn an leathaid*; *bha a' ghaoth a' cur charan den duslach*; *bha am ball a' cur charan dheth leis a' chnoc*.

§355 (viii) (l) Air uairean, air a chleachdadh leis a' ghnìomhair *BI + ann* §349 (xi) gus nàdar duine no nì a shònrachadh, m.e. *cha robh ann dheth ach cnamhlach meanbh car aog* (Mac an t-Saoir 2003, 99); 's *math a dh'fhaodte gur e fear-obrach a bh' ann dheth* ( $\approx$ Mairtinn 1914, 36).

§355 (ix) Mar iar-leasachan (~*de*<sup>40</sup>) an dèidh bhuadhairean coimeasach gus ceum fàthach a' bhuadhair a chur an cèill §141, m.e. 's *fheàrrde duine gàire*.

§355 (x) Roimhearán fillte  
Ainmearach §340 (iv): *bhàrr*<sup>41</sup> (< *de bhàrr*): *thuit an leabhar bhàrr na sgeilpe*.

§355 (xi) Co-ghnìomhairean  
*a-chianaibh* (< *de chianaibh*) §83 (iii) (c) (β), b-n 32.

Airson nan co-ghnìomhairean *co-dhiù* (< *cò dhiubh* §355 (v)) agus *co-dheth* (< *cò dheth*, *ibid.*), faic §426.

### §356 *do*<sup>dh</sup>

+ tabh. 'a-steach ann; gu' 7c

§356 (i) Gun an t-alt

§356 (i) (a) *do*<sup>dh</sup>, no air a lùghdachadh gu *a*<sup>dh</sup>: *an tug thu preusant do Mhàiri an-dè?*; *an tig thu a dh'Èirinn còmhla rium?*

§356 (i) (b) *dha*, gun sèimheachadh<sup>42</sup>: *dha Mòraig; dha Calum; dha muinntir an ath bhaile*; (Leòdhas) *dh'fhaighnich mi dha Calum Iain* (A. Caimbeul 1992, 75); (Ros an Iar) *thug mi dha*<sup>43</sup> *Dòmhnall e* (Wentworth 2003, s.v. *to I 1*); (Cataibh) [*tha*] *cus biadh* (sic) *gu dona dha duine* (ri taobh *chan eil cus biadh gu math do dhuine*) (*LASID IV*, App. I (g), B-297a).

§356 (ii) Ron alt

*don*<sup>s</sup> no *dhan*<sup>s</sup>: *ruith i dhan bhùth*<sup>44</sup>.

§356 (iii) Ro *gach; na*<sup>dh</sup>

*do/dha gach duine; thug e rabhadh do/dha na bha ann.*

40. Far an ionann ~*de* (no ~*te* ann am *miste*) is an treas pearsa singilte fireann den riochdair roimhearail *dheth* (*DIL*, s.v. *dì*).

41. Air a sgrìobhadh *far* gu tric.

42. Cruth eugsamhail air *do*<sup>dh</sup>, ach gun sèimheachadh na dhèidh: *gu h-àraidh an dèidh na thachair dha Dòmhnall air na rigichean* (MacLeòid 2005, 138); *dha duine a tha air a bhith na dhùisg, fad na h-oidhche* (≈A. Caimbeul 1992, 17) – is dòcha gus a dhealachadh ri *dha*<sup>s</sup>, i. *do*<sup>dh</sup> + an riochdair seilbheach treas-pearsa singilte fireann *a*<sup>s</sup>: *b' ann sa bhliadhna 1701 a bha tràill Innseanach a' cladhach dha mhaighstir ann an ceàrn de na h-Innseachan* (≈MacLeòid 1973, 58); *làrna-mhàireach chaidh Coinneach suas gu taigh a sheanar gus an innseadh e dha sheanmhair dè a bha a' cur dragh air* (≈MacMhaoilein 1990, 42).

43. No *da* (loc. cit.).

44. No, le ath-dhùblachadh den alt, *dhan a' bhùth* 7c §24 (ii).

## §356 (iv) Le riochdair seilbheach

§356 (iv) (a) Aon chuid gun sèimheachadh toisich: *dom*<sup>s</sup>, *dod*<sup>s</sup>, *da*<sup>s</sup>, *da*<sup>h</sup>, *dor*<sup>n</sup>/*dar*<sup>n</sup>, *dur*<sup>n</sup>, *don*<sup>m</sup>/*dan*<sup>m</sup>: *dom mhàthair*; no *do mo*<sup>s</sup> 7c: *do mo mhàthair*.

§356 (iv) (b) No le sèimheachadh toisich: *dham*<sup>s</sup>, *dhad*<sup>s</sup>, *dha*<sup>s</sup>, *dha*<sup>h</sup>, *dhar*<sup>n</sup>, *dhur*<sup>n</sup>, *dhan*<sup>m</sup>: *dham mhàthair*; no *dha mo*<sup>s</sup> 7c: *dha mo mhàthair*.

## §356 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*dhomh (dhòmhsa)*; *dhut(sa)*<sup>45</sup>; *dha (dhàsan)*; *dhi (dhìse)*; *dhuinn(e)*; *dhuibh(se)*; *dhaibh(san)*<sup>46</sup> §239: *cò dha a bheir sinn an seann taigh-doileig?*; *an e sin an club a bhuineas tu dha?*<sup>47</sup>

## §356 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*dha* §240 (i); *do sin/dha sin/a sin/dhan a sin* 7c §210 (iii).

## §356 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*da* (ro *bheil* §262 (ii) (b) (α)), *don*<sup>m</sup>/*dan*<sup>m</sup> no *dha, dhan*<sup>m</sup>: *cò an duine dhan do dh'innis thu na breugan sin?*; *dè an aois a tha a' chlann dha bheil i a' leughadh?*

## §356 (viii) Brìgh agus cleachdadh

§356 (viii) (a) 'a-steach ann': *chaidh a' chlann dhan sgoil gu math tràth an-diugh*; *thèid sinn dhan eaglais feasgar*; *thuit e dhan abhainn*; *an tèid thu dhan bhùth?*; *thug e na caoraich dhan mhòintich sa bhan*; *leanaidh an rathad seo sìos don ghleann*; *chaidh iad nan eilthirich a Chanada*; *thàinig an teaghlach a dh'fhuireach a dh'Albainn bho chionn dà bhliadhna*; *tha sinn an dùil a dhol dhan Fhraing am-bliadhna*; *fhalbh a dh'àiteigin*<sup>48</sup> eile!

§356 (viii) (b) 'gu': *nach toir thu do Sheonaig e?*; *seo dhut!*; *thoir an aire dhomh!*; *cho dileas ri cù dha mhaighstir*; *freagraidh a' bhriogais ùr dhut*; *faighnich dhomh latha eile!*; *nach innis thu do naidheachd dhuinn?*; *bhite ag aithris naidheachdan beaga dha chèile mu thaibhsean is mu na sithichean*; *leughaidh mi sgeulachd dhut, ma ghreasas tu ort*; *cha leig i dhomh tighinn*; *seall na rinn e dhomh!*; *chuir am poileas air shùilibh dhomh gur h-e rathad aon-slighe a bh' ann*; *do dhuine cho beag ris-san, tha seasamh gu math àrd aige am measg a chomhaoisean*; *nach cuir thu air chuimhne dhomh nuair a dh'fheumas sinn falbh?*; *tha mi fìor thaingeil dhuibh uile airson na rinn sibh*; *tha sinn buidheach do gach duine a thàinig*; *fàilte oirbh dhan dùthaich!*; *tha e goirid do Ghlaschu.*

§356 (viii) (c) 'air sgàth, airson': *cheannaich mi dhomh fhìn e*; *tha e math is tha*

45. No *dhuìt(sa)* no *dhuìt(se)*.

46. Air uairean, gheibhear cruthan gun sèimheachadh, i. *domh (dòmhsa)* 7c.

47. No ... *dham buin thu* §200 (i) (b).

48. No a *bhadeigin*.

*e math dhut!; cha bhiodh siud ro mhath dha do shlàinte; chan e sin dhòmhsa e; cha robh ann dhaibh ach a h-uile duine air a shon fhèin; tha e a cheart cho math dhuinn falbh; bha e mar rùn dhomh a dhol ann an-diugh; rugadh nighean do dh'Anna a-raoir; tha gràdh agam dha.*

§356 (viii) (d) Gus dàimh no seilbh a chur an cèill: *tha bràthair dhomh na thàmh an Ameireagaidh; a bheil thu nad charaid dhi?; tha sinn càirdeach dha chèile; cò dha a bhuineas tu? tha do Choinneach Màiri; bhuineadh an taigh ud dham sheanmhair uair.*

§356 (viii) (e) San abairt *cuir às do*: *chuir e às dhan radan a bha san stòr; chuir an duine bochd às dha fhèin.*

§356 (viii) (f) Ann an abairtean modha le IS §310: *dè as adhbhar dha sin?; 's àbhaist dhan phost tighinn mun àm seo fhèin; bu chòir dhut sgur dheth; is dual dha na h-eòin dùsgadh tràth; b' èiginn dhi a dhol innte, .i. dhan leabaidh; 's fheàrr dhut barrachd cùraim a ghabhail; chan fhiach dhomh a dhol ann; an urrainn dhi snàmh?; nach aithne dhut e?; nach buidhe dhut!*

§356 (viii) (g) Ann an clàsan coileanta tarbhach §339 (i) (a), gus an greasadair a thoirt a-steach: *air dhan ghille am ball a bhreabadh, ruith e air falbh; air dhaibh pòsadh, chaidh iad a dh'fhuireach dhan Chuimrigh.*

### §356 (ix) Roimhearan fillte

§356 (ix) (a) Ainmearach §340 (iv): *a chionn an adhbhair sin; dha chionn-san* (3s sg.); *iomain a dh'ionnsaigh na feansa i!; dha h-ionnsaigh* (3s sg. b.); *a rèir Nèill; dha rèir-san* (3s sg.); *a thaobh na bha i ag ràdh; dhar taobh-ne* (1d iol.); *dè tha dhad dhith?* (2ra sg.)<sup>49</sup>; *a dh'aindeoin na thuirt mi; dham aindeoin* (1d sg.).

49. Gheibhear *gad dhith* ann an sgrìobhadh, an dèidh an fhuaimneachaidh aig cuid: coim. (gun an litreachadh air atharrachadh) (3s sg. f.) *arson an eòlais a bha ga dhith* (*Fear-tathaich nam Beann X*, 300–01); (3s sg. b.) *chail a' ghealach trian da solas, 's tha e ga dith chuige seo* (Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 16); (3s iol.) *ma tha gnothach ùr air bith ga 'n dith* (*Fear-tathaich nam Beann XII*, 361); agus sgrìobhaidh Watson ann am *Bàrdachd Ghàidhlig* (1d sg.) *'g am dhith-sa* agus (3s sg. f.) *'ga dhith, 'g a dhith* (1932, 120; 80, 353). Chithear an cruth *do* cuideachd, m.e. (3s sg. b.) *'s oil leam fhéin d' a dith an drasd thu* (Silis na Ceapaich: Ó Baoill 1972, 72; 205; (LSS eile) *d' dhith, ga dith, ga dí*); (1d iol.) *far 'n deachaidh Nelson treun do 'r dith* (*Filidh nam Beann* 1860, 73); agus 's e sin am mìneachadh a chuirear air tùs a' chrutha *a dhith* le HSD (*do dhith*, vel *a dhith*; s.v. *dith*) agus Holmer (1957, 122: *do dhith air*). 'S e *de dhith*, *a dhith* a gheibhear ann an Gàidhlig na h-Èireann (m.e. Dinneen, s.v. *dith*; Hughes 1994, 613; Ó Dónaill, s.v. *dith*) ach *do dith* aig DIL, s.v. *dith*): thuit na roimhearan *do* is *de* ri chèile sa mhòr-chuid ann an Èirinn (Ua Súilleabháin 1994, 505, 6.7; Ó hUiginn 1994, 599, 7.6; Hughes 1994, 658). Ann an Gàidhlig na h-Albann, 's math dh'fhaodte gun deach an roimhear tùsail *do* ro riochdair seilbheach na *dh-* agus (am beul cuid) na *g-*, mar a thachair, mar eisimpleir, an dèidh ghnìomhairean gluasaid 7c: *tha i a' dol ga phòsadh* §190 (iv).

§356 (ix) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *a bharrachd air* §170; *a thuilleadh air* §176; *a dhìth air*: *chan eil ach £500 a dhìth orm mus fhaigh mi an càr*; *a thoradh air sin*.

§356 (x) Co-ghnìomhairean

*a-ghnàth* ‘an-còmhnaidh’; *bidh iad a’ sabaid ri chèile a dh’òidhche is a latha*; *a bharrachd*; *a chlisg*; *a dh’aon àm*; *a dh’aon ghnothach*<sup>50</sup>; *a dh’aon rùn*; (*a theagamh* ‘s dòcha’.

§356 (xi) Naisgearan

*a thuilleadh air’s gun robh i fuar*; *bha i fliuch*; *a mheud’s gu bheil d’athair toilichte leis*, *faodaidh tu a dhol ann*; *cha bhi i aig a h-obair fad greis*, *a chionn’s gun do thuit i air an deigh*; *a thoradh’s nach deach mi dhan bhùth an-diugh, nach ith sinn a-muigh a-nochd?*

§356 (xii) *a*<sup>s</sup>

Cleachdar an roimhear *do*<sup>s</sup> sa chruth *a*<sup>s</sup> gus ainmear a tha na chuspair ro-shuidhichte aig ainmear gnìomhaireach a cheangal ris an ainmear gnìomhaireach §253 (ii) (a), m.e. *feumaidh sinn na soithichean a nighe*; *bu toigh leam am prògram sin (a) fhaicinn uair eile* §18 (iv); *bha aice ris an càr a ghluasad*; *thuirt e nach robh e airson sin a chluiche a-rithist*.

§356 (xiii) *a*<sup>dh</sup>

Cleachdar an roimhear *do*<sup>s</sup> sa chruth *a*<sup>dh</sup> – no, air a cho-mheasgachadh ri riochdair seilbheach §190 (iv), *gam*<sup>s</sup>, *gad*<sup>s</sup>, *ga*<sup>s</sup>, *ga*<sup>h</sup>, *gar*<sup>n</sup>, *gur*<sup>n</sup>, *gan*<sup>m</sup>; no *ga mo*<sup>s</sup> 7c<sup>51</sup> – ro ainmearan gnìomhaireach san t-seagh ‘gu(s)’ ann an trì dòighean:

§356 (xiii) (a) Le brìgh rùn no adhbharaich (gu h-àraidh an dèidh gnìomhairean gluasaid), gus ainmear gnìomhaireach a thoirt a-steach, m.e. *’s ann ormsa a bha am fadal a dh’fhaicinn mo rùn* (≈MacFadyen 1890, 15); *cha ruigear a leas ceistear no sgrùdair a dh’fhaicinn nach eil nam ùrnaigh a’ Ghairm Èifeachdach no an Dùrachd* (≈Somhairle MacGill-Eain: Whyte 2007, 69); *a dh’innse na firinne*; *chruinnich an Rìgh’s a chuid ghillean’s a mhuinntir a dh’fhaicinn a’ bhàta iongantaich a bh’ ann an sheo* (≈Moireasdan 1977, 13); *mun seòladh iad, bha aca ri bhith an làthair a dh’fhaicinn triùir den companaich dhùleas a’ dol gu bàs – no air am mort, ’s e bu chòir a ràdh* (≈Whyte 1907, 216); *tha i a’ dol ga phòsadh anns a’ Mhàrt*; *thèid sinn gan ceannach a-màreach*; *tha iad a’ tighinn ga dhèanamh an-dràsta fhèin*.

50. Gheibhear *a dh’aona ghnothaich*, mar an ceudna.

51. Chithear *dham*<sup>s</sup> 7c ann an sgrìobhaidhean nas sine, no air uairean *gham*<sup>s</sup>, na bhios a’ riochdachadh an fhuaimneachaidh ann an corra dhualchainnt fhathast, coim. §356 (ix) (a), b-n 49.

§356 (xiii) (b) Gus greasadair a' ghnìomha ann an clàs tarbhach a cheangal ri a ainmear gnìomhaireach §339 (ii): *mhol an neach-teagaisg mi a dhol air adhart chun na h-ath ìre; chuir e dhachaigh iad, agus dh'iarr e iad a dhèanamh roghainn de mhuintir eile* (≈Caraid nan Gàidheal 183i, 88).

§356 (xiii) (c) Gus greasadair clàs tharbhaich aig am bi aogas guidheach §45 (iii) (f), §434 (iii) a cheangal ri a ainmear gnìomhaireach: *Dia a chuideachadh rium!; Dia gar n-altram!*

§356 (xiii) (d) San t-seagh 'gu' sa ghnàthas-cainnt *thoir a chreidsinn: thug e a chreidsinn orm gun robh an cnatan air.*

### §357 eadar<sup>(S)</sup>

+ bun. 'san àite a dhealaicheas dà rud ri chèile' 7c

§357 (i) Ann an cruth riochdair roimhearail  
1d iol. *eadarainn(e)*; 2ra iol. *eadaraibh(se)*; 3s iol. *eatarra(san)*<sup>52</sup> §239.

§357 (ii) Brìgh agus cleachdadh

§357 (ii) (a) 'san àite (cruthach no eas-cruthach) a dhealaicheas dà rud ri chèile': *eadar còig uairean agus dol fodha na grèine; eadar an taigh seo agus ceann an rathaid; chan eil diofar sam bith eatarra; eadar mi is tu; eadar sinne is iadsan; na tigeadh dad eadarainn!*

§357 (ii) (b) 'am measg; le chèile': *bha còmhradh eadar an dithis aca; roinn sinn am biadh eadar an deichnear againn; eadar gach rud a dh'òl thu a-raoir, chan eil e na iongnadh gu bheil thu tinn an-diugh.*

§357 (ii) (c) An co-bhuinn ri *agus* 'an dà chuid' (le sèimheachadh<sup>53</sup>): *eadar bheag is mhòr; eadar mhath is olc; chruinnich iad gun dàil eadar làidir agus lag* (Matheson 1970, 18).

§357 (iii) Mar ro-leasachan

*eadar-dhealaichte; eadar-àm; an t-Eadar-lìon; eadar-theangaich; eadar-sgaraich.*

52. Tha an cruth *eadaram* 'eadar mi' san abairt *eadaram fhìn is tu fhìn* a' dol a-mach à bith, a rèir choltais, ged a dh'ionnsaich Caoimhin Iain Rodgers (conaltradh pearsanta) e bho a sheanair à Tarasaigh; 's e *eadar mi fhìn is tu fhìn* a bhiodh aig ginealach màthair Iain Dhonnchaidh Urchardain, a bhuineadh teaghlaichean a shean-phàrantan dhan eilean (a dh'fhàg an duine mu dheireadh an 1974), ach, a rèir piuthar màthair Iain, bha dualchainnt Tharasaigh car eadar-dhealaichte, ann am pàrtean, ri dualchainntean na Hearadh (Iain Donnchadh Urchardan, conaltradh pearsanta). Coim. GE *eadram* (à cleachdadh; Dinneen, s.v. *idir*).

53. 'S e fuidheall a tha seo bho linn na Gàidhlig Tràithe far an do thàrmaich sèimheachadh an dèidh an roimheir seo (*DIL*, s.v. *eter*); gheibhear sèimheachadh fhathast mar as trice ann an Gàidhlig na h-Èireann (Ó Dónaill, s.v. *idir*).

## §357 (iv) Abairtean co-ghnìomhaireach

Ann an abairtean co-ghnìomhaireach leis an àireimh *dhà* §149 (ii): *eadar-dhà-lionn* ‘gun chinnt’; *eadar dhà sgeul* ‘eadar mi fhìn ’s tu fhèin’<sup>54</sup>; *eadar dhà bharail*; *eadar dhà cheann na dùthcha*<sup>55</sup>.

§358 *fad*

+ gin. ‘air feadh’

’S e ainmear a th’ ann am *fad* f. a chleachdar mar roimhear san t-seagh ‘air feadh (cuairt ùine), car’: *fad sheachd bliadhna*; *fad greis*; *fad mionaid*; *fad an latha*; *fad na seachdainne*.

§359 *fo*<sup>s</sup>

+ tabh.<sup>56</sup> ‘gun a bhith bhos cionn, nas ìsle’ 7c

## §359 (i) Gun an t-alt

*fo bhòrd*; *fo chluasaig*.

## §359 (ii) Ron alt

*fon bhòrd*; *fon chluasaig*<sup>57</sup>; *an dùthaich a bha sinn fo na laghannan aice*.

## §359 (iii) Le riochdair seilbheach

*fom*<sup>s</sup>, *fod*<sup>s</sup>, *fo*<sup>s</sup>, *fo*<sup>h</sup>, *for*<sup>n</sup>, *fur*<sup>n</sup>, *fon*<sup>m</sup>: *fom aire*; *fod chois*; no *fo mo*<sup>s</sup> 7c: *fo do chois*.

## §359 (iv) Ann an cruth riochdair roimhearail

*fodham(sa)*; *fodhad(sa)*; *fodha(san)*<sup>58</sup>; *fòidhpe(se)*; *fodhainn(e)*; *fodhaibh(se)*; *fòdhpa(san)* §239: *cò fodha a bhios tu ag obair?*; *b’ e siud an t-uallach a bha iad a’ tighinn beò fodha*<sup>59</sup>.

## §359 (v) Mar cho-ghnìomhair

*fodha* §240 (i); *fo sin/fodha sin/fon a sin* 7c §210 (iii); *dol fodha na grèine*.

## §359 (vi) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*fon*<sup>m</sup>: *cò a’ chreag fon do chaill e a bheatha?*; *na laghannan fom bi sinn a’ strì*.

54. Coim. *eadar dhà sgeul* ’s *eadar dhà bheul a’ chlobha* (Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 162).

55. Cuideachd ann an ainmean-àite, m.e. *Eadar Dhà Chaolas* (Cataibh); *Meadarloch* (< GT *i mBeinn Eadar Dhà Loch*, i. leis an roimhear *an*<sup>m</sup> §349; Earra-Ghàidheal) (Cox 2010b, 47, 50).

56. À SG *fo*<sup>s</sup>, *fa*<sup>s</sup>, *fā*<sup>s</sup>, agus gheibhear GA *fa*<sup>s</sup> [fa] seach *fo*<sup>s</sup> [fo] ann an corra chleachdadh, §359 (ix).

57. No, le ath-dhùblachadh den alt, *fon a’ bhòrd* 7c §24 (ii).

58. No *fòidhe(san)*, m.e. ann an Ìle (Homer 1938, 169).

59. No ... *fon robh iad a’ tighinn beò* §200 (ii) (b) (β).

## §359 (vii) Brìgh agus cleachdadh

§359 (vii) (a) ‘gun a bhith bhos cionn, nas ìsle’: *fo nèamh; fon ùir; fon mhuir; chaidh am bàta fodha air taobh a-muigh a’ chala; dè fo ghrian*<sup>60</sup> *a bha (an) siud?*

§359 (vii) (b) *tha e fodham èirigh tràth sa mhadainn*, .i. tha mi an dùil èirigh tràth sa mhadainn; *thàinig fòidhpe sin a dhèanamh*, .i. thàinig e a-steach oirre sin a dhèanamh.

§359 (vii) (c) ‘an urra ri, fo bhuaidh’: *a bheil an taigh-bìdh ud fon lagh?; tha i fo bhròn.*

## §359 (viii) Roimhearán fillte

Ainmearach §340 (iv): *fo anail* ‘os ìosal’: *rinn i gàire fo a h-anail; fo bhuaidh na dighe; fa chomhair*<sup>61</sup> *do shùilean* ‘air beulaibh do shùilean; thàinig e fom chomhair’ ‘thàinig e a-steach orm’; *fo dhìon nan Caimbeulach; fo sgàil na craoibhe; fo sgèith*, .i. le cuideachadh, le taic no fo dhìon: *chaidh a’ bhuidheann a chur air chois fo sgèith Bhòrd na Gàidhlig.*

## §359 (ix) Co-ghnìomhairean

*fa dheòidh/fa dheoghaidh/fa dheireadh*<sup>62</sup> ‘mu dheireadh’; *fa leth* ‘air leth, na aonar’: *bhruidhinn am poileas ris na daoine fa leth; fa-near*<sup>63</sup> ‘fo bheachd, fo smuain’: *tha e fa-near dhomh falbh dhachaigh a-màireach; thoir fa-near gu bheileas a’ gealltainn sneachd a-nochd; fa sgaoil* ‘saor, gun a bhith fo ghlais, ma sgaoil’; *fo aire* ‘ga choimhead’; *fo dheasbad* ‘ga dheasbad’; *fo fheasgar* ‘ron fheasgar’; *fo làimh* ‘ga dhèanamh’: *tha an obair fo làimh; fo sheòl* ‘a’ seòladh, a’ gluasad’; *fo gheasaibh* ‘fo (dhroch) bhuaidh’ §83 (iii) (c) (β); *fo mhulad* ‘fo bhròn’; *fo uallach*, .i. fo bhruthadh, tuilleadh is trang; *fo amharas*, .i. air a mheas ciontach de rudeigin: *bha am balach fo amharas aig na poilis; fo chùram* ‘draghail, iomagaineach’.

## §359 (x) Mar ro-leasachan

(buadhair) *fo-thìreach*; (ainmear) *fo-aodach; fo-cheumnaiche; fo-chomataidh; fo-sgiorta; fo-thaghadh; taigh-fo-thalamh; fo-thiotal.*

60. .i. dè air thalamh a bha siud? carson a bha siud?; ach gun mhùthadh san ainmear thabhartach bhoireann, mar a bhite an dùil. Is math dh’fhaodte gur h-e giorrachadh air *fo ghrian nan speur* ‘fo ghrian nan nèamh’ a th’ ann am *fo ghrian* an seo §72 (ii).

61. B’ e roimhear bho thùs a bh’ ann an SG *comair* ‘air beulaibh’.

62. Sgrìobhar *bho dheireadh* gu tric, seach *fo dheireadh*; coim. *Dail bho Thuath, Dail bho Dheas*, seach *Dail fo Thuath, Dail fo Dheas*.

63. SG *fo-fera* ‘adhbharaichidh e’ > *\*fo-djera* (le riochdair dàimheach in-shuidhichte, Thurnesens 1975, 268) ‘a dh’adhbharaicheas’, > *fo-ndjera* (le riochdair cuspaireil in-shuidhichte) ‘a dh’adhbharaicheas e’, a chaidh na abairt roimhearail, mar a tha ann an GA (*thoir*) *fa-near*.

§360 *gu(s)*

'a dh'ionnsaigh, suas gu, gu ruige' 7c

§360 (i) Gun an t-alt

*gu* + tabh.: *gu crìch*.<sup>64</sup>

§360 (ii) Ron alt

§360 (ii) (a) *gus* + bun.: *gus a' chrìoch*; no

§360 (ii) (b) *chun* + gin.: *chun na crìche*; no

§360 (ii) (c) *gu* + tabh.: *gun chrìch*<sup>65</sup>.

§360 (iii) Le riochdair seilbheach

§360 (iii) (a) *gum<sup>s</sup>, gud<sup>s</sup>, gu<sup>s</sup>, gu<sup>h</sup>, gar<sup>n</sup>, gur<sup>n</sup>, gun<sup>m</sup>*: *gum mhàthair*; no *gu mo<sup>s</sup>* 7c: *gu mo mhàthair*; no

§360 (iii) (b) *gus mo<sup>s</sup>* 7c: *gus mo bhràthair*.

§360 (iv) Ann an cruth riochdair roimhearail

*thugam(sa); thugad(sa); thuige(san); thuice(se); thugainn(e); thugaibh(se); thuca(san)*<sup>66</sup> §239: *cò thuige a chuir thu an litir ud?; an gille a thilg mi am ball thuige*<sup>67</sup>.

§360 (v) Mar cho-ghnìomhair

*thuige* §240 (i); *gu sin/thuige sin/gun a sin* 7c §210 (iii).

64. 'S ann anns an roimhear Shean Ghàidhlig *co<sup>N</sup>* a thàrmaicheas GA *gu* (+ tabh.) a chleachdar gun an t-alt. Gheibhear trì cruthan a chleachdar leis an alt, .i. *gus, chun* no *gu*, a rèir dualchainnt agus/no aoise.

Bheir SG *cosin* 7c (.i. SG *co<sup>N</sup>* + an t-alt) GA *gus* (+ bun.). 'S ann anns an roimhear Shean Ghàidhlig *dochum<sup>N</sup>* §344, b-n 2, a thàrmaicheas GA *chun* (*chon, thun*, (Geàrrloch) *ghon* (Wentworth 2003, s.v. *to* 3a)) (+ gin.). Tha *gu* (.i. *gun* leis an alt) meadhanach ùr, a rèir choltais, is dòcha tro cho-rèiteachadh ri *dhan* (.i. *do<sup>dh</sup>* + an t-alt §50), *fon* (.i. *fo<sup>s</sup>* + an t-alt) 7c.

Tàrmaichidh an naisgear *gun<sup>m</sup>* §336 (iv) ann an SG *co<sup>N</sup>* cuideachd, fhad 's a chaidh an naisgear *gus an<sup>m</sup>* §335 (iii) a stèidheachadh air nua-chruth an roimheir (.i. *gus, shuas*) + an riochdair dàimheach claon *an<sup>m</sup>* §200.

Tha an t-aon tùs aig a' mhìr cho-ghnìomhaireach *gu<sup>h</sup>* §422 (i).

'S e lorg air an *s*- a bha aig toiseach an ult Bhun-Cheiltis – agus a lorgar fhathast ann an SG *cosin*, shuas (coim. §22, b-n 60) – a tha anns an analachadh a gheibhear ann an *gu h-aon 's gu dhà* §46 (i) (f), b-n 13; coim. na cruthan *anns* §349 (ii), b-n 20; *às* §350, b-n 24; *leis* §362 (ii), b-n 75; *ris* §368 (ii), b-n 94.

65. No, le ath-dhùblachadh den alt, *gun a' chrìch* 7c §24 (ii).

66. No *chugam* 7c.

67. No *an gille gu 'n do thilg mi am ball* §200 (ii) (b) (β).

§360 (vi) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

§360 (vi) (a) Aon chuid *cò am partaidh gus an deach thu a-raoir?*; *a' phlanaid gus am bithear a' siubhal*;

§360 (vi) (b) No *cò am partaidh gu 'n deach thu a-raoir?*; *a' phlanaid gu 'm bithear a' siubhal*.

§360 (vii) Brìgh agus cleachdadh

§360 (vii) (a) 'a dh'ionnsaigh, suas gu, gu ruige', ann an seagh cruthach: *chaidh sinn gu ceann an rathaid; leughaidh mi gu deireadh na caibideil a-nochd; thill i chun an dorais; chaidh iad suas gu deas air an latha agus sìos gu tuath air an oidhche; thog i a sùilean gu nèamh; cha till i gu feasgar; sgrìobhaidh mi thuca nuair a gheibh mi mionaid; nach cuir thu fios thugam?; èirich gu do chasan!*

§360 (vii) (b) 'a dh'ionnsaigh, suas gu, gu ruige', ann an seagh eas-cruthach: *bha e na shaighdear gu a chùl; gu ìre mhòir §427 (i); ma thig cùisean gu h-aon is gu dhà, b-n 64, shuas, .i. ma dh'fheumar co-dhùnadh a dhèanamh, no ma thig cùisean gu aon cheann; (3s sg. fir.) thàinig e thuige an dèidh dha a mhothachadh a chall; chuir i thuige an teine; thàinig e gu bith.*

§360 (vii) (c) Le àireamhan, 'gu ruige': *cunnt gu còig!*; *thèid iad suas gu £1,000.*

§360 (vii) (d) 'chun na h-uarach a': *tha e fichead mionaid gu còig uairean; nach fhàg sinn gu a-màireach e?; nach fhuirich thu gu do bhìadh a-nochd?; gu siorraidh §423 (iv), b-n 8.*

§360 (vii) (e) Gus fàilte a chur air duine do dh'àite, 's e *do<sup>dh</sup>* an roimhear a chleachdar gu dualchasach, ach gheibhear *gu* gu tric air soidhnichean rathaid ùra, m.e. *Fàilte gu Alba*, seach *Fàilte do dh'Alba* no *Fàilte a dh'Alba*<sup>68</sup>.

§360 (vii) (f) 'de'<sup>69</sup>: *cha robh e gu mòran feuma; chan eil iad gu feum sam bith.*

§360 (viii) Roimhearán fillte

Ainmearach §340 (iv): *gu ruige*<sup>70</sup> 'suas gu' + bun.: *choisich sinn gu ruige balla a' chaisteil.*

68. Chithear *gu(s)* ga chleachdadh an àite *do<sup>dh</sup>* §356 san t-seagh 'a-steach do' air soidhnichean fàilte air crìochan bhailtean an-diugh, m.e. *Fàilte gu Gleann Comhann*. 'S e *fàilte do Ghleann Comhann* an cleachdadh dualchasach; coim. an cleachdadh air soidhnichean rathaid nas sine, m.e. *Fàilte don Oban* (sic); *Fàilte do Thiriodh*; cuideachd, coim. *ceud mìle fàilte do Chataibh* (*≈ An Gaidheal I*, 213).

69. 'S math dh'fhaodte gun tig a' chiall seo à SG *co<sup>s</sup>* seach SG *co<sup>N</sup>* (*DIL*, s.v. 2 *co*).

70. 'S e clàs naisgeil a th' ann an *gu ruige* bho thùs, coim. SG *co ricci* 'gus an ruig thu', an 2ra pearsa sg. làthaireach aig SG *ro-icc* 'ruigidh e', a chaidh na roimhear do-mhùthaidh (*DIL*, s.v. *ro-icc II* (e)).

## §360 (ix) Naisgearan

San t-seagh 'a chum 's gun, a' toirt gu buil; suas gu uair àraidh' §335 (iii), gheibhear

§360 (ix) (a) *gu 'n<sup>m</sup>* (àicheil *gu nach<sup>f</sup>*): *fosgail an doras gu 'n cluinn sinn iad!; fuiridh sinn gu 'n till iad; lean iad orra gu nach robh càil air fhàgail dhith.*

§360 (ix) (b) *gus an<sup>m</sup>* (àicheil *gus nach<sup>f</sup>*): *fosgail an doras gus an cluinn sinn iad!; fuiridh sinn gus an till iad; lean iad orra gus nach robh càil air fhàgail dhith.*

## §360 (x) Le ainmearan gnìomhaireach

*tha thu gu bhith sgìth no tha thu gus a bhith sgìth* §299 (vii); *feumar barrachd airgid gus an drochaid ùr a thogail; nì sinn na 's urrainn dhuinn gus na gnothaichean uile seo a chur air adhart; sheinn a' phìob gus na daoine a bhrosnachadh; gus sgeul fada a chur an giorrad.*

§361 *gun<sup>s</sup>*

+ bun.<sup>71</sup> 'às aonais, às eugmhais'

## §361 (i) Gun an t-alt

*gun bhainne gun siùcar* §45 (i) (l) (α).

## §361 (ii) Ron alt

*gun am bainne.*

## §361 (iii) Le riochdair seilbheach

*gun mo<sup>s</sup>* 7c: *gun do bhaga nad chois.*

## §361 (iv) Brìgh agus cleachdadh

§361 (iv) (a) 'às aonais, às eugmhais': *gun teagamh; gun bhainne; gun amharas; gun mhòran sgoile*, .i. le beagan foghlaim; *gun ainm; gun urra*, .i. gun ainm an ùghdair 7c air a aithneachadh; *gun mhire; gun smal; gun sgot*, .i. a bhith aineolach; *gun deò; gum bu lionmhor fear casaig gun cheann, gun chasan, gun fhradharc* (Nighean Aonghais Òig: Campbell 1997, 28); *gun chreud, gun bhàt' a stiùirinn romham, gun bhrèid ri chrathadh air a' mhunadh* (Catriona NicGumaraid: Whyte 1993, 150).

71. À *SG cen<sup>s</sup>* + an tuiseal cuspaireach (tuiseal a chaidh na thuisseal bunasach còmhla ris an tuiseal ainmneach san nua-chànan §65 + b-n 16). Gheibhear an abairt *gun mhnaoi* agus coltas tabhartach oirre, gu tric, m.e. *faodaidh mi tilleadh gun mhnaoi, ach chan eil mi a' falbh às aonais an Talasgair* (≈Grannd 1971, 71); ach b' ionann na riochdan cuspaireach agus tabhartach san t-Sean Ghàidhlig (.i. *SG mnaí* 'mnaoi') agus lean an sean chleachdadh, a' toirt a chreidsinn air feadhainn gur h-e an tuiseal tabhartach a bha a dhith an dèidh an roimheir *gun<sup>s</sup>*, m.e. *a' cur rèis gun cheann-uidhe, driop gun chèill ac' a thrusadh an còrr* (≈Deòrsa Mac Iain Deòrsa: Byrne 2000, 181).

§361 (iv) (b) Anns na h-abairtean co-ghnìomhaireach *gun fhios do<sup>dh</sup>*; *gun aire do<sup>dh</sup>* = *gun fhios do<sup>dh</sup>*: *gun fhios dhomh tha thu air aigeann m' inntinn* (Mac a' Ghobhainn 1965, 13)<sup>72</sup>.

§361 (v) Naisgearan

*gun fhios an<sup>m</sup>*; *gun fhios nach<sup>f</sup>* §335 (ii): *fuiridh sinn deich mionaidean eile gun fhios nach tig iad fhathast*; *gun ... ach* §333 (iii) (b): *chan eil fhios ciamar a rinn sinn an gnothach air*; *gun annainn ach clann bheag?*

§361 (vi) Clàsan tarbhach

Le ainmear gnìomhaireach + brìgh àicheil aig an roimhear: *a bheil am post gun tighinn fhathast?*; *dh'fhàg iad an taigh gun na soithichean a nighe*; *thuirt e rinn gun a bhith a' tilleadh tuilleadh*; *air feasgar meallta am measg nan adag, is pàirt gun a bhuain, thàinig tu 'n rathad* (≈MacThómais 1951, 46).

§362 *le*

+ tabh. 'còmhla ri' 7c<sup>73</sup>

§362 (i) Gun an t-alt

*le cloinn*.

§362 (ii) Ron alt

*leis a' chloinn*; *leis a' ghaoith*; *sin an gille a bha thu a' cluiche leis a' bhall aige*.<sup>74</sup>

§362 (iii) Ro *gach*; *cho*; *na<sup>dh</sup>*

*leis gach euchd*; *leis cho bog fliuch 's a bha iad*; *thàinig i dhachaigh leis na bh' aice de dh'aodach salach*.

§362 (iv) Le riochdair seilbheach

*lem<sup>s</sup>*, *led<sup>s</sup>*, *le<sup>s</sup>*, *le<sup>h</sup>*, *ler<sup>n</sup>*, *lur<sup>n</sup>*, *len<sup>m</sup>*: *lem làimh*; no *le mo<sup>s</sup>* 7c.

§362 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*leam(sa)*; *leat(sa)*; *leis(-san)*; *leatha(se)*; *leinn(e)*; *leibh(se)*; *leotha(san)*<sup>75</sup> §239: *cò leis a tha na h-ìuchraichean seo?*; *b' iadsan an dithis a rinn mi cùmhnant leotha*<sup>76</sup>.

72. Gheibhear *gun fhios*, le *t* in-shàthte air uairean.

73. Air a shèimheachadh: [l<sup>h</sup>e].

74. Gheibhear corra dhualchainnt nach cleachd an cruth *leis* ach ron alt shingilte agus dheise, m.e. *leis an sgithinn*; *leis an dà sgithinn*; ach iolra *le na sgeinean* (seach *leis na sgeinean*). Tàrmaichidh an ~s dheiridh a tha seo ann an alt na Bun-Cheiltis; coim. *gus* 7c §360 (i), b-n 66.

75. No *leò(san)* §18 (ii).

76. No ... *leis an do rinn* ...

§362 (vi) Mar cho-ghnìomhair  
*leis* §240 (i); *le sin/leis sin/leis a sin* 7c §210 (iii).

§362 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)  
*cò an t-inneal leis an do rinn thu seo?*; *bha slatan fada bambù aca leis am bite a' creagach.*

§362 (viii) Brìgh agus cleachdadh

§362 (viii) (a) Gus seilbh a chur an cèill: *cò leis a tha an còta seo?*; *cò leis a tha thu?*<sup>77</sup> *tha le Dòmhnall MacLeòid; tha ball aig a' bhalach ach 's ann le Fionnghal a tha e;* 's ann *leamsa a tha an leabhar sin*<sup>78</sup>; *tha mac le Catrìona a' fuireach faisg orm, i. mac do Chatrìona; bha mac leam air an teilidh a-raoir.*

§362 (viii) (b) Gus modh, meadhan no adhbhar a chur an cèill: *tòisichidh sinn, le ur toil; togamaid ar guthan le misneachd!; le dol fodha na grèine, chaidh sinn uile dhachaigh; chan fhaiceadh i dad leis an dorchadas; bhàsaich an creutair leis an acras; thuit i leis an sgìths; bha aodann a' Ghearmailtich geal le eagal is sgìths, mar gum biodh e air a chòmhdachadh le flùr* (Mac a' Ghobhainn 1974, 34); *thàinig air an talamh a chur thairis le spaid; bha e a' leughadh an leabhair le solas coinnle; 's ann a chunnaic mi le mo dhà shùil e; 's e leabhar a chaidh a sgrìobhadh le Ruaraidh MacThòmais a bh' ann.*

§362 (viii) (c) 'còmhla ri; aig an aon àm': *bidh thu a' dol dhachaigh led athair a-nochd; thoir leat de dh'airgead na chumas biadh riut!; tha iad a' falbh le chèile; bha e na shuidhe leis fhèin.*

§362 (viii) (d) Gus deagh-ghean a bhuileachadh: *gura math a thèid leat!; fortan leat!; rath math leat!; slàn leat!; beannachd leibh!; soraidh (slàn) leat!; oidhche mhath leat!; tapadh leibhse!*

§362 (viii) (e) Gus cead no aonta a chur an cèill: *leig leis falbh, ma thogras e!; thèid mi leat a thaobh an teaghlach rioghail.*

§362 (viii) (f) Na ghreasadair ann an abairtean modha §310 gus beachd a chur an cèill: 's *fheàrr leis sin seach seo; b' àill leibh?* §310 (ii), b-n 61; *b' eagal leam gun robh e ro anmoch; bu chaomh leatha a bhith ag ithe na h-aonar; bu mhiann leam d' fhaicinn a-rithist; is coma leam dè nì thu; 's fhada leam an oidhche gheamhraidh* (MacPhàrlain 1973, 11); 's *fhiach leam a dhol ann a-nochd; is fuath leatha coigrich; is gràin leam lite fhuar; is leisg leinn a dhol ann às d' aonais; is math leatha gu bheil càr ùr aice a-nis; is beag leam cofaidh dubh; is mòr leam cofaidh geal; is fheàrr leam teatha; is nàire leam nach robh barrachd dhaoine ann; is neònach leatha nach*

77. Gheibhear *cò leis thu?* (caithte, *cò bu leis thu?*) ann an sgrìobhainnean nas sine.

78. Lorgar *is leamsa an leabhar sin* §308 (ii) (b), b-n 59, ann an sgrìobhainnean nas sine.

*cleachd thu do chorragan; is olc leam mar a fhuair e droch làimhseachadh; is truagh leinn nach bi sibh còmhla rinn aig an Nollaig; is toigh leam a guth; is caomh leis ceòl na fìdhle.*

§362 (viii) (g) ‘sìos’: *thuit a’ chaora leis a’ chreig; chaidh e le leathad.*

§362 (viii) (h) Ann an gnàthasan-cainnt eile: *chaidh leis gu math*, .i. shoirbhich leis; *thoir do chasan leat!; mach leat!* ‘fhalbh a-mach!; *an do shoirbhich leatha sa cho-fharpais?*, .i. an do bhuannaich i sa cho-fharpais?; *gheibh sinn leinn e*, .i. gheibh sinn ar toil fhìn.

§362 (ix) Roimhearan fillte

Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *suas leis a’ Ghàidhlig!* §424 (i) + b-n 15.

§362 (x) Naisgearan

*leis gun robh sinn cho sgìth, cha deach sinn ann; leis mar a bha m’ athair, dh’fhuirich sinn aig an taigh*, .i. dh’fhuirich sinn aig an taigh, a thoradh air mar a bha m’ athair.

§363 *mar*<sup>s</sup>

‘coltach ri, amhail’

§363 (i) Gun an t-alt<sup>79</sup>

*mar*<sup>s</sup> + tabh.: *mar chloich.*

§363 (ii) Ron alt

*mar* + bun.: *mar a’ chlach.*

§363 (iii) Brìgh

‘coltach ri, amhail’: *mar mo bhràthair; mar thu fhèin; is dòcha gu bheil cuid tuilleadh is diùid, tuilleadh is fann, air neo a’ cleachdadh a’ bheachd seo mar leisgeul* (MacLeòid 2003, 9); *ciamar a bhithinn gun thu, mar long air chall ann an stoirm, mar eathar dol fodha gu grunn – mar leanabh gun mhàthair, gun iùil, mar thràill gun dòchas gun dùil* (≈Caimbeul 2003, 44).

§363 (iv) Roimhearan fillte

Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *mar ri* ‘maille ri, còmhla ri; an coimeas ri’: *dè bhiodh pòg do bheòil uaibhrich mar ris gach braon den fhuil luachmhoir a thuit air raointean reòta fuara?* (Somhairle MacGill-Eain: Whyte 2007, 49); (2ra iol.) *guidheam slàinte a-ghnàth (a) bhith mar ribh* (≈MacFadyen 1902, 295).

§363 (v) Co-ghnìomhairean

*leth mar leth* ‘roinn a’ mhic ’s an athar air’; *mar an ceudna* ‘cuideachd’; *mar eisimpleir; mar seo* ‘air an dòigh seo’; *mar sin; mar siud; mar sin leat* ‘beannachd

79. Cha tèid an riochdair pearsanta *mi* a shèimheachadh an dèidh an roimheir *mar*<sup>s</sup>: *mar mi fhìn.*

leat'; *mar sin leibh fèin*; *mar thoradh air sin* 'a chionn sin'; *mar-thà* (*mu thràth* §423 (i) + b-n 5) 'thuige seo': *a bheil thu air sin uile ithe mar-thà?*; *mar-aon*<sup>80</sup> 'còmhla'.

§363 (vi) Co-ghnìomhairean ceisteach  
*ciamar a tha sibh?*<sup>81</sup>

§363 (vii) Naisgearan

§363 (vii) (a) *mar a*<sup>dh</sup> §334 (v): *dòighean-obrach an t-sluaigh mar a bh' aca ann an seo uair*; *sin mar a tha*, *sin mar a bha*, *sin mar a bhitheas* 'qué será será'; *sin mar a thachras*; *mar as trice*; *mar bu trice*; *mar as fhaide a bhios mi seo*, 's ann as motha a chòrdas e rium; *mar as motha*, 's ann as fheàrr; *mar bu mhiann leat*; *tha sin mar bu chòir dha a bhith*.

§363 (vii) (b) *mar gum*<sup>m</sup> §337 (iii): *an dèidh dhut ùine a thoirt air planaoid nan tonn*, *nuair a thilleas tu gu baile tha thu mar gum tigeadh ròn air tìr*; *daoine gad choimhead mar annas* (≈Moireach 2004, 22); *chuala mi guth air mo chùl, mar gum èireadh neach on ùir* (Màiri Nic a' Phearsain: Meek 1998, 214); 's ann a bha Iain, *mar gum b' eadh*, *na aonar san Fhaoilleach bhlian*, *mar chuisseig air a cruaidh-chrannadh* (≈MacGillÌosa 2004, 125); (àicheil) *an cridhe gòrach a' falpanaich mu na seann stallachan ud mar nach robh slighe-cuain ann ach i* (≈MacThòmais 1970, 6).

§364 *mu*<sup>s</sup> <sup>82</sup>

+ tabh. 'faisg air, timcheall air' 7c

§364 (i) Gun an t-alt  
*mu chaillich*.

§364 (ii) Ron alt  
*mun chaillich*; *sgeulachd mun ghaol*<sup>83</sup>.

§364 (iii) Ro *gach*; *cho*; *na*<sup>dh</sup>  
*bidh i a' gearan mu gach rud a thachras*; *bhathas a' bruidhinn mu cho dona 's a bha cùisean*; *nach innis thu an sgeul ud mu na bha thu ris thall thairis uair eile?*

§364 (iv) Le riochdair seilbheach  
*mum*<sup>s</sup>, *mud*<sup>s</sup>, *ma*<sup>s</sup>, *ma*<sup>h</sup>, *mar*<sup>n</sup>, *mur*<sup>n</sup>, *mun*<sup>m</sup>: *mum mhàthair*; no *mu mo*<sup>s</sup> 7c.

80. Gheibhear *ar-aon*, mar an ceudna (Cox 2007c, 31–32).

81. No *dè mar a*; *dè man a*; *diomar a*.

82. Gheibhear *ma*<sup>s</sup> an àite *mu*<sup>s</sup> air uairean, an dà chuid à SG *imm*<sup>s</sup>, *imb*<sup>s</sup>. Lorgar beagan mì-rian eadar *mu*<sup>s</sup> agus an roimhear *fo*<sup>s</sup> §359 (ix) + b-n 64, m.e. *mu dheireadh* ~ *fo dheireadh* (*bho dheireadh*); *ma sgaoil* ~ *fa sgaoil*; *mu seach* ~ *fa seach*.

83. No, le ath-dhùblachadh den alt, *mun a' ghaol* 7c §24 (ii).

§364 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*umam(sa); umad(sa); uime(san); uimpe(se); umainn(e); umaibh(se); umpa(san)* §239: *cò uime a tha sibh a' labhairt?; cuir aodach umad!*

§364 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*uime* §240 (i); *mu sin/uime sin/mun a sin* 7c §210 (iii).

§364 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*mu<sup>s</sup>* (+ *bheil* §262 (ii) (b) (α)), *mun<sup>m</sup>*: *'s e eachdraidh dhòrainneach a tha sin mu bheil e duilich a sgriobhadh; cò an duine mun robh sibh a' bruidhinn?*

§364 (viii) Brìgh agus cleachdadh

§364 (viii) (a) A thaobh àite: 'faisg air, timcheall air' *thionail e na caoraich uime; chuir i clobhd ma ceann;* 'timcheall air, air' *cuir geansaidh umad!;* 'air' *thug mi dha mun pheirceall i;* gu h-ainneamh san t-seagh 'aig, ri taobh, ann an': *Cnocan Ma Lèig* (Britheascleit, an Leòdhas) '[an] cnoc beag aig an t-sruthan' (Cox 2002, 241); *tha e a' fuireach mu dheas* §425 (ii); 'a dh'ionnsaigh' *chaidh iad mu thuath* §425 (iv).

§364 (viii) (b) A thaobh ùine agus àireamhan: 'timcheall air, an ìre mhath aig' *mu mheadhan-latha; mun Nollaig; mu uair a thide gu leth; thachair e mun àm sin; bha mu thriùir san teaghlach; bha mu chòig sa bhogsa.*

§364 (viii) (c) 'a' gabhail gnothaich ri, air': *sheinn e òran mun bhaile aige fhèin; an cuala tu mun bhoireannach dham b' fheudar an t-eilean fhàgail?*

§364 (ix) Roimhearan fillte

§364 (ix) (a) Ainmearach §340 (iv): *bha am balach na shuidhe mu choinneimh a mhàthar;* (1 sg.) *chunnaic mi duine a' tighinn mun choinneimh;* (3 sg. b.) *mu coinneimh;* *tha iad gu bhith a' seòladh a' bhàta aca mun cuairt an t-saoghail;* *tha an leabhar ùr aice mu dheidhinn foghlaim sa bhun-sgoil;* (3 sg. f.) *cò mu dheidhinn a bha sibh a' bruidhinn?; choisich a' chailleach mu thimcheall na croite;* (3 sg. b.) *mu timcheall;* *ruith a' chlann mu cheithir-thimcheall an taighe.*

§364 (ix) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *bha corra iasgair nan suidhe mu thimcheall air an loch; sgaoil an naidheachd mun cuairt air a' bhaile*<sup>84</sup>.

§364 (x) Co-ghnìomhairean

*chan fhaic thu gin dhiubh mun cuairt an-diugh; b' e sin an rud mu dheireadh a thuir i, mus do chaochail i; an dèidh latha fhada air a' mhòintich, ràinig iad an taigh mu dheireadh thall; chaidh an obair a dhèanamh gun chùram agus mu*

84. No *mun cuairt dhan t-saoghal*. Gheibhear *mu chuairt* an àite *mun cuairt*.

*làimh*; feuch iad fear *mu seach*<sup>85</sup>; thèid na cearcan a leigeil *ma sgaoil*<sup>86</sup> a' chiad char den latha; tha sinn air a bhith ann *mu thràth* 'mar-thà' §423 (i) + b-n 5; tha *mu thuairam*<sup>87</sup> fichead san rum.

§364 (xi) Abairtean co-ghnìomhaireach

Anns na h-abairtean *car mu char* 'na charan'; *car mu chnoc* 'falach-fead'<sup>88</sup>; *car mu seach* 'bun-os-cionn'; *thug e suil mun t-sròin e*, i. dh'innis e gu dìreach e.

§364 (xii) Mar ro-leasachan

Gabhaidh an roimhear seo an cruth *im-*, *iom-*, *iom-*, *ioma-*<sup>89</sup>: *imcheist*<sup>90</sup>; *iom-sgaradh*; *iom-chuairtich*; *iom-tharraing*; *ioma-ghaoth*; *ioma-shruth*.

§365 *o*<sup>s</sup>

Faic (*bh*)*o*<sup>s</sup> §351.

§366 *os*

Faic (*bh*)*os* §352.

§367 *rè*

+ gin. 'air feadh'

'S e ainmear<sup>91</sup> a th' ann an *rè* b. 'cuairt ùine' a chleachdar mar roimhear: *rè na h-oidhche* 'air feadh na h-oidhche'; *rè tamaill* 'fad greis'; *rè iomadh linn*; *rè mìosan blàtha an t-samhraidh*; *rè thri bliadhna*; *rè bhliadhnaichean mòra*<sup>92</sup>.

§368 *ri*

+ tabh. 'air aghaidh; air' 7c<sup>93</sup>

85. An dìth sèimheachaidh ann am *mu seach* air a mhìneachadh le SG *immasech*, i. *imb*<sup>s</sup> + *a*<sup>N</sup> (an riochdair seilbheach treas-pearsa iol.) + *sech* (*DIL*, s.v. *sech*).

86. Ionann agus *fa sgaoil* §364, b-n 83.

87. No *mu thuairmse*.

88. Agus san t-seagh 'seachnadh': *bha Blucher an dèidh car mu chnoc a thoirt don Fhrangach* (≈Mac Coinnich 1867, 444); *an-dràsta 's a-rithist, dhèanadh na gillean car mu chnoc gu faighinn à sealladh a' mhaighstir-sgoile* (≈Caimbeul 1987, 8).

89. Freagruidh na riochdan seo ri bun-chruth an roimheir, i. SG *imm*<sup>s</sup>, *imb*<sup>s</sup>; às a sin na riochdairean roimhearail *umam* 7c §364 (v).

90. Gheibhear eugsamhail ann an *aimcheist* §399 (i) (c), b-n 57.

91. Coim. *cha mhair iad ach car rè* (≈MacEacharn 2010, 15).

92. Chan adhbharaich an roimhear seo sèimheachadh ann an ainmear na dhèidh, ach thèid ainmearan ginideach iolra neo-dheimhinnte a shèimheachadh §45 (i) (a) (α).

93. Air a shèimheachadh: [ri], air uairean [r'i]; §23 (ii) (c), b-n 67.

§368 (i) Gun an t-alt

*ri Mòraig.*

§368 (ii) Ron alt

*ris a' mhuir*<sup>94</sup>; 's e sin am boireannach a bhruidhinn mi *ris* an duine aice aig a' choinneimh a-raoir.

§368 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>

*ris gach duine*; cuir d' aghaidh *ris* na tha air thoiseach ort!

§368 (iv) Le riochdair seilbheach

*rim*<sup>s</sup>, *rid*<sup>s</sup>, *ri*<sup>s</sup>, *ri*<sup>h</sup>, *ri*<sup>n</sup>, *rur*<sup>n</sup>, *rìn*<sup>m</sup>; *rim* phiseig; no *ri mo*<sup>s</sup> 7c.

§368 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*rium(sa)*; *riut(sa)*; *ris(-san)*; *rithe(se)*; *rinn(e)*; *ribh(se)*; *riutha(san)*<sup>95</sup> §239; *cò ris a dh'aontaicheas tu?*; *b' e siud an tè a b' fheàrr a dh'èist mi rithe*<sup>96</sup>.

§368 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*ris* §240 (i); *ri sin/ris sin/ris a sin* 7c §210 (iii).

§368 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*cò an duine ris an do choinnich thu a-raoir?*; *an coitheanal ris am bi e a' searmonachadh Latha na Sàbaid.*

§368 (viii) Brìgh agus cleachdadh

§368 (viii) (a) Gus coimeas a chur an cèill: *tha e cho fuar ris a' phuinnsean* §135 (i); *bha e a cheart cho blasta ri sin* §135 (iii); *bha e a' fuireach air an aon rathad rium fhìn* §149 (i); *cha d' fhuair sinn a uimhir ri sin* §178.

§368 (viii) (b) 'air aghaidh' *chuir iad bùird ri uinneagan an t-seann taighe.*

§368 (viii) (c) 'air, aig' *dh'èigh mi rithe*; *bha m' athair a' sealltainn ris a' phàipear*; *a bheil thu gu bhith ag èisteachd ris na naidheachdan?*; *bha a' bhò ceangailte ri ròpa*; *nach cuir thu peann ri pàipear!*; *nach cuir sinn an t-airgead seo ris a' phoit?*; 's ann a chuir an luchd-tadhail ri ar sòlas an oidhe ud; *cùm ris!*

§368 (viii) (d) 'air, mu' *shuath Iain a làmh cheàrr ri (a) bhriogais* (Mac a' Ghobhainn 1974, 35); *cha bhean sin riut*; *chan eil gnothach agad ris*; 's ann a *bha iad ag eudach riut.*

94. Gheibhear corra dhualchainnt nach cleachd an cruth *ris* ach ron alt shingilte agus dheise, m.e. *ris a' chù*; *ris an dà chù*; ach iolra *ri na coin* (seach *ris na coin*). Cleachdar an cruth *ris*, mar an ceudna, ro alt + ainmear bunasach agus iad nan cuspair ro-shuidhichte aig ainmear gnìomhaireach §253 (iv) (b): *bha aige ris am bòrd a' sgioblachadh*. Tàrnaichidh an ~s dheiridh a tha seo ann an alt na Bun-Cheiltis; coim. *gus* 7c §360 (i), b-n 66.

95. No *riù(san)* §18 (ii).

96. No ... *ris an do dh'èist mi.*

§368 (viii) (e) ‘an aghaidh’ *’s ann a chuir sinn ar n-aghaidh ris a’ ghaoith; bhite a’ caomhnadh airgead ri latha èiginne; thèid esan na dheann-ruith, agus iadsan a’ slaodadh ris* (≈Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 125); *sguir a bhith cho feargach rium!; tha an dithis nàbaidh an gruaim ri chèile; ghabh e an cuthach ris a’ ghnothach.*

§368 (viii) (f) ‘an sàs ann, a’ cleachdadh rudeigin gu riaghailteach, aig’ *tha i ri sgrìobhadh*<sup>97</sup> *nobhailean an-dràsta; cha robh inntese ach a’ bhana-Ghall nach robh a’ tuigsinn a-riamh mun deoch ’s an dòigh sam biodh iad rithe a-bhos seo* (≈NicGumaraid 1980, 52); *cò ris a bhios tu a-màireach?; tha an truaghan ris a’ bhàs aig an àm seo.*

§368 (viii) (g) ‘do’ *chòrd an cèilidh ri mo mhàthair; tha a’ bhriogais ùr a’ tighinn riut gu math; tha do làmhan cho salach – dè dh’èirich riut?*

§368 (viii) (h) + riochdair seilbheach, ‘do’ (le brìgh fhulangaich) *tha mi ag iarraidh rudeigin ri (a) dhèanamh, .i. tha mi ag iarraidh rudeigin a nì mi; bhiodh sgadan ri (a) fhaotainn gach seachdain bhon bhan an uair ud; tha an obair agad ri (a) moladh.*

§368 (viii) (i) ‘gu (adhbharach)’ *nach eil agad ri greastainn ort?; mar gum faiceadh tu fear-bùtha a’ feuchainn ri rud a reic riut* (≈Mac a’ Ghobhainn 1974, 38).

§368 (viii) (j) ‘gu (àiteil, beachdail)’ *rinn i gàire rithe fhèin; tharraing iad uile ri chèile; bha iad a’ coisg suas ri ceud nota am fear.*

§368 (viii) (k) ‘gu (amaill)’ *san àm ri teachd; tha fiughair agam ris a’ chloinn a-màireach; nach bochd nach tig thu – bha mi a’ gabhail fadachd rid fhaicinn; tha mi an dùil ri tuarastal nas àirde an ath-bhliadhna.*

§368 (viii) (l) ‘le, aig’ *tha i pòsta rim cho-ogha ann an Obar Dheathain; ‘le, còmhla ri’ bha mi a’ labhairt ri saighdear an-dè; na abair sin rium!; bhathas ann an conaltradh rium an-dè mu dheidhinn; bhruidhinn i rinn an-diugh; na bi a’ trod ris!; bha sinn a’ deasbad na ceiste ri chèile; bithear cleachdte ris na seann dòighean; ciamar a bhiodh tusa a’ dèiligeadh ris a’ cheist seo?; an do thachair thu ris an dotair ùr fhathast?; choinnich sinn ri chèile an-uiridh; coinnichidh an saoghal riut fhathast; cha do ghabh mi ris an argamaid sin.*

§368 (viii) (m) ‘mu’ *’s ann a tha truas agam riutha; tha bàidh agam ris a’ chaillich ud; bha na banaltraman gu math coibhneil rithe; bidh i an-còmhnaidh càirdeil rium nuair a chì mi i.*

97. An-dràsta ’s a-rithist, gheibhear ri an àite a’/ag (aig) le ainmear gnìomhaireach §299 (i) (a) + b-n 43, m.e. *tha i ri coiseachd dhachaigh, .i. tha i a’ coiseachd dhachaigh.*

§368 (viii) (n) 'ri fhaicinn, nochdte' a bheil a' ghealach ris a-nochd?; tha an cidsin ris a' ghrèin; ri solas an latha; tog do bhriogais – tha do thòn ris!; chaidh rùn an riaghaltais a leigeil ris sna pàipearan-naidheachd.

§368 (viii) (o) 'suas' chaidh na ruitheadairean ris a' bhruthach.

§368 (viii) (p) 'rè' 's dòcha gun tig gliocas thuige ri ùine; rim bheò; ri linn mo sheanar; ri droch thìde.

§368 (viii) (q) 'bho': dhealaich iad ri chèile.

§368 (viii) (r) An co-bhuinn ris an roimhear aig §345 (viii) (b) + ainmear gnìomhaireach gus feum a chur an cèill §299 (vi): tha agam ri falbh, .i. feumaidh mi falbh; aig deireadh an latha bha aice ris an còrr (a) fhàgail gu làrna-mhàireach.

### §368 (ix) Roimhearan fillte

§368 (ix) (a) Ainmearach §340 (iv): ri taobh 'air taobh seach taobh de rudeigin; làimh ri; ri cliathaich': ri taobh an dorais; nach suidh thu rim thaobh-sa!; ri làimh 'faisg; so-ruigsinn': tha connadh gu leòr ri làimh ma bhios feum againn air; ri linn 'a chionn': thuislich e ri linn 's nach robh an cabhsair còmhnard.

§368 (ix) (b) Co-ghnìomhaireach §340 (iv): còmhla ri = maille ri = cuide ri 'san aon àite ri': chaidh an dithis chun an dannsa còmhla ri chèile; dlùth ri 'faisg air'; bha e dlùth ri a bhràthair; coltach ri 'faisg air an aon rud': bha an dithis bhràthair ud cho coltach ri chèile ri dà sgadan; co-ionann ri 'an t-aon rud ri'; an coimeas ri 'a chuireas an dàrna rud ri taobh an rud eile': tha Dòmhnall gu math beag an coimeas ri a bhràthair; làimh ri 'ri taobh': cha bhi mionaid nach bi am fòn-làimhe làimh rithe; an co-bhuinn ri 'an dàimh ri, còmhla ri': thuirt a' chompanaidh gun obraicheadh i an co-bhuinn ris a' chomhairle; an urra ri 'an crochadh air, suas ri': tha e an urra riut fhèin dè nì thu nad bheatha; an taca ri 'an coimeas ri; ri aghaidh': cha do dh'fhuiling sinn dad an taca riuthasan; an tacsas ri 'ri aghaidh': bha am bodach na sheasamh an tacsas ris an doras; suas ri 'comasach air': chan eil i suas ris, .i. chan eil e na comas.

### §368 (x) Co-ghnìomhairean

aghaidh ri aghaidh 'air beulaibh a chèile; ag aontachach ri chèile': bha iad nan suidhe aghaidh ri aghaidh; chan fhaic i fhìn is e fhèin aghaidh ri aghaidh idir.

### §368 (xi) Mar ro-leasachan

Gheibhear riochd tùsail<sup>98</sup> an roimheir seo an cruth ro-leasachain: frith-rathad; frith-ainm 'far-ainm'.

98. SG *fri*, ach *frith*-<sup>s</sup> na chruth fillteach.

§369 *ro*<sup>s</sup>+ tabh. 'air beulaibh' 7c<sup>99</sup>

§369 (i) Gun an t-alt

*ro chòig uairean.*

§369 (ii) Ron alt

*ron fheasgar*<sup>100</sup>; 's e sin am fear a bhios mi a' gabhail eagal *ron* chù aige.§369 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>*ro gach cunnart; na gabh eagal ro na tha ann!*

§369 (iv) Le riochdair seilbheach

*rom*<sup>s</sup>, *rod*<sup>s</sup>, *ro*<sup>s</sup>, *ro*<sup>h-</sup>, *ror*<sup>m-</sup>, *rur*<sup>m-</sup>, *ron*<sup>m-</sup>; no *ro mo*<sup>s</sup> 7c: *ro mo bhiadh.*

§369 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*romham(sa); romhad(sa); roimhe(san); roimhpe(se); romhainn(e); romhaibh(se); romhpa(san)* §239: *cò roimhe a bhios sinn a' tighinn?*; *cò roimhe a bha sibh a' cluiche?*; *b' e siud an t-àm a bu chòir dhuinn a bhith ann roimhe*<sup>101</sup>.

§369 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*roimhe* §240 (i); *ro sin/roimhe sin/ron a sin* 7c §210 (iii).

§369 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (clao)

*ron*<sup>m</sup>: *cò am beathach ron cuir thu a' bhucaid seo?*; *an duine ron robh a' chlann nan suidhe*; *an uilebheist rom bi an t-eagal air a' bhalach.*

§369 (viii) Brìgh

§369 (viii) (a) (àite) 'air beulaibh' *stad am bus ro cheann an rathaid; bha e na shuidhe ron bhòrd.*§369 (viii) (b) (ùine) 'air thoiseach air; mar-thà' *rugadh e ro* 2007; *ro dheireadh an latha; ro bheul na h-oidhche; ithidh sinn ron phrògram; cha do thuig i na bha roimhpe ann an saoghal na h-obrach; cha do rinn e a leithid de rud a-riamh roimhe; chunnaic mi an latha roimhe i; sin a' phuing a thog mi roimhe; smaoinich air na daoine a bha a' fuireach an seo roimhe!*§369 (viii) (c) 'an aghaidh' *bha an t-eagal orm ron chù.*§369 (viii) (d) Ann an corra abairt: *cuir rudeigin romhad: chuir sinn romhainn a dhol ann a-nochd; bidh fàilte ro dhuine: bidh fàilte romhad uair sam bith a thig thu gar faicinn; leig rudeigin romhad: leig mi romham e, .i. leig mi seachad e; gabh romhad: ghabh iad romhpa a Dhùn Èideann.*99. Air a shèimheachadh, [rɔ]. Sgrìobhte *roimh* gus an dàrna leth den 20mh linn.100. No, le ath-dhùblachadh den alt, *ron an fheasgar* 7c §24 (ii).101. No ... *rom bu chòir dhuinn a bhith ann.*

§369 (ix) Co-ghnìomhairean  
*ro-làimh* 'ro thachartas, air thoiseach air rudeigin'.

§369 (x) Mar ro-leasachan  
*ro*<sup>s</sup>: *ro-shealladh*; *ro-innleachd*; *ro-ràdh*.

### §370 *seach*

+ bun. 'an coimeas ri' 7c

§370 (i) Gun an t-alt  
*seach fear*.

§370 (ii) Ron alt  
*seach am fear*.

§370 (iii) Ro *gach*; *cho*; *na*<sup>dh</sup>  
*seach gach duine*; *seach cho doirbh 's bha iad*; *bha am biadh ud teth seach na fhuair sinn an-dè*.

§370 (iv) Le riochdair seilbheach  
*seach mo*<sup>s</sup> 7c: *seach mo chòta*.

§370 (v) Brìgh agus cleachdadh

§370 (v) (a) 'an coimeas ri' *tha seo furasta seach mar a bha e an-uiridh*.

§370 (v) (b) 'an àite': *gabhadh mi an sean fhear seach am fear ùr*; *thèid sinn ann an-dràsta seach a bhith a' feitheamh gu madainn*.

§370 (v) (c) 'an dèidh' *chaidh iad uile a-steach, fear seach fear*, .i. an dàrna fear a' leantainn an fhir eile.

§370 (v) (d) 'seachad': *chaidh e seach ceann an rathaid*.

§370 (vi) Roimhearan fillte

Ainmearach §340 (iv): *mu seach*: 'aig an aon àm' *gabhadh sinn uile pìos duine mu seach*; *chaidh e mu seach oirnn*, .i. thachair e gun fhios dhuinn; 'an dàrna taobh' *chuir sinn mu seach na b' urrainn dhuinn a shàbhaladh*.

§370 (vii) Naisgearan

*seach gun*<sup>m</sup> 'a chionn 's gun' *chan fhaigh sinn a-mach a-nochd seach nach deach mo phàigheadh fhathast*.

§370 (viii) Mar ro-leasachan

*thathas an dùil seach-rathad a thogail timcheall air a' bhaile*.

§371 *tarsainn*

'bhon dàrna taobh chun an taoibh eile, a-null'

§371 (i) *tarsainn*

(+ gin.) *bha Dòmhnall duilich nach b' urrainn dha a dhol tarsainn an loch còmhlairis* (≈MacMhaoilein 1990, 8).

§371 (ii) *tarsainn air*

(+ tabh) *tha fios agam air àite aig ceann shìos gluma na tràghad far am faigh mi tarsainn air an abhainn gun mo chasan a fhliuchadh* (A. Caimbeul 1992, 68).

§372 *thairis air*

Faic fo *thar*<sup>s</sup> §373.

§373 *thar*<sup>s</sup>

+ gin.<sup>102</sup> 'thall, a-null/a-nall' 7c

## §373 (i) Gun an t-alt

*thar chuain.*

## §373 (ii) Ron alt

*thar an achaidh.*

§373 (iii) Ro *gach*

*thar gach caolais.*

## §373 (iv) Le riochdair seilbheach

*thar mo*<sup>s</sup> 7c: *thar mo ghualine.*

## §373 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

*tharam(sa); tharad(sa); thairis(-san); thairte(se); tharainn(e); tharaibh(se); tharta(san)* §239.

## §373 (vi) Mar cho-ghnìomhair

*thairis* §240 (i)<sup>103</sup>.

## §373 (vii) Brìgh

§373 (vii) (a) 'thall, a-null/a-nall; ann an no gu dùthaich eile' *thar nam beann; bha i còig bliadhna ann am Ameireaga an dèidh dhi a dhol thairis; tha iad a'*

102. À SG *tar*<sup>s</sup>, *dar*<sup>s</sup> + cusp. Ged as e an tuiseal ginideach a bhios a dhìth an dèidh *thar*<sup>s</sup> gu foirmeil anns an Nua-Ghàidhlig, chithear an tuiseal bunasach – gu 'n deach an dà chuid an tuiseal ainmneach agus an tuiseal cuspaireach – ga chleachdadh air uairean, m.e. *an t-urram thar gach beinn aig Beinn Dòbhrain* (≈Donnchadh Mac an t-Saoir; MacLeod 1978, 196).

103. Gu dualchainnteach, *fairis*.

*fuireach thall thairis a-nis; thar na siorraidheachd, thar a sneachda, chì mi mo dhàin neo-dheachdte* (Somhairle MacGill-Eain: Whyte 2007, 85).

§373 (vii) (b) ‘tarsainn’: *cuir an geata thairis!*

§373 (vii) (c) ‘chun an taoibh eile; tuilleadh ’s a chòir, cus’ le bròn *thar smuaine; an dùil a bheil sin thar chomas a’ bhalaich?; tha an abhainn a’ cur thairis.*

§373 (vii) (d) ‘bun-os-cionn’: *thàinig air an talamh a chur thairis le spaid.*

§373 (viii) Ann an àireamhan iomchuir

Le *fichead*, gu h-àraidh ann an àireamhan òrdail: *air an aona latha deug thar fhichead de mhios deireannach an fhoghair* (≈Mac Coinnich 1867, 378); ach ’s e *air*<sup>s</sup> (air uairean *ar*<sup>s</sup>) §347 (i) (e) a chleachdar mar as trice an-diugh: *an treas salm air fhichead.*

§373 (ix) Ann am mionnain

Leis a’ chruth neo-shèimhichte *dar*<sup>s</sup>: *dar mo chogais* §433 (iii).

§373 (x) Roimhearan fillte

Ainmearach §340 (iv): *tar éis* ‘an dèidh’, roimhear fillte à cleachdadh ann an Gàidhlig na h-Albann an-diugh (coim. GE *tar éis*): *feasgar soilleir earraich agus i a’ tighinn dhachaigh, a làmh na cliabh falamh agus i tar éis a cuid mheasan is fhùraichean a reic* (≈Mac-Talla IX, àir. 27–28, 209); *do g[h]abhadar Pert 7 do badh édalach ionmhussach iad tar éis an c[h]atha soin Phert* (Leabhar Dubh Chlann Raghnaill c. 1710, *Reliquiae Celtica* II, 178), .i. ghabh iad Peairt agus b’ eudaileach ionmhasach iad an dèidh a’ chatha sin Pheairt.

§373 (xi) Ann an abairtean co-ghnìomhaireach

*thar chunntais* ‘gun àireamh’; *tha sin cus agus a’ mhòr-chuid thar a’ chòrr*, .i. gun a bhith freagarrach, gun fheum; *thar a chèile*, .i. gun a bhith a rèir a chèile, ann an uganann a chèile: *chaidh na gillean thar a chèile*; no = *thar cheann*: *gheibhear còig am poca thar a chèile; chì sinn trì san latha thar cheann.*

§373 (xii) Mar ro-leasachan

*tar-sgrìobhadh* (*tras-sgrìobhadh*<sup>104</sup>).

§373 (xiii) Roimhearan fillte

Co-ghnìomhaireach §340 (iv): *thairis air* ‘tarsainn air’: *shìn iad an làmhan gu chèile thairis air a’ bhòrd; choisich e thairis air an achadh.*

### §374 *timcheall*

‘air gach taobh, mun cuairt’

104. Airson GA *tras-sgrìobhadh*, coim. GE *tras-sgrìobhadh*, far an deach GT *tarsna* ‘tarsainn’ na *trasna* le eadar-chàradh; coim. na buadhairean GA *tarsainn*, *trasta* ‘fiar’.

§374 (i) *timcheall*

(+ gin.) *bha sinn nar ceathrar timcheall a' bhùird*; 'air feadh' *choimhead e timcheall na bùtha* (MacLeòid 1989, 18).

§374 (ii) *timcheall air*

(+ tabh.) *chuir i a gàirdean timcheall orm* (A. Caimbeul 1992, 64); *le (a) chròg chomasach timcheall air glainne pinnt* (≈A. Caimbeul 1992, 54); 'faisg air, air àrainn' *tòisichidh an cùrsa timcheall air meadhan na Sultaine*.

§375 *tre*<sup>S</sup>

+ tabh.<sup>105</sup> 'tro'

## §375 (i) Gun an t-alt

*tre dhuilgheadas*.

## §375 (ii) Ron alt

*tren cheò*<sup>106</sup>.

§375 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>

*tre gach bròn*; *nar seasamh tre na bha nar n-aghaidh*.

## §375 (iv) Le riochdair seilbheach

*tre mo*<sup>S</sup> 7c: *tre do chobhair*.

## §375 (v) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

*tren*<sup>m</sup>: *air gach dùthaich tre bheil*<sup>107</sup> *e a' marcachd* (≈Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 112).

## §375 (vi) Brìgh

'tro', q.v.

§376 *trìd*

+ gin.<sup>108</sup> 'tro'

## §376 (i) Gun an t-alt

*trìd dhorsan*.

## §376 (ii) Ron alt

*trìd an dorais*.

105. Mar as trice, ri lorg ann an sgrìobhaidhean nas sine a-mhàin; airson tùs an roimheir, faic §377, b-n 109.

106. No, le ath-dhùblachadh den alt, *tren a' cheò* 7c §24 (ii).

107. MacLeòid: *trem bheil*.

108. Mar as trice, ri lorg ann an sgrìobhaidhean nas sine a-mhàin; airson tùs an roimheir, faic §377, b-n 109.

§376 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>  
*trìd gach àmhghair*; *trìd na rinn e dhomh*.

§376 (iv) Le riochdair seilbheach  
*trìd mo*<sup>s</sup> 7c: *trìd mo chridhe*.

§376 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail  
 3s sg. fir. *trìd(san)* §239.

§376 (vi) Mar cho-ghnìomhair  
*trìd, thrìd* §240 (i); *trìd sin* 7c §210 (iii).

§376 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)  
*gach oidhrip ghasta a dhèanamh trìd an tig oirnn pailteas nas motha* (≈*An Gaidheal* I, 210); *cha robh meadhan eile ann trìd am faodadh an sluagh eòlas fhaotainn air dèanadais euchdach* (≈*An Gaidheal* I, 49).

§376 (viii) Brìgh  
 ‘tro’, q.v.

§376 (ix) Mar ro-leasachan  
*trìd*<sup>s</sup>: *trìd-shoilleir*.

§377 *tro*<sup>s</sup>  
 + tabh.<sup>109</sup> ‘bhon dàrna taobh chun an taoibh eile; le’

§377 (i) Gun an t-alt  
*tro shràid*.

109. Tha na cruthan roimhearail GA *tro*<sup>s</sup>, *tre*<sup>s</sup> agus *trìd* uile càirdeach do chèile. À SG *tre*<sup>s</sup>, *tri*<sup>s</sup>, fhuaradh na cruthan riochdaireil (1d sg.) *trium* 7c, a chaidh na *trinum* le *m* in-shàthte – coim. *treini-*, cruth fillteach an roimheir san t-Sean Ghàidhlig – a chaidh e fhèin na *tromum* le ìsleachadh san fhuaimreig (*DIL*, s.v. *tre*), a bheir GA *tromham*; às a sin an roimhear *tro*<sup>s</sup> (a sgrìobhte *troimh*<sup>s</sup> gus an dàrna leth den 20mh linn).

Bhiodh SG *tre*<sup>s</sup> a’ comharradh a ainmeir san tuiseal chuspaireach ach, na b’ anmoiche, san tuiseal thabhartach cuideachd. ’S e an tuiseal tabhartach a gheibhear an dèidh GA *tro*<sup>s</sup> agus, mar as trice, an dèidh GA *tre*<sup>s</sup>, m.e. *bha iad a’ coiseachd fad dà latha tre choille mhòr* (*An Gaidheal* VI, 324), ged a gheibhear corra eisimpleir agus an tuiseal ginideach ga leantainn (faic, mar eisimpleir, Calder 1972, 306), ’s math dh’fhaodte fo bhuaidh a’ chrutha *trìd*.

’S ann ann an cruth treas-pearsa singilte fireann an roimheir SG *tre*<sup>s</sup>, *tri*<sup>s</sup> (.i. SG *trüt*, *trít*) a thàrmaicheas an roimhear GA *trìd* ‘troimh’, cho math ris a’ cho-ghnìomhair *trìd*, *thrìd* ‘troimhe’. Comharraichidh an roimhear *trìd* a ainmear san tuiseal ghinideach: *trìd an eòlais seo* (≈*An Gaidheal* I, 226); cleachdar *trìd* na riochdair roimhearail 3s sg. fir. – a dhreuchd thùsail – cuideachd: *tha i bruidhneach, nuair a shèideas gaoth fhionnar a’ Chèitein trìd* (≈Deòrsa Mac Iain Deòrsa: Byrne 2000, 321).

§377 (ii) Ron alt

**tron** *t-sràid*<sup>110</sup>; *b' e sin an caisteal a chaidh thu tro na rumannan uile aige nuair a bha thu nad chnapach.*

§377 (iii) Ro *gach*; *na*<sup>dh</sup>

**tro** *gach bliadhna; ma gheibh sinn tro na tha ann de bhùrach an seo!*

§377 (iv) Le riochdair seilbheach

**trom**<sup>s</sup>, **trod**<sup>s</sup>, **tro**<sup>s</sup>, **tro**<sup>h</sup>, **tror**<sup>n</sup>, **trur**<sup>n</sup>, **tron**<sup>m</sup>: *trod shùil*; no **tro mo**<sup>s</sup> 7c: *tro do shùil.*

§377 (v) Ann an cruth riochdair roimhearail

**tromham**(sa); **tromhad**(sa); **troimhe**(san); **troimhpe**(se); **tromhainn**(e); **tromhaibh**(se); **tromhpa**(san) §239: *cò troimhe a chunnaic Coinneach Odhar am Fiosaiche an aising?*; *b' e siud a' choille a bu duirche a chaidh mi troimhpe*<sup>111</sup>.

§377 (vi) Mar cho-ghnìomhair

**troimhe**<sup>112</sup> §240 (i); **tro sin/troimhe sin/tron a sin** 7c §210 (iii).

§377 (vii) Ann an clàsan dàimheach tabhartach (claon)

**tron**<sup>m</sup>: *cò a' phrosbaig trom faic thu ceann an rubha à seo?*

§377 (viii) Brìgh

§377 (viii) (a) 'bhon dàrna ceann chun a' chinn eile' *cha tèid an t-sreang tron toll seo; tro chaol-shràidean Dhùn Èideann; thug i sùil tron leabhar; bha iad an-àird tron oidhche; thàinig i troimhe air a' fòn.*

§377 (viii) (b) 'le; tro mheadhan' *am faigh thu taic tron chomhairle?; fhuair e a fhoghlam tron Ghàidhlig.*

§377 (ix) Abairtean co-ghnìomhaireach

**troimh-a-chèile** 'bun-os-cionn, mì-rianail; gun tuigsinn, ann am breislich'.

§377 (x) Mar ro-leasachan

**tro**<sup>s</sup>: **tro-fhaicsinneach**.

110. No, le ath-dhùblachadh den alt, *tron an t-sràid* 7c §24 (ii).

111. No ... *tron deach mi.*

112. No *treimhe.*

## §378 Ro-ràdh

## §378 (i) Cleachdadh is brìgh

Cleachdar RO-LEASACHAIN gus facail ùra a chruthachadh, gu tric le brìgh àicheil (*fois* > *an-fhois* ‘gun fhois’) no brìgh teannachaidh (m.e. *buan* > *bith-bhuan* ‘sìor bhuan’).

## §378 (ii) Cruth

Thèid ro-leasachan a cheangal ri a ainmear ann an sgrìobhadh a rèir fuaimneachadh an nuadh-fhacail a chruthaichear, aon chuid le tàthan (agus beum fhathast air a’ cheann-fhacal: ‘*ao*-*coltach*, ‘*ao*-*coltach*; ‘*mì*-*chiatach*, ‘*mì*-*chiatach*) no gun tàthan (agus am beum gu lèir air adhartachadh chun an ro-leasachain: ‘*aocoltach*; ‘*mìchiatach*). Gheibhear beagan eugsamhlachaidh a thaobh cruth nan ro-leasachan a rèir dualchainnt.

## §378 (iii) Seòrsa

Tha na leanas a’ gabhail a-steach

§378 (iii) (a) Ro-leasachain naisgte (.i. nach gabh cleachdadh fa leth), m.e. *an*-, *ao*-, *ath*-, *eu*-, *dì*-, *do*-, *eas*-, *mì*-, *neo*-, *co*-, *for*-, *in*-, *iol*-, *ion*-, *oll*-, *so*-.

§378 (iii) (b) Roimhearan, air uairean nan cruth tùsail, m.e. *air*-, *às*-, *fo*-, *frìth*-, *iar*-, *im*-, *eadar*-, *os*-, *ro*-, *seach*-, *tar*-, *trìd*-, *tro*-.

§378 (iii) (c) Ainmearan a chleachdar mar bhuaidhairean, air uairean ann an cruth fillteach sònraichte, m.e. *ais*-, *cath*-, *eàrr*-, *ioma*-, *leas*-, *leth*-, *ban*-<sup>1</sup>.

§378 (iii) (d) Buadhairean ro-shuidhichte, m.e. *bith*-, *seac*-, *sìor*-, *sith*-<sup>2</sup>.

§378 (iii) (e) Riochdairean agus dreuchd bhuaidhaireach aca: *fèin*-, *uile*-.

A thaobh àireamhan, faic §87 (ii) (g)–(h), §122 (ii).

1. Eisimpleirean le ainmearan eile: *bun-reachd*; *ceannruisgte*; *cùl-chàineadh*; *meadhan-chearcall*.

2. Eisimpleirean le buadhairean eile: *àrd-ìre*; *bàn-d(h)earg*; *beò-ghlacadh*; *bog-chridheach*; *breac-bhallach*; *claoon-bhreith*; *deagh-bheus*; *dearbh-aithne*; *droch-bheus*; *dubh-ghorm*; *eitneòlas*; *geàrr-chunntas*; *gearra-leum*; *meanbh-chuileag*; *mion-chànan*; *mòr-roinn*; *nuadh-fhaclairachd*; *saobh-chràbhadh*; *seanfhacl*; *teigneòlas* (*teicneòlas*); *ùr-ghnàthach*.

## §378 (iv) Filltich

Far an tèid fillteach a dhèanamh à ainmear, buadhair no riochdair + ainmear no buadhair, 's e fillteach dùinte a bhios ann §87, §122.

§379 *ais*<sup>S</sup>

'air ais; an aghaidh': *ais-mholadh* 'fios air ais'; *ais-òrdugh*; *ais-thilleadh*.

§380 *an*<sup>(S)</sup> 7c

'neo-, mì-, droch; glè, fìor'<sup>3</sup> – atharraichidh cruth an ro-leasachain seo a rèir na litreach na dhèidh: a thuilleadh air a' chruth *an-*, gheibhear *ain-* tro chaolachadh; *aim-* tro cho-choslachadh srònach §46 (iv); *amh-*, *aimh-*, *àn-*, *àm-* tro fhuaimreagachadh; agus *ana-* tro chòmhnadh §14.

§380 (i) *an*<sup>(S)</sup> 7c

§380 (i) (a) *an*<sup>(S)</sup>/*ain*<sup>(S)</sup>: *an-abaich* 'gun a bhith abaich'; *an-aimsir*, .i. *an-uair* 'gailleann, stoirm; droch shìde nuair nach bite an dùil rithe'; *an-dòchas*; *an-earbsa*; *an-fhoiseil*; *an-iochdmhor*; *an-uasal*; (le caolachadh) *ain-dèòin*<sup>4</sup>; *ain-diadhaidh*; *ain-dileas*; *ain-fhiosrach*; (le brìgh teannachaidh) *an-amharas*; *ain-teas*.

§380 (i) (b) *an*<sup>(S)</sup>/*ain*<sup>(S)</sup> 5: *anshocair*; *anmoch*<sup>6</sup>; *anfhan*<sup>7</sup>; (le caolachadh) *aineolach*; *ainmig*<sup>8</sup>; *aintighearnas*.

§380 (i) (c) *aim*<sup>(S)</sup> 9: (le dà-fhoghar toisich) *aimbeart* 'bochdainn; ana-bheart'.

3. Tàrmaichidh *an*<sup>(S)</sup> 7c, *ao-* §381 agus *eu-* 7c §393 uile ann an IE \**h-* (Thurneysen 1975, 543–44); Vendryes 1974–96, A-69–A-70).

4. Iom-sgaraich a *dh'aindeoin* §356 (ix) (a) agus am beum air adhartachadh.

5. [ã̃n][ã̃p̃].

6. Le còmhnadh §14.

7. Ann an corra dhualchainnt, gheibhear *anmhainn* 7c (coim. Wentworth 2003, s.v. *weak a*<sup>3</sup>), seach *anfhan*; .i. < \**anmhfhann* (le co-choslachadh srònach) < \**anbhfhann* (le dùbhradh) < SG \**an-bfann*, coim. SG *anbal* 'amhnarach, beag-nàrach' 7c < SG \**an-bfial* 'gun a bhith fialaidh'.

8. Le còmhnadh §14.

9. [ã̃im].

§380 (i) (d) *amh*~<sup>(s)</sup>/*aimh*~<sup>(s)</sup> <sup>10</sup>: (le dà-fhoghar, mar thoradh air fuaimreagachadh) *amh**narach* ‘gun a bhith nàrach, beag-nàrach’; *aimh**leas* ‘cron; mì-shealbh’; *aimh**reit*; (le brìgh teannachaidh) *aimh**leathann*; ach *ainneart* (< *aimh**neart*).

§380 (i) (e) *àn*~<sup>(s)</sup>/*àmh*~<sup>(s)</sup> <sup>11</sup>: (le aon-fhoghar, mar thoradh air fuaimreagachadh) *àn**radh* <sup>12</sup> ‘mì-shealbh; mì-fhortan’; *àmh**ghar* <sup>13</sup>.

§380 (ii) *ana*~<sup>(s)</sup> <sup>7c</sup>

§380 (ii) (a) *ana*~<sup>(s)</sup> <sup>14</sup>: *ana*-*bheusach*; *ana*-*blasta* ‘gun bhlas’; *ana*-*creideas*; *ana*-*ceartas*; *ana*-*cleachdadh*; *ana*-*gealtach*; *ana*-*ghnàthaich*; *ana*-*measarra*; *ana*-*tlachd*; (le brìgh teannachaidh) *ana*-*bhlasta* ‘fìor bhlasta’; *ana*-*cainnt*, i. *ana*-*ghlòir* ‘droch chainnt; cainnt a mhì-ghnàthaicheas’; *ana*-*caitheamh*; *ana*-*cleas* ‘droch ghnìomh’; *ana*-*ghràdhach* ‘air a bheò-ghlacadh’; *ana*-*mhòr* ‘glè mhòr’; *ana*-*miann* ‘dìoghras’.

§380 (ii) (b) *ana*~<sup>(s)</sup> <sup>15</sup>: *anacothrom*; (le brìgh teannachaidh) *anabarr* (*anabharr*).

§381 *ao*- <sup>7c</sup>

‘neo-, mì-’ <sup>16</sup>

§381 (i) *ao*-

*ao*-*coltas*; *ao*-*comas*; *ao*-*domhainn*.

§381 (ii) *ao*~/*aoi*~

*aocoltach*; *aotrom*; *aidionach*.

§382 *às*-<sup>s</sup> <sup>7c</sup>

‘a-mach’ §350, b-n 24. <sup>17</sup>

10. [ãũ][ãĩ].

11. [ã:].

12. GT *annró* < SG *an* + *ró* sa bhrìgh ‘sealbh, fortan’.

13. < *an* + SG *gar* ‘cuairt ùine; goireas’.

14. [’ãñš].

15. [’ã nã], le còmhnadh.

16. [u:].

17. [as]. Faic *eas*-<sup>s</sup> §392, cuideachd.

§382 (i) *às*<sup>-s</sup>

*às-bhathar; às-earrann; às-imrich; às-mhalairt.*

§382 (ii) *as*<sup>-(s)</sup>/*ais*<sup>-(s)</sup>

*asbhuain; ascaoin; aiseirigh*<sup>18</sup>.

§383 *ath*<sup>-s</sup> 7c

'a' tighinn an dèidh ùine no àite; a-rithist; glè'<sup>19</sup>

§383 (i) *ath*<sup>-s</sup>

*ath-aithris*, .i. *ath-innis* 'aithris a-rithist'; *ath-bheothaich; ath-chruthaich; ath-dhiol; ath-leasachadh; ath-nuadhachadh; ath-sgrùdadh.*

§383 (ii) *ath*<sup>-s</sup>/*aith*<sup>-s</sup>

*atharrais* 'a bhith a' gabhail ri no a' leantainn rudeigin no cuideigin mar shamhail'; (le brìgh teannachaidh) *aithghearr.*

§383 (iii) An t-alt + *ath*(-)<sup>s</sup>

Cleachdar an t-alt + an ro-leasachan *ath*, le ainmearan: *aig fìor thoiseach na h-ath bhliadhna thàinig an t-Urr. Seòras MacAoidh gu coitheanal Steòrna-bhaigh* (≈MacGilliosa 1981, 90); *an t-Ath Leasachadh; ath-* ann an coghnìomhairean (mar as trice le alt do-mhùthaidh: *an*): *tha e a' fuireach san taigh an ath-dhoras; an ath-fheasgar bhuail e an clag aig doras an dotair* (≈Dòmhnallach 2001, 66).

§384 *ban*<sup>-s</sup>

'boireann'<sup>20</sup>

18. A rèir eachdraidh an fhacail, à SG *es(s)*:- coim. GE *aiséirí*, ri taobh *eiséirí*, < GT *es(s)éirge* (an t-ainmear gnìomhaireach aig GT *eiséirgid* 'èiridh e a-rithist'); ach 's dòcha gun deach *eis-* na *ais-* sna nua-chànain fo bhuaidh GA (*air*) *ais*, GE (*ar*) *ais* – b' e *Ais-éiridh na Sean Chánoin Albannaich* a bh' aig Mac-Dhonuill air an leabhar aige ann an 1751; b' e cruth glèidhteach a bh' aig an Tiomnadh Nuadh sa Ghàidhlig ann an 1767 ann an *is mise an eis-eirigh* (Eòin 11:25), ach chaidh sin na *is mise an aiseirigh* ro 1807 gus a' chainnt ghnàthach a leantainn.

19. [a][a<sup>h</sup>], à SG *aith-*, *ath-*.

20. Cruth fillteach an ainmeir *bean* §85 (i). Tha *neach-(gnothaich)*, *tè-(ghnothaich)*, *fear-(gnothaich)* agus *luchd-(gnothaich)* nam filltich fhosgailte §88.

§384 (i) *ban*<sup>-s</sup>

*ban-Albannach; ban-fhiosaiche; ban-ogha; ban-righinn*<sup>21</sup>; *ban-S(h)asannach*  
§45 (i) (1) (α); *ban-diùc*.

§384 (ii) *ban*<sup>~s</sup>/*bain*<sup>~s</sup>

*banaltram; banrigh*<sup>22</sup>; *bantrach*<sup>23</sup>; *baintighearna*.

§384 (iii) *bana*<sup>-s24</sup>

*bana-bhuidseach; bana-phrionnsa*.

§384 (iv) *bana*<sup>~s</sup><sup>25</sup>

*banacharaid*.

§385 *bith*<sup>-s</sup> 7c

'a shìor mhaireas; a' bheatha'<sup>26</sup>

§385 (i) *bith*<sup>-s</sup>

*bith-bheò*<sup>27</sup>; *bith-bhriathrach; bith-bhrìgh; bith-bhuan; (a' bheatha*<sup>28</sup>) *bith-cheimigeachd; bith-eòlas*.

§385 (ii) *bith*<sup>~s</sup>/*bioth*<sup>~s</sup>

*bitheanta*<sup>29</sup>; *biothbhuan*

21. [ˈb̥ɑːrɪn] agus a leithid; < *ban-* + SG *ríga(i)n* 'banrigh'; coim. *banrigh* §384 (ii).

22. [ˈb̥ɑ̃ʔrɪ] agus a leithid; (Íle) [pɛnəri] (Holmer 1938, 125); < *ban-* + *righ*; coim. *ban-righinn* §384 (i), b-n 20.

23. [ˈb̥ɑ̃ʔtɾəx] agus a leithid, a bhios fireann no boireann a rèir gnè an duine; < GT *baintrebthach* < *ban-* + *trebthach* 'fear-taighe; tuathanach'.

24. [ˈb̥ɑ̃n̩].

25. [ˈb̥ɑ̃n̩], le còmhnaidh.

26. [b̥i], à SG *bith-* 'a shìor mhaireas'; ceangailte ri SG *bith* f. 'an saoghal; a' bheatha' 7c (Thurneysen 1975, 231), coim. §231.

27. .i. a bhith beò a-chaoidh; mar ainmear ann an *na trèig mi rè rèis mo bhith-bheò* (Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill: Innes 2001, 346). Chan ionann seo agus an t-ainmear *bith-beò* f. 'beòshlaint, teachd-an-tìr', fillteach a chleachdadh, 's dòcha, airson na ciad uarach an 1918 (*An Ròsarnach* II, 114); 's math dh'fhaodte stèidhichte air an abairt *bi a' tighinn beò* san t-seagh 'bi a' cosnadh beòshlaint' agus, mar thoradh air sin, gun sèimheachadh sa bhuaidhair.

28. Dàrna ciall a thionndaidheas B *bio-*.

29. Mas ann à *bith-dhèanta* a tha seo.

§386 *cath*<sup>-s</sup>§386 (i) *cath*<sup>-s</sup>

'gu h-àrd-ghuthach': *cath-labhradh*<sup>30</sup>.

§386 (ii) *caith*<sup>-s</sup>

*caithream*<sup>31</sup> 'iolach catha'.

§387 *co*<sup>-s</sup> 7c

'le, maille ri, cuide ri'<sup>32</sup>

§387 (i) *co*<sup>-s</sup>

*co-bhanntachd; an co-bhuinn ri; co-cheangal; co-chomann; co-chòrdadh; co-chruinneachadh; co-dhùnadh; co-fhaireachdainn; co-fharpais; co-ionann; co-sheirm; co-thuiteamas.*

§387 (ii) *co*<sup>-s</sup>/*coi*<sup>-s</sup>

*codhunadh* (< *co-dhùnadh*); *cofhurtachd* (coim. *furtachd*); *coluadar* (GT *comlúadar* 'companas; còmhradh'); *cosmhail* (coim. *samhail*; GT *cosmail*);

30. Tha am facal *cath* na cho-ghnìomhair aig Dwelly san t-seagh 'gun sgur' ('continually'; coim. Calder 1972, 219), ach brìgh a tha air èirigh air mhearachd, 's dòcha, à *cath* san t-seagh 'gu h-àrd-ghuthach' (< *cath* 'blàr'): *chuala mi dìthis no trìuir a' cath-chòmhradh ann an Gàidhlig, agus ghrad chuir mi mo chluas ri claisneachd* (≈*Mac-Talla VII*, àir. 36, 281); *on a bha na seirbheisich a' cath-bhruidhinn anns a' chànan Spàinntich, cha chreid mi gun do thog iad facal dhen chòmhradh a bha eadar mise 's Tòmas* (≈*Mac-Talla VIII*, àir. 3, 17); *an uair a bhiodh e ann am meadhan cath-bhruidhinn ris fhèin* (≈*Mac-Talla VIII*, àir. 32, 249).

31. GT *caithréim* (< *cath* + *réimm*) (*DIL*, s.v.) 'cath-chùrsa'.

32. [k<sup>h</sup>o][k<sup>h</sup>ö][k<sup>h</sup>ö:], à SG *com-* 7c. Bha corra riochd aig an ro-leasachan seo san t-Sean Ghàidhlig: *com-* ro fhuaimreig agus *l n r*; *com-* ro *b*; *con-* ro *d g*; *co* no *cu-* ro *t c* (le guthachadh); *co-* ro *s*; *co-* no *cob-* ro *f*; *cum-* no *com-* ro *m*; na b' anmoiche, cleachdte *com*<sup>-s</sup> anns gach àite ach ro *b m* (Thurneysen 1975, 502–03). Chithear an dà riaghailt seo ann an GA *cudrom* < SG *cutrumma* (agus *t* air a guthachadh) agus GA *cothrom* < GT *comthrumma*; cuideachd GA *coingheall* 'cumha' < GT *coingell*, far a bheil *g* shèimhichte na leasachadh nas anmoiche (*DIL*, s.v. 1 *com-*).

San Nua-Ghàidhlig, cleachdar *co*<sup>-s</sup> (na bu tràithe, air a sgrìobhadh *comh*<sup>-s</sup>) agus, leis a' bheum air adhartachadh, *co*<sup>-s</sup> no *coi*<sup>-s</sup> (gun srònachadh), *comh*<sup>-s</sup> no *coimh*<sup>-s</sup> (le srònachadh) no *còmh*<sup>-s</sup> (le fadachadh).

Cleachdar *com-*/*coim-* ann am facail-iasaid Bheurla, m.e. *companaidh; compiutair; coimearsalta; coimisean*. A thaobh GA *com-pàirt*, *com-pàirtich*, *com-pàirtiche* (ri taobh *co-phàirt* 7c), coim. Nua-Bheurla thràth *compart* 'pàirtich, roinn', *compartioner/comparcioner* agus Meadhan-Bheurla Ghallta anmoch *compartinar* (*DSL*, s.v.) 'com-pàirtiche'.

Chithear buaidh na Laidinn *con-* 'co-, le', mar eisimpleir, ann an *connspaid* (< L \**con(d)spuatio*, *DIL*, s.v. *conspóid*); agus – fo bhuaidh GA *tràigh* – *contraigh* (< SG *contract* < L *contractus*, *DIL*, s.v. *contract*).

*cosamhlachd; cothlamadh*; (coim. *tlàmadh* ‘measgachadh’); *cothrom*, b-n 32, shuas; *coibhneil* §127, b-n 9; *coileanadh* (coim. *lionadh*); *coimeas* (coim. *meas*; GT *coimmes*); *coitheanal* (coim. *tional*).

§387 (iii) *comh*~<sup>s</sup>/*coimh*~<sup>s</sup>

(le srònachadh) *comhaois* (coim. *aois*); *coimhleanta* ‘compos mentis’; (le fadachadh san fhuaimreig bheumte) *còmhdhail* (coim. *dàil* ‘coinneamh’); *còmhlà* (GT *comla* ‘doras; cachailleith’); *còmhnard*<sup>33</sup> ‘rèidh; dìreach’; *còmhradh* (coim. *ràdh*); *còmhstri* (coim. *stri*).

§388 *dì*~<sup>(s)</sup> 7c

‘neo-, mì-’<sup>34</sup>

§388 (i) *dì*~<sup>s</sup>, *dì*~<sup>(s)</sup>/*dìo*~<sup>(s)</sup>

§388 (i) (a) *dì*~<sup>s</sup>: *dì-mhisnich; dì-chrannaich*.

§388 (i) (b) *dì*~<sup>(s)</sup>/*dìo*~<sup>(s)</sup>: *dìcheannaich; dìthreabh*<sup>35</sup> ‘fàsach’; *dìochuimhne*; (le sèimheachadh air a bhacadh) *dimeas*.

§388 (ii) *dio*(*m*)~

*diombuan* ‘sealach, falbhanach, nach seas’; *diomoladh*.

§389 *do*~<sup>s</sup> 7c

‘duilich (a dhèanamh); gun (a bhith); droch’<sup>36</sup>

33. A thaobh tùs an fhacail seo, nithear coimeas ri SG *comard* ‘co-àrd’ (MacBain 1982, s.v. *còmhnard*; Oftedal 1956, 74 – coim. *comhardadh* ‘aonta fuaimne ann am bàrdachd’), ach bhiodh SG *comnart* (.i. *com* + *nert* ‘neart’) na bu choltaiche mar thùs, agus a chiall air sineadh bho ‘glè neartmhor’ gu ‘cothromach, co-ionann’ – coim. GT *in crannchar cubaidh coimneart* (≈Murphy 1933, 130: ‘[the] even equal lottery’; coim. B *a level playing field*) – gu ‘rèidh; dìreach’.

34. [d̪i:] [d̪i] [d̪im], à SG *dì*-, *dì*-, no *dim*- ro *b* (agus *m* tro cho-rèiteachadh) ‘de’; ‘s dòcha gun robh buaidh aig an fhacal *dìth* air bitheantas na fuaimreig faide san Nua-Ghàidhlig.

35. SG *dì*- + *treb* ‘taigh; tuathanas’.

36. [d̪o], < SG *do*~<sup>s</sup>, *du*~<sup>s</sup>. Iom-sgaraich an ro-leasachan so- ‘furasta (a dhèanamh); deagh’ §415. Tha corra dhùblag furasta a aithneachadh: *saor* ~ *daor*; *socair* ~ *docair* (Vendryes 1974–1996, D-124, s.v. *docair*, S-158, s.v. *soc(c)air*); *sochair* ~ *dochair*; *soilleir* ~ *doilleir*; *soineann* ~ *doineann*; *soirbh* ~ *doirbh*; *sòlas* ~ *dòlas*; *sona* ~ *dona*; *sorcha* ~ *dorcha*; *subhach* ~ *dubhach*.

A dh’aindeoin a choltais, ‘s e am buadhair *dubh* a gheibhear ann an *do-bhròn*, .i. *dubh-bhròn* ‘mòr-bhròn’ (m.e. *chan fhacas a-riamh meadhar mòr nach robh na dhèidh dubh-bhròn*, ≈Nicolson 1881, 125); mar as trice, gun sèimheachadh meadhain sa Ghàidhlig Thràth, m.e. *do fhàgghadh Fearghus go dubhach dobrónach* (Mac Giolla Léith 1993, 102) ‘chaidh Fearghas fhàgail gu dubhach do-bhrònach’ (Cox agus Ó Baoill 2015, 26); faic, cuideachd, *DIL*, s.v. *do*-, *du*-.

Thèid an ro-leasachan *do*-<sup>s</sup> a chleachdadh gus buadhairean a chruthachadh, agus a' bhrìgh 'nach gabh rudeigin dèanamh' aca.

§389 (i) *do*-<sup>s</sup>

*do-àireimh*; *dò-bheart*<sup>37</sup> (coim. *beart* 'gnìomh'); gu bitheanta le ainmearan gnìomhaireach: *do-chreidsinn*; *do-fhaicsinn*; *do-leughaidh*; *do-ruigsinn*; *do-sgaraidh*; ainmearan gnìomhaireach agus dùnaidhean buadhaireach aca: *do-fhaicsinneach*; *do-ruigsinneach*; agus buadhairean gnìomhaireach: *do-dhèanta*; *do-leughte*; *do-sheachanta*. Air uairean, chithear barrachd air an aon chruth aig facal, m.e. *do-cheannsachaidh*; *do-cheannsach*; *do-cheannsaichte*.

§389 (ii) *do*-<sup>s</sup>

*dochair* (coim. *cor*); *doilleir* (coim. *lèir* 'follaiseach').

§390 *eadar*-<sup>s</sup> 7c

'san àite a chumas dà àite bho chèile; a sgaraidheas an dàrna rud bhon rud eile'<sup>38</sup>: *eadar-àm*; *eadar-dhealaichte*; an *t-Eadar-lion*<sup>39</sup>; *eadar-mhìnich*; *eadar-nàiseanta*; *eadar-sgaraich*; *eadar-sholas*; *eadar-theangaich*.

§391 *eàrr*-<sup>s</sup>

Ainmear fireann a chleachdar ann am filltich §86 san t-seagh 'bun, ceann, deireadh': *eàrr-ràdh*; *eàrr-sgrìobhadh*.

---

B' e *dom*-, gun sèimheachadh, cruth an ro-leasachain mar bu trice sa chànan thràth, m.e. GT *domblas* 'lìonn searbh às an adha a thaisgear san aotraman domblais', GA idem. Nochdaidh GT *domblas* an cleachdadh tùsail agus an ceann-fhacal (*blas*) san tuiseal bhunasach, ach, seach gun gabhadh ainmearan gu tric an dèidh an ro-leasachain seo mùthadh bhunan-*i* – agus coltas an tuiseil ghinidich aig bunan-*o* agus -*ā* air – chaidh dèiligeadh ris na h-ainmearan mar gun robh iad nam buadhairean ginideach (*DIL*; Thurneysen 1975, 219); agus sin an cleachdadh ann an Gàidhlig na h-Albann an-diugh, ged a chithear an tuiseal bunasach ga chleachdadh an-dràsta 's a-rithist. Thachair an t-aon leasachadh do na ro-leasachain *ion*-<sup>s</sup> §403 agus *so*-<sup>s</sup> §415.

37. M.e. *bha an Gall òg romham is rinn e 'n dò-bheart olc* (MacGill-Eain 1999, 198). Coim. GE *do-bheart*, *dó-beart* (Dinneen) agus an dàrna cruth nas sine, a rèir choltais, à GT \**dombert*, le fadachadh cuidhteachaidh, coim. *domblas*, b-n 36, shuas. Is dòcha gu bheil GA *dò-bheart*, < GT \**dombert*, a' nochdadh fadachadh air an aon dòigh ach cuideachd sèimheachadh a chionn co-rèiteachaidh ri *do-dhèanta* 7c; bheir Dwelly *doibheart* mar an ceudna, agus am beum air adhartachadh. Is coltach gun robh an dà chleachdadh (an cruth thràth GT \**dombert* agus an cruth na b' anmoiche GT *dobert*) a' mairsinn ann an Gàidhlig na h-Èireann agus ann an Gàidhlig na h-Albann.

38. Às an roimhear *eadar*<sup>(s)</sup> §357.

39. Facal-iasaid air *eadar-theangachadh* bho B *Internet*.

§392 *eas*-(s)‘neo-, mì-, dì-’<sup>40</sup>§392 (i) *eas*-(s)*eas-aonta; eas-cruthach; eas-onair; eas-ùmhlachd; eas-urram.*§392 (ii) *eas*-(s)*easaontas*<sup>41</sup>; *easbhaidh*<sup>42</sup>; *eascaraid*.§393 *eu*- 7c‘neo-, mì-’<sup>43</sup>§393 (i) *eu*-*eu-coltas; eu-comas; eu-dòchas; eu-domhainn.*§393 (ii) *eu*~*eucoir; euslaint* (‘easlaint’, coim. *slàinte*); *eugsamhail*<sup>44</sup>.§394 *fèin*-<sup>s</sup> 7c‘leis an duine a nì an gnìomh’<sup>45</sup>: *fèin*-<sup>s</sup>: *fèin-àicheadh; fèin-eachdraidh; fèin-mhurt; fèin-riaghladh; fèin-spèis*.§395 *fo*-<sup>s</sup>‘iochdrach, ìosal; ro-; nas ìsle; nas lugha’<sup>46</sup>§395 (i) *fo*-<sup>s</sup>*fo-aodach; fo-bhaile; fo-cheumnaiche; fo-chomataidh; fo-sgiorta; fo-sgrìobhadh; fo-thaghadh; taigh-fo-thalamh; fo-thiotal; fo-thìreach.*§395 (ii) *fo*-<sup>s</sup>*fochair*<sup>47</sup> ‘dlùthachd’; *fothair*<sup>48</sup> (*faithir*) ‘leathad’.40. [ɛ̃s̃], < SG *es(s)*- ‘à, às’. Faic *às*-<sup>s</sup> §382, cuideachd.41. i. briseadh lagha, peacadh: *carson ... a thugadh an lagh? thugadh e airson easaontais* (Galatianach 3:19).42. SG *es(s)*- + *buith* ‘a bhith às’ > ‘dìth’.

43. [eː].

44. SG *écsamíl* (< *é* + *cosmíl* ‘eu-cosmhail’).

45. Mar riochdair, faic §226.

46. [fɔ][fo], à SG *fo*-<sup>s</sup>; faic §359.47. M.e. *ann am fochair na Samhna* (Iain Lom: MacKenzie 1973, 46) ‘faisg air an t-Samhain’; < GT *fochraibh* < GT *fo* + *cráeb* ‘craobh’ (O’Rahilly 1950).48. GT *foithir, fothair* < *fo* + *tír* ‘tìr’; coim. *Dùn Fhoithir* ‘dùn nan leathad’, an Siorrachd Obar Dheathain (coim. Watson 1926, 509–12; *DIL*, s.v. *foithir*).

§396 *for*-<sup>s</sup> 7c

'uachdrach; a bharrachd; ro-'<sup>49</sup>

§396 (i) *for*-<sup>s</sup>/*far*-<sup>s</sup>

*far-ainm; for-chàin; for-cheum; for-chis; for-chraiceann; for-dhoras; for-sheòmar.*

§396 (ii) *far*-<sup>s</sup>

*farchluais* (coim. *cluas*).

§397 *frith*-<sup>s</sup> 7c§397 (i) *frith*-<sup>s</sup> 7c 'an aghaidh; air ais'

§397 (i) (a) *frith*-<sup>s</sup> <sup>50</sup>: *frith-ainm* <sup>51</sup> 'far-ainm'; *frith-sheirc* <sup>52</sup> 'gaol air tilleadh; co-ghaol'.

§397 (i) (b) *frith*-<sup>s</sup>: *frithbhac* (*friobhag*) 'gath air dubhan'.

§397 (ii) *frith*-<sup>s</sup> 7c 'beag, meanbh; ionadail'

§397 (ii) (a) *frith*-<sup>s</sup>: *frith-bhaile* 'fo-bhaile'; *frith-iasg* 'iasg beag; baoiteag'; *frith-lagh; frith-leum* 'gearra-leum'; *frith-raineach*.

§397 (ii) (b) *frith*-<sup>s</sup>: *friothlunn* <sup>53</sup> 'fiolan-gobhlach'.

§398 *iar*-<sup>s</sup>

'an dèidh; dàrna, leas-, fo-';<sup>54</sup> *iar-bhreith; iar-cheann-suidhe; iar-cheumnaiche; iar-leasachan; iar-ogha*<sup>55</sup>; *iar-phrionnsapal*.

Airson *an iar; an iar-thuath* 7c, faic §425.

49. [fɔr], à SG *for*-<sup>s</sup>; faic §346, b-n 5.

50. Tàrmaichidh GA *frith*-<sup>s</sup> anns an ro-leasachan SG *frith*-<sup>s</sup> 'ri' §23 (ii) (c), b-n 67, san t-seagh (a) 'an aghaidh; air ais' agus (b) 'beag, meanbh; ionadail'; tha corra eisimpleir sa Ghàidhlig Thràth far am faighear a' bhrìgh 'co-' (*frithmuime* 'co-mhuime'; *frithoide* 'co- no iar-oide') agus 'iar-, fo-' (*frithsecnap* 'iar- no seal-phrithair (fo-aba)'; *frithp[h]ian* 'fo-pheanas; ?ro-pheanas'; *frithrót* 'frith-rathad, fo-rathad') (*DIL*, s.vv.), agus is math dh'fhaodte gur h-ann às a' bhrìgh sin a dh'èirich an seagh 'beag' 7c.

51. GT *frithainme* 'opprobrious epithet (?) (in answer to another)'; *DIL*, s.v.

52. GT *frithserc* 'counter-love; rival love (?)'; *DIL*, s.v.

53. ?Coim. *lungach* 'sandworm' (Forbes 1905, 44).

54. [iær], à SG *iar*-<sup>N</sup>; faic *air*-<sup>(n-)</sup> §348. Chithear an sineadh anns a' bhrìgh aig SG *iar*-<sup>N</sup> bho 'an dèidh' gu 'dàrna', mar eisimpleir ann an SG *iarlunn* 'iar-leann', .i. leann ìochdarach, B *small beer*.

55. M.e. *bha an dithis aca anns na h-iar-oghaichean*.

§399 *im*-<sup>s</sup> 7c

§399 (i) *im*-<sup>s</sup> 7c ‘mu, timcheall; a thaobh’<sup>56</sup>

§399 (i) (a) *im*-<sup>s</sup>/*iom*-<sup>s</sup>: *iom*-chuairtich; *iom*-sgaraich; *iom*-tharraing.

§399 (i) (b) *ioma*-<sup>s</sup>: *ioma*-ghaoth; *ioma*-shruth.

§399 (i) (c) *im*-<sup>s</sup>/*iom*-<sup>s</sup>: *imcheist*<sup>57</sup> (coim. *ceist*); *imeachd* (coim. *teachd*); *iomradh* (coim. *ràdh*).

§399 (ii) *im*-<sup>s</sup> 7c ‘glè’

§399 (ii) (a) *im*-<sup>s</sup>/*iom*-<sup>s</sup>: *im*-chian; *iom*-throm.

§399 (ii) (b) *iom*-<sup>s</sup>: *iomchaidh*<sup>58</sup>; *iomlan*<sup>59</sup>.

§400 *in*-<sup>s</sup> 7c

‘a-steach; a-staigh’:<sup>60</sup> *in*-imrich; *in*-shàthte; *in*-sheirbheis.

§401 *iol*-<sup>s</sup> 7c

‘mòran, ioma’

§401 (i) *iol*-<sup>s</sup>

*iol*-chasach; *iol*-chridheach; *iol*-ghuthach; *iol*-ghnèitheach; *iol*-phòsadh.

§401 (ii) *iol*-<sup>s</sup>

*iobra*<sup>61</sup>.

§402 *ioma*-<sup>s</sup> 7c

‘mòran’<sup>62</sup>

§402 (i) *ioma*-<sup>s</sup>

*ioma*-dhathach; *ioma*-chànanach.

56. Tàrmaichidh GA *im*-<sup>s</sup> [ĩm] 7c (a) anns an roimhear SG *imm*<sup>s</sup>, *imb*<sup>s</sup> ‘mu’ §364, b-n 82, agus (b) anns an ro-leasachan teannachaidh SG *imm*-<sup>s</sup> ‘glè’.

57. Coim. an t-eugsamhail *aimcheist*, m.e. ‘s mi am shuidhe air an tulaich fo mhulad ‘s fo *aimcheist* (Màiri nighean Alasdair Ruaidh: Ó Baoill 2014, 60.132, 71).

58. GT *inclubaid* ‘glè chubhaidh’.

59. Coim. *làn* agus *slàn*, agus SG *imlàn* agus *imslàn* air tuiteam ri chèile. Tàrmaichidh GA *loma*-làn ann an SG *imlàn*, mar an ceudna (*DIL*, s.v. *lomán*).

60. [in], ro-leasachan a tha dàimheach ri *an*<sup>m</sup> §349 ach a tha a nua-chleachdadh stèidhichte air B *in*-.

61. À GT *ilrad* < SG *ilar* < \**il* + *fer*, coim. na h-àireamhan pearsanta §143 (ii), b-n 2, §144 (Thurneysen 1975, 243–44: 244).

62. [ĩmə(y)], faic §173.

§402 (ii) *iomadh*<sup>-s</sup>  
*iomadh-fhillte*.

§403 *ion*<sup>-s</sup> 7c

'a ghabhas (dèanamh); airidh'<sup>63</sup> – ro-leasachan a chleachdar le ainmearan gnìomhaireach agus buadhairean gnìomhaireach.

§403 (i) *ion*<sup>-s</sup>

*ion-chuimhneachaidh* 'a ghabhas cuimhneachadh'; *ion-dhèanta*; *ion-fhulaing*; *ion-leighis*; *ion-mhiannaichte*.

§403 (ii) *ion*<sup>~s</sup>

*ionmholta*.

§404 *leas*<sup>-s</sup> 7c

'neach-ionaid; fo-; leth-'<sup>64</sup> *leas-ainm* 'far-ainm'; *leas-bhràthair* 'leth-bhràthair'; *leas-mhàthair* 'muime'; *leas-phrionnsapal*.

§405 *leth*<sup>-s</sup> 7c

'pàirt cothromach; a h-aon às na dhà; cas'<sup>65</sup>

§405 (i) *leth*<sup>-s</sup>

*leth-bhreith*; *leth-chearcall*; *leth-chuairt*; *leth-làmh*; *leth-mhìle*; *leth-shùil*; *leth-uair*.

§405 (ii) *leth*<sup>~s</sup>

an *Lethall*<sup>66</sup>; *lethbhreac*; *lethcheann*; *lethchiallach*; *lethoireach*.<sup>67</sup>

§406 *mì*<sup>-s</sup>

'neo-, droch'<sup>68</sup>

63. [ĩn], à SG *in-*, agus ainmearan na dhèidh san tuiseal ghinideach an-diugh (coim. §389, b-n 36).

64. [l̥æs][l̥æs], à SG *les* 'leas'.

65. SG *leth-*. Le àireamhan, faic §165.

66. .i. an t-allt cas; tha an ro-leasachan cumanta san t-seagh seo ann an ainmean-àite, m.e. na *Leth Leòidean* ([nə 'l̥æ 'l̥ad̥l̥ən], Daile Mòr, an Leòdhas; Cox 2002, 313); coim.*leitir* 'leathad' < SG *leittir* < DIL ?*leth* + *ír*.

67. Cuideachd, coim. GA *letheach* < GT *lethach* 'air a roinn na dhà leth; air a lùghdachadh le aon leth'; *letheach-slighe*.

68. [mĩ:], < SG *mí*<sup>-s</sup>.

§406 (i) *mì*<sup>-s</sup>

*mì-bheusachd; mì-chiatach; mì-chinnteach; mì-fhortanach; mì-mhodhail; mì-shealbh; mì-thoilichte.*

§406 (ii) *mì*<sup>-s</sup>/*mìo*<sup>-s</sup>

*mìchiatach; mìshealbh; mìomhodh; mìorun.*

§407 *neo*<sup>-s</sup>

'mì-, droch'<sup>69</sup>

§407 (i) *neo*<sup>-s</sup>

*neo-àbhaisteach; neo-chinnteach; neo-chiontach; neo-chumanta; neo-dhuine* 'duine gun luach'.

§407 (ii) *neo*<sup>-s</sup>/*neoi*<sup>-s</sup>

*neòghlan; neoni; neoichiontach.*

§408 *oll*<sup>-s</sup> 7c

'mòr, ro-mhòr'

§408 (i) *oil*<sup>-s</sup>

*oilthigh*<sup>70</sup>.

§408 (ii) *uile*<sup>-s</sup>

*uilebheist*<sup>71</sup>.

§409 *os*<sup>-s</sup> 7c

'shuas, nas àirde; cus':<sup>72</sup> *os-cheartachadh; os-chràbhach* 'saobh-chràbhach; breug-chràbhach'; *os-labhairt* 'àibheiseachadh'; *os-nàdarra(ch)*.

§410 *ro*<sup>-s</sup> 7c§410 (i) *ro*- 'toisich; air thoiseach'<sup>73</sup>

*ro-ainmichte; ro-aithris; ro-ràdh; ro-innleachd; ro-leasachan; ro-shealladh.*

69. [ɲo], < SG *nem*<sup>-s</sup>.

70. Tha coltas *oil* 'foghlam' + *t(a)igh* air an fhacal *oilthigh* (coim. *oilean, oileanach*), às a sin 'a house of learning' (Lamont 1960, 194, s.v. *oil-thigh*). 'S iongantach mura h-eil am bunachas *oll-*, *ge-tà*, air a aithneachadh le Holmer (1938, 198) agus e a' sgrìobhadh 'oilthigh (oillthigh)'; coim. GE *ollsgoil* 'oilthigh'. Coim. *ollamh*, ainmear stèidhichte air cruth anardach a' bhuaidhair (Binchy 1958, 48–49, 54).

71. GT *ilphéist* < SG *oll* 'ro-mhòr' + *piast* 'biast' (*DIL*, s.v. *il*).

72. [ɔʂ], às an roimhear *os* §366.

73. Às an roimhear *ro*<sup>s</sup> §369; air uairean, chithear an sean chruth *roimh*<sup>-s</sup> san t-seagh 'toisich' 7c.

§410 (ii) *ro-* 'glè'  
*ro-mhath*<sup>74</sup>; *ro-spòrs*.<sup>75</sup>

§411 *seac*-<sup>s</sup> 7c  
 'glè, gu buileach'<sup>76</sup>

§411 (i) *seac*-<sup>s</sup>  
*seac-mharbh*; *seac-thinn*; *seac-sgìth*.

§411 (ii) *seachd*<sup>s</sup>  
*seachd sgìth*; *seachd searbh sgìth*; *gu seachd àraidh*; *gu seachd sònraichte*.

§412 *seach*-<sup>s</sup>  
 'seachad; fiar':<sup>77</sup> *seach-aithris*, i. *seach-labhradh* no *seach-bhriathar*.

§413 *sìor*-<sup>s</sup>  
 'buan, bith-':<sup>78</sup> *sìor-mhaireannach*; *sìor-uaine*.

§414 *sith*-<sup>s</sup>  
 'fada; sìor':<sup>79</sup> *sith-bheatha*; *sith-bheò*; *sith-bhuan*; *sith-fhad* 'air a bheil, mar eisimpleir, casan fada'.

74. Mar bhuadhair càileach: *aiste ro-mhath*; ach, mar bhuadhair fàisneach, gun tàthan: *tha i ro mhath*.

75. Coim. *bu ro-thoil leam an nighneag* (≈John MacLachlan: Gillies 1880, 17).

76. *Seac-* [ʃeːk][ʃæːk], à SG *secc-* 'air a chrìonadh; gu buileach', m.e. *seccmàrb* 'seac-mharbh, fuar-mharbh': 's ann an sin a gheibhte na fèidh ag ionaltradh: cha robh raon eile cho fosgailteach ris gu ruith is mire gus am biodh iad seac-sgìth (≈Whyte 1911, 131); cuideachd, gheibhear an cruth *seachd* [ʃɛx][ʃæxk] (coim. *sloc* ~ *slochd* §23 (i) (a), b-n 64): 'Ò! gu dearbh fhèin,' ars a' bhanrigh, nuair a bha i seachd sgìth den bhruidhinn seo (≈Coinneach MacLeòid: Murchison 1988, 130); *gu seachd sònraichte*. Chan eil e soilleir am faod ceangal a bhith aig a' chleachdadh seo ris a' chleachdadh teannachaidh a gheibhear leis an àireimh *seachd* fhèin §147 (i), aig an robh ciall dhraoidheil, 's dòcha (*DIL*, s.v. 1 *secht*): *ma bha am bàthach dona, bha na seachd donais air an stàball* (≈*An Gaidheal* VI, 176); *gun robh na seachd deamhain ann, agus nach gabhadh ceannsachadh air* (≈A. Caimbeul 1992, 79); *seachd beannachd tuath is daonnachd dhut* (≈MacKenzie 1841, 75); *seachd mìle fàilte dhuibh* (*An Teachdaire Ùr Gaidhealach* 79); *ged a bhiodh cur is cathadh ann, is latha nan seachd sian* (≈Mac-an-Tuairneir 1813, 289); *chuir Carbar sleagh nan seachd seang* [i. ?fiadh] *eadar m' àirnean agus m' imleag* (≈Gillies 1786, 169); *tharraing iad an iùbhrach bhallach suas a seachd fad fhèin air feur glas* (≈*An Gaidheal* VI, 115), i. ?a fad slàn, i. gu buileach às an uisge.

77. [ʃɛx][ʃæx], à SG *sech-*; coim. an roimhear *seach* §370.

78. [ʃiər], às a' bhuadhair ro-shuidhichte *sìor* §121 (iii).

79. [ʃi]; SG *sith-*.

§415 *so*<sup>-s</sup> 7c

'fuirasta (a dhèanamh); deagh'<sup>80</sup> – thèid an ro-leasachan seo a chleachdadh gus buadhairean a chruthachadh, agus a' bhrìgh 'gun gabh rudeigin dèanamh' aca.

§415 (i) *so*<sup>-s</sup>

*so-àireimh*; gu bitheanta le ainmearan gnìomhaireach: *so-chreidsinn*; *so-fhaicsinn*; *so-leughaidh*; *so-ruigsinn*; ainmearan gnìomhaireach agus dùnaidhean buadhaireach aca: *so-fhaicsinneach*; *so-ruigsinneach*; agus buadhairean gnìomhaireach: *so-dhèanta*; *so-leònte*; *so-leughte*; *so-sheachanta*.

§415 (ii) *so*<sup>-s</sup>/*soi*<sup>-s</sup>

*sochair* (coim. *cor*); *soilleir* (coim. *lèir* 'follaiseach'); *soisgeul* (coim. *sgeul*).

§416 *tar*<sup>-s</sup> 7c

'thar'<sup>81</sup>

§416 (i) *tar*<sup>-s</sup>

*tar-chrìochail*; *tar-chur*; *tar-phartaidh*; *tar-sgrìobhadh*.

§416 (ii) *tras*<sup>-s</sup>

*tras-sgrìobhadh* §373 (xii), b-n 104.

§417 *trid*<sup>-s</sup>

'tro': *trid-dhoilleir*; *trid-shoilleir*.<sup>82</sup>

§418 *tro*<sup>-s</sup>

'bhon dàrna ceann chun a' chinn eile, tarsainn, *trid*<sup>-s</sup>:<sup>83</sup> *tro-lèirsinneach*, i. *tro-fhaicsinneach*.

§419 *uile*<sup>-s</sup>

'guleòr, air fad, gu buileach':<sup>84</sup> *uile-bhuadhach*; *uile-choltach*; *uile-chumhachdach*; *uile-fhiosrach*; *uile-làthaireach*<sup>85</sup>.

80. [ʃo], < SG *so*<sup>-s</sup>, *su*<sup>-s</sup>. Iom-sgaraich an ro-leasachan *do*<sup>-s</sup> 'duilich (a dhèanamh); droch', coim. §389 + b-n 36.

81. Coim. an roimhear *thar*<sup>s</sup> §373.

82. Às an roimhear *trid* §376.

83. Às an roimhear *tro*<sup>s</sup> §377; air uairean, chithear an sean chruth *troimh*-.

84. Faic *uile* §233.

85. Chan ionann an ro-leasachan seo *uile*- agus an ro-leasachan ann an GA *uilebheist* §408 (ii) + b-n 71.

§420 *ur*-<sup>s</sup> 7c

'bunasach, prìomhadail, ro-; glè'<sup>86</sup>

§420 (i) *ur*-<sup>s</sup>

*ur-mhòr* 'ro-mhòr'.

§420 (ii) *ur*-<sup>s</sup>/*uir*-<sup>s</sup>

*urchasg*; *ùrlabhairt*<sup>87</sup> 'deas-chainnt'; *ùrlar*<sup>88</sup>; *ùrloisgeach* 'dealasach, dian'; *uireasbhaidh*; *uirsgèul*.<sup>89</sup>

---

86. Às an roimhear *air*<sup>s</sup>. Gheibhear GT *air*-, *er*-, *ir*-, *aur*-, *ur*- (*DIL*, s.v. *air*).

87. Le fadachadh ro *rl* §11 (iv).

88. 'S e tuiteamas a th' ann gur coltach riochd an ro-leasachain seo ris a' bhuidhair *ùr* 'nuadh'.

89. Coim. brosnachadh catha Lachluinn Mhic Mhuirich far an dèan am bàrd fìor fheum den ro-leasachan seo: (gun a rèiteachadh ri bun-tomhas litreachaidh an latha an-diugh) *Gu urlamhach, gu urmhaiseach, Gu urranta, gu uraluinn, Gu urchleasach, gu uaibhreach, Gu uilfheargach, gu uailfheartach, Gu urchoideach, gu uabhasach, Gu urrasach, gu urramach, Gu urloisgeach, gu uaimhshlochdach, Gu uachdarach, gu uallach, Gu ullamh, gu usgarach, Gu urmhailleach, gu uchdardach, Gu uidhimichte, gu ughdarach, Gu upagach, gu uilefhradharach, Gu upairneach, gu urghleusach, Gu urbhuilleach, gu urspealach, Gu urlabhrach, urlamhach, urneartmhor ...* (Mac Mhuirich 1804, 18–19).

## 21 Co-ghnìomhairean

### §421 Ro-ràdh

#### §421 (i) Mineachadh

Leasaichidh co-ghnìomhair brìgh an fhacail a bhios e a' comharradh, a rèir ama §423, àite §424, modha §426 no ìre §427 7c.

#### §421 (ii) Dreuchd

Ged a gheibhear cuingealaichean mu choinneimh diofar cho-ghnìomhairean a thaobh an dreuchd, san fharsaingeachd faodaidh co-ghnìomhair na leanas a leasachadh:

§421 (ii) (a) Gnìomhairean: *dh'òl e gu luath e.*

§421 (ii) (b) Ainmearan: *dh'ith e am biadh gu lèir.*

§421 (ii) (c) Ainmearan gnìomhaireach: *air dha cadal tràth.*

§421 (ii) (d) Buadhairean: *tha e uabhasach math.*

§421 (ii) (e) Co-ghnìomhairean: *bidh sinn glè thràth.*

§421 (ii) (f) Abairtean roimhearail: *bha an creutair gu tur air chall; beagan an dèidh dhaibh falbh.*

§421 (ii) (g) Naisgearan: *thòisich an t-uisge dìreach nuair a ràinig iad.*

### §422 Cruth agus co-rèir

#### §422 (i) Structar

Gheibhear co-ghnìomhairean aon chuid air chruth facail no abairte domhùthaidh (m.e. *uaireannan*),<sup>1</sup> no air chruth a' mhìr cho-ghnìomhairich *gu*<sup>h</sup> + buadhair (m.e. *gu math*), ged a tha *gu*<sup>h</sup> ion-teasgaidh ann an corra eisimpleir (m.e. *(gu) tric*). A thuilleadh air sin, cha chleachdar *gu*<sup>h</sup> agus co-ghnìomhair leasachaidh eile còmhla (m.e. *ro thrìc*) ach ainneamh (m.e. *gu ro mhath*).

#### §422 (ii) Suidheachadh

Mar as trice, seasaidh co-ghnìomhair an dèidh ainmearan gnìomhaireach<sup>2</sup> (*air dha cadal tràth*), ach ro cho-ghnìomhairean (*bidh sinn glè thràth*), buadhairean (*tha e uabhasach math*), abairtean roimhearail (*bha an creutair gu tur air chall*) agus naisgearan (*thòisich an t-uisge dìreach nuair a ràinig iad*).

1. San t-seagh seo, cha ghabhar ri abairtean a leithid *an làthair* an seo, seach gun gabh iad atharrachadh le riochdair seilbheach no ainmear, m.e. *nam làthair*; *an làthair Sheumais*. Gheibhear eisimpleirean de dh'abairtean roimhearail mar seo fo §340 agus air adhart.

2. Ach air adhbharan sìnidh, m.e. *rinn e trom-chadal* agus dreuchd cho-ghnìomhaireach aig a' bhuadhair ro-shuidhichte §121.

§422 (iii) *gu leòr*

Thig an co-ghnìomhair *gu leòr* an dèidh na bhios e a' leasachadh: *fuar gu leòr*; *ceart gu leòr*; *tràth gu leòr*.<sup>3</sup>

## §422 (iv) Còmhla ri gnìomhair

Seasaidh co-ghnìomhair a leasaicheas gnìomhair ann an diofar àitichean a rèir dreuchd a' cho-ghnìomhair a rèir ruithim no stoidhle no sìneadh an rosgrainn san nochd e, m.e. (neo-chomharraichte, aig deireadh an rosgrainn) *chaidh sinn a dh'fhaicinn a' chaisteil an-dè*; (ann an eadar-ràdh) *an-dè, chaidh sinn a dh'fhaicinn a' chaisteil*; (comharraichte) *chaidh sinn an-dè a dh'fhaicinn a' chaisteil*; (neo-chomharraichte) *bha e ag ithe fhathast*; (comharraichte) *bha e fhathast ag ithe*. Ann an rosgrannan sìmplidh, thig co-ghnìomhair air thoiseach air cuspair riochdaireil, m.e. *nì mi an-dràsta e* §187 (iii).

## §423 Co-ghnìomhairean ama

Innsidh co-ghnìomhairean ama cuine a thachair no thachras rudeigin: (san àm a dh'fhalbh) *thuit i air an staran an-dè*; (san àm seo) *a bheil thu ag obair an-diugh?*; (san àm ri teachd) *am faic sinn a-màireach thu?*; (tricealachd) *cha robh mi ann a-riamh*; (neo-dheimhinnte) *bha e na chadal fhathast*.

Nithear ainmearan à cuid de cho-ghnìomhairean le bhith a' cleachdadh ainmear iomchaidh air thoiseach orra, m.e. *an latha an-diugh: dè an coltas a th' air an àite san latha an-diugh?*; *an oidhche a-raoir: thug mi an oidhche a-raoir san àirigh* (≈MacKenzie 1907, 438); *a' bhliadhna an-uiridh: tha òisgean againn – uain na bliadhna an-uiridh*.

## §423 (i) San àm a dh'fhalbh

*an-dè: tha mi saor an-diugh, a chionn 's gun do rinn mi a h-uile càil an-dè*; *a' bhòn-dè*<sup>4</sup> 'an latha ro an-dè'; *a-raoir: cha d' fhuair mi cadal idir a-raoir*

3. Dualchainnteach, *nas leòr* (m.e. Cinn Tìre, *LASID* IV App. I (b), B-754, 755). Thèid *gu leòr* a chleachdadh gu riochdaireil, mar an ceudna: *tha gu leòr agam; a bheil gu leòr airgid agad?* (ri taobh a bheil *airgead gu leòr agad?*).

4. Gheibhear, cuideachd, *air bhòn dé, air bhòn raoir* agus *air bhòn uiridh* aig Dwelly, mar eisimpleir, coim. Cinn Tìre [arəvun dʒe.ɛ], Beinn na Fadhla [ɛ'ə'võ:'d'ʒɛ] (*LASID* IV, App. I (d), B-917), ach mar as trice cleachdar cruthan le -r air a bàthadh, i. a' *bhòn-dè, a' bhòn-raoir, a' bhòn-uiridh*, m.e. Leòdhas (Liùrbost) ['võ: 'd'e:] (Oftedal 1956, 217), Leòdhas (Càrlabhagh) [ə 'võ:d'e.], Ros an Iar [vɔ:n'd'e] (air a eadar-theangachadh mar 'the second day after tomorrow' ?air mhearachd) (*LASID* IV, App. I (e) is (f), B-917), Ìle [əvõ:n'dʒe:] (FEG, s.v. *day before yesterday*), /ə'võ:n'dʒe/ agus /ə'võ:n'rɔɪ/ (*Am Faclair Beag*, s.v. *a-bhòn-dè, a-bhòn-raoir*), an t-Eilean Sgitheanach [ə 'võ: 'r[ɔi]r] (Borgstrøm 1941, 20). A thuilleadh air GA *a' bhòn-uiridh* /ə'võ:nurɪ/ (*Am Faclair Beag*, s.v. *a-bhòn-uiridh*), gheibhear Dòrnaidh [əv[ãũ]nuri] (FEG, s.v. *bhann-uiridh*), Ros an Iar [ə 'võ:nurɪ] agus (ach gann) [ə 'v[ɛu]nurɪ] (Wentworth 2003, s.v. *year*), na Hearadh (An

*a chionn na gaoithe; a' bhòn-raoir* 'an oidhche ron oidhche a-raoir'; *an-uiridh* 'a' bhliadhna ron bhliadhna seo'; *a' bhòn-uiridh* no *a' bhèan-uiridh* 'a' bhliadhna ron bhliadhna mu dheireadh'; (*a*)-*cheana* 'mar-thà: *tha e deiseil cheana; a-chianaibh* 'bho chionn ghoirid' §83 (iii) (c) (β): *chunnaic mi prògram sgoinneil air an teilidh a-chianaibh; mar-thà* no *mu thràth*<sup>5</sup> 'roimhe seo, ron àm fon phrosbaig, a-cheana': *tha mi air gu leòr ithe mar-thà.*

§423 (ii) San àm seo

*an-diugh* 'an latha seo': 's e latha math a th' ann *an-diugh*; 'na làithean seo': *cha bhi duine a' dol a dh'àite an-diugh gun chàr; am-bliadhna* 'a' bhliadhna seo': *tha i gu bhith 20 bliadhna a dh'aois am-bliadhna; an-dràsta* agus *a-nis(e), a-nist(e)* no *nis(e)* 7c<sup>6</sup>. Thèid (a) *an-dràsta* agus (b) *a-nise* a chleachdadh ann an suidhichean caran eadar-dhealaichte: cha sònraich *an-dràsta* ach an t-àm seo fhèin, biodh e fada no goirid: *tha e na chadal an-dràsta*; fhad 's a nì *a-nise* iomradh air àm àraidh ann an dàimh ri àm a dh'fhalbh: *tha e na chadal a-nise*, .i. ged nach robh bho chionn greiseig; coim. (caithte) 'o chionn ghoirid' (a) 's e uisge a bhathas a' gealltainn *an-dràsta*, (b) *tha mi deiseil dheth a-nise*; (làthaireach) 'aig an dearbh àm seo' (a) *chan urrainn dhomh stad an-dràsta*; (co-aimsireil) 'timcheall air an àm seo, air na làithean seo' (a) *tha i ag obair aig a' bhanca an-dràsta*, (b) *tha e ag obair aig an taigh a-nise*; (teachdail) 'an-ceartuair' (a) *mar sin leat an-dràsta*, (b) *dè leughas tu a-nise?*; (na chlisgear) (b) *a-nise, dè do bheachd air sin?*; (san abairt) (a) *an-dràsta* 's *a-rithist* 'bho àm gu àm'.

§423 (iii) San àm ri teachd

*a-màireach* 'an latha an dèidh an-diugh' §348 (iii), b-n 19: *chì mi a-màireach thu; an-earar* 'an latha an dèidh a-màireach'; *an-eararais* 'an latha an dèidh an-earar'; *làrna-mhàireach* 'an ath-latha' §348 (iii), b-n 19: *rinn an t-arm stad ann am Peairt agus ghluais e air adhart làrna-mhàireach; an ath-bhliadhna*;

---

Sgarp) agus Leòdhas (Pabail; Col) /ə'vɛ:nurɪ/ agus Leòdhas (Nis) /ə'viənurɪ/ (Mìcheal Bauer, conaltradh pearsanta; m.e. *Am Faclair Beag*, s.v. *a-bhèan-uiridh*), Leòdhas (Am Bac) [ə'viänurɪ] (Murchadh Stal MacDhòmhnaill, conaltradh pearsanta). Le SG *arbu* (*DIL*, s.v. *arbu*), .i. SG \**arbu* indé, \**arbu* irráir agus \**arbu* innur(a)íd; coim. GE *arú* inné, *arú* aréir, *arú* anuraidh (Ó Curnáin 2007 III, 1632 §8.200), agus GM *aroo-y-jea* [aru ə d'ʒe:] (Broderick 1984 II, 12–13). Gheibhear GE *arú amàireach* mar an ceudna, ach cha lorgar a leithid de chleachdadh teachdail ann an Gàidhlig na h-Albann.

5. 'mu thràth (properly *mar tha*)' (Gillies 1993, 194).

6. Tàrmaichidh *an-dràsta* 'aig an àm seo, aig an dearbh àm seo' ann an SG *a tràth-sa* 'an tràth seo, an t-àm seo' (.i. \**a dtráth-sa*, agus an t-alt neodrach cuspaireach a' dùbhradh an ainmeir) > \**a dtrásta* (le càradh eadar *th* is *s* > *st*) > GA *an dràsta* (air a sgrìobhadh *an-dràsta* an-diugh, mar cho-ghnìomhair do-mhùthaidh). Tàrmaichidh *a-nis(e)* 'aig an àm seo' ann an SG *indossa* (*DIL*), coim. GE *anois*.

*a-nochd; an ath-oidhche; an ath-oidhche a-rithist*<sup>7</sup>; *a dh'aithghearr* 'ann an ùine ghoirid': *bidh turadh ann a dh'aithghearr*.

§423 (iv) Tricealachd

*a-riamh* 'aig àm sam bith; an-còmhnaidh' (san àm a dh'fhalbh): *am faca tu sin a-riamh roimhe?*; *bha i a-riamh math air sin*; mar bhuadhair le *a h-uile* 'gach uile': *nach tàinig oirre a h-uile h-aon a-riamh den phìos sin a dhèanamh?*; *a-chaoidh* 'aig àm sam bith; an-còmhnaidh' (san àm ri teachd): *cha dèan mi a-chaoidh e*; *bidh sinn a-chaoidh a' caoidh mar a thachair dha*; *am-feast(a)* 'aig àm sam bith': *cha tèid mi na chòir am-feasta*; *a-ghnàth* 'aig àm sam bith; an-còmhnaidh': *chan fhiach bròn a-ghnàth, is chan fhiach ceòl a-ghnàth* (≈Nicolson 1881, 118); *gu sìorraidh* 'a-chaoidh'<sup>8</sup>; *daonnan* 'an-còmhnaidh': *bha e daonnan car fada na cheann*; *an-còmhnaidh* 'a h-uile h-uair': *bidh sinn a' strì ri droch thìde an-còmhnaidh ann an seo*; *gu sìor* 'fad na tìde': *bi faiceallach gu sìor!*; *idir* 'air dòigh sam bith'<sup>9</sup>: *cha tuig mi idir e*<sup>10</sup>; *uaireannan* 'air uairean, aig amannan': *chan fhaigh sinn pàipear-naidheachd gu tric – ach uaireannan gheibh*; *a-rithist, a-ris* 'uair eile; an dèidh làimhe; nas anmoiche': *tha i fuar a-muigh an-diugh a-rithist*; *an dèan thu an-dràsta e? cha dèan, nì mi a-rithist e*; *thàinig an dàrna fear a-steach an toiseach agus thàinig am fear eile a-steach a-rithist às a dhèidh*; a' leasachadh *ath* + ainmear, san t-seagh 'an dèidh sin': *chail iad an t-ath gheama a-rithist*; *tuilleadh* 'a-rithist; nas fhaide air adhart; fhathast' (coim. §176): *chan fhaic mi tuilleadh e*; *cha deach bruidhinn ris tuilleadh*; *chan eil sinn an dùil ris tuilleadh*; *is cinnteach gum faigh sinn corra latha math tuilleadh*; gheibhear *tuilleadh* a' comharradh co-ghnìomhair ama mar cho-ghnìomhair ìre: *bha iad toilichte a-riamh tuilleadh*; *bidh i ann gu bràth tuilleadh/a-chaoidh tuilleadh*; *chan dèan mi a-chaoidh tuilleadh e*; no san t-seagh 'bho seo a-mach, a-nise': *is cinnteach gun tig am parsail latha sam bith tuilleadh*; *cha bhi e fada tuilleadh*; *chan fhairich sinn ro fhada tuilleadh e*; (*gu tric* 'mòran uairean, gu minig': *cha bhi i a' tighinn dhachaigh tric*; (*gu minig* 'gu tric': *dh'innseadh iad sgeulachdan gu minig air an oidhche*; (*gu h-ainmig* 'gun a bhith minig no tric'; (*gu h-ainneamh* 'gun a bhith tric; gu tearc': 's ann glè *ainneamh* a ghabhas mi cofaidh'; 's ann *ainneamh ainneamh* a bhiodh

7. No *an treasaich*, i. an treas oidhche.

8. No *gu sìor*; *gu suthainn*; agus le dùblachadh: *gu suthainn sìor*. Cleachdar an abairt *gu bràth* (leis an roimhear *gu(s)* §360 (vii) (d) + ainmear) san aon seagh, às a sin *gu sìorraidh bràth*; coim. *gu Latha a' Bhràth* agus *gu Latha Luain* 'gu Latha a' Bhreitheanais'.

9. Gu tric air a dhùblachadh gus sineadh a chur an cèill: *cha toigh leamsa idir idir e*.

10. Gheibhear an co-ghnìomhair *ann* ann an rosgrannan comharraichte àicheil san t-seagh 'idir' §349 (xi) (d): *cha chreid mi gun robh e a-staigh seo ann*; *chan eil mise a' dol a Ghlaschu ann*; *chan eil an cù ag iarraidh a-mach ann*.

siud a' tachairt (coim. b-n 9); (**gu**) *tearc* 'gu h-ainneamh': *sin beathach nach fhaca mi an seo ach gu tearc.*

§423 (v) Measgaichte no neo-dheimhinnte

**an-ceartuair** 'an-dràsta': *tha i aon uair deug an-ceartuair a rèir an uaireadair*; 'a dh'aithghearr': *bidh am bus an seo an-ceartuair*; (**gu**) *moch* 'tràth san latha, gun a bhith anmoch': *dh'èirich sinn moch madainn na Sàbaide*; (**gu h-**)*anmoch* 'gun a bhith moch': *tha e a' fàs anmoch*; *fadalach* 'gun a bhith ris an uair, air dheireadh'; *tràth* 'aig toiseach an latha, moch': *bidh a liuthad duine ann 's gum feum sinn èirigh tràth*; *feasgar* 'air an fheasgar, anns an fheasgar': *chì mi feasgar thu*; *fhathast* 'aig no gu ruige àm sònraichte; a-rithist': *cha do ràinig i fhathast*; *bha tobar ri taobh an rathaid an sin, is tha i ann fhathast*; *can fhathast e!*; *greis, greiseag*, cuideachd *dreis(eag)*, *treis(eag)* 7c<sup>11</sup> 'ùine ghoirid': *bidh sinn ann greis fhathast*; *mu dheireadh, bho dheireadh* §359 (ix), b-n 62, §364, b-n 82, 'an dèidh a h-uile càil; roimhe': *an do rinn thu mu dheireadh e?*; *cuin a bha thu ann an Dùn Èideann mu dheireadh?*; le *thall*: *ràinig iad an ceann-uidhe mu dheireadh thall.*

§424 Co-ghnìomhairean àite

Nithear dealachadh gu tric eadar co-ghnìomhairean a chleachdar, air an dàrna làimh, nuair a bhios gluasad ann §424 (i) agus, air an làimh eile, nuair nach bi §424 (ii); tha corra cho-ghnìomhair neo-dheimhinnte a thaobh gluasaid §424 (iii).

§424 (i) Le gluasad

**a-mach**<sup>12</sup> 'a thaobh a-muigh rudeigin': *chaidh sinn a-mach a chluiche leis a' bhall againn*; 'air falbh bhon bhaile, gu h-àraidh chun na mòintich/beinne 7c': *dheigheamaid a-mach chun na h-àirigh aig toiseach a' Chèitein*; (neo-àiteil) *bidh e an-còmhnaidh a-mach air a' chuspair ud*; *fhuair sinn a-mach nach robh thu air a bhith gu math*; na roimhear (+ bunasach) (àiteil) 'air an t-slighe a-mach': *nach tèid sinn a-mach an rathad?*; (amaill) 'rè': *rinn sinn cuairt no dhà timcheall air an àite a-mach an t-Samhain*; 'air adhart': *nì mi mo dhìcheall bho seo a-mach*; **a-steach** 'a bhroinn rudeigin, do': *thig a-steach!*<sup>13</sup>; *nach cuir thu iarrtas a-steach air a son?*; 'a dh'ionnsaigh a' bhaile

11. Tàrmaichidh *greis* < *dreis* < *treis* ann an SG *treise* 'cuairt ùine fad trì latha' (air a bhonntachadh air SG *trí* 'trì'; *DIL*, s. v. 2 *treise*).

12. GT *immach* < *i<sup>N</sup>* + (cusp.) *mach* (< *mag*) 'do[n] mhagh'.

13. GT *isa tech* > *istech* 'a-steach'; < *i<sup>N</sup>* + (cusp.) *tech* (< *tech*) 'anns an taigh = don taigh'. Tha e na chleachdadh aig corra dhualchainnt a bhith ag ràdh, mar eisimpleir, *thig a-staigh!* an àite *thig a-steach!*

no na mara': *thèid sinn air chuairt a-steach gu ruige an cidhe*; (amail) *sin an samhradh a' tighinn a-steach*; na roimhear (àiteil) 'air an t-slighe a-steach': *thàinig am post a-steach an rathad aig uair mar a b' àbhaist*; air a leantainn leis an roimhear *do*<sup>dh</sup>: *chaidh i a-steach dhan taigh*; *sìos, a-sìos* 'gu bhith shìos'<sup>14</sup>: *chaidh e sìos gu bonn na creige*; na roimhear (+ bunasach): *chaidh a' chuibhle na caran sìos an rathad*; *chuir an leanabh a corrag sìos amhach a' choin*; *a-bhàn* 'sìos'<sup>15</sup>; *suas, a-suas* 'gu bhith shuas': *tha an similear na theine is feumaidh cuideigin a dhol suas gu mullach an taighe*; (neo-àiteil) *an do rinn thu fhèin suas na figearan seo?*; na roimhear (+ bunasach) (àiteil): *fhalbh suas an staidhre!*; *suas ri*: *cunnt suas ri fichead!*; *a bheil thu a' cumail suas rid obair?*; *feumaidh tu tighinn suas ri càch*; *tha e suas ri ceud troigh a dh'fhaid*; *suas le*: *suas leis a' Ghàidhlig*<sup>16</sup>; *a-nìos* 'a' tighinn air ais bho bhith shìos': *thàinig iad a-nìos gu beul na h-uamha an dèidh dhaibh oidhche a chur seachad innte*; *a-nuas* 'a' tighinn air ais bho bhith shuas': *fhalbh suas dhad leabaidh, ma-thà, is thig a-nuas nuair a bhios tu a' faireachdainn nas fheàrr*; an àite *a-nìos* 'a' tighinn air ais bho bhith shìos': *chaidh an cuilean sìos toll coineanaich is 's ann air èiginn a thàinig e a-nuas*; *a-null, a-nunn*<sup>17</sup> 'thairis do sin (gu bhith thall)': *thèid sinn a-null chun an eilein air a' bhàt'-aiseig*; *a-null 's a-nall* 'air ais 's air adhart'; *a-null thairis* 'gu dùthaich chèn'; *a-nall* 'air ais an seo (bho bhith thall)': *ma thig iad a-nall air a' bhàta, cuiridh sinn dhachaigh iad sa chàr taobh*<sup>18</sup> *na drochaide*; *a-nall thairis* 'bho dhùthaich chèn'; *dhachaigh* 'chun an taighe'<sup>19</sup>: *thèid*

14. Tha e na chleachdadh ann an cuid de sgìrean a bhith a' dol sìos gu tuath agus suas gu deas; mar eisimpleir, air taobh an iar Leòdhais, bithear a' siubhal sìos bho cheann a deas gu ceann a tuath an eilein, agus suas an rathad eile, i. *sìos a Nis* ach *suas a dh'Ùig*; ann an Uibhist a Tuath, canar *s(h)uas mu dheas* no *s(h)uas a deas* mu Uibhist a Deas agus a chaochladh ann an Uibhist a Deas mu Uibhist a Tuath: *air an taobh eile, tha Loch Aoineort, an loch às an do thog Birlinn Chlann Raghnaill iùl oirre 'o Uibhist nan cràdh-ghèadh' – shìos mu thuath air a seo a-rithist tha Caisteal Ormacleith, seann taigh-còmhnaidh Mhic 'ic Ailein* (≈MacDhomhnuill 1938, 131–32; airson an iomraidh à dàn Alasdair Mhic Mhaighstir Alasdair, faic Thomson 1996, 132–65; 143).

15. < GT *i bfàn* 'le leathad'.

16. Coim. *trì latha gonaig, trì latha garg, trì latha sguabaig, is suas leis an earrach!* (Leòdhais), i. tòisichidh an t-earrach le aon rot an dèidh droch thìde; ach iom-sgaraich mìos Faoillich, *seachdain Feadaig, ce'r-là-deug Gearrain, seachdain Caillich, trì latha Sguabaig, suas e an t-earrach* (≈An Gaidheal IV, 85); mìos Faoillich, *naoi latha gearrain, trì latha sguabaig, suas an t-earrach* (≈Macrury 1892, 23).

17. Chaidh GA *a-nunn* (à SG *innunn*; às a sin GE *anonn*) na *a-null*, ach ann an Earra-Ghàidheal (SGDS II, Ceann-fhacal 45), le co-rèiteachadh ri GA *a-nall* (à SG *anall*).

18. Cleachdar *taobh* le brìgh ghluasaid an seo; coim. *an dàrna taobh: cuiridh sinn a' cheist sin an dàrna taobh an-dràsta*.

19. SG *do thig* 'do thaigh'; am fillteach *dhachaigh* air a shèimheachadh mar cho-

mi *dhachaigh* aig deireadh na seachdain; bidh sinn a' falbh *dhachaigh* air an tràna<sup>20</sup>.

§424 (ii) Gun ghluasad

*a-muigh*<sup>21</sup> 'air taobh an raoin, gun a bhith a-staigh': *bha sinn a-muigh fad na maidne a' ceannach aodach dhan chloinn; a-muigh no a-mach* 'air chor sam bith', m.e. *cha ghabhadh sìtheachadh air a-muigh no a-mach* (≈MacGillÌosa 2004, 77)<sup>22</sup>; *a-staigh*<sup>23</sup> 'am broinn rudeigin, gun a bhith a-muigh': *chan fhuiling mi a bhith glaiste a-staigh ri droch thide; bidh sinn a' peantadh an taighe as t-samhradh a-muigh 's a-staigh*; 'an àrainn, ri taobh': *bhite a' cur buntàta is rudan a-staigh an locha*; am broinn a' bhaile no an àrainn na mara': *tha e a' fuireach a-staigh ri taobh na tràghad*; na bhuaidhair, leis an aon bhrìgh: *taobh a-staigh an rathaid; an ceann a-staigh; am baile a-staigh; shìos* 'gu h-ìosal, gun a bhith shuas': *stad sinn shìos aig bonn a' chnuic; chunnaic mi d' ainm sgriobhte shìos aig bonn na duilleige; tha seòmar-leapa aice shìos an staidhre seach nach fhaigh i air an staidhre a dhìreadh; a-stàn* 'shìos'<sup>24</sup>; *shuas* 'gu h-àrd, an-àirde, gun a bhith shìos': *bha e shuas air an sgeilp a b' àirde; rinn iad taigh fiodha shuas am mullach na craoibhe*; (na bhuaidhair) *sna taighean-dubha dh'fhaodte an teine a bhith ann an ceann shuas an taighe agus beathaichean anns a' cheann shìos; uthard* 'shuas'; *a-bhos* 'gun a bhith thall, air an taobh seo': *a bheil an càr agad a-bhos?*; 'shìos': *sguir a bhith ag èigheachd, tha mi a-bhos (an) seo aig an doras; thall* 'gun a bhith a-bhos, air an taobh eile': *cò am fear ud thall? chan fhaic mi às a seo e; bha e uair thall ann an Canada*; na bhuaidhair: *am baile thall; thall 's a-bhos* 'an siud is an seo'.

---

ghnìomhair, ged nach eil an sèimheachadh coileanta anns a h-uile dualchainnt, m.e. ann an Ros an Ear: *bhiodh h-uile nì feitheamh rium dar thiginn dachaigh ... thàinig i dachaigh ach shiud a dh'fhalbh eise dhachaigh* (Watson 2007, 2 agus 52), agus ann an Ros an Iar, far am bacar sèimheachadh an dèidh *d t l n r* (Wentworth 2003, s. v. *home*). Airson an ainmeir *dachaigh*, faic §83 (iii) (a) (θ) + b-n 27.

20. Cha chleachdar *dhachaigh* (b-n 19) le *RUIG* (*ràinig sinn an taigh*); cha mhotha a chleachdar *dhachaigh* mura bi gluasad ann, nuair a chleachdar *aig baile* no *aig an taigh* 'anns an dachaigh no an àrainn na dachaigh': *dè cho fada 's a bhios tu aig an taigh?*

21. GT *immaig* < *i<sup>N</sup>* + (tabh.) *maig* (< *maǵ*) 'ann am magh', .i. anns a' mhagh.

22. Coim. Wentworth 2003, s.v. *circumstance*; coim. *a-mach 's a-mach* agus *a-muigh 's a-muigh* leis an aon bhrìgh (Dwelly, s.vv. *mach; muigh*).

23. GT *isin tig* > *istig* 'a-staigh'; < *i<sup>N</sup>* + (tabh.) *tig* (< *tech*) 'anns an taigh'.

24. < \**anns an t-fhàn* (coim. Watson 1994, 681), fo bhuaidh *a-staigh*, b-n 23; iom-sgaraich *a-bhàn*, b-n 15, shuas.

§424 (iii) Neo-dheimhinnte

**an-àird(e)** ‘suas; shuas’: *chaidh postaran a chur an-àirde air feadh a’ bhaile*; (neo-àiteil) *chì sinn an tig iad an-àirde le molaidhean iomchaidh*; **air ais** ‘an comhair a’ chùil’ §194 (i) (b) (β): *an dèidh an leabhar a leughadh, chaidh mi air ais chun an toisich*; *cuir do cheann air ais air a’ chluasaig!*; **air adhart** ‘an comhair a’ chinn, air aghaidh’ §194 (i) (b) (β): *chaidh iad air adhart gu toiseach na loidhne*; (modha) *ciamar a tha thu a’ tighinn air adhart?*; **air aghaidh** ‘air adhart’ §194 (i) (b) (β).

### §425 Na h-àirdean

Gheibhear corra chleachdadh a rèir dualchainnt ach tha ainmean nan àirdean fhèin do-mhùthaidh:

§425 (i) Na prìomh àirdean

**tuath; deas; an ear; an iar**; no *an àird a tuath; an àird a deas; an àird an ear; an àird an iar*.<sup>25</sup>

§425 (ii) Ann an àite, aig fois

**san tuath; san deas; san ear; san iar**; no *san àird a tuath; san àird a deas; san àird an ear; san àird an iar*; le **mu<sup>s</sup>**: *mu thuath; mu dheas; mun ear; mun iar*: *ged a thigeadh Clann Dòmhnail’ s na seòid a tha mu thuath* (≈MacKenzie 1841, 84).

§425 (iii) An coimeas ri àite eile

Le **air** (+ tabhartach): **tuath air; deas air; an ear air; an iar air**: *tha an taigh againne tuath air taigh Chaluim*.

§425 (iv) A’ dol gu no do dh’àite

**a tuath; a deas; an ear; an iar**; no (le **gu(s)**) *gu tuath; gu deas; gus an ear (chun an ear; dhan ear); gus an iar (chun an iar; dhan iar)*; no *gus an àird a tuath (chun na h-àird a tuath; dhan àird a tuath); gus an àird a deas (chun na h-àird a deas; dhan àird a deas); gus an àird an ear (chun na h-àird an ear; dhan àird an ear); gus an àird an iar (chun na h-àird an iar; dhan àird an iar)*; le **mu<sup>s</sup>**: *mu thuath; mu dheas; mun ear; mun iar*; ‘s nuair a dh’fhàg mi taobh Loch Fìn, ‘s a chaidh mi sgrìob mu thuath (≈Campbell 1884, 78); is till rinn gun dàil mu thuath! (≈ibid., 52); le **(a-)sear; (a-)siar**<sup>26</sup>: *chaidh a lorg a-sear ‘s a-siar ‘chaidh a lorg a-null ‘s a-nall*.

§425 (v) A’ tighinn bho àite

(le **bho<sup>s</sup>**) **bho thuath; bho dheas; bhon ear; bhon iar**; no *bhon àird a tuath; bhon àird a deas; bhon àird an ear; bhon àird an iar*.

25. Tàrmaichidh a’ chiad eileamaid sna cruthan *an ear, an iar* (SG *an-air, an-iar*) ann am mìr aig an robh a’ bhrìgh ‘à, bho’ (Vendryes 1974–96, A-70–71).

26. *(a-)sear* ‘chun na h-àird an ear’, *(a-)siar* ‘chun na h-àird an iar’ (à SG *s-air, s-iar*), ach thèid an cleachdadh mar bhuadhairean san t-seagh ‘anns an àird an ear; anns an àird an iar’ an-diugh mar an ceudna, faic §425 (vii).

§425 (vi) A' tighinn à àite

(le à(s)) à **tuath**; à **deas**; às **an ear**; às **an iar**; no às **an àird a tuath**; às **an àird a deas**; às **an àird an ear**; às **an àird an iar**.

§425 (vii) Le dreuchd bhuadhaireach

§425 (vii) (a) **an taobh (a) tuath**; a' ghaoth (a) **tuath** (gaoth na h-àird a tuath); an ceann a tuath; Uibhist a Tuath; gaoth à tuath (gaoth às an àird a tuath); le **bho**<sup>s</sup>: Tolstadh bho Thuath; Dail bho Thuath; an tìr bho thuath; gaoth bho thuath; le **mu**<sup>s</sup>: an àird mu thuath; Uibhist mu Thuath; le **a**: Siabost a Tuath.

§425 (vii) (b) **an taobh (a) deas**; a' ghaoth (a) **deas** (gaoth na h-àird a deas); an ceann a deas; Uibhist a Deas; gaoth à deas (gaoth às an àird a deas); le **bho**<sup>s</sup>: Dail bho Dheas; an tìr bho dheas; gaoth bho dheas; le **mu**<sup>s</sup>: an àird mu dheas; Uibhist mu Dheas; le **a**: Siabost a Deas.

§425 (vii) (c) **an taobh an ear**; a' ghaoth an ear (gaoth na h-àird an ear); gaoth an ear (gaoth às an ear; gaoth às an àird an ear); le **sear**: am Baile Sear; an Taobh Sear.

§425 (vii) (d) **an taobh an iar**; a' ghaoth an iar (gaoth na h-àird an iar); na h-Eileanan an Iar (= na h-Eileanan Siar); gaoth an iar (gaoth às an iar; gaoth às an àird an iar); le **siar**: na h-Eileanan Siar (= na h-Eileanan an Iar); Comhairle nan Eilean Siar; an Taobh Siar; an Cuan Siar.

§425 (viii) Aig tuilleadh astair


Gabhaidh na h-abairtean shuas leasachadh le **nas fhaide**, **na b' fhaide** §138 (iii) (b): feumaidh sinn a dhol **nas fhaide a tuath fhathast**; bha an taigh aige **na b' fhaide deas air sin** §346 (viii) (a) (γ); còig mìle **nas fhaide an ear**; choisich iad **na b' fhaide an iar**.

§425 (ix) Buadhairean bunachail

Gheibhear na buadhairean **deiseil** 'dèanta; ri làimh; taobh na grèine' agus **tuathal** 'troimh-a-chèile; cugallach; mì-shealbhach; an aghaidh na grèine'.<sup>27</sup>

27. GA *deiseil*, nas tràithe *deiseal*, < GT *dessel* (< GT *dess* 'deas' + *sel* 'seal, car') 'taobh na làimhe deise; taobh na grèine'; GA *tuathal* < GT *túaitheál* (= \**túaitheál* \*/*túəθifjæl*) < GT *túath* 'tuath' + *sel* 'taobh na làimhe clì; an aghaidh na grèine'. Air an dàrna làimh, is coltach gun deach GA *deiseal* na *deiseil* [-*alʲ*], a' leantainn fhacal air a bheil an dùnadh ~*ail*/-*eil* §127; air an làimh eile, gheibhear *tuathail* (Gleann Garadh) [tʰu:ahəl] Dieckhoff 1932, s.v., air an aon dòigh, is dòcha, ach mar as trice *tuathal* /*túəhəl*/ *Am Faclair Beag*, mar a bhite an dùil bhon t-Sean Ghàidhlig; is math dh'fhaodte gu bheil (Geàrrloch) / tʰ[túə]həl/ Wentworth 2005, 449, na chothlamadh de na dhà seo shuas.

§425 (x) A' gabhail ris a' chombaist



## §426 Co-ghnìomhairean modha

Gheibhear raon de cho-ghnìomhairean modha: *a-mhàin* 'leis fhèin 7c, dìreach' (faic *ach* §333 (iii) (a)); *bha am postar sa Ghàidhlig a-mhàin*; *nì mi dhutsa a-mhàin e*; *chan e muinntir an eilein a-mhàin a bha a' gearan nam faraidhean*; *a-rèist* 'mas e sin an suidheachadh, ma-thà': *chuala mi gu bheil thu gu bhith dheth a-màireach – dè nì thu a-rèist?*; *ma-thà, ma-tà* 'a-rèist'; *cho* 'gu a leithid de dh'ìre': *tha i cho math air dràibheadh mar-thà*; le *ri* no *agus* <sup>dh</sup>, faic §135; *ge-tà* §45 (i) (e) (δ) b-n 5, 'a dh'aindeoin sin; gidheadh': *chaidh sinn a shnàmh – bha e garbh fuar, ge-tà*; airson an naisgeir *ge, ged* <sup>dh</sup>, faic §334 (vi); *co-dhiù* air a chleachdadh gus beachd no puing a

dhaingeachadh: *chan eil ùine gu leòr ann sin a dhèanamh an-dràsta – tha mi ro sgìth co-dhiù*; no gus còmhradh a chrìochnachadh, atharrachadh no ath-thòiseachadh: *co-dhiù, sin mo bheachd-sa*; ‘aig a’ char as lugha’: *bha co-dhiù trìùir ann*; *co-dhiù no co-dheth* ‘co-dhiù’; *coma co-dhiù, coma co-aca* ‘gu buileach neo-shuimeil, coingeis’; *cuideachd* ‘agus, mar an ceudna’: *mise cuideachd*; *gheibh thu air-loidhne cuideachd e*; *direach* ‘ceart, ag aontachadh’: *bu chòir dhaibh an t-eathar a thoirt a-nìos, mus tig an geamhradh – direach!*; *gidheadh*<sup>28</sup> ‘ge-tà, a dh’aindeoin sin, an dèidh sin’ §187 (iv) + b-n 3: *ged a tha sin fìor am bitheantas, gidheadh, chan eil e fìor mun cheist air a bheil sinn a’ bruidhinn an-dràsta; tha tòrr ri dhèanamh – gidheadh, soirbhichidh leinn.*

#### §427 Co-ghnìomhairean ìre

§427 (i) Ìrean feabhais, buaidh no suidheachaidh

Cuiridh co-ghnìomhairean ìre an cèill ìrean feabhais, buaidh no suidheachaidh. Faodar corra dhreuchd a shònrachadh, nam measg: (dreuchd leudachaidh) *gu math* ‘glè’; *gu mòr* ‘mòran’; *gu lèir* ‘air fad’: *tha thu a’ coimhead gu math sgìth, a thruaghain*; *is toigh leam gu mòr i*; *ith gu lèir e!*; (dreuchd lùghdachaidh) *gu ìre* ‘beagan’ (§360 (vii) (b)); *gu ìre bhig*; *gu ìre mhòir*: *is urrainn dhomh a bruidhinn gu ìre*; (dreuchd sinidh) *gu dearbh(a)* ‘gu cinnteach’, *gu deimhinn(t)(e)* ‘gu dearbh’, *gun teagamh* ‘gun amharas; gu cinnteach’; *an gabh thu tuilleadh – gabhaidh, gu dearbh!*; *dh’ionnsaich sinn mòran gu deimhinn*; *nì e a dhìcheall gun teagamh.*

§427 (ii) A’ leasachadh buadhairean

Gabhaidh buadhairean leasachadh:

§427 (ii) (a) Le *glè<sup>s</sup>* ‘gu math, gu ìre mhòir’, no *ro<sup>s</sup>* ‘glè; cus’: *tha na lusan sin a’ coimhead glè bhrèagha*; *tha mi ro eòlach air an duine sin*; *duilich! tha mi ro thrang an-dràsta*. Thèid am mìr *gu<sup>h</sup>* a chur às àite le *glè<sup>s</sup>*, ach air uairean cha tèid le *ro<sup>s</sup>*: *tha thu gu ro bhòidheach taitneach foghainteach deas* (MacKenzie 1873, 73); *agus thàinig iad gu ro mhoch air madainn a’ chiad latha den t-seachdain chum na h-uaiغه aig èirigh na grèine* (≈Marc 16:2).

§427 (ii) (b) Le co-ghnìomhairean eile: *bha am balach ud a-riamh math*; *bha siud dha-rìribh dona*; *tha an duine ud gu buileach cracte*; *tha i gu h-anabarrach gasta*; ach, mar as trice, cleachdar buadhairean leasachaidh às aonais *gu<sup>h</sup>*: *àibheiseach math*; *anabarrach cudromach*;

28. SG *cid ed* (DIL, 2 *cía* I (c)), le beum air an dàrna lide (Calder 1972, 12; MacPhàrlain 1912, 62), ged a tha am beum air adhartachadh ann an corra dhualchainnt, m.e. Gleann Garadh [g’jaG] (Dieckhoff 1932, s.v.).

*buileach glan; cianail duilich; cuibheasach math; dìreach sgoinneil; eagalach goirt; fiadhaich doirbh; garbh fada; meadhanach reusanta; uabhasach brònach; uile-gu-lèir math.* Cleachdar ainmearan agus abairtean roimhearail air an aon dòigh: *beagan sgìth; car obann; caran gòrach; mòran nas fheàrr; rud beag donn; air leth toilichte; an ìre mhath deiseil.*

§427 (iii) A' leasachadh abairtean roimhearail no co-ghnìomhaireach Gheibhear buadhairean a' leasachadh abairtean roimhearail no co-ghnìomhaireach: *chaidh sinn fada air ais; tha e ro fhada air falbh; tha an dithis againn fada a-mach an dàimh; chaidh sin glan às mo chuimhne; tha iad a' fuireach beagan shìos an rathad; tha i dìreach a' dol a-mach an-dràsta<sup>29</sup>.*

Airson bhudhairean ro-shuidhichte, faic §121.

---

29. Gheibhear *fèar* (no *fèir*, ged nach e *r* chaol a th' ann; < BG *fair*) air uairean an àite *dìreach* san t-seagh seo.

## 22 Clisgearan

### §428 Mineachadh agus seòrsa

Lorgar raon farsaing de chlisgearan ann an Gàidhlig na h-Albann, eadar ÈIGHEAN (*òbh òbhl!*), EADAR-CHURAN (*murt mhòr!*), MALLACHDAN (*droch bhàs ort!*) agus ÀITHNTEAN (*thoir an t-sitig ort!*). Thèid taghadh de na dh'fhaodas a bhith ann dhiubh a roinn gu h-ìosal airson na mòr-chuid a rèir an structair, seach am brìgh.

### §429 Facal no abairt na clisgear

Thèid facail no abairtean a chleachdadh nan clisgearan leotha fhèin: *murt!*; *murt mhòr!*<sup>1</sup>; *taigh na galla!*; *mac na bèiste!*

### §430 An tuiseal gairmeach

Cleachdar an tuiseal gairmeach gus gairm no guidhe air bith air choreigin:

§430 (i) Leis a' mhìr ghairmeach

§69: *a bhidse!*; *a chiall!*; *a chreutair!*; *a Dhia!*; *a Dhia nan gràs!*; *a Dhia! Dhia!*; *a dhuine!*; *a dhuine! dhuine!*; *a leabhra!*<sup>2</sup>; *a mhic an deamhain!*; *a mhic an diabhair!*; *a mhic an donais!*; *a mhic an fhir nach ainmich mi!*; *a Mhoire mhàthair!*; *a Mhoire! Mhoire!*; *a Rìgh, glèidh sinn!*; *a shìorraidh!*; *a shìorraidheachd!*; *a Thì chruthaichte!*; *a Thì mhòir!*; *a Thì nam buadh!*; *a fhiacais!*<sup>3</sup>; *a thiarcais fhèin!*; *a Thighearna!*; *a Thighearna ghràs!*; *a Thighearna mhòir!*; *a thruaghag!*; *a thruaghain!*

1. Le sèimheachadh anns a' bhuaidhair mòr an dèidh ainmeir a tha, mas fhìor, fireann gun a mhìneachadh; ?an dèidh a leithid *slàinte mhòr!*, *a Thighearna mhòir!*, *a Thì mhòir!*

2. Le seann riochd gairmeach iolra aig an ainmear *leabhar* f; cuideachd *a leabhara*; airson beachd air cò an leabhar air a bheileas a-mach an seo, faic McDonald 1972, 160, s. v. *leabhar*.

3. Le [h] thoisich §23 (ii) (c); cuideachd *a fhiacais fhèin!*; (Uibhist a Tuath) *fhiacais, tha i fuar!*, *fhiacais, dé nì mi?* (FEG, s.v. *fhiacais*); (Earra-Ghàidheal) *a fhiacais phrìseil!* (Dwelly, s.v. *fiacais*); air a sgrìobhadh *a thiochdais* (Uibhist a Tuath) /ə hiəxɔɪʃ/ (*Am Faclair Beag*), (Uibhist a Tuath) *a thiochdais* (sic) (Scots Project, rannsaich *thiochdais*) agus (na Hearadh) *a thiachdais!* (FEG, s.v. *tiachdais*). A' togail ceist an ainme Eilean na Fiacais a nochdas (d. 260) ann an eagan Eige na sgeulachd 'Gaisgeach na Sgèithe Deirge', canaidh Kenneth MacLeod: 'Fiacais, in the conversational Gaelic of Eigg and Uist, is the retort more or less courteous to inquisitive folk. [Mar eisimpleir,] "Càit an robh thu?" "Bha, air cùl na Fiacais." [No,] "Dè th' agad an sin?" "Tha, greim den Fhiacais." Possibly the following extract from an Eigg tale may throw some light on the word: "Dè tha thu a' reic?" ars an rìgh ri Giullagan. "Tha, fìthead chon [§173, b-n 43]," arsa Giullagan. "Thoir dham ionnsaigh an seo," ars an rìgh, "roghadh is taghadh do bharr." Falbhar is beirear sin dha ionnsaigh. "C'ainm a th' air a' choin [sic] seo?" ars an rìgh. "Tha, Fios," arsa Giullagan. "Cò bu mhàthair dhà?" ars an rìgh. "Iartas," arsa Giullagan. "Càit an do lorgaich thu e?" ars an rìgh. "An Eilean na Fiacais," arsa Giullagan. "Is a bheil Fios Fithich aige?" ars an rìgh. "Tha, gu bhìadh 's gu fiadh," arsa Giullagan.' (≈MacLeod 1906–07, 356).

§430 (ii) Leis an riochdair sheilbheach *mo*<sup>s</sup>

§192 (ix): *mo chràdh!*; *mo chreach!*; *mo chreach-sa thàinig!*<sup>4</sup>; *mo ghonadh!*; *mo mhasladh!*; *mo nàire!*; *mo ruibhe is mo rath!*<sup>5</sup>; *mo sgrios!*; *mo thruaighe!*

#### §431 Mallachd air a cur air cuideigin no rudeigin

Thèid amas na mallachd a thoirt a-steach leis an roimhear *air* §346 (viii) (a) (o): *an-aghaidh ort!*, i. eas-urram ort!; *an-uair ort!*, i. donas ort!; *buinneach ort!*; *droch bhàs ort!*; *gonadh ort!*; *gun bhuidh ort!*; *manadh do chrochaidh ort!*; *arbhpaisg ort!*; *mo mhallachd ort!*; *mo nàire ort!*; *mo thruaighe ort!*; *Taigh Iain Ghròta ort!*; *taigh na galla ort!*

#### §432 Sònrachadh

Gheibhear clisgearan dearbhaidh: *an diabhal mise!*; *diabhal mi fhìn!* (Watson 2007, 36).

#### §433 Mionnan *air*<sup>s</sup>, *an*<sup>m</sup> no *dar*<sup>s</sup> cuideigin no rudeigin

§433 (i) Leis an roimhear *air*<sup>s</sup>

*air a' mhìn Mhoire!*; *air ghaol Nì Math!*<sup>6</sup>; *air làimh m' athar is mo sheanar!*; *air m' onair!*; *air m' fhacal!*; *air na claignn!*

§433 (ii) Leis an roimhear *an*<sup>m</sup>

*an ainm an àigh!* §349 (ix) (b); *an ainm an Fhreastail!*; *an ainm an t-sealbh!* §82 (i), b-n 25.

§433 (iii) Leis an roimhear *dar*<sup>s</sup>

*dar mo làimh!*; *dar mo chogais!* §373 (ix).

#### §434 Abairtean guidheach

Cuirear modh guidheach an cèill:

§434 (i) Leis an naisgear *gun*<sup>m</sup>

*gun toir am fear mòr leis thu!*; *gum meal thu do naidheachd!*; *gun sealladh sealbh orm!*; *gun sealladh orm!*; *gun sealladh Nì Math orm!*; le *guma*<sup>h</sup>: *guma h-olc dhut!*; *guma slàn dhut!*; *guma h-anmoch dhut!* §336 (iv).

§434 (ii) Leis a' mhìr ro-ghnìomhaireach *nar(a)*<sup>(s)</sup>

*nar leigeadh an sealbh!*; *nar faiceam an latha!* §245 (iii).

4. i. mo chreach-sa a thàinig; faic MacGill'Ìosa 2002 air co-rèir na h-abairte.

5. i. [an naomh] Ma-Ruibhe agus mo rath (sealbh) (Campbell 1996, 75).

6. i. air ghaol Dhè; le GA *nì f.* < SG *int-í*, no *ind-í* tabh., leis an alt + am mìr eisimeileach *í*, a rinneadh le chèile ainmear san t-seagh 'e; am fear (an t-aon). 'S ann anns an aon tùs a thàrmaicheas GA *nì f.* 'rud' (mura h-ann às a' chruth neodrach SG *an-í* neod. a tha e); coim. GA *tè b.* 'boireannach' à SG *ind-í b.*

§434 (iii) Le clàs tarbhach

Agus an gnìomhair neo-tharbhach ri thuigsinn: *Dia na thoiseach!*<sup>7</sup>; (le ainmear gnìomhaireach air a thoirt a-steach leis an roimhear a<sup>dh</sup> §356 (xiii) (c)) *Dia a chuideachadh rium!*; *Dia gad shàbhaladh!*; *Dia gar beannachadh!*

### §435 Àithntean

Air an cur an cèill leis a' mhodh àithneach §295: *an aire ort!* (.i. 'thoir an aire ort!); *glèidh mi!*; *cobhair orm!*; *cùm ris!*; *èist!*; *uist!* §289; *greas ort!*; *rach a Hiort!*; *thoir an t-sitig ort!*; *thoir do chasan leat!*; *tog ort!*; *na caraich!*; *dad ort!* 'fuirich ort!'; *thoir an droch àite ort!*; *thoir ifrinn ort!*

Airson *siuthad* §282; *trobhad* §288; *abair* §270; *feuch* §277; *thugainn* §287; *fhalbh* §279; *thugad* §286.

### §436 Èighean

Fuaimean<sup>8</sup> a chuireas ciall àraidh an cèill: (sgreamh) *a ghia!*<sup>9</sup>; (aonta; gèilleadh) *aidh aidh!*; (pian) *eubh(ag)/aobh(ag)!: aobh aobh!*; (pian) *eub(ag)/aob(ag)!*; (aire) *hoigh!*; (clisgeadh; mì-thoileachas) *òbh òbh!*; (truas) *och nan och!*; (truas) *och och!*; (truas) *ochòin!*; (truas) *ochòin, a Righ!*; (gèilleadh) *oichean oichean! òbh òbh!*; (mì-thoileachas) *ud ud!*; (iongnadh; meòrachadh) *uill uill!*

Airson *seadh* §187 (iv), *uist* §289.

### §437 Am modh

Lorgar raon de chlisgearan air an cleachdadh ann an conaltradh:

§437 (i) Fàilteachadh

*haigh!*; *halò!*; *fàilte ort!*; *ceud mìle fàilte!*; *latha math dhut!*; *madainn mhath dhut!*; *feasgar math dhut!*

§437 (ii) Guidhe

*b' àill leibh?*<sup>10</sup>; *le do thoil*; *mas e do thoil e* §307 (i) (d) + b-n 57; *duilich!*; *gabh mo leisgeul!*; *slàinte mhath!*; *slàinte mhòr!*; *fortan leat!*; *sealbh ort!* (< *gun sealladh sealbh ort!* §434 (i)).

7. .i. gun robh Dia na cheann; a thaobh cò an rud air am biodh Dia na cheann, coim. *cha lugha air Dia deireadh an latha na a thoiseach* (≈Nicolson 1881, 103); *Dia an deireadh na bliadhna seo agus Dia an toiseach na bliadhna seo agus Dia an toiseach na h-ath tè* (≈Macleòid 1932, 95); *guidheam co-dhiù Dia na thoiseach don neach a cheannaich ar n-eilean* (ibid., 385).

8. Gu tric, air an dùblachadh; coim. §110 (iii).

9. [ə 'j̥iə] le srònachadh; à a *Dhia*.

10. Coim. F *comment?*

§437 (iii) Buidheachas

*tapadh leat!; taing dhut!; mòran taing!; ceud taing!; mìle taing!; ceud mìle taing!; taing do Dhia!; taing do Nì Math!; gun robh math agad!* §294 (iii) (a) + b-n 37; *'s e do bheatha!* §192 (iii), §306 (iv), b-n 55; *tha thu di-beathte* §129 + b-n 12; *'s e làn dìth do bheatha* §192 (iii) + b-n 8.

§437 (iv) Dealachadh

*oidhche mhath leat/dhut!; (bha e) math d' fhaicinn!; bidh sinn gad fhaicinn!; beannachd leat!; mar sin leat!; tìoraidh!; tìoraidh an-dràsta!; slàn leat!; soraidh leat!*

§437 (v) Measgachadh

(àicheadh) *neo-ar-thaing (nach e/eil)!* §245 (i) (c), .i. is cinnteach nach e/eil; (aonta) *ma-thà, tha mi an dùil!; dìreach (sin)!*; (brosnachadh) *suas leis a' Ghàidhlig!*; (còmhgharachd; ìoranas) *mas fhìor!;* (iongnadh ìoranach) *b' eòlach do sheanair air!*<sup>11</sup>; (moladh) *is math sin!; sin thu!; sin thu fhèin!; math dha-rìribh!; math thu fhèin!;* (neo-shuim) *ma thogair!; coma leat!* 'na gabh dragh; air do shocair'; (pailteas) *fòghnaidh!* 'is leòr sin'; *fòghnaidh na dh'fhòghnas!;* (teagamh) *aig sealbh a tha brath!; aig Dia a tha fios!; cò aige a tha fios?; is dòcha!;* (truas) *nach bochd sin!; is duilich sin!; is truagh sin!*

Airson *saoil* §281. A thaobh co-rèir ann an rosrannan clisgreach, faic §311.

11. San t-seagh 'abair e!; nach e sin!': "S e tè dhen iomadh abairt sgeigeach aig na Gàidheil, "B' eòlach do sheanair air!", a chanadh tu nuair a nochdadh rudeigin ùr iongantach air nach b' eòlach do sheanair idir! (≈Parsons 2012).

## Clàr nan Leabhraichean

- An t-Albannach*, .i. am pàipear-naidheachd *The Scotsman*, air fhoillseachadh ann an Dùn Èideann agus a thèid a thaic dhan Ghàidhlig air ais gu 1926.
- Alleine, Ioseiph, 1781, *Earail Dhurachdach do Pheacaich Neo-Iompaichte* (Duneidin: clò-bhuailte le MacFarquhar agus Elliot).
- Armstrong, R. A., 1825, *A Gaelic Dictionary, in two parts: I. Gaelic and English – II. English and Gaelic* (London: James Duncan).
- Bateman, Meg, deas., le Anne Loughran, 2014, *Bàird Ghleann Dail – The Glendale Bards* (Edinburgh: John Donald).
- Bauer, Michael, fear-cruthachaidh an t-siostaim fuaimneachaidh, 2004, *Gaelic-English, English-Gaelic Dictionary*, air a chur ri chèile le Dougal Buchanan agus RLS Earr. (New Lanark: Geddes & Grosset; 1d fhoills. 1998).
- Bergin, Osborn, 1943, 'Bróg "shoe"', *Éigse* III, 237–39.
- Binchy, D[avid] A., 1958, 'The Date and Provenance of Uraicecht Becc', *Ériu* XVIII, 44–54.
- Black, Ronald I. M., 1993, 'An Emigrant's Letter in Arran Gaelic, 1834', *Scottish Studies* 31, 61–87.
- Black, Ronald [I. M.], deas., 2001, *An Lasair: Anthology of 18th Century Gaelic Verse* (Edinburgh: Birlinn).
- Black, Ronald [I. M.], deas., 2002, *An Tuil: Anthology of 20th Century Scottish Gaelic Verse* (Edinburgh: Polygon; 1d fhoills. 1999).
- Black, Ronald [I. M.], 2010a, 'Gaelic Orthography: The Drunk Man's Broad Road', ann am Moray Watson agus Michelle Macleod, deas., *The Edinburgh Companion to the Gaelic Language* (Edinburgh: Edinburgh University Press), 229–61.
- Black, Ronald [I. M.], 2010b, 'GOC: The More the Merrier?', *Scottish Gaelic Studies* XXVII, 109–11.
- Borgstrøm, Carl Hj., 1937, 'The Dialect of Barra in the Outer Hebrides', *Norsk tidsskrift for sprogvidenskap* VIII, 1937, 71–242.
- Borgstrøm, Carl Hj., 1940, *The Dialects of the Outer Hebrides*, A Linguistic Survey of the Gaelic Dialects of Scotland I, *Norsk tidsskrift for sprogvidenskap* Suppl. Bind I (Oslo).
- Borgstrøm, Carl Hj., 1941, *The Dialects of Skye and Ross-shire*, A Linguistic Survey of the Gaelic Dialects of Scotland II, *Norsk tidsskrift for sprogvidenskap* Suppl. Bind II (Oslo).
- Bosch, Anna, 2010, 'Phonology in Modern Gaelic', ann am Moray Watson agus Michelle NicLeòid, deas., *Edinburgh Companion to the Gaelic Language* (Edinburgh: Edinburgh University Press), 262–82.
- Bratach na Fìrinn*, iris a chaidh fhoillseachadh ann an Glaschu, Lunnainn agus Dùn Èideann, 1873–74.

- Broderick, George, 1984, *A Handbook of Late Spoken Manx*, 3 leabh. (Tübingen: Niemeyer).
- Broderick, George, 1999, *Language Death in the Isle of Man* (Tübingen: Max Niemeyer Verlag).
- Bruford, Alan, 1996, 'Song and Recitation in Early Ireland', *Celtica XXI*, 61–74.
- Byrne, Michel, deas., 2000, *Collected Poems and Songs of George Campbell Hay (Deòrsa Mac Iain Dheòrsa)* I (Edinburgh: Edinburgh University Press às leth The Lorimer Trust).
- Caimbeul, Alasdair, 1992, *Am Fear Meadhanach* (Conon Bridge: Druim Fraoich).
- Caimbeul, Aonghas, 1973, *Suathadh ri Iomadh Rubha* (Glaschu: Gairm Publications).
- Caimbeul, Aonghas Pàdraig, 2003, 'Lionsaidh', *Gath* 1, An Samhradh, 44.
- Caimbeul, Ealasaid, 1987, *Air Mo Chuairt* (Steòrnabhagh: Acair; 1d fhoills. 1982).
- Caimbeul, I. F., 1874, 'Ridire Ghrianaig', *An Gaidheal III*, 338–42, 357–60.
- Caimbeul, Iain, 1879, 'Oran do mhnaoi-uasail òig Ghàidhealaich agus i 'tighinn dachaidh a Sasunn a phòsadh', *An t-Òranaiche*, deas. Gilleasbuig Mac-Na-Ceàrdadh (Glasgow: Archibald Sinclair), 130–31.
- Caimbeul, Seonaidh, 1936, *Orain Ghaidhlig* (Dumfries: Mackie).
- Caimbeul, Steaphanaidh, 2006, 'Mo Rìoghachd', *Gath* 6, An Geamhradh, 66–73.
- Caimbeul, Tormod, 1979, *Deireadh an Fhoghair* (Dùn Èideann: Chambers).
- Caimbeul, Tormod, 1992, *An Naidheachd bhon Taigh* (Slèite: Peglet Press).
- Calder, George, 1917, *Auraicept na nÉces – The Scholars' Primer* (Edinburgh: John Grant).
- Calder, George, 1972, *A Gaelic Grammar* (Glasgow: Gairm Publications; 1d fhoills. 1923).
- Campbell, J. F., 1860 (1860–62), *Popular Tales of the West Highlands*, 4 leabh. (Paisley agus London: Alexander Gardner).
- Campbell, J. F., 1872, *Leabhar na Féinne* I (London: Spottiswoode).
- Campbell, John, 1884, *Poems* (Edinburgh: MacLachlan and Stewart).
- Campbell, John Lorne, 1981, agus Francis Collinson, *Hebridean Folksongs III: Waulking songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula* (Oxford: Caledonian Press).
- Campbell, John Lorne, 1996, 'The Rev. Dr Kenneth MacLeod's Collection of Gaelic Asseverations, Exclamations, and Imprecations', *Scottish Gaelic Studies XVII*, 71–81.
- Campbell, John Lorne, deas., 1997, *Orain Ghàidhealach mu Bhliadhna Theàrlaich* (Edinburgh: The Scottish Academic Press às leth Chomann Litreachas Gàidhlig na h-Alba; 1d fhoills. 1933).
- Caraid nan Gàidheal [= An t-Urr. Tormod MacLeòid], bhon ainm-pinn T. O., 1831, 'Còmhradh nan Cnoc', *An Teachdaire Gaelach II*, 86–90).
- Caraid nan Gàidheal [= An t-Urr. Tormod MacLeòid], 1867, *Caraid nan Gàidheal*, deas. A[rchibald] Clerk (Glasgow 7c: William MacKenzie).

- Carmichael Watson, J., 1934, *Gaelic Songs of Mary MacLeod* (Edinburgh: Oliver & Boyd à leth The Scottish Gaelic Texts Society).
- Carmina Gadelica* III: Carmichael, Alexander, deas., 1940, *Carmina Gadelica* III (Edinburgh: Oliver and Boyd).
- Carmody, Francis J., 1945, 'Syntax of the Verb *IS* in Modern Scottish Gaelic', *Word* 1.2, 162–87; air ath-fhoillseachadh ann an 2015: <<http://www.tandfonline.com/doi/pdf/10.1080/00437956.1945.11659252>>.
- CoE 1794: Church of England, 1794, *Leabhar na h'Urnuigh Choitichionn* (Dun Eideann: air a chlà-bhualadh le John Moir).
- Corpas*: *Corpas na Gàidhlig, Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig*, Oilthigh Ghlaschu: <<http://www.dasg.ac.uk/gd>>.
- Cox, Richard [A. V.], 1984, 'Luath Bhàrnaidh' [le Seòras Moireasdan], *Gairm* 127, 245–49.
- Cox, Richard [A. V.], 1994, 'Descendants of *Bólstaðr*? A Re-examination of *bost* & Co.', ann an John R. Baldwin, deas., *Peoples and Settlement in North-West Ross*, Proceedings of the Annual Conference of the Scottish Society of Northern Studies, Ullapool 1988 (Edinburgh), 43–67.
- Cox, Richard A. V., 1999, *The Language of the Ogam Inscriptions of Scotland* (Aberdeen: Department of Celtic).
- Cox, Richard A. V., 2000, 'The Phonological Development of Scottish Gaelic *uinneag* "window" and Related Questions', *Scottish Gaelic Studies* XX, 212–21.
- Cox, Richard A. V., 2002, *The Gaelic Place-names of Carloway, Isle of Lewis: Their Structure and Significance* (Dublin: Dublin Institute for Advanced Studies).
- Cox, Richard A. V., agus Colm Ó Baoill, deas., 2005, *Ri Linn nan Linntean: taghadh de rosg Gàidhlig* (Ceann Drochaid: Clann Tuirc).
- Cox, Richard A. V., 2007a, 'Magne Oftedal: a personal view', *Proceedings of the Eighth Symposium of Societas Celtologica Nordica*, deas. Jan Erik Rekdal agus Ailbhe Ó Corráin, Acta Universitatis Upsaliensis, *Studia Celtica Upsaliensis* 7, 11–14.
- Cox, Richard A. V., 2007b, 'The Development of Old Norse *-rð(-)* in (Scottish) Gaelic', ann an George Broderick agus Paul Cavill, deas., *Language Contact in the Place-Names of Britain and Ireland* (Nottingham: English Place-Name Society), 57–96.
- Cox, Richard A. V., 2007c, 'The Question of the Etymology of (Scottish) Gaelic *far*', ann an Sharon Arbuthnot agus Kaarina Hollo, deas., *Fil súil nglais – A Grey Eye Looks Back: a Festschrift in honour of Colm Ó Baoill* (Ceann Drochaid: Clann Tuirc 2007), 29–32.
- Cox, Richard A. V., 2007d, 'The Norse Element in Scottish Place-names: syntax as a chronological marker', *The Journal of Scottish Name Studies* 1, 13–26.
- Cox, Richard A. V., 2008, 'Tamhnaraigh ~ Tamnabhaigh: the development of Old Norse *-fn* in (Scottish) Gaelic', *The Journal of Scottish Name Studies* 2, 51–68.

- Cox, Richard A. V., 2009, 'Towards a Taxonomy of Contact Oonomastics: Norse place-names in Scottish Gaelic', *The Journal of Scottish Name Studies* 3, 15–28.
- Cox, Richard A. V., 2010a, review article: 'Gaelic Orthographic Conventions 2009', *Scottish Gaelic Studies* 26, 162–73.
- Cox, Richard A. V., 2010b, 'Gaelic Place-names', ann am Moray Watson agus Michelle NicLeòid, deas., *Edinburgh Companion to the Gaelic Language* (Edinburgh: Edinburgh University Press), 46–62.
- Cox, Richard A. V., 2011, 'Eachdraidh is Tùs a' Mhìr Àireamhail ann an Gàidhlig (na h-Albann)', *Scottish Gaelic Studies* 28, 255–306.
- Cox, Richard A. V., agus Colm Ó Baoill, deas., 2015, *Trì Seann Sgeulachdan: Sgeulachd Chana mhic Ghartnain, Marbhadh Chloinn Uisneach, An t-Suirghe air Eimhir* (Ceann Drochaid: Clann Tuirc): <[www.clanntuirc.co.uk/triseannsgeulachdan](http://www.clanntuirc.co.uk/triseannsgeulachdan)>.
- Cuairtear nan Gleann*: iris mhìosail a chaidh fhoillseachadh ann an Glaschu agus a nochd eadar 1840–1842.
- Dana 1818: Dana Oisein Mhic Fhinn* (Duneidin: T. Stiùbhart, 1818).
- DASG: Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig*, Oilthigh Ghlaschu: <<http://www.dasg.ac.uk/gd>>.
- Dick, Criosaidh, 2006, 'Cailleach an Latha an-Diugh', *Gath* 6, An Geamhradh, 10–11.
- Dieckhoff, Henry Cyril, 1932, *A Pronouncing Dictionary of Scottish Gaelic, based on the Glengarry Dialect etc.* (Edinburgh & London: W. & A. K. Johnston).
- DIL: Dictionary of the Irish Language and Contributions to a Dictionary of the Irish Language*, deas. E. G. Quin et alii (Dublin: Royal Irish Academy, 1913–1976).
- Dinneen: Dinneen, Patrick S., 1947, *Foclóir Gaedhilge agus Béarla* (Dublin; 1d fhoill. 1927).
- Dòmhnallach, Dòmhnall Alasdair, 2001, *Sgeulachdan Dhòmhnail Alasdair* (Steòrnabhagh: Acair).
- Dorian, Nancy, 1978, *East Sutherland Gaelic: The Dialect of the Brora, Golspie, and Embo Fishing Communities* (Dublin: Dublin Institute for Advanced Studies).
- Drummond, Peter, 2007, *Scottish Hill Names: The origin and meaning of the names of Scotland's hills and mountains* (Scottish Mountaineering Trust; 1d fhoills. 1991).
- DSL: Dictionary of the Scots Language/Dictionar o the Scots Leid* – <<http://www.dsl.ac.uk/>>.
- Dughal[I]ach, Ailein, 1829, *Orain, Marbhrannan, agus Duanagan, Ghàidhealach* (Inbheirnis: clò-bhuailte le Alastair Mac-an-Tòisich).
- Dughallach, Ailein, 1876, 'Na'm faighinn gille r'a cheannach', *An Gaidheal* V, 370.
- Na Duilleagan Gàidhlig*, èarr-iris Ghàidhlig do *Life and Work*, iris Eaglais na h-Alba; chaidh *Na Duilleagan Gàidhlig* fhoillseachadh airson na ciad uarach

san Fhaoilleach 1880.

Dwelly: Dwelly, Edward, 1988, *The Illustrated Gaelic-English Dictionary* (Glasgow: Gairm Publications; 1d fhoill. 1901–11).

Dwelly A: Dwelly, Edward, air a chruinneachadh le, 1991, *Appendix to Dwelly's Gaelic-English Dictionary*, deas. Douglas Clyne, air a chrìochnachadh le Derick Thomson (Glasgow: Gairm Publications).

*Am Faclair Beag*: faclair Gàidhlig-Beurla air-loidhne: <<http://www.faclair.info/>>. *Fear-tathaich Miosail*, iris mhìosail air a foillseachadh ann an Dùn Èideann, 1881–1892.

*Fear-tathaich nam Beann*, iris mhìosail air a foillseachadh ann an Glaschu is Dùn Èideann, 1848–1850.

FEQ: *Faclair Eachdraidheil na Gàidhlig*, ann am *Faclan bhon t-Shuagh, Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig*, Oilthigh Ghlaschu: <<http://www.dasg.ac.uk/gd>>.

*Filidh nam Beann: Filidh nam Beann: The Mountain Songster* (Glasgow: R. McGregor & Co., an dèidh 1856).

Forbes, Alexander Robert, 1905, *Gaelic Names of Beasts (Mammalia), Birds, Fishes, Insects, Reptiles, etc.* (Edinburgh: Oliver & Boyd, Norman MacLeod).

Forbes, Alexander Robert, 1923, *Place-Names of Skye and Adjacent Islands* (Paisley: Alexander Gardner Ltd).

Forsyth, Katherine Stuart, 1997, *The Ogham Inscriptions of Scotland: An Edited Corpus* (Ann Arbor, Mich.: UMI).

*An Gaidheal: An Gaidheal, Pàipeir-Naidheachd agus Leabhar-Sgeòil Gaidhealach*, iris mhìosail a chaidh fhoillseachadh aig diofar amannan ann an Toronto, Glaschu agus Dùn Èideann, 1871–77.

*An Gaidheal: An Gaidheal = The Gael*, the official magazine of An Comunn Gaidhealach, a chaidh fhoillseachadh an Glaschu 1923–1967.

Gillies, Eoin, deas., 1786, *Sean Dàin agus Orain Ghaidhealach* (clò-bhuailte am Peairt).

Gillies, H. Cameron, 1880, deas., *The Gaelic Songs of the Late Dr. [John] MacLachlan, Rahoy* (Glasgow: Archibald Sinclair).

Gillies, H. Cameron, 1902, *The Elements of Gaelic Grammar* (London: David Nutt; 1d fhoills. 1896).

Gillies, William, 1993, 'Scottish Gaelic', ann am Martin J. Ball, deas., le James Fife, *The Celtic Languages* (London and New York: Routledge), 145–227.

Gleasure, James W., 1983, 'Gaelic: ē broken', ann an D. S. Thomson 1983b, 96.

GOC 1 1981: <<http://www.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/goc/conventions.html>> – 13/9/16.

GOC 2 2005: <[http://www.linguae-celticae.org/dateien/Gaelic\\_Orthographic\\_Conventions](http://www.linguae-celticae.org/dateien/Gaelic_Orthographic_Conventions)> – 13/9/16.

